doing of some particular thing, step taken, purpose executed: gnìomh, dèanamh, achd, dèanadas. 6. a state of reality, effect: bith, gnìomh, toradh dèanadais, toradh. 7. inefficient agency, tendency to an effort: tòiseachadh-gnìomha, prìomh dhèanadas, tòiseach gnìomhachais. 8. a part of a play: cleas, earann àraidh cluiche. 9. a decree of a court of justice: reachd, achd. 10. a record of judicial proceedings: aithris, no sgrìobhadh achd-annan laghail, reachd-breithe.

ACTING, s. 1. See Action, 1. and 2. 2. performing an assumed or dramatic part: cur ri cleasachd, a'cluicheadh.

ACTION, s. 1. Quality or state of acting, opposite to rest: gnìomhachas, dèanadas, gluasad, gluasad-achd. 2. an act, or thing done, a deed: gnìomh, dèanadas, car. 3. agency, operation: neart, buaidh, feart, fearthan. 4. series of events represented in a fable: eachdraidh-dhèanadais, cangaltas sgèil. 5. gesticulation, motions of the body in speaking: iomairt fear labhraidh. 6. (in law,) a law-suit: chis-lagha, chis. 7. a battle: cath, blàr. 8. (*pl.*) stocks: malairt airgid.

ACTIONABLE, adj. Mi-laghail, neo-dhligheach, buailteach do dhùteadh-lagha.

ACTIONABLY, adv. See Actionable.

ACTIONARY, s. Fear malairt airgid.

ACTION-TAKING, adj. Connasachal, connspaideach.

ACTION, s. Sior-gluasadachd.

ACTIVATE, v. a. Dean gnìomhach, dùisg suas.

ACTIVE, adj. 1. Having the power or quality of acting: beothail, dèanadach, gnìomhach. 2. that which acts, opposed to passive: dèanadach, gnìomhach, buadhail. 3. busy, engaged in action: gnìomhach, sùrdail, saotharach, dèanadach. 4. practical, not merely theoretical: buadhach, cumhachdach, gnìomhach. 5. nimble, agile, quick: ealamh, deas, beò, beothail, sùrdail.

ACTIVELY, adv. See Active.

ACTIVENESS, s. See Activity.

ACTIVITY, s. Beothalachd, gnìomhachas, gnìomhachd, dèanadachd, ealamhachd.

ACTOR, s. 1. He that acts, or performs any thing: fear-dèanaimh, dèanadair. 2. a player: cleasaiche, fear-cluiche.

ACTRESS, s. 1. She that performs any thing: bandheanadach, bean-dèanaimh. 2. a female who plays on the stage: ban-chleasaiche, bean-chluiche, guanag tigh-cluiche.

ACTUAL, adj. 1. That which comprises action: gnìomhach, beothail, gnìomhail. 2. really in act, not purely potential: fìor, dearbhtha, aig am bheil dearbh bhith. 3. in fact, not in speculation: cinnteach, fìor, dearbhtha.

ACTUALITY, s. Cinnteachd, dearbhachd, neo-theag-amhachd.

ACTUALLY, adv. See Actual.

ACTUALNESS, s. See Actuality.

ACTUARY, s. Sgrìobhadair ann an mod, no ann an comunn.

ACTUATE, adj. Beothaichte, neartaichte, gluaiste.

ACTUATE, v. a. Beothaich, neartaich, gluais, dùisg.

ACTUATION, s. A' beothachadh, a' gluasad, a' dùsgadh, cumhachd-beothachaidh, dùsgaidh, no gluasaid.

ACTUOSE, adj. See Active, *s.*

ACUATE, v. a. Geuraich, cuir air chois.

ACUTY, s. See Sharpness.

ACULEATE, adj. Biorach, dealgach, gathach.

ACUMEN, s. 1. A sharp point: rinn, geurachd. 2. quickness of intellects: géire, ealamhachd, eag-naidheachd.

ACUMINATE, v. n. Fàs, no, éirich suas air mhodh bhinneanach.

ACUMINATE, } adj. Binneineach, biorach, geur.

ACUMINATED, } adj. Binneineach, biorach, geur.

ACUMINATION, s. Rinn, biorachas, binnein.

ACUTE, adj. 1. Sharp, ending in a point: geur, biorach, rinn-gheur. 2. *fig.* ingenious, penetrating: geur, eagnaigh, geur-thuigseach, ealamh. 3. (of the senses), vigorous in operation: beothail, ealamh, gnìomhach. 4. sharp in taste: geur, goirt. 5. (of diseases): brais, geur, guineach, a thig gu crìoch aithghearr, nach mair fada. 6. (of accent): a thogas an guth.

ACUTE, v. a. Tog do guth.

ACUTELY, adv. See Acute, *adj.*

ACUTENESS, s. 1. Sharpness: géire, geurachd. 2. force of intellects: géire, geurachd, ealamhachd, tuigseachd. 3. vigour, or quickness of senses: beothalachd, graideal. 4. violence, and speedy crisis of a malady: guineachas, braise. 5. sharpness of sound: géire, labhrachd.

ADACT, v. a. Greas, gluais, iomain.

ADAGE, } s. Gnàth-fhocal, sean-fhocal.

ADAGY, } s. Gnàth-fhocal, sean-fhocal.

ADAGIAL, adj. Gnàth-fhocalach, sean-fhocalach.

ADAGIO, s. Focal Eadailteach, a' ciallachadh urlair a' chiùil, no atbaiseachd a' chiùil.

ADAMANT, s. 1. A stone of impenetrable hardness: clach-adamaint. 2. the diamond: daoimean, leug, no seud àraidh, ro-luachmhor. 3. the loadstone: clach-iùil.

ADAMANTEAN, } adj. Cruaidh mar a' chlaich-adam-Adamantine, } aint, no do-leaghta.

ADAM'S-APPLE, s. Ubhal an sgòrnain, meall an sgòrnain.

ADANITE, } s. Luchd-saobh-chreidimh àraidh a Adamites, } dh'imicheas lomnochd, gu h-àraidh an àm cuairteachaidh dhleasdanas na diadhachd.

ADAMITIC, adj. Mar nèach a dh'aicheadas ad saobh-chreidimh a dh'ainmicheadh mu dheireadh.

ADAPT, v. a. Dean freagarrach, uidhimich chum feum sònruichte, beartaich.

ADAPTABILITY, s. Freagarrachd.

ADAPTABLE, adj. A ghabhas uidhimeachadh, freagarrach.

ADAPTATION, s. Freagarrachd, uidhimeachadh, beartachadh, sònruichadh.

ADAPTION, s. See Adaptation.

ADAPTNESS, s. Freagarrachd.

ADAUNT, v. a. Cionnasaich, faigh buaidh air, thoir buaidh.

ADAW, v. a. et n. See Awe, *v. a.*

A-DAYS, *adv. i. e.* Now à-days: 's an àm, 's an àm so.

ADCORPORATE, *v. a.* Ceangail r' a chéile, aonaich.

ADD, *v. a.* 1. Join something to what was before: cuir rì, leasaich. 2. perform the mental operation of adding: àir, àireamh, cuir rì, cuir r' a chéile.

ADDABLE, *adj.* A ghabhas cur r' a chéile, so-mheudachaidh.

ADDECIMATE, *v. a.* Tog an deachamh, sònruich an deachamh.

ADDEEM, *v. a.* 1. Esteem, account: gabh beachd, meas. 2. award, sentence: thoir breith, thoir seachad le breith, cùitich.

ADDENDUM, *s.* Nì a churadh rì ni eile, leasachadh.

ADDER, *s.* Nathair, nathair nimhe.

ADDER'S-GRASS, *s.* Lus nan nathair.

ADDER'S-TONGUE, *s.* Lus àraidh, teanga nathrach.

ADDER'S-WORT, *s.* Lus àraidh, a leighseas lot nathrach.

ADDIBLE, *adj.* See Addable.

ADIBILITY, *s.* So-mheudachas, so-chur-rì.

ADDICE, *s.* See Adze.

ADDICT, *adj.* See Addicted.

ADDICT, *v. a.* 1. Devote, dedicate: coisrig. 2. devote thyself to any thing: aom, thoir suas thu féin do, cleachd. 3. devote thyself to any person, or party: thoir suas thu féin do, aom le, tog le.

ADDICTED, *adj.* Air a chleachdadh rì, cleachda rì, coisrigte, déigheil air, aomta rì.

ADDICTEDNESS, *s.* Cleachdamh rì, aomadh rì.

ADDICTION, *s.* 1. Act of devoting, or giving up: coisrigeadh, toirt suas, aomadh le, togail le. 2. state of being devoted: cleachdamh rì, aomadh rì.

ADDITAMENT, *s.* Leasachadh, meudachadh.

ADDITION, *e.* 1. Act of adding one thing to another: a' cur f' a chéile, a' neudachadh, a' leasachadh, a' cur am meud. 2. the thing added: leasachadh, meudachadh. 3. in arithmetic: seòl cumntais, leis an cuirar f' a chéile 'n an aon suim àireamh lionmhor de nithibh air bith. 4. (in law), sloinneadh, ainm suicheantais.

ADDITIONAL, *adj.* Air a chur rì, barrachd, tuillcadh.

ADDITIONAL, *s.* See Additament.

ADDITIONALLY, *adv.* A' bharrachd air, os ceann, a thuillcadh.

ADDITIONARY, *adj.* A' ghabhas cur r' a chéile, a ghabhas cur rì ni eile.

ADDITIONARY, *adj.* A' mheudaicheas, a leasaicheas, a chuireas r' a chéile.

ADDLE, *adj.* Faoin, fàs, gun fheum, gun bluaidh, seag, neo-tharbhach.

ADDLE, *v. a.* Dean fàs, dean neo-tharbhach, cuir gu mi-fheum, cuir an neo-bhrìgh, dean seag.

ADDLE-HEADED, } *adj.* Corr-cheannach, gun ean-
ADDLE-PATED, } chainn, gum tuigse, gog-cheannach.

ADDOOM, *v. a.* See Adjudge.

ADDORESSED, *adj.* Air an fionndadh cùl rì cùl.

ADRESS, *v. a.* 1. Prepare thyself to enter upon any action: deasaich thu féin, ulluich thu féin chum oibre, no gnìomh, rach an caraibh, tog ort.

2. get ready, put in a state for immediate use: deasaich, uidhimich, ulluich. 3. apply to another: labhair rì, guidh air, iarr air, gabh a dh'ionnsuidh. 4. address a letter. See Superscribe. 5. (in law): sir o 'n rìgh.

ADDRESS, *s.* 1. Verbal application to any one, by persuasion, or petition: iarraidh, iartas, ath-chuinge. 2. courtship: suiridh. 3. manner of addressing another: modh, deas-labhairt, seòltachd. 4. skill, dexterity: seòltachd, ealantachd. 5. manner of addressing a letter: seòladh chum còmhnuidh neach, a sgrìobhar air cùlaobh litreach. 6. a written application to any one: sgrìobhadh. 7. reply of either house of parliament to the king: freagairt do 'n rìgh.

ADDRESSER, *s.* Fear-iarruidh, fear-athchuinge.

ADDUCE, *v. a.* Thoir air aghaidh, tagair, asluich.

ADDUCENT, *adj.* A' bheir air aghaidh.

ADDUCIBLE, *adj.* A ghabhas toirt air aghaidh, no tagradh.

ADDUCTION, *s.* Toirt air aghaidh, tagradh, asluichadh.

ADDUCTIVE, *adj.* A' bheir air aghaidh, a' bheir suas, no sìos.

ADDULCE, *v. a.* Milsich, dean milis, dean blasta, dean taitneach.

ADELANTADO, *s.* Focal Spàinteach, àrd-riaghlair fuidh 'n rìgh.

ADELING, *s.* Sean fhocal Sasunnach, sliochd rìoghail.

ADEMPTION, *s.* Toirt air falbh.

ADENOGRAPHY, *s.* Sgrìobhadh mu fhàireagaibh a' chuirp.

ADEPT, *s.* Fear-innleachd, fear-ealantachd, fear-eòlais iomlain, fear tèoma.

ADEPT, *adj.* Oilcanta, làn-còlach, mion-fhiosrach, tèoma.

ADEQUATE, *v. a.* Làn-shamhuich, làn-choslaich.

ADEQUATE, *adj.* Co-chosmuil, ionann, co-ionann, co-chuimseach, foghainteach air.

ADEQUATELY, *adv.* See Adequate, *adj.*

ADEQUATENESS, *s.* Co-chosmùlachd, ionannachd, co-ionannachd, co-chuimseachd, foghainteachd air.

ADEQUATION, *s.* See Adequateness.

ADFIATED, *adj.* See Affiliated.

ADHERE, *v. n.* 1. Stick to: lean rì, dlùthaich rì, dlùth lean rì. 2. *fig.* Be consistent, hold together: comh-sheas. 3. Remain firmly fixed to a party, or opinion: dlùth-lean, fan seasnach, fan dileas.

ADHERENCE, *s.* 1. Quality of adhering, tenacity: leanailteachd, dlùth-leanailteachd. 2. *fig.* fixedness of opinion, steadiness, fidelity: seasmhachd, dìlseachd, treibhdhìreas.

ADHERENCY, *s.* See Adherence.

ADHERENT, *adj.* 1. Sticking to: leanailteach, a leanas rì. 2. united with: ceangailte rì, a' còrdadh rì.

ADHERENT, *s.* 1. The person that adheres: fear-leannhuinn, fear-buidhe, fear-leantuin. 2. any thing outwardly belonging to a person: nì a leanas rì neach air mhodh fhaicsinneach.

ADHERENTLY, adv. See Adherent, *adj.*

ADHERER, s. See Adherent, *s.* 1.

ADHESION, s. 1. Act, or state of sticking to something: leamhuinneachd, leantuinneachd. 2. See Adherence.

ADHESIVE, adj. Leanaiteach, leamhuinneach, bith-cana.

ADHESIVELY, adv. See Adhesive.

ADHESIVENESS, s. Leanaiteachd, leamhuinneachd, bithcantachd.

ADHIBIT, v. a. Cuir gu feum, cleachd, dèan feum de, gnàthaich.

ADHIBITION, s. Gnàthachadh, cleachdamh, feum.

ADHORTATION, s. Comhairle, impidh, dlùth-impidh.

ADJACENCY, s. 1. State of lying close to another thing: fagusachd, dlùthas, dlùth-luidhe. 2. that which is adjacent: nì am fagus, dlùth-ionad.

ADJACENT, adj. Fagusach, dluth air, an gar, làimh ri.

ADIAPHORACY, s. See Indifference.

ADIAPHOROUS, adj. 1. (Of spirits, or salts): nach gabh dlùthachadh, no aonachadh ri nì eile. 2. indifferent: coma, aig nach 'eil suim.

ADIAPHORY, s. Neo-thaobhachas, neo-ghluasadachd.

ADJECT, v. a. Cuir ris, leasaich, meudaich.

ADJECTION, s. 1. Act of adjecting, or adding: cur ris, leasachadh, a' meudachadh. 2. The thing added: leasachadh, meudachadh.

ADJECTITIOUS, adj. Air a chor ri nì eile.

ADJECTIVE, s. For-bhriathair, fearth-fhocal, brigh-fhocal.

ADJECTIVELY, adv. Mar fhor-bhriathair, gu for-bhriatharach.

ADIEU, adv. Slàn leat, beannachd leat, soiridh leat.

ADIEU, s. Cead, soiridh.

ADJOIN, v. a. et n. 1. Join to, unite to, put to: càirich ri, dlùthaich, cuir f' a chèile, cuir ri. 2. fasten by a joint, or jointure: ceangail, tàth, cuir an sàs, cuir 's a chèile. 3. be contiguous to: luidh am fagus, bi dlùth ri, bi làimh ri.

ADJOINANT, adj. Dlùth do, am fògus.

ADJOURN, v. a. 1. Put off to another day: cuir dàil ann, sgaoil mòd, no coinneamh gu là eile. 2. put off, defer: cuir dàil ann, leig dhìot.

ADJOURNMENT, s. 1. An assignment: dàil gu là eile. 2. delay, procrastination: dàil, cur dheth, leigeadh dheth, mairneas.

ADIPOUS, adj. Reamhar.

ADIT, s. Clais, no amar uisge fuidh thalamh, slighe fuidh thalamh.

ADITION, s. A' dol a dh' ionnsuidh.

ADJUCE, v. a. 1. Give the thing disputed to one of the parties by sentence: thoir còir air nì le breith laghail, thoir seachd le breith, thoir còir air. 2. decree judicially: thoir breith laghail. 3. sentence, condemn to punishment: thoir binn a mach, dìt chum penais. 4. judge, decree, determine: thoir breith.

ADJUDGEMENT, s. See Adjudication.

ADJUDICATION, s. Toirt còir le breith laghail, còir-thabhairt laghail.

ADJUDICATE, v. a. See Adjudge, *s.*

ADJUGATE, v. a. Beartaich, cuingich, càraidich.

ADJUMENT, s. Cuideachadh, còmhnaidh, comaraidh.

ADJUNCT, s. 1. Something adherent, or united to another: nì a leanas ri, no a bhuineas do nì eile. 2. a person joined to another: leamhuinneach, companach, caraid.

ADJUNCT, adj. Aonaichte, air a chor ri, dlùthaichte.

ADJUNCTION, s. 1. The act of joining together: tàthadh, dlùth-cheangal. 2. the thing joined: ceangaltas, tàthadh.

ADJUNCTIVE, adj. A thàthas, no a cheanglas f' a chèile.

ADJUNCTIVE, s. 1. He that joins: fear-tàthaidh, no-ceangail, tàthadair, ceanglaiche. 2. that which is joined: tàthadh, ceangal, ceangaltas.

ADJUNCTIVELY, adj. Air mhodh tàthaidh, no-ceangail.

ADJUNCTLY, adv. An ceangal ri, an ceangaltas ri.

ADJURATION, s. 1. Act of adjuring, or charging another solemnly: cur air mhionnaibh, a' cur mhionn air. 2. form of oath proposed to another: focal nam mionn a chuirear roimh neach eile.

ADJURE, v. a. 1. Impose an oath upon another: cuir air a mhionnaibh, gabh mionnan o neach. 2. charge earnestly, or solemnly, by word of oath: cuir impidh air, no dìon-caraich neach an ainm Dhé, no air mhionnaibh.

ADJURER, s. Neach a chuireas mionnan air neach eile.

ADJUST, v. a. 1. Regulate, put in order: ceartaich, réitich, dean réidh. 2. reduce to the true state, or standard: dean cothromaich, riaghailtich, thoir chum a' chor, no an riaghailt dhligheach. 3. Make conformable: dean freagarrach, dean ceart.

ADJUSTER, s. Fear-réiteachd, fear ceartachaidh.

ADJUSTMENT, s. 1. Regulation, act of putting in method: ceartachadh, socruchadh. 2. state of being put in order, or regulated: socrachadh, réiteach, ceartachadh.

ADJUTANCY, s. 1. Office of an adjutant: dreuchd no inbhe oifigich còmhnaidh. 2. Skilful arrangement: deadh riaghailt.

ADJUTANT, s. Oifigeach àraidh 's an arm, a nì còmhnaidh ri oifigich eile 'n an gnothuchaibh.

ADJUTE, v. a. See Help, *v.*

ADJUTOR, s. Fear-cuideachaidh.

ADJUTORY, adj. A chuidicheas le, a bheir cobhair.

ADJUTRIX, s. Bean-chuideachaidh.

ADJUVANT, adj. Fenmail, cuideachail.

ADJUVANT, s. Fear-cuideachaidh, fear-cobhrach.

ADJUVATE, v. a. cuidich, cuidich le, fòir, cuir air aghaidh.

ADMEASUREMENT, } s. Tomhas.

ADMENSURATION, }

ADMETIATE, v. a. Tomhais.

ADMINICLE, s. Cobhair, cuideachadh, còmhnaidh.

ADMINICULAR, adj. A chuidicheas le, cuideachail.

ADMINISTER, v. a. 1. Give, afford, supply: thoir, tabhair, builich air. 2. act as minister, or agent in any employment: fritheil, riaghail, gabh cùram dheth. 3. administer justice: dean ceartas ri, thoir ceartas do, cum còir ri. 4. adminis-

ter the sacraments: fritheil sàcrainnt, thoir sàcrainnt. 5. administer an oath: cuir neach air mhionnaibh. 6. administer physic: thoir burgaid. 7. contribute, bring supplies: thoir còmhnaidh do, dean còbhair ri.

ADMINISTRATE, *v. a.* See Administer.

ADMINISTRATION, *s.* 1. Act of administering, or conducting an employment: frithealadh, frithealadh air, riaghladh, freasdalachadh. 2. the active, or executive part of government: luchd-comhairle an rìgh, luchd-riaghlaidh, no stiùraidh na riaghachd. 3. distribution, exhibition, dispensation: buileachadh, taisbeanadh, frithealadh, tabhairt.

ADMINISTRATIVE, *adj.* Fritheilteach, a ùi riaghailt, no freasdalachadh, a bhuilicheas, a bheir seachad, a riaglas.

ADMINISTRATOR, *s.* 1. He that officiates in divine rites: fear-frithealaidh, ministear, sagart. 2. he that conducts the government: riaghlair, fear-riaghlaidh, ard-fhear-comhairle. 3. he that acts as minister, or agent in any office, or employment: fear-frithealaidh, no stiùraidh gnothuch no dreuchd. 4. in law: neach a ghabhas cùram gnothuch neach eile a chaochail gun tiomnadh.

ADMINISTRATRIX, *s.* Ban-riaghlaiche, bean-fhrithealaidh, bean-stiùraidh gnothuch.

ADMINISTRATORSHIP, *s.* Dreuchd, no gnothuch fir-riaghlaidh, no fir-frithealaidh.

ADMIRABILITY, } *s.* Iongantachd, ion-mholtachd,
ADMIRABLENESS, } ion-chliùiteachd.

ADMIRABLE, *adj.* Iongantach, ion-mholta, cliùiteach, ion-chliùiteach.

ADMIRABLY, *adv.* See Admirable.

ADMIRAL, *s.* 1. One that has the government of the King's navy, and the determining of causes belonging to the sea: fear-riaghlaidh cabhlaich an rìgh, breitheamh air cùisibh mara. 2. the chief commander of a fleet: ceann iùil na cabhlaich, ceann-feadhna cabhlaich. 3. any great or capital ship: prìomh-long, long a' chinn-fheadhna.

ADMIRALSHIP, *s.* Dreuchd cinn-fheadhna cabhlaich, ceannartas cabhlaich.

ADMIRALTY, *s.* 1. Officers appointed for the administration of naval affairs: luchd-riaghlaidh na cabhlaich, luchd-comhairle chùisean mara. 2. the house where they meet: tigh-coinnimh luchd-riaghlaidh na cabhlaich.

ADMIRATION, *s.* Iongnadh, iongantas, mòr-mheas.

ADMIRE, *v. a. et n.* 1. Regard with wonder: gabh iongantas ri, gabh-neònachas ri, seall, no amhairc le h-iongantas, gabh gaol air, gabh mòr-mheas de. 2. wonder, be surprised: gabh iongantas, bi fuidh iongnadh.

ADMIRER, *s.* 1. The person who wonders, or admires: fear-iongantas, fear-iongnadh, fear-fuidh iongnadh, fear a bheir spèis, no urram. 2. a lover: leannan, fear-gaoil, fear-molaidh, fear-clìùthachaidh.

ADMIRINGLY, *adv.* Le h-iongnadh, le h-iongantas, le mòr-mheas.

ADMISSIBLE, *adj.* Ceaduichte, a leigear a steach, a cheaduichear.

ADMISSIBLY, *adv.* Air mhodh cheaduichte.

ADMISSION, *s.* 1. Act or practice of admitting: cead, leigeadh a steach, ceadachas. 2. state of being admitted: cead. 3. admittance, power of entering, or of being admitted: comas dol a steach, cead, saorsa dol a steach. 4. (in ecclesiastical law,) Cead dreuchd a ghabhail's an eaglais. 5. allowance of an argument, grant of a position not fully proved: cead, luighgeadh.

ADMIT, *v. a.* 1. Suffer to enter, grant entrance: leig a steach, leig dol a steach do. 2. suffer to enter upon an office: thoir cead dreuchd a ghabhail. 3. allow an argument, or position: ceaduich, deònaich, leig leis, leig le. 4. Allow or grant, in general: ceaduich, leig cead le, leig cead do, luighig, fuiling.

ADMITTABLE, *adj.* A dh'fhaodar a leigeadh a stigh, a dh'fhaodar a cheadachadh, a luighgeadh, no fhulang.

ADMITTANCE, *s.* Act of admitting: cead, leigeadh a steach. See Admission.

ADMITTER, *s.* Neach a bheir cead dreuchd a ghabhail.

ADMIX, *v. a.* Measgaich, co-mheasgaich.

ADMIXTURE, *s.* Coimeasgadh, ni a mheasgaichear le ni eile.

ADMONISH, *v. a.* 1. Warn of a fault, reprove gently: thoir rabhadh, caoin-chronach. 2. counsel against wrong practices: comhairlich, earlaich, seun do. 3. Inform, acquaint with, give notice of: thoir fios, thoir rabhadh, leig fios a dh'ionnsuidh, thoir seul air.

ADMONISHER, *s.* Fear-comhairleachaidh, fear-cronachaidh, fear-achmhassain, neach a bheir fios, seul, no rabhadh.

ADMONITION, *s.* See Admonition.

ADMONITION, *s.* Comhairle, earail, rabhadh, caoin-chronachadh.

ADMONITIONER, *s.* Fear-comhairle, fear beadaidh air comhairle thoir uathie.

ADMONITIVE, *adj.* A bheir comhairle, rabhadh, fios, no caoin-chronachadh.

ADMONITOR, *s.* Fear-comhairle, comhairleach, fear-earail, fear-cronachaidh.

ADMONITORY, *adj.* See Admonitive.

ADMOVE, *v. a.* Gluais gu chèile, cuir an caraibh a chèile.

ADMURMURATION, *s.* Monmhar, gluasad, frith-ghearain.

ADNASCENT, *adj.* A dh'fhàsas suas air ni-eigin eile.

ADNATE, *adj.* A dh'fhàs air ni-eigin eile.

ADO, *s.* 1. Trouble, difficulty: dragh, drip, cabhag, doilghios. 2. bustle, tumult, business: saothair, iomairt, tairgearnadh, dripealachd. 3. *ludic.* implying more show of business than the matter is worth: spagluinneachd, baohaireachd, iomairt, mòran g' a dhèanamh mu ùeo-ni. With much ado: air òiginn, le mòr shaothair. I had much ado to accomplish my object. Is gann, a b' urrainn mi mo chùis a dhèanamh mach.

ADOLESCENCE, } *s.* Òg-aois, balachanas, ùr-fhàs nan
ADOLESCENCY, } òigridh, eadar staid an leanabais, agus cheithir bliadhna deug.

ADOORS, adv. Aig an doras.

ADOPT, v. a. 1. Make him a son who is not so by birth: uchd-mhacaich. 2. place any person or thing in a nearer relation than by nature: cuir an dàimh, gabh chum dàimhe, àlaich.

ADOPTEDLY, adv. Gu h-uchd-mhacaichte.

ADOPTER, s. Uchd-mhacair, esan a dh' uchd-mhac-aicheas.

ADOPTION, s. 1. Act of adopting: uchd-mhacach-adh, a' cur an dàimh dhileas. 2. state of being adopted: uchd-mhacachd.

ADOPTIVE, adj. 1. That is adopted by another: uchd-mhacaichte. 2. that adopts: a dh' uchd-mhacacheas. 3. who is not native: eil'-thireach, air a ghabhail chum dàimh luchd-dùthcha. 4. pertaining to things or persons adopted: uchd-mhacachail.

ADORABLE, adj. Urramach, àrd-urramach, glòrmhor, ion-mholtach.

ADORABLENESS, s. Urramachd, àrd-urramachd, glòrmhorachd, ion-mholtachd.

ADORABLY, adv. See Adorable.

ADORATION, s. Aoradh, cràbhadh, naomh-urram.

ADORE, v. a. 1. Worship, pay divine honours: thoir aoradh do, dèan aoradh do. 2. reverence, honour, love: urramaich, thoir àrd-urram do, dìan-ghràdhaich.

ADOREMENT, s. See Adoration.

ADORER, s. 1. He that adores, a worshipper: fear-aoraidh, fear-cràbhaidh, aoradair. 2. a lover: fear-gaoil, leannan.

ADORN, v. a. 1. Dress: sgèadaich, sgèimhich, àilnich, sgiamhaich, maisich, deasaich gu h-àillidh, dèan greadhach. 2. set out any place or thing with decorations: grinnich, deasaich, dèan sgiamhach, cuir sgiamh, no grinneas air, dèan loinneil. 3. embellish with language: fòclaich gu snasmhor, snas-bhriathraich, snas-labhair.

ADORN, s. See Ornament.

ADORN, adj. See Adorned.

ADORNING, s. See Ornament.

ADORNMENT, s. See Ornament.

ADOWN, adv. 1. Down, towards the ground, from a higher place: sìos, a sìos, gu làr. 2. below: fuidhe, an iochdar. 3. from a higher to a lower point: ùnas.

ADOWN, prep. 1. Down, towards the ground: sìos. 2. throughout: air feadh.

ADREAD, adv. Fuidh eagal, fuidh gheilt.

ADRIFT, adv. Air snàmh, leis an t-sruth, leis a' ghaoth, air iomadàn.

ADROIT, adj. Deas, ealanta, ealamh, gleusda, clis, làmhchair.

ADROITLY, adv. See Adroit.

ADROITNESS, s. Ealantachd, gleusdachd, gleus, làmh-chaireachd.

ADRY, adv. Gu tartmhor, air thart, air phathadh.

ADSCITIOUS, adj. Coimhliontach, a chuirear ri, a bheirar gu nìdhich eile chum coimhlionaidh.

ADSTRICTION, s. Ceangal, co-cheangal, co-dhaingneachadh, congaidd-cheangail, no dhùthachaidh.

ADVANCE, v. a. et n. 1. Bring forward: thoir air

aghaidh, thoir am fagus, beir air aghaidh. 2. raise to preferment, aggrandize: àrdaich, meudaich, mòraich, tog gu h-inbhe. 3. improve: leasaich, leighis, ath-leasaich. 4. heighten, grace, give lustre to: breaghaich, àilnich, sgiamhaich. 5. forward, accelerate: thoir air aghaidh, aghairich, luathaich. 6. propose, offer to the public, bring to view or notice: taig, thoir am follus, cuir am follus, thoir 's an làthair, foillsich. 7. pay before hand, before it is due: dìol foimh làmh, ioc roimh 'n àm dhligheach. 8. lift up, advance, or display the standard: tog suas, ruis, taisbein, nochd. 9. come forward: thig air t' aghaidh, thig am fagus, teann ri, dlùthaich ri. 10. Make improvement: cinn, cinnich, fàs.

ADVANCE, s. 1. Act of coming forward: teachd air aghaidh, dlùthachadh, teannadh ri, teannadh am fagus. 2. a tendency to come forward to meet a lover, act of invitation: fèin-thairsgeadh, suiridh nam ban, tairgseadh, cuireadh-gràidh, iomairt-shuiridh. 3. gradual progression: cinntinn, cinneachadh, teachd air aghaidh. 4. improvement, progress toward perfection: cinntinn, fàs, teachd air aghaidh, soirbheachadh. 5. money given before hand, or in part of a greater sum: airgid roimh-laimh, earlas.

ADVANCEMENT, s. 1. Act of coming forward. See Advance, s. 1. 2. state of being advanced, preferment: aghartachd, àrdachadh, àirde. 3. act of advancing another: inbh-thabhairt, àrdachadh. 4. improvement, advancement to a higher state of excellence: teachd air aghaidh, soirbheachadh, cinntinn. 5. settlement on a wife: cuibhrionn cùmhnaint mna.

ADVANCER, s. Fear-togail, fear-còmhnaidh, fear-cuideachaidh, fear-leasachaidh, fear-toirt air aghaidh, comhairliche.

ADVANTAGE, s. 1. Superiority: barrachd, làmh an uachdair, ceannas. 2. superiority by stratagems, or unlawful means: fàth, car, fàth-ghlacadh. 3. opportunity, convenience: cothrom, goireas, fàth, seòl, seòl maith. 4. favourable circumstances: cothrom, goireas, buannachd, taibrhe. 5. superior excellence: barrachd. 6. gain, profit: buannachd, leas, taibrhe, toradh. 7. overplus, more than mere lawful gain: buannachd neo-dhligheach, no, mì-laghail. 8. preponderation on one side of the comparison: barrachd.

ADVANTAGE, v. a. 1. Benefit: leasaich, dean maith do. 2. promote, bring forward: cuir air aghaidh, tog, àrdaich, tog gu h-inbhe, dean stàth do.

ADVANTAGEABLE, adj. Tarbhach, buannachdail, feumail, goireasach.

ADVANTAGED, adj. Cothromach, air dheadh cothrom, leasaichte.

ADVANTAGE-GROUND, s. Cothrom-talmhainn, ionad-cothrom.

ADVANTAGEOUS, adj. Buannachdail, goireasach, tarbhach, feumail.

ADVANTAGEOUSLY, adv. See Advantageous.

ADVANTAGEOUSNESS, s. Feumalachd, taibrhe, goireasachd, buannachd.

ADVENT, v. n. 1. Accede to something: aontaich le, cuir le. 2. become part of something else, be superadded: bi air do chàireadh ri.

ADVENTER, adj. A chuireas le, a dh' aontaicheas le, a chuirear ri, a ghabhas càireadh ri.

ADVENT, s. Teachd, teachd ar Slànuighir, a' mhòs roimh nollaig.

ADVENTURE, adj. See Adventenit.

ADVENTITIOUS, adj. Tuiteamach, tubaisdeach, a bhios air thuiteamas maille ri nithibh eile, nach buin gu sònruichte do ni fèin.

ADVENTITIOUSLY, adv. See Adventitious.

ADVENTIVE, adj. See Adventitious.

ADVENTRY, s. See Enterprise.

ADVENTUAL, adj. A bhuineas do àm teachd ar Slànuighir, a bhuineas do dhleasdanasaidh na mìosa foimh nollaig.

ADVENTURE, s. 1. An accident, chance, hazard: tuiteamas, tapadh, tubaist. 2. (at all adventures): neo-amasachd. Blows at all adventures: buillean gun amas, gun chuinneis. 3. occasion of casual events, an enterprise in which something must be left to hazard: deuchainn, oidheirp, feuchainn, ionnsuidh.

ADVENTURE, v. a. et n. 1. Put into the power of chance: feuch, thoir deuchainn do, dean oidheirp, oidheirpich, thoir ionnsuidh. 2. dare: gabh misneach, seas ri.

ADVENTURER, s. Fear-deuchainn, fear-iomairt, fear-misnich, fear-fuadain, falbhanach, ceatharnach-siubhail, fear-dàna, gnìomhaiche.

ADVENTURESOME, adj. See Adventurous.

ADVENTURESOMENESS, s. See Adventurousness.

ADVENTUROUS, adj. Inclined to adventures, bold, daring, courageous: misneachail, cruadalach, dàna, deuchainneach, tapaidh, gleusda, oidhirpeach, gaisgeil, allabanach.

ADVENTUROUSLY, adv. See Adventurous.

ADVENTUROUSNESS, s. Misneach, cruadalachd, dànachd, gleusdachd, gaisgealachd, allabanachd.

ADVERB, s. Cean-bhriathar, cean-fhocal.

ADVERBIAL, adj. 1. Which has the quality, or structure of an adverb: ceann-briathrach, aig am bheil neart, no eòlas ceann-fhocal. 2. making use of adverbs: a gnàthaicheas ceann-fhocal.

ADVERBALLY, adv. See Adverbial.

ADVERSARIA, s. Gnè leabhair cunntais, no-sgrìobhaidh.

ADVERSARY, s. Eas-caraid, nàmh, nàmhaid.

ADVERSATIVE, adj. A nì eadar-dhealachadh bhuaidhan, ann am mineachadh.

ADVERSE, adj. 1. Acting in contrary directions: tarsuinn, crosda, an aghaidh a chéile, a' cur an aghaidh, an aghaidh. Adverse to my hope: an aghaidh mo dhòchais. 2. fig. contrary to the wish, or desire, calamitous, afflictive, pernicious: diobhaileach, àmhgharach, ànrach, calldach, dochannach, sgrìosal. 3. personally opponent: nàimhdeil.

ADVERSELY, adv. See Adverse.

ADVERSE, v. a. Cuir an aghaidh, cog ri.

ADVERSENESS, s. Crosdachd, tarsuinneachd, nàimhdeas.

ADVERSITY, s. 4. Cause of sorrow, affliction, misfortune: fàth bròin, truaighe, mì-shealbha, an-shoc-air, doilgheas, cruaidh-chàs. 2. state of unhappiness, misery: truaighe, àmhghar, teinn, dosgaint, ànradh, doilghios.

ADVERT, v. a. et n. 1. Attend to, regard: thoir fàinear, thoir aire do, gabh suim do. 2. regard, consider attentively: beachdaich, gabh suim, dearc.

ADVERTENCE, } s. Aire, beachd, dearcadh.

ADVERTENCY, }

ADVERTENT, adj. Aireachail, beachdail, suimeil.

ADVERTISE, v. a. 1. Inform another, give notice: thoir fios, thoir sgeul, thoir rabhadh, thoir sanas. 2. give notice of any thing by advertisement in public prints: thoir rabhadh nu nì le 'ainmeachadh an litir naigheachd. 3. advertise by proclamation: glaoth, gairm, glaoth os àird.

ADVERTISEMENT, s. 1. Instruction, admonition: sanas, rabhadh, fios. 2. intelligence, information: sgeul, naigheachd, fios. 3. (in a newspaper): rabhadh fhollaiseach ann an litir naigheachd. 4. (by proclamation): glaoth, gairm, rabhadh fhollaiseach.

ADVERTISER, s. 1. He that gives intelligence, or information: fear-sgeil, fear-naigheachd, fear-innsidh, fear-rabhadh, fear-sanais. 2. The paper in which advertisements are published: litir naigheachd.

ADVERTISING, adj. A bheir fios, sgeul, rabhadh, naigheachd, no sanas.

ADVERSELY, v. n. Tarruing gu feasgar, fàs an-moch.

ADVICE, s. 1. Counsel, instruction: comhairle, eairil, teagasg. 2. reflection, prudent consideration: comhairle, deadh bheachd, deadh chomhairle. 3. consultation: comhairle, co-chomhairle. 4. intelligence: naigheachd, fios, rabhadh.

ADVICE-BOAT, s. Bàta-rabhadh, bàta luath.

ADVIGILATE, v. a. Dean faire chùramach.

ADVISABLE, adj. 1. Open to advice: so-chomhairliche, a ghabhas comhairle. 2. prudent, fit to be advised: glie, ciallach, iomchuidh, freagarrach.

ADVISE, v. a. et n. 1. Counsel: comhairlich, comhairlich do, thoir carail do, thoir seòladh do, seòl. 2. give information, inform: thoir fios, thoir sgeul, thoir naigheachd. 3. consult with: gabh comhairle le, cuir comhairle ri. 4. consider, deliberate: beachd-smuainich, gabh suim do.

ADVISED, adj. 1. Acting with deliberation, prudent, wise: crionna, glie, sicir. 2. performed with deliberation: crionna, glie.

ADVISEDLY, adv. See Advised.

ADVISEDNESS, s. Comhairleachd, gliocas, crionnachd, ciallachd.

ADVICE, s. 1. Counsel, information: comhairle, fios, rabhadh. 2. prudence, circumspection: crionnachd, seòltachd, faiceallachd.

ADVISER, s. Comhairleach, fear-comhairle, fear-seòltachd.

ADVISING, s. Comhairle, eairil, seòladh.
ADVISOR, s. See *Advice*.
ADULATION, s. Sodal, miodal, brosgal.
ADULATOR, s. Fear-sodail, fear-miodail, fear-brosgail.
ADULATORY, adj. Sodalach, miodalach, brosgalach.
ADULT, adj. Air teachd gu h-aois, no gu làn-fhàs, mòr.
ADULT, s. Neach air teachd gu h-aois, neach air làn-fhàs, duine dèanta.
ADULTED, adj. See *Adult, adj.*
ADULTER, v. n. 1. Commit adultery: dean adhaltrannas. 2. pollute, stain: truail, salaich.
ADULTERANT, s. Fear-adhaltrannais, neach, no, ni a thruaillcas, no a shalaicheas.
ADULTERATE, v. a. et n. 1. Commit adultery: dean adhaltrannas. 2. corrupt by foreign admixture: truail, no, mill le coimeasgadh.
ADULTERATE, adj. 1. Guilty of adultery: adhalrach, adhaltrannach. 2. corrupted with foreign mixture: truailte, no, millte le coimeasgadh.
ADULTERATELY, adv. See *Adulterate, adj.*
ADULTERATENESS, s. See *Adulteration, 2.*
ADULTERATION, s. 1. Act of adulterating: truailleadh, no salchadh le coimeasgadh, truailleadh. 2. state of being adulterated: truailleadh, sal, salchar.
ADULTERER, s. Adhaltrannach, fear-adhaltrannais.
ADULTERESS, s. Ban-adhaltrannaiche.
ADULTERINE, s. Leanabh adhaltrannach, siol adhaltrach.
ADULTERINE, adj. Truailidh, truailte, diòlain.
ADULTEROUS, adj. 1. Guilty of adultery: adhaltrannach. 2. spurious, corrupt: truailidh, truailte, diòlain.
ADULTEROUSLY, adv. See *Adulterous*.
ADULTERY, s. 1. Act of adultery: adhaltras, adhaltrannas. 2. adulteration, corruption: truailleadh, salachadh.
ADUMBRANT, adj. A bheir fann-choltas.
ADUMBRATION, s. 1. Act of adumbrating: toirt fann choltas. 2. a faint resemblance, or a sketch: fann-choltas. 3. (in heraldry): dealbh-gàile air gearradh arm.
ADUMBRATE, v. a. Thoir fann-choltas.
ADUNATION, s. Aonadh, aonachd, aonachas.
ADUNICITY, s. Caime, fiaradh, lùbadh.
ADUNQUE, adj. Cam, fiar, crom, air chumadh dubh-ain, cromagach.
ADVOCACY, s. Tagradh, dian-thagradi, leithsgeul.
ADVOCATE, s. Fear-tagraidh, tagair, tagradair, fear-tagraidh an cùirt-lagha, adhnadh.
ADVOCATE, v. a. Tagair, seas, dìon cùis.
ADVOCATESHIP, s. 1. Duty, or place of an advocate: dreuchd, no inbhe fear-tagraidh. 2. the assistance, or support of a great person in a suit: dìon o dhuine mòr an cùis-lagha.
ADVOCATES, s. Bean-tagraidh.
ADVOCATION, s. 1. Office, or act of pleading: tagradh, tagartas, gairm-tagraidh. 2. (in a religious sense): eadar-ghuidhe.
ADVOLUTION, s. Itag gu, italach gu, no, chùim-ionaid, no, ni.

ADVOLUTION, s. Cuairt-charachadh gu ni-eigin eile.
ADVOUTERER, s. See *Adulterer*.
ADVOUTRESS, s. See *Adulteress*.
ADVOUTROUS, adj. See *Adulterous*.
ADVOUTRY, s. See *Adultery*.
ADVOWÉ, s. Neach aig am bheil beathachadh eaglais f' a thoirt seachad.
ADVOWSON, s. Còir air beathachadh eaglais thoirt seachad.
ADURE, v. n. Loisg suas.
ADUST, adj. Loisgte, ion-loisgte, cnàmhta.
ADUSTED, adj. 1. Burnt, scorched, dried with fire: loisgte, seargta le teas, no, le teine, tiormaichte ri teine. 2. Hot, as the complexion: lasgar, garg, teth.
ADUSTIBLE, adj. A ghabhas losgadh, no seargadh le teine, no, le teas.
ADUSTION, s. Losgadh suas, tiormachadh le teas, seargadh le teas.
ADZE, s. Tàl.
AEGIS, s. Sgiath, sgiath-chòmhlraig.
AEGILOPS, s. 1. A tumour, or swelling in the corner of the eye: at, no neasgadh an ceann na sùla. 2. a plant, supposed a cure for such an ailment: lus a leighiseas an galar a dh' ainmicheadh.
AEGLOGUE, s. See *Eclogue*.
ÆGYPTIACUM, s. Acfuinn-shuaite àraidh dèanta le mil, umh-mheir, agus fion gear.
AENIGMA, s. See *Enigma*.
AENIGMATIZE, v. See *Enigmatize*.
AENIGMATIC, adj. See *Enigmatic*.
ÆOLIPILE, s. See *Eolipile*.
AERIAL, adj. 1. Belonging to the air, or consisting of it: adharail, a bhùineas do 'n adhair, iarmailteach. 2. produced by air: adharail, gaothar, gaothach. 3. inhabiting the air: a chòmhnuaicheas 's an speur, a thig beò 's an speur, no 's an àileadh, speuranta, adharail. 4. placed in the air: adharail, air a shuidheachadh 's an adhair, 's an speur, no, 's an àileadh. 5. high, elevated in situation: àrd, a sheallas 's an speur, àrdaichte.
AERIE, s. 1. The nest of birds of prey: nead eòin fhuileachdaich air bith. 2. a young brood of hawks: àlach òg sheabhaig.
AERIFORM, adj. Mar an t-adhair, no 'n t-àileadh, air chruth adharail.
AEROGRAPHY, s. Sgrìobhadh mu 'n àileadh, no mu 'n adhair.
AEROLOGY, s. Teagasg mu 'n àileadh, no mu 'n adhair.
AEROMANCY, s. Speuradaireachd, adhar-gheasachd.
AEROMETER, s. Adhair-mheidh.
AEROMETRY, s. Adhair-thomas.
AERONAUT, s. Adhair-sheòladair.
AEROSCOPY, s. Speuradaireachd, speur-chòimhead.
AEROSTATION, s. Adhair-thomas, eòlas, tomhas an àileidh.
ÆTHIOPS-MINERAL, s. Meinn-Aetiopach, cungaidh-leighis de mheasgadh pronnais 's airgid beò.
ÆTITES, s. Clach-iolaire.
AFAR, adv. See *Far*.
AFEARD, adj. Eagalaichte, geiltichte.

AFFER, *s.* A' ghaoth 'n iar dheas.

AFFABILITY, *s.* Suairceas, fosgarachd, ceanalta, cùrtealachd, fosgailteachd.

AFFABLE, *adj.* 1. Easy of manners, courteous: suairce, fàilteach, sìth-mhalla, cionalta. 2. applied to the external appearance: aoidheil, fiamh-ghàireach, fosgailte, aobhach.

AFFABLENESS, *s.* Suairceachd, cionaltachd, aoidhealachd, fosgailteachd, aobhachd.

AFFABLY, *adv.* See **Affable**.

AFFABROUS, *adj.* Sàr-dhèanta, deànta mar le fear céird.

AFFAIR, *s.* 1. Something to be managed, or transacted: gnòthuch, cùis. 2. a partial engagement, a duel: cùis, còmhag.

AFFAMISH, *v. a.* Pian le h-ocras, cuir a' ghort ann.

AFFAMISHMENT, *s.* Staid ocrach, gortachd.

AFFEAR, *v. a.* See **Fear**, *v.*

AFFEAR, *v. n.* Daingnich, suidhich.

AFFECT, *s.* 1. Affection, passion: faireachduinn, mothachadh, déigh na h-inntinn. 2. quality, circumstance: buaidh, cùis.

AFFECT, *v. a.* 1. Act upon, produce effects in any other thing: drùigh air, buin ri, thoir air faireachduinn. 2. move the passions: gluais inntinn, drùigh air, gluais, dùisg. 3. aim at, endeavour after: feuch ri, oidhirpich, iarr an déigh. 4. tend to, (of things): gabh coslas ort, aom gu. 5. be fond of, love: gabh déigh air, gluais aigneadh le gràdh. 6. make a shew of something: gabh ort. 7. imitate in an unnatural manner: dean atharrais air, lean gu dall. 8. convict one of some crime: dearbhair air.

AFFECTATED, *adj.* Mì-nàdurra do, air dhòigh neach eile.

AFFECTATION, *s.* 1. Fondness, high degree of liking: mòr-thlachd fìor-dhéigh. 2. an artificial shew: baòth-choslas. 3. affection, or liking simply: gràdh, tlachd, déigh. 4. the act of desiring, or aiming at: iarraidh, miann-dhéigh.

AFFECTED, *adj.* 1. Moved, touched with affection: luaisgte le droch, no le deadh rùn, rùn-iompaichte. 2. studied with over much care, or with an hypocritical appearance: mì-nàdurra, sgèòthach. 3. full of affection: pròiseil, moiteil, srònaiseach.

AFFECTEDLY, *adv.* See **Affected**.

AFFECTEDNESS, *s.* Feall-ghnàthachd, pròisealachd, moitealachd.

AFFECTER, *s.* See **Affector**.

AFFECTINGLY, *adv.* Gu drùighteach, air mhodh maothachaidh, air dhòigh faireachduinn.

AFFECTION, *s.* 1. The state of being affected: faireachduinn, gluasad-inntinn. 2. passion of any kind: togradh, iarrtas, cion, rùn, déigh. 3. love, kindness: gràdh, gaol. 4. good will to any object: deadh-rùn, deadh-dhùrachd. 5. state of the mind in general: staid-inntinn. 6. quality, property: gnè, buaidh. 7. state of the body: faireachduinn eu-slainn, no, slàinte. 8. lively representation in painting: dealradh boethail dhealbhan.

AFFECTIONATE, *adj.* 1. Full of affection: gràdhach,

gaolach, caidreach, carthannach. 2. strongly inclined to: deothasach, déighil. 3. fond, tender: caidreach, carthannach, tèò-chridheach. 4. benevolent, tender: tèò-chridheach, caomhneil.

AFFECTIONATELY, *adv.* See **Affectionate**.

AFFECTIONATENESS, *s.* Carthannachd, tèò-chridheachd.

AFFECTIONED, *adj.* 1. Affected, conceited: pròiseil, moiteil, srònaiseach. 2. inclined, mentally disposed: gaolach, gràdhach, déighil, toigheach.

AFFECTIONUSLY, *adv.* Gu dùrachdach, gu déighil.

AFFECTIVE, *adj.* Tiomachail, a ruigas an cridhe.

AFFECTIVELY, *adv.* See **Affective**.

AFFECTOR, *s.* Fear-leanmhuinn ùr-chleachdannan, **AFFECTER**, *s.* fear-gabhail air fèin cleachdaidh no coslais nach buin da, fear-atharrais.

AFFECTUOSITY, *s.* Braiseachd-iartais, teas-inntinn.

AFFECTUOUS, *adj.* Dian, teth, miannach.

AFFERE, *v. a.* Daingnich gu laghail, suidhich.

AFFERORS, *s.* Luchd-leagail ùmhlaidh an cuir-lagha.

AFFETUOSO, *adj.* Gaolach, tlà-cheòlach.

AFFIANCE, *s.* 1. A marriage-contract: cordadh-pòsaidh, cùmhnant-pòsaidh. 2. trust in general: muinghin, carbsa, dòchas, bun. 3. trust in the divine promises and protection: muinghin, carbsa, dochas, bun.

AFFIANCE, *v. a.* 1. Betroth, bind any one by promise to marriage: rèitich, dean còmh-cheangal pòsaidh. 2. give confidence: cuir muinghin ann, misnich le h-carbsa.

AFFIANCER, *s.* Fear-rèitich, fear-ceangail-cùmhnant-pòsaidh.

AFFIDATION, *s.* Coimh-cheangal-pòsaidh, geall-
AFFIDATURE, *s.* adh-pòsaidh, co-aontachadh fuidh bhòid.

AFFIDAVIT, *s.* Mionnan, teisteanas air fhocal.

AFFIED, *adj.* Co-cheangailte le cùmhnant.

AFFILE, *v. a.* Dean mìn le eigh.

AFFILIATION, *s.* Uchdmhachachd, uchdmhacachadh.

AFFINAGE, *s.* Meiteil-ghlanadh an suacan.

AFFINED, *adj.* Ceangailte le bann dàimhe, càirdeach, dileas.

AFFINITY, *s.* 1. Relation by marriage: cleamhnas. 2. relation to, connexion with, (of things): dàimh, samhachd.

AFFIRM, *v. a. et n.* 1. Declare positively: dian-abair, spreig. 2. ratify, or approve a former law: daingnich, ath-shuidhich. 3. tell confidently, declare: cuir an cèill, dearbhair, spreig.

AFFIRMABLE, *adj.* A dh' fhaodar a chur an cèill, a ghabhas daingneachadh.

AFFIRMABLY, *adv.* See **Affirmable**.

AFFIRMANCE, *s.* 1. Confirmation, opposed to repeal: dàingneachadh, suidheachadh. 2. confirmation, simply: dearbhadh, daingneachd.

AFFIRMANT, *s.* Fear-dearbhadh, fear-daingneachaidh.

AFFIRMATION, *s.* 1. The act of affirming, or declaring: dearbhadh, cur an cèill, spreagadh. 2. the position affirmed: ràdh. 3. confirmation opposed to repeal: dàingneachadh, suidheachadh.

AFFIRMATIVE, *adj.* 1. That which affirms, opposed

to negative: a dhearbhas, a chòmhdaicheas. 2. that which may be affirmed: a dh'fhaodar a ràdh, a ghabhas aithris. 3. positive, dogmatical: dan-arra, diorsach, glic 'n a bhàrail féin.

AFFIRMATIVE, *s.* Ràdh, daingneachadh.

AFFIRMATIVELY, *adv.* Gu dearbhta, gu deimhin, gu cinnteach.

AFFIRMER, *s.* Fear-cuir an céill, fear-dearbhaidh, fear-daingneachadh.

AFFIX, *v. a.* 1. Unite to the end: ceangail ri, cuir ri, tàth. 2. connect consequentially: co-cheangail, cuir an dèigh. 3. fasten, or fix: suidhich air, càirich air, ceangail.

AFFIX, *s.* Earball-iasaid, focal beag ceangailte ri deireadh focal eile.

AFFIX, *s.* 1. The act of affixing: co-cheangal, tàthadh, dlùthadh. 2. the state of being affixed: co-cheangal, co-cheangaltas.

AFFLATION, *s.* Analachadh, séideadh.

AFFLATUS, *s.* Analachadh, comas fàisneachd, analachadh an Spiorad.

AFFLICT, *v. a.* 1. Put to pain, grieve: pian, goirtich, cuir doilghios air, trioblaidich. 2. break, overthrow: bris, sàruich, buail, sgap, claidh.

AFFLICTEDNESS, *s.* Doilghios, àmhghar, an-shoc-air.

AFFLICTER, *s.* Fear-sàruchaidh, piantair, fear-claidh.

AFFLICTINGLY, *adv.* Gu doilghiosach, gu h-àmgharach, air mhodh trioblaidich.

AFFLICTION, *s.* 1. The cause of pain, or sorrow, calamity: trioblaid, an-shocair, àmhghar, teinn. 2. the state of sorrowfulness: doilghios, bròn, cràdh, àmhghar, air.

AFFLICTIVE, *adj.* Doilghiosach, cràiteach, trioblaidich, àmhgharach.

AFFLICTIVELY, *adv.* See Afflictive.

AFFLUENCE, *s.* 1. The act of flowing to one place, concourse: co-chruinneachadh, dòmhachadh. 2. exuberance of riches tòic, mòr-mhaoin, beartas, saoihbreas.

AFFLUENCY, *s.* See Affluence.

AFFLUENT, *adj.* 1. Flowing to any part: a' tòrradh, a' co-chruinneachadh. 2. abundant, wealthy: pailt, saoihtar, beartach.

AFFLUENTLY, *adv.* See Affluent.

AFFLUENTNESS, *s.* Beartas, saoihbheachd.

AFFLUX, *s.* 1. The act of flowing to some place: cruinneachadh, sruthadh. 2. that which flows to another place: sruth, maoin-rùith.

AFFLUXION, *s.* 1. The act of flowing to a particular place: sruthadh, cruinneachadh, lionadh. 2. that which flows from one place to another: sruth.

AFFORD, *v. a.* 1. Yield, or produce: thabhair a mach, thoir seachad. 2. grant, or confer any thing: builich, thabhair, deònaich. 3. be able: bi comasach, bi murrach. 4. be able to bear expenses: bi comasach giùlan le, bi murrach air.

AFFOREST, *v. a.* Fàsaich, frithich, cuir fuidh choille, dean talamh 'n a fhrith.

AFFORESTATION, *s.* Frith.

AFFRANCHISE, *v. a.* Saor, dean saor.

AFFRANCHISEMENT, *s.* Saorsa, cuing-fhuasgladh.

AFFRAP, *v. a.* Buail, buail buille.

AFFRAY, *v. a.* 1. Frighten, terrify: cuir eagal air, geiltich. 2. put one in doubt: cuir fuidh iomcheist, cuir fuidh amharus.

AFFRAY, *s.* 1. A tumultuous assault: caon-affrayment, ag, sabaid, carraid, tuasaid, iorghuill. 2. tumult, confusion: airmheit buaireas.

AFFRET, *s.* Còmhrag dian, comh-stri bheumnach.

AFFRICTION, *s.* Suathadh r' a chéile.

AFFRIENDED, *adj.* Réitichte, air còrdadh.

AFFRIGHT, *v. a.* Cuir eagal air, cuir fuidh gheilt, cuir ogluidheach air.

AFFRIGHT, *s.* 1. Terror, fear: eagal, geilt, giorag, ogluidheachd, uamhann. 2. the cause of fear: cuis-eagal, ni uamhannach.

AFFRIGHTEDLY, *adv.* Gu h-eagalach, gu gealtach.

AFFRIGHTER, *s.* Bòcan, culaidh-eagal.

AFFRIGHTFUL, *adj.* Eagalach, oilleit, uamhannach.

AFFRIGHTMENT, *s.* 1. The impression of fear: geilt-chrith, mòr-eagal, ogluidheachd. 2. the state of fearfulness: gealtachd, ogluidheachd.

AFFRONT, *v. a.* 1. Meet face to face: cuir aghaidh ri aghaidh, thoir aghaidh air. 2. meet in an hostile manner: thoir aghaidh air, buail aghaidh, thoir aghaidh do. 3. offer an open insult: thoir maslach follaiseach do, thoir tàir do, maslach e, nàraich e.

AFFRONT, *s.* 1. Insult offered to the face, rude treatment: maslach, tàir, tarcuis, aghaidh dhearg, tàmailt. 2. outrage, act of contempt in a more general sense: oilbheum, culaidh-ghràineachadh. 3. open opposition: brosnachadh, tàmailt, dùbhlán. 4. disgrace, shame: tàir, tàmailt.

AFFRONTER, *s.* Fear-nàrachaidh, duine tarcuiseach.

AFFRONTING, *adj.* Tarcuiseach, spideil, tàireil.

AFFRONTIVE, *adj.* Tarcuiseach, tàmailteach, spideil.

AFFRONTIVENESS, *s.* Tarcuiseachd.

AFFUSE, *v. a.* Taom air, dùirt an ceann a chéile.

AFFUSION, *s.* Dòrtadh, co-mheasgadh.

AFFY, *v. a.* 1. Betroth, in order to marriage: dean coimhcheangal-posaidh ri. 2. bind, join: co-cheangail, aon ri. 3. put confidence in, confide: cuir dòchas ann, carb as.

AFIELD, *adv.* 1. To the field: gus an achadh, a mach, do'n raon. 2. in the field: a mugh, air an achadh, air an raon, air faich.

AFIRE, *adv.* 'N' a theine, gu teinnteach.

AFLAT, *adv.* Air làr, gu sìnteach, gu còmhraidh.

AFLOAT, *adv.* Air uachdar, air snámh.

AFOOT, *adv.* 1. On foot, 'g a chois. 2. in action, as, a design is on foot: air chois. 3. in motion: air ghluasad.

AFORE, *prep.* 1. Not behind: air thoiseach air, roimhe. 2. nearer in place: roimh. 3. sooner in time: roimh. 4. prior, or superior to: roimh air thoiseach air. 5. under the notice of: fuidh chomhair, an làthair. 6. in the power of, noting the right of choice: an comas, roimh 'n t'sùil.

AFORE, *adv.* 1. In time foregone: cheana, roimhe so. 2. first in the way: air thoiseach. 3. in

- front : 's an toiseach. 4. rather than : seach, mu'n, roimh.
- AFORE-GOING, adj.** A dol roimhe, roimh-ainmichte.
- AFOREHAND, adv.** 1. By a previous provision : roimh-làimh. 2. provided, prepared : roimh-làimh, deanta cheana, ullamh roimh-làimh.
- AFOREMENTIONED, adj.** Roimh-ainmichte.
- AFORESAID, adj.** A thubhairtheadh, roimh-ainmichte.
- AFORETIME, adv.** Roimhe so, 's an àm a chaidh seachad.
- AFRAID, adj.** Fuidh eagal, làn geilte, geilt-ghlacta, eagalach.
- AFRESH, adv.** As ùr, a rìs.
- AFRICAN, adj.** Africanach.
- AFRICAN, s.** 1. A native of Africa : Africanach : 2. a kind of marigold : seòrsa bile-bhuidhe.
- AFRICK, s.** Africa, tìr Africa.
- AFRIC, adj.** Africanach.
- AFRONT, adv.** 1. In front, in direct opposition to the face : ri aghaidh, ri clàr eudain. 2. simply, in front : roimh ghnùis, air tìs.
- AFT, adv.** O thoiseach gu deireadh na luinge, 's an deireadh, gus an deireadh.
- AFTER, prep.** 1. Following in place : an déigh, air déigh. 2. in pursuit of : an déigh. 3. behind : am fochair, an taic, an déigh. 4. posterior, in time : an déigh. 5. according to : a réir, mar. 6. in imitation of : a réir, air an dòigh cheudna.
- AFTER, adv.** 1. In succeeding time : an àm an déigh, 's an àm ri tighinn. 2. following another : as déigh, 'n a dhéigh sin.
- AFTER, s.** Àm a leantuin, tìm a tighinn, tìm an déigh.
- AFTER-ACCEPTION, s.** Gabhail ri an déigh, ath-ghabhail.
- AFTER-ACCOUNT, s.** Latha-cunntais, cunntas an déigh, ath-cunntas.
- AFTER-ACT, s.** Gnìomh an déigh, ath-ghnìomh.
- AFTER-AGE, s.** Àl ri teachd, linn n' ar déigh.
- AFTER-AGES, s.** Linntean ri teachd, deireadh linn-tean, àl 'n ar déigh, sìochd, ginealach dheireannach.
- AFTER-ALL, adv.** An déigh na h-uile nì, fadheòidh, mu dheireadh.
- AFTER-APPLICATION, s.** Ath-dhìchioll, dìchioll an déigh.
- AFTER-ATTACK, s.** Bualadh an déigh, ath-ionnsuidh.
- AFTER-BAND, s.** Ceangal ri teachd, bann a leanas.
- AFTER-BEARING, s.** Ath-chinneachadh, ath-fhàs, ath-ghlùan.
- AFTER-BIRTH, s.** Breith an déigh, sreothanan òig aoin.
- AFTER-CLAP, s.** Ath-bhuille, ùr-bhuille, ath-chlisg-eadh.
- AFTER-COMER, s.** Ath-fhear, fear a leanas.
- AFTER-COMFORT, s.** Ath-shòlas.
- AFTER-CONDUCT, s.** Ath-ghlùan.
- AFTER-CONVICTION, s.** Ath-dhearbhadh, ath-agartas.
- AFTER-COST, s.** Ath-chostus, ath-fhiachan, ùr-dhiol.
- AFTER-COURSE, s.** Àm an déigh, ath-chaithe-beatha.
- AFTER-CROP, s.** Ath-bhàrr, an dara-bàrr.
- AFTER-DAYS, s.** Ath-làithibh, làithibh ri teachd, ginealach ri teachd, ath-linntean.
- AFTER-DINNER, s.** An déigh dinneireach.
- AFTER-EATAGE, s.** Ath-itheadh, ath-bhàrr.
- AFTER-ENDEAVOUR, s.** Ath-oidheip, ath-deuchainn.
- AFTER-ENQUIRY, s.** Ath-rannasachadh, ath-cheasnachadh.
- AFTER-EYE, v. a.** Cùm sùil air, lean le d' shùil.
- AFTER-GAME, s.** Ath-innleachd, ath-chluich, seòl ùr an déigh calldaich.
- AFTER-GATHERING, s.** Ath-thrusadh, dioghluim.
- AFTER-HELP, s.** Ath-chuideachadh, còmlnadh an déigh.
- AFTER-HOURS, s.** Dòchas ri teachd, ath-dhòchas.
- AFTER-HOURS, s.** Ath-uairne.
- AFTER-IGNORANCE, s.** Ath-aineolas, ùr-aineolas.
- AFTER-KINGS, s.** Ath-righrean, riighrean a lean.
- AFTER-LIFE, s.** 1. The remainder of life, còrr-beatha. 2. life after this : ath-bheatha.
- AFTER-LIVER, s.** Fear ath-linntean, fear ginealach ri teachd.
- ARTER-LIVING, s.** Còrr-beatha, ath-làithean.
- AFTER-LOVE, s.** Ath-ghràdh, ath-ghaol.
- AFTER-MALICE, s.** Ath-fhuath, ath-thnù.
- AFTER-MATH, s.** Ath-bhàrr, ath-ghearradh feòir.
- AFTER-MEETING, s.** Ath-choinneamh, ath-choinneachadh.
- AFTERMOST, adj.** Air deireadh, deirreanach.
- AFTER-NOON, s.** Feasgar, an déigh a' mheadhoin latha.
- AFTER-NOURISHMENT, s.** Ath-jòn, ath-theachd-an-tìr.
- AFTER-PAINS, s.** Ath-phiantan.
- AFTER-PART, s.** Ath-chuid, a' chuid mu dheireadh.
- AFTER-PIECE, s.** Cluich-goird an àm sgaoilidh an tigh chluiche.
- AFTER-PROOF, s.** 1. Evidence posterior to the thing in question : ath-dhearbhadh, ath-sholus, ath-chòmhdach. 2. qualities known by subsequent experience : dearbhadh-eòlais, fios-aithne.
- AFTER-RECKONING, s.** Cunntas ri teachd, ath-dhioladh.
- AFTER-REPENTANCE, s.** Aithreachas ri teachd ; ath-leasachadh-beatha.
- AFTER-REPORT, s.** Ath-naigheachd, ath-fhios.
- AFTER-ROTTENNESS, s.** Ath-ghrodadh.
- AFTER-STATE, s.** Ath-chor an saoghal eile.
- AFTER-STING, s.** Ath-ghath, ath-ghuin.
- AFTER-STORM, s.** Ath-dhoinnean, grad-shéideadh.
- AFTER-SUPPER, s.** An déigh suiper, roimh àm codail.
- AFTER-TASTE, s.** Ath-bhlas.
- AFTER-THOUGHT, s.** Ath-smuain, ath-chomhairle.
- AFTER-TIME, s.** Àm ri teachd, àm an déigh.
- AFTER-TOSSING, s.** Ath-luasgadh, luasgan tuinne an déigh doinncein, ath-thulgadh tuinne.
- AFTER-UNDERTAKER, s.** Ath-fhear-gnothaich, fear-ùr-gnìomh-ghlacaidh.
- AFTERWARD, adv.** An déigh sin, an deigh làimh.
- AFTERWISE, adj.** Glic an déigh làimh, ccarbach.
- AFTER-WIT, s.** Gliocas á thrà, comhairle anmoch.

AFTER-WITNESS, *s.* Fianuis ò teachd, fianuis an dèigh so.

AFTER-WRATH, *s.* Ath-fhearg.

AFTER-WRITERS, *s.* Ath-sgrìobhadairean, luchd-sgrìobhaidh an dèigh so.

AFTWARD, *adj.* See Aftermost.

AGA, *s.* Aga, ceannard mòr 's an arm Thurchach.

AGAIN, *adv.* 1. A second time, once more: a rìs, an dara h-uair, uair eile. 2. on the other hand: air an làimh eile, mu choinneamh sin. 3. on another part: air an taobh eile. 4. in return, reciprocal action: a rìs, air ais. 5. hack, in restitution: air ais, rìs. 6. in recompence: air ais, air a shon, a rìs. 7. in order of rank or succession, making distribution: a rìs, an ath. 9. twice as much: uiread eile, uiread a rìs. 10. again, and again: a rìs 's a rìs, iomad uair. 11. opposition, resistance: an aghaidh, air ais, a rìs. 12. back, returning from some message: air ais. 13. in answer: a rìs, air ais.

AGAINST, *prep.* 1. In opposition to any person: an aghaidh. 2. contrary, opposite in general: an aghaidh, mu chomhair, mu choinneamh. 3. contradiction: an aghaidh. 4. contrary motion: an aghaidh. 5. contrary to rule, or law: an aghaidh. 6. opposite to, in place: mu choinneamh, thall mu chomhair. 7. to the hurt of another: an aghaidh. 8. in provision for: air chionn, air son.

AGAIN-WARD, *adv.* An taobh so a rìs, an so a rìs.

AGALXY, *s.* Cion-bainne.

AGAPE, *adv.* Gu braoisgeil, le iognadh, craos-fhosgailte.

AGARICK, *s.* Cungaich-Jeighis de bhàrr-daraich.

AGARICK, *s.* Cungaich dathaidh de bhàrr learaig.

AGAST, *adv.* Le grad uamhunn, le grad-chlisgeadh, fuidh iognadh le mòr eagal, fuidh bhàll-chrith, fuidh gheilt.

AGATE, *adv.* Air an rathad, a' falbh.

AGATE, *s.* Agat, clach-luachmhor, clach-theine.

AGATY, *adj.* Aig am bheil gnè na h-agait.

GAZE, *v. a.* Seall le iognadh, spleuc, clisg-bhuail.

GAZED, *adj.* Fuidh gharbh-ghiorag, làn-iognaidh, air bhàll-chrith eagail, geilt-ghlacta.

AGE, *s.* 1. A period of time: ùine. 2. a succession of men: linn, ginealach. 3. time in which a particular man lived: linn, àm, beatha. 4. the space of a hundred years, a secular period: ùine cheud bliadhna. 5. the latter part of life, old age: aois, sean-aois. 6. maturity, ripeness: aois. 7. in law: aois-lagha.

AGED, *adj.* 1. Old, stricken in years: sean, aosmhor, aosda. 2. old, applied to inanimate things: sean.

AGEDLY, *adv.* See Age.

AGEN, *adv.* See Again.

AGENCY, *s.* 1. The quality of acting: dèanamh, dèanadachd, gnìomhachadh. 2. office of an agent, or factor for another: dreuchd fir-gnothuich air son neach eile, gilleachas.

AGEND, } *s.* Seirbhis-eaglais, ni a bhuineas do

AGENDUM, } dhòigh seirbhis eaglais.

AGENT, *s.* 1. An actor, he that acts: fear-dèanaimh,

fear a nì, gnìomhaiche. 2. a substitute, a factor: fear seasaimh àite, fear-gnòthach, fear-ionaid neach. 3. that which has the power of operating: ni a dh' oibrichas, gnìomhaiche.

AGENTSHP, *s.* Dèanadas air son neach eile, gnìomhtuarasdal, gnìomh fir-ionaid.

AGGELATION, *s.* Reothadh, tuighachadh deighe.

AGGENERATION, *s.* Co-fhàs ann an nì eile, co-aonadh.

AGGER, *s.* Balla-daingneachaidh, bèinge-dhiona, dig.

AGGERATE, *v. a.* Cuir an àirde, càrn a suas, tog beinge.

AGGEROSE, *adj.* Cnocanach, tomanach.

AGGLOMERATE, *v. a.* 1. Gather up in a ball, as thread: cruinnich, cearsalach, dean cruinn. 2. gather together: trus f'a chèile, cruinnich.

AGGLOMERATION, *s.* Mèall cruinn, trusadh cruinn.

AGGLUTINANTS, *s.* Cungaidhean-leighis, no, tàthaidh cungaidhean-glaodhaidh.

AGGLUTINANT, *adj.* Glaodhach, tàthach, a dh'aonas f' a chèile.

AGGLUTINATE, *v. a.* Glaodhaich, tàthaich, druid f' a chèile.

AGGLUTINATION, *s.* Tàthadh, aonadh, druideadh.

AGGLUTINATIVE, *adj.* Maith gu aonadh, a ghlaodhas, a thàthas.

AGGRACE, *v. a.* Seall le deadh-ghean, bi fàbharach.

AGGRACE, *s.* Caoimhneas, gean maith.

AGGRANDIZATION, *s.* Meudachadh, àrdachadh.

AGGRANDIZE, *v. a.* 1. Make great: àrdaich, tog suas an inbhe, meudaich an urram. 2. increase: meudaich, cinn a suas, fàs mòr. 3. become greater, increase: cinn, fàs, thig air t' aghaidh.

AGGRANDISEMENT, *s.* Meudachadh, àrdachadh, mòrachadh.

AGGRANDISER, *s.* Fear-àrdachaidh, fear-togail suas.

AGGRATE, *v. a.* Toilich e, bi modhail fì.

AGGRAVATE, *v. a.* 1. Make heavy: an-tromaich, meudaich. 2. make any thing worse: antromaich, dean nì's miosa.

AGGRAVATION, *s.* The act of aggravating, or making heavy: an-tromachadh, meudachadh. 2. the act of enlarging to enormity: meudachadh. 3. extrinsic circumstances which increase the guilt of a crime: an-tromachadh, eallach coire, luchdachadh.

AGGREGATE, *adj.* Co-chruinnichte, co-thrasta.

AGGREGATE, *s.* An t-iomlan, am meall uile, co-chruinneachadh, càrn.

AGGREGATE, *v. a.* Cruinnich, cuir f' a chèile, trus, càrn, tòrr.

AGGREGATELY, *adv.* An aon bhuidheann, co-luath.

AGGREGATION, *s.* 1. Collection, or state of being collected: co-chruinneachadh, coimh-thional. 2. the whole, the aggregate: an t-iomlan, am meall uile.

AGGREGATIVE, *adj.* T'onalach, trusach, uile.

AGGREGATOR, *s.* Fear-cruinneachaidh, fear-trusaidh, fear-tional.

AGGRESS, *v. n.* Tòisich an aithne, buail an tois-each, éirich air.

AGGRESS, *s.* A' cheud-bhuille, coire-toiseachaidh, a' A cheud chiont.

AGGRESSION, *s.* A' cheud bhuille, a' cheud teine a' cheud ionnsuidh, toiseach-conspoid.

AGGRESSOR, *s.* Fear-togail na strithe, an ceud choir-each.

AGGRIEVANCE, *s.* Eucoir, sàruchadh, dochan, ciùr-radh.

AGGRIEVE, *v. a.* 1. Give sorrow, vex: doilghios-aich, muladaich, lèir, cuir gu bròn. 2. impose some hardship upon, harass: dean eucoir, sàruich, dochain. 3. mourn, lament: dean bròn, dean caoidh.

AGHAST, *adj.* Geiltichte, geilt-glacta.

AGILE, *adj.* Lùthmhor, ealamh, clis, grad-charach fuasgailte.

AGILENESS, *s.* Lùthmhoireachd, cliseachd, fuasgailteachd.

AGILITY, *s.* Cliseachd, fuasgailteachd, luathas.

AGILLOCHUN, *s.* Craobh alois a tha fàs 's na Innsibh an ear.

AGIO, *s.* Luach an airgid chàinntè thar airgid an bann phàiper.

AGIRT, *v. a.* Cuir air bhiahdadh an frìth an rìgh, tog airgid biadhaidh.

AGISTMENT, *s.* 1. Feeding of cattle in a common pasture for a stipulated price: biadhadh, ionalt-radh. 2. tithe upon such cattle: deachamh sprèidh ionaltraidh. 3. an embankment, earth heaped up: being thalmhainn, gàradh talmhainn.

AGISTOR, *s.* Oifigheach an frìth an rìgh.

AGITABLE, *adj.* Gluasadach, neo-shuidhichte.

AGITATE, *v. a.* 1. Put in motion: gluais, caraich, luaisg. 2. be the cause of motion, move: bi 'g a ghluasad, thoir air carachadh, thoir crathadh air. 3. affect with perturbation: cuir fuidh bhuaireas, luaisg. 4. stir, discuss a question, controvert: fìdrich, connsaich. 5. contrive, revolve: dùisg a suas, cnuasaich, dlùth-smuainich.

AGITATION, *s.* 1. The act of moving, or shaking any thing: carachadh, gluasad, luasgadh, dùsgadh. 2. the state of being moved, or agitated: luasganachd, iomairt, carachadh, gluasad. 3. discussion, controversial examination: fìdreachadh, connsachadh. 4. violent motion of the mind: buaireas, ioncheist. 5. deliberation, contrivance, the state of being consulted upon: smuaineachadh.

AGITATOR, *s.* 1. He who regulates the affairs of the army: fear-riaghailteachaidh feachd. 2. he who manages affairs: fear-gnothuich, fear-gluasaid.

AGLET, *s.* 1. A tag of a point curved into the shape of little images, the tag of a lace to open women's stays: aigilean. 2. pendants at the ends of the chieftes of flowers, as in tulips: aigileanan.

AGMINAL, *adj.* Buidheannail, cath-bhuidheach.

AGNAIL, *s.* An galar iongach, at cheann nam meur.

AGNATE, *adj.* Càirdeach, dìleas, dlìgheach.

AGNATIC, *adj.* Càirdeach a thaobh athar.

AGNATION, *s.* 1. Descent from the same father, in a direct male line: sinnsireachd nam mac, le mic o 'n aon athair, siol nam mac o 'n aon athair. 2. alliance, connexion: càirdeas, cleamhnas.

AGNITION, *s.* Aideachadh, aidmheil.

AGNISE, *v. a.* Aidich, cuir an cèill.

AGNOMINATE, *v. a.* Ainmich.

AGNOMINATION, *s.* Co-shamhlachd fhocal am fuaim-ibh.

AGNUS, *s.* In the Romish church: òmhaigh bheag an cruth uain a' tà ciallachadh air Slànighir.

AGNUS-CASTUS, *s.* Craobh na geamnuidheachd.

AGO, *adv.* Seachad, roimhe so, uaithe, o chian.

AGO, *adv.* Air bhraise, gu h-aimi deach, gu h-anamianach, gu h-iollagach, air bheag smuaineachaidh.

AGOING, *adj.* A' falbh, air ghluasad.

AGON, *s.* Strìth-gill, spàirn air son duais.

AGONE, *adv.* Seachad, air falbh.

AGONISM, *s.* Spàirn air son duais, strìth-gill.

AGONIST, *s.* Fear-spàirn air son gill.

AGONISTES, *s.* Fear-ghèall-strìtheach, cuiridh nan geall.

AGONISTIC, *adj.* See Agonistical.

AGONISTICAL, *adj.* A blhuineas do chath gheall, geall-chathach.

AGONISTICALLY, *adv.* Gu geall-chathach.

AGONISE, *v. n.* Bi air do dhòghruineachadh, bi 'n àmhghar, fulaing gear chràdh.

AGONISINGLY, *adv.* Gu dòghruineach, gu ro chràit-each.

AGONOTHETE, *s.* Breitheamh air deuchainn neirt.

AGONOTHEtic, *adj.* A bheir duais air son dheuchlainn neirt.

AGONY, *s.* 1. The pangs of death: uspagan a' bhàis, piantan bàis, gèaich-bàis, piantan a' bhais. 2. any violent pain of body, or mind: teinn-chràdh dòghruinn, àmhghar. 3. our Redeemer's conflict in the garden: spàirn chruaidh anama air Slànighir 's an lios. 4. violent contest, or striving: cruaidh-ghleac, spàirn.

AGOOD, *adv.* Da fìreadh.

AGOUTY, *s.* Ainmhidh beag soilleir-ruadh, nu mheudachd coimein, a tha anns na h-innsibh an iar, aig nach 'eil ach dà fhiaicail 's gach gial.

AGRACE, *v. a.* See Agrace.

AGRANMATIST, *s.* Fear neo-fhòghluimte.

AGRARIAN, *adj.* A blhuineas do'n fhearann, fear-annail.

AGREASE, *v. a.* See Agrise.

AGREE, *v. n.* 1. Be in concord: bi rèidh ri, còrd. 2. grant, yield: aontaich, gèill. 3. settle amicably: suidhich, rèitich. 4. settle terms, by stipulation: co-aontaich, bi rèidh. 5. settle a price between buyer and seller: dean còrdadh. 6. be of the same mind, or opinion: co-aontaich, co-chòrd. 7. concur, co-operate: co-aontaich, co-obrich. 8. settle some point among many: suidhich. 9. be consistent, do not contradict: còrd ri. 10. suit with: co-fhreagair. 11. cause no disturbance in the body: còrd ri, taitnich, freagair gu. 12. Put an end to variance: rèitich, sìthich, ciùinich. 13. make friends, reconcile: rèitich, dean 'n an càirdcan.

AGREEABILITY, *s.* Foisinneachd, rèidh-bheartachd.

AGREEABLE, *adj.* 1. Suitable to, consistent with:

freagarrach taitneach. 2. Pleasing : taitneach freagarrach.

AGREEABLENESS, *s.* 1. Consistency with : freagarrachd, taitneachd, co-aontachd. 2. the quality of pleasing : taitneachd, freagarrachd, aontachd. 3. resemblance, likeness : co-fhreagarrachd, samhlaichd.

AGREEABLY, *adv.* See Agreeable.

AGREED, *adj.* Còrdte, suidhichte.

AGREINGLY, *adv.* Do réir sin.

AGREEMENT, *s.* 1. Concord : réite, còrdadh. 2. resemblance of one thing to another : comh-fhreagarrachd, còrdadh, samhlaichd. 3. compact, bargain : còrdadh, coimh-cheangal, bann.

AGRESTIC, } *adj.* A bhuineas do'n dùthaich, neo-
AGRESTICAL, } shnasmhòr, neo-fhinealta.

AGRICULTION, *s.* Treabhadh, àiteachadh na tìre.

AGRICULTOR, *s.* Treabhaiche, tuathanach.

AGRICULTURAL, *adj.* Tuathanachail, a bhuineas do threabhadh.

AGRICULTURE, *s.* Treabhadh, àr, tuathanachas, fearas-tighe, àiteachd, àiteach.

AGRICULTURIST, *s.* Tuathanach, treabhaiche, fear-àitich.

AGRIMONY, *s.* Geurag-bhileach, muir-dhroighionn.

AGRISE, *v. a. et n.* 1. Terrify : cuir eagal air, oilltich, cuir gris air. 2. disfigure, make frightful : cuir mi-dhealbh air. 3. look frightful : seall eagallach.

AGROUND, *adv.* 1. Stranded : an sàs, air grunnad, air tràigh, air cladaich. 2. *fig.* hindered in the progress of affairs : an sàs, air stad, an greim, 's a' ghrunnad.

AGUE, *s.* Fiafhrus, an fhaibhrus critheach, a' chrith.

AGUE, *v. a.* Buail leis an fhaibhrus chrithreach.

AGUED, *adj.* Crith-bhuailte, critheach, fionar, fuar.

AGUERRY, *v. a.* Cleachd cruadal saighdeir, ionn-saich cogadla.

AGUE-TREE, *s.* A' chraobh chrithreach, an critheach.

AGUISE, *s.* Earradh bregtha, riomhadh.

AGUISE, *adj.* Cosmhuil ris a' chrith, critheach.

AGUISHNESS, *s.* Crith-fhuarachd, gnè samhail an fhaibhrus chrithreach.

AH! *interj.* 1. Noting sometimes dislike and censure : ah! aha! 2. sometimes contempt and exaltation : aha! 3. compassion and complaint : ah, mo thruaighe! ah! òbh! òbh!

AHA, *interj.* Aha! aha!

AHEAD, *adv.* 1. Farther onward than another : air thoiseach, ni 's faide air aghairt. 2. headlong, precipitantly : an coinneamh a chinn, a cheann air thoiseach, gu bras.

AHOLD, *adv.* Geur ris a' ghaath, air fuaradh.

AHOY, *interj.* ho! hò!

AHUNGRY, *adj.* Ocrach, as eugmhais bith

AJAR, *adv.* Leth-fhogailte.

AID, *s.* 1. Help, support : cuideachadh, còmhnaidh, còbhair, taic, leasachadh. 2. the person who supports : fear-cuideachaidh, fear-còbhair, fear-cumail suas.

AID, *v. a.* Cuidich, cum suas, còbhair.

AIDANCE, *s.* Cuideachadh, còbhair, còmhnaidh.

AIDANT, *adj.* A' toirt cuideachaidh, feumail an éigin, freasdalach an cabhag.

AID-DE-CAMP, *s.* Àrd-theachdair ceannaird-feachd, fear-cuideachaidh àird-cheannaird.

AIDER, *s.* Fear-cuideachaidh, caraid, fear-taice.

AIDLESS, *adv.* Gun chòmhnaidh, gun chuideachadh, gun còbhair.

AIGRE, *s.* Bras-shruth-lionaidh na mara.

AIRET, *s.* A' chorra-ghlas.

AIL, *v. a. et n.* 1. Pain, trouble, give pain : cràdh-ghoirteich, cuir fuidh thrioblaid, fàg gu tinn. 2. affect in any manner : buin ri, bean ri, cuir air. 3. feel pain, be incommoded : fairich pian, bi air do chumail. 4. used at no time but with an indefinite word, or the word *nothing*, as, What ails him? ciod a tha tighinn ris? He ails something : tha ni-eigin a' tighinn ris. He ails nothing : cha'n'eil ni a' tighinn ris.

AIL, *s.* Tinneas, eu-slaime, galar.

AILMENT, *s.* Dòghruinn, tinneas, euslaime, galar.

AILING, *adj.* Tinn, euslaiteach, galarach, eucaileach.

AIM, *v. a. et n.* 1. Endeavour to strike with a missile weapon : cuimsich, feuch f' a blualadh, thoir ionnsuidh. 2. point the view : beachdaich, cuir do shùil ri, feuch ri ruigheachd. 3. guess : tomhais, amais. 4. direct the missile weapon : cuimsich, cuir ri d' shùil.

AIM, *s.* 1. The direction of a missile weapon : cuimse, cuimsachd, ionnsuidh. 2. the point to which the thing thrown is directed : comharadh. 3. a purpose, a scheme : ràin, dùrachd, deuchainn, oidheirp. 4. the object of a design : cuspair, crìoch. 5. conjecture, guess : tuairmse, barail.

AIMLESS, *adj.* Neo-chuimsach, seacharanach.

AIR, *s.* 1. The element encompassing the world : àileadh, adhar, athar. 2. the state of the air : cor an àillidh, cor an adhair. 3. air in gentle motion : gaoth lag, deòthan. 4. scent, vapour : faile, tòchd. 5. blast, pestilential vapour : sèideadh fadhaich, gaoth mharbhtach. 6. any thing light : ni eutrom mar àileadh. 7. open weather : iarmailt lom, adhar gorm, àileadh sgaoilte. 8. vent, utterance : blas an àillidh. 9. publication, exposure : gaoth, sgaoileadh. 10. intelligence, information : fàthan-naigheachd, àileadh. 11. music : fonn, téis. 12. poetry, song : fonn-bhàrdachd, téis-sheinn. 13. the mien of a person : sealladh, coslas. 14. an affected manner : sealladh, car, pròis. 15. appearance : coslas. 16. artificial motions of a managed horse : car, gluasad.

AIR, *v. a.* 1. Expose to the air : cuir ris an àileadh, thoir a' ghaoth do. 2. gratify by enjoying the open air : gabh an t-àileadh. 3. air liquors : thoir àileadh an teine do. 4. breed in nests : àraich an nead, àraich 's an àileadh.

AIR-BORNE, *adj.* Eutrom, air a ghiùlan leis an àileadh.

AIR-BUILT, *adj.* Faoin, amaideach, gun bhunadh.

AIR-DRAWN, *adj.* Tarruingte 's an adhar, sglèò-shuileach.

AIRER, *s.* Fear-leigidh ris an àillidh, àileadair.

AIR-HOLE, *s.* Toll-gaoithe.

AIRINESS, *s.* 1. Openness, exposure to the air : fogsailteachd, gaotharrachd. 2. lightness, gaiety, levity : eutromachd, uallachas, faoinachd.

AIRING, *s.* Ceum 's an àileadh, sràid 's a' ghlan àileadh, gabhail na gaoithe.

AIRLESS, *adj.* Dùinte, druidte, gun àileadh, fèitheach, neo-ghaothar.

AIRLING, *s.* Creutair òg leumnach, eutrom, no iollagach.

AIR-GUN, *s.* Gunna-gaoithe, gunn'-adhair.

AIR-POISE, *s.* Meidh-àilidh, meidh-adhair.

AIR-PUMP, *s.* Taoman-àilidh, pìob-thaosgaidh an àilidh.

AIR-SHAFT, *s.* Ruith-àilidh, caol-fathad an àilidh fo 'n talamh.

AIR-STIRRING, *adj.* Àil'-Juasgach, gaotach.

AIRY, *adj.* 1. Composed of air: adharail, adharach.

2. relating to the air: adharail. 3. high in the air: adharach, àrd 's an adhar. 4. open to the free air: fosgailte, gaotach. 5. light as air: eutrom, faoin. 6. wanting: fàs, gaotach. 7. fluttering, loose: air chrathadh, a' snàmh 's an adhar, sgaoilteach. 8. gay, sprightly: iollagach, fonnmhòr, eutrom, sunndach.

AISLE, *s.* Sgiath-eaglais, cùl-tigh-aoraidh.

AIR, *s.* Eilean beag an abhainn.

AKE, *v. n.* 1. Feel lasting pains, generally of the internal parts: mothaich guin, goirteas, no, cràdh 's an taobh stigh. 2. applied to the heart: bi goirt, dean a chridhe goirt, cràdh an cridhe.

AKIN, *adj.* 1. Related to, allied by blood: càird-each, dàimheil, dìleas. 2. allied to by nature, partaking of the same properties: co-shamhuil an gnè, co-shamhuil, coltach.

AL, *adj.* Òirdheirc, gasda.

ALABASTER, *s.* Clach-éiteig.

ALACK, *interj.* Mo thruaighe! mo chreach, mo léir-eachd.

ALACK-A-DAY, *interj.* Mo chreach an diugh! mo dhunaidh! mo dhunaidh!

ALACRIOUSLY, *adj.* Gu sunndach, gu cridheil, gu h-uallach, gu brisg.

ALACRIOUSNESS, *s.* Beothalachd, sunndachd, briosgachd, uallachd.

ALACRITY, *s.* Sunndachd, briosgachd, uallachd beothalachd, smioralachd.

ALAMODE, *adv.* Anns an fhasan, gu fasanta, gu deas.

ALAND, *adj.* Air tìr, air talamh tioram.

ALARM, *s.* 1. A cry, summoning to arms: caismeachd, gaoir-clathra, éighe-còmhraig. 2. a cry or notice of danger approaching: rabhadh, faireachadh. 3. any tumult or disturbance: buaireas, clisgeadh, fuathas.

ALARM, *v. a.* 1. Call to arms: thoir caismeachd do, thoir rabhadh do. 2. disturb as with the approach of an enemy: cuir maoin fuidh, thoir faireachadh do, dùisg suas. 3. surprise with the apprehension of any danger: cuir geillt air, cuir ogluidheachd air. 4. disturb, in general: cuir fuidh bhuaireas, buair, cuir fuidh iomairt.

ALARMING, *adj.* Eagallach, cunnartach, buaireasach.

ALARMINGLY, *adv.* See Alarming.

ALARMIST, *s.* Fear-caismeachd.

ALARM-POST, *s.* Crànn-tàraidh, crois-tàraidh.

ALARUM, *s.* See Alarm, *s.*

ALAS, *interj.* Och! mo chreach! mo thruaighe! mo dhuilleichean! mo léireadh!

ALAS THE DAY, *interj.* Och mo thruaighe! mise 'n diugh! ah, an latha dubhl!

ALE, *s.* Léine bhàn an t-sagairt.

ALBE, } *adj.* Gidheadh, air a shon sin.

ALBEIT, }

ALBIFICATION, *s.* Gealachadh.

ALBUCINEOUS, *adj.* Geal, coltach ri gealagan uibhe.

ALBUM, *s.* Leabhar-cuimhneachain chàirdean, ann am bheil an làmh sgrìobhaidh air a gleidheadh.

ALCHYMIST, *s.* Fear do 'n aithne brìgh mheitealan atharrachadh, fear-leaghaidh mheitealan.

ALCHYMIZE, *v. a.* Mùth gnè mheitealan.

ALCHYMY, *s.* 1. Eòlas domhain air gnè mheitealan leis am bheil neach comasach air an atharrachadh. 2. seòrsa meitèil de 'n dèanar spàinean.

ALCOHOL, *s.* 1. Ni sam bith a tha air a phronnadh gu fùdar fo-mhìn. 2. fion-bhrìgh, spiorad dheoch làidir iom-tharruingte.

ALCOHOLIZE, *v. a.* Dean ni 'n a fùdar ro mhìn, no, iom-tharruing spiorad-fìona, no fion-bhrìgh.

ALCORAN, *s.* Biobal nam Mahomedanach.

ALCOVE, *s.* 1. Ionad leabaidh àird an seòmair rìomhach. 2. ionad suidhe àilidh an gàradh.

ALDER, *s.* Drumanach, fèarna.

ALDERMAN, *s.* Aon de sheanairean baile-mòir, no de 'luchd-rìghlaidh.

ALDERN, *adj.* Àir a dhèanamh de 'n fhearna.

ALE, *s.* Leann.

ALE-BENCH, *s.* Àite-suidhe fuidh chomhair tigh-leanna.

ALE-BERRY, *s.* Brochan leanna.

ALE-BREWER, *s.* Grùdair, fear-dèanaimh leanna.

ALEGAR, *s.* Leann geur, leann goirt.

ALE-HOUSE, *s.* Tigh-leanna, tigh-pòiteireachd, tigh beag-òsda.

ALE-HOUSE-KEEPER, *s.* Fear-tigh-leanna, òsd-fhear.

ALEMbic, *s.* Poit-thogalach.

ALERT, *adj.* 1. In a military sense, on guard: furachail, beothail, ealamh, deas. 2. in the common sense, implying some degree of censure and contempt: briosg, beadaidh, grad.

ALERTNESS, *s.* Beothalachd, ealamhachd, beadaidh-eachd.

ALE-STAKE, *s.* Crann-suaicheantais tigh-leanna.

ALE-VAT, *s.* Soitheach masgaidh leanna.

ALEW, *s.* Éigheach, àrd ghlaodh.

ALE-WIFE, *s.* Bean-tigh-leanna, ban-òsda.

ALEXANDERS, *s.* Lus nan gràn-dubhl.

ALEXANDRINE, *s.* Rannachd 's am bheil dà earrann deug focail 's gach sreath.

ALEXANDRINE, *adj.* Fad-shreathach.

ALEXIPHARMIC, *adj.* Nimh-flògarach.

ALEXITERICAL, or ALEXITERIC, *adj.* A chaisgeas nimh, no teasach.

ALGA, *s.* Feamainn, fear-mara.

ALGEBRA, *s.* An cunntas aibideileach.

ALGID, *adj.* Fuar, reòite.

ALGIDITY, } *s.* Fuachd, reòiteachd, fuarachd.

ALGIDNESS, }

ALGIFIC, *adj.* A thogas fuachd.

ALGOR, *s.* Dian-fhuachd, meileachadh.
 ALGOSE, *adj.* Ro-fhuar, critheach-fuar.
 ALGUASIL, *s.* Maor Spàinnteach.
 ALIAS, *adv.* Air chor eile, air m'athadh dòighe.
 ALIBI, *adv.* An àit eile.
 ALIBLE, *adj.* Beathachail, brioghmhor, maith gu àrach, ni a ghabhas àrach.
 ALIEN, *adj.* 1. Foreign, not of the same family, or land : gallda, coimheach, neo-dhàimheach. 2. estranged from, not allied to : coimheach, neo-dhligheach.
 ALIEN, *s.* A foreigner, a stranger : gall, coimheach, coigreach. 2. (in law), one born in a strange country, and never enfranchised : fear-fuadain, eil-threach.
 ALIEN, *v. a.* 1. Make any thing the property of another : dìbrich còir air, thoir a chòir do neach eile, fògair, buin uaith. 2. estrange the mind, or affections : cuir cùl ri, tréig, fàg.
 ALIENABLE, *adj.* A dh'fheudar a thoirt do neach eile.
 ALIENATE, *v. a.* 1. Transfer the property of any thing to another : dealaich, thoir air falbh, buin uaith. 2. withdraw the affections : tréig, tarruing air falbh, cuir cùl ri.
 ALIENATED, *adj.* Dealichte, sgarichte, diobairte.
 ALIENATION, *s.* 1. The act of transferring property : dealachadh, diobradh, toirt thairis. 2. the state of being alienated : diobradh. 3. change of affection : tréigeadh. 4. Disorder of the faculties of the mind : diobradh-cèille, mi-chiall.
 ALIENATOR, *s.* Fear-toirt thairis ni sam bith.
 ALIFEROUS, *adj.* Sgiathach, air am bheil sgiathan.
 ALIGEROUS, *adj.* Sgiathach, air am bheil sgiathan.
 ALIGHT, *v. a.* 1. Come down and stop : téirinn, thig a nuas, tuirling, thig a bhàin. 2. fall upon : tuit air, thig a nuas air.
 ALIKE, *adv.* Cosmhail, coslach, amhail, a féir a chéile.
 ALIMENT, *s.* Lòn, biadh, teachd-an-tìr.
 ALIMENTAL, *adj.* Biadhar, brioghmhor, tarbhach chum beathachaidh.
 ALIMENTALLY, *adv.* Gu biadhar, gu brioghmhor.
 ALIMENTARINESS, *s.* Brioghmhorachd, tarbhachd.
 ALIMENTARY, *adj.* 1. That which belongs, or relates to aliment : a dh' àrachas, a bheathaicheas. 2. that which has the quality of aliment, or the power of nourishing : beathachail, biadhar.
 ALIMENTATION, *s.* 1. The power of affording aliment : beathachadh, briogheachd, àrach. 2. the state of being nourished by assimilation of matter received : cinneachas, sultmhòrachd.
 ALIMONY, *s.* Lòn mnà-aonarach.
 ALIQUANT, *adj.* Còrr-phairteach.
 ALIQUOT, *adj.* Slàn-phairteach.
 ALISH, *adj.* Leannach, mar leann.
 ALITURE, *s.* Beathachadh.
 ALIVE, *adj.* 1. In a state of life : beò, làthair. 2. in a figurative sense unextinguished, active : beò, beothail. 3. cheerful : beothail, cridheil, sunndach, suigearlach.

ALKALI, *s.* Salann-na-groide ; do bhrìgh 's gu'n grod e feòil.
 ALKALINE, *adj.* Aig am bheil nàdur salainn-na groide.
 ALL, *adj.* 1. All, every one : uile, iomlan, gu léir, na h-uile aon. 2. the whole quantity : uile, gu léir, iomlan. 3. the whole quantity, applied to duration of time : uile, iomlan. 4. the whole extent of place : uile, gu léir, air fad.
 ALL, *adv.* See All, *adj.*
 ALL, *s.* 1. The whole : an t-uile, an t-iomlan. 2. every thing : gach uile, na h-uile aon.
 ALL-ABANDONED, *adj.* Uile-thréigte.
 ALL-ABHORRED, *adj.* Uile-fhuathach.
 ALL-CHANGING, *adj.* Uile-chaochluidheach.
 ALL-CHEERING, *adj.* Uile-bheothachail.
 ALL-COMPREHENSIVE, *adj.* Uile-thuigsinnach.
 ALL-CONQUERING, *adj.* Uile-bhuadhach.
 ALL-CONSUMING, *adj.* Uile-chaitheach, uile mhillteach.
 ALL-DESTROYING, *adj.* Uile-sgriosach.
 ALL-DEVOURING, *adj.* Uile-sgriosach, uile shluigheach.
 ALL-DISCOVERING, *adj.* Uile-fhoillseachail.
 ALL-DISGRACED, *adj.* Uile-mhaslaichte.
 ALL-ENLIGHTENING, *adj.* Uile-fhoillseachail.
 ALL-ENRAGED, *adj.* Uile-chuthaichte.
 ALL-HAIL, *v. a.* Fàilteach, furanaich, cuir fàilte air.
 ALL-HALLOW, } *s.* Samhuinn ùr, latha nan uile
 ALL-HALLOWS, } naomh.
 ALL-HEAL, *s.* Slàn-lus, uil'-ic.
 ALL-KNOWING, *adj.* Uil'-fhiosrach.
 ALL-POWERFUL, *adj.* Uile-chumhachdach.
 ALL-PRAISED, *adj.* Uile-chùiteach.
 ALL-RULING, *adj.* Uile-riaghlach.
 ALL-SAINTS-DAY, *s.* Latha nan uile naomh.
 ALL-SEEING, *adj.* Uile-léirsinnach.
 ALL-SUFFICIENCY, *s.* Uil'-fhoghaintas.
 ALL-SUFFICIENT, *adj.* Uil'-fhoghainteach.
 ALL-SUFFICIENT, *s.* An t-uil'-fhoghainteach.
 ALL-TRIUMPHING, *adj.* Uile-bhuadhach.
 ALL-WISE, *adj.* Uile-ghlic.
 ALLAY, *v. a.* 1. Mix one metal with another for coinage : coimeasg meitealan leaghta, measgaich. 2. join any thing with another, to abate its predominant qualities : lagaich, lughaich, truailh le coimeasgadh. 3. quiet, repress : cùinich, bac le coimeasgadh.
 ALLAY, *s.* 1. Baser metal : meital shuarach, droch mheital. 2. a thing which abates the predominant qualities of another by mixing with it : na thruailleas, leaghadh sìos gné le coimeasgadh.
 ALLAYER, *s.* Fear-ciùnceachaidh, fear-isleachaidh.
 ALLAYMENT, *s.* Lagachadh, isleachadh.
 ALLEGATION, *s.* 1. Affirmation, declaration : dearbhachd, daingneachadh, dian-aithris, ràdh. 2. the thing alleged, or affirmed : aithris, ràdh. 3. an excuse, a plea : ràdh, lethseuil, tagradh.
 ALLEGE, *v. a.* 1. Affirm, declare : deimhinnich, dian-abair, daingnich, cuir an cèill. 2. plead as an excuse : tagair mar lethseuil.
 ALLEGEABLE, *adj.* So-aithriseil.

ALLEGER, *s.* Fear-innsidh, fear-aithris.
ALLEGIANCE, *s.* Ùmhachd, géilleadh, strìochdadh, dlìghe iochdarain do 'n rìgh.
ALLEGIAN, *adj.* See Loyal.
ALLEGORIC, *adj.* Samhlachail, air dòigh samhlaidh.
ALLEGORICAL, *adj.* Samhlachail, air mhodh neo-litireil.
ALLEGORICALLY, *adv.* See Allegorical.
ALLEGORICALNESS, *s.* Samhlachas.
ALLEGORIST, *s.* Fear-sgrìobhaidh shamhlachan.
ALLEGORIZE, *v. n.* Samhlaich, ceadh cosamhlachd.
ALLEGORIZER, *s.* See Allegorist.
ALLEGORY, *s.* Samhladh, cosamhlachd.
ALLELUJAH, *s.* Alleluia, Clù do Dhia.
ALLEVIATE, *v. a.* 1. Make light, ease : eutromaich, lughdaich. 2. extenuate, or soften : lughdaich, maothaich, lagaich.
ALLEVIATION, *s.* 1. The act of making light, extenuating : eutromachadh, lughdachadh, lagachadh, casgadh. 2. the cause of easing, or extenuating : ni a dh'eutromaicheas, no, a lughdaicheas.
ALLEVIATIVE, *s.* Comh-fhurtair, plàst-maothachaidh.
ALLEY, *s.* 1. A walk in a garden : rathad aimh-leathann, cum cumhang. 2. a passage in towns, narrower than a street : sràid-chumhang.
ALLIANCE, *s.* 1. Connection by confederacy : coicheangal, cùmhnant, càirdeas. 2. relation by marriage : cleamhnas. 3. by any form of kindred : dàimh, càirdeas, dìlseachd. 4. the act of contracting relation to another : ceangal-bainne. 5. the persons allied to each other : càirdcan, luchd-co-bhoinn, luchd-cùmhnaint.
ALLIANT, *s.* Caraid, companach.
ALLICIENCY, *s.* Tarruing, cumhachd-tarruing 'u a dh'èigh.
ALLICIENT, *s.* Fear-tarruing.
ALLIGATE, *v. a.* Ceangail, snaidhm r' a chéile.
ALLIGATION, *s.* 1. The act of tying together : snaidhmeadh, snaidhm. 2. a certain rule in arithmetic : an riaghailt shnaidhmeach, dòigh-cunntais leis an faighear a mach luach nìthan coi-measgta.
ALLIGATOR, *s.* An lonach-shligeach, uile-bheist àraidh uisge, an dùthchaibh teth.
ALLIGATURE, *s.* Ceanglachan, lùbag.
ALLISION, *s.* Comh-bhuaidh.
ALLITERATION, *s.* Sruth-thocal.
ALLITERATIVE, *adj.* Aon-litreachail, co-litreachail.
ALLOCATION, *s.* 1. The act of putting one thing to another : cur f'a chéile, co-chur. 2. admission of any thing to another : co-chàireadh.
ALLOUTION, *s.* Labhairt, còmhraidh, comh-labhairt.
ALLODIAL, *adj.* Saor o chis fearainn.
ALLODIUM, *s.* Fearann saor o chis 'am bith, saor-sheilbh fearainn.
ALLONGE, *s.* Siaradh, sàthadh.
ALLOO, *v. a.* Leig, stùig.
ALLOQUY, *s.* Còmhraidh, labhairt, conaltradh.
ALLOT, *v. a.* 1. Distribute by lot : roinn le crann, thoir cuid-crannchuir do. 2. grant : thoir, deònaich. 3. distribute, parcel out : roinn, pàirtich, tomhais a mach.
ALLOTMENT, *s.* 1. That which is allotted to any

one : roinn, cuibhrionn, earrann. 2. part appropriated : crannchur, earrann, cuid.
ALLOTTERY, *s.* Cuibhrionn, cuid, earrann, cuid-crannchuir.
ALLOW, *v. a.* 1. Admit, not oppose : leig le, cead-aich, aontaich. 2. maintain as right : leig le, cead-aich, na bac, seas, tagair. 3. grant, yield : cead-aich, deònaich, géill. 4. grant licence, permit : tabhair comas do, deònaich, ceadach. 5. give sanction to : ceadach, tabhair comas do. 6. give to, pay to : òc, tabhair seachad. 7. appoint for : tabhair, sònrich, suidhich. 8. make abatement, or provision, with concessions regarding something else : leig le, ceadach.
ALLOWABLE, *adj.* 1. Admissible : ceadichte. 2. permitted, lawful : laghail, ceart, dlìgheach.
ALLOWABLENESS, *s.* Ceadachd, comasachd, laghail-eachd, ceartachd.
ALLOWABLY, *adv.* See Allowable.
ALLOWANCE, *s.* 1. Admission, without contradiction : cead, comas, saorsa. 2. sanction, licence, authority : comas, cead, ùghdarras. 3. permission, freedom from restraint : cead, saorsa gun bhacadh. 4. settled rate, or appointment for any use : cuibhrionn, cuid. 5. abatement from the rigour of certain established laws : caomhnadh, leigeadh seachad. 6. established character, reputation : fìghantachd, teistean, clù.
ALLOY, *s.* See Allay.
ALLUBESCENCY, *s.* Toileachas, deònachas.
ALLUDE, *v. n.* Ciallaich, tuig le.
ALLURE, *v. a.* Meall, tàladh, breug, tarruing ort, glac gu scòta, buair.
ALLURE, *s.* Foill-ghlachadh, ribe.
ALLUREMENT, *s.* Mealladh, tàladh, breugadh, buair-eadh.
ALLURER, *s.* Meallair, fear-tàladh, buaireadair.
ALLURING, *s.* Mealladh, tàladh, ribeasach.
ALLURINGLY, *adv.* Gu foilleil, gu cluaintearach.
ALLURINGNESS, *s.* Foillealachd, mealltaireachd, cluaintearbadh.
ALLUSION, *s.* Sanas, ion-shamhlachadh, sùil, sealladh rì.
ALLUSIVE, *adj.* Sanasach, sanasail, co-shamhlach.
ALLUSIVELY, *adv.* See Allusive.
ALLUSIVENESS, *s.* Co-shamhlachadh, tuigsinn le.
ALLUVION, *s.* 1. The carrying of any thing to something else by the motion of water : giùlan le sruth, sruth-ionan. 2. the thing carried by water to something else : salchar-srutha, cobhartachd-srutha.
ALLUVIOUS, *adj.* Sruth-giùilante.
ALLY, *v. a.* 1. Unite by kindred, friendship or confederacy : coimh-cheangal, dean cleamhnas rì, dean càirdeas rì. 2. make a resemblance between two things by similitude, or any other way : dean aon-inntinneach, aonaich, dlùthaich an càirdeas.
ALLY, *s.* Caraid, companach, fear-cleamhnais.
ALMANACK, *s.* Miosachan, uibhrachan-ùine.
ALMANACK-MAKER, *s.* Fear-sgrìobhaidh mhiosachan.
ALMIGHTINESS, *s.* Cumhachd neo-chriochnach, uile-cumhachd.

ALMIGHTY, *adj.* Uile-chumhachdach.

ALMOND, *s.* Cnò-almoín.

ALMOND-TREE, *s.* Craobh-almoín.

ALMONDS OF THE THROAT OR TONGUE, *s.* Fàireag-am bun na teanga.

ALMONER, or ALMNER, *s.* Déircear an rìgh, fear-roinn dhéircean.

ALMONRY, *s.* Ionad-tàimh déirceir an rìgh; tigh-taisg dhéircean.

ALMOST, *adv.* Gu h-inbhe bhig, beag nach, gann nach, theab, uil' ach beag, cha mhòr nach.

ALMS, *s.* Déirc, déircean.

ALMS-BASKET, *s.* Bascaid dhéircean.

ALMS-DEED, *s.* Déirc, oircheas, tabhartas-truacanta.

ALMS-FOLK, *s.* Muinntir-dhéirceil, luchd-thabhairt dhéircean.

ALMS-GIVER, *s.* Déircear, tabhartair-dhéircean, no, oircheis.

ALMS-GIVING, *s.* Oircheas, buileachadh-dhéirc; tabhairt-dhéircean.

ALMS-HOUSE, *s.* Tigh-dhéirc, tigh-bhochd.

ALMS-MAN, *s.* 1. A man who lives upon alms: dìol-déirc, fear-ainnis, culaidh-oircheis. 2. he who gives alms: déircear, tabhartair-dhéircean.

ALMS-PEOPLE, *s.* Luchd-déirce, muinntir tigh-bhochd.

ALNAGAR, ALNAGER, ALNEGER, *s.* Fear-tomhais te slat, fear-dearbhaidh shlatan tomhais am margadh.

ALNAGE, *s.* Slat-tomhais, tomhais-slaite.

ALOE, *s.* 1. Precious wood used in the East for perfumes: àlos, fiodh cùbhraidh. 2. a tree which grows in hot countries: craobh-àlos. 3. medicinal juice made of the leaves of the common aloe tree: àlos, deoch-codail.

ALOFT, *adv.* 1. On high: gu h-àrd, an àirde, shuas. 2. sea-term, as all hands *aloft*: an-àirde.

ALOFT, *prep.* Os-ceann, àrd os-ceann.

ALONE, *adj.* 1. Without another: 'n a aonar, aonar, aonarach, aonaranach, leis-féin. 2. without company: 'n a aonar, gun chuideachd. 3. without an equal: aonar, gun-choimeas. 4. only: a mhàin, 'n a aonar.

ALONE, *adv.* 1. Let alone: leis féin. 2. forbear, leave undone: dhìot.

ALONELY, *adv.* Gu h-aonarach, gu h-aon fhille.

ALONENESS, *s.* Aonaranachd.

ALONG, *adv.* 1. At length: air fad. 2. through any space: tre, air fhad. 3. throughout with all prefixed: uile tre, uil' air fhad. 4. in company with, joined with: maille ri, comh-la, le. 5. with, with understood: air aghaidh, maille ri. 6. forward, onward: air aghairt, air aghaidh.

ALONG-SIDE, *adv.* Ri fhad na luinge.

ALONGST, *adv.* Air fhad, ri fhad.

ALOOF, *adv.* 1. At a distance, but not out of view: tacan as, greis air faibh. 2. applied to persons, it often insinuates caution and circumspection: tacan air ais, air faibh, waithe. 3. *fig.* cunningness in keeping the question at a distance: air faibh, waithe, asdar o 'n chùis. 4. metaphorically, denoting persons who will not be seen in a design: am folach, á scalladh, an cleith. 5. ap-

plied to things which pertain not to one another: gun ghnothuch ri, gun aire ris, air leth waithe.

ALoud, *adv.* See Loud.

Alp, *s.* Sliabh Alpa, beinn Alpa.

ALPINE, *adj.* 1. Relating to the Alps: a bhuineas do shliabh Alpa, Ailpeach. 2. high in a general sense: mòinteachail, àrd mar Alpa. 3. denoting a kind of straw-berry: sùbhag-lair Ailpeach, oigbheag.

ALPHA, *s.* A' cheud litir de 'n aibideil Ghreugach, an ceud ni, an tùs, an toiseach.

ALPHABET. Aibideil.

ALPHABETARIAN, *s.* Foghlumaiche na h-aibidil.

ALPHABETIC, *adj.* Aibidileach, a réir suidheach-ALPHABETICAL, *f* aithn na h-aibidil.

ALPHABETICALLY, *adv.* See Alphabetical.

ALREADY, *adv.* Cheana, mar-thà.

Also, *adv.* 1. In the same manner, likewise: mar an ceudna, fòs, cuideachd, maraon. 2. nearly the same with and: agus, cuideachd, os bàrr.

ALTAR, *s.* 1. The place where offerings are laid: altair, leac-iobairt, crom-leac. 2. communion-table in churches: altair.

ALTARAGE, *s.* Dlighe-altarach, duais fir-altarach.

ALTAR-CLOTH, *s.* Brat-altarach.

ALTAR-PIECE, *s.* Dealbh o's ceann altarach.

ALTAR-WISE, *adv.* Mar altair, a réir coslais altarach.

ALTER, *v. a. et n.* 1. Change, make otherwise than it is: atharraich, mùth, caochail, tionndaidh. 2. take off from a persuasion, practice, or sect: mùth, atharraich barail, tionndaidh, iompaich. 3. become otherwise than before: mùth, atharraich, caochail.

ALTERABLE, *adj.* Mùthalach, iomlaideach, caochluidheach, a dh'fhaodar atharrachadh, so-thionndaidh.

ALTERABLENESS, *s.* Caochluidheachd, mùthalachd.

ALTERABLY, *adv.* See Alterable.

ALTERAGE, *s.* Àrach, macaladh, altrum.

ALTERANT, *adj.* A nì atharrachadh, a caochlaidheas.

ALTERATION, *s.* 1. The act of altering or changing: atharrachadh, mùthadh, tionndadh. 2. the change made: caochladh mùthadh, tionndadh, atharrachadh.

ALTERATIVE, *s.* Iocshlaint-mhùthaidh, iocshlaint a ghlanas an fhuil.

ALTERATIVE, *adj.* Caochluidheach, iomlaideach, buadhach chum mùthaidh.

ALTERCATE, *v. n.* Connasaich, troid, dean connspoid.

ALTERCATION, *s.* Connasachadh, connspoid, troid, tuaireip, tuasaid, comh-stri.

ALTERN, *adj.* See Alternate, *adj.*

ALTERNACY, *s.* Gnìomh a fhèithear mu seach.

ALTERNAL, *adj.* Air mhùthadh dòigh.

ALTERNATE, *adj.* Malairteach, mu seach.

ALTERNATE ANGLES, *s.* Oisinnan co-fhreagairteach air gach taobh.

ALTERNATE, *v. a. et n.* 1. Perform alternately: mùth, dean mu 'n seach. 2. change one thing for another reciprocally: eadar-mhùth, iomlaidich. 3. succeed by turns: thig mu 'n seach, atharraich.

ALTERNATELY, *adv.* See Alternate.

ALTERNATENESS, *s.* Ath-luasganachd.

ALTERNATION, *s.* 1. The reciprocal succession of

things: atharrachadh mu 'n seach. 2. the answer of the congregation speaking alternately with the minister: freagradh mu seach. 3. alternate performance in the choral sense: seinn mu seach.

ALTERNATIVE, *s.* Atharrachadh, roghuinn, an dara aon.

ALTERNATIVE, *adj.* Ann an seòl mùthaidh, a dh'fhalbhas 's a thig.

ALTERNATIVELY, *adv.* See Alternative.

ALTERNATIVENESS, *s.* Ath-luasganachd.

ALTERNITY, *s.* Mùthadh a thig 's a dh'fhalbhas, mal-airt, iomlaid.

ALTHEA, *s.* Gròpais-lòin, molach-fèithe.

ALTHOUGH, *conj.* Ge d', ge, gidheadh.

ALTIGRADE, *adj.* Àrd-shìubhlach, àrd-cheumnach.

ALTIQUENCE, *s.* Àrd-bhùidhean, glòir-dhiomhain, glagaireachd, gleadhraich.

ALTISONANY, } *adj.* Àrd-fhuaimneach, àrd-éigheach.

ALTISONOUS, }

ALTITUDE, *s.* 1. Height of place: àirde. 2. the elevation of any of the heavenly bodies: àirde nan reul, dìreadh nan reul. 3. situation with regard to lower things: àirde os ceann. 4. height of excellence: àirde, inbhe. 5. height of degree, highest point: àrd-mhullach, àrd-bhinnean.

ALTIVOLANT, *adj.* Àrd-itealach.

ALTOGETHER, *adv.* 1. Completely without restriction: gu léir, gu tur, gu buileach, gu h-icmian. 2. conjunctly, in company: ceart còmh-la, uile-cuid-eachd.

ALVEARY, *s.* Nead sheillein, bùth sheillein.

ALUM, *s.* Alm.

ALUM-STONE, *s.* Clach-ailm.

ALUMINOUS, *adj.* Almach.

ALUTATION, *s.* Deasachadh-leathrach.

ALWAYS, *adv.* 1. Perpetually: daonnan, an còmh-nuidh, a ghnàth, riamh. 2. constantly, without variation: daonnan, gun atharrachadh, gun mhùthadh.

AM, *v. s.* Tha mi, ataim, is mi.

AMABILITY, *s.* Àillteachd, bòidheachd, sgiamhachd.

AMAIN, *adv.* Gu dian, 'le ncart, le fìor-spionnadh.

AMALGAM, } *s.* See Amalgamation.

AMALGAMA, }

AMALGAMATE, *v. a.* Co-mheasgaich, aonaich le meas-gadh.

AMALGAMATION, *s.* Co-mheasgachadh, aonachadh.

AMAND, *v. a.* Cuir air ghnathuch, cuir air theachd-airteachd.

AMANDATION, *s.* Dol air ghnathuch, giùlan teachd-airteachd.

AMANDUENSIS, *s.* Cléireach-sgrìobhaidh, fear-sgrìobhaidh briathran neach eile.

AMARANTHI, *s.* An lus-gràidh, lus-maireannach.

AMARITUDE, *s.* Searbhalachd, searbhachd, geurad.

AMARULENCE, *s.* Searbhachd.

AMARULENT, *adj.* Searbh, geur, goirt.

AMASMENT, *s.* Meall, cruach, cruinneachadh.

AMASS, *v. a.* 1. Collect in one heap or mass: trus, cruinnich, cruach, tòrr. 2. *fig.* add one thing to another: cuir ri, cruinnich.

AMASS, *s.* Cruinneachadh, cruach, tòrr, meall.

AMATE, *v. n.* 1. Accompany: coimhidich, imich le.

2. terrify, strike with horror: cuir cagal air, oiltich.

3. perplex, discourage: cuir imcheist air, mì-nhìs-nich.

AMATEUR, *s.* Fear-spéis do dh'eallain nach lean e mar chéird.

AMATORCULIST, *s.* Fearan, gàrlach, peasan-leannain.

AMATORIAL, *adj.* Gradh-lasadh.

AMATORY, *adj.* Gaol-gheamhuinneach, gaol-dhùsgach.

AMAZE, *v. a.* 1. Confuse with terror: cuir fuidh bhuaireas, cuir fuidh eagal. 2. with wonder: cuir ioghnadh air, uamhannaich. 3. put in perplexity: cuir fuidh imcheist, cuir fuidh amharus, cuir amhludh air.

AMAZE, *s.* Ioghnadh, amhludh, uamhann, eagal.

AMAZEDLY, *adv.* Mar fuidh ioghnadh, fuidh amhludh gu h-imcheisteach.

AMAZEDNESS, *s.* Uamhas, ioghnadh, iongantas.

AMAZEMENT, *s.* 1. Confused apprehension of extreme fear or horror: mòr-ioghnadh, fìor-iongantas, gealtachd, uamhann. 2. extreme dejection: amhludh. 3. height of admiration: mòr-ioghnadh, mòr-iongantas. 4. astonishment, wonder: iongantas, uamhas.

AMAZING, *adj.* Iongantach, uamhasach.

AMAZINGLY, *adv.* See Amazing.

AMAZON, *s.* Bean-mhòr, bàin-ghaisgeach, bàin-churaidh, baobh.

AMAZONIAN, *adj.* Gaisgeil, treun mar bhan-churaidh.

AMAZON-LIKE, *adj.* Baobh-shamhuil.

AMBAGES, *s.* Cuairt-fàdh, briathran dorch, tòimhseachain.

AMBAGIOUS, *adj.* Tòimhseachanach, fadalach, cuairteagach, cuairteil.

AMBADE, *s.* Teachdaireachd, gnothùch gu tìr eile.

AMBASSADOUR, or AMBASSADOR, *s.* Àrd theachdaire rìgh gu rìgh eile, rìgh-thosgair, fear-ionaid rìgh.

AMBASSADRESS, *s.* 1. The lady of an ambassador: bean àrd-theachdair' an rìgh. 2. in ludicrous language, a woman sent on a message: ban-theachdaire, ban-tosgair.

AMBADESSAGE, *s.* Teachdaireachd rìgh.

AMBASSY, *s.* Gnothuch an rìgh, teachdaireachd rìgh.

AMBER, *s.* Òmar.

AMBER, *adj.* Òmarach, air dhreach òmar.

AMBER, *v. a.* Cuir fàile òmar dheth, òmarich.

AMBER-COLOURED, *adj.* Air dhreach òmar, buidhe-shoileir.

AMBER-DRINK, *s.* Deoch-shoileir, deoch fhìor-ghlan air dhath òmar.

AMBERGRIS, *s.* Òmar-glas, iocslaint chùblraidh a leghas mar chéir, air dhath na luaithe.

AMBER-SEED, *s.* Siol-òmar, fras searbh Eiphteach air dhath òmar.

AMBER-TREE, *s.* Craobh-òmar, craobh aig am bheil a duilleach air dhath an òmar.

AMBER-WEeping, *adj.* Òmar-shilteach, òmar-dhrùidhach.

AMBEDXTER, *s.* 1. A man who has equally the use of both his hands: gleus-fhear, deas-fhear, fear-deas-lamhach, fear deas le 'dhà làmh. 2. a man

who is equally ready to act on either side in party disputes : fear lean leat.

AMBIDEXTERITY, s. 1. The quality of being able to use both hands : co-dheas-lamhachd. 2. Double dealing : dùbailteachd, foillealachd, cuilbheirteachd.

AMBIDEXTROUS, adj. 1. Co-dheas-lamhach, ealamh air gach làmh. 2. Double-dealing : mealltach, foilleil, leam-leat.

AMBIDEXTROUSNESS, s. Co-dheas-lamhachd, foillealachd, cuilbheirteachd.

AMBIGUITY, s. Dà sheadh, dorchachd, neo-chinnteachd.

AMBIGUOUS, adj. 1. Doubtful, having two meanings : neo-chinnteach, aig am bheil dà sheadh, duilich 's a thuigsinn. 2. applied to persons using doubtful expressions : dùbailte, doilleir.

AMBIGUOUSLY, adv. See Ambiguous.

AMBIGUOUSNESS, s. Neo-chinnteachd, dùbailteachd.

AMBIGLOU, s. Bruidhean dhorela, labhairt doilleir, cainnt dhà-sheadhach.

AMBIT, s. Cuairt, sreang-chuairteachaidh.

AMBITION, s. 1. The desire of preferment or honour : déigh air inbhe, miann air urram. 2. desire of any thing great or excellent : glòir-mhiann, mòr-mhiann air ni oirdheir, àrd-aigneachd. 3. it is used with to before a verb, and of before a noun : iarrras air. 4. a seeking of praise : cliù-iarrras.

AMBITIOUS, adj. 1. Seized or touched with ambition, desirous of honours : an gall air mòrachd, suidhichte air urram, glòir-mhiannaich, mòr-aigneach. 2. eager to grow bigger, aspiring : suidhichte air dìreachd, déigheil air mòrachd, àrd-inntinneach.

AMBITIOUSNESS, s. Mòr-chuiseachd, àrd-inntinneachd, àrd-aigneachd.

AMBLE, v. n. 1. Move upon an amble : ceumnaich le fàlaireachd, rach air fàlaireachd, ceumnaich gu grinn fòill. 2. move easily without shaking : gluais gu furasda, gu còmhnaid. 3. in a ludicrous sense, move with submission : gluais le faicill, siubhail le fòill. 4. walk daintily : spaidisrich, gluais gu h-iollagach.

AMBLE, s. Fàlaireachd, spaidseirachd.

AMBLER, s. Fàlaire, each-marcachd.

AMBLINGLY, adv. Gu fòill-cheumnaich.

AMBO, s. Crannag.

AMBROSIAC, adj. Cùbhraidh.

AMBROSIAL, adj. Cùbhraidh.

AMBROSIAN, adj. Cùbhraidh.

AMBRYS, s. 1. The place where the almoner lives : tigh fir-foinn dhéirean. 2. the place where plate and utensils for house-keeping are kept : amraidh.

AMBULATE, v. a. Spaidisrich, dean fàlhan.

AMBULATION, s. Gluasad, fàlhan, spaidseirachd.

AMBULATIVE, adj. Gluasadach, fàlhanach.

AMBULATORY, adj. 1. That which has the power, or faculty of walking : fàlhanach, gluasadach. 2. that which happens during a passage, or walk : air fàlhanachd, ag coiseachd, ag imeachd. 3. moveable : gluasadach, sìubhach.

AMBURY, s. Foinne fola air each, fliodh.

AMBUSCADE, s. Feall-fholach, plaid-luidhe.

AMBUSCADO, s. Ionad-fàtha, ionad dìomhair gu ionnsuidh theirt air nàmhaid.

AMBUSCADOED, adv. Gu dìomhair am folach.

AMBUSH, s. 1. The place of ambush : feall-fholach, plaid-luidhe, àite dìomhair a chum feitheamh gu olc a chur an gnìomh, ionad-folaich, ionad-fàtha. 2. the act of surprising another by lying in wait : cùl-ghlacadh, ionnsuidh dìomhair, plaid-luidhe, glacadh foilleil. 3. the state of being posted privately : feall-fhuireach, plaid-luidhe, fàth-ghabhail. 4. perhaps the persons placed in private stations : luchd-feall-fholach, luchd-cùl-ghlacaidh, luchd-fàtha.

AMBUSH, v. a. Feall-fholach, dean fàth, luidh am plaid.

AMBUSHED, adj. Feall-fholaichte, air a chur am plaid.

AMBUST, adj. Loisgte, sgàldta.

AMBUSTION, s. Lesgadh, sgàldadh.

AMELIORATE, v. a. Dean ni 's fearr, leasaich.

AMELIORATION, s. Atharrachadh, maith, leasachadh.

AMELLED, adj. See Enamelled.

AMEN, adv. Mur sin biodh, gu mu h-amhluidh, amen.

AMEN, s. An Ti cinnteach, an Amen.

AMENABLE, adj. Freagarraich air son, d' am feudar cunntas a ghabhail.

AMENAGE, v. a. Cum fòdha, cuir srian ri.

AMENANCE, s. Giùlan, gluasad, caithreamh-beatha d' am feudar cunntas a ghabhail.

AMEND, v. a. et n. 1. Correct, change any thing that is wrong to something better : leasaich, càirich, leighis, dean ni 's fearr. 2. reform the life : ath-nuadhach, ath-leasaich. 3. restore passages in writers, recover the true reading : glan o mhearachdan, ceartaich. 4. grow better : leasaich, ath-nuadhach thu féin, fàs ni 's fearr, rach am feabhas.

AMENDFUL, adj. Maith chum leighis, a ghabhas ath-leasachadh.

AMENDING, s. Leasachadh, ath-nuadhachadh.

AMENDMENT, s. 1. A change from bad for the better : leasachadh, ùrachadh, feabhas. 2. reformation of life : ath-nuadhachadh, ath-leasachadh. 4. recovery : leighias.

AMENDS, s. Dioladh, luach, éirig.

AMENITY, s. Taitneachd, ciatfachd, bòidheachd.

ANENTY, s. Caothach, boile, mi-chéill.

AMERCE, v. a. Cuir ùmhladh air, peanasach.

AMERCEABLE, adj. Buailteach do dh' ùmhladh, toillt-inneach air ùmhladh, no, air peanas.

AMERCE, s. Fear-ùmhlaidh.

AMERCEMENT, s. 1. The pecuniary punishment of an offender : ùmhladh. 2. punishment, or loss in general : peanas, call, cailldach.

AMERICAN, s. Americanach, fear à tir America.

AMERICAN, adj. Americanach.

AMESS, s. Léine bhàn an t-sagairt.

AMETHODICAL, adj. Neo-dhoighheil, neo-rianail, zairiaghailteach.

AMETHYST, s. Clach luachmhor, ametist.

AMETHYST, s. Dath na cloich ametist an gearradh arm.

AMIALE, *adj.* 1. Lovely, pleasing : ion-ghràdhach, gaolach, taitneach. 2. pretending love, shewing love : gràdhach, gaolach. 3. pleasant, elegant to the eye : maiseach, àluinn, taitneach. 4. friendly : càirdil, caoinheil.

AMIALENESS, *s.* Gràdhachd, taitneachd, maise.

AMIAILITY, *s.* See Amiability.

AMIABLY, *adv.* See Amiable.

AMICABLE, *adj.* Càirdil, caoinheil, suairce.

AMICABLENESS, *s.* Càirdealachd, suairceas.

AMICABLY, *adv.* See Amicable.

AMID, } *prep.* 1. In the midst, between : am
AMIDST, } meadhon, eadar, dìreach eadar. 2. mingled with : am measg. 3. amongst : am measg.

AMISS, *adv.* 1. Faulty, criminal : gu h-olc, gu dona gu coirach. 2. faultily, criminally : air mhodh dhona, gu coireach, gu ciontach. 3. in an ill sense : gu dona, air dhochair. 4. wrong, improper : gu nearachdach, gu docharach. 5. wrong, imperfect : gu mì-cheart, gu mì-choimlonta. 6. reproachful, irreverent : gu sgeigeil, gu an-dàna. 7. impaired in health : gu h-eucaileach, gu h-olc.

AMISS, *s.* Coireachd, coire.

AMISSIION, *s.* Call, calladh.

AMIT, *v. a.* Caill, fàg.

AMITY, *s.* Càirdeas, co-chòrdadh, deadh choimhearsnachd.

AMMONIAC, *s.* Cungaidh-leigheis àraidh.

GUM-AMMONIAC, *s.* Sùgh pris àraidh s' an àird an ear, sùgh phris Amoin.

SAL-AMMONIAC, *s.* Salan Amoin, salann-fuail.

AMMONIACAL, *adj.* A bhuineas do shalann-fuail.

AMMUNITION, *s.* Uidheam gunnaireachd, àrmeis-chogaidh.

AMMUNITION, *s.* Aran-feachd, lòn shaighdeirean.

AMNESTY, *s.* Maithneas coitcheinn, loghadh cionta, gràs uachdarain.

AMNION, } *s.* Sreothan iochdarach.

AMNIOS, }

AMONG, }

AMONGST, } *prep.* Am measg, air faclh.

AMONG, *adv.* 1. Mingled with : am measg, an ceann a chéile. 2. conjoined with others : còmh-la, am measg.

AMORET, *s.* Leannan, fear-gràidh.

AMORETTE, } *s.* 1. An amorous woman : meam-
AMOURETTE, } nag, ban-suiridheach. 2. love-knots, or flowers : sop-suiridhe, bad-leannanachd. 3. petty amours : cleasachd-leannain, sùgradh-gaoil, beadràdh.

AMORIST, *s.* Suiridheach, leannan.

AMORNING, *adv.* Gu maduinnil.

AMOROSA, *s.* Bean mliacnusach, bean mhear.

AMOROSO, *s.* Fear macnusach, fear mear.

AMOROUS, *adj.* 1. In love, enamoured : toigheach mu, gaolach air. 2. naturally inclined to love : leannanach, miannach, briodalach. 3. relating or belonging to love : gaol-lasadh, gaol-dhùsgach.

AMOROUSLY, *adv.* See Amorous.

AMOROUSNESS, *s.* Meamnachd, briodalachd.

AMORPHOUS, *adj.* Neo-chumaidhail, neo-àbhaiseach, neo-chumanta.

AMORPHY, *s.* Mi-àbhaiseachd, neo-phasantachd.

AMORT, *adv.* Marbh, gu neo-shunndach, gun spiorad.

AMOVAL, *s.* Glan-imrich, trusadh air falbh.

MOVE, *v. a.* 1. Remove from a post, or station : cuir air falbh, cuir a thaobh, atharraich o, cuir á. 2. move, or alter : caochail, tionndaidh.

AMOUNT, *v. n.* 1. Rise in the accumulative quantity : ruig, cuir suas, thig, cuir an àird an cunntas. 2. fig. of the consequence of any thing taken altogether : thig, cuir an àirde. 3. mount upwards : éirich an àirde, dèrch a suas.

AMOUNT, *s.* An t-àireamh iomlan, an t-suim, an t-iomlan.

AMOUR, *s.* Seòmradarachd, gaol mì-laghail.

BLACKEN, *v. a. et n.* 1. Make of a black colour : dubh, dubhaich, dean dubh. 2. darken, cloud : dorchaidh, còmhdaich le neulaibh. 3. defame or make infamous : cùl-chàin, tog droch sgeul, dubh, mill a chliù. 4. grow black, or dark : fàs dorch, bi dubh.

BLACKENER, *s.* Fear-dubhaidh, fear-dathaidh dubh.

BLACKISH, *adj.* Dorch, dubh-fhianhach.

BLACKLY, *adv.* See Black, *adj.*

BLACKMOOR, *s.* See Blackamoor, *s.*

BLACKNESS, *s.* 1. Black colour : dubh, duibhead, dorchachd. 2. darkness : dorchachd, duibhreachd, doilleireachd. 3. atrociousness : aingidheachd, uamharrachd.

BLACKSMITH, *s.* Gobha, gobhann, gobhann dubh.

BLACK THORN, *s.* Droigheann dubh, preas nan àirneag.

BLADDER, *s.* 1. That vessel in the body which contains the urine : eutroman, aotroman, balg. 2. it is often filled with wind to which allusions are frequently made : balg-gaoithe eutroman-gaoithe. 3. supporters in swimming : eutroman, builg-ghaoithe, bollachan. 4. a blister, a pustule : balgan, guircean.

BLADDERED, *adj.* Sèidte mar eutroman.

BLADE, *s.* 1. The spire of grass before it grows to seed, the green shoots of corn : bileag-fheoir, duilleag fheoir, bileag-fhochainn. 2. the sharp or striking part of a weapon, distinct from the handle : lann, lamine, iarunn claidheimh. 3. a brisk man : lasgair, fear spaidheil. 4. (blade) of the shoulder or (blade) bone : enaimh-slinnean.

BLADE, *v. a.* Faigh lann, crioslaich le lann.

BLADED, *adj.* Bileagach, duilleagach, lannach.

BLADESMITH, *s.* Gobhann-chlaidheamh.

BLAIN, *s.* Neasgaid, guirean, leus.

BLAMABLE, *adj.* Coireach, ciontach, lochdach, airidh air achmhasan.

BLAMABLENESS, *s.* Ciontachd, coireachd.

BLAMABLY, *adv.* See Blamable.

BLAME, *v. a.* 1. Censure, charge with a fault : coirich, faigh cron do. 2. blenish, bring reproach upon : truail, maslaich, oilbheumach.

BLAME, *s.* 1. Imputation of a fault : coire, cionta. 2. crime : lochd, cionta, cron, oilbheum. 3. hurt, goirteachadh, ciùrradh.

BLAMEFUL, *adj.* Coireach, ciontach, lochdach.

BLAMELESS, *adj.* Neo-choireach, neo-lochdach, neo-chiontach.

BLAMELESSLY, *adv.* See Blameless.

BLAMELESSNESS, *s.* Neo-chiont, neo-choireachd, treibhdhìreas.

BLAMER, *s.* Fear-cronachaidh, fear-coireachaidh.

BLAMEWORTHY, *adj.* Ion-choireach, airidh air achmhasan, toilltinnach air buille.

BLAMEWORTHINESS, *s.* Ion-choireachd, airidheachd air achmhasan; toilltinnachd air buille.

BLANCH, *v. a. et n.* 1. Whiten : gealaich, dean geal, dean bàn. 2. strip or peel such things as

have husks: rùisg, sgrath. 3. slur, bulk, pass over: seachain, fag, leig le, theirig thairis. 4. evade, shift, speak soft: scachain, cuir a thaobh, labhair gu fòil, buin gu sèimh ri.

BLANCHIER, *s.* Fear-galachaidh, gealadair.

BLAND, *adj.* Caoin, caonh, min, tlà, sèimh, ciùin, fòil.

BLAND, *v. a.* Dean caoin, sèimhich, ciùinich.

BLANDATION, *s.* Miodal tlà, caoin-mholadh, sodal.

BLANDILOQUENCE, *s.* Cainnt mholtach, briatharmilis, tlà-chainnt, caoin-mholadh.

BLANDISH, *v. a.* Sèimhich, dean caoin, breug, dean cainnt tlà, dean beul breagha.

BLANDISHER, *s.* Miodalaiche, fear caoin-mholaidh, fear tlà-chainnteach.

BLANDISHING, *s.* Tlà-chainnt, caoin-mholadh, briathar caoinneil.

BLANDISHMENT, *s.* 1. Act of fondness: caoinhneas, caidreamh, tladh. 2. soft words, kind speeches: cainnt-tlà, caoin-mholadh, briatharmilis, fòil-labhairt, beul breagha. 3. kind treatment, earnest: caoinhneas, tladh.

BLANK, *adj.* 1. White: geal, bàn. 2. without writing, unwritten: geal, bàn, gun sgrìobhadh. 3. pale, confused, crushed: bàn, glas-bhàn. 4. without rhyme, where the rhyme is blanché: neo-fanntach.

BLANK, *s.* 1. A void space on paper: àite falamh, ionad geal, mìr pàipeir gun sgrìobhadh. 2. a lot, by which nothing is gained, which has no prize marked upon it: pàipeir falamh, crannchur gun luach. 3. a paper from which the writing is effaced: sgrìobhadh di-mhillte, pàipeir sgrìobhta nach gabh leughadh. 4. a paper unwritten, any thing without marks, or characters: pàipeir geal, geal. 5. a point to which the arrow is directed: cuspair. 6. aim, shot: ionnsuidh, cuimse, urchair.

BLANK, *v. a.* 1. Damp, confuse, dispirit: di-mhisnich, cuir fuaidh amhladh, claoil a spiorad. 2. efface, annul: dìthich, di-mhill.

BLANKET, *s.* Plaide, plaideag.

BLANKET, *v. a.* 1. Cover with a blanket: còmhdaich le plaide, cuir am plaide. 2. toss in a blanket: crath ann am plaidibh, luaisg 's an athar am plaidibh.

BLANKETING, *s.* Crathadh, no luasgadh 's an athar am plaidibh.

BLANKLY, *adv.* See **Blank**, *adj.*

BLAKE, *v. n.* Raoichd, dean bùirich.

BLASPHEMY, *p. a. et n.* 1. Speak in terms of impious irreverence of God: Dia-mhaslach, dean tair air Dia, thoir toibheum do ainm Dhé. 2. speak evil of: mallach e, labhair gu h-olc uime, ruith a sìos e. 3. speak blasphemy: labhair toibheum.

BLASPIEMER, *s.* Fear-labhairt toibheim, fear-mallachaidh Dhé.

BLASPHEMING, *s.* Labhairt toibheim, toibheumachadh.

BLASPHEMOUS, *adj.* Toibheumach.

BLASPHEMOUSLY, *adv.* See **Blasphemous**, *adj.*

BLASPHEMY, *s.* Toibheum, Dia-mhaslach.

BLAST, *s.* 1. A gust or puff of wind: osag, séideag

oiteag. 2. the sound made by blowing any instrument of wind music: séideadh, sgál. 3. the stroke of a malignant planet: séideag sgriosach, buille-losgaidh.

BLAST, *v. a.* 1. Strike with a sudden plague, or calamity: buail le plàigh, gon, dean di-mhillteadh grad. 2. make to wither: seachd, loisg, dàth, searg. 3. injure, invalidate: mill, thoir gu neo-nì. 4. cut off, hinder from coming to maturity: gearr sìos, searg, thoir air seachdadh. 5. confound, strike with terror: tuairgnich, cuir fuaidh bhuaireas, cuir eagal air.

BLASTER, *s.* Fear-millidh, fear-gonaidh, fear-seargaidh.

BLASTMENT, *s.* Séideag, grad-bhuille, plàigh léir-sgrios.

BLATANT, *s.* Geumnach mar laogh.

BLATCH, *v. a.* See **Blotch**, *v. a.*

BLATERATION, *s.* Bladhmaireachd, bladhaireachd, glagaireachd, blaoghanachd.

BLATEROON, *s.* Bladhdaire, glagair, clab-sgàin.

BLATTER, *v. n.* Dean bladhmaireachd, bi geumnaich.

BLAZE, *s.* 1. Flame: lasair, solus lasarach, leus-solus. 2. publication, wide diffusion of report: craobh-sgaoileadh, foillseachadh, dol am farsuingeachd mar theine. 3. a large white mark upon a horse, in the forehead: blàradh, geal-aodainn.

BLAZE, *v. a. et n.* 1. Publish, make known, spread far and near: cuir am farsuingeachd, craobh-sgaoil. 2. give an account of ensigns armorial in proper terms: aithris comharran an gearradh arm, cuir an cùil comharran brataich an òrdugh. 3. flame, shew the light of the flame: dealraich, dean lasair, soillsich. 4. be conspicuous: bi soilleir, dealraich, taisbein thu fèin.

BLAZER, *s.* Fear-craobh-sgaoilidh sgeòil, ballsgaire, fear-aithris ionraidh.

BLAZON, *v. a.* 1. Explain in proper terms the figures on ensigns armorial: dean soilleir comharran an gearradh arm, minich comharran suaicheantais. 2. deck, embellish: sgeadaich gu maiseach, sgèimhich, cuir an trusan rionnach. 3. display, set to show: seòl gu folluiseach, taisbein, cuir a mach. 4. celebrate, set out: àrd-mhol, sgaoil a chliù. 5. blaze about, make public: sgaoil mu 'n cuairt, dean folluiseach, gairm a suas, no 'n àird.

BLAZON, *s.* 1. The art of drawing or explaining coats of arms: gearradh arm, minicheadh gearraidh arm. 2. show, publication: soillseachadh, craobh-sgaoileadh, taisbeanadh. 3. celebration, proclamation of some quality: moladh, cliù-ghairm.

BLAZONER, *s.* 1. A herald: fear-cìgheach chùmh-nant, teachdaire airm gu arm eile. 2. an evil speaker: fear cùl-chàinidh, fear-togail droch alla.

BLAZONRY, *s.* Eòlas ghearradh arm, suaicheantachd.

BLEA, *s.* Farrug craoibhe.

BLEACH, *v. a. et n.* Gealaich, dean geal air todhar, fàs geal air todhar, no, a mugh.

BLEACHERY, *s.* Gealadair, fear-gealachaidh.

BLEACHERY, *s.* Tigh-gealachaidh, blàr-gealachaidh.

BLEAK, *adj.* 1. Pale: bàn, glas-neulach. 2. cold,

chill, cheerless : lom, fuar, fuaraidh, nochdaidh, gun tuar.

BLEAKNESS, s. 1. Coldness, chilliness : fuarachd, luime, mi-thuar. 2. paleness : gach-nìalachd.

BLEAKY, adj. See Bleak, *adj.* 2.

BLEAKLY, adv. See Bleak, *adj.* 2.

BLEAR, adj. 1. Dim with rheum or water : rèasg-shuileach, prab-shuileach, mùsgach, dearg-shuileach, brach-shuileach. 2. dim, obscure in general, or that which makes dimness : doilleir, dorch, neulach.

BLEAR-EYED, adj. 1. Having sore eyes : rèasg-shuileach, prab-shuileach, brach-shuileach. 2. having an obscure understanding : dall, doilleir, dorch-inntineach.

BLEAR, v. a. 1. Make the eyes watery or sore with rheum : dean prab-shuileach, dean sùil uisgidh. 2. dim the eyes : dall, doilleirich an sealladh, tarruing neul air an fhradharc.

BLEAREDNESS, s. Rosbachd, mùsgachd, prab-shuileachd.

BLEAT, v. n. Mèil, dean mèil.

BLEAT, s. Mèil.

BLEATING, s. Mèilich.

BLOB, s. Guirean, leus, builgean.

BLEE, s. Aogas, snuadh, dreach.

BLEED, v. a. et n. 1. Let blood, take blood from : leig fuil á, thoir fuil á, tarruing fuil á. 2. lose blood, run with blood : caill fuil, sil fuil. 3. die a violent death : sil fuil gu bàs, bàsaich le sìleadh fola. 4. lose blood medicinally : caill fuil. 5. drop as blood : sil, sil mar bhoinnean fola.

BLEIT, } adj. Saidealta, nàrach.

BLATE, }

BLEMISH, v. a. 1. Mark with any deformity : cuir gaoid ann, mill, cuir galar ann, ciùrr. 2. defame, tarnish, with respect to reputation : salaich, truail, mi-chlàithaich, cuir a sìos.

BLEMISH, s. 1. A mark of deformity, a scar : ciorram, gaoid, cron, ailt. 2. reproach, disgrace, imputation : tàmailt, tàir, mi-chliu, sgaineal. 3. a soil, turpitude, deformity : sal, gràinealachd, mì-nhaise, mì-dhreach.

BLEMISHLESS, adj. Neo-lochdach, neo-choireach, gun ghaoid, fallain, coimhionta.

BLEMISHMENT, s. Maslachd, salachadh, gràinealachd, mi-chlàitachd, ciorram.

BLEND, v. a. et n. 1. Hinder, obstruct : bac, cum air ais. 2. shrink, start back, give way : crup, teich air ais, clisg, siap air falbh.

BLEND, s. Clisgeadh, leum grad.

BLENCHER, s. Culaidh-chlisgidh, culaidh-charachaidh.

BLEND, v. a. 1. Mingle together : coimeascaich, cuir an ceann a chéile. 2. confound : cuir foimh chéile. 3. pollute, spoil : truail, salaich, mill. 4. blind : dall, doilleirich.

BLENDER, s. Fear-coimeasaidh, fear-cur an ceann a chéile.

BLESS, v. a. 1. Make happy, prosper : beannaich, dean sona, soirbhich. 2. wish happiness to another : beannaich, guidh beannachdan air. 3. con-

secrate by prayer, pronounce a blessing upon : coisrig, beannaich, guidh beannachd air. 4. praise, glorify for benefits received : beannaich, mol, glòirich, thoir taing.

BLESS US, interj. Beannaich sinn ! teasraig sinn !

BLESSED, adj. 1. Happy, enjoying felicity : beannaichte, sona. 2. holy and happy : naomh, beannaichte. 3. happy in the joys of heaven : beannaichte, ionlan sona. 4. having received the benediction of another : an dhéigh beannachadh fhaotainn, air a bheannachadh.

BLESSELY, adv. See Blessed.

BLESSEDNESS, s. 1. Happiness, felicity : beannachadh, sonas. 2. sanctity : naomhachd. 3. heavenly felicity : sonas nàmhaidh, sonas ionlan. 4. divine favour : beannachadh, gean-maith Dhé.

BLESSER, s. Fear-beannachaidh, fear-tabhairt soirbheachaidh.

BLESSING, s. 1. Benediction : beannachadh, beannachd. 2. a declaration by which happiness is promised in a prophetic manner : beannachadh. 3. any of the means of happiness, a gift : beannachd, tìodhlac, buannachd, sochair. 4. divine favour : caoimhneas Dhé, làthaireachd Dhé, gean-maith an Tighearna. 5. the presents which friends make to one another : beannachadh, tìodhlac.

BLEST, adj. See Blessed.

BLEW, pret. Shèid. See Blow, *v.*

BLIGHT, s. 1. Mildew : fuar dhealt, liath-feothadh. 2. any thing nipping or blasting : crìonadh, seargadh.

BLIGHT, v. a. 1. Corrupt with mildew : seac, crìon, mill le liath-feothadh. 2. blast, hinder from fertility : dàth, seac, crìon, sgrios.

BLIN, v. a. Stad, fan, fuirich, seas.

BLIND, adj. 1. Deprived of sight : dall, gun fhradharc, dorch. 2. intellectually dark : dall-inntinneach, aineolach, dorch-thuigseach. 3. unseen, out of the public view : folaichte, as an t-sealladh, an cleth. 5. not easily discernable, dark : doilleir, dubharach, dìomhair.

BLIND, v. a. 1. Make blind : dall, dean dall, thoir a fhradharc uath. 2. darken, obscure to the eye : dorchaidh, dean doilleir, dean dubharach. 3. darken the understanding : dall-inntinn, dorchaidh a thuigse. 4. obscure to the understanding : dean doilleir, dorchaidh. 5. eclipse : tarruing dubhar air, dorchaidh.

BLIND, s. 1. Something to hinder the sight : sgàile-shùl, dall-bhrat. 2. something to mislead the eye or the understanding : sgàile-meallaidh, leisgeul mealltach. 3. a hiding place : ionad-folaich, àite-folaich.

BLINDFOLD, v. a. Dall, doilleirich dorchaidh, còmhdaich a shùilean.

BLINDFOLD, adj. Sàil-chòmhdaichte, dall.

BLINDLY, adv. See Blind, *adj.*

BLINDMAN'S-BUFF, Dallan dà.

BLINDNESS, s. 1. Want of sight : doille. 2. ignorance, intellectual darkness : ain-eolas, dorchadas inntinn.

BLINK, v. n. 1. Twinkle : caog, priob. 2. see obscurely : faic gu doilleir.

BLINK, s. Sealladh grad, plathadh.

BLINKARD, s. 1. One that has bad eyes : fear priob-shuileach, fear prab-shuileach, caogaire, priob-ard. 2. something twinkling : crith-bhoillsgeadh, priobadh.

BLISS, s. 1. The highest degree of happiness : àrd-shonas, beannachadh nàmhaidh, sonas nam fàithcas. 2. felicity in general : beannachadh, sonas.

BLISSFUL, adj. Làn-aoibhneach, beannaichte, ionlan sona, fìor-shubhach.

BLISSFULLY, adv. See Blissful.

BLISSFULNESS, s. Sonas, aoibhneas coimhlionta, mòr shubhachas, beannachadh.

BLISSLESS, adj. Neo-shona, neo-shubhach.

BLIST, adj. See Blessed.

BLISTER, s. 1. A pustule formed by raising the cuticle from the cutis : leus, bolgan, guircan, plucan. 2. any swelling made by the separation of a film or skin from the other parts : éirigh craicinn, bòcadh 's a' clraicinn.

BLISTER, v. a. et n. 1. Raise blisters by some hurt : thoir leus air, thoir éiridh craicinn air, bolgaich. 2. raise blisters with a medical intention : tog bolg uisg air a' chraicinn le cungaidd-leighis, bolgaich. 3. rise in blisters : bòc, éirich 'h ad ghuireanaibh.

BLITHE, adj. Ait, aoibhinn, sunntach, aighearach, cridheil.

BLITHFUL, adj. Ait, aoibhinn, sunndach.

BLITHLY, adv. See Blithe.

BLITHNESS, } s. Aiteas, sunndachd, cridheal-
BLITHSONESS, } aich.

BLITHSOME, adj. See Blithe.

BLOAT, v. a. et n. 1. Swell, or make turgid with wind : séid suas, bòc. 2. grow turgid : at, séid suas, fàs làn le gaoth.

BLOAT, adj. Air at, séidte suas, air bòcadh.

BLOATEDNESS, s. At, bòcadh, séideadh, làn neasgaid is mheallan.

BLOBBY, s. See Blubber.

BLOBBY-LIP, s. Spreill, meill, beul tiugh.

BLOB-LIPPED, } (adj.) Busach, sprilleach, meill-
BLOBBY-LIPPED, } each.

BLOCK, s. 1. A heavy piece of timber : sgonn, òrd-fiodha. 2. a mass of matter : pluc, meall, cnap, ploc. 3. a mass of body : meall, pluc, ploc. 4. a rude piece of matter in contempt : ploc, sgonn, meall. 5. the piece of wood on which hats are formed : ploc, cnap, ceap. 6. the wood on which criminals are beheaded : ealag nan ceann. 7. an obstruction, a stop : ceap-tuislidh. 8. a sea term for a pully : ulag. 9. a blockhead : clod-cheann, baòth-fhear.

BLOCK, v. a. Dùin a steach, iom-chuartaich, druid a stigh.

BLOCK-HOUSE, s. Daingneach, dùn-dìona acarsaid, no, baile callaidh.

BLOCK-TIN, s. Staoin gun truailleadh, meall staoin neo-mheasgta.

BLOCKADE, v. a. Iom-chuairtich, iom-dhruid, teann fì air gach taobh.

BLOCKADE, s. Iom-dhruideadh, iom-chuartaich-adh.

BLOCKHEAD, s. Bumaileir, sgonn gun tuinge, umpaidh, gurraicheach, bathoaire, amblair.

BLOCKHEADED, adj. Clod-cheannach, neo-thuigseach, amhlairach.

BLOCKHEADLY, adv. See Blockheaded.

BLOCKISH, adj. Clod-cheannach, trom, aineolach, mi-thuigseach.

BLOCKISHLY, adv. See Blockish.

BLOCKISHNESS, s. Umpaidheachd, amhlairachd, bumaileireachd.

BLOCKLIKE, adj. See Blockish.

BLOKNET, adj. Liath-ghorm.

BLOOD, s. 1. The red liquor that circulates in the body of animals : fuil. 2. child, progeny : fuil, sliochd, siol, gineal. 3. family, kindred : teaghlach, luchd-dàimh, càirdean. 4. descent, lineage : sinnsireachd, gineal, cinnèadh. 5. royal lineage : fuil rìoghail, sliochd rìoghail. 6. birth, high extraction : breith inbheach, àrd uaisle. 7. murder, violent death : fuil, dòrtadh-fola, mortadh. 8. life : fuil, beatha. 9. for blood : airson a bheatha. 10. the carnal part of man, as *flesh and blood* : fuil is feòil. 11. temper of mind, state of the passions : aomadh inntinn. He did it in hot blood : rinn se e am boil inntinn. He did it in cold blood : rinn se e an suidheachadh inntinn e. 12. a hot spark : duine bras. 13. the juice of any thing : sùgh.

BLOOD, v. a. 1. Stain with blood : salaich le fuil, còmhdaich thairis le fuil. 2. enter, enure to blood, as a hound : thoir fuil do. 3. let blood medically : thoir fuil as, leig fuil as. 4. heat, expasperate : cuir fearg air, cuir corruich air.

BLOOD-ESPOTTED, adj. Ballach le fuil, breac le fuil.

BLOOD-BOLTERED, adj. Aig am bheil 'thalt làn fola, falt-fhuileach.

BLOOD-CONSUMING, adj. Fuil-chaitreach.

BLOOD-DRINKING, adj. Fuil-dhleòthalach, a dh'òlas an fuil.

BLOOD-FROZEN, adj. Fuil-feòthta.

BLOOD-HOT, adj. Fuil-theth, teth mar fuil.

BLOOD-LET, v. n. Leig fuil as, buail cuisle ann.

BLOOD-LETTER, s. Fear-tarruing fola.

BLOOD-RED, adj. Dearg mar fuil, fuil-dhearg.

BLOOD-STAINED, adj. Ballach le fuil.

BLOOD-SIZED, adj. Smeurta le fuil, còmhdaichte le fuil.

BLOOD-STONE, s. Clach-fhola.

BLOOD-THIRSTY, adj. Fuilteach, fuileachdach, marbhtach.

BLOOD-VESSEL, s. Soitheach-fola, cuisle, fèith.

BLOOD-GUILTINESS, s. Mortadh, cionta-fola.

BLOOD-HOUND, s. Cù-luirg, gaothar seilge.

BLOODILY, adv. See Bloody.

BLOODINESS, s. 1. The state of being bloody : fuilcachd, fuilteachas. 2. the disposition to shed blood : fuilcachd, dèidh air dòrtadh fola.

BLOODLESS, adj. 1. Without blood, dead : marbh, gun fuil. 2. without slaughter : gun mharbhl-

adh, neo-fhuilteach. 2. without spirit, or activity : marbh, neo-smiorail.

BLOOD-SHED, *s.* 1. The crime of blood, or murder : dòrtadh-fola, marbhadh. 2. slaughter, waste of life : àr, mortadh.

BLOOD-SHEDDER, *s.* Fear-dòrtaidh fola, mortair.

BLOOD-SHEDDING, *s.* Dòrtadh-fola.

BLOOD-SHOT, } *s.* Fuil-thaomta, fuil-fuitheach,

BLOOD-SHOTTEN, } a' brùchdadh le fuil, fuilteach.

BLOOD-SUCKER, *s.* 1. A leech, a fly, any thing that sucks blood : deal, creithleag, deòthladair fola. 2. a cruel man, a murderer : fear fuileachdach, mort-air.

BLOOD-SUCKING, *adj.* A' sùghadh fola, a deòth fola.

BLOOD-WARM, *adj.* Meagh-bhlàth, blàth mar fhuil.

BLOOD-WITE, *s.* Ailigod-fola, ùmhladh fola.

BLOODY, *adj.* 1. Stained with blood : fuilteach, air a chrathadh le fuil. 2. cruel, murderous : fuilteach, fuileachdach, marbhtach, an-ìochdmhor.

BLOODY-EYED, *adj.* Sùil-fhuilteach.

BLOODY-FACED, *adj.* Gnùis-fhuilteach.

BLOODY-FLUX, *s.* Gearrach fola.

BLOODY-FLUXED, *adj.* Fuidh gheàrrach fola.

BLOODY-MINDED, *adj.* Neo-ìochdmhor, fuilteach.

BLOODY-RED, *adj.* Fuil-dhearg, air dhath fola.

BLOOM, *s.* 1. A blossom : blàth. 2. the state of ripening to a higher perfection : ùr-fhàs, cinneachadh, snuadh na h-òige. 3. the blue colour upon plums and grapes newly gathered : snuadh, dreach.

BLOOM, *v. a. et n.* 1. Produce the blossom : thoir a mach blàth, thig fuidh blàth. 2. produce, as blossoms : thoir a mach meas, thoir toradh uait. 3. be in a state of youth and improvement : bi teachd fuidh blàth, fàs, cinn.

BLOOMINGLY, *adv.* A' teachd fuidh bhlàth, a' fàs, a' cinneachadh.

BLOOMY, *adj.* Làn bhlàth, blàthmhor, ùrar.

BLORE, *s.* Séideadh, oiteag, osnadh.

BLOSSOM, *s.* Blàth, bàrr-guc.

BLOSSOM, *v. n.* Cuir a mach blàth, thig fuidh bhlàth.

BLOSSOMY, *adj.* Làn bhlàth, blàthmhor.

BLOT, *v. a.* 1. Obliterate, make writing invisible, by covering it with ink : dubh a mach. 2. efface, erase : sgrìob as, cuir as. 3. make black spots on paper : salaich, cuir ball dubh air. 4. disgrace, disfigure : maslaich, cuir mi-dhreach air. 5. darken : duaichnich, dorchach.

BLOT, *s.* 1. An obliteration of something written : dubhadh a mach, sgrìobadh as. 2. an extinction of light : dorchadh, smal, sgleò. 3. a blur, a spot upon paper : ball dubh, smal, sal. 4. a spot in reputation, a stain, disgrace : ball dubh, sal, cron, lochd, masladh.

BLOTCH, *s.* Leus, guirean, buillean.

BLOTCH, } *v. a.* Dubhaich, dorchach.

BLATCH, }

BLOTE, *v. a.* Tiormaich s' an deathach, croch 's an t-sùithe.

BLOTTING, *s.* Cur bhall dubh air, salachadh, dubhadh.

BLOW, *s.* 1. The act of striking : bualadh, slachdadh. 2. a stroke : buille, gleadh, sgealp. 3.

the fatal stroke, the stroke of death : buille-bàis, buille-chrìochnachaidh. 4. an act of hostility : buille, beum. 5. a sudden calamity : buille-thub aist. 6. a single action, a sudden event : grad-bhuille. 7. the act of a fly, by which she lodges eggs in flesh : luidhe cuileig. 8. bloom : blàth.

BLOW, *v. a. et n.* 1. Drive with the force of the wind : séid. 2. inflame with wind : séid suas, lion le gaoth. 3. swell, puff into sizes : séid suas, at. 4. form into shape by the breath : séid suas, cuir gaoth ann. 5. sound an instrument of music : séid, cuir gaoth ann. 6. warm with the breath : analaich, séid le d'anail. 7. spread by report : craobh-sgaol, fòillsich, dean iomraideach. 8. extinguish by the wind, or the breath : séid as. 9. rise, or swell with breath : séid an àird le anail, bòc. 10. inflate with pride : séid le àrdan, at suas, bòc. 11. kindle : séid an àird, fùdaidh. 12. move by afflatus : séid a suas, at. 13. burst with gunpowder, raise into the air : séid a suas, séid 's an athar. 14. infect with the eggs of flies : salaich le buille chuileig. 15. make stale : séid air sean phìob, aithris gnàth-fhocal cumanta. 16. make a current of air : bi séideadh. 17. pant, puff : bi gearn analach, plog. 18. sound with being blown : fuaimnich, séid. 19. sound, play musically by the wind : séid le inneal ciùil, dean caol-séideadh. 21. pass away without effect : séid seachd, séid thairis. 22. bloom, or blossom : thig fuidh bhlàth, cuir blàth a mach.

BLOWER, *s.* 1. A melter of tin : leaghadair staoine. 2. he that bloweth what produces sound : fear-séididh inneil ciùil, fear-seinn. 3. that which draws up the fire in a stove, or chimney : pìob-tharruing. 4. he which storms, or blows up : fear séididh 's an athar, fear-cuir 's na speuraibh.

BLOWING, Séideadh.

BLOWN, *adj.* Séidte, air at, bòcta.

BLOWPIPE, *s.* Pìob-séididh.

BLOWTH, *s.* See Blossom.

BLOWZE, *s.* Caile phluiceach dhearg.

BLOWZY, *adj.* Ruiteach, dearg 's an aghaidh, loisgte leis a' ghraim.

BLUB, *v. a.* At, bòc.

BLUBBER, *s.* 1. The part of a whale which contains the oil : saill muice-mara. 2. sea-nettle : deann-dag mhara.

BLUBBER, *v. a. et n.* 1. Swell the cheeks with weeping : at t'aghaidh le caoincadh, cuir glug-adaich-guil air. 2. weep in such a manner as to swell the cheeks : dean glucadaich-guil, dean caoincadh aileagach.

BLUDGEON, *s.* Bata, slacan, cuaille.

BLUE, *adj.* Gorm.

BLUE, *s.* Guirmean.

BLUEBOTTLE, *s.* 1. A flower of the bell shape : gille-guirmen, gille gorm, gorman. 2. a fly with a large blue belly : cuileag mhòr.

BLUE-EYED, *adj.* Gorm-shuileach.

BLUE-HAIRED, *adj.* Gorm-fhaltach, air am bheil falt gorm.

BLUELY, *adv.* See Blue, *adj.*

BLUENESS, s. 1. The quality of being blue: guirme, guirmead, gormachd. 2. the livid appearance of a wound: guirme.

BLUE-VEINED, adj. Gorm-chuisealach.

BLUFF, adj. 1. Big, surly, blustering: atmhor, bòcach, grumach, glagach, àrd-bhrìatharach. 2. not pointed, obtuse: maol, neo-ghèur.

BLUFFNESS, s. Grumachd, iargaltas, doimheadh.

BLUSH, adj. Liath-ghorm, air am bheil gorm eutrom.

BLUSHINESS, s. Liath-ghuirmeachd.

BLUNDER, v. a. et n. 1. Mix foolishly, or blindly: coinneasc gu dall, cuir aon ni an àite ni eile. 2. make to blunder, or confound: cuir air mhearl, cuir air seacharan. 3. mistake grossly: rach mearachd, dean bladhmaidheach, mearachadh. 4. flounder, stumble: tuislich, tuit an iomrall.

BLUNDER, s. Mearachd, iomrall, tuisleadh.

BLUNDERBUSS, s. Gunna peileirach, gunna-glaice.

BLUNDERER, s. Iomrallaiche, maolan, fear mearachdach.

BLUNDER-HEAD, s. Maolan, umpaidh, clod-cheann.

BLUNDERINGLY, adv. Gu mearachdach, gu tuisleadh.

BLUNT, adj. 1. Dull on the edge: maol, neo-ghèur, gun fhaobhar. 2. dull in understanding: maol, neo-ghèur, neo-thuigseach, umpaidheil. 3. rough, not delicate, not civil: aineolach, mi-mhodhail. 4. abrupt, not elegant: neo-fhaicilleach, neo-chuimeir, aineolach. 5. hard to penetrate: cruaidh, teann, tiugh.

BLUNT, v. a. 1. Dull the edge, or point: maolaich, thoir air falbh am faobhar. 2. repress, or weaken any appetite: thoir air falbh faobhar, maolaich, lagaich, ciosaich.

BLUNTING, s. Maolachadh, lagachadh, taiseachadh.

BLUNTLY, adv. See *Blunt, adj.*

BLUNTNESS, s. 1. Want of edge, or point, dulness: maoilead, cion-faobhair, neo-ghèiread, cion-tuigse. 2. coarseness, roughness of manners: mi-mhodhalachd, umpaidheachd.

BLUNT-WITTED, adj. Clod-cheannach, neo-ghèur, maol.

BLUR, s. Ball salach, smal, sal.

BLUR, v. a. 1. Obscure, without quite effacing: salach, dorchaidh, fàg dauchuidh. 2. blot, stain, sully: cuir ball salach air, tarruing smal air, fàg dubh.

BLURT, v. a. Labhair gu othail, leig uat gun aire.

BLUSH, v. a. et n. 1. Make red: maslaich, nàrach, cuir gu rughadh-gruaidhe. 2. betray, shame, or confusion: biodh rughadh-gruaidhe ort, fàs ruiteach. 3. carry a red colour: bi ruiteach.

BLUSH, s. 1. The colour in the cheeks raised by shame or confusion: rughadh, gnùis-nàire, ruiteag. 2. a red or purple colour: rughadh, deirge. 3. sudden appearance: sealladh grad, plathadh. 4. resemblance: coltas, samhlaidh.

BLUSHET, s. Cailcag ruiteagach.

BLUSHFUL, adj. Ruiteagach, gnùis-nàrach.

BLUSHING, s. Rughadh, ruiteag, deirge.

BLUSHLESS, adj. Gun rughadh gruaidhe, mi-nàrach, ladama.

BLUSHY, adj. Ruiteach, ruiteagach, gnùis-nàrach.

BLUSTER, v. a. et n. 1. Blow down: tilg sìos, buail gu talamh. 2. roar as the storm: beuc, dean toirm mar an sìan, séid gu h-àrd. 3. bully, puff, be tumultuous: bagair, dean collaid, bi gleadhraich, dean glagaireachd.

BLUSTER, s. 1. Roar of storms, tempests: séid-eadh, gailion, beucadh, toirm. 2. noise, tumult: collaid, gleadhraich, stairich. 3. turbulence, fury: aìmhreit, co-stri, àrd-chorruich. 4. boast, boisterousness: bagair, bòsd, spagluinn.

BLUSTERER, s. Fear-bagair, glagaire, fear-spagluinn, fear-ràiteachais, ceathnach ladarna.

BLUSTERING, s. Collaid, gleadhraich, aìmhreit, stairich.

BLUSTEROUS, adj. Collaideach, spagluinneach, aìmh-reiteach, bagarach.

Bo, interj. Oh! oh! bo!

BOAR, s. Torc, cullach, fiadh-chullach.

BOAR-SPEAR, s. Torc-lann.

BOARD, s. A piece of wood of more length and breadth than thickness: bòrd, clàr, déile, mir tana fiodha. 2. a table: bòrd. 3. entertainment, food: bòrd, cuirm, teachd-an-tìr. 4. a table at which a council or court is held: bòrd-cùrte, mòd. 5. an assembly seated at table, a court of jurisdiction: cùirt. 6. deck or floor of a ship: bòrd soitheich, bòrd-luinge, urlar-luinge.

BOARD, v. a. et n. 1. Enter a ship by force: bòrd, glac soitheach. 2. attack, accost another: dean suas ri, rach a labhairt ri. 3. lay, or pave with boards: còmhdaich thairis le bòrdaibh, dean 'i a urlar lobhta. 4. place as a boarder in another's house: cuir air bhòrd. 5. live in a house, where a certain rate is paid for eating: bi air bhòrd, gabh bòrd.

BOARD-WAGES, s. Dioladh air son teachd-an-tìr, bòrd-thuarasdal.

BOARDER, s. Fear-bùird, fear-dìolaidh air son a lòn.

BOARDING SCHOOL, s. Sgoil-bùird.

BOARISH, adj. Aineolach mar mhuic, mucach, brùid-eil, an-ìochdmhor, garg, fiadhaich.

BOAST, v. a. et n. 1. Brag off, display with ostentatious language: dean uail á, dean spagluinn, dean bòsd á. 2. magnify, exalt: meudaich, dean uail á, cuir suas, dean bòsd á. 3. brag, display one's own worth or actions in great words: dean uail, dean spagluinn, séid an àirde. 4. talk ostentatiously: labhair gu spagluinneach, dean bòsd. 5. exalt one's self: àirdach do chliù féin, mòl thu féin.

BOAST, s. 1. An expression of ostentation: bòsd, uail, spagluinn. 2. a cause of boasting: cùis-uail, aobhar-ràiteachais.

BOASTER, s. Fear-uail, fear-ràiteachais, glagaire, bòsdair.

BOASTFUL, adj. Bòsdail, ràiteachail, mòr-chuiseach, spagluinnach.

BOASTINGLY, adv. See *Boastful*.

BOASTIVE, adj. An-dàna, ladarna.

BOATLESS, adj. Simplidh, iriosal, neo-bhòsdail.

BOAT, s. 1. A vessel to pass the water in: bàta,

eithear, culaidh, sgoth, geòla. 2. a ship of a small size : birlinn, soitheach beag.
BOATMAN, s. Beuc, ràn, gleadhraich, iollach, nualan.
BOATMAN, } s. Fear-bàta, fear-aiseig.
BOATSMAN, }
BOATSWAIN, s. Fear-acuinn luinge.
BOB, v. a. et n. 1. Cut : gearr, beàrr dheth. 2. beat, drub, or strike : buail, slachduinn. 3. cheat, gain by fraud : meall, thoir an car 4. touch gently, especially at the elbow : bean gu fòil, thoir sanas uilinn do. 5. play backward and forward : cluich a hùll 's a hùll, luaisg. 6. bob, a technical term in angling : dean cluich ri.
BOB, s. 1. Something that hangs so as to play loosely : cluigean, nì air chrathadh, nì air luagan. 2. the words repeated at the end of a stanza : ath-aithris, luinneag. 3. a blow : buille. 4. a worm used for a bait in angling : biathainne. 5. a bob-wig : gruag gheàrr, gruag chluigeanach. 6. a sneering joke : àbhachd fhocheaidheach.
BOBANCE, s. Spagluinn, ràiteachas.
BOBBIN, s. Iteachain.
BOBBIN-WORK, s. Obair iteachain.
BOBTAIL, s. Cutaiche, gearr-earball.
BOBTAILED, adj. Cutach, gearr-earballach.
BOE-WIG, s. Gruag gheàrr.
BODE, v. a. et n. 1. Portend : fàisnich, dean fios-achd, cuir air mhanaidh. 2. be an omen, foreshew : innis ro-làimh, bi mar mhanaidh.
BODE, s. 1. An omen : tuar-manaidh, comharradh. 2. delay, or stop : fuireach, moille, stad.
BODEMENT, s. Comharradh, tuar, manaidh.
BODGE, v. n. Bi an teagamh, bi an ioma-chomhairle, stad, fàilnich.
BODGE, s. Leus guirein, briseadh-craicinn, càrr.
BODICE, s. Peiteag bheag, cliabhan-ceangail.
BODIED, adj. Corporra, corpaichte.
BODILESS, adj. Neo-chorporra, spioradail.
BODILINESS, s. Corpachd, corporrachd.
BODILY, adj. 1. Corporeal, containing a body : corporra, aig am bheil corp. 2. relating to the body, not the mind : corporra, a bhuineas do'n chorp. 3. real, actual : làthaireach, corporra, fìr-inneach.
BODILY, adv. See Bodily, *adj.*
BODING, s. Tuar, manaidh, rabhadh, comharradh.
BODKIN, s. 1. A dagger : biodag. 2. an instrument with a small blade and a sharp point, used to bore holes : dealg. 3. an instrument to draw a thread through a loop : snàthad-tharruing, snàthad mhòr. 4. an instrument to dress the hair : dealg-fuilt.
BODY, s. 1. The material substance of an animal : corp, column. 2. matter, opposed to spirit : corp, column, nì neo-sporadail. 3. a person, a human being : neach, creutair, urra. 4. reality, opposed to representation : corp, bith, brìgh. 5. a collective mass, a joint power : meall, buidheann. 6. the main army : meadhan feachd, corp airm. 7. a corporation : cuideachd, comunn. 8. the main part, the bulk : corp. 9. a substance, matter as

distinguished from other matter : corp, meall, gnè.
 10. strength : spionnadh, treòir, neart.
BODY-CLOTHES, s. Eudach-cuirp, còmhach each, brat each.
BODY, v. a. Dean corp, cuir an cruth nì.
BOG, s. Fèithe, boglach, eabar, poll, sùil-chruthaich.
BOG, v. a. Aoirneagaich, eabair, cuir fuidhe am boglach.
BOG-LAND, adj. Càtharach.
BOGLE, } s. Bòcan, taibhe, tannasg.
BOGGLE, }
BOGGLE, v. n. 1. Start, fly back : clisg, leum air t' ais. 2. hesitate, be in doubt : stad, bi an teag-anh, ag. 3. play fast and loose, dissemble : bi mealltach, bi cealgach.
BOGGLER, s. Gealtair, fear lag mhisnich, duine gun spiorad.
BOGGLEISH, adj. Gealtach, neo-mhisneachail, lag-chridheach.
BOGGY, s. Càtharach, bog, fèitheach.
BOG-HOUSE, s. Tigh-socair.
BOIL, v. a. et n. 1. Heat by putting into boiling water, seethe : dean teth, bruch. 2. be agitated by heat : goil, dean goil. 3. be hot, fervent, or effervescent : bi teth, bi dian, bi brais. 4. move with an agitation like that of boiling water : bi fuidh bhuaireas, goil. 5. be in hot liquor, in order to be made tender by the heat : bi an uisge teth, goil. 6. cook by boiling : deasaich le goil, goil, bruch, grèidh. 7. run over the vessel with heat : goil thairis.
BOIL, s. See Bile.
BOILER, s. 1. The person that boils any thing : goileadair, fear-bruch, còcaire. 2. the vessel in which any thing is boiled : goileadair, coire.
BOILERY, s. Tigh-goile, tigh-bruiche.
BOISTEROUS, adj. 1. Violent, loud, roaring, stormy : gailbheach, fuathasach, stoirmeil, doireannach. 2. turbulent, tumultuous, furious : tuaireapach, aimhreiteach, buaireasach, àrd-labhrach. 3. unwieldy, clumsy, violent : amhlairach, tuaireapach, borb. 4. violently hot : loisgeach, teth.
BOISTEROUSLY, adv. See Boisterous.
BOISTEROUSNESS, s. Gailbheachd, stoirmealachd, doireannachd, tuaireapachd, borbachd.
BOLD, adj. 1. Daring, brave, stout, fearless : dàna, misneachail, calma, foghainteach, treun, neo-sgùthach. 2. executed with spirit : gaisgeil, fearail, tapaidh, treubhach. 3. confident, not scrupulous : dàna, misneachail, oscarach, neo-sgàthach. 4. impudent, rude : ladarna, mi-mhodhail. 5. licentious, shewing great liberty of fiction, or expression : dàna, ro-àrd, mi-hàdurra, neo-choslach. 6. striking to the eye, standing out to the view : comharrachichte, sònruichte, àraidh, a' seasamh a' nach. 7. open, smooth, level : fosgailteach, rèidh, farsuinn. 8. taking freedoms : dàna, tuilleadh is saor, mi-mhodhail.
BOLD, v. a. Dean dàna, dean fearail.
BOLDEN, v. a. Cuir misneach ann, dean dàna e.
BOLD-FACE, s. Bathais làidir, ladarnas, mi-mhodhachd.

BOLD-FACED, *adj.* Bathaiseach, dàna, ladarna.

BOLDLY, *adv.* See **Bold**, *adj.*

BOLDNESS, *s.* 1. Courage, bravery, intrepidity : dànachd, misneachd, treuntachd, neo-sgàthachd. 2. exemption from caution and scrupulous nicety : gaisgeachd, fearalachd, tapachd, treubhachd. 3. freedom, liberty : dànachd, misneachd, oscarachd, neo-sgàthachd, fosgailteachd, saorsachd. 4. confident trust in God : carbsa, muinghinn, dànachd. 5. assurance, freedom from bashfulness : dànachd, misneachd, tapachd, neo-shàidealachd. 6. impudence : ladarnas, mi-mhodhalachd, droch-oilean.

BOLE, *s.* 1. The body, or trunk of a tree : corp-aoibhe. 2. a kind of earth : gnè ùrach. 3. a measure of corn containing six bushels : tomhas bolla gu leth sìl.

BOLIS, *s.* Meall geal teine 's an athar, dreung.

BOLL, *r. n.* Bi fuidh fhoiris.

BOLL, *s.* Cuinnlein dèise, lurg dèise.

BOLSTER, *s.* 1. Something laid on the bed to raise and support the head : adhart, cluasag, ceann adhart. 2. a pad, or quilt to hinder any pressure, to fill up any vacancy : adhartan. 3. a pad, or compress to be laid on a wound : còmhach-loit, adhartan, ceanglach air lot.

BOLSTER, *v. a.* 1. Support the head with a bolster : aghartaich, cum a suas le ceann-adhart, cùirich cluasag fuidh cheann. 2. afford a bed to : thoir aoidheachd, thoir cuid-oidhe do. 3. hold wounds together with a compress : bruth ri chèile, cuir air an aghart ri chèile. 4. support, hold up, maintain : cum taice ri, cum an àirde, cuir aghartan fuidhe.

BOLSTERED, *adj.* Séidte, bòcta.

BOLSTERER, *s.* Fear-cumail suas cinn, fear-cùil-taice, fear-dìona.

BOLSTERING, *s.* Taice, adhart.

BOLT, *s.* 1. An arrow, a dart shot from a cross-bow : saighhead. 2. lightning, a thunder-bolt : dealan, dealanach, beithir. 3. *bolt upright*, that is upright as an arrow : cho dìreach ri saighhead. 4. an iron to fasten the legs of a prisoner : geimhéal. 6. a sieve : criathar, rideal.

BOLT, *v. a. et n.* 1. Shut, or fasten with a bolt : glais, druid le crann, crann, dùin. 2. blunt out, or throw out precipitantly : labhair gun smuain-eachladh, labhair neo-fhaicilleach, deau bruidhean chlahagach. 3. fasten as a bolt, or pin, keep together : dùin, daingnich le crann, cum ri chèile. 4. fetter, shackle : geimhlich, cuir an geimhlibh. 5. sift : criathair, rideil. 6. examine by sifting : rannsaich gu min, criathair, faigh a mach. 7. purify, purge : glan, nigh o shal. 8. spring out with speed and suddenness : grad-leum, briog.

BOLT-ROPE, *s.* Còrd-fàitheim siùil, còrd aoire siùil, noir.

BOLTER, *s.* 1. A sieve to separate meal from bran : criathar. 2. a kind of net : seòrsa de lìon-glacaidh.

BOLTER, *v. a.* Smeur thairis, còmhdaich le salchar.

BOLTING-HOUSE, *s.* Tigh-criathraidh.

BOLTING-TUB, *s.* Cise-chriathraidh tuba-chriathraidh, pill.

BOLTSPLIT, *s.* Crann uisge, crann-spreòid luinge.

BOLUS, *s.* Cungaidd-leighis.

BOMB, *s.* 1. A loud noise : toirm, àrd-fhuaim. 2. a hollow iron ball, or shell filled with gun-powder : toirm-shlige, peileir bloighdeach. 3. the stroke upon a bell : clag-fhuaim, buille cluig.

BOMB, *v. a. et n.* 1. Fall upon with bombs, bombard : tilg peileirean bloighdeach air, thoir ionnsuidh le toirm-shlige, cuir gunna mòr ris. 2. sound, emit a noise : fuaimnich, thoir bragh asad.

BOMBARD, *s.* 1. A great gun, a cannon : gunna mòr. 2. a barrel, or large vessel for holding liquors : barail, soitheach dibhe.

BOMBARD, *v. a.* See **Bomb**, *v. a. et n.* 1.

BOMBARDIER, *s.* Gunnadair thoirm-shligean.

BOMBARDMENT, *s.* Séisd thoirm-shligean, ionnsuidh le peileiribh bloighdeach.

BOMBAST, *s.* 1. A stuff of soft loose texture, used formerly to swell the garment : lìng, lìngeadh. 2. fustian, big words without meaning : spagluinn, baith-chainnt, sgopraich-bhruidhne, àrd-ghlòir.

BOMBAST, *adj.* Àrd-ghlòireach, baith-chainnteach, spagluinneach.

BOMBAST, *v. a.* Séid suas, lìon le baith-chainnt.

BOMBASTIC, *adj.* See **Bombast**, *adj.*

BOMBASTRY, *s.* See **Bombast**, *sense* 2.

BOMBILLATION, *s.* Fuaime, farum, toirm, gleadhraich, bragh, drandann.

BOMBYCINOUS, *adj.* Siòdail, air a dhèanamh de shìoda.

BOMBYX, *s.* An durrag shìoda.

BONAIR, *adj.* Sìobhalt, so-fùaidh, iriosal.

BONASUS, *s.* Damh fìadhaich, damh allda.

BONCHIEF, *s.* Deadh thuitcamas, deadh chrìoch.

BOND, *s.* 1. Cords, or chains with which any thing is bound : ceangal, cuibhreach, bann, còrd. 2. ligament that holds any thing together : ceangal, còrd. 3. union, connexion : bann, bann-ceangail, còmh-cheangal. 4. chains, imprisonment, captivity : geimhlichean, cuibhrichean, braighdeanas. 5. cement of union, link of connexion : bann-ceangail, lùbag-aonaidh. 6. a writing of obligation to pay a sum : bann, daingneachadh, sgrìobhadh. 7. obligation, law by which any one is obliged : ceangal, gealladh.

BOND, *adj.* Ceangailte, tràilleil, daor, fuidh bhruid.

BONDAGE, *s.* 1. Captivity, imprisonment : braighdeanas, daorsa, bruid, tràillealachd. 2. obligation, tye of duty : ceangal, còmain.

BONDMAID, *s.* Ban-tràill, bean an daorsa.

BONDMAN, *s.* Tràill, tràill-òglach.

BONDSERVANT, *s.* Tràill, neach an daorsa.

BONDSERVICE, *s.* Tràillealachd, daor-chis.

BONDSLAVE, *s.* Tràill.

BONDSMAN, *s.* 1. A slave : tràill. 2. a person giving security for another : urras, fear-urras, ràthan.

BONDSWOMAN, *s.* Ban-tràill.

BONDWOMAN, *s.* Ban-tràill.

BONE, s. 1. The solid parts of the body of an animal made up of hard fibres: cnàimh. 2. a fragment of meat, a bone with as much flesh as adheres to it: cnàimh-feòla.

BONE, v. a. Cnàimhich, thoir na cnàmhan as.

BONE-ACHE, s. Goirteas cnàimhe, dòghruinn an cnàimh.

BONED, adj. Cnàmhach, mòr, garbh, làidir.

BONE-LACE, s. Obair lìn.

BONELESS, adj. Gun chnàimh.

BONESET, v. n. Cuir 'n a alt, altaich, cuir 'n a chéile.

BONESETTER, s. Léigh chnàmh, olla chnàmh.

BONFIRE, s. Tein-aighir, tein-aobhneis.

BONGRACE, s. Brat-sgàile, còmhach bathais.

BONIFY, v. a. Tionndaidh gu buannachd, dean feumail.

BONITY, s. Maithneas.

BON-MOT, s. Àbhachd, freagairt àbhachdach.

BONNET, s. Boineid, bhoiraid, ceann-chòmhachd, currach, ceann-aodach.

BONNET, v. n. Dean ùmhachd, thoir boineid gu làr.

BONNIBEL, s. Rìbhinn, steudag, maise-mnà.

BONNILASS, s. Nighean àluinn, maise-mnà.

BONNILY, adv. See Bonny.

BONNY, adj. 1. Handsome, beautiful: bòidheach, maiseach, sgiamhach, àluinn, eireachdail. 2. gay, merry, frolicsome: cridheil, gàireach, laghach, sunndach, suilbhir. 3. in conversation, plump: moileanach, tlachdmhor.

BONY, adj. 1. Consisting of bones: cnàmhach, cnàimheach. 2. strong, having large bones: làidir, garbh, mòr-chuàmhaich.

BOOBY, s. Buimilear, clod-cheann, umpaidh, asal.

BOOK, s. 1. A volume in which we read or write: leabhar, sgrìobhadh, ròl. 2. a particular part of a work: leabhar, earrann. 3. the register in which the trader keeps an account of his debts: leabhar, leabhar-cunntais. 3. in books, in kind remembrance: ann an leabhraichibh, an cuimhne. 4. without book, by memory: gun leabhar, air meadhail, air teanga.

BOOK, v. a. 1. Register in a book: cuir sìos an leabhar, sgrìobh an leabhar. 2. have a knowledge of books: bi leabhrach, bi d' shàr sgoilear.

BOOK-KEEPER, s. Fear-cumail leabhraichean cunntais, sgrìobhair, clèireach, fear-gleidhidh chunntas.

BOOK-KEEPING, s. Eòlas riann-chunntais, leabhraichimead.

BOOK-BINDER, s. Leabhar-cheangladair, leabhar-cheanglaire.

BOOK-CASE, s. Leabhar-Jann.

BOOKISH, adj. Leabhrach, gnàth-leughach, déigheil air leabhraichean.

BOOKISHLY, adv. See Bookish.

BOOKISHNESS, s. Dian-leughadaireachd.

BOOK-LAND, s. Fearau-còrach.

BOOKLEARNED, adj. Foghlumhe, eòlach mu leabhraichibh.

BOOKLEARNING, s. Ionnsachadh, sgoilearachd.

BOOKLESS, adj. Neo-shuimeil mu leabhraichibh, neo-leabhrach.

BOOKMAKING, s. Leabhar-dheanaidh.

BOOKMAN, s. Sgoilear, fear-leabhraichean.

BOOKMATE, s. Co-fhoghlumuiche, companach-sgoile, co-sgoilear.

BOOK-OATH, s. Mionnan-biobail.

BOOKSELLER, s. Reiceadair leabhraichean, leabhar-reiceair.

BOOKWORM, s. 1. A worm or mite that eats holes in books: reudan-leabhair, leòmann. 2. a student too closely given to books: fear dian leughach, fear-ro-thoigheach mu fhoghlum.

BOOM, s. 1. A long pole used to spread out the clue of the studding sail, &c.: crann sgòid. 2. a pole with bushes or baskets, set up as a mark to shew the sailors how to steer in the channel when the country is overflowed: crann-sèolaidh na slighe. 3. a bar of wood laid across a harbour to keep off the enemy: stairsneach acarsaid, spàrr dìona acarsaid.

BOOM, v. n. 1. Rush with violence: ruith gu luath, dian-ruith. 2. swell and fall-together: tulg, luasgair air bhàrr tuinne.

BOON, s. Tìodhlac, tabhartas, gean-maith, saor-tha-bhartas.

BOON, adj. 1. Gay, merry: cridheil, aighearach, sunndach, aobhach, ait. 2. kind, bountiful: caoimhneil, fùghantach.

BOON, s. Balach, ludar, òglach cumanta, uipear, umpaidh.

BOORISH, adj. Ludarach, neo-sgiobalta, uipearach mi-mhodail, neo-oileanta.

BOORISHLY, adv. See Boorish.

BOORISHNESS, s. Ludarachd, neo-sgiobaltachd, uipearachd, mi-mhodhalachd.

BOOSE, s. Buathal, bualaidh.

BOOT, v. a. 1. Profit, advantage: tairbhich, buannaich, coisinn. 2. enrich, benefit: saobhrich, dean feum do.

BOOT, s. 1. Profit, gain, advantage: buannachd, cosnadh, tairbhe. 2. (to boot), with advantage, over and above: barrachd, tuilleadh. 3. plunder: cubhartach, creach, faobh. 4. a covering for the legs used by horsemen: bòtuinn, cas-bheart. 5. a kind of rack for the leg: bòtuinn iarunn. 6. the space between the coachman and the coach: ionad-toisich carbad.

BOOT, v. a. Bòtuinnich, cuir ort bòtuinnean.

BOOT-CATCHER, s. Gille-bhòtuinn.

BOOT-HOSE, s. Mogan, gearr-òsan.

BOOT-TREE, s. Ceap bhòtuinnean.

BOOTED, adj. Bòtuimeach.

BOOTH, s. Bùth, pàillunn, pùbull, mainnir, bothan.

BOOTLESS, adj. 1. Useless, unprofitable, unavailing: neo-tharbhach, neo-fheumail, neo-stàthach, dìomhaia, faoin. 2. without success: neo-shoirbheasach, neo-bhuadhach.

BOOTLESSLY, adv. See Bootless.

BOOTY, s. 1. Plunder, pillage: cubhartach, creach, spùinneadh. 2. things gotten by robbery: spùinneadh, creach, cubhartach-reubainn. 3. (to play booty), dishonest play, with an intent to lose: cluich cuilbheartach, tabhartas cuilbheartach.

BOPEEP, *s.* Folach-fead, dideagaich.
BORABLE, *adj.* So-thollaidh, a ghabhas tolladh.
BORAMEZ, *s.* Lus an uain, lus leth-bheathach.
BORAX, *s.* Salann glaothaidh, salann tàthaidh.
BORBOYGM, *s.* Rugadai, fuaim mionaich.
BORDAGE, *s.* Seilbh fearainn bùird.
BORD-LANDS, *s.* Fearunn bùird, fearunn cosg tìghe.
BORDEL, } *s.* Tigh shiùrsach, druis-thigh.
BORDELLO, }
BORDELLER, *s.* Fear-glèidhidh tigh-shiùrsach.
BORDER, *s.* 1. The outer part or edge of any thing : oir, bil, crìoch, iomal, bruch. 2. the march or edge of a country : crìoch, iomall, oirthir. 3. the outer part of a garment : oir, iomall, bil. 4. a bank raised round a garden, and set with flowers : oir, taobh.
BORDER, *v. a. ct n.* 1. Adorn with a border of ornaments. See Imborder. 2. reach, touch, confine upon : ruig, bean, buail, crìochnaich ri. 3. keep within bounds : cuir crìoch ri, cum a stigh. 4. confine upon, touch something else at the side or edge : crìochnaich ri, bean ri. 5. approach nearly to : bi teann air, bi 'n taice ri, bi dlùth do, bi 's a' chrìch.
BORDERER, *s.* 1. He that dwells on the borders : crìochadair, fear-àitcach nan crìoch. 2. he that approaches near to another : coimhearsnach, nà-buidh.
BORDRAGING, *s.* Ruaig chreach nan crìoch, ionnsuidh chrìoch.
BORE, *v. a. ct n.* 1. Pierce in a hole : toll, gearr toll. 2. hollow : cladaidh, tocaill, toll. 3. make, by piercing : toll, fosgail le tolladh, cladaidh. 4. pierce, break through : toll trid, cladaidh trid. 5. make a hole : dean toll. 6. push forward towards a certain point : cum air aghart.
BORE, *s.* 1. The hole made by boring : toll. 2. the instrument with which a hole is bored : tora, boireal, inneal-tollaidh. 3. the size of any hole, the cavity : toll, fosgladh, farsuingeachd. 4. a tide swelling above another tide : àrd-làn mara, làn os ccann làin eile.
BORE, *pret.* of Bear, see.
BOREAL, *adj.* Tuathach, 's an àirde tuath.
BOREAS, *s.* A' ghaoth tuath.
BORCOLE, *s.* See Cabbage.
BORER, *s.* Inneal-tollaidh, tora, boireal.
TO BE BORN, *v. n. ct pass.* 1. Come into life : bi beirte. 2. spoken with regard to circumstances ; as, he was born a prince : rugadh e 'n a phrionnsa. He was born for greatness : rugadh e air son a bhi mòr.
BORNE, *part. pas.* Giùlainte, air a giùlan.
BOROUGH, 1. Anciently a surety : urras, ràthan. 2. a town with a corporation : baile mòr, baile-margaidh.
BORROW, *v. a.* 1. Take something from another upon credit : gabh air dhàil, gabh an coingheall. 2. ask of another the use of something for a time : iarr coingheall, iarr iasachd. 3. take something belonging to another : gabh iasad, gabh cuid fir

eile. 4. use as one's own though not belonging to one : gabh mar do chuid fein, thoir o.
BORROW, *s.* 1. The thing borrowed : iasad, coingheall. 2. a pledge, a surety : geall.
BORROWER, *s.* 1. He that borrows : fear-iasaid, fear-gabhail an coingheall. 2. he that takes what is another's, and uses it as his own : gaduiche, fear-iasachd mhi-mhodhail.
BORROWING, *s.* Iasad, iasachd, coingheall.
BOSAGE, *s.* 1. Wood or woodlands : coille, doire, fearann coillteach. 2. the representation of woods : samhlaidh choilltean, dealbh choilltean.
BOSH, *s.* Dealbh, samhlaidh.
BOSKY, *adj.* Coillteach, preasach, coillteachail.
BOSOM, *s.* 1. The embrace of the arms holding any thing to the breast : uchd, pasgadh-uchd, dlùth-achadh brollaich. 2. the breast, the heart : uchd, brollach, broilleach, cridhe. 3. the folds of the dress that cover the breast : uchd, brollach, uchd-éideadh. 4. inclosure, compass, embrace : uchd, meadhon, caidreamh. 5. the breast, as the seat of the passions : uchd, cridhe. 6. the breast as the seat of tenderness : uchd, cridhe. 7. the breast as the receptacle of secrets : uchd, cridhe. 8. any receptacle close or secret : ionad dìomhair, uchd. 9. the tender affections, kindness, favour : uchd-gràidh, caoimheas. 10. inclination, desire : rùn, togradh. 11. (in composition), intimacy, confidence, as, bosom friend : uchd, caraid-uchd.
BOSOM, *v. a.* 1. Inclose in the bosom : achlaisich, càirich ri d' bhròilleach, dlùthaich ri d' uchd, caidrich. 2. conceal in privacy : folach 'n a d' uchd, cèil.
BOSS, *s.* 1. A stud, an ornament raised above the rest of the work : copan snasmhor, snas-chopan. 2. the part rising in the midst of any thing : copan, cop, éiridh, cnap, bucaid. 3. a thick body of any kind : cnap, meall, bucaid, pluc.
BOSSED, *adj.* Copanaichte.
BOSSEGE, *s.* 1. Any stone that has a projecture, and is laid in a place in a building to be afterwards carved : clach chopanach. 2. rustic work consisting of stones with indentures or channels left in the joinings : clachaireachd chopanach.
BOSSEIVE, *adj.* Cam, crotach.
BOSSY, *adj.* See Bessed.
BOSVEL, *s.* Crotha 'n eich.
BOTANIC, *s.* Lusragan.
BOTANICAL, } *adj.* Luibheach, lusach, aig am bheil
BOTANIC, } eòlas air lusan.
BOTANICALLY, *adv.* See Botanical.
BOTANIST, *s.* Lusragan, olla-lus.
BOTANY, *s.* Eòlas luibheam, lus-eòlas.
BOTCH, *s.* 1. A swelling or eruptive discoloration of the skin : leus, guirean, plucan. 2. a part in any work ill finished : carrann chearbach.
BOTCH, *v. a.* 1. Mend or patch clothes clumsily : clùid, clùdaich, càirich gu neo-shnasmhòr. 2. mend any thing awkwardly : càirich gu neo-shnasmhòr, cuir neo-ealanta ri a chéile. 3. put together unsuitably : cuir neo-fhreagarrach ri a chéile, cuir

còmh-la gu neo-sheòlta 4. mark with botches : cuir ailtéan air, cuir leusan air.

BOTCHER, *s.* Tàilleair clùdach, clùdair, bréidear.

BOTCHY, *adj.* Leusach, leusachail, clùdach, bréid-each.

BOTE, *s.* 1. A compensation for a man slain : iocadh air son marbhadh, dìoladh mortaidh, éiric. 2. used for any payment : iocadh, dìoladh, luigheachd.

BOTH, *adj.* Le chéile, 'n an dithis, araon.

BOTH, *conj.* Araon, cuideachd, cho maith, mar an ceudna.

BOTHER, *v. a.* Sàruich, sgèithich, cuir dragh air.

BOTRYOID, *adj.* Bagaideach, cluigeanaich.

BOTS, *s.* Botuis each.

BOTTLE, *s.* 1. A small vessel of glass, or other matter, with a narrow mouth, to put liquors in : searrag, botul. 2. a quantity of wine usually put into a bottle, a quart : botul, càrt, searrag-càirt. 3. a quantity of hay or grass bundled up : muilleán, trusan, achlasan. 4. (in composition), bottle-companion : companach-botuil, companach-searraig.

BROWSICK, *adj.* Muladach, àirsneulach, fuidh
 sprochd.
BROWN, *adj.* Donn.
BROWNISH, *s.* Soilleir dhonn.
BROWNNESS, *s.* Doimne.
BROWNSTUDY, *s.* Smuainteachadh gruamach, dubh-
 smuaintean.
BROWN-WORT, *s.* See Figwort.
BROWNIE, *s.* Bodach, uruisg, glas-stìg.
BROWNY, *adj.* Donn.
BROWSE, *v. a. et n.* 1. Eat branches or shrubs:
 creim, cagain, bileagaich, ith bàrr phreas. 2. feed:
 ith, creim, bileagaich.
BROWSE, *s.* Preasan, preasarnach.
BROWSING, *s.* Bàrr nheangan, ùr-flàs phreasan.
BRUISE, *v. a.* Pronn, bruth, ninn-phronn.
BRUISE, *s.* Bruthadh, ciùrradh, dochann, pronn-
 adh.
BRUISER, *s.* 1. A concave tool used for grinding
 and polishing the specula of telescopes: meileadair.
 2. a boxer: pronnadair, bruthadair, dòrnair.
BRUIT, *s.* Iomradh, aithris, naidheachd.
BRUIT, *v. a.* Innis, aithris, cuir an cèill.
BRUMAL, *adj.* Geamhrail, a bhuineas do 'n gheamh-
 radh.
BRUN, *s.* Amhainn, allt, sruth.
BRUNETT, *s.* Bean iargnaidh, bean dharcha 's a'
 ghnùis.
BRUNT, *s.* 1. Shock, violence: garbh-ionnsuidh,
 teas-stri. 2. blow, stroke: buille, stràchd. 3. a
 brief and sudden effort: grad ionnsuidh, beum-
 buille.
BRUSH, *s.* 1. An instrument to clean any thing by
 rubbing off the soil: sguab, sguabach, sguab-aod-
 aich, bruis. 2. the larger and stronger pencils used
 by painters: pinn làidir dhubb luaidhe luchd
 tharuing dheidh. 3. a rude assault, a scouring:
 suathadh, grèidheadh, cairbhist. 4. a thicket:
 doire.
BRUSH, *v. a. et n.* 1. Sweep or rub with a brush:
 sguab, slòb, suath as, bruis. 2. strike with quick-
 ness as in brushing: buail gu grad, buail gu elis.
 3. paint with a brush: dath le sguabaig. 4. carry
 away, sweep: crath air falbh, crath dheth. 5.
 move as the brush: slòb thairis, suath seachad.
 6. move with haste: siubhail seachad 'n ad sgriob.
 7. fly over, skim lightly: suath seachad, bruis
 thairis.
BRUSIER, *s.* Fear-sguabaidh, fear-bruisidh.

BRUSHWOOD, *s.* Dlù-phreasarnach, crìonach, frith-chaille, droighneach.

BRUSHY, *adj.* Deilgneach, biorach, friodhanach, giobach.

BRUSK, *adj.* Mì-mhodhail, borb, aineolach, brùideil.

BRUSTLE, *v. n.* Cnag, bi braghadaich, dean starabh-anaich.

BRUTAL, *adj.* 1. That which belongs to a brute, that which we have in common with brutes : ainmhidheach, corporra. 2. savage, cruel, inhuman : allmhara, an-ìochdmhor, garg, brùideil.

BRUTALITY, *s.* Allmharrachd, iargaltas, brùidealachd, an-ìochd.

BRUTE, *adj.* 1. Senseless, unconscious : brùideil, gun fhaireachduinn, gun mhothachadh. 2. savage, irrational : allmhara, eu-cèillidh, fadhaich, borb, an-ìochdmhor. 3. bestial, in common with beasts : ainmhidheach, feòlmhor, corporra. 4. rough, ferocious, uncivilized : allaidh, fiadhaich, borb.

BRUTE, *s.* Ainmhidh, beathach, creutair gun reusan, neach allaidh.

BRUTE, *v. a.* See *Bruit*, *v. a.*

BRUTELY, *adv.* See *Brute*, *adj.*

BRUTENESS, *s.* See *Brutality*.

BRUTIFY, *v. a.* 1. Make a man a brute : dean 'n a ainmhidh, dean brùideil. 2. render the mind brutal : dean brùideil, dean an-ìochdmhor, dean allmhara.

BRUTISH, *adj.* 1. Bestial, resembling a beast : brùideil, feòlmhor, ainmhidheach. 2. having the qualities of a brute, rough, ferocious : allmhara, fiadhaich, borb, garg, aineolach, brùideil. 3. gross, carnal : brùideil, feòlmhor : ignorant, uncivilized : aineolach, allmhara, fiadhaich. 5. unconscious, insignificant : neo-mhothachail, suarach.

BRUTISHLY, *adv.* See *Brutish*.

BRUTISHNESS, *s.* Ainmhidheachd, allmharachd, an-ìochdmhorachd.

BRUT, *v. n.* See *Browse*, *v. a. et n.* sense 2.

BRUTTING, *s.* Creimeadh bàrr nheangan, bileagachadh, cagnadh phreasanan.

BUB, *v. a.* Smugaidich, tilg a mach 'n a smugaidibh.

BUBBLE, *s.* 1. A small bladder of water : gucag, cop, builgean, sùileag. 2. any thing which wants solidity and firmness : nì faoin, cobhar. 2. a cheat, a false show : faileas, mealladh. 4. the person cheated : amadan, bathaire.

BUBBLE, *v. a. et n.* 1. Cheat : meall, thoir an car à. 2. rise in bubbles : éirich gu gucagach, bi sùileagach. 3. run with a gentle noise : ruith gu crònanach, sruth gu gluganach, tormanaich.

BUBBLER, *s.* Mealltair, cealgair, fear-cuilbheirt.

BUBBLY, *adj.* Spluagach, gleagach, splangaideach.

BUBBY, *s.* Cìoch muà.

BUBO, *s.* Gobhal, neasgaid-gobhail.

BUBONOCELE, *s.* Màm sìc.

BUBUKLE, *s.* Guirean dearg.

BUCANIERS, *s.* Creachadairean mara, luchd-spùinnidh air fàirge.

BUCK, *s.* 1. The liquors in which clothes are washed : uisge sgùraidh, uisge nigheadaireachd. 2. the clothes washed in the liquor : nigheachan, aodach

air a nighe. 3. a cant word for a bold ostentatious person : fear spaideil, lasgair. 4. the male of the fallow deer, &c. : boc, damh-féidh.

BUCK, *v. a. et n.* 1. Wash clothes : nigh, dean nigheadaireachd. 2. copulate as bucks and does : bi air dàmhair, dàir, reithich.

BUCKBASKET, *s.* Bascaid nigheachain.

BUCKET, *s.* 1. The vessel in which water is drawn out of the well : cuinneag, bucaid. 2. the vessel in which water is carried : cuinneag.

BUCKINGSTOOL, *s.* Bòrd-nigheachain.

BUCKLE, *s.* 1. A link of metal, with a tongue or catch made to fasten one thing to another : bucuill, claspa. 2. the state of the hair crisped and curled : cas-fhalt, cuach, cuairteag, cuachag.

BUCKLE, *v. a. et n.* 1. Fasten with a buckle : ceangail le bucuill, claspaich, beairtich. 2. prepare to do any thing : crìoslaich, deasaich, uidheamaich. 3. join in battle : theig an greim, glac, greimich fì, còmhraich. 4. confine : druid a steach, dùin a stigh. 5. curl : cuailleinich, dean camlagach, cas gruaig. 6. bend, bow : crom, lùb, gèill. 7. *buckle to*, apply to : thoir d' ìmthinn do, ionnsaich, thoir fàinear. 8. engage with, encounter : greimich fì, bi 'n sàs.

BUCKLER, *s.* Sgiath-dhian, sgiath.

BUCKLER, *v. a.* Cuidich, dìon fuidh sgiath, cum suas.

BUCKRAM, *s.* Aodach teann lìn.

BUCKRAM, *adj.* Teann, deas-ghnàthach, làn modh.

BUCKSTALL, *s.* Lion ghlaicadh féidh, gòisne féidh.

BUCKTHORN, *s.* Sgithreach.

BUCOLIC, *s.* 1. A writer of bucolics, or pastorals : bàrd luinneagach. 2. a bucolic poem : òran buachaille, bò-chailleag.

BUCOLIC, *adj.* Buachailleach.

BUD, *s.* Ùr-fhàs, ùr-ròs, cùd-bhlàth, bàrr-guc, gucag.

BUD, *v. a. et n.* 1. Inoculate, graft by inserting a bud into the rind of another tree : suidhich, tàth f' a chéile, suidhich ùr-fhàs. 2. put forth young shoots, gems : cuir chuige, cuir a mach blàth, thig fo dhuilleach. 3. rise as a germ from the stalk : cinn a suas, fàs, éirich an àird. 4. be in the bloom, or growing : bi fuidh bhlàth, bi ùr-ròsach, biodaich.

BUDGE, *v. n.* Caraidh, gluais, glidnich.

BUDGE, *adj.* Rag, mòr, dòmhail.

BUDGE, *s.* Uainiceag, miniceag, croicinn uain air a dheanamh min.

BUDGENESS, *s.* Gruamachd, duairceas, an-ìochd.

BUDGER, *s.* Fear-glusaide, fear-glìneachaidh.

BUDGET, *s.* 1. A bag, such as may be easily carried : bolg, poca, màileid. 2. a store, or stock : poca, stòr, tasgadh.

BUDGY, *adj.* Ròmach, ròinneagach air a dheanamh a suas de dh' fhionnadh.

BUFF, *s.* 1. A buffalo : damh fiadhaich, damh allaidh. 2. a sort of leather prepared from the skin of a buffalo : leathar-sginneir. 3. a military coat made of thick leather : còta croicinn dainh allaidh. 4. the skins of elks and oxen dressed in oil : croic-

- ionn dhamh is fhiadh air an deasachadh grinn, grinn chroicinn. 5. the colour of the leather of a very light yellow : dath buidhe bhàn.
- BUFF**, *v. a.* Buail, dòrn.
- BUFFALO**, *s.* Damh allaidh, damh fìadhaich.
- BUFFET**, *s.* 1. A blow with a fist, a box on the ear : dòrn, sgaille, sgailleag. 2. a kind of cupboard : amraidh rionnach, amraidh sgealpac.
- BUFFET**, *v. a. et n.* 1. Strike with the hand, box, beat : buail dòrn, dòrn, cnap, thoir sgaille do. 2. toll mournfully : buail gu tiamhaidh, thoir buille tiamhaidh. 3. play a boxing match : cath, caonagaich, bi 'g iomairt dhòrn.
- BUFFETER**, *s.* Dòrnair, fear-caonnaig.
- BUFFETING**, *s.* Buille, gleadhair, cnap, sgaille.
- BUFFLE**, *s.* See Buffalo.
- BUFFLE-HEADED**, *adj.* Plucach, trom-cheannach, clod-cheannach.
- BUFFOON**, *s.* 1. A man whose profession is to make sport by low jests and antic postures : baoth-chleasaiche, fear anacair, fear ana-cheardach. 2. a man that practises indecent raillery : sgeigear, fear-magaidh.
- BUFFOON**, *v. a.* Sgeig, mag, dean fochair air.
- BUFFOONERY**, *s.* 1. The practice, or art of a buffoon : amblaireachd, baoth-chleasachd, ain-cheard. 2. low jests, ridiculous pranks, scurrile mirth : ain-cheard, baoth-chleasachd, sgeigeirachd, magadh.
- BUFFOONING**, *s.* Ain-cheard, baoth-chleasachd, sgeigeirachd.
- BUFFOONISM**, *s.* Aincheard, baoth-chleasachd, sgeigeirachd.
- BUFFOONIZE**, *v. n.* Bi aincheardach, bi baoth-chleasachd.
- BUFFOONLIKE**, *adj.* Mar bhaoth-chleasaiche.
- BUG**, *s.* Leomann fiodha, miol fiodha, bògus.
- BUG**, *s.* Bòcan, culaidh-cagail, faoin-gheilt.
- BUG-BEAR**, *s.* Bòguiseachd.
- BUGGINESS**, *s.* Bòguiseachd.
- BUGGY**, *adj.* Làn bhòguisean, làn leomann fiodha.
- BUGLE**, *s.* Dùdach, àdharc-fhoghaid.
- BUGLEHORN**, *s.* Dùdach, àdharc-fhoghaid.
- BUGLE**, *s.* 1. A sort of wild ox : sòrsa de dhamh fìadhaich. 2. a plant : gnè luis. 3. a shining head of black glass : gloine dhùbh loinnreach, dùbh-gloine.
- BUGLOSS**, *s.* Lus teanga 'n daimh, am punnd.
- BUILD**, *v. a. et n.* 1. Raise from the ground, make a fabric : tog, dean aitreabh-thogail, clachairich. 2. raise in any laboured form : tog, tog an àird. 3. raise any thing on a support, or foundation : tog air, tog a suas air. 4. play the architect : bi clachaireachd, bi togail aitreabh. 4. depend on, rest on : earb á, socraich air.
- BUILDER**, *s.* Clachair, fear-togail aitreabh.
- BUILDING**, *s.* Togail, tigh, aitreabh.
- BUILT**, *s.* 1. The form, the structure : cumadh-aitreabh, togail. 2. species of building : togail, gnè aitreibh.
- BULB**, *s.* Bun cruinn, meacan, meallan.
- BULB**, *v. n.* Bulgaich, at, cinn dòmhail.
- BULBACEOUS**, *adj.* See Bulbous.

- BULBED**, *adj.* Cruinn, 'n a mheall.
- BULBOUS**, *adj.* Meacanach, cnapach, làn ghùln.
- BULGE**, *s.* Sgàineadh, sgoltadh, fosgladh.
- BULGE**, *v. n.* 1. Take in water, founder : sgàin, sgolt, bi cu-dionach, leig a steach uisge. 2. jut out : bulgaich, brùchd a mach.
- BULK**, *s.* 1. Magnitude, mass : meudachd, tomad, dòmhlaich. 2. size, quantity : tomult, tomad, dòmhlaich. 3. the gross, the majority, the main mass : a' chuid a 's mò, a' mhòr roinn. 4. the main fabric, the body itself : tomad, tomult. 5. the main part of a ship's cargo : luchd, am mòr-luchd. 6. a part of a building jutting out : bolg.
- BULKHEAD**, *s.* Clàiridh soithich.
- BULKINESS**, *s.* Meudachd, dòmhlaich, tomadachd.
- BULKY**, *adj.* Mòr, dòmhail, tomadach.
- BULL**, *s.* 1. The male of black cattle : tarbh. 2. in the scriptural sense, an enemy, powerful, fierce, and violent : tarbh, nàmhaid guimideach. 3. a blunder, a contradiction : mearachd-focail, tuitcamas cainnte.
- BULL-BAITING**, *s.* Gleachd chon is tharbh, tarbh-ruagadh.
- BULL-BEEF**, *s.* Feòil tairbh, tarbh-fheòil.
- BULL-BEGGAR**, *s.* Bòcan, culaidh-cagail, uamhas.
- BULL-CALF**, *s.* Laogh-firionn, *mar na ceudna*, baoghan, sgonn.
- BULL-DOG**, *s.* Cù feòladair, tarbh-mhadadh, garbh-mhadadh danarra.
- BULL-FACED**, *adj.* Clàr-aodannach, aig am bheil aodann to-mhòr.
- BULLFINCH**, *s.* Buidhein na coille.
- BULL-FLY**, *s.* Cuileag mhòr, cuileag dhùbh.
- BULL-BEE**, *s.* Cuileag mhòr, cuileag dhùbh.
- BULL-HEAD**, *s.* 1. A stupid fellow, a blockhead : buimeilear, umpaidh, clod-cheann. 2. the name of a fish : greusaich. 3. a little black water vermin : lon-chraois.
- BULLET**, *s.* Peileir.
- BULLETIN**, *s.* Naidheachd chùirt.
- BULLION**, *s.* Òrd òir, no, airgid.
- BULLYRAG**, *v. a.* See Ballarag.
- BULLISU**, *adj.* Mearachdach, tuisleach an cainnt.
- BULLITION**, *s.* Goil.
- BULLOCK**, *s.* Tarbh òg, damh.
- BULLY**, *s.* Curaidh spleagach, gaothair, ceatharnach an-dàna.
- BULLY**, *v. a. et n.* 1. Overhear with noise, or menaces : cuir eagal air, maoidh air. 2. be noisy or quarrelsome : bi airmheirich, bi tuasaideach.
- BULRUSH**, *s.* Luachair, culc.
- BULRUSHY**, *adj.* Luachaireach, làn luachair.
- BULTEL**, *s.* 1. The bran or refuse of meal after dressing : còrlach, garbhan. 2. a bolter-cloth : pill-chriathraidh.
- BULWARK**, *s.* 1. A bastion : balla-daingnich, didcan. 2. a fortification : daingneach, baile-dìona. 3. security, a screen or shelter : dìon, didcan.
- BULWARK**, *v. a.* Daingnich, dìon, tog balla dìdein mu 'n cuairt, cuir callaid mu thimchioll.
- BUM**, *s.* Màs, leth-deiridh, tòn.
- BUM**, *v. n.* Tormanaich, bi fuaimneach.

BUMBAILIFF, s. Maor suarach, maor tràilleil.
BUMBAR, s. 1. A great gun: gunna mòr. 2. a black jack: sean chupa leathair. 3. a leathern pitcher: cuinneag leathair.
BUMBLEBEE, s. Seillean dubh.
BUMBOAT, s. Bata luiristeach.
BUMP, s. 1. A swelling, a protuberance: at, meall, cnap, pluc. 2. the mugient noise made by the bittern: crònan nan sgarbh.
BUMP, v. n. Thoir bragh asad, bi mòr-fhuaimneach.
BUMPER, s. Gloine dhearr làn, cuach stràta, sgaile.
BUMPKIN, s. Luiriste, luidealach, umpaidh, gleòsg-air.
BUMPKINGLY, adj. Luiristeach, pleòisgeach, luid-each.
BUNCH, s. 1. A hard lump, a knop: meall, cnap, croit, snaidhm. 2. a cluster: bagaid, bagailt, gagan, cluigean. 3. a number of things tied together: gagan, bagaid, cluigean. 4. any thing bound into a knot: dos, bad, fleasg.
BUNCH, v. n. Fàs crotach, at 'n ad mheall, bi làn chañpan.
BUNCHBACKED, adj. Crotach, dronnagach.
BUNCHINESS, s. Bagaideachd, crotachd, cinneachadh 'n a mheallaibh.
BUNCHY, adj. Bagaideach, cluigeanach, gaganach, dosach, badanach.
BUNDLE, s. 1. A number of things bound together: ceanglachan, paisgean, achlasan, trusan. 2. a roll, any thing rolled up: achlasan, ultach, rola.
BUNDLE, v. a. Ceangail cuideachd, cuir an ceangal, dean suas 'n a dhòrlach, trus.
BUNG, s. Àircean.
BUNG, v. a. Druid, dùin le àircean.
BUNGHOLE, s. Toll buideil, toll an àircein.
BUNGLE, v. a. et n. 1. Botch, manage clumsily: càirich, clùd, dean gu cearbach, dean mi-shnas-mhor. 2. perform clumsily: dean cearbach, mill.
BUNGLE, s. Clùd, bréid, càradh cearbach, milleadh, obair sgòdach.
BUNGLER, s. Fear-millidh oibre, tuaisdear.
BUNGLINGLY, adv. Gu cearbach, gu neo-loinneil, gu tuaisdeach.
BUNN, s. Aran milis.
BUNT, s. 1. A swelling part, an increasing cavity: iongrachadh, mòr-fhàsach. 2. the middle part of a sail formed into a bag: poca, glac, cromadh, meadhon.
BUNT, v. n. Bolg, bulg, at a mach.
BUNTER, s. Calle, drèol-caille, sgonn.
BUNTING, s. Gealag-bhuachair.
BUNTING, s. Aodach suaicheantais luinge.
BUOY, s. Fleodruinn, holla, àrca.
BUOY, v. a. et n. 1. Keep afloat, bear up: cum an uachdar, cum air snàmh. 2. float, rise by specific lightness: snàmh, bi 'n uachdar, éirich air a bhàrr.
BUOYANCY, s. Eutromachd, fuireach an uachdar, fleodradh.
BUOYANT, adj. Eutrom, a shnàmhach, a dh'fhanas an uachdar.

BUR, s. 1. Inner chamber, a place of shade or retirement. See Bower. 2. a rough head of a plant called a burdock: ceann mhic-an-dogha, ceann-cliadain.
BURDEN, s. 1. A load, something to be carried: eallach, uallach, cudthrom, éire. 2. something grievous, or burdensome: airsneul, doilgheas, cudthrom, eallach. 3. a birth: breith, aisead. 4. the verse repeated in a song: fònn, luinneag. 5. the quantity that a ship will carry: luchd. 6. a club: caman, bata crom.
BURDEN, v. a. Uallaich, sachdaich, cuir eallach air, luchdaich.
BURDENER, s. Fear-sachdachaidh, fear leagail callachan, fear-luchdachaidh, fear sàrachaidh.
BURDENOUS, adj. 1. Grievous, oppressive: trom, draghail, doilghiosach, cruaidh ri ghiùlan. 2. useless, cumbersome: neo-fheumail, draghail, uallachail.
BURDENSOME, adj. Doilghiosach, draghail, trioblaid-each, duilich ri ghiùlan, cudthromach.
BURDENSOMENESS, s. Cudthrom, trom, trioblaid-eachd.
BURDOCK, s. Mac-an-dogha, cliadan.
BUREAU, s. Ciste bhòrach, ciste chlàr-sgrìobhaidh.
BURG, s. See Burgh.
BURGAGE, s. Gabhaltas baile-margaidh.
BURGEON, s. Plucan meangain, gath craoibhe.
BURGESS, s. 1. A citizen, a freeman of a city, or corporate town: saoranaich, aon de shaoir dhaoine baile mòir. 2. a representative of a town corporate: fear seasamh còraichean baile mòir.
BURGESS-SHIP, s. Staid saoranaich.
BURGH, s. Baile-mòr, baile-margaidh, baile-saor.
BURGER, s. Saoranaich, neach aig am bheil seilbh ann an còraichean baile-mòir.
BURGHERSHIP, s. Dlighe saoranaich, còir duine-shaoir baile mòir.
BURGLER, s. Mèirleach, fear-brisidh thighean, fear-spùinnidh thighean.
BURGLARIOUS, adj. A bhuineas do chiont spùinnidh thighean.
BURGLARY, s. Briseadh-thighean, 's an oidhiche, ciont mèirle 'n dorchadais, spùinneadh na h-oidhiche.
BURGMOTE, s. Cùirt baile-margaidh.
BURGMMASTER, s. Bàillidh, aon de luchd-riaghlaidh baile-margaidh.
BURGRAVE, s. Fear-riaghlaidh dligheach dùin, no, baile-dìona.
BURIAL, s. 1. The act of burying, sepulture, interment: adhlacadh, tiodhlacadh, tòrradh. 2. the act of placing any thing under earth, or water: adhlacadh, t-iodhlacadh. 3. the church service for funerals: aoradh-adhlacaidh.
BURIER, s. Fear-adhlacaidh, fear-tiodhlacaidh, adhlacanach.
BURINE, s. Inneal grabhalaidd, gilb-chlach.
BURL, v. a. Luaidh eudach.
BURLER, s. Muillcar-luaidh.
BURLESQUE, adj. Aincheardach, àbhachdach, nèonach, iongantach, sgeigeil, magail.

BURLESQUE, *s.* Aincheard, àbhachd, fearas-chuid-eachd, sgeigeircachd, fòchaid, magadh.

BURLESQUE, *v. a.* Dean fòchaid air, mag, sgeig, tionndaidh gu aobhar ghàire.

BURLESQUE, *s.* Fear-sgeig, fear-fòchaid, fear tionndaidh gu culaidh bhùird.

BURLINESS, *s.* Tomult, mòr-labhradh, dòmhadas, farum.

BURLY, *adj.* 1. Great of size, great of stature, bulky, tumid; mòr, leathan, garbh, dòmhail. 2. replete, full, without vacuity: làn, dìnte. 3. boisterous, loud: mòr-bhriathrach, spagluinneach, stàirneach.

BURN, *v. a. et n.* 1. Consume with fire: loisg, caith le teine, cuir ri theine. 2. wound, or hurt with fire, or heat: loisg, sgàld. 3. exert the qualities of heat as by drying, or scorching: teasach, tiornaich. 4. be on fire, be kindled: loisg, bi air theine, fadaidh suas. 5. shine, sparkle: dealraich, dèarsaich, boills, bi drilseach. 6. be inflamed with passion, or desire: loisg le anamhiann, bi air bluraise. 7. act with destructive violence, used of the passions: loisg, sgrios. 8. be in a state of destructive commotion: bi loisgeach, cnàmh le losgadh, bi fuilth bluaireas. 9. it is used particularly of love: bi losgadh, bi cnàmh, rach a dhith.

BURN, *s.* Losgadh, sgàldadh, dochann le teine.

BURNABLE, *adj.* Tioram, deas gu losgadh, freagarrach air son a losgaidh.

BURNER, *s.* Fear-losgaidh,

BURNET, *s.* Loisgean.

BURNING, *s.* 1. Fire, flame, state of inflammation: losgadh, teine, lasair, leus, teas, aintas. 2. the thing to be burnt: losgadh, teine. 3. the act of burning: losgadh, lasadh, cur ri theine.

BURNING, *adj.* Loisgeach, garg, làidir.

BURNING-GLASS, *s.* Gloine-losgaidh, gloine chuireas ni ri theine le cumail ris a' ghréin.

BURNISH, *v. a. et n.* 1. Polish, give a gloss to: lìomh, loinnrich, glan. 2. grow bright, or glossy: soillsich, dèars, fàs loinnreach. 3. grow, or spread out: fàs, cinn, sgaoil a mach.

BURNISH, *s.* Lìomh, loinnreachas.

BURNISHER, *s.* 1. The person who burnishes, or polishes: fear-lìomhaidh, fear-loinnreachaidh. 2. a book-binder's tool: inneal lìomhaidh cheanglaiche-leabhar.

BURNT, *part.* 1. Loisgte. 2. (of liquors): loisgte, teasaichte.

BURR, *s.* Aran millis.

BURR, *s.* Fàillean na cluaise.

BURR-PUMP, *s.* Seòrsa feadain-taosgaidh.

BURROW, **BERG**, **BUNG**, **BURGH**, *s.* 1. A corporate town, not a city: baile-margaidh, baile saor, baile-bhàillidhcan. 2. (anciently) a fenced, or fortified town: baile-dìcein, brugh. 3. the holes made in the ground by conies: toll-choincan. 4. See Barrow, *s.*

BURROW, *v. n.* Cladhaich fuilth thalamh.

BURSAH, *s.* 1. The treasurer of a college: fear-glèidhidh an airgid ann an oil-thigh. 2. (in Scotland): foghlumaiche ann an oil-thigh (Albannach),

a gheibh beathachadh, no roinn beathachaidh air mhìodh còmhnaidh gu 'fhoghlum.

BURSARY, *s.* 1. The treasury of a college: ionmhas oil-thighe. 2. an exhibition in Scotland: còmh-nadh airgid a gheibh foghlumaich ann an oil-thigh.

BURSE, *s.* Tigh-màlairt, àite-coinnimh cheannaichean.

BURST, *v. a. et n.* 1. Break, or fly open, suffer a violent disruption: sgòilt, sgàin. 2. fly asunder: sgàin, grad-sgaoil o chèile. 3. break away, spring: leum as, grad-fluasgail. 4. come suddenly: brùchd, thig 'n ad mhaoin. 5. come with violence: brùchd, thig 'n ad bhrùchd. 6. begin an action violently, or suddenly: brùchd, bris a mach, leig air. 7. break suddenly: bris, grad-bhris, sgòilt, sgàin.

BURST, *s.* Sgàineadh, sgoltadh, brùchd, brùchdadh, maoin.

BURST, } *adj.* Discased with a hernia, or rupture:

BURSTEN, } fuilth mhàim-sic, briste 'a' nìonach.

BURSTENNESS, *s.* Màim-sic, beum-sic, briseadh-mion-aiach.

BURSTER, *s.* Fear-sgàinidh, fear-sgoltaidh, fear-brùchdaidh.

BURTHEN, *s.* See Burden, *s.*

BURTHEN, *v. a.* See Burden, *v.*

BURY, *s.* A termination in names of towns: brugh.

BURY, *v. a.* 1. Inter, put into a grave: adhlac, tiòdhlaic, cuir fuilth 'n àir, tòrr. 2. conceal, hide: ceil, folaich, cleith, cuir am folach. 3. place one thing within another: ceil, cleith, fill.

BURYING, *s.* See Burial.

BURYING-PLACE, *s.* Àit-adhlacaidh, bàghan, cladh.

BUSH, *s.* 1. A thick shrub: preas, dos. 2. a bough of a tree fixed up at a door to shew that liquors are sold there: bad-suaicheantais tigh-leanna. 3. the tail of a fox: earball seannach.

BUSH, *v. n.* Fàs tigh, dosaich.

BUSHEL, *s.* Tomhas àraidh, 's am bheil ochd galain.

BUSHINESS, *s.* Preasarnachd, dosanachd.

BUSHMENT, *s.* Preasarnach, doire dlùth.

BUSHY, *adj.* 1. Thick, full of small branches: preasach, dosach, gasach, dusluingeach. 2. thick like a bush: preasach, tigh, badanach. 3. full of bushes: preasach, badanach, preasarnach.

BUSINESS, *s.* Diomhain, gun ghnothach, gun ghnìomh.

BUSILY, *adv.* See Busy.

BUSINESS, *s.* 1. Employment, multiplicity of affairs: obair, gnothuch. 2. an affair: gnothuch, cùis, rud. 3. the subject of business: gnothuch, cùis. 4. serious engagement, in opposition to trivial transactions: obair, gnothuch cudthromach. 5. right of action: gnothuch ri, còir, còir air, buint. 6. a matter of question, something to be examined, or considered: cùis, gnothuch. 7. something to be transacted: gnothuch. 8. something required to be done: gnothuch, obair, seirbhis. 9. do one's business: spad e, cuir as da.

BUSK, *s.* Sgolb-uchda, sgolb-peiteig bhig, ainninn peiteig.

BUSK, *s.* See Bush.

BUSK, *v. a.* Deasaich, sgeadaich, grinnich.

BUSKET, *s.* 1. A sprig, or small bush: preasan, dosan. 2. a small compartment of gardens: ois-inn gàraidh, air dheadh ghriinneas.

BUSKIN, *s.* 1. A kind of half-boot: leth-bhòt, cuaran. 2. a kind of high shoe, worn by ancient players on the stage: bròg luchd-cluiche o shean, cuaran.

BUSKINED, *adj.* 1. Dressed in buskins: deachaithe an leth-bhòtaibh, no, an cuaranaibh fada. 2. relating to tragedy: a bhùineas to dhluich, coltach ri cluich.

BUSKY, *adj.* See Bosky.

BUSS, *s.* 1. A kiss, a salute with the lips: pòg, bus-ag. 2. a fishing-vessel: long-iasgaich.

BUSS, *v. a.* Pòg, thoir pòg do.

BUST, *s.* Dealbh snaidhte, no, dealbh crèadha duine o cheann gu gualainn.

BUSTARD, *s.* Caileach Turcach fadhaich.

BUSTLE, *v. n.* Dean iomairt, tog iomairt, bi d' chabhl-ag.

BUSTLE, *s.* Cabhag, iorghuill, othaill, òinich, iomairt, drip, tuairgneadh.

BUSTLER, *s.* Fear iorghuilleach, fear cabhagach, fear-iomairt, duine tuairgneach.

BUSTO, *s.* See Bust.

BUSY, *adj.* 1. Employed with earnestness: saoth-rach, gnìomhach, dèanadach. 2. bustling, active, meddling: meachranach, iamb, bleidil. 3. troublesome, vexatiously importunate, or intensive: bleidil, liosda, leamh.

BUSY, *v. a.* Cum gnìomhach, cum 'n a chabhl-ag, cum dèanadach.

BUSYBODY, *s.* Fear beadaidh, fear-sgeòil, fear-tuailcis, neach a ghabhas gnòthuch ri ni nach buin da.

BUT, *conj.* 1. Except: ach, ach mur, mur, mur bi-odh, mur b' e 's gu. 2. except then, had it not been that, but that: mur b' e 's gu, mur blitheadh 's gu. 3. yet, nevertheless: gidheadh. 4. the particle which introduces the minor of a syllogism: ach, ach gidheadh. 5. than, or that: na, nach. 6. but, that, without this consequence that: nach. 7. otherwise than that: nach. 8. however, howbeit: gidheadh. 9. no doubt but, no question but: nach. 10. only: ach, ach a mhàin. 11. but yet: ach gidheadh, gidheadh. 12. a particle of addition, or affirmation: ach tuilleadh, ach tuilleadh fòs. 13. unless: mur. 14. but for: ach a mhàin.

BUT, *adv.* A mhàin, ach a mhàin.

BUT, *interj.* Nach, gur.

BUT, *s.* Crìoch, ceann-criche.

BUT, *s.* (In sea language): ceann, ceann clàir, ceann-bùird.

BUT, *v. a.* 1. Touch at the one end: bean ri, ruig. 2. utter an exception: ag, cuir ag ann.

BUT-END, *s.* Ceann reamhar, bonn, sàil, càrr, bun, maol-cheann.

BUTCHER, *s.* 1. A killer of animals to sell their flesh: feòladair. 2. one that is delighted with blood: duine fuilteach, duine borb, duine mortach.

BUTCHER, *v. a.* Casgair, marbh, mort.

BUTCHERLINESS, *s.* Buirbe, fuilteachd, mortaireachd.

BUTCHERLY, *adj.* Cruaidh-chridheach, fuilteach, fuil-eachdach.

BUTCHERY, *s.* 1. The trade of a butcher: feòlad-airiachd. 2. murder, cruelty, slaughter: mort, mortaireachd, fuil, fuilteachd, àr. 3. the place where animals are killed: tigh-feòladairiachd, tigh-casraidh.

BUTLER, *s.* Buidealair, seirbhiseach dibhe, air am bheil cùram na dibhe.

BUTLERSHIP, *s.* Buidealairiachd, dreuchd buideal-aire.

BUTMENT, *s.* Bonn bogha drochaid.

BUTSHAFT, *s.* See Arrow.

BUTT, *s.* 1. The place on which the mark to be shot at is placed: ionad-cuimse, àite buill-amais. 2. the point at which the endeavour is directed: crìoch, ball-amais. 3. a man upon whom the company breaks their jests: culaidh-mhagaidh, cùis-bhùird, ball-magaidh. 4. the object of aim, the thing against which any attack is directed: ball-amais, comharradh, cuspair. 5. a blow given by a horned animal: buille a bheir ainmhidh adharach, putadh, purradh. 6. a stroke given in fencing: buille-claidheimh. 7. a vessel, a barrel containing one hundred and twenty-six gallons of wine and one hundred and eight gallons of beer: buideal mòr, baraille, a chumas sè fichead 's a sè galan fìona, no cùig fichead 's a h-ochd galan leanna.

BUTT, *v. a.* Put, purr, stailc.

BUTTER, *s.* Ìm.

BUTTER, *v. a.* 1. Smear or oil with butter: taisich le ìm, cuir armadh air, ùil, smeur. 2. increase the stakes every throw: cuir geall ni 's mò, cuir gill am meud.

BUTTERBUMP, *s.* Gràineag, a' ghràineag, eun àraidh.

BUTTER-FLLOWER, *s.* Buidheag an t-sambraidh.

BUTTERFLY, *s.* Dearbadan-dé, eunan-dé, teine-dé, dealan-dé, dealbhan-dé, dealman-dé.

BUTTERIS, *s.* Sgian-gobha, iarrunn-gearraidh chruidheach-each.

BUTTERMILK, *s.* Blàthach, bainne-gort.

BUTTER-PRINT, *s.* Moldair-ime.

BUTTER-TOOTH, *s.* Clàr-fhiacail.

BUTTERWIFE, } *s.* Bean-ime, ban-ricceadair ime.

BUTTERWOMAN, }

BUTTERWORT, *s.* Badan-measgair.

BUTTERY, *adj.* Ìmeach, air dheadh ime.

BUTTERY, *s.* Tigh-tasgaidh, biadh-lann.

BUTTOCK, *s.* Màs, cùl-a'-chruachain, tòn.

BUTTON, *s.* 1. A catch or small ball which the dress of man is fastened: cnap-trusgair, cnapan-trusgaidh. 2. any knob or ball fastened to a smaller body: cnap, cnapan. 3. the bud of a plant: gineag-luibhe, gucag-luibhe. 4. the sea-urchin: muc-chreige, gràineag-mhara.

BUTTON, *v. a.* 1. Dress, clothe: deasaich thu féin, sgeadaich, cuir umad. 2. fasten with buttons: dùin, ceangail t-eudach, cuir umad.

BUTTONHOLE, *s.* Toll-cnaipe.

BUTTONMAKER, s. Fear-dèanaimh chnap-trusgain, cnapadair.

BUTTRSS, s. 1. A wall built to support another wall : balla-taice. 2. a prop, a support : prop, taic.

BUTRESS, v. a. Taicich, cum suas, cuir taic ri.

BUTRACEOUS, BUTTROUS, } adj. Ìmeach, mar ìm.

BUXOM, adj. 1. Obedient, yielding : ùmhail, strìochdach. 2. gay, lively, brisk : aighearach, beothail, meannach, eutrom, suigeartach. 3. wanton, jolly : macnusach, leannanach, meannach, beadarach.

BUXOMLY, adv. See Buxom.

BUXOMNESS, s. Ùmhachd, strìochdalachd, aighcarachd, beothalachd, meannadh, macnusachd, beadarachd. See Buxom.

BUY, v. a. et n. Purchase, acquire by paying a price : ceannaich. 2. pay dearly for : daor-cheannaich, cothaich, coisinn. 3. procure some advantage by something that deserves it : coisinn. 4. regulate by money : ceannaich. 5. treat about a purchase : cùmhantaich.

BUYER, s. Ceannaiche, fear-ceannachaidh.

BUZZ, v. a. et n. 1. Whisper, spread secretly : aithris os ìosal, thoir sanas. 2. hum, make a noise like bees : srann, drann-danaich, dean dùrdan. 3. whisper, prate to : thoir cagair do, dean goileam ri.

BUZZ, s. 1. The noise of a bee, or fly : srann, dùrdan, crònan, crònaich. 2. a hum, a whisper, a talk : cagair, aithris os ìosal, dùrdan.

BUZZARD, s. 1. A degenerate sort of hawk : seòrsa seabhag, clamhan. 2. a blockhead, a dunce : sgonn-bhalach, siadair, buimilear duine, tamhasg.

BUZZARD, adj. Baoghla, tamhasgach, buimilearach.

BUZZER, s. Fear-cogarsaich, fear-tuailleis.

BY, prep. 1. Denoting the agent : le, leis. 2. noting the instrument : tre, troimh, le, leis. 3. noting the cause of any effect : o, trid, troimh, tre. 4. noting the means by which any thing is performed or obtained : le, leis, troimh, trid. 5. shewing the manner of an action : le, troimh, leis, trid. 6. noting the method in which any successive action is performed : air, an dèigh, agus. We came one *by* one : thàinig sinn neach *air* neach ; neach an dèigh neach ; neach is neach. 7. noting the quantity had at one time : ann, ann an. I got it *by* pounds : fhuair mi c' n a phuinn. 8. at, or in, noting place : air, aig. 9. according to, noting permission : le, leis. 10. according to, noting proof : le, a fèir, do fèir. 11. after, according to, noting imitation, or conformity : a fèir, do fèir. 12. from, noting ground of judgment, or comparison : le, leis, a thaobh. 13. noting the sum of the difference between two things compared : mar, mar a', mar an. This is shorter *by* a foot : 's e so is giorra mar throigh. 14. noting co-operation : o, le. 15. for, noting continuance of time : car, fad.

He possessed it *by* the space of two years : shealbhaich se e car dà bhliadhna ; fad dhà bhliadhna. 16. as soon as, not later than, noting time : mu, roimh. 17. besides, noting passage : seachad, seachad air, ri taobh, seach. 18. beside, near to, in presence, noting proximity of place : fagus, am fagus, fagus air, am fochar, 's an làthair, làimh ri. 19. before *himself, herself, itself, themselves*, noting the absence of all others : le, leis. 20. at hand : aig làmh, làimh ri, am fochar. 21. noting the solemn form of swearing : air. 22. noting specification, and particularity : air. 23. noting forms of adjuring or obtesting : air, as uchd. 24. by proxy of, noting substitution : le, leis. 25. in the same direction with : air fad, an cois.

By, adv. 1. Near, at a small distance : aig làmh, an làthair. 2. beside, passing : seachad. 3. in presence : 's an làthair.

By and by, adv. An àine ghoirid.

By, s. Dol seachad. They who have saluted her on the *by* : iadsan a dh' fhàilligh dh' i 's an dol seachad.

By, v. n. See Aby.

BY-CONCERNMENT, s. Frith-ghnothuch.

BY-CORNER, s. Frith-oisinn.

BY-DRINKING, s. Frith-phòitearachd, òl leis féin.

BY-END, s. Rùn cealgach, cùis dhìomhair.

BY-GONE, adv. Air dol seachad.

BY-INTEREST, s. Féin-bhuannachd.

BY-LAW, s. Frith-lagh.

BY-MATTER, s. Frith-àl, frith-fud.

BY-NAME, s. Frith-ainm, fath-ainm, leth-ainm.

BY-NAME, v. a. Thoir frith-ainm air.

BY-PATH, s. Frith-rathad, rathad dhìomhair, leth-shlighe.

BY-ROAD, s. See By-path.

BY-ROOM, s. Scòmar-cùil, scòmar uaigneach.

BY-SPEECH, s. Frith-sheanchas.

BY-STANDER, s. Fear-amhairc.

BY-STREET, s. Frith-shràid.

BY-TURNING, s. Slighe dhìomhair, rathad uaigneach.

BY-VIEW, s. See By-respect.

BY-WALK, s. Frith-cheum, ceum uaigneach.

BY-WAY, s. See By-path.

BY-WEST, s. An iar, an iar air, 's an àirde 'n iar.

BY-WIPE, s. Cùl-bheum, cùl-mbagail.

BY-WORD, s. Frith-fhocal, sean-fhocal, gnàth-fhocal, leth-fhocal.

BYE, or BEE, s. Ionad-cùmhnuidh, àite-tàimhe, bùth. **BYRE, s.** Bàltheach, tigh-cruidh.

BYSEL, s. See By-word.

BYSSE, } s. Currag anairt.

BYSSIN, }

BYSSUS, }

BYSSINE, adj. Sìoda, de 'n t-sìoda.

CAC

C, THE numeral letter of the Romans, which we use to denote an hundred: ceud, cùig fich-ead.

CABAL, s. 1. A body of men united in some close design: coinneamh dhìomhair, buidheann aon-fhillte. 2. intrigue: cluainteachd, claon-chomhairle.

CABAL, v. n. Cum coinneamh dhìomhair, bi an claon-chomhairle, bi ri cluainteachd.

CABALISTIC, } adj. Dìomhair, aig am bheil seadh
CABALISTICAL, } dìomhair.

CABALLER, s. Fear comhairle-dhìomhair, fear claon-chomhairle, cluaintea.

CABARET, s. Tigh-òsda.

CABBAGE, s. 1. A plant: càl, càl-ceirsleach, càl geal. 2. a cant word for the shreds and patches made by tailors in cutting out clothes: luidheagan, fuighleach.

CABBAGE, v. a. et n. 1. Steal in cutting clothes: ceil fuigheall, goid fuigheall aodaich. 2. form a head, as the plants begin to cabbage: trus, ceirslich.

CABBAGE-WORM, s. Burras.

CABIN, s. 1. A small room: seòmar beag, cùil. 2. a small chamber in a ship: seòmar-luinge. 3. a cottage or small house: bùth, bothan.

CABIN, v. a. et n. 1. Confine in a cabin: druid an seòmar, duin an seòmar. 2. live in a cabin: còmhnuich am bothan, thig bco am pàilliu.

CABIN-BOY, s. Gille-feitheimh an seòmair luinge.

CABIN-MATE, s. Companach seòmair.

CABINET, s. 1. A closet, a small room: seòmar uaigneach, seòmair-taoibh. 2. a hut, or small house, a cot or tent: bùth, bothan, tigh beag, pàilliu. 3. a private room in which consultations are held: seòmair-comhairle. 4. a set of boxes or drawers for curiosities: a private set of boxes: tasgaidh, gleideadh. 5. any place in which things of value are hidden: ionad dìomhair, ionad falchaidh.

CABINET-MAKER, s. Fear-dèanaimh àirneis tìghe.

CABINET, v. a. Taisg, dùin a steach.

CABLE, s. Còrd a crach luinge, còrd, taod, ball, càball.

CABLED, adj. Ceangailte le càball, air acair.

CABLET, s. Còrd, ball, taod, càball-asgair.

CABOB, v. a. Ròsd, no, ròisd gu cabhagach.

CACHETIC, } adj. Euslan, ni-fhallain, galarach, air
CACHETICAL, } dhroch càil cuip.

CACHENY, s. Euslaint, breòiteachd, tinneas.

CACHINATION, s. Gàireachdaich mhòr, glag-ghàire.

CACKLE, v. n. 1. Make a noise as a goose: ràc, bi glocail, goir, gàir. 2. sometimes it is used for the

CAJ

noise of a hen: dean, glocail, dean gogail. 3. laugh, giggle: gàir, bi gogail.

CACKLE, s. 1. The voice of a goose, or fowl: ràc, gloc, cànrán, gànrach, gogail. 2. idle talk, prattle: glocail, giolam, faoin chòmhradh.

CACKLER, s. 1. A fowl that cackles: eun glocach. 2. a tell-tale, a tatler: fear gogail, sgiolam.

CACODEMON, s. Deamhan, droch-spiorad, ann spiorad.

CACOTHES, s. 1. An incurable ulcer: neasgaid shluiteach nach gabh leigheas, cneadh bhàsmhor. 2. a bad habit: droch cleachdadh.

CACOGRAPHY, s. Droch sgrìobhadh.

CACOPHONY, s. Droch fhuaim litrichean, cainnt phlubach.

CADAVER, s. Closach, cairbh.

CADAVEROUS, adj. Cairbheach, lobhta, malcta, grod.

CADDIS, s. 1. A kind of tape or ribbon: stiom, rìbean. 2. a kind of worm found in a case of straw: durag-chonnlaich.

CADDOW, s. See Jackdaw.

CADE, adj. Soirbh, sèimh, mùirneach, mallda.

CADE, v. a. Àraich gu mùirneach, tog suas gu beadh-àrach.

CADE, s. Buideal mòr, baraille.

CADENCE, } s. 1. Fall, state of sinking, decline:

CADENCY, } tuiteam, leagadh, isleachadh. 2. the fall of the voice: guth-leagadh, fonn-isleachaidh.

3. the flow of verse or periods: deireadh-fhuaim, crìoch-fhuaim. 4. the tone or sound: fonn, fuaim.

CADENT, adj. Tuiteamach, a shìolaidheas sìos.

CADET, s. 1. The younger, or youngest brother: am bràthair is òige, an t-òg bhràthair. 2. a volunteer in the army: fear-cogaidh gun duais, fear a chogas a nasgaidh an dùil ri àrdachadh.

CADGE, v. a. Giùlain eallach, giùlain air do mhuin.

CADGER, s. Frith-cheannaiche, fear-saic.

CADUCITY, s. Breòiteachd, laige.

CADUKE, adj. Lag, breòite, crìtheach, gliogach.

CAERULE. See Cerule.

CAG, s. Buideal, soire.

CAGE, s. 1. An inclosure of twigs or wires in which birds are kept: eun-lann, eunadan, gainntir. 2. a place for wild beasts inclosed with palisades: lann-fhìadh-bheathach, prìosan, gainntir, gàradh.

CAGE, v. a. Prìosanaich, dùin a stigh, druid a stigh, cuir an lann.

CAIC, s. Geòla, bàta-luinge.

CAIL, s. See Kail.

CAIMAN, s. Lonach shligneach America.

CAJOLE, v. a. Breug, nìall, ciùmich, sliob, dean beul breagha ii.

CAJOLER, *s.* Mlodalaiche, fea-rbrosagail, sodalaich, fear-sodail.

CAJOLERY, *s.* Miodal, brosgal, sodal, gabhann.

CAITIFF, *s.* Slaightear, balach suarach, neo-fhiachail, no, droch-bheirteach.

CAIRN, *s.* Càrn, dùn-chlach.

CAKE, *s.* 1. A kind of delicate bread: breacag, bonnach, dearnagan, abhlan. 2. any thing of a form rather flat than high: bonnach, breacag, bannag.

CAKE, *v. n.* 1. Harden, as dough in the oven: bruich mar bhonnach, cruadhaich. 2. cackle as a goose: dean ràicail, dean gocail.

CALAMIFEROUS, *adj.* Cuiscagach, cuisleach.

CALAMINE, *s.* Seorsa do mhèiteil thais, a thionndaidheais le measgadh, copar, gu pràis, no, umha.

CALAMISTRATE, *v. a.* Cns, bachlaich, dean camagach, cuir suas gu cuachagach.

CALAMISTRATION, *s.* Casadh, bachlachadh.

CALAMITOUS, *adj.* 1. Miserable, unhappy, wretched: truagh, mi-shona, dosgainneach, mi-àghmhor. 2. full of misery, distressful: truagh, cràiteach, bochd, dòghruinneach, cruaidh.

CALAMITOUSNESS, *s.* Truaighe, mi-shonas, mi-àghmhorachd, mi-shealbhadh.

CALAMITY, *s.* 1. Misfortune, cause of misery, distress: truaighe, dosgáinn, calldachd, trioblaid, àmhghar. 2. misery, distress: truaighe, àmhghar, trioblaid, dòighlhos, an-shocair.

CALCAREOUS, *adj.* Anns am bheil gnè adail, no, caile.

CALCINABLE, *adj.* A ghabhas losgadh mar aol.

CALCINATE. See Calcine, *v. a.*

CALCINATION, *s.* Losgadh gu dus, losgadh gu luathire.

CALCINE, *v. a. et n.* 1. Burn in the fire to a calx: loisg gu luathire. 2. burn up: loisg a suas. 3. become calx by heat: loisg gu luathire.

CALCITRATE, *v. n.* Buail le d' chois, ceig, breab.

CALCULABLE, *adj.* So-àireamh, furasd a chunntadh.

CALCULATE, *v. a. et n.* 1. Compute, reckon: cunnt, cuir a suas, àireamh, meas. 2. compute the situation of planets at any certain time: tonhais, faigh a mach. 3. adjust, project for any certain end: suidhich, dean freagarrach. 4. make computation: cunnt, àireamhaich.

CALCULATION, *s.* 1. The art of numbering, practice, or manner of reckoning: cunntas, colas àireamh shuim. 2. a reckoning, the result of arithmetical operation: cunntas, suim.

CALCULATOR, *s.* Cunnait, fear-àireamh, fear-meas, uibhreadar.

CALCULE, *s.* Àireamh, cunntas.

CALCULOSE, } *adj.* Clachach, gaimhneinncach.

CALCULOUS, }

CALCULUS, *s.* Clach cutromain.

CALDRON, *s.* Coire, poit-mhòr.

CALEDONIAN, *adj.* Albhunnach.

CALEFACTION, *s.* 1. The act of heating any thing: teasachadh, blàthachadh. 2. the state of being heated: teas, teòthadh.

CALEFACTORY, *adj.* Teth, a ùi teth.

CALEFY, *v. a. et n.* 1. Make warm: dean teth, teòdh, dean blàth. 2. grow hot, be heated: fàs teth, bi blàth.

CALENDAR, *s.* Miosachan.

CALENDER, *v. a.* Lìosraig, dean mìn am preas teannachaidh.

CALENDER, *s.* 1. A hot press, a press in which clothers smooth their cloth: preas teannachaidh, preas lìosraigidh aodaich. 2. the workman who manages the machine: fear-lìosraigidh.

CALF, *s.* 1. The young of a cow: laogh. 2. a dolt, a stupid wretch: bumeilear, àmaidh, baohair. 3. the thick, plump, bulbous part of the leg: calpa na coise.

CALF-LIKE, *adj.* Laoghail, mar laogh.

CALIBER, *s.* Feadan gunna, tomhas peileir gunna.

CALICE, *s.* See Chalice.

CALICO, *s.* Calico, aodach-canaich.

CALID, *adj.* Teth, loisgach, dian, bras.

CALIDITY, *s.* Teas, dian-theas.

CALIDUCT, *s.* Fìob theasachaidh.

CALIGATION, *s.* Dorchadas, neultachd.

CALIGINOUS, *adj.* Dorch, doilleir, neultach.

CALIGINOUSNESS, *s.* Dorchadas, duibhre, neultachd.

CALIGRAPHY, *s.* Snas-sgrìobhadh, sgrìobhadh bòidheach.

CALIPERS, *s.* See Callipers.

CALIVER, *s.* Gunna-glaic, cuilbheir.

CALIX, *s.* Cùpa, cupan.

CALK, *v. a.* Calc, dianaich, dhùn a suas.

CALKER, *s.* Fear-calcadh, calcadair.

CALKIN, *s.* Bìodan cruaidh eich.

CALKING-IRON, *s.* Gìlb-chalcadh.

CALL, *v. a. et n.* 1. Name, denominate: gairm ainmich. 2. summon, or invite: gairm, iarr, thoir cuireadh. 3. convoke, summon together: gairm, cruinn, cruinnich. 4. summon judicially: gairm iarr gu cùirt, gairm gu cunntas. 5. summon by command: gairm. 6. invoke, appeal to: gairm, air, cuir fianuis air. 7. appeal to: gairm ri, cuir fianuis air. 8. proclaim, publish: gairm, aithris, glaoth, cuir an cèill. 9. excite, put in action: gairm, cuir fuidh ghluasad. 10. stigmatize with some opprobrious denomination: gairm, fritich-ainmich. 11. call back, revoke, retract: cuir air chùl, gairm air ais. 12. demand, require, claim: gairm, cuir a dh' iarraidh, iarr. 13. resume money at interest: gabh a d' ionnsuidh. 14. resume any thing that is in other hands: faigh o, gairm o. 15. summon together, invite: gairm cuideachd, thoir cuireadh. 16. read aloud a list, or muster roll: glaoth thairis, ainmich. 17. challenge, summon to fight: thoir, dùlan do, thoir cuireadh do. 18. stop without the intention of staying: dean guth air, taoghail. 19. make a short visit: gairm air, taoghail aig. 20. solicit for a favour, or a debt: iarr, gairm air son. 21. repeat solemnly: aithris, luaidh. 22. implore, pray to: gairm, guidh, èigh ri.

CALL, *s.* 1. A vocal address of summons, or invitation: gairm, ainmeachadh, cuireadh, glaoth, èigh, guth. 2. requisition authoritative and public:

iartras, gairm. 3. divine vocation: gairm, cuir-eadh. 4. a summons from heaven, an impulse: gairm, iartas, cuireadh. 5. authority, command: ùghdarras, cumhachd. 6. demand, claim: iartas, agartas, fiachan. 7. an instrument to call birds: feadag. 8. in naval language: feadag, dùd-luinge. 9. calling, vocation, employment: gairm, dreuchd, ceaird. 10. a nomination: ainneachadh, ainm.

CALLER, s. Fear-gairm, fear-glaothaich.

CALLER, s. Caile shuarach, strabaid, sgonn sglamh-ruinneach, baobh.

CALLET, v. n. Troid, càin, cronaich gu garg.

CALLING, s. 1. Vocation, profession, trade: gairm, ceaird, dreuchd. 2. proper station, or employment: inbhe, dreuchd. 3. class of persons united by the same employment or profession: dream, treubh, aidmheil. 4. divine vocation: gairm. 5. appellation: ainm.

CALLIDITY, s. Seòlthachd, cuilbheirteachd, cluain.

CALLIPERS, s. Gobhal ruinne chrom.

CALLOSITY, s. Calam, cruaidh-chraicinn, at gun chràdh.

CALLOUS, adj. 1. Indurated, hardened: cruaidh, teann, neo-mhothachail, tugh. 2. hardened in mind, insensible: neo-mhothachail, cruaidh.

CALLOUSLY, adv. See Callous.

CALLOUSNESS, s. 1. Hardness, induration of the fibres: cruas, làidreachd. 2. insensibility: cion-mothachaidh, cion-fàirachduinn.

CALLOW, adj. Rùisgte, lomnochd, lom, neo-iteagach.

CALLUS, s. 1. An induration of the fibres: calum, cruaidh-chraicinn. 2. the hard substance by which broken bones are united: cruas-chnàmh cnàmh-theannachadh.

CALM, adj. 1. Quiet, serene, not stormy: sàmhach, ciùin, fèitheil. 2. undisturbed, unruffled, applied to the passions: ciùin, sèimh, tòdach, sìothchail.

CALM, s. 1. Serenity, stillness, freedom from violent motion; used of the elements: fè, ciùine, sìth, sìochaint, sàmhchair. 2. freedom from disturbance, quiet, repose: sàmhchair, suaimhneas, sìth, fois.

CALM, v. a. 1. Still, quiet: coisg, ciùinich, foisich. 2. pacify, appease: ciùinich, foisich, sìthich.

CALMER, s. Fear-ciùineachaidh, fear-sitheachaidh, fear-thabhairt fois, ceann-sithe.

CALMLY, adv. See Calm, *adj.*

CALMLY, adj. Ciùin, sàmhach, sèimh, sìochanteach sìthail.

CALMNESS, s. 1. Tranquillity, serenity: ciùine, sàmhchair fè, sìth. 2. mildness, freedom from passion: maldachd, ciùine, sìochaint.

CALONEL, s. A'rigod-bèò air a glanadh sè uaircan, sàr a'rigod-bèò.

CALORIFIC, adj. Teth, a nì teth, a theasaicheas.

CALTROP, s. 1. An instrument made with three spikes: inneal-cogaidh thri mheurach. 2. corn-thistle: deannag arbhair.

CALVE, v. n. 1. Bring a calf: beir laogh. 2. it is used metaphorically for any act of bringing forth: beir, thoir a mach.

CALVER, v. a. et n. 1. Cut in slices: sliseagaich, gearr tana. 2. shrink by cutting, and not fall to pieces: crup, teann 'r' a chèile.

CALVISH, adj. Pleòisgeach, baath, mar laogh.

CALVITY, s. Maoilead, maoile.

CALUMNIATE, v. a. et n. 1. Slander: cùl-chàin, breugnaich, beum, tog tuairisgeul, aithris tuailcas. 2. accuse falsely: breugnaich, maslaich, bi tuail-easach.

CALUMNIATION, s. Cùl-chàineadh, sgainneal, tuail-eas.

CALUMNIATOR, s. Fear cùl-chàinidh, breugair, fear-tuail-easach.

CALUMNIATORY, s. *adj.* Tuail-easach, sgainnealach.

CALUMNIOUS, s. *adj.* Tuail-easach, sgainnealach.

CALUMNIOUSLY, adv. See Calumnious.

CALUMNIOUSNESS, s. Cùl-chàineadh, tuail-easachd.

CALUNNY, s. Sgainneal, tuail-eas, breug.

CALX, s. Ni a ghabhas losgadh no a loisgeadh, gu luathre.

CALYCLE, s. Sùileag, ùr-bhlàth, barr-guc, briseadh duillich.

CAMBIST, s. Fear-malairt airgid.

CAMLET, s. See Camelot.

CAMBRIC, s. Pèarlàinn, anart caol lìn.

CAME, pret. of Come: Thàinig.

CAMEL, s. Càmhal.

CAMEL-BACKED, adj. Dronnagach, crotach.

CAMELOT, s. 1. A kind of stuff made of wool and silk: camlaid, aodach clòimhe is sìoda. 2. hair-cloth: camlaid, aodach olainn.

CAMERADE, s. See Comrade.

CAMIS, s. Trusgan tana, trusgan sgàileanach.

CAMLET, s. See Camelot.

CAMMOCK, s. See Rest-harrow.

CAMOMILE, s. Buidheag shearbh.

CAMOUS, s. *adj.* Blad-shronach.

CAMOYS, s. *adj.* Blad-shronach.

CAMOUSED, adj. Cam, crotach, air am bheil bogha, crom.

CAMOUSLY, adv. See Camous.

CAMP, s. Campa, cochrinneachadh feachd.

CAMP, v. a. et n. 1. Encamp: campaich. 2. camp, pitch a camp, fix tents: campaich, leag campa.

CAMPAIGN, s. 1. A large, open, level tract of CAMPAIGN, } ground, without hills: rèidhlean, còmhlar, raon, magh, machair. 2. the time for which an army keeps the field without entering into quarters: ùine feachd an campa.

CAMPAIGNER, s. Saighdeir a sheirbheisicheas rè ùine feachd an campa.

CAMPANOLOGY, s. Eòlas clag-bhualaidh.

CAMPANIFORM, adj. Air chumadh cluig.

CAMPANULATE, adj. See Campaniform.

CAMPESTRAL, adj. Machaireach, raointeach, maghach.

CAMPESTRIAN, adj. A bhuineas do 'n mhachair, raointeach, maghach.

CAMPING, s. Cas-iomain, ball-iomain le casaibh.

CAN, s. Canna, copan, còrn, cuach.

CAN, v. a. et n. 1. Know, understand: aithnich, tuig. 2. be able, have power: bi comasach,

- faod. 3. *poten. m.* I can: feudaidd mi, is urradh mi.
- CANAILLE, *s.* Gràisg, prabar, fòtus, ceathairne-shuarach.
- CANAKIN, *s.* Cupan.
- CANAL, *s.* 1. A basin of water in a garden: lochan caol. 2. any tract or course of water made by art: feadan uisge, clais-uisge, uisg-shlighe uisge roimh thalamh. 3. a conduit or passage through which any of the juices of the body flow: feadan, pìob, cuisle, fèith.
- CANALICULATED, *adj.* Feadanach, sruthanach.
- CANCEL, *v. v. et n.* 1. Cross a writing: dubh a mach, tarraing sgrìobh troimh. 2. efface, obliterate in general: dubh a mach, mill, cuir as. 3. cancel: bi air do dhubhadh a mach, bi mille.
- CANCELLATED, *adj.* Sgrìobhta tar-suinn.
- CANCELLATION, *s.* Sgrìobhadh tar-suinn.
- CANCER, *s.* 1. A crab fish: partan, crùbag. 2. the sign of the summer solstice: aon de na comharrach 's a' chuairt ghréin. 3. a virulent swelling, or sore not to be cured: an galar cnámhach, cneadh cnámhach buirbein.
- CANCEROUS, *adj.* Chneadh-cnámhach.
- CANCERINE, *adj.* Partanach, crùbagach.
- CANDENT, *adj.* Dian-theth, dearg-theth.
- CANDID, *adj.* 1. White: geal. 2. free from malice, fair, open, ingenuous: fosgailte, fosgarra, saor, gun mhì-rùn, neo-chealgach.
- CANDIDATE, *s.* Fear-iarraidh, iarradair, fear co-oidhirp, fear còmh-stri.
- CANDIDATE, *v. a.* Dean 'n a iarradair, cuir an ionad fir-iarraidh.
- CANDIDLY, *adv.* Re Candid, *adj.*
- CANDIDNESS, *s.* Fosgarrachd, fosgailteachd, simplidh-cachd.
- CANDIFY, *v. a.* Gealaich, dean geal.
- CANDLE, *s.* 1. A light made of wax or tallow: coinnéal. 2. light, or luminary: lùchran, solus.
- CANDLEHOLDER, *s.* Coinnleir, fear cumail na coinnle.
- CANDLELIGHT, *s.* 1. The light of a candle: solus-coinnle. 2. the necessary candles for use: solus, coinnleach.
- CANDLEMAS, *s.* Feill-brìde.
- CANDLESTICK, *s.* Coinnleir.
- CANDLESTUFF, *s.* Geir.
- CANDLE-ENDS, *s.* Bun-choinnleach, fòtus, fuighleach.
- CANDOUR, *s.* Caoin nàdur, glòin'-inntinn, fosgailteachd, suaireach, fosgarrachd, simplidheachd.
- CANDY, *v. a. et n.* 1. Conserve with sugar, in such a manner that it may lie in flakes: gréidh le siucar, cuir siucar 'n a sgeiribh air. 2. form into congelations: cuir sgeirean air, cruinnich 'n a mhìr-ibh. 3. incrust with congelations: cuir sgrathan rèota air. 4. grow congealed: fas 'n ad mhìr-ibh rèota.
- CANE, *s.* 1. A kind of strong reed of which walking staffs are made, a walker's staff: bata, lorg cuile, bata-cuile. 2. the plant which yields the sugar: cuile an t-siucair. 3. a lance, a dart made of cane: lann, gath. 4. a reed: cuile chlaol, slatag chuille.
- CANE, *v. a.* Buail le bata, slachduinn, gabh air le lorg.
- CANINE, *adj.* Madachail, coltach ri cù, salach, mosach.
- CANISTER, *s.* 1. A small basket: bascaid bheag, mùrlag. 2. a small vessel in which any thing, such as tea, or coffee is laid up: bòsdan, soitheach beag tasgaidh.
- CANKER, *s.* 1. A worm that preys upon, and destroys fruit: cnuimh, durrag, meas-chuimh. 2. a fly that preys upon fruits: cuileag-mheas. 3. any thing that corrupts, or consumes: cnuimh, leòm-ann, meirg, truailleadh. 4. an eating, or corroding humour: cneadh chnàimhteach. 5. corrosion, virulence: cnàmh, losgadh, buirbein, caitheamh. 6. a disease in trees: galar an craobh, cnuimh-ithic. 7. a poisonous fungus, resembling a mushroom: balgan-beirce.
- CANKER, *v. a. et n.* 1. Corrupt, corrode: truail, mill, ith air falbh, cnàmh, caithe le. 2. infect, pollute: salaich, truail. 3. grow corrupt: fàs truailidh, cnàmh as, searg. 4. decay, by some corrosive, or destructive principle: searg, cnàmh as, caithe air falbh.
- CANKERED, *adj.* Crosda, ath-ghoirid, cànanach, drannadanach.
- CANKEREDLY, *adv.* See Cankered.
- CANKEROUS, *adj.* Cnàmhach, a' caitheamh air falbh.
- CANKERY, *adj.* Meirgeach.
- CANNIBAL, *s.* Fear-ithic feòla dhaoine.
- CANNIBALLY, *adv.* Air mhodh fhir-ithic feòla dhaoine.
- CANNON, *s.* Gunna mòr.
- CANNONING, *s.* Bragh, no, stàirneach gunna mhòir.
- CANNONEER, *s.* Gunnair, gunnadair.
- CANNOT, *adv.* Cha' urrainn, cha' n' eil e an comas, cha ghabh e bhith.
- CANNY, *adj.* Laghach, grinn, sàr, scòlta, innealta.
- CANOE, *s.* Bata dh'aon mhaide, curach Innsean.
- CANOE, *f.* ach, coit chladhaichte.
- CANON, *s.* 1. A rule, law: riaghailt, lagh. 2. the laws made by ecclesiastical councils: lagh àird-chléir, reachd-eaglais, cléir-lagh. 3. the books of Holy Scripture: naomh reachd, ceart-riaghailt, an sean tiomnadh agus an tiomnadh nuadh, na sgrìobtuirean naoinha. 4. a dignitary in cathedral churches: àrd-theard de 'n chléir Shasunach. 5. canon regular: àrd-mhanach. 6. canon secular: co-shearmonaiche sagairt. 7. a large sort of printing letter: litir mhòr chlàdha.
- CANON-BIT, *s.* Cabstair, sparrag sréine, mìreanach.
- CANONESS, *s.* Ban-shagart.
- CANONICAL, *adj.* 1. According to the canon: riaghailteach, laghail, a fèir reachd-eaglais, a fèir cléir-lagh. 2. constituting the canon: laghail, ceart, riaghailteach, fìrinneach. 3. regular, fixed by ecclesiastical laws: suidhichte, riaghailteach, air a shuidheachadh le lagh na cléire. 4. spiritual, ecclesiastical, relating to the church: spioradail, a bhluineas do 'n eaglais.
- CANONICALLY, *adv.* See Canonical.
- CANONICALNESS, *s.* Cléir-riaghailteachd, laghail-cachd.

CANONICALS, *s.* Làn-uidheam fir-cléire, làn-deise fir-cléire.

CANONICATE, *s.* Dreuchd is inbhe àird-flhir cléire.

CANONIC, *adj.* See Canonical.

CANONIST, *s.* Fear eòlach an lagh na cléire, fear teagaisg lagha na cléire.

CANONIZATION, *s.* Cur an àireamh nan naomh, naomh-dheanadh.

CANONIZE, *v. a.* Dean 'n a naomh, cuir an àireamh nan naomh, naomhaich.

CANOPED, *adj.* Còmhdaichte le sgàil-bhrat.

CANOPY, *s.* Sgàil-bhrat, còmhdach rioghail, ceann-bhrat.

CANOPY, *v. n.* Còmhdaich le sgàil-bhrat, sgaoil sgàil-bhrat thairis air.

CANOROUS, *adj.* Ceòlach, ceòl-bhinn, ceòlmhor, fonn-mhor.

CANOROUSNESS, *s.* Ceòlmhorachd, fonnmhòrachd.

CANT, *s.* 1. A corrupt dialect used by beggars and vagabonds: ceàird-chainnt, gràisg-chiomhradh. 2. a particular form of speaking peculiar to some class or body of men: dòigh-labhairt luchd-ceàird sam bith, dreuchd-chainnt. 3. a whining pretension to goodness: cainnt shleamhuinn, cainnt chealgach. 4. barbarous jargon: cainnt choimheach, focail-fluadain, bìalam. 5. auction. See Auction. 6. an angle, a corner, a niche: oisinn, uileann, cùil.

CANT, *v. a. et n.* 1. See Auction, *v. a.* 2. bid a price at an auction: taig air, thoir tairgse. 3. talk in the jargon of particular professions: labhair cainnt-ceàirde, bi dreuchd-chainnteach.

CANTATA, *s.* Òran, òran nan car.

CANTEEN, *s.* Cara saighdeir, staoin-shoitheach saighdeir.

CANTATION, *s.* Seinn, gabhail òrain, canntaireachd.

CANTER, *s.* Cealgair, mealltair.

CANTER, *v. n.* Bi troatan, trot, ceum gu grad.

CANTHARIDES, *s.* Cuileagan Francach.

CANTHUS, *s.* Iomall na sùla, oisinn na sùla.

CANTICLE, *s.* 1. A song, used generally for a song in Scripture: òran, dàn, òran Sholaimh. 2. a division of a poem, a canto: dàn, duan.

CANTION, *s.* Òran, rann, cantuinn.

CANTLE, *s.* Mir, earrann, bloigh.

CANTLE, *v. a.* Dean 'n a mhìribh, no, na bhloigh-dibh.

CANTO, *s.* 1. A book or section of a book: leabhar, earrann de leabhar, duan. 2. the treble part of a song or musical composition: àrd-fhonn òrain, àrd-cheòl innil cùil.

CANTON, *s.* 1. A small parcel or division of land: earrann, roinn, mìr-fearainn, taobh-dùthcha. 2. a small community or clan: finne, treubh, dream.

CANTON, *v. a.* Roinn, 'n a cearrannaibh, roinn dùthach.

CANTONIZE, *v. a.* Dean min-foinn, roinn 'n a earrannaibh.

CANTONMENT, *s.* Earrann baile 's am bheil cairtealan shaighdearan.

CANTRED, *s.* Ceud, cùig fichead.

CANTY, *adj.* Sunndach, cridheil, aighearach, cainnteach.

CANVASS, *s.* 1. A kind of linen cloth woven, for several uses, as sails, painting cloths, tents: aodach cainbe, cainb-aodach, aodach còrcaich, aodach phailun is sheòl. 2. the act of sifting voices, or trying them previously to the decisive act of voting: min-rànnsachadh, sgrùdadh, dian-iarruidh.

CANVASS, *v. a. et n.* 1. Sift, examine: min-rànnsuich, sgrùd. 2. debate, discuss: connsaich, lorgaich a mach, lean gu 'chùil, fiach baraillean. 3. solicit, try votes: iarr cuideachadh, iarr fàbhar.

CANVASSER, *s.* Fear-iarraidh, fear siridh càirdeis.

CANY, *adj.* Cuilceach, làn cuilce.

CANZONET, *s.* Òran beag, duanag.

CAP, *s.* 1. The garment that covers the head: currachd, ceap, còmhdach cinn. 2. the ensign of the cardinalate: currachd sagairt. 3. a reverence made by uncovering the head: currachd gu làr, boineid an dòrn. 4. the topmost, the highest: currachd bìdein, nullach. 5. a vessel made like a cap: cupa, cuach, bigean. 6. cap of a great gun: apan gunna mhòir. 7. cap of maintenance: currachd an rìgh. 8. setting a man's cap: deanamh amadain dheth. 9. setting her cap at him: cocadh a currachd ri, feuchainn an toir e 'n aire dh' i.

CAP, *v. a. et n.* 1. Cover on the top: còmhdaich, cur currachd air. 2. deprive of the cap: thoir am nullach dheth, cuir an currachd dheth, dean maol. 3. *cap verses*: ainnich rann co-fheagarach, aithris rann fheagarach, dean aithris rann an còmhstri. 4. uncover the head by way of salutation: dean ùmhachd, thoir boineid gu làr.

CAP À PÈ, *s.* O mhullach gu bonn, o churrachd

CAP À PÈ, *s.* gu bròg.

CAPABILITY, *s.* Comas, cumhachd, murrachas.

CAPABLE, *adj.* 1. Sufficient to contain, sufficiently capacious: comasach, farsuing, a 's urrainn, mòr gu leòir. 2. endowed with powers equal to any particular: comasach, niurach. 3. intelligent, able to understand: tuigseach, a bheir faineir. 4. intellectually capacious, able to receive: comasach, a thuigseach, a bheir faineir. 5. susceptible: aig am bheil comas faireachduinn, beothail, a dh' fhaireachas. 6. qualified for without any natural impediment: comasach, murrach. 7. qualified for without any legal impediment: freagarrach, iomchuidh S. hollow: fàs, fosgailte.

CAPABLENESS, *s.* Comasachd, murrachas, iomchuidheachd, freagarrachd.

CAPACITY, *v. a.* Dean murrach, dean comasach, dean freagarrach.

CAPACIOUS, *adj.* 1. Wide, large, able to hold much: mòr, farsuing, luchdmhor. 2. extensive, equal to much knowledge or great design: comasach, murrach, farsuing.

CAPACIOUSLY, *adv.* See Capacious.

CAPACIOUSNESS, *s.* Farsuingeachd, meudachd, luchdmhorachd.

CAPACITATE, *v. a.* Dean comasach, dean murrach, dean iomchuidh, deasaich, ullach.

CAPACITY, s. 1. The power of holding or containing any thing : urrainn, comas, meud, leud, farsuingeachd. 2. room, space : meud, leud, farsuingeachd, ionad fòsgailte. 3. the force or power of the mind : comas, ceud-fàth, tuigse. 4. power, ability : comas, cumhachd, murrachas. 5. state, condition, character : cor, inbhe.

CAPARISON, s. Each-aodach, còmhach riomhach eich.

CAPARISON, v. a. 1. Dress in caparisons : cuir culaidh riomhach air each, sgeudaich each. 2. dress pompously in a ludicrous manner : sgeadaich gu riomhach, sgeadaich gu faicheil.

CAPE, s. 1. Headland, promontory : rudha, ceann-tìre, maol, rinn, roinn. 2. the neck piece of a cloak : currachd, bann-bràghaid.

CAPER, s. 1. A leap, a jump, a skip : leum, sùrdag. 2. an acid pickle : seòrsa de pheabar goirt.

CAPER-CUTTING, s. Leumadaich, sùrdagaich, mir-eag, ruideas.

CAPER, v. n. 1. Dance frolicsomenly : leum, danns. 2. skip for merriment : leum, bi mireagach, bi beiccasach, gearr sùrdagan. 3. dance, spoken in contempt : danns an àird, crath thu fèin, bi leumadaich.

CAPERER, s. Leumadair, dannsair.

CAPILLAMENT, s. Ròineanan beaga 'm meadhon blàth-luis.

CAPILLARY, adj. 1. Resembling hairs, small, minute : mar ròineig, caol, meanbh. 2. applied to vessels of the body, small : caol, lag, meanbh.

CAPILLARY, s. Lus, no, euisle chaol.

CAPILLATION, s. Cuisle chaol, mar ròineig.

CAPITAL, adj. 1. Relating to the head : a bhuineas do 'n cheann. 2. criminal in the highest degree, so as to touch life : mor-chiontach, ro-choireach, toilltinneach air bàs. 3. that which affects life : cunnartach, anns am bheil a' bheatha an cunnart, a dli' fhaodas a' bheatha thoirt air falbh. 4. chief, principal : prìomh, àrd, mòr, àraidh. 5. chief, metropolitan : prìomh, àrd. 6. applied to letters, large : mòr. 7. capital stock : airgid tòiseachaidh.

CAPITAL, s. 1. The upper part of a pillar : ceann cuillh, mullach. 2. the chief city of a nation, or kingdom : prìomh-bhaile, àrd-bhaile, baile-cinn, ceud-bhaile, àrd-chaidhir. 3. the stock with which a tradesman enters upon business : carras, airgid tòiseachaidh. 4. a large letter, or type : litir mhòr.

CAPITALIST, s. Fear aig am bheil airgid 'n a thàmh.

CAPITALLY, adv. See Capital, *adj.*

CAPITALNESS, s. Coire mhòr, coire bhàs-thoilltinneach.

CAPITATION, s. 1. Numeration, by heads : cunntas cheann, àireamh cheann. 2. taxation on every individual : cis air gach duine, cis cheann.

CAPITE, s. Scilbh rioghal.

CAPITULAR, s. 1. The body of the statutes of a chapter : brìgh-sgrìobhaidh reachdan cùirt clèire. 2. a member of a chapter : ball de chùirt clèire.

CAPITULARY, adv. Coltach ri cùirt clèire.

CAPITULARY, adj. A bhuineas do chlàir eaglais mhòir.

CAPITULATE, v. n. 1. Draw up any thing in heads, or articles, agree together in a charge : sgrìobh sìos an cinn, cuir an òrdugh chinn-sgrìobhaidh. 2. yield, or surrender up on certain stipulations : geill air chùmhantaibh, strìochd air chumha.

CAPITULATION, s. 1. Stipulation, terms, condition : cumha gèilladh, cùmhnantan strìochdaidh. 2. reduction into heads, or articles : cur sìos fuidh chinn, sgrìobhadh chinn chùmhantan.

CAPITULATOR, s. Fear sgrìobhaidh chinn chùmhantan.

CAPITULE, s. Aithris sùim cùise.

CAPOCI, v. a. Thoir an currachd dheth.

CAPON, s. Coileach spoithe, cullach coilich.

CAPON, v. a. Spoth coileach.

CAPRICE, } s. Sròineas, neònachas, seilleanachd,

CAPRICHO, } gogaideachd, mùteachd.

CAPRICIOUS, adj. Neònach, iongantach, mùteach gogaideach, neo-chunbhalach.

CAPRICIOUSLY, adv. See Capricious.

CAPRICIOUSNESS, s. Neònachas, neo-chunbhalachd, mùteachd.

CAPSULE, s. Cochull frois nan luibhean.

CAPSULAR, } adj. Fàs, mar chisteig, mar fhàs-

CAPSULARY, } lach.

CAPSULATE, } adj. Dòinte, air a dhruidealh a

CAPSULATED, } steach ann am bocsa.

CAPTAIN, s. 1. A chief commander : àrd-cheannard, ceann-feadhna, ceann-feachd. 2. the chief of any number, or body of men : ceannard. 3. a man skilled in war : ceann-feachd, ceannard. 4. the commander of a company, in a regiment : ceannard buidheann freicadain, caiptean. 5. the chief commander of a ship : ceannard-luinge sgiobair, maighstir luinge, caiptean soitheich. 6. captain-general : àrd cheann-feachd.

CAPTAINSHIP, s. 1. The condition, or post of a chief commander : ceannardachd, uachdranachd, ionad ceannard. 2. the rank, quality, or post of a captain : àite caiptein, caipteanachd, ceannasachd. 3. the chieftainship of a clan, or the government of a certain district : ceannardachd. 4. skill in the military art : còlas-cogaibh.

CAPTATION, s. Sùiridh, gabhunn, moladh, modal.

CAPTION, s. Glacadh, glacadh laghail, deannamh prìosanach dheth, beirsinn.

CAPTIOUS, adj. 1. Given to cavils, eager to object : beumnach, connspòideach, corrach, tiolpac, frionasach frithearra, crosda, feargach. 2. insidious, ensnaring : cuilbheartach, carach, cealgach, inn-leachdach.

CAPTIOUSLY, adv. See Captious.

CAPTIOUSNESS, s. Eangarrachd, frithcarachd, tiolpac, frìonas, crosdach.

CAPTIVATE, v. a. 1. Take prisoner, bring into bondage : cuir an làimh, cuir am prìosan, glac, thoir am braighdeanas. 2. charm, overpower with excellence, subdue : glac, buail le dèidh, ciosnach ceannasach. 3. enslave : deam 'n a thràill, thoir fuidh dhaorsa.

- CAPTIVATION**, *s.* Glacadh, ceannasachadh, cur an làimh.
- CAPTIVE**, *s.* 1. One taken in war, a prisoner to an enemy: ciomach, braighe, prìosanach. 2. one charmed, or ensnared by beauty, or excellence: fear-gèillidh, fear an gaol, prìosanach, braighe.
- CAPTIVE**, *adj.* Glacta, prìosanaichte, am braigheanas, daor.
- CAPTIVE**, *v. a.* Glac, prìosanaich, cuir fuidh dhaorsa.
- CAPTIVITY**, *s.* 1. Subjection by the fate of war, bondage: ciomachas bruid, braigheanas, daorsa, tràillealachd. 2. slavery, servitude: daorsa, tràillealachd.
- CAPTOR**, *s.* Glacadair, fear-tabhairt fuidh chis.
- CAPTURE**, *s.* 1. The act, or practice of taking any thing: giacadh, creachadh. 2. the thing taken, a prize: creach, cobhartach, spuinneadh.
- CAPTURE**, *v. a.* Glac, glac mar creach.
- CAR**, *s.* Càrn, carbad, feun, carbad-cogaidh.
- CARABINE**, *s.* 1. A small sort of fire arm, shorter
- CARBINE**, *f.* than a fusil: gunna marcaiche, gearr-gunna. 2. he who is armed with a carbine, or carbine: fear-giùlain gearr-gunna.
- CARBINEER**, *s.* Marcaich gearr-gunna, aon de 'n mharc-shluagh eutrom.
- CARACOLE**, *s.* Siaradh, imeachd cham.
- CARACOLE**, *v. a.* Siar, imich air siaradh.
- CARAT**, *s.* 1. A weight of four grains: tomas
- CARACT**, *f.* cheithir-ghràinnean. 2. a manner of expressing the fineness of gold: tomlas òir.
- CARAVAN**, *s.* Buidhnean luchd-turuis 's an àirde 'n ear, luchd-siubhal.
- CARAVANSARY**, *s.* Òsd-thigh 's an àirde 'n ear.
- CARAWAY**, *s.* Lus-mhic-chuimein.
- CARBONADO**, *s.* Meabh ghearradh feòla, sliseagan feòla.
- CARBONADO**, *v. a.* Gearr, sliseagaich.
- CARBUNCLE**, *s.* 1. A jewel shining in the dark like a lighted coal, or candle: seud dealrach, clachuasal, leug loinnreach, carbuncul. 2. red spots, or pimples breaking out upon the face, or body: guirean, plucan dearg.
- CARBUNCLED**, *adj.* 1. Set with carbuncles: a dèarsadh le carbunculaibh. 2. spotted, deformed with carbuncles: guireanach, plucanach.
- CARBUNCULATION**, *s.* Blàth-dhàthadh, blàth-sheargadh.
- CARCASS**, *s.* 1. A dead body of any animal: cairbh, cìosach, corp marbh. 2. body, in a ludicrous sense: clasach, corp. 3. the decayed parts of any thing, the ruins, the remains: aìlach, conablach, fuigheall. 4. the main parts naked without competition, or ornament: cairbh, aìlach.
- CARCELAGE**, *s.* Duais luchd-gleidhidh prìosain.
- CARCERAL**, *adj.* A bhùineas do phrìosan.
- CARD**, *s.* 1. A paper painted with figures used in games of chance, or skill: cairt, cairt-chluiche. 2. the paper on which the winds are marked for the mariner's compass: cairt, cairt-ùil. 3. the instrument with which wool is carded: càrd, sgrìoban.
- CARD**, *v. a. et n.* 1. Comb, or comminute wool with

a piece of wood: càrd, cir. 2. mingle together: measgaich, co-mheasgaich. 3. disentangle as the carder separates what is coarse from the fine: càrd. 4. game, play much at cards: cluich, bi cluich air chairtean.

CARD-TABLE, *s.* Clàr-chairtean.

CARDER, *s.* 1. One that cards wool: fear-càrdaidh, fear-ciridh. 2. one that plays much at cards: fear-cluich chairtean, carraiche.

CARDIAC, *adj.* Neartachail, iocshlainteach, a'

CARDIACAL, *f.* bheothaicheas an cridhe.

CARDIALGY, *s.* Losgadh-bràghaid, glas-shileadh.

CARDINAL, *adj.* Prìomh, àrd, uarramach, sòn-ruichte.

CARDINAL, *s.* 1. One of the chief governors of the Romish Church: prìomh-fhear clèire phàpanaich, prìomh-dhiadhair an eaglais na Ròimhe. 2. the name of a woman's cloak: fallùn-boirionnach.

CARDINAL'S-FLOWER, *s.* Lus an diadhair.

CARDINALATE, *s.* Dreuchd, is inbhe, prìomh-

CARDINALSHIP, *f.* dhiadhair an eaglais na Ròimhe.

CARDINALISE, *v. a.* Dean prìomh-dhiadhair pàpanach.

CARDING, *s.* Cluich air chairtean.

CARDMAKER, *s.* Saor-chàrd, fear-dèanaimh chàrd.

CARDMATCH, *s.* Cairt thioram, cairt phronnuise.

CARDUUS BENEDICTUS, *s.* See Thistle.

CARE, *s.* 1. Solitude, anxiety: cùram, iomagain, dearmail, trioblaid-intinn. 2. caution: aire, faicill, umhail. 2. regard, charge: cùram, aire, gléidheadh, suim, umhail. 4. the object of care, of caution, or of love: cùram, aire, iomagain.

CARE, *v. n.* 1. Be anxious, be solicitous: gabh cùram, gabh suim, bi faicilleach. 2. be inclined, be disposed: thoir aire, thoir umhail, gabh suim. 3. have regard to: gabh spéis, gabh suim.

CARE-CRAZED, *adj.* Iomagainach, làn cùraim.

CARE-DEFFING, *adj.* Neo-iomagainach, coma.

CARE-TUNED, *adj.* Muladach, tiamhaidh.

CARE-WOUNDED, *adj.* Leòinte, fuidh throm sprochd, fo-iomagainach.

CAREEN, *v. a.* Calc, dean dìonach, càirich.

CAREER, *s.* 1. The ground on which a race is run, the length of a course: coimhling, astar, coimh-ruith, réis, cùrsa. 2. a course, race: réis, coimhling, cùrsa, coimh-ruith. 3. height of speed, swift motion: dian-ruith, strì-ruith, deann-ruith, deannal. 4. course of action, uninterupted procedure: siubhal, aghart.

CAREER, *v. n.* Ruith, dean deann-ruith, siubhal gu luath.

CAREFUL, *adj.* 1. Anxious, solicitous, full of concern: cùramach, iomagainach, faicilleach, suimcil. 2. provident, diligent: cùramach, dìchiollach, faicilleach. 3. watchful, cautious: faireachail, furachail. 4. subject to perturbations, exposed to trouble, full of anxiety: fo-iomagainach, mi-fhoisineach.

CAREFULLY, *adv.* See Careful.

CAREFULNESS, *s.* Iomagainachd, faicilleachd, furachas.

CARELESS, *adj.* I. Having no care, unconcerned:

- mi-chùramach, coma, neo-shuimeil, dearmadach, neo-fhurachail, neo-fhaicilleach. 2. cheerful, undisturbed : gun chùram, sunnadh, neo-iomagain-each. 3. unheeded, thoughtless, unconsidered : neo-fhaicilleach, neo-fhurachail, neo-smuaineachail, neo-shuimeil. 4. unmoved by, unconcerned : coma, gun fheart, neo-glusadach. 5. contrived without care or art : gun dragh, furasda.
- CARELESSNESS, *s.* Mi-chùramachd, neo-shuim, dearmadachd.
- CARESS, *v. a.* Caidrich, gràdhach, tàlaidh, dean beadradh, dean briodal, criadaich.
- CARESS, *s.* Criadachadh, briodal, caidreamh, beadradh, tàladh.
- CARGO, *s.* Luchd-luinge, bathar ùr.
- CARICATURE, *s.* Dealbh-àbhachdach, dealbh-magaidh, baath-dhealbhadh.
- CARICATURE, *v. a.* Tarruing samhlaidh-àbhachdach, dean baath-dhealbhadh.
- CARICATURIST, *s.* Fear-tarruing baath-dhealbhan, fear-dèanaimh samhlaichean àbhachdach.
- CARIES, *s.* Cnàimh-ghrodadh, lobhadh.
- CARIOUSITY, *s.* Grodadh, lobhadh.
- CARIOUS, *adj.* Grod, lobhta, maleta, breun.
- CARK, *s.* See Care, *s.* 1.
- CARK, *v. n.* See Care, *v. n.* 1.
- CARKING, *s.* See Care, *s.* 1.
- CARLE, *s.* 1. A mean, rude, rough, brutal man : bodach-gnù, borb-dhuine. 2. a kind of hemp : còrcach.
- CARLE, *v. n.* Bi gnù, bi duairceach, bi bodachail.
- CARLINE-THISTLE, *s.* Cluaran soilleir, foghnan soilleir.
- CARLINGS, *s.* Slatan socair ùrlair luinge.
- CARLISH, *adj.* See Churlish.
- CARLISHNESS, *s.* See Churlishness.
- CARLOT, *s.* Fear-dùthcha, tuathanach.
- CARMAN, *s.* Cairtear, fear-cùirn, fear-carbaid.
- CARMINATIVE, *s.* Iocshlaint lasachaidh.
- CARMINATIVE, *adj.* A lasaicheas, lasach.
- CARMINE, *s.* Dearg, corcur.
- CARNAGE, *s.* 1. Slaughter, havoc, massacre : àr, marbhadh, casgradh, léir-sgríos, miontadh. 2. heaps of flesh : feòlach.
- CARNAL, *adj.* 1. Fleshly, not spiritual : feòlmhor, corpóra, collach, miannach. 2. lustful, lecherous, libidinous : feòlmhor, ana-miannach, collaidh.
- CARNAL-MINDED, *adj.* Feòlmhor, saoghalta, collaidh.
- CARNAL-MINDEDNESS, *s.* Feòlmhorachd, collaidheachd, saoghaltachd.
- CARNALIST, *s.* Duine feòlmhor, fear-ana-miannach.
- CARNALITE, *s.* Duine saoghalta, neach air am bheil mòr chùram an t-saoghal.
- CARNALITY, *s.* 1. Fleshly lust : ana-miann, mìghcannuidheachd, cicras collaidh, feòlmhorachd. 2. grossness of mind : feòlmhorachd, saoghaltachd.
- CAKNALIZE, *v. a.* Dean feòlmhor, truail, mill.
- CARNALLY, *adv.* See Carnal.
- CARNELION, *s.* Clach luachmhor, seud dhath feòla.
- CARNEOUS, *adj.* Reamhar, sultmhor, làn.
- CARNEY, *s.* Gàilleach.
- CARNIFICATION, *s.* Tionndadh gu feòil, leigheas.
- CARNIFY, *v. a.* Tionndaidh gu feòil, dean feòil de.
- CARNIVAL, *s.* Ròic-euilm, ròimh 'n charghus, cuilm-inid.
- CARNIVOROUS, *adj.* Feòil-itheach, glamaireach, gionach glutach.
- CARNOSITY, *s.* Ain-fhleòil, pluc-feòla.
- CARNOUS, *adj.* See Carneous.
- CAROCHE, *s.* Carbad, carbad aighir.
- CAROL, *s.* 1. A song of joy and exaltation : coirìoll, òran-gairdeachais, luinneg, ceilear. 2. a song of devotion : òran-molaidh, laoidh, salm. 3. a song in general : òran, duan, dàn.
- CAROL, *v. a. et n.* 1. Praise, celebrate in song : mol, seinn cliù, luaidh air. 2. sing, warble : seinn, ceilear.
- CAROLING, *s.* Moladh, laoidh, salm.
- CAROUSAL, *adj.* Fleadh, cuirm, fèisd, òl.
- CAROUSE, *v. a. et n.* 1. Drink up lavishly : òl, dean pòit, dean ruidhteachd. 2. drink, quaff, drink largely : òl, pòit, bi air mhìsg.
- CAROUSE, *s.* 1. A drinking match : ruidhteareachd, fleadh, òl, pòit. 2. a healthy dose of liquor : deoch mhìsg, deoch mhòr, taom-òil.
- CAROUSER, *s.* Pòitear, fear-drùthaidh nan searrag, ruidhtear, mìsgear.
- CARF, *s.* Carbanach-uisge.
- CARF, *v. a.* 1. Blame : coirich, tiolp, faigh coire do. 2. censure, cavil, find fault : thoir achmhasu, tiolp, coirich, bi beumach, spreig.
- CARPENTER, *s.* Saor, saor luinge.
- CARPENTRY, *s.* Saorsainneachd.
- CARPER, *s.* Beumadair, tiolpadair, fear-coireachaidh.
- CARPET, *s.* 1. A covering of various colours, spread upon floors and tables : brat-ùrlair, brat-bùird, casbhrat, còmhach-làir, stràille. 2. ground variegated with flowers, and level, and smooth : còmhach-làir, trusan àillidh. 3. any thing variegated : brat-riomhach, trusan-àillidh. 4. on the carpet, an affair in hand : gnothach 's an làimh.
- CARPET, *v. a.* Sgaol brat-ùrlair, còmhach le casbhrat.
- CARPING, *s.* Coireachadh, cronachadh, tiolpadh.
- CARPING, *adj.* Coireachail, cronachail, biogarra, tiolpach.
- CARPINGLY, *adv.* See Carping, *adj.*
- CARPMEALS, *s.* Clò-tiugh.
- CARPUS, *s.* Caol an dùirn.
- CARRAT, *s.* See Carrot.
- CARRAWAY, *s.* See Caraway.
- CARBIABLE, *adj.* So-ghiùlain, a ghabhas giùlain.
- CARRIAGE, *s.* 1. The act of carrying, or transporting any thing : giùlain, iomchar. 2. conquest, acquisition : glacadh, buaidh. 3. vehicle, that in which any thing is carried : carbad, inneal giùlain, uidheam iomchair. 4. the frame on which cannon is carried : inneal giùlain, feun, cairbhist.

5. behaviour, personal manners: giùlan, beus, mòdh, cleachdadh, caitheamh-beatha, dol a mach, gnàths. 6. conduct, measures, practices: giùlan, cleachdadh, dèanadas, gnàths. 7. management, manner of transacting: dòigh, rian, seòl, rathad.

CARRIER, s. 1. One who carries something: fear-giùlain, cartair, fear-iomchair fear-cairbhist, fear-callaich. 2. one whose profession, or trade is to carry goods for others: fear-iomchair, fear-callaich, cartair. 3. a messenger, one who carries a message: fear-giùlain, teachdair. 4. the name of a species of pigeons: columan-teachdaireachd.

CARRION, s. 1. The carcase of something not proper for food: blianach, conablach, ablach, cairbh, clasach, droch fheòil. 2. any flesh so corrupted so as not to be fit for food: blianach, ablach feòil ghrod. 3. a name of reproach for a worthless woman: caile-bhreun, grodag.

CARRION-LEAN, adj. Lom, cruaidh, cnàimh-fuisgte.

CARRONADE, s. Cnap gunna mhoir.

CARROT, s. Curran, meacan-buidhe.

CARROTINESS, s. Deirgead.

CARROTY, s. Dearg, ruadh.

CARROWS, s. Bleidire cearraich.

CARRY, v. a. et n. 1. Convey from a place opposed to bring, or convey to a place: giùlain, iomchair, their leat. 2. transport: giùlain, iomchair, their air falbh. 3. bear, have about one: giùlain, biodh agad, iomchair. 4. take, have with one: their leat, giùlain, iomchair, biodh agad. 5. convey by force: their air falbh, buin leat. 6. effect any thing: dèan, their gu crìch. 7. gain in competition: coisinn, buidhinn. 8. gain after resistance: coisinn, buannaich. 9. gain, prevail: coisinn, buidhinn, faigh buaidh. 10. bear out, face through: seas ri. 11. continue external appearance: giùlain, cuir samhlaidh air. 12. behave, conduct: giùlain, cleachd. 13. manage, transact: dèan, their gu buil. 14. bring forward, advance in any progress: their air aghairt. 15. urge, bear forward: iomain, puc, cuir air aghairt. 16. bear, have, obtain: coisinn, faigh. 17. exhibit, shew on the outside: nochd, taisbein. 18. imply, import: fill, ciallach le. 19. contain, comprise: giùlain, cum. 20. have annexed: their maille ri, co-cheangail ri. 21. convey, or bear any thing united, or adhering: giùlain, their maille ri. 22. move, or continue any thing in a certain direction: their air aghairt, tarruing. 23. push on ideas, arguments, or any thing successive, in a train: lean, cum air aghairt. 24. receive, endure: gabh, giùlain. 25. support, sustain: iomchair. 26. bear, as trees: giùlain, their a mach. 27. fetch, and bring as dogs: giùlain, imich. 28. *carry away*, (in naval language) lose: caill. 29. *carry coals*, bear injuries: fuilg, giùlain. 30. *carry off*, kill: marbh, cuir gu bàs. 31. promote, help forward: cuir air aghairt, cuidich. 32. prosecute: lean, giùlain, cum suas. 33. put forward from one stage to another: cuir air aghairt, lean, giùlain. 34. put into amazement: cuir fuilidh ioghnadh,

buail le iongantas. 35. support, keep from failing: cum suas, neartaich. 36. *carry* (of hares in running): bi 'n sàs. 37. *carry well*, (of a horse when his neck is arched, and he holds his head high): bi steudach. 38. convey, transport, (in gunnery): giùlain, bi amasach.

CARRY, s. Imeachd, siubhal, triall.

CARRY-TALE, s. See Tale-bearer.

CART, s. 1. A carriage in general: cairt, càrn, feun, cairbhist, uidheam rothach, inneal-giùlain. 2. a wheel-carriage used commonly for luggage: cairt, feun, cairbhist. 3. a small carriage with two wheels: cairt, càrn-rothach. 4. the vehicle in which criminals are carried into execution: càrn slaodaigh.

CART, v. a. 1. Expose in a cart by way of punishment: cuir maslaidh air, nochd mar bhall-maslaidh. 2. place in a cart: cuir an cairt, cuir am feun. 3. use carts for carriage: giùlain le cairt.

CART-HORSE, s. Each-cartach, each-garbh, each-callaich.

CART-JADE, s. Garbh-ghearran, each-cartach, each neo-fhinealta.

CART-WAY, s. Rathad-cartach, rathad réidh.

CARTAGE, s. Obair cartach.

CARTE-BLANCHE, s. Pàipeir geal, pàipeir bàn, no falanb.

CARTEL, s. 1. A writing containing for the most part stipulations between enemies: litir chùimhnant, sgrìobhadh nu thimchioll mhalairt chiomach. 2. a challenge to a duel, or combat: litir dhùlanachaidh, litir chaonnaig. 3. the name of a ship commissioned in time of war to exchange the prisoners of the hostile powers and to convey any request, or proposal from one another: long theachdaireachd eadar nàimhdean.

CARTEL, v. a. Dùlanach, taig còmhrag.

CARTER, s. Cairtear, fear cartach feunadair.

CARTILAGE, s. Maolth-chnaimh, maothan.

CARTILAGINEOUS, } adj. Maothanach.

CARTILAGINOUS, }

CARTOON, s. Mòr dhealbha air pàipeir.

CARTOUCH, s. 1. A case of wood, holding several balls, fired out of a small mortar: bocsa peileireach, a thilgear a gunna mòr. 2. portable box for charges: peilear-lann, bocsa peileirean.

CARTRAGE, } s. Soire aon urchaireach, urchair.

CARTREGE, }

CARTULARY, s. 1. A register, a record: tasgdh phàipeirean, lann-phàipeirean. 2. an ecclesiastical officer who had the care of the records: clèir-each gleidhidh lann-phàipeirean.

CARTWRIGHT, s. Saor chairtean.

CARVE, v. a. et n. 1. Cut wood, or stone, or other matter into elegant forms: gearr, snaidh, grabhal, snas-ghearr. 2. cut meat at table: gearr, cuir 'n a mhiribh, dean snas-ghearradh. 3. make any thing by carving, or cutting: gearr dealbh. 4. engrave: grabhal, gearr. 5. distribute, apportion, provide at will: roinn, dean earrannan. 6. cut, hew: gearr, sliseagach, cuir 'n a bhloighdibh. 7. exercise the trade of a sculptor: bi gearradh, bi grabh-

- aladh. 8. perform at table, the office of supplying the company from the dishes: bi riarachadh.
- CARVEL, *s.* 1. A small ship. See Caravel. 2. a sea-blubber. See Blubber.
- CARVER, *s.* 1. A sculptor: fear grabhalaidh, dual-adair, gearradair, snaidheadair. 2. he that cuts up the meat at the table: gearradair. 3. he that apportions, or distributes at will: gearradair, fear-roinne.
- CARVING, *s.* Grabhaladh, dualadh, gearradh, grabhaladh, obair-shnaidhte.
- CARUNCLE, *s.* Guirean, plucan, meallan, foinne.
- CARUNCULATED, *adj.* Guireanach, plucanach, foinneach.
- CARYATES, } *s.* Cuilbh dhreach-mnà.
- CARYATIDES, }
- CASCADE, *s.* Eas, leum uisge, cas-shruth, buinne-shruth.
- CASE, *s.* 1. A covering, a box, a sheath: còmhdaich, bocsa, truall, cochull, slige. 2. the cover, or skin of an animal: craicinn, còmhdaich. 3. the outer part of a house, or building: slige. 4. a building unfurnished: togail, ionad-cumail, tigh falamh. 5. condition with regard to outward circumstances: cùis, gnothach, staid, inbhe, cor. 6. state of things: cùis, gnothach, cor, staid. 7. (in physic) state of the body: càil, cor, staid. 8. history of a disease: cor, eachdraidh chàilean. 9. state of a legal question: cùis. 10. in ludicrous language, condition with regard to leanness, or fat: càil, òrdugh. 11. contingency, possible event: cùis, staid, cor, inbhe. 12. representation of any fact, or question: cùis-thaisbeanadh, cor-aithris. 13. question relating to particular persons, or things: cùis, gnothach, aobhar. 14. the variation of nouns: cùis. 15. *in case*, if it should happen: ma 's e 's gu, an t-eagal gu.
- CASE-KNIFE, *s.* Sgian mhòr.
- CASE-SHOT, *s.* Peileirean lanna.
- CASE, *v. a. et n.* 1. Put in a case, or cover: druid, dùin, cuir an cèis, còmhdaich, taisg am bocsa. 2. cover a case: còmhdaich. 3. cover on the outside with materials different from the inside: còmhdaich, cuir thairis, cuir uime. 4. strip off the covering: rùisg, cuir á 'chomhdach. 5. put cases, contrive representations of facts: bi cor chùisean, reuson-aich.
- CASEOUS, *adj.* Coltach ri càise, càiseach.
- CASEWORM, *s.* Cnuinù chlochullach.
- CASH, *s.* Airgid ullamh, airgid làimhe.
- CASH, *v. a.* 1. Give money for the promissory payment: pàidh, thoir seachad airgid airson boinne. 2. discard: pàidh dheth, cuir air falbh.
- CASHIER, *s.* Fear-gleidhidh an airgid, fear-ionmhais.
- CASHIER, *v. a.* Cuir air falbh, cuir á 'dreuchd, pàidh dheth.
- CASTING, *s.* Còmhdaich, brod.
- CASK, *s.* Buideal, barail, soir.
- CASK, *v. a.* Cuir am buideal, *no*, am barail.
- CASK, } *s.* Clogaid, ceann-bheairt, biorraid.
- CASQUET, }
- CASKET, *s.* Bocsachan, cisteag, bòsdan shéud, seud-lann.
- CASKET, *v. a.* Cuir am bocsachan, cuir an séud-lann.
- CASS, *v. a.* Cuir air falbh, cuir air cùl, cuir as.
- CASSATE, *v. a.* Fàsaich, fàg falamh, dean gun fheum, lagaich.
- CASSATION, *s.* Dìtheachadh, milleadh, lagachadh.
- CASSIA, *s.* 1. A sweet spice: casia, spìosradh. 2. the name of a tree: craobh chasia.
- CASSOCK, *s.* 1. Formerly part of the dress of a soldier: casag, cosag, còt-uachdair saighdeir. 2. part of the dress of a clergyman: casag.
- CASSWEED, *s.* See Shepherd's purse.
- CAST, *v. a. et n.* 1. Throw with the hand: tilg. 2. throw away as useless or noxious: tilg, tilg air falbh. 3. throw as from an engine: tilg. 4. scatter by the hand: sgaol, sgap, crath. 5. force by violence: tilg. 6. shed: tilg, crath air falbh. 7. throw from a high place: tilg, cuir a sìos. 8. throw as a net or snare: tilg, sgaol, cuir air. 9. drop, let fall: tilg, leig a mhàin. 10. throw dice or lots: cuir, tilg. 11. throw in wrestling: tilg a sìos, leag. 12. throw as worthless or hateful: tilg. 13. drive by violence of weather: tilg. 14. emit: cuir a mach, cuir uaithe. 15. bring suddenly or unexpectedly: thoir, cuir, grad-thaisbein. 16. build by throwing up earth, raise: tog, cuir an àirde, tilg suas. 17. put out of any certain state with the notion of descent or depression: tilg, cuir sìos. 18. condemn in a criminal trial: dìt. 19. defeat in a law-suit: buadhaich, coisinn. 20. defeat: buadhaich, cuir air theicheadh. 21. cashier: tilg, cuir air falbh, cuir á dreuchd. 22. leave behind in a race: fig. 23. shed, let fall, change for new: mùth, atharraich. 24. lay aside, as fit to be worn no longer: cuir seachad, cuir air falbh. 25. have abortions: tilg. 26. give over weight, make to preponderate: thoir bàrr chothrom, thoir cothrom thar a chòir. 27. compute, reckon: cunnt, àir-camlh. 28. contrive, plan out: dealbh, tionnsgain. 29. judge, consider in order to judgment: thoir breith, smuainich, cnuasaich. 30. fix the parts in a play: suidhich, cuir, leag. 31. glance: dearc, seall, amhairc. 32. found, form by running into a mould: tilg, cum. 33. melt metal into figures: tilg, leagh. 34. model, form by rule: càirich, cuir, tilg. 35. communicate by reflection or emanation: cuir air, dèars air. 36. yield, or give up: gèill, thoir seachad, thoir a suas. 37. inflict, or throw: buail, tilg. 38. *cast away*, shipwreck: tilg, bris air cladach. 39. lavish, waste in profusion: caith, sgap. 40. ruin: mill, cuir gu dith. 41. put behind: cuir air ais, lagaich. 42. *cast by*: tilg uait, tilg air falbh. 43. deject, depress the mind: tilg, cuir fuidh sprochd, dimhsnich. 44. emit: cuir a mach. 45. discard, put away, reject: cuir air falbh, dìolt. 46. disburden one's self of: tilg, crath dhìot. 47. let go dogs to the chase: fuasgail, leig air falbh. 48. turn out of doors: tionndaidh air falbh, cuir a

- mach. 49. vent, speak with some intimation of negligence or vehemence: tilg air, tilg a mach. 50. vomit, throw up: dìobhuir, sgeith. 51. refer to, resign to: cuir fànuis air, thoir do. 52. contrive, turn the thoughts: snuainich, cnusaich, thoir fàinear, beachdaich, tionnsgainn. 53. admit of a form by casting or melting: bi air do dhealbh, bi cumta, bi air do thilgeadh. 54. warp, or grow out of form: rach á cumadh, fàs mi-dhealbhach. 55. vomit: dìobhuir, cuir a mach, sgeith. 56. *cast about*, contrive, look for means: tionnsgainn, bi dèanadach. 57. turn about: tionndaidh mu'n cuairt.
- CAST, s.** 1. The act of casting or throwing: tilgeadh. 2. the thing thrown: urchair, buille. 3. state of anything cast or thrown: tilgeadh, leagadh, suidheachadh. 4. manner of throwing: tilgeadh, sgapadh, crathadh, sgaoileadh. 5. the space through which any thing is thrown: urchair, astar, fad. 6. a stroke, a touch: buille, beantuinn. 7. motion of the eye: gluasad, dearcadh, carachadh, tionndadh. 8. squinting: claochadh, siaradh. 9. the throw of a dice: tilgeadh, urchair. 10. chance from the fall of dice: tilgeadh, urchair, ionnsuidh. 11. a mould, a form: cumadh, cruth, dealbh. 12. a shade or tendency to any colour: coltas, snuadh. 13. exterior appearance: coltas, sealladh, dreach. 14. manner, air, mien: dòigh, cleachdadh, modh, aigh, tuar. 15. a flight: sgaoth. 16. a breed, a race, a species: seòrsa gnè, gineal, dream. 17. a trick: car. 18. the act of casting metal: tilgeadh, cumadh.
- CASTAWAY, s.** Diobarach, neach air a thrèigsinn, neach càillte, nì air a thilgeadh air falbh.
- CASTAWAY, adj.** Neo-fheumail, gun luach, gun fhìu.
- CASTELLAN, s.** Fear-riaghlaidh daingnich, uachdaran dùin.
- CASTELLATED, adj.** Dùinte, ann an daingneach.
- CASTELLATION, s.** Dùn-thogail.
- CASTER, s.** 1. A thrower, he that casts: fear-tilgidh. 2. a calculator: fear-àireamh, cunntair. 3. a small wheel: rothan.
- CASTIFACTION, s.** Geamnuidheachd.
- CASTIGATE, v. a.** Cronaich, smachdaich, thoir achmhasan, bròghidh.
- CASTIGATION, s.** 1. Penance, discipline: dìoladh, peanas, cronachadh, smachachadh, achmhasan. 2. punishment, correction: peanas, dìoladh, smachdachadh. 3. emendation, repressive remedy: leigh-eas, bacadh.
- CASTIGATOR, s.** Fear-smachdachaidh, cronadair, fear-bacaidh.
- CASTIGATORY, adj.** Smachdail, cronachail, achmhasanach.
- CASTING, s.** 1. The act of throwing an arrow, dart, or javelin: tilgeadh. 2. contrivance: dealbh, tionnsgnadh, inleachd.
- CASTING-NET, s.** Lion-tilgidh, lìon-sgrìobaidh, lìon-taruing.
- CASTLE, s.** 1. A strong house fortified against assaults: daingneach, dùn, caisteal. 2. *castles in*

the air, projects without reality: gnothach gun bhonn, faoineachd.

CASTLE-BUILDER, s. Ceann-faoineis, amadan, duine 'n a bhreislìch.

CASTLED, adj. Turaideach, caistealach, biorraideach.

CASTLET, s. Caisteal beag, dùnan.

CASTLEWARD, s. Cis dùin, càin caisteil.

CASTLING, s. Torrachas anaibhich.

CASTOR, s. See Beaver.

CASTOR OIL, s. Ola phailm chrìosd.

CASTRAMETATION, s. Campachadh, dòigh shuidh-eachaidh campa.

CASTRATE, v. a. 1. Geld: spoth, thoir na clachan as. 2. take away the obscene parts of a writing: buin o leabhar a chuid nach fhìach, dean leabhar-ghlanadh.

CASTRATION, s. Spoth, spothadh, gearradh air falbh.

CASUAL, adj. Tuiteamach, tubaisteach, amharusach, neo-chinnteach, teagamhach.

CASUALLY, adv. See Casual.

CASUALNESS, s. Tuiteamas.

CASUALTY, s. 1. Accident: tuiteamas. 2. chance that produces unnatural death: tubaist.

CASUIST, s. Fear-fuasglaidh cheistean coguis, cùisire.

CASUISTICAL, adj. A bhuineas do cheistean coguis, coguiseach.

CASUISTRY, s. Teagasg cheistean coguis, eòlas fir fuasglaidh cheistean coguis.

CAT, s. 1. A cat: cat, caod. 2. a sort of ship: cat-long. 3. a double tripod, having six legs: bòrd sè-chosach. 4. *cat in the pan*: dreach a' s' fearr air droch chis. 5. *cat o' nine tails*: slat-sgiùrsaidh.

CAT-EYED, adj. Bior-shuileach, cat-shuileach.

CATACLISM, s. Tuil, dìle.

CATACOMBS, s. Uamhannan adhlàic.

CATALOGUE, s. Clàr ainm, ainm-chlàr, cunntas-cheann.

CATALYSIS, s. Sgrìos, milleadh, dìth-mhilleadh.

CATAMOUNTAIN, s. Cat-fiadhaich.

CATAPASM, s. Fùdar-leighis a chrathar air a' chorp.

CATAPHRASE, s. Marach armaichte.

CATAPLASM, s. Plàs, fuar-lìte.

CATAPULT, s. Clach-bhogha.

CATARACT, s. 1. A fall of water from on high: eas, bras-shruth, leum-uisge. 2. a suffusion of the eye, when little clouds, motes, and flies seem to float about in the air: galar shùl, neul-shùl, doille.

CATARRH, s. Ronn-ghalar, galar-smugaiddach, carrasan.

CATARRHAL, } adj. Smugaideach, ronnach, carra-
CATARRHOUS, } sanach.

CATASTROPHE, s. 1. The change or revolution which produces the conclusion or final event of a dramatic piece: crìoch, deireadh, crìoch eagalach. 2. a final event, a conclusion generally unhappy: crìoch dheireannach, droch-fhortan, tubaist.

CATCH, v. a. et n. 1. Lay hold on with the hand: glac, dean greim, beir air. 2. stop any thing flying, receive any thing in the passage: glac, beir

- air, ceap. 3. seize any thing by pursuit : beir air, dean greim, glac. 4. stop any thing falling : glac, beir air, ceap. 5. ensnare, entangle in a snare : rib, glac. 6. receive suddenly : dean grad ghlacadh, beir air. 7. seize : glac, dean greim. 8. seize eagerly and unexpectedly : greimich, glac, beir air. 9. please : toilich. 10. receive any contagion or disease : glac, faigh. 11. endeavour suddenly to lay hold on : greimich, beir air. 12. seize indiscriminately : glac, dean greim, beir air. 13. snatch : thoir ionnsuidh, thoir tiolam. 14. *catch a Tartar* : tuit ad lion féin, an àite dochair a dheanamh, gabh dochair. 15. be contagious, spread infection : sgaoil plàigh. 16. lay hold suddenly : bi greimeachadh, glac.
- CATCH, s.** 1. Seizing, the act of seizing any thing that flies or hides : glacadh, beirsinn, ceapadh, greim, ribeadh. 2. watch, the posture of seizing : breith air, feall-fheithreamh, glacadh. 3. an advantage taken : cothrom, glacadh. 4. the act of taking quickly from another : teum, tiolam, grad-ghlacadh. 5. a song sung in succession where one catches it from another : luinneag, òran luaidh, duanag. 6. the thing caught, profit, advantage : buannachd, tairbhe. 7. a snatch, a short interval of action : tacan, tiotan. 8. a taint, a slight contagion : smal, ball. 9. any thing that catches and holds : greimiche. 10. a small swift sailing ship : long-ghlacadh.
- CATCHABLE, adj.** So-ghlaeta, so-ghlacadh.
- CATCHER, s.** 1. He that catches : greimiche, fear-glacadh. 2. that in which any thing is caught : lion, ribe, ionad, *no*, inneal-glacadh.
- CATCHFLY, s.** See *Campan*.
- CATCHPENNY, s.** Òran gun fhìù, òran air son na peighinn.
- CATCHPOLL, s.** See *Serjeant and Bumbailiff*.
- CATE, s.** Biadh, lòn, teachd-an-tìr.
- CATECHETIC, adj.** See *Catechetical*.
- CATECHETICAL, adj.** Air mhòd cheistean is fhreagairtean, ceasnachail.
- CATECHETICALLY, adv.** See *Catechetical*.
- CATECHISE, v. a.** 1. Instruct by asking questions and correcting the answers : ceasnaich, cuir ceistean air, fòraich ceistean. 2. question, interrogate, examine : ceasnaich fòraich, rannsuich.
- CATECHISER, s.** Fear-ceasnachaidh, fear-cheistean.
- CATECHISING, s.** Ceasnachadh, cur cheistean.
- CATECHISM, s.** Leabhar cheistean.
- CATECHIST, s.** Fear-ceasnachaidh, gille-cheistean.
- CATECHISTICAL, adj.** See *Catechetical*.
- CATECHUMEN, s.** 1. The lowest order of Christians in the primitive church : ùr-chrìosdaidh, leanabh 's a' chridimh. 2. generally, one who is in the first rudiments of any profession : ùr-fhoghlumaiche.
- CATEGORICAL, adj.** Cinnteach, neo-theagamhach, freagarrach.
- CATEGORICALLY, adv.** See *Categorical*.
- CATEGORY, s.** Òrdugh, dream, treubh, seòrsa, gnè.
- CATENARIAN, adj.** Coltach ri slabhruidh, lùbagach.
- CATENATE, v. a.** Ceangail, cuir slabhruidh air, cuibhrich.
- CATENATION, s.** Tinne, dula, co-cheangal lùbagan.
- CATER, v. n.** Solair, faigh biadh, tionail, ceannaich.
- CATER, s.** 1. Provider, collector of provisions : fear-solair, trusaiche, fear-tionail. 2. the four of cards and dice : an ceithreamh, air chairtean, *no*, air dhìnsan.
- CATERER, s.** Fear-solair, fear-ceannach bìdh.
- CATERESS, s.** Bean-sholair, trusaiche.
- CATERPILLAR, s.** 1. A worm, which, when it gets wings, is sustained by leaves : burras, cnuimh-chàil. 2. any thing voracious and useless : burras, nì gun fhìù. 3. the name of a plant : lus-chuach.
- CATERWAIL, v. n.** 1. Make noise as cats in rutting time : sgiamh, dean meaghal. 2. make any offensive or odious noise : sgiamh, dean ulartaich.
- CATERY, s.** Ionad-gleidhidh bìdh, tigh-taisg.
- CATES, s.** Biadh maith, mias bhlasda.
- CATGUT, s.** 1. A string for fiddles and other instruments : teud. 2. a species of linen or canvas : anart fò-gharbh.
- CATHARINGS, s.** Cuirid theannachaidh nan seòl mòra.
- CATHARTICAL, adj.** Purgaideach, fuasgailteach.
- CATHOLICISE, v. n.** Tionndaidh 'n ad phàpanach.
- CATHARTICS, s.** Purgaidean.
- CATHEDRAL, s.** Àrd-eaglais casbuigeach, eaglais easbuig, cathair easbuig.
- CATHETER, s.** Pìob-fhuail.
- CATHOLICAL, adj.** Catholach, coitichionn.
- CATHOLIC, adj.** 1. Universal : catholach, coitichionn. 2. *catholic* in opposition to heretic, or sectary : de 'n fhìor-chridimh. 3. *catholic*, or canonical epistles : litreachan coitichionn nan Ab-stol. 4. general in the common sense : coitichionn, cumanta.
- CATHOLICNESS, s.** Coitichionntachd, cumantachd.
- CATKINS, s.** Cluiginean chraobh-fhras.
- CATLING, s.** 1. A dismembering knife used by surgeons : sgian léigh, sgian-sgaraidh. 2. catgut, the materials of fiddle-strings : teud. 3. the down, or moss growing about walnut-trees : craobh-chòinn-each.
- CATONIAN, adj.** Socrach, ciallach, teann, cruaidh.
- CAT'S-HOOF, s.** See *Ground-ivy*.
- CATTLE, s.** 1. Beasts of pasture, not wild nor domestic : spréidh, crodh, buar, tàin, feudail. 2. (in reproach) of human beings : ainmhidhean, brùidean, biastan.
- CAVALCADE, s.** Marc-shluagh, buidheann mharaichean.
- CAVALIER, s.** 1. A horseman, a knight : marceach, ridir. 2. a gay sprightly military man : marceach beothail, saighdear sgeimheil. 3. the appellation of the party of King Charles the First : fear-seasainh rìgh Tearlach a h-aon.
- CAVALIER, adj.** 1. Gay, sprightly, warlike : sunndach, sgeimheil, gaisgeil, treun uallach, cuanta. 2. generous, brave : fùghantach, misneachail, treun, gaisgeil. 3. disdainful, haughty : mòr-chuiscach, uairbheach, àrdanach, strùicil.

CAVALIERLY, *adv.* See Cavalier, *adj.*
 CAVALIERNESSE, *s.* Mòr-chuis, àrdan, stràicealachd.
 CAVALRY, *s.* Marc-shluagh cogaidh, eachraidh.
 CAUDAL, *adj.* Earballach.
 CAUDATE, } *adj.* Earballach, air am bheil earball.
 CAUDATED, }
 CAUDEL, *s.* Deoch bhan-shiubhla.
 CAVE, *s.* 1. A cavern, a den : uamh, gàradh, brugh, slochd, toll fuidh thalamh. 2. hollow, any hollow place : slochd, fàslach, toll.
 CAVE, *v. a. et n.* 1. Make hollow : tochail, cladh-aich. 2. dwell in a cave : còmhnuich an uamh, bi an slochd, tuinich an talamh-toll.
 CAVEAT, *s.* Rabhadh, sanas, bacadh.
 CAVERN, *s.* Talamh-toll, slochd, uamh.
 CAVERNED, *adj.* 1. Full of caverns, hollow, excavated : uamhach, làn slochd. 2. inhabiting a cavern : uamhach, a' gabhail còmhnuidh an uamh-aibh.
 CAVERNOUS, *adj.* Uamhach, uamhraidh, slochdach.
 CAUGHT, *particip. pas.* Glacta.
 CAVIL, *v. a. et n.* 1. Receive, or treat with objections : cronaich, coirich, tiolp, dean connspoid. 2. raise captious and frivolous objections : bi biogarra, bi cunnileach, bi cronachail.
 CAVIL, *s.* Cronachadh, coireachadh, biogarrachd cunnail, tiolpadh.
 CAVILLATION, *s.* Cronachadh, coireachadh, biogarrachd.
 CAVILLING, *s.* Connasachadh, connspoid, cunnail, biogarrachd.
 CAVILLOUS, *adj.* Cunnileach, biogarra, tiolpach, coireachail.
 CAVILLOUS, *adj.* Cunnileach, biogarra, tiolpach, coireachail.
 CAVILLOUSLY, *adv.* See Cavillous.
 CAVIN, *s.* Slochd, lag folaich airm.
 CAVITY, *s.* Fàslach, còs, lag, slochd, glac.
 CAUK, *s.* Garbh-òrd, cnap neo-fhìnealta.
 CAUKY, *adj.* Òrd-shoillear, biorach.
 CAUL, *s.* 1. The net in which women inclose their hair : lìon-cinn, currachd, bréid an crannaig. 2. any kind of small net : lìon beag. 3. the omentum : sreothann, còmhach a' mhìonaich. 4. the little membrane found upon some children, encompassing the head when born : currachd an fhòrtain.
 CAULIFEROUS, *adj.* Cuiseagach, luirgneach.
 CAULIFLOWER, *s.* Càl-gruthach.
 CAULK, *s.* See Calk.
 CAUPONATE, } *v. n.* Cùm tigh òsda.
 CAUPONISE, }
 CAUSABLE, *adj.* Aobharach, dh'fhaodar a thoirt mu'n cuairt.
 CAUSAL, *adj.* Aobharach.
 CAUSALITY, *s.* Aobharachd.
 CAUSALLY, *adv.* See Causal.
 CAUSATION, *s.* Aobhar, reusan.
 CAUSATIVE, *adj.* Aobharach.
 CAUSATIVELY, *adv.* See Causative.
 CAUSATOR, *s.* See Causer.
 CAUSE, *s.* 1. That which produces, or effects any

thing : aobhar, cion-fàth. 2. the reason, motive to any thing : aobhar, cion-fàth, fàth, càs, màth-air-aobhair. 3. reason of debate, subject of litigation : càs, cùis. 4. side, party : aobhar, taobh.
 CAUSE, *v. a. et n.* 1. Effect, as of an agent, produce : dean, thoir mu'n cuairt, thoir gu buil. 2. assign insufficient cause, or reason : thoir leisgeul gun fhìu, gabh droch leisgeul.
 CAUSELESS, *adj.* 1. Having no cause : gun aobhar, uaithe féin, neo-dhèanta. 2. wanting just ground, or motive : gun aobhar, gun chion-fàth, gun reusan.
 CAUSELESSLY, *adv.* See Causeless.
 CAUSELESSNESS, *s.* Mi-aobharachd, mi-reusontachd.
 CAUSER, *s.* Fear-aobhair, athair, ùghdair, màthair-aobhair.
 CAUSEY, } *s.* Cabhsair, cruaidh-rathad.
 CAUSEWAY, }
 CAUSIDICAL, *adj.* Tagarach, a bhuineas do dh'fhear-tagraidh.
 CAUSTIC, *s.* Cuingaidh leighis loisgeach.
 CAUSTIC, } *adj.* Loisgeach, cnàimhteach.
 CAUSTICAL, }
 CAUSTICITY, *s.* Loisgeachd, cnàimhteachd.
 CAUTEL, *s.* 1. Cunning, subtlety, deceit : carachd, seòltachd, cuilbheart, cluain. 2. caution, provision : rabhadh, sanas, faicill, uidheamachadh, deasachadh.
 CAUTELOUS, *adj.* See Provident, and Wily.
 CAUTER, *s.* Iarunn-losgaidh, iarunn dearg.
 CAUTERISM, *s.* Losgadh le iarunn.
 CAUTERIZATION, *s.* Losgadh le iarunn, léigh-losgadh.
 CAUTERIZE, *v. a.* Loisg le iarunn, no, le cuingaidhean léigh.
 CAUTERIZING, *s.* See Cauterization.
 CAUTERY, *s.* Losgadh droch fheòil le iarunn, no, le cuingaidhean léigh.
 CAUTION, *s.* 1. Prudence, as it respects danger, foresight, provident care : gliocas, cùram, aire, faicill. 2. security for : tèaruinteachd, ràthan, urras, gleidheadh, cinnteachd. 3. provision, or security against : faicill, uidheamachadh, deasachadh. 4. provisionary precept : earal, comhairle. 5. warning : rabhadh, sanas.
 CAUTION, *v. a.* Thoir rabhadh, cuir air 'fhaicill, ear-laich.
 CAUTIONARY, *adj.* 1. Given as a pledge, or in security : au urras, an geall. 2. warning : sanasach.
 CAUTIOUS, *adj.* Cùramach, faicilleach, glic.
 CAUTIOUSLY, *adv.* See Cautious.
 CAUTIOUSNESS, *s.* Faicilleachd, cùram, gliocas.
 CAW, *v. n.* Ròc, glaoth mar ròcais.
 CAXON, *s.* Gruag.
 CEASE, *v. a. et n.* 1. Put a stop to, put an end to : cuir stad air, cuir crìoch air, caisg. 2. leave off, stop, give over : stad, sguir, leig dhìot. 3. fail, be extinct, pass away : fàillich, bàsaich, rach a dhìth. 4. be at an end : sguir, stad, thig gu crìch. 5. rest : stad, foisich, dean tàmh.
 CEASE, *s.* Stad, casg, bàs, crìoch, dol a dhìth.

CEASELESS, *adj.* Buan, gun stad, gun sgar, gun tàmh, neo-fhoiseach.

CEASELESSLY, *adv.* See Ceaseless.

CEDAR, *s.* Seudar, craobh-sheudair.

CEDE, *v. a. et n.* 1. Resign, give up: thoir suas, thoir seachad, leig dhìot. 2. submit, yield: géill, thoir thairis.

CEDULE, *s.* See Schedule.

CEDUOUS, *adj.* So-ghearraidh.

CEIL, *v. a.* Linig, cuir thairis le aol, còmhdaich.

CEILING, *s.* 1. The inner roof: mullach a steach, lìnig mullaich, còmhdach nachdair seòmair. 2. the inside planks of a ship: lìnig luinge.

CELANDINE, *s.* Ceann-ruadh.

CELATURE, *s.* Eòlas grabhalaidh, innleachd grunn-ghearraidh.

CELEBRATE, *v. a.* 1. Praise, commend, give praise to: mol, clùthaich, luaidh, dean iomraideach. 2. distinguish by solemn rites, perform solemnly: coimhrid, gléidh, cum, dean ni soluimte. 3. mention in a set, or solemn manner: luaidh, dean iomradh.

CELEBRATION, *s.* 1. Solemn performance, solemn remembrance: gnìomh cudthromach, cuimhneachan urramach, coimhead-fèille. 2. praise, renown, memorial: moladh, luaidh, cuimhneachan.

CELEBRATOR, *s.* Fear-molaidh, fear àrdachaidh.

CELEBRIOUS, *adj.* Iomraideach, ainmeil, clùiteach.

CELEBRIOUSLY, *adv.* See Celebrious.

CELEBRIOUSNESS, *s.* Clùid, iomradh, ainmealachd.

CELEBRITY, *s.* Greadhnaichas, mòralachd, clùit-eachd.

CELERITY, *s.* Luathas, ealamhachd, dèifir.

CELERY, *s.* See Parsley.

CELESTIAL, *adj.* 1. Heavenly, relating to the superior regions: adharail, ncamhaidh. 2. heavenly, with respect to excellence: ncamhaidh, diadhuidh, naomh.

CELESTIAL, *s.* Fear-àiteachaidh nam flaitheas, aon de mhuinntir nèimh.

CELESTIALLY, *adv.* See Celestial, *adj.*

CELESTIFY, *v. a.* Naomhaich, thoir inntinn ncamhaidh do.

CELIBACY, *s.* Teachd beò gun bhean, beatha bod-aich gille, no, shean ghruagaich.

CELIBATE, *s.* See Celibacy.

CELL, *s.* 1. A small cavity, or hollow place: slochd, cill, còs, fròg, toll, namh. 2. the cave, or little habitation of a religious person: namh. 3. a small and close apartment in a prison: slochd, fròg. 4. any small place of residence, a cottage: bothan. 5. a religious house, subordinate to some great abbey: tigh beag chàilleachan dubha. 6. little bags, or bladders where fluids, or matters of different sorts are lodged, common both to animals and plants: balgan, pocan.

CELLAR, *s.* Seilcar, cuile.

CELLARAGE, *s.* Ionad na cuile, àite na dibhe.

CELLARER, *s.* Fear-gleidhich a' bhìdh an tigh

CELLERER, *f.* mhanach, buidheclair tigh cràbhaidh.

CELLERIST, *s.* See Cellerer.

CELLULAR, *s.* Còsach, frògagach, uamhach, slochd-anach.

CELLULE, *s.* Frògag, slochdan.

CELSITUDE, *s.* Àirde, meud, inbhe.

CELTICISM, *s.* Cleachdadh, is nòs nan Gàidheal.

CELTIC, *adj.* Gàidhealach.

CELTS, *s.* Ceiltich, Gàidheil, luchd-àitheachaidh na sean Fhrainge.

CEMENT, *s.* 1. The matter with which two bodies are made to cohere: glaoth, criadh, aol, cungaiddh-thàthaidh. 2. bond of union in friendship: bann, ceangal, aonadh.

CEMENT, *v. a. et n.* 1. Unite by means of something interposed: glaoth, tàth, cuir f' a chèile, aon, ceangail. 2. come into conjunction, cohere: dlùthaich ri, gabh tàthadh, lean ri.

CEMENTATION, *s.* Glaothadh, dlùthadh, ceangal, tàthadh, aonadh.

CENENTER, *s.* Tàthair, neach, no, ni a ghabhas aonadh.

CEMETERY, *s.* Cladh, cill, ionad adhlacaidh, tigh na suain.

CEN, *CIN*, *s.* Càirdean, luchd dàimh, cinneadh.

CENATORY, *adj.* Suipeireach.

CENOBITICAL, *adj.* Cuideachdail.

CENOBY, *s.* Ionad tàmh cuideachda.

CENOTAPH, *s.* Fàs-chàrn.

CENSE, *s.* 1. Public rate: cìs, mál, teachd a steach, càin. 2. condition, rank: staid, inbhe.

CENSE, *v. a.* Ùng le tùis, dean deadh-bholtrach.

CENSER, *s.* 1. The pan or vessel in which incense is burned: tèisear, soirtheach tùis. 2. a pan in which any thing is burned: aghann.

CENSION, *s.* Cìs, càin, dlìghe.

CENSOR, *s.* Cronadair, fear-cunnuil, fear-biogarra.

CENSORIAL, *adj.* Cronachail, cunnuileach, biogarra.

CENSORIAN, *adj.* Cronachail, cunnuileach.

CENSORIOUS, *adj.* Cronachail, cunnuileach, biogarra, cruaidh, teann, achmhasanach, cànrnach.

CENSORIOUSLY, *adv.* See Censorious.

CENSORIOUSNESS, *s.* Cànrnachd, biogarrachd, cruas.

CENSORSHIP, *s.* 1. The office of a censor: dreuchd heus-bhreitheimh, dreuchd fir-cronachaidh. 2. the time in which the office of censor is borne: ùine-dreuchd fir-cronachaidh.

CENSURABLE, *adj.* Toilteinnach air achmhasan, ciòntach, coirach.

CENSURABLENESS, *s.* Ciontachd, coirachd.

CENSURABLY, *adv.* See Censurable.

CENSURE, *s.* 1. Blame, reprimand, reproach: coire, achmhasan, cronachadh, tàmailt, mì-chliu, tàir. 2. judgment, opinion, determination: breith, barail. 3. judicial sentence: binn, breith. 4. a spiritual punishment inflicted by some ecclesiastical judge: ascaoin-caglais, càrn-caglais.

CENSURE, *v. a. et n.* 1. Blame, brand publicly: cronach, thoir achmhasan, coirich. 2. condemn by a judicial sentence: dìt, thoir breith, thoir binn-ditidh. 3. judge, estimate: thoir breith, meas. 4. judge, give an opinion: thoir breith, thoir barail.

CENSURER, *s.* Cronadair, fear-coireachaihlh.
 CENSURING, *s.* Dimeas, tàir, coire, achimhasan.
 CENSUS, *s.* Cuntas, slugh-chunntas.
 CENT, *s.* Ceud.
 CENTAGE, *s.* Pàidheadh as a' cheud.
 CENTAURY, *s.* A' cheud-bhileach. Yellow century: dreimire buidhe.
 CENTENARY, *s.* Ceud, cuig fichead.
 CENTENNIAL, *adj.* Ceud-bhiadhach.
 CENTESIMAL, *adj.* Ceudamh.
 CENTIFOLIOLUS, *adj.* Ceud-dhuilleagach.
 CENTILOQUY, *s.* Naidheachd cheud-fhillteach.
 CENTINODY, *s.* Fear garbh-ghluineach.
 CENTRAL, *adj.* Meadhonach, 's an eadar-mheadhon.
 CENTRALITY, *s.* Meadhon.
 CENTRALLY, *adv.* See Central.
 CENTRE, *s.* Meadhon, cridhe, teis-meadhon, buill-sgean, imleag.
 CENTRE, *v. a. et n.* 1. Place on a centre, fix as on a centre: cuir 's a' mheadhon, càirich 's a' mheadh-on, suidhich, no, socraich 's a' mheadhon. 2. collect to a point: trus gu meadhon, cruinnich gu meadhon. 3. rest or repose: suidhich, socraich, gabh fois air. 4. be placed in the midst or centre: bi 's a' mheadhon, bi suidhichte 's a' mheadhon. 5. be collected to a point: bi cruinnichte gu meadhon, bi air do thrusadh gu meadhon.
 CENTRIC, *adj.* Meadhonach, suidhichte 's a' CENTRAL, *adj.* mheadhon.
 CENTRICALLY, *adv.* See Central.
 CENTRICALNESS, *s.* Ionad-meadhoin, eadar-mheadhon-on.
 CENTRIFUGAL, *adj.* Meadhon-sheachnach.
 CENTRIPETAL, *adj.* Meadhon-aomachdail.
 CENTRY, *s.* See Sentry and Sentinel.
 CENTUPLE, *adj.* Ceud-fillte.
 CENTUPLE, *v. a.* Ceud-fill, cuir ceud-fillte.
 CENTUPPLICATE, *v. a.* Dean ceud-fillte, aithris ceud uair.
 CENTURIATE, *v. a.* Ròinn 'n a cheudaibh.
 CENTURION, *s.* Ceannard-ceud.
 CENTURY, *s.* 1. A hundred, usually employed to specify time: ceud bliadhna, àireamh cheud bliadhna. 2. a hundred, simply: ceud, cuig fichead.
 CEPHALALGY, *s.* Goirteas cinn, ceann-chràdh.
 CERATE, *s.* Iocshlaint chéire.
 CERATED, *adj.* Céirte, céirichte.
 CERE, *v. a.* Céir, céirich.
 CERE, *s.* Gob-chraicinn sealbhaig.
 CEREALIOUS, *adj.* Coirceach.
 CEREBEL, *s.* Cuid de 'n eanchainn.
 CEREBRUM, *s.* Eanchainn.
 CERECLOTH, *s.* Céir-aodach, aodach céire.
 CEREMENT, *s.* Céir-aodach nairbh.
 CEREMONIAL, *adj.* 1. Relating to ceremony, or outward rite, ritual: deas-ghnàthach, òrdail, dòigheil. 2. formal, observant of old forms: fuirneil, sean-ghnàthach.
 CEREMONIAL, *s.* 1. Outward form: deas-ghnàth, fuirm, dòigh, rian, seòl, riaghailt, modh. 2. the order for rites and forms in the church of Rome: riaghailt-cràbhaidh.

CEREMONIALNESS, *s.* Deas-ghnàthachd, fuirmealachd.
 CEREMONIOUS, *adj.* 1. Consisting of outward rites: fuirneil, deas-ghnàthach, òrdail, dòigheil. 2. full of ceremony, awful: làn modhalachd, ro-dheas-ghnàthach, ro-fhuirneil. 3. attentive to outward rites, or prescriptive formalities: fuirneil, riaghailteach, òrdail, dòigheil, deas-ghnàthach. 4. civil: modhail, suaire, sibhailt. 5. observant of the rules of civility: modhail, dòigheil, sibhailt, deas-ghnàthach. 6. civil and formal to a fault: tuilleadh 's modhail, teann-dhòigheil.
 CEREMONIOUSLY, *adv.* See Ceremonious.
 CEREMONY, *s.* 1. Outward rite, external form in religion: fuirm, gnàth, deas-ghnàth, riaghailt-chràbhaidh. 2. forms of civility: modhalachd, deas-ghnàth. 3. outward forms of state: dòigh, riaghailt, gnàth cleachdadh, modh.
 CEREOUS, *adj.* Céireach.
 CEROTE, *s.* See Cerate.
 CERRUS, *s.* Scarabh-dharach.
 CERTAIN, *adj.* 1. Sure, undubitable: cinnteach, neo-theagamhach, firinneach, dearbh, beachdta, deimhin. 2. resolved, determined: suidhichte, dearbhta, leagta. 3. unfailing, which always produces the expected effect: neo-mhearachdach, neo-thaillineach, cinnteach. 4. undoubting, put past doubt: cinnteach, neo-theagamhach, firinneach. 5. constant, never failing to be, not casual: suidhichte, riaghailteach, neo-mhùthach. 6. regular, settled, stated: riaghailteach, suidhichte, sònruichte. 7. in an indefinite sense, some: àraidh.
 CERTAINLY, *adv.* See Certain.
 CERTAINNESS, *s.* 1. Exemption from doubt: CERTAINTY, *s.* cinnteachd dearbhaidh, dearbh-chinnt, fios, firinn. 2. exemption from failure; as the certainty of an event or of a remedy: cinnteachd, neo-theagamhachd. 3. that which is real and fixed: ni cinnteach, ni dearbhta. 4. regularity, settled state: riaghailt, òrdugh, suidheachadh.
 CERTES, *adv.* Gu fìor, gu cinnteach, gu dearbh.
 CERTIFICATE, *s.* 1. A writing made in any court, giving notice to another court: teist, teisteanas. 2. any testimony: teisteanas, fianuis.
 CERTIFICATE, *v. a.* Thoir teisteanas, sgrìobh teisteanas.
 CERTIFICATION, *s.* Teist, teisteanas, dearbhadh, deanamh cinnteach.
 CERTIFIER, *s.* Fear-dearbhadh, fear-daingneachaidh, fear-cur an cèill.
 CERTIFY, *v. a.* Thoir fios, dean cinnteach, dean dearbhta.
 CERTITUDE, *s.* Cinnteachd, neo-theagamhachd, dearbhachd.
 CERVICAL, *adj.* Muinealach, sgòranach, a bhuineas do 'n amhaich.
 CERULE, *adj.* Gorm, air dhath na mara.
 CERULEAN, *adj.* Gorm, liath-ghorm, air dhath na mara, speur-ghorm.
 CERULIFIC, *adj.* Gorm-dhathach.
 CERUMEN, *s.* Cluas-chéir, céir na cluaise.
 CERUSE, *s.* 1. White lead: luaidhe gheal. 2. a kind of white paint or wash with which ladies have affected to mend their complexions: geal-dhath.

CERUSED, *adj.* Dathta le uisge buaidhe gheal.
 CESAREAN, *adj.* Aig aisead le gearradh buig.
 CESPITIOUS, *adj.* Tota, air a dheanamh do thota.
 CESS, *s.* 1. A levy made upon the inhabitants of a place according to their property: *cis, càin, duillinnean, inàl.* 2. the act of laying rates: *leagadh càin, cis-thogail.*
 CESS, *v. a. et n.* 1. Rate, lay charge on: *leag càin, tog cis, cuir fuilidh duillinnean.* 2. omit a legal duty: *leig seachad cis, na cunnt càin.*
 CESSATION, *s.* 1. A stop, a rest: *stad, socair, anail, foiseachadh.* 2. vacation, suspension: *stad, anail, tàmh, foiseachadh, sgur-tacain, fosadh.* 3. end of action, the state of ceasing to act: *stad, sgur, tàmh, clos.* 4. a pause of hostility without peace: *fosadh-cogaidh, anail-airm, tàmh-strì, sgur-tacain.*
 CESSIBILITY, *s.* Géilleachduinn, leigeadh seachad.
 CESSIBLE, *adj.* So-ghéillidh, so-thoir-thairis.
 CESSION, *s.* 1. Retreat, the act of giving way: *géilleadh, strìochdadh, teicheadh, dol a thaobh.* 2. resignation: *toirt thairis, leigeadh dheth.*
 CESSMENT, *s.* *Cis, càin, duillinnean.*
 CESSOR, *s.* Fear-cise, fear-leagaidh dhuillinnean.
 CESSOR, *s.* Grinn-chrios meadhoin, crios-riomhach.
 CESTUS, *s.* Crios-gaoil, crios a' ghraidh.
 CETACEOUS, *adj.* A bhuineas do mhuic-mhara, orcach.
 CETERACH, *s.* See Stonefern.
 CHAFE, *v. a. et n.* 1. Warm by rubbing: *suath, blàthach, tòoth, dean blàth le suathadh.* 2. heat by rage or hurry: *teasaich, feargaich, thoir a mach a theas.* 3. perfume: *bol, ùng le ola chùbhraidh.* 4. make angry, inflame the passions: *feargaich, brosnuich, tog a chorrùich.* 5. rage, pet, fume: *bi air boile, gabh fearg, bi frionasach, cuir caitean ort.* 6. fret against any thing: *bi frionasach, crosda, feargaich.*
 CHAFE, *s.* Blàthas, teas, fearg, boile, corruich, frionas.
 CHAFER, *s.* Daol buidhe.
 CHAFF, *s.* 1. The husks of corn that are separated by thrashing and winnowing: *moll, càth, càthasail.* 2. any thing worthless: *moll, càtha, ni suarach.*
 CHAFFER, *v. n.* Malairtich, ceannaich le connsachadh, connsaich mu luach.
 CHAFFER, *s.* Malairt, ceannachd.
 CHAFFERER, *s.* Fear-ceannachd, fear teann am malairt.
 CHAFFERN, *s.* Soitheach-teasachaidh uisge.
 CHAFFERY, *s.* Malairt, ceannachd, reic.
 CHAFFINCH, *s.* Breac an t-sìl.
 CHAFFLESS, *adj.* Glan, gun clàtha, lom-shileanach.
 CHAFFWEED, *s.* Cat-luibh.
 CHAFFY, *adj.* Càthach, làn muill, eutrom, gun bhrìgh.
 CHAFFING-DISH, *s.* Soitheach-teasachaidh, aghann-thine.
 CHAGRIN, *s.* Frionas, droch nàdur, crosdachd, mìghean, greann, droch-fhonn, fàrran.
 CHAGRIN, *v. a.* Dean frionasach, no, crosda, cuir fàrran air, tog greann air, sàruich, trioblaidich.
 CHAIN, *s.* 1. A series of links fastened one with

another: *slabhraidh.* 2. a bond, a manacle, a fetter: *geimheal ceangal, cuibhlreach, glas-làmh.* 3. a line of links with which land is measured: *slabhraidh.* 4. a series linked together, as of causes or thoughts, a succession: *slabhraidh, taod, a' teachd an tàth a chèile.*

CHAIN, *v. a.* 1. Fasten or bind with a chain: *ceangail, cuibhlrich, geimhlich, cuir air slabhraidh.* 2. enslave, keep in slavery: *dean 'n a thràill, cuir an daorsa.* 3. keep by a chain: *cum le slabhraidh, bac le slabhraidh.* 4. unite: *coimheangail, ceangail r' a chèile.*

CHAINPUMP, *s.* Pìob-thaosgaidh dhùbailte.

CHAINSNOT, *s.* Urchair-shlabhraidh.

CHAINWORK, *s.* Obair-shlabhraidh.

CHAIR, *s.* 1. A moveable seat: *cathair, suidheachan.* 2. a seat of justice or of authority: *cathair-breitheanais.* 3. a vehicle borne by men, a sedan: *cathair-ionchair.* 4. a vehicle drawn by one horse: *cathair.*

CHAIRMAN, *s.* 1. The president of an assembly: *fear-cathrach, ceann-suidhe, riaghlair-comuinn.* 2. one whose trade is to carry a chair: *fear-cathrach-ionchair.*

CHAISE, *s.* Carbad, carbad eutrom, carbad dà each.

CHALDEE, *adj.* Caldeach.

CHALDER, *s.*

CHALDRON, *s.* Sallair, tomhas guail, no sìl.

CHAUDRON, *s.*

CHALICE, *s.* Cupan, cupa, copan, cuach, cupan-comanachaidh.

CHALICED, *adj.* Copanach.

CHALK, *s.* Caile. Chalk for cheese: *clach an ionad càbaig.*

CHALK, *v. a.* 1. Rub with chalk: *caile, suath le caile.* 2. manure with chalk: *mathaich, no, leasaich le caile.* 3. mark or trace out with chalk: *caile, comharraich le caile.*

CHALK-PIT, *s.* Toll-caile.

CHALK-STONE, *s.* Clach-caile.

CHALKY, *adj.* Caileach, làn caile.

CHALLENGE, *v. a.* 1. Call another to answer for an offence by combat: *tairg deas chòmhrag, dùlanach.* 2. call to a contest: *gairm gu deas chòmhrag, brosnach gu cath, dùlanach.* 3. accuse: *dìt, coirich.* 4. claim as due: *tagair, iarr mar do chòir.* 5. call any one to the performance of conditions: *gairm gu cunntas, gairm gu co-ghèalladh.*

CHALLENGE, *s.* 1. A summons to combat: *gairm-chatha, tairgse-còmhrag, dùlan.* 2. a demand of something as due: *tagradh, tagairt.*

CHALLENGEABLE, *adj.* Freagarrach, cunntachail.

CHALLENGER, *s.* 1. One that defies or summons another: *fear-dùlanachaidh, fear-tairgse còmhrag, fear-bagruidh.* 2. one that claims superiority: *fear-iarraidh bàrr, fear-iarraidh toisich, fear-dùlanachaidh.* 3. a claimant, one that requires something as of right: *fear-tagraidh.*

CHALYBEAN, *adj.* Cruadhach, stàillinneach.

CHALYBEATE, *adj.* Stàillinneach, air bìlas iaruinn.

CHAM, *s.* Uachdaran Tartarach, mar an ceudna, morfhear an cùirt Phersia.

CHAMADE, *s.* Caismeachd géillidh.

CHAMBER, *s.* 1. An apartment in a house, generally used for those appropriated to lodging: seòmair, ionad-codail. 2. any retired room: seòmair, seòmair-dìomhair. 3. any cavity, or hollow: seòmair-cùil, fròg. 4. a court of justice: seòmair. 5. the lower part of a gun where the charge is lodged: seòmair. 6. a species of cannon, a small piece of ordnance: leth-ghunna mòr.

CHAMBER, *v. a. et n.* 1. Shut up as in a chamber: dùin, druid, glais an seòmair. 2. be wanton, intrigue: bi mear, bi macnusaich, bi ri seòmradair-eachd.

CHAMBER-COUNCIL, *s.* Comhairle dhiomhair.

CHAMBER-COUNSEL, *s.* Comhairleach dìomhair.

CHAMBERER, *s.* 1. A man of intrigue: seòmradair. 2. a chamberlain, a groom of a chamber: seòmradair.

CHAMBERFELLOW, *s.* Companach seòmair, co-sheòmairiche.

CHAMBERING, *s.* Seòmradaireachd, macnusa.

CHAMBERLAIN, *s.* 1. Lord great chamberlain of England: Ard-sheòmradair Shasunn. 2. Lord chamberlain of the household: seòmradair tìghe an rìgh. 3. a servant who has the care of the chamberers: fear-gleidhidh seòmair. 4. a receiver of rents and revenues: fear-togail màil, is cis.

CHAMBERLAINSHIP, *s.* Dreuchd seòmradair.

CHAMBERMAID, *s.* Maighdean-sheòmair.

CHAMBLER, *v. a.* Strianaich, stiallach, dean breac.

CHAMELION, *s.* Dearc-luachrach air chaochladh dath.

CHAMELEONISE, *v. a.* Mùth dathan.

CHAMFER, *v. a.* 1. Channel, make furrows, or gutters upon a column: tarruing claisean, tarruing sgrioban cladhaich. 2. wrinkle: dean preasach, tarruing claisean.

CHAMFER, } *s.* Clais, sgriob.

CHAMFRYT, }

CHAMNOIS, *s.* Somer, seòrsa gaibhne.

CHAMP, *v. a. et n.* 1. Bite with a frequent action of the teeth: caguinn, teum, gearr, criom, creim. 2. devour with violent action of the teeth: caguinn, sluaig, ith a suas. 3. perform frequently the action of biting: bi teumadh, bi crimeadh.

CHAMPAIGN, *s.* Machair, magh, strath fosgailte, réidh-fhearan.

CHAMPAIGN, } *adj.* Fosgailte, réidh, comhnard.

CHAMPAIN, }

CHAMPER, *s.* Criomaire, fear-teumaidh, fear-creimidh.

CHAMPION, *s.* 1. One who undertakes a cause in single combat: Iach, gaisgeach, curaidh. 2. a hero, a stout warrior, one bold in contest: curaidh, treun-Iach, gaisgeach, àrnnun.

CHAMPION, *v. a.* Tairg cath, dùlanaich.

CHAMPIONNESS, *s.* Ban-churaidh, ban-ghaisgeach.

CHANCE, *s.* 1. Fortune, the cause of fortuitous events: tuiteamas, dàn, sealbh. 2. fortune, the act of fortune: fortan, tuiteamas, sealbh. 3. accidents, casual occurrence: tuiteamas, cinneamh-uin, tubaist, tàrladh, tachartas. 4. event, success, luck: tuiteamas, sealbh, fortan. 5. misfortune,

unlucky accident: mì-fhortan, tubaist, mì-shealbh, droch còdhail. 6. possibility of any occurrence: tuiteamas, tachartas, tuiteam a mach.

CHANCE, *adj.* Tuiteamach, tagamhach, tubaisteach. CHANCE, *adv.* Air tuiteamas, air theagamh, faodaidh e bhith.

CHANCE, *v. n.* Tuit a mach, bi air thàrladh, bi air tuiteamas, tachair.

CHANCE-MEDLEY, *s.* Marbhadh-tuiteamais.

CHANCEABLE, *adj.* Tuiteamach, tubaisteach.

CHANCEL, *s.* Ionad altair an eaglais.

CHANCER, *s.* Druis-heasgaid, clap-guireanach.

CHANCROUS, *adj.* Clap-chràiteach, guireanach, plucanach.

CHANDELIER, *s.* 1. A branch for candles: coinnleir meurach. 2. an artisan, whose trade it is to make candles, or a person who sells them: fear-dèanaibh choinnlean, fear-reic choinnlean, marsanta choinnlean. 2. formerly a candlestick: coinnleir meurach. 3. a corn-chandler: siòl-feicear.

CHANGE, *v. a. et n.* 1. Put one thing in place of another: mùth, atharraich. 2. quit any thing for the sake of another: màlairtich, iomlaid. 3. give and take reciprocally: iomlaid, màlairtich. 4. alter, make other than it was: atharraich, caochail. 5. amend the disposition of mind: iompaich, athleasaich. 6. discount a larger piece of money into several smaller: mùth, iomlaid. 7. (in horsemanship): tionndaidh. 8. suffer alteration: caochail. 9. change, as the moon: bris.

CHANGE, *s.* 1. An alteration of the state of any thing: atharrachadh, caochladh. 2. a succession of one thing in the place of another: mùthadh, caochladh. 3. the time of the moon, when it begins a new monthly revolution: breasadh an t-solais, solus ùr, ré nuadh. 4. novelty, a state different from the former: caochladh, atharrachadh. 5. that which makes a variety, that which may be used for another of the same kind: mùthadh. 6. small money: mùthadh, iomlaid. 7. a place where persons meet for traffic: tigh-malairt.

CHANGEABLE, *adj.* 1. Subject to change, fickle, inconstant: caochlaideach, luaineach, sgaogach, neo-sheasmhach. 2. possible to be changed: so-mùthaidh, so-caochlaidh, so-atharraichte. 3. having the quality of exhibiting different appearances: iom-chruthach, iom-dhathach, iom-dhreacmhòr.

CHANGEABLENESS, *s.* 1. Inconstancy, fickleness: caochlaideachd, luaineachas, sgaogachd, neo-sheasmhachd. 2. susceptibility of change: so-caochlaidheachd, so-mùthtacht.

CHANGEABLY, *adv.* See Changeable.

CHANGEFUL, *adj.* See Changeable.

CHANGELESS, *adj.* Neo-caochlaideach, bunaiteach, seasmhach, neo-ghlusaadach.

CHANGELING, *s.* 1. A child left, or taken in the place of another: tàcharan, leanabh air fhàgail, no, air a ghabhail an àite leanabh eile. 2. an idiot, a fool, a natural: amblar, òinseach, amadan, ùmaidh. 3. a waverer: sgaog, sgaogan. 4. any thing changed: nì atharraichte, atharrachd.

CHANGER, *s.* 1. A money-changer: fear-malairt

- airgid. 2. one who alters the form of any thing: fear-atharrachaidh, fear-mùthaidh. 3. a forsaker of a cause espoused: fear-diobraidh, fear-àicheidh, duine so-sghluaiste.
- CHANNEL, *s.* 1. The hollow bed of running waters: amar, clais, leabaidh. 2. any cavity drawn long-ways: clais. 3. a strait, or narrow sea between two countries: caolas. 4. a gutter, or furrow of a pillar: clais. 5. a kennel in the street: sruth-chlais, amar-glanaidh.
- CHANNEL, *v. a.* Tarruing 'n a chlaisibh.
- CHANSON, *s.* Òran.
- CHANT, *v. a. et n.* 1. Sing: sinn. 2. celebrate by song: tog fonn air. 3. sing in the cathedral service: sinn an co-sheirm caglais. 4. sing, make melody with the voice: tog fonn.
- CHANT, *s.* 1. Song, melody: fonn, òran, ceòl. 2. a part of cathedral service: naomh-fhonn.
- CHANTER, *s.* 1. A singer: òranaiche, fear-òrain, fear-ciùil. 3. the chief singer in a cathedral: fear-togail naomh-fhuinn.
- CHANTICLEER, *s.* Coileach, an coileach.
- CHATTER, *s.* Ban-òranaiche.
- CHAOS, *s.* 1. The mass of matter supposed before creation: dubh-choimeasg. 2. confusion: mìrghabhail, ùtrais, aimhreit. 3. any thing where the parts are undistinguished: nì gun dreach, aimlisg.
- CHAOTIC, *adj.* Coimeasgta, dubh-choimeasgta, ùtrais-each.
- CHAP, *v. a.* Peasg, sgoilt, meanbh-bhris.
- CHAP, *s.* 1. A cleft, an aperture: peasg, sgoltadh, fosgladh, sgàineadh. 2. upper or under part of a beast's mouth: càirean beathaich. 3. (for chapman): balach.
- CHAFE, *s.* Teangaidh, greim, crambait.
- CHAPEL, *s.* Caibeal, cill.
- CHAPEL, *v. a.* Adhlaid, tìodhlaid.
- CHAPELRY, *s.* Cuairt caibeil.
- CHAPERON, *s.* Currag.
- CHAPEAU, *s.* Àda.
- CHAPITE, *s.* Ceann, ceann-carraig.
- CHAPLAIN, *s.* Ministir-tighe, ministir-teaghlach, ministir-feachd, ministir-luinge.
- CHAPLESS, *adj.* Caol-phericallach, peircallach.
- CHAPLET, *s.* 1. A garland, or wreath for the head: blàth-fhleasg, sgeadachadh-cinn, coron blàth-fhleasg. 2. in the Romish church: paidirean, fleasg-ghriogag. 3. (in architecture): paidirean snaidhte air mullach carraig. 4. (in horsemanship): cas-fopan. 5. on the peacock's head: bad-mullaich.
- CHAPMAN, *s.* Ceannaiche, ceannaiche saor, fear-margaidh.
- CHAPPY, *adj.* Peasgach, meanbh-bhriste.
- CHAPS, *s.* 1. The mouth of a beast of prey: craos, beul. 2. in contempt for a man's mouth: craos.
- CHAPPED, *part.* Peasgta, pronnta, meanbh-phronn.
- CHAPT, *s.* ta.
- CHAPTER, *s.* 1. Division of a book: caihidil. To the end of the chapter: gu ceann crìche. 2. an assembly of the clergy of a cathedral or college church: clèir, clèir aoin caglais. 3. the place where delinquents receive discipline, or correction: tigh-smachdachaidh. 4. a decretal epistle: litir-bhreith. 5. chapter-house: tigh-clèire.
- CHAPTER, *v. a.* Cronaich, smachdaich.
- CHAPTREL, *s.* Ceann-mullaich carraig.
- CHAR, *s.* Sèorsa cìsg, tarannag.
- CHAR, *v. a. et n.* 1. Burn wood to a black cinder: loisg 'n a ghual, dubh-loisg. 2. perform a business: oibrich, dean obair. 3. work at others houses by the day: dean obair-latha.
- CHAR, *s.* Car, car-oibre, obair-latha.
- CHAR-WOMAN, *s.* Bean-frith-oibre.
- CHARACT, *s.* Giosag, seun, sgrìobhadh dìomhair.
- CHARACT, *s.* Giosag, seun, sgrìobhadh dìomhair.
- CHARACTER, *s.* 1. A mark, stamp, or representation: comharraidh, samhladh, coltas. 2. a letter, in writing, or printing: litir. 3. the hand, or manner of writing: làmh-sgrìobhadh. 4. a representation of personal qualities: dealbh, samhladh, coltas. 5. an account of any thing: iomradh, aithris. 6. the personage, the person with his qualities: duine, fear-gnìonha, fear-dèanaimh. 7. particular constitution of the mind: cliù, beusan, biùthas, ainm, iomradh, alladh. 8. adventitious qualities impressed by a post or office: ainm, meas, iomradh.
- CHARACTER, *v. a.* 1. Inscribe, engrave: sgrìobh, grabhal. 2. describe, denominate, characterize: innis, cuir an cèill, dean iomradh mu.
- CHARACTERISM, *s.* Cliù, iomradh.
- CHARACTERISTIC, *s.* Fìor-shamhlachail, colt-CHARACTERISTICAL, *s.* ach ri, a làidheas ri.
- CHARACTERISTICALLY, *adv.* See Characteristic.
- CHARACTERICALNESS, *s.* Fìor-shamhlachalachd, coltas ri.
- CHARACTERISTIC, *s.* Fìor-chliù, fìor-choltas, coltas àraidh, coltas air leth.
- CHARACTERIZE, *v. a.* 1. Give a character or account of personal qualities: thoir cliù air, thoir teistean mu, fìor-shamhlach, aithris buadhan, aithris cliù. 2. mark with a particular stamp, or token: comharraich. 3. engrave, imprint: grabhal, sgrìobh.
- CHARACTERLESS, *adj.* Gun cliù, mi-chliùiteach, gun teist, neo-theistil.
- CHARACTERY, *s.* Comharraidh, suaicheantas.
- CHARADE, *s.* Gnè thòimhscaibain.
- CHARCOAL, *s.* Gual, gual-fiodha, gual-loisgte, gual-gobha.
- CHARGE, *v. a. et n.* 1. Entrust with: carb ri, thoir comas do, carb gnothach ri, cuir mar chùram air. 2. impute as a debt: cuir as leth. 3. impute, as cost, or hazard: gabh ort féin, gabh mar callach. 4. impose as a task: cuir air. 5. accuse, censure: cuir as leth, dìt, faigh cron do. 6. challenge, as on oath: gabh miannan de. 7. command, enjoin: cuir mar thiachaidh air, cuir impidh air, thoir aithne do. 8. fall upon, attack: buail, thoir ionnsuidh air, thoir ruathar air. 9. burden, load: uallaidh, luchdaich. 10. cover with something adventitious: còmhdaich, fion. 11. load a gun: cuir a stigh urchair, lion. 12. put to expense: cuir gu

- costus, cuir costus air. 13. make an onset: thoir ionnsuidh air.
- CHARGE, s.** 1. Care, custody, trust to defend: cùram, gleidheadh. 2. precept, mandate, command: àithne, impidh. 3. commission, trust conferred, office: cùram, gnothuch, dreuchd. 4. accusation, imputation: casaid, coire. 5. the person or thing entrusted to the management or care of another: cùram. 6. an exhortation, as of a judge to a jury: rabhadh, fios, impidh, soilleireachadh, àithne. 7. expense, cost: costus, cis. 8. an onset: ionnsuidh, ruathar. 9. the signal to fall upon enemies: gairm-chatha, éighe-chòmhraig. 10. the posture of a weapon fitted for the attack or combat: soc-air, lagh. 11. a load, or burthen: callach, sac. 12. what any thing can bear: làn. 13. the quantity of powder and ball put into a gun: làn-urchair. 14. (in farriery): acfuin-shuathaidh. 15. (in heraldry): dreach, dreach air dhreach.
- CHARGEABLE, adj.** 1. Expensive, costly: daor, costail. 2. imputable as a debt or crime: air a chur as leth, air fhagail air. 3. subject to charge or accusation: fosgailte do choire, buailteach do choire, buailteach do chasaid.
- CHARGEABLENESS, s.** Daorachd, daorad, costalachd.
- CHARGEABLY, adv.** See Chargeable.
- CHARGELESS, adj.** Saor, air bheag costuis.
- CHARGER, s.** 1. A large dish: mias, mias mhòr. 2. the horse of a military officer: each-cogaidh, steud-each.
- CHARILY, adv.** Gu faicilleach, gu stuama.
- CHARINESS, s.** Faiceall, ro-aire, pongalachd.
- CHARIOT, s.** Carbad.
- CHARIOT-MAN, s.** Carbadair.
- CHARIOTEER, s.**
- CHARIOT-RACE, s.** Coimhliong charbad.
- CHARITABLE, adj.** 1. Kind in giving alms, liberal to the poor: oircheasach, déirceach, carthannach, tabhartach. 2. kind in judging of others, benevolent: seirceil, caoimhneil, maitheasach, daonnach.
- CHARITABLENESS, s.** Oircheasachd, carthannachd, tabhartachd, seircealachd, caoimhnealachd, maitheasachd, daonnachd.
- CHARITABLY, adv.** See Charitable.
- CHARITATIVE, adj.** Caoimhneil, maitheasach, teòchridheach.
- CHARITY, s.** 1. Tenderness, kindness, love: caoimhneas, carthannas, gràdh, seirce. 2. good-will, benevolence: gean-maith, daonnachd, seirce, maitheas. 3. (theologically): seirce, gràdh. 4. liberality to the poor: oircheasachd, fialuidheachd, déirceachd, tabhartachd. 5. alms: oircheas, déirce.
- CHARL, v. a.** See Char, v.
- CHARLATAN, s.** Cleasaiche, léigh-chleasaiche, baoth-fhear, mealltair.
- CHARLATANICAL, adj.** Baoth, baoth-chleasach, mealltach.
- CHARLATANRY, s.** Baoth-chleasachd, mealltachd, baothaireachd.
- CHARLES'S-WAIN, s.** An crann, an crann-arain.
- CHARLOCK, s.** Carran buidhe.
- CHARM, s.** 1. Words imagined to have some occult

- power: geas, giosag, rùn, seun. 2. something of power to subdue opposition, and gain the affections: druidheachd, buitseachd, tàlaidh, cumhachd-tàlaidh, mealladh-gràidh.
- CHARM, v. a. et n.** 1. Fortify with charms against evils: seun, cuir seun air, cuir fuaidh gheasaibh. 2. make powerful by charms: dean buadhach le geasaibh. 3. summon by incantation: gairm le druidheachd, thoir an làthair le geasaibh. 4. subdue by some secret power, amaze, overpower: cuir fuaidh gheasaibh, cuir druidheachd air. 5. subdue the mind by pleasure: coisinn, buadhach mar le geasaibh, lùb, làn-thoilich. 6. tune, temper: gleus, cuir air ghleus, 7. sound harmonically: seinn, seinn gu fonnmhor.
- CHARMED, adj.** Fuaidh gheasaibh, seunta.
- CHARMER, s.** 1. One that has the power of charms, or enchantments: fear-druidheachd, druidh, geas-adair. 2. word of endearment: gràidhean, gràidheag, gràdhan, gràdhag.
- CHARMERESS, s.** Ban-dhruidh.
- CHARMEFUL, } adj.** Gràdhach, ion-gràdhach, uil'.
- CHARMING, } thaitneach, grinn.**
- CHARMINGLY, adv.** See Charming.
- CHARMINGNESS, adj.** Grinneas, taitneachd, ion-gràdhachas.
- CHARNEL, adj.** Cairbheach, làn feòla.
- CHARNEL-HOUSE, s.** Tigh-adhlacaidh, slochd-adh-laic.
- CHART, s.** Cairt, cairt-ùil.
- CHARTER, s.** 1. Written evidence of things done between man and man: sgrìobhadh, cùmhnant sgrìobhta, bann sgrìobhta. 2. any writing bestowing privileges, or rights: coir sgrìobhta, daingneachd sgrìobhta. 3. privilege, immunity, exemption: dilghe, sochair, cead, saorsa.
- CHARTER-LAND, s.** Fearann saor, fearann fuidh bhann.
- CHARTULARY, s.** Cartulary.
- CHARY, adj.** Faicilleach, glic, ciallach, sicir.
- CHASE, v. a.** 1. Hunt: sealg, ruaig. 2. pursue as an enemy: ruag, ruaig, lean. 3. drive away: fuadaich. 4. follow as a thing desirable: lean, bi an tòir air, sir. 5. drive: iomain. 6. of metals. See Enchase.
- CHASE, s.** 1. Hunting: sealg, faoghaid. 2. pursuit of any thing, as game: tòir. 3. fitness to be hunted: sealg. 4. pursuit of an enemy: tòir, tòrachd. 5. pursuit of something as desirable: tòir, sireadh, iarraidh. 6. the game hunted: sìth-ionn. 7. open ground stored with such beasts as are hunted: frìdh, fuiche-seilg. 8. the chase of a gun: fad gunna 's an leth stigh.
- CHASEABLE, adj.** So-shealgta, ion-shealgach.
- CHASER, s.** 1. A hunter, pursuer, or driver: sealg-air, fear-ruagaidh, fear-iomain. 2. an enchaser: fear-grabhalaich.
- CHASM, s.** Sgàineadh, sgoltadh, fosgladh, beàrn, fàslach.
- CHASMED, adj.** Sgàinte, sgòilte, làn-bheàrn.
- CHASTE, adj.** 1. Pure from all commerce of sexes: geamnuidh. 2. (of language): glan, dìonghmolta,

fior-ghlan. 3. free from obscenity: geamnuidh, neo-thruaillidh, glan. 4. true to the marriage bed: geamnuidh.

CHASTE-EYED, *adj.* Mállda, mìn-shuileach, stuam-shuileach.

CHASTE-TREE, *s.* Geann-chraobh.

CHASTELY, *adv.* See Chaste.

CHASTEN, *v. a.* Cronaich, smachdaich, peanasaich, claidh.

CHASTENER, *s.* Fear-cronachaidh, fear-smachdachaidh.

CHASTENESS, *s.* 1. Chastity, purity: geamnuidh-eachd. 2. purity of writing: gloine, gloine-bhriathar.

CHASTISE, *v. a.* 1. Punish, correct for faults: smachdaich, cronaich. 2. reduce to order, or obedience, repress, restrain, awe: ceannsuich, ùmhlaich, thoir fuidh smachd, bac, cuir fuidh eagal.

CHASTISEMENT, *s.* Smachdachadh, cronachadh, ceannsachadh.

CHASTISER, *s.* Fear-smachdachaidh, fear-cronachaidh, fear-ceannsachaidh.

CHASTITY, *s.* 1. Purity of the body: geamnuidh-eachd. 2. freedom from obscenity: gloine, geamnuidheachd. 3. freedom from bad mixture of any kind: gloine, neo-thruaillidheachd.

CHAT, *v. n.* Dean còmhradh, dean frith-labhairt, dean frith-bhruidhean, dean gobaireachd, dean biolasgadh.

CHAT, *s.* Biolasgadh, gobaireachd, frith-chòmhradh, frith-bhruidhean.

CHATEAU, *s.* Caisteal.

CHATELET, *s.* Caisteal beag.

CHATTEL, *s.* Maoin, àimeis.

CHATTER, *s.* 1. Make a noise as a pie, or an unharmonious bird: dean cànan. 2. make a noise by collision of the teeth: dean snagardaich fhiacall. 3. talk idly, or carelessly: dean faoin-chòmhradh.

CHATTER, *s.* Goileam, sgeilm.

CHATTERBOX, *s.* Sgeilmear, sgeilmear, fear goileamach, fear-spagluinne, gobaire.

CHATTERER, *s.* Gobaire, fear-spagluinne, sgeilmear.

CHATTERING, *s.* See Chatter, *s.*

CHATTY, *s.* Sgeilmearra, gobach, spagluinneach, faoin-bhruidheach, frith-bhriathrach.

CHATWOOD, *s.* Connadh, meanbh-chonnadh.

CHAUN, *s.* See Chasm.

CHAUNT, *v. n.* See Chant, *v.*

CHAW, *v. a.* See Chew.

CHAW, *s.* Càiran beathaich.

CHAWDRON, *s.* Mionach.

CHEAP, *adj.* 1. To be had at a low rate: saor. 2. of small value, not respected: neo-mheasail, air bheag meas.

CHEAPEN, *v. a.* Lughdaich, no beagaich luach, leag prìs.

CHEAPENER, *s.* Fear-lughdachaidh prìse.

CHEAPLY, *adv.* See Cheap, *adj.*

CHEAPNESS, *s.* Saorachd.

CHEAR, *s. et v.* See Cheer.

CHEAT, *v. a.* Meall, thoir an car as, dean foill air.

CHEAT, *s.* 1. A fraud, a trick, an imposture: foill,

feall, car. 2. a person guilty of fraud: mealltair fear-foille, slaightear.

CHEATABleness, *s.* Mealltachd, mealltaireachd, foillealachd.

CHEAT-BREAD, *s.* Aran gear, aran daor.

CHEATER, *s.* See Cheat, 2.

CHEEK, *v. a. et n.* 1. Repress, curb: caisg, bac, grab, cum fuidh smachd. 2. reprove, chide: cronaich, achmhasanaich. 3. compare a bank note, or other bill with the correspondent paper: co-shamhluch, samhluich F a chéile. 4. controul by a counter-reckoning: ath-shocruich, ath-shamhluch. 5. stop, make a stop: stad, dean stad. 6. clash, interfere: buin ri, cuir stad air. 7. strike with repression: buail air ais.

CHECK, *s.* 1. Repressure, stop, rebuff, sudden restraint: bacadh, ath-bhacadh, grabadh, ath-grabadh, stad. 2. restraint, curb, government: smachd, uachdranachd, riaghladh. 3. a reproof, a slight: achmhasan, tàmailt. 4. a dislike, a sudden disgust: fuath, grad-fhuath, gràin. 5. (in falconry): seacharan. 6. the person checking, the cause of restraint: smachd, fear-smachdachaidh, grabadh, fear-grabaidh. 7. any stop, or interruption: stad, grabadh, bacadh. 8. the corresponding cipher of a bank-bill: ath-chuid bainn airgid. 9. linen cloth fabricated in squares: breac-aodach lìn.

CHECKER, } *v. a.* Breac, stiallaich, tarrauing, stiallan tarsuing.

CHECKER, } *s.* Aodach breac, breac-ghrinneas, checker-work, } obair-iom-dhathach.

CHECKER, } *s.* Bòrd-thàileasg.

CHECKER, } *s.* Fear-achmhasan, fear-cronachaidh, fear-riaghlaidh.

CHEEKLESS, *adj.* Neo-smachdaichte, gun smachd.

CHEEK, *s.* Gruaidh, leth-cheann, bac, gial, leac.

CHEEK-BONE, *s.* Gial, cnaimh-giala, pìrcall.

CHEEK BY JOWL, *adv.* Leth-cheann ri leth-cheann, gial ri gial.

CHEEKTOOTH, *s.* Chùlag, fiacail-chhùil.

CHEER, *s.* 1. Entertainment, provisions served at a feast: cuirm, cuilm, biadh-cuirm. 2. invitation to gaiety: faoilte, gairm-subbachais. 3. gaiety, jollity: aighear, aobhachd, aobhneas. 4. air of the countenance: dreach, aogas, snuadh. 5. temper of mind in general: gean, misneach. 6. acclamation, shout of triumph, or applause: caithream, luathghair.

CHEER, *v. a. et n.* 1. Incite, encourage, inspirit: misnich, brosuich, togh inntinn. 2. comfort, console: sòlasaich, comhfhurtaich, thoir sòlas do. 3. gladden: dean aobhneach, dean subhach, dean àit. 4. grow gay, or gladsome: tog do chridhe, fàs aobhneach, fàs cridheil.

CHEERER, *s.* Fear-comhfhurtaich, fear-sòlais, fear-togail misnich.

CHEERFUL, *adj.* 1. Gay, full of life, full of mirth: àit, suilbhir, aobhlinn. 2. having an appearance of gaiety: suilbhir. 3. causing cheerfulness: aigcantach, aighearach, a thogas gean.

CHEERFULLY, *adv.* See Cheerful.

CHEERFULNESS, s. 1. Freedom from dejection, alacrity: sùrd, suigart, sùrdalachd, sunnd. 2. freedom from gloominess: toil-inntinn, cridhealas, beothalachd.

CHEERILY, adv. See Cheerful.

CHEERLESS, adj. Dubhach, fuidh ghruaim, neo-shuill-bhir, neo-shunnadh.

CHEERLY, adj. See Cheerful.

CHEERLY, adv. See Cheerful.

CHEERY, adj. Suilbhir, ait, aoibhneach, aoibhinn.

CHEESE, s. Càise, càis.

CHEESEPARING, s. Rùsg càise.

CHEESEPRESS, s. Fiodhan.

CHEESEVAT, s. Soitheach-mulachaig, fiodhan.

CHEESY, adj. Càiseach, mar chàise.

CHELY, s. Òrdag mhòr.

CHEMISE, s. 1. A shift: léine boirionnach. 2. (in fortification): balla-dìona.

CHEMISTRY, s. See Chemistry.

CHEQUER, v. a. See Checker.

CHEQUER, s. See Treasury.

CHEQUER-WORK, s. See Checker-work.

CHERISH, v. a. Eiridinn, eiridnich, altrium, àrach, tog, dìon, thoir fàsadh do.

CHERISHER, s. Fear-eiridnìdh, fear-altruim, fear-dìonaidh.

CHERISHING, s. Eiridneachadh, altrum, àrach, fàsadh.

CHERISHINGLY, adv. Gu h-eiridneach.

CHERRY,

CHERRY-TREE, } s. Sirist, craobh-shirist.

CHERRY, adj. Siristeach.

CHERRY-CHEEKED, adj. Gruaidh-dhearg, gruidh-rùiteach.

CHERT, s. Clach-spoir.

CHERUB, s. Focal Eabhruidheach, (a' ciallachadh), aingeal nèamhaidh.

CHERUBIN, s. See Cherub.

CHERVIL, s. Cos-uisge.

CHERUP, v. n. Dean cèileirean, deon faoin-ghuth binn.

CHESIBLE, s. Léine-sagairt.

CHESLIP, s. Clachair, gnè bhéisteig, corra-chosag.

CHESSE, s. Tàileasg, cluiche fear-feòirne.

CHESSE-BOARD, s. Bòrd-fhear-feòirne.

CHESSE-MAN, s. Fear-feòirne.

CHESSE-PLAYER, s. Fear-cluiche, fear-feòirne.

CHESSEOM, s. Maoth-thalamh.

CHEST, s. 1. A box of wood or other materials: ciste, cobhan. 2. the trunk of the body: com, cliabh.

CHEST, v. a. 1. Lay up in a chest: cuir an ciste. 2. place in a coffin: càirich an ciste-luidhe.

CHEST-FOUNDING, s. Galar-cléibh am measg each.

CHESTED, adj. 1. Having a chest: cisteach. 2. broad-chested: cliabh-fharsuing.

CHESTNUT, } s. Geann-chno, craobh-gheann-chno.

CHESTNUT-TREE, } chno.

CHESTNUT, } s. Dath donn.

CHEVALIER, s. Ridir.

CHEVERIL, s. 1. A kid: meann. 2. kid-leather: miniciònn.

CHEW, v. a. et n. 1. Grind with the teeth, masticate: cagain, cnàmh. 2. meditate, or ruminate in the thoughts: cnuasaich, beachd-smuainich. 3. taste without swallowing: blais. 4. champ upon: cagain, criom. 5. ruminate: cnàmh do chìr.

CHEW, s. Greim, mìr-cagainadh.

CHEWING, s. Cagainadh.

CHICANE, s. 1. Art of protracting a contest by petty objection and artifice: brìonglaid-char, innleachd, cuilbheirtan. 2. artifice in general: feall, foill, car, staraidheachd.

CHICANE, v. n. Dean brìonglaid-char, cleachd cuilbheirtan.

CHICANER, s. Fear carach, fear-chuilbheirtan, mealltair.

CHICANERY, s. Feall, foill, foillealachd, cuilbheirt-eachd.

CHICHES, s. Peasar nan luch.

CHICHLING VETCH, s. See Chiches.

CHICK, } s. 1. The young of a bird: iscan. 2.

CHICKEN, } a word of tenderness: iscan. 3. a term for a young person: iscan.

CHICK, v. n. Fàs, cinn 'n a fhocham.

CHICKEN-HEARTED, adj. Gealtach, cladhach.

CHICKEN-POX, s. A' bhreac-òtraich.

CHICKLING, s. Iscan.

CHICK PEAS, s. Peasar nan luch.

CHICKWEED, s. Fliogh, fluth.

CHIDE, v. a. et n. 1. Reprove, check, correct with words: cronaich, aclmhasaich. 2. drive with reproof: bagair, cuir air ais le bagair. 3. blame, reproach: coirich, cuir coire as leth. 4. clamour, scold: troid. 5. quarrel with: troid, cuir a mach air. 6. make a noise: fuaimnich, dean fuaim.

CHIDE, s. Fnaim, borbhan.

CHIDER, s. Fear-cronachaidh, fear-achmhaisin, fear-coireachaidh. See Chide, v.

CHIDING, s. 1. Rebuke, contention, quarrel: achmhasan, trod, aimhreit, buaireas. 2. noise, sound: fuaim.

CHIDINGLY, adv. Gu trodach, gu h-aimhreitach, gu buaireasach, gu fuaimneach.

CHIEF, adj. 1. Principal, most eminent, above the rest: air thoiseach, ceud, àraidh, sònruichte, prìomh. 2. eminent, extraordinary: ainmeil, measail, eug-samhuil. 3. capital, of the first order, that to which other parts are inferior: àrd, prìomh, sònruichte, àraidh, còrr, mòr, fhlaith.

CHIEF, s. 1. A military commander, a leader of armies: ceann, ceannard, ceann-feadhna, ceann-jùil. 2. (in heraldry): ceann, ceann. 3. (in the Highlands of Scotland) of a clan: ceann-cinnidh, ceann, àrd-fhlath.

CHIEFAGE, or CHEVAGE, s. Airgid-cinn.

CHIEFLY, adv. See Chief, adv.

CHEIFTAIN, s. 1. A leader, a commander: ceann, ceannard, ceann-feadhna. 2. the head of a clan: ceann-cinnidh, ceann-cinneil, ceann-tighe.

CHEIFTAINRY, } s. Ceannas-cinnidh, ceann-tigh-chieftainship, } eachd.

CHILBLAIN, s. Cusp, fuachd-at, meallan-tachais.

CHILD, s. 1. An infant, or very young person:

leanabh, naoidhean, cìocharan, pàisde, urra, maotheran. Children: clann. 2. one in the line of affiliation, opposed to parent: leanabh, mac, nighean. 3. the descendants of a man, how remote soever: gineal, sìochd, clann, iarmad. 4. in scripture, one weak in knowledge: leanaban. 5. any thing the product, or effect of another: buaidh, toradh. 6. with child: leth-tromach, torrach.

CHILD, *v. a. et n.* 1. Bring forth children: beir. 2. bring children: beir do.

CHILD-BEARING, *s.* Breith-cloinne, saothar-chloinne.

CHILD-BED, *s.* Leabaidh-sliùbhla, luidhe-siùbhla.

CHILD-BIRTH, *s.* Aiscad, saothar-chloinne.

CHILDERMASDAY, *s.* Latha na cloinne naomh, latha seachantach àraih.

CHILDHOOD, *s.* Leanabachd, leanabas, leanabaidh-leachd, naoidheachanachd.

CHILDISH, *adj.* 1. Having the qualities of a child, trifling, ignorant, simple: leanabail, leanabaidh, leanbail, leanabanta, aineolach. 2. becoming only children, trifling, puerile: faoin, leanabaidh.

CHILDISHLY, *adv.* See Childish.

CHILDISHMINDEDNESS, *s.* Faoinachd, leanabaidh-leachd.

CHILDISHNESS, *s.* 1. State of a child, puerility, triflingness: leanabachd, leanabaidheachd, faoinachd. 2. harmlessness: neo-chiontachd, naoidheachachd.

CHILDLESS, *adj.* Gun chlann, gun sìochd, ainrid.

CHILDLIKE, *adj.* Mar leanaban, leanabail, naoidheachach.

CHILDLY, *s.* Mile.

CHILLARCH, *s.* Ceannard mile.

CHILL, *adj.* 1. Cold to the touch: fuar, fuaraidh, fionnar. 2. having the sensation of cold, shivering with cold: air fuachd, air chrith le fuachd, fuar. 2. not warm, not forward: neo-aidheil, neo-ghineil, neo-shunndach. 4. depressed, dejected, discouraged: fuidh sprochd, dubhach, fuidh mhi-ghèan. 5. unaffectionate, cold of temper: mi-chàirdel, mi-chaoimhneil, fuaraidh, mi-lhàimheil.

CHILL, *v. a.* 1. Make cold: fuaraich, fionnfhuaraidh. 2. depress, deject, discourage: dean muldach, dean dubhach, mi-mhisnich. 3. blast with cold: searg le fuachd.

CHILLINESS, *s.* Crith-fhuachd, fionnfhuarachd.

CHILLY, *adj.* Fionnfhuar, fuar.

CHILLY, *adv.* See Chill, and Chilly, *adj.*

CHILLNESS, *s.* See Chilliness.

CHIME, *s.* Ceann, ceann-baraile, màs tuba.

CHIME, *s.* 1. The consonant sound of many instruments: co-sheirm, co-fhonn, còrdadh-fhuaim. 2. the correspondence of sound: co-fhonnmhòrachd, co-fhuaimneachd. 3. the sound of bells struck with hammers: co-sheirm. 4. the correspondence of proportion or relations: co-fhreagarrachd, co-ionannachd, co-chòrdadh.

CHIME, *v. a. et n.* 1. Cause to sound harmonically: tog co-sheirm, buail gu co-sheirmeach. 2. strike a bell with a hammer: buail clag le h-òrd. 3. sound in harmony: co-sheirmeil, dean co-sheirm, co-fhuaimnich. 4. correspond in relation, or proportion: co-fhreagair. 5. agree, fall in with: co-

chòrd, co-aontaich, aontaich le. 6. suit with, agree: còrd fi, taitinn fi, freagair do.

CHIMERA, *s.* Breisleach, faoin-dhealb, faoin bheachd

CHIMERICAL, *adj.* Breisleachail, faoin-bheachdaidh.

CHIMERICALLY, *adv.* See Chimerical.

CHIMINAGE, *s.* Cìs rathaid.

CHIMNEY, *s.* 1. The passage through which the smoke ascends: luidheir, fàrlus. 2. the chimney top: linnag. 3. the fire-place: tinnnean, cagailte.

CHIMNEY-CORNER, *s.* Cùil na cagailte, taobh na grìosaich.

CHIMNEY-MONEY, *s.* Airgid-cagailte.

CHIMNEY-PIECE, *s.* Bràighe-cagailte.

CHIMNEY-SWEEPER, *s.* Sguabair luidheir, dubh-sguab-air.

CHIN, *s.* Smig, smigead.

CHINNED, *adj.* Smigeach, smigeadach.

CHINA, *s.* See Porcelain.

CHINCOUGH, *s.* Triubhach, an triubhach.

CHINE, *s.* Dronnag, mìr droma, cliathag.

CHINED, *adj.* Dronnagach.

CHINGLE, *s.* See Channel.

CHINK, *s.* Sgotadh, sgàineadh, gàgadh.

CHINK, *v. a. et n.* 1. Sound by striking each other: gliong. 2. break into apertures, or chinks: sgàin, sgoilt. 3. open, or gape: sgàin, sgoilt. 4. shake so as to make a sound: thoir gliongadh air.

CHINKY, *s.* Gàgach, sgàinte.

CHINTS, *s.* Aclach canaich dreachmhor.

CHIOPINNE, *s.* Bròg àrd.

CHIP, *v. a. et n.* 1. Cut into small pieces, cut away a little at a time: pronn, snaidh. 2. break, or crack: sgàin, sgoilt.

CHIP, *s.* Sliseag, mìr, bloigheachd, bloigheag.

CHIP-AXE, *s.* Tuadh-shnaidhidh.

CHIPPING, *s.* Sliseag, sgealb.

CHIRAGRA, *s.* See Gout.

CHIRK, *v. n.* See Chirp.

CHIROGRAPH, *s.* Sgrìobhadh, bann-sgrìobhta, ùmhladh.

CHIROGRAPHER, *s.* Fear-sgrìobhadh, fear-sgrìobhaidh ùmhlaidhean an cùiri-lagha.

CHIROGRAPHY, *s.* Sgrìobhadh, làmh-sgrìobhadh.

CHIROMANCER, *s.* Deàrnadair.

CHIROMANCY, *s.* Deàrnadaireachd.

CHIRP, *v. a. et n.* 1. Make cheerful: tog fonn air. 2. make a cheerful noise as birds without singing: dean crònan, dean dùrdan, dean bidèil.

CHIRP, *s.* Bidèil, ceileirean, bid.

CHIRPER, *s.* Bidèar, ceileiriche, fear-dùrdlain.

CHIRPING, *s.* See Chirp.

CHIRURGEON, *s.* See Surgeon.

CHIRURGEY, *s.* See Surgery.

CHISEL, *s.* Geill, sgeill.

CHISEL, *v. a.* Oibrich le geill, gearr le geill.

CHIT, *s.* 1. A child, a baby, (in contempt): isean. 2. the shoot of corn from the end of the grain: boinne bàn. 3. a freckle: ball brice.

CHIT, *v. n.* Thig, thig a mach mar fhochann.

CHITCHAT, *s.* Pronn-chaint, gobaireachd, frith-bluidhean.

CHITTER, *v. n.* See Chatter.

- CHITTERLINGS**, *s.* Mionach, greallach.
- CHITTY**, *adj.* 1. Childish, like a baby: leanabaidh, iseanach. 2. full of chits, or warts: breac, foinneach.
- CHIVALROUS**, *adj.* Gaisgeil, euchdach, gaisgeanta, àrd-gaisgeil.
- CHIVALRY**, *s.* 1. Knighthood: ridireachd. 2. qualifications of a knight, valour, dexterity in arms: ridireachd, euchd, euchdalachd, àrd-gaisgealachd. 3. the general system of knighthood: ridireachd. 4. an adventure, an exploit: euchd-ghnìomh, treubhantas, deuchainn.
- CHIVES**, *s.* 1. Threads, or filaments of flowers with seeds at the end: meanbh-chòlg luibhe. 2. a species of small onion: gnè uinnein.
- CHLOROSIS**, *s.* An tinneas uaine.
- CHOAK**, *v. a.* See Choke.
- CHOCK**, *s.* See Shock, *s.*
- CHOICE**, *s.* 1. The act of chusing, determination between different things proposed: roghadh, roghainn, taghadh. 2. the power of chusing, election: taghadh, comas-taghadh. 3. care in choosing, curiosity of distinction: aire, ro-aire, cùram-taghadh. 4. the thing chosen, the thing approved in preference to others: roghainn, roghadh. 5. the best part of any thing: a' chuid a' s' fear, taghadh, brod.
- CHOICE**, *adj.* 1. Select, of extraordinary value: taghta. 2. chary, frugal, careful: cùramach, caomhantach, faicilleach.
- CHOICE-DRAWN**, *adj.* Taghta le cùram, ro-thaghta.
- CHOICELY**, *adv.* See Choice, *adj.*
- CHOICENESS**, *s.* Luachmhorachd, luach.
- CHOIR**, *s.* 1. An assembly, or band of singers: cois-ir-chiùil, luchd-ciùil. 2. singers in divine worship: luchd-seinn ann an eaglais. 3. the part of the church where the choristers are placed: ionad-ciùil, ann an eaglais.
- CHOKE**, *v. a.* 1. Suffocate: tachd. 2. stop up, obstruct: mùch. 3. hinder by obstruction, or confinement: amail, dùin suas. 4. suppress: cuir as, mùch. 5. overpower: mùch, faigh buaidh air.
- CHOKE-FULL**, *adj.* Lom-làn.
- CHOKER**, *s.* 1. One who suffocates another: tachd-adair, fear-tachdadh. 2. one that puts another to silence: fear-druidhidh beòil. 3. any thing that cannot be answered: ni nach gabh freagradh, focal gun àicheadh.
- CHOKY**, *adj.* A thachdas, a mhùchas.
- CHOLER**, *s.* 1. The bile. See Bile. 2. the humour supposed to produce irascibility: 'leanntan ainmeinn, leanntan frionais. 3. anger, rage: fearg, corruich, ascaoin.
- CHOLERA MORBUS**, *s.* Galar àraidh, a' bhuinneach mhòr.
- CHOLERIC**, *adj.* 1. Abounding with choler. See Biliary. 2. irascible: feargach, lasanta, cas, frionasach.
- CHOLERICNESS**, *s.* Feargachas, lasantachd, caise, frionasachd.
- CHOUSE**, *v. a. et n.* 1. Take by way of preference: tagh, roghnaich. 2. take, not to refuse: gabh. 3. select, pick out of a number: tagh. 4. elect

- for eternal happiness: tagh. 5. have the power of choice: gabh mar foghainn.
- CHOOSE**, *s.* Fear-taghadh, fear-roghnachaidh.
- CHOOSING**, *s.* Taghadh, roghnachadh.
- CHOP**, *v. a. et n.* 1. Cut with a quick blow: sgud, gearr le buille. 2. devour eagerly: sluig suas, dian-shluig. 3. mince, cut into small pieces: pronn, min-phronn. 4. break inso chinks: sgòilt, sgàin. 5. do any thing with a quick and unexpected motion: grad-atharraich, grad-thionndaidh, thoir grad ionnsuidh. 6. catch with the mouth: thoir glamadh air, glam. 7. light, or happen upon a thing suddenly: grad-amais air. 8. purchase by way of truck: málairich, dean málairich, suaib. 9. put one thing in place of another: iomlaidich, cuir aon nì'an àite nì eile. 10. handy, altercate, return one thing, or word for another: thoir focal air an fhocal, no, thoir nì air nì.
- CHOP**, *s.* 1. A piece chopped off. See Chip. 2. a small piece of meat, commonly of mutton: staog muilt-fheoil. 3. a crack, or cleft: sgàineadh, sgoltadh, gàg.
- CHOP-FALLEN**, *adj.* See Chap-fallen.
- CHOP-HOUSE**, *s.* Tigh-staog, tigh-itheanaich.
- CHOPIN**, *s.* Seipin.
- CHOPPER**, *s.* Tuadh fèoladair.
- CHOPPING**, *s.* 1. Act of merchandizing: reiceadh, no, ceannach. 2. altercation: ath-thilleadh fhocal, trod, comh-fharpais.
- CHOPPING-BLOCK**, *s.* Ealag.
- CHOPPING-KNIFE**, *s.* Sgàin-chocaireachd.
- CHOPPY**, *adj.* Làn tholl, làn sgàimheadh, làn sgoltaidhean, gágach.
- CHOPS**, *s.* 1. The mouth of a beast: craos, beul-beathaich. 2. the mouth of a man (in contempt): craos, cab. 3. the mouth of any thing, (in familiar language): beul, doras.
- CHORAL**, *adj.* 1. Belonging to, or composing a choir, or concert: coisireach, co-sheirmeach. 2. singing in a choir: a sheinneas gu co-sheirmeach, no, ann an ionad-ciùil.
- CHORALLY**, *adv.* See Choral.
- CHORD**, *s.* 1. The string of a musical instrument: tend. 2. (in mathematics): sreang-bogha.
- CHORD**, *v. a.* Cuir teud ri, gleus.
- CHOREPISCOPUS**, *s.* Easbuig, fear-inbhe easbuige.
- CHORION**, *s.* Sreathan.
- CHORIST**,
CHORISTER, } *s.* Fear-seinn, ann an co-sheirm.
 DAEDAL, *adj.* 1. Various, variegated: balla-bhrac, ballach stiallach. 2. skilful: ealanta.
 DAFF, *s.* Amadan, baohair, burraidh.
 DAFFADIL, } *s.* Lus-a-chrom-chinn.
 DAFFODIL, }
 DAG, *s.* 1. A dagger: biodag, cuinnscar. 2. a handgun, a pistol: dag, gunna gearr. 3. dew upon the grass: dealt.

DAI

DAGGER, *s.* 1. A short sword, a poniard: biodag, cuinnscar. 2. a blunt blade of iron with a basket hilt, used for defence: claidheamh basbaire.
 DAGGERSDRAWING, *s.* Cruaidh-throd, beul-chòmhrag dùnadh nan dòrn, casadh rì chéile.
 DAGGLE, *v. a. et n.* 1. Dip negligently in mire or water, bemire: cabair, luidir, fliuch, salaich. 2. be in the mire, run through wet or dirt: luidir, post 's a' pholl, bi drabhasach.
 DAGTAILED, *adj.* Luidirte, cabairte, salach le poll, lobanach.
 DAILY, *adv.* Gach la, na h-uile latha, gu lathail.
 DAILY, *adj.* Lathail, gach là.
 DAINTILY, *adv.* See Dainty, *adj.*
 DAINTINESS, *s.* 1. Delicacy, softness: maothachd, mineachd, millsachd. 2. elegance, nicety: grinncas, finealtachd. 3. delicacy, deliciousness: blasachd, millsachd, sòghmhòrachd. 4. squeamishness, fastidiousness: moitealachd, mùim. 5. ceremoniousness, scrupulosity: moitealachd, mùim.
 DAINTLY, *adv.* See Dainty, *adj.*
 DAINTY, *adj.* 1. Pleasing to the palate: blasda, taitneach, milis, sòghmhòr. 2. delicate, of acute sensibility, nice, soft, tender: grinncas, finealta, mùineach, deithineach. 3. scrupulous, ceremonious: moiteil, modhail. 4. elegant, tenderly beautiful: finealta, min, ciatach. 5. nice, affectedly fine: grinncas, sòghmhòr, tuilleadh is grinncas.
 DAINTY, *s.* 1. Something nice or delicate, a delicacy: mìlsean, greim milis. 2. a word of fondness: luran, cuilean.

DAIRY, s. 1. The occupation or art of making various kinds of food from milk: banarachas. 2. the place where milk is manufactured: tigh-bainne. 3. pasturage, milk farm, ground where milk cattle are kept: conaltradh, buaile.

DAIRYMAID, s. Banarach, banachag.

DAISIED, adj. Neòineanach.

DAISY, s. Neòinean.

DALE, s. Gleainn, glac, dail.

DALLIANCE, s. 1. Interchange of caresses, acts of fondness: beadradh, sùgradh, mireadh, comh-chaidreamh, suiridhe. 2. conjugal conversation: briodal. 3. delay, procrastination: màirneal, dàil.

DALLIER, s. Fear-beadràidh, suiridheach, fear briodal.

DAILY, v. a. et n. 1. Put off, delay: màirnealach, cuir dàil ann. 2. trifle, play the fool, lose time in trifles: màirnealach, caith ùine an gòirealas. 3. exchange caresses, play the wanton: comh-chaidir, dean macnus, dean beadradh. 4. sport, play, frolic: dean mireadh. 5. (in law), any hurt or hindrance that a man taketh in his estate: calldach.

DAM, s. 1. The mother, used of animals, not human: màthair. 2. a human mother; *in contempt*: màthair. 3. a mole or bank to confine water: bruach linne, tuil-dhorus, dàim.

DAM, v. a. Iomdhruid uisge, cuir being ri linne.

DAMAGE, s. 1. Mischief, hurt, detriment: call, dolaidh, diobhail urchaid, aimhleas, beud dochann, cron. 2. loss, mischief done: call, calldach, dolaidh, diobhail. 3. the value of mischief done: luach calla, calldach, dochair. 4. reparation of damage, retribution: éiric, iocadh calldaich, dioladh, ath-dioladh. 5. (in law), any hurt or hindrance that a man taketh in his estate: calldach.

DAMAGE, v. a. et n. 1. Mischief, injure, impair, hurt: dochainn, mill, dean calldach, dean dolaidh. 2. take damage, be damaged: fuilg calldach, bi air do mhilleadh, bi an call.

DAMAGEABLE, adj. 1. Susceptible of hurt: so-mhilleadh. 2. mischievous, pernicious: millteach, aimhleasach, ciùirteach, cronail.

DAMAGE-FEASANT, adj. A' milleadh barra.

DAMASCENE, s. Seòrsa plumbais.

DAMASK, s. Anart, *no*, siòda air fhigheadh le dealbhaibh.

DAMASK, v. a. 1. Form flowers upon stuffs: dean obair ghriéis, figh craobhan air siòda. 2. variegated, diversify: dean balla-bhrec, ballaich, bhreanaich.

DAMASK ROSE, s. Ròs dearg.

DAME, s. 1. A lady, the old title of honour to women: baintighearn bean an tighe. 2. mistress of a low family: bean an tighe. 3. woman in general: bean, boirionnach.

DAMN, v. a. 1. Doom to eternal torment, in a future state: dìt gu peanas sìorruidh, mallaich. 2. procure, or cause to be eternally condemned: mallaich, thoir dìteadh sìorruidh air. 3. condemn: dìt, thoir hinn a mach an aghaidh. 4. hoot or hiss any public performance: dìt.

DAMNABLE, adj. 1. Deserving damnation: mallaichte, sgriosach, airidh air peanas sìorruidh. 2. odious, pernicious: mallaichte, tàireil, daocheail.

DAMNABLENESS, s. Gnè mhallaichte.

DAMNABLY, adv. See Damnable.

DAMNATION, s. 1. Exclusion from divine mercy: dannadh, mallaich Dhé, dìteadh sìorruidh. 2. condemnation: dìteadh.

DAMNATORY, adj. A' dìteadh, a' toirt binn a mach.

DAMNED, adj. Damaint, mallaichte, daocheail.

DAMNIFIC, adj. Caillteach, dosguineach, cronail.

DAMNIFY, v. a. Dochainn, mill, dean calldach.

DAMP, adj. 1. Moist, inclining to wet: tais, àitidh, fliuch, bog. 2. dejected, sunk, depressed: airts-neulach, cianail, tuirseach.

DAMP, s. 1. Fog, moist air, moisture: àitidheachd, taiseachd, buige. 2. a noxious vapour exhaled from the earth: ceò, àitidheachd, droch àileadh. 3. dejection: airtsneul, smuaircan.

DAMP, v. a. 1. Wet, moisten, make humid: taisich, bogaich, fliuch dean àitidh. 2. depress, deject: mi-mhìsich, meataich, tilg a sìos, cuir fuidh smuaircan. 3. weaken, abate courage: lagaich, mùch, ciosaich.

DAMPFISH, adj. Àitidh, leth-char fliuch, tais.

DAMPISHNESS, s. Àitidheachd, taiseachd, buige, flichead.

DAMPNESS, s. Àitidheachd, buige, fliuchalachd.

DAMPY, adj. See Damp, *adv.*

DAMSEL, s. 1. A young gentlewoman, a young woman of distinction: ribhinn, ainm. 2. an attendant of the better rank: maighdean, nighean, cruinneag, gruaigach, caileag. 3. a wench, a country lass: caile.

DANCE, v. a. et n. 1. Make to dance, put into a lively motion: danns. 2. move with steps correspondent to the sound of instruments: danns. 3. wait with suppleness and obsequiousness: danns an dòigh.

DANCE, s. Dannsa.

DANCER, s. Dànnsair.

DANCING, s. Dannsa.

DANCINGMASTER, s. Maighistir dannsair, dannsair.

DANCING-SCHOOL, s. Sgoil dannsa.

DANDELION, s. Beàrman-brìde, fiacaill-leòmhain.

DANDIPART, s. Luspardan, sìochair, lobarcán.

DANGLE, v. a. 1. Shake a child on the knee, or in the hands: sìud, danns air glùn, crath, altrumaich. 2. fondle, treat like a child: tataidh, caidrich, eniadaich, dean beadradh, breug.

DANDLER, s. Chladaiche, fear-breugachd chloinne bige.

DANDRUFF, s. Càr, claimh.

DANE, s. Lochlunnach, oll-ghaireach.

DANISH, adj. Lochlunnach.

DANEWORTH, s. See Dwarf-elder.

DANGER, s. Cunnart, baoghal, gàbhadh, teannadachd.

DANGER, v. a. Cunnartaich.

DANGERLESS, adj. Neo-chunnartach, gun chunnart.

DANGEROUS, adj. Cunnartach, baoghalach.

DANGEROUSLY, adv. See Dangerous.

DANGEROUSNESS, s. Cunnart, baoghal, gàbhadh.

DANGLE, v. n. 1. Hang loose and quivering: crath mar chluigean, bi comh-bhogartaich. 2. hang upon one: bi slaodadh ri, bi an crochadh ri.

DANGLER, s. Suiridheach, slaodair, slomair.

DANK, *adj.* Àitidh, tais, fliuch, bog.
DANK, *s.* Àitidheachd, taiseachd.
DANKISH, *adj.* Car àitidh, no tais.
DANKISHNESS, *s.* Àitidheachd, flichead.
DAP, OF **DAPE**, *v. n.* Tum, bog, ludraig.
DAPPER, *adj.* 1. Little and active: beag, brogail, giobach, tapaidh, guamach, easgaidh. 2. pretty, neat: guamach cuimr.
DAPPERLING, *s.* Luspardan, sìochair, deòiridh, troich.
DAPPLE, *adj.* Peighinneach, balla-bhreac, ballach, grìsionn.
DAPPLE, *v. a.* Breacnaich, dean balla-bhreac.
DARE, *v. a. et n.* 1. Challenge, defy: dùlanaich. 2. frighten: geiltich, cuir eagal air.
DARE, *s.* Dùlan, brosnachadh catha.
DARER, *s.* Fear dùlnachaidh.
DARING, *adj.* Dàna, misneachail, neo-sgàthach, dùlanaich.
DARINGLY, *adv.* See **Daring**, *adj.*
DARINGNESS, *s.* Misneachd, treuntas, dànachd.
DARK, *adj.* 1. Not light, wanting light: dorch, doilleir. 2. not of a showy, or vivid colour: dorch, doilleir, duaichnidh, dubh. 3. blind, without the enjoyment of light: dall. 4. opaque, not transparent: dorch, duaichnidh. 5. obscure, not conspicuous: dorch, doilleir. 6. not enlightened by knowledge, ignorant: doilleir, aineolach. 7. gloomy, not cheerful: guamach. 8. secret: folach, ceithe. 9. unclean, foul: neo-ghlan, dao-chail.
DARK, *s.* 1. Darkness, obscurity, want of light: dorchadh, dorchad, dorchadas. 2. obscurity, condition of one unknown: dorchadh, o 's iosal. 3. want of knowledge: dorchadh, aineolas. 4. a dark place, a prison: toll-dubh. 5. a blot, a stain: dubh-bhall, ball-duaichnidh.
DARK-WORKING, *s.* Obair dorchadas.
DARKEN, *v. a. et n.* 1. Make dark, deprive of light: dorchaidh, doilleirich. 2. cloud, perplex: dorchaidh, doilleirich, cuir breitheal air, cuir 'n a breislich. 3. foul, sully: truaillich, salaich. 4. grow dark: doilleirich, fàs dorch.
DARKENER, *s.* Breitheal, breisleach, fear dorchachaidh.
DARKISH, *adj.* Dorch, doilleir, duaichnidh.
DARKLING, *adj.* Dorch, dubharach.
DARKLY, *adv.* See **Dark**, *adj.*
DARKNESS, *s.* 1. Absence of light: dorchadas, dorchad, dorchadh. 2. opakeness: dorchad, doilleireachd. 3. obscurity, want of perspicuity: dorchad, doilleireachd. 4. infernal gloom, wickedness: dorchadas. 5. State of being intellectually clouded, ignorance: dorchadas, aineolas. 7. the empire of Satan, or the devil: dorchadas.
DARKSOME, *adj.* Doilleir, dubharach, car dorch, guamach.
DARLING, *s.* Gaolach, annsachd, ulaidh, luaidh, cagar, seàcan mùirean, mùireag.
DARLING, *adj.* Gaolach, gràdhach, ionmhuinn, mùireach.
DARN, *v. a.* Càirich, cnòd, brèòchdail, dlùthaich.
DARNEL, *s.* Dithcin, paidircan an arbhair.
DARNING, *s.* Càradh, cnòdadh, brèòchldail.

DARRAIN, *v. a.* 1. Prepare for battle, range troops for battle: cuir an òrdugh catha, sreathach, tarruing an òrdugh. 2. apply to the fight: rach 'an iomaire.
DART, *s.* Gath, saighead, gáinne.
DART, *v. a. et n.* 1. Throw offensively: caith, tilg gath, no, saighead. 2. throw, emit: tilg. 3. fly as a dart: saighead, ruith mar shaighid, siubhail mar gath. 4. let fly with hostile intention: saighead.
DARTER, *s.* Fear-tilgidh gath.
DASH, *v. a. et n.* 1. Throw, or strike any thing suddenly against something: buail air, tilg le neart. 2. break by collision: spealg, brist, pronn. 3. throw water in flashes: spliut, spairt, taom spairt. 4. bespatter, besprinkle: spliut, spairt, luidir. 5. agitate any liquor, so as to make the surface fly off: luaisg, crath. 6. mingle, adulterate: coimeasg, truaillich. 7. form, or sketch in haste, carelessly: dean an gradaig. 8. obliterate, cross out: sgrioch, thoir sgriob troimhe. 9. confound, make ashamed suddenly: nàraich, cuir gu amluadh. 10. fly off the surface with a violent motion: bòrc, spairt, aom thairis. 11. rush through water so as to make it fly: spliut, luidir, fuith troimh.
DASH, *s.* 1. Collision: comb-bhuailadh, coimeachadh. 2. infusion: plumadh, coimeasgadh beag, sìleadh. 3. a mark in writing: dubh-sgrioch sgriòbhaidh. 4. sudden stroke, blow: buille. 5. cut, or cast a dash: bi lóiseamach.
DASH, *adv.* Mar pliumadh.
DASHING, *adj.* A' dol an comhair a chinn.
DASTARD, *s.* Gealtair, cladhaire.
DASTARD, } *v. a.* Geiltich, di-mhisnich, cuir eag-
DASTARDISE, } al air.
DASTARDLY, *adv.* Gu gealtach, mar chladhaire.
DASTARDNESS, } *s.* Gealtachd, cladhaireachd.
DASTARDY, }
DATA, *s.* Firinnean dearbhta, no, ceadachte.
DATE, *s.* 1. The time at which a letter is written, marked at the end, or beginning: àm, là de 'n mhìos. 2. the time at which any event happened: àm, tiom. 3. the time stipulated when any thing shall be done: àm. 4. end, conclusion: crìoch, deireadh. 5. duration, continuance: àm, aimsir, ùine, ré. 6. the fruit of the date-tree: meas àraidh.
DATE-TREE, *s.* See **Palm-tree**.
DATE, *v. a. et n.* 1. Note, with the time at which any thing is written, or done: comharraich àm, gleidh beachd air àm. 2. reckon: àireamh.
DATELESS, *adj.* Gun ùine shuidhichte, gun àm ainmichte.
DATER, *s.* Fear cuir sìos àm sgriòbhaidh.
DATIVE, *adj.* Tabhairteach.
DATUM, *s.* See **Data**.
DAUB, *v. a. et n.* 1. Smear with something adhesive: smeur, spairt, buaichd. 2. paint coarsely: spairt, buaichd. 3. cover with something specious, or gross: buaichd thairis. 4. lay on any thing gaudily, or ostentatiously: cuir thairis air gu riomhach. 5. flatter grossly: buaichd, smeur. 6. play the hypocrite: bi an riochd neach éile.

DAUBER, *s.* 1. One that daubs: fear buaichdidh. 2. a coarse low painter: dreachadair suarach. 3. a low flatterer: sgleogair.

DAUBING, *s.* 1. Plaster, mortar: crè, aol, pic. 2. any thing adhesive as paint, or lotion: ni leanailteach.

DAUBY, *adj.* Gladhach, leanailteach.

DAUGHTER, *s.* 1. The female offspring of a man, or woman: nighean, inghean. 2. a daughter-in-law: bean-mic. 3. a woman: nighean, inghean, boirionnach. 4. (in poetry) any descendant: nighean, inghean. 5. the female penitent of a confessor: nighean, inghean.

DAUGHTERLY, *adv.* Mar nighean.

DAVIT, *s.* Slachdan acaire.

DAUNT, *v. a.* Geiltich, mi-mhisnich, cuir fiamh air.

DAUNTLESS, *adj.* Neo-sgàthach, neo-ghealtach, misneachail, urranta, aimsichte.

DAUNTLESSNESS, *s.* Neo-sgàthachd, neo-ghealtachd, misneachd, urrantachd.

DAUPHIN, *s.* Oighe cruin na Fraince, mac a's sine aig rìgh na Fraince.

DAUPHINESS, *s.* Bean mhic a's sine aig rìgh na Fraince.

DAW, *s.* Cadhag.

DAWDLER, } *s.* Duine màirnealach.

DAWISH, *adj.* Coltach ri cadhaig.

DAWK, *s.* Sgoltadh, fosgladh.

DAWN, *v. n.* 1. Grow luminous, begin to grow light: soillsich, soilleirich, fàs soilleir, bris fàire, bris camhfhair, tòisich a' chamanach. 2. glimmer, obscurely: tòisich ri fàs soilleir. 3. give some promises of lustre, or eminence: tòisich ri soillseachadh.

DAWN, *s.* 1. The time between the first appearance of the light and the sun's rise: camhanach, camhfhair. 2. beginning, first rise: tòiseachadh, ceud bhriseadh.

DAWNING, *s.* Camhfhair, sgarachdain nan tràth, briseadh na fàire.

DAY, *s.* (In all its acceptations render it), là, latha, lò: *from day to day*: o là gu là. *To-day*: an diugh.

DAYBED, *s.* Leaba lundaireachd.

DAYBOOK, *s.* Leabhar cunntais lathail.

DAYBREAK, *s.* Briseadh na fàire, camhfhair.

DAY-DREAM, *s.* Bruadar-faireachaidh.

DAY-LABOUR, *s.* Obair-latha.

DAY-LABOURER, *s.* Fear obair-latha, saothraich.

DAYLIGHT, *s.* Solus an latha.

DAYSMAN, *s.* Fear-réite, fear-cadraiginn.

DAY-SPRING, *s.* Ùr-mhaduinn, camhfhair.

DAYSTAR, *s.* Reul na maidne.

DAYTIME, *s.* Trà an latha, tiom an là.

DAYWOMAN, *s.* Banarach.

DAYWORK, *s.* Obair latha.

DAZE, } *v. a. et n.* 1. Overpower with light:

DAZZLE, } *dearsach, soillsich, dean boillsgeadh.* 2. strike or surprise with splendour: buail le dearsadh, cuir fuidh iognadh le boillsgeadh.

3. be overpowered with light: fàs dall le dearsadh soluis.

DAZZLEMENT, *s.* Dearsachd, boillsgeadh, lannaireachd.

DAZZLINGLY, *adv.* Gu dearsach, gu lannireach, gu soillsgeach.

DEACON, *s.* 1. One of the lowest of the three orders of the clergy: deacon, foirteach, fear-frith-ealaidh 's an eaglais. 2. an overseer of the poor: fear eùrain nam bochd. 3. master of an incorporated company: fear-riaghlaidh comuinn.

DEACONESS, *s.* Ban-deacon.

DEACONRY,

DEACONSHIP, } *s.* Dreuchd deacoin, no, foirrich.

DEAD, *adj.* 1. deprived of life: marbh, gun bheatha. 2. inanimate by nature: marbh, gun bheatha. 3. imitating death, senseless, motionless: gun charachadh, trom. 4. unactive, motionless: marbhanach, marbhanta. 5. empty, vacant: falamh. 6. useless, unprofitable: gun rheum, 'n a thàmh. 7. dull, gloomy, unemployed: marbh, gruamach, neo-fhonnmhor. 8. still, obscure: sàmhach, tosdach dorch. 9. having no resemblance of life: marbh. 10. obtuse, dull: neo-fhonnmhor, tiamhaidh. 11. dull, frigid, not animated: marbh, neo-bheothail. 12. tasteless, rapid, spiritless: tais, bog, gun bhlas. 13. uninhabited: neo-àitichte. 14. without the natural force or efficacy: lag, gun lùs, marbhanta. 15. without the power of vegetation: marbh, grod, gun sùgh. 16. the state of spiritual death: marbh. 17. unvaried: comhnard, rèidh. 18. *dead* of winter: meadhon, no, dùbhlachd a' gheamhlaidh. 19. *dead sleep*: trom chodal. 20. *the dead*: na marbh.

DEAD, } *v. a. et n.* 1. Deprive of any kind of

DEADEN, } force or sensation: marbh, lagaich, fannaich, dean marbhanta. 2. make rapid or spiritless: dean marbh, thoir a bhrìgh as. 3. lose force, of whatever kind: fannaich, caill do chli.

DEAD-DOING, *adj.* Marbhtach, millteach.

DEAD-DRUNK, *adj.* Air an dallanaich.

DEAD-HEARTED, *adj.* Lag-chridheachd.

DEAD-HEARTEDNESS, *s.* Lag-chridheachd.

DEAD-KILLING, *adj.* Marbh-spaddh.

DEAD-LIFT, *adj.* An teann àire, an cruaidh-chas.

DEAD-RECKONING, *s.* Cunntas air ionad na luinge.

DEAD-STRUCK, *adj.* Crith-eagalach.

DEADISH, *adj.* Marbhanach, marbhanta.

DEADLIHOOD, *s.* Marbhtachd.

DEADLINESS, *s.* Cunnart bàis.

DEADLY, *adj.* 1. Destructive, mortal, murderous: marbhach, marbhtach, bàsmhor, sgriosail. 2. mortal, implacable: marbhtach, bàsmhor, sgriosail, minheil.

DEADLY, *adv.* See Deadly, *adj.*

DEADNESS, *s.* 1. Frigidity, want of warmth, want of affection: fionnarachd, marbhantachd. 2. weakness of the vital powers, languor, faintness: marbhantachd, laigsinn. 3. vapidity of liquors: tais-eachd, neo-bhlasadachd. 4. loss of life: bàsmhorachd, bàs. 6. want of circulation, inactivity: stad, neo-bheothalachd.

DEADNETTLE, *s.* See Archangel.

DEAF, *adj.* 1. Want of the sense of hearing : bodhar, gun chlàisdeachd. 2. obscurely heard : marbhanach, lag-fhuaimneach, bodhar-fhuaimneach.

DEAF, *v. a.* Bodhair, dean bodhar.

DEAFLY, *adv.* See **Deaf**, *adj.*

DEAFNESS, *s.* 1. Want of the power of hearing : boidhre, buidhre. 2. unwillingness to hear : boidhre, buidhre.

DEAL, *s.* 1. Part : cuid, roinn, earrann, cuibhrionn. 2. quantity, degree of more or less : mòran, cuid, dòrlach. 3. the act or practice of dealing cards : roinn chairtean. 4. firwood, or the wood of pines : dèile, clàr.

DEAL, *v. a. et n.* 1. Distribute : roinn, riarach, carrannaich. 2. scatter, throw about : sgap, tilg mu 'n cuairt. 3. give gradually, or one after another : thoir mu seach, riarach. 4. distribute the cards : cuir a mach. 5. traffic, trade : màl-airthich, dean gnothach ri, ceannaich uais. 6. act between two persons, intervene : theirig eadar, rach eadar, bi 'g cadraiginn. 7. behave well or ill in any transaction : giùlain thu féin, dean. 8. act in any manner : dean, cuir an gnìomh. 9. *deal by* : ùisinnich, dean. 10. *deal in* : cleachd. 11. *deal with* : ùisinnich.

DEALBATE, *v. a.* Geallaich, cuir ri tothdar.

DEALBATION, *s.* Geallachadh, cur ri tothdar.

DEALER, *s.* 1. One that has to do with any thing : fear-cleachdaidh. 2. a trader : malairteach, fear malairt, ceannaiche. 3. a person who deals the cards : fear roinn, fear cuir a mach.

DEALING, *s.* 1. Practice, action : cleachdadh, deanasdas gnìomh. 2. intercourse : gnothach, comh-chuideachd, comun. 3. measure of treatment, mode in which one treats another : giùlan, deanasdas. 4. traffic, business : gnothach, ceannachd, comh-cheannachd.

DEAMBULATE, *v. n.* Imich mu 'n cuairt, dean sràid-imeachd.

DEAMBULATION, *s.* Imeachd mu 'n cuairt, falbhann, sràid-imeachd.

DEAMBULATORY, *adj.* Ag imeachd mu 'n cuairt, falbhannach, a' sràid-imeachd.

DEAMBULATORY, *s.* Ionad sràid-imeachd.

DEAN, *s.* 1. The second dignity of a diocese : deadhan fear ionaid easbhuig. 2. the name of an officer in each of the colleges of Oxford and Cambridge : deadhan.

DEANERY, *s.* 1. The office of a dean : dreuchd deadhain. 2. the revenue of a dean : teachd a steach, no, beathachadh deadhain. 3. the house of a dean : tigh deadhain.

DEANSHIP, *s.* Iubhe deadhain.

DEAR, *adj.* 1. Beloved, favourite, darling : gaolach, gràdhach, ionmhuinn. 2. valuably, costly : luachmhor, prìseil, daor. 3. scarce, not plentiful : gann, daor.

DEAR, *s.* Gaolach, cagar, annsachd, ulaidh, luaidh, ceisdean.

DEAR-BUGHT, *adj.* Daor, cosdail, àrd an luach.

DEARLING, *s.* Cagaran, ulaidh, annsachd.

DEARLOVED, *adj.* Ion-glhàidh, ro-ionmhuinn.

DEARLY, *adv.* See **Dear**, *adj.*

DEARNESS, *s.* 1. Fondness, kindness, love : ionmhuinneachd, caoinhneas. 2. scarcity, high price : gainnead, luachmhoireachd, gainnead.

DEARTH, *s.* 1. Scarcity which makes food dear : gainne, dìth, gort, daoirse. 2. want, need, famine : gainne, dìth, gort. 3. barrenness, sterility : ainneamhachd, teircead.

DEARTICULATE, *v. a.* Cuir à 'altaibh, thoir as a chéile.

DEATH, *s.* 1. The extinction of life : bàs. 2. mortality, destruction : bàs. 3. the state of the dead : bàs. 4. the manner of dying : bàs. 5. the image of mortality represented by a skeleton : aog, eug, 6. murder : mort, marbhadh. 7. cause of death : bàs, ni bàsmhor. 8. destroyer : fear sgrios, fear marbhaidh, aog, eug. 9. the instrument of death : bàs, aog, eug. 10. damnation, eternal torment : bàs, sgrios.

DEATH-BED, *s.* Leabaidh a bhàis.

DEATH-DARTING, *adj.* Bàs-ghuinneach.

DEATHFUL, *adj.* Bàsmhor, marbhtach, millteach, sgriosach.

DEATHFULNESS, *s.* Coltas bàis.

DEATHLESS, *adj.* Neo-bhàsmhor, bith-bhuan.

DEATHLIKE, *adj.* Bàs-amhuil, mar am bàs, mar an t-aog.

DEATH'S-DOOR, *s.* Uchd-bàis.

DEATH'S-MAN, *s.* Marbhaiche, crochadair.

DEATH-SHADOWED, *adj.* Bàs-dhubharach.

DEATHWARD, *adv.* Dol do 'n eug.

DEATHWATCH, *s.* Clag a' bhàis, clag an aoig.

DEAURATE, *v. a.* Or, comhdaich thairis le h-òr.

DEAURATE, *adj.* Air òrath.

DEAURATION, *s.* Òradh.

DEBACCHIATE, *v. n.* Beuc, glaoth, ròic, glaoth mar dhuine air mhisg.

DEBACCHATION, *s.* Fraoch cuthaich.

DEBAR, *v. a.* Bac, pill, cum air ais, druid a mach toirmisg.

DEBARK, *v. a.* Lomair, thoir dheth an fheusag.

DEBARK, *v. a.* Cuir air tìr.

DEBARKATION, *s.* Dol air tìr.

DEBASE, *v. a.* 1. Reduce from a higher to a lower state : ìslich, dean suarach, thoir a sìos. 2. make mean, degrade : ìslich, dean tàireil, dean suarach, maslach, tàmaillich. 3. sink, vitiate with meanness : ìslich, thoir fuidh thoir. 4. adulterate : truail.

DEBASEMENT, *s.* Ìsleachadh, maslachadh, tàmailt-cachadh, truailleadh.

DEBASER, *s.* Fear-maslachaidh, fear-truaillich.

DEBATABLE, *adj.* Tagrach, ion-chlonspoideach.

DEBATE, *s.* 1. A personal dispute, a controversy : comsachadh, tagradh, tabaid, deasbhoireachd, conspàideachd. 2. a quarrel, a contest : comhstri, carraid.

DEBATE, *v. a. et n.* 1. Controvert, dispute : consaich, tagair, dean tabaid, no, deasbhoireachd. 2. dispute, contend for : consaich, clair comhstri, comhrag. 3. deliberate : comh-chomhairlich, thoir faineir. 4. dispute : comsaich, bi conspoid. 5. engage in combat : còmhraig, rach an comhstri.

DEBATEFUL, *adj.* 1. (Of persons), Quarrelsome, contentious: conspaideach, comh-stritheach. 2. (of things), contested, occasioning quarrels: tag-rach, consachail, conspoideach.

DEBATEFULLY, *adv.* See Debateful.

DEBATEMENT, *s.* 1. Controversy, deliberation: connasachadh, no, consachadh, conspàireachd, tag-radh, conspoid, deasboireachd. 2. battle, combat: comhstri, carraid.

DEBATER, *s.* Conspondiche, deasbair, tagaireachl.

DEBAUCH, *v. a.* 1. Corrupt, vitiate: truaill, salaich, mi-ghnàthaich, dean neo-mheasarra. 2. corrupt with lewdness: thoir gu neo-ghlòine, dean mi-gheamnuidh. 3. corrupt by intemperance: dean neo-mheasarra, dean stròdhail.

DEBAUCH, *s.* 1. A fit of intemperance: misg, daorach. 2. luxury: neo-mheasarrachd.

DEBAUCHEDLY, *adv.* Gu stròdhail, gu neo-mheasarra, gu mi-gheamnuidh.

DEBAUCHEDNESS, *s.* Stròdhalachd, neo-mheasarrachd mi-gheamnuidheachd.

DEBAUCHEE, *s.* Duine stròdhail, neo-mheasarra, mi-gheamnuidh, geòcair, pòitear, misgear.

DEBAUCHER, *s.* Fear truaillidh bheus, fear mi-gheamnuidh geòcair, craosaire, pòitear, misgear.

DEBAUCHERY, } *s.* Neo-mheasarrachd, stròdhail-
DEBAUCHMENT, } achd, mi-gheamnuidheachd, geòg-
DEBAUCHNESS, } aireachd, pòiteirachd, mi-stuam-
achd.

DEBEL, } *v. a.* Buadhaich, ceannsaich, cìosnaich,
DEBELLATE, } thoir fuidh smachd.

DEBELLATION, *s.* Buadhiachadh, ceannasachadh, cìosnachadh.

DEBENTURE, *s.* 1. A writ or note by which a debt is claimed: bann-sgrìobhaidh. 2. allowance of custom to a merchant on the exportation of goods: bann-malairt.

DEBILE, *adj.* Fann, lag, anmhunn, brèithe, gun chli, marbhanta.

DEBILITATE, *v. a.* Fannaich, lagaich, anmhunnaich, dean marbhanta, thoir air falbh a chli.

DEBILITATION, *s.* Lagachadh, anmhunnachadh, deannamh marbhanta.

DEBILITY, *s.* Laige, anmhunneachd, fannachadh.

DEBOISE, } *v. a.* See Debauch, *v. a.*
DEBOIST, }

DEBOISE, *s.* See Debauchee.

DEBONAIR, *adj.* Fìnealta, grinn, aoidheil, suaire, modhail, sìobhalta.

DEBONAIRITY, *s.* Aoidhealachd, fìnealtachd, grinn-eas, sìobhaltachd.

DEBONAIRILY, *adv.* See Debonair.

DEBOUCH, *v. n.* Imich á cunglach.

DEET, *s.* 1. That which one man owes to another: ainbh-fhiach, fiachan, comain. 2. that which any one is obliged to do or suffer: fiachan, dioladh, ainbh-fhiach.

DEBTLESS, *adj.* Gun ainbh-fhiach.

DEBTOR, *s.* 1. He that owes something to another: feichnear, fear-fhiach. 2. one that owes money: feichnear, fear-fhiach. 3. one side of an account: taobh an ainbh-fhich.

DEBUT, *s.* Tìomsgnadh òraid, toiseach.

DECACUMINATED, *adj.* Maol.

DECADE, *s.* Deich.

DECAGON, *s.* Deich-shlisneach.

DECALOGUE, *s.* Na deich àithntean, deich-bhrìgh.

DECAMP, *v. n.* Rach imrich, atharraich campa, triall, imich, gluais air falbh.

DECAMPMENT, *s.* Imrich, triall, atharrachadh campa.

DECANT, *v. a.* Taom, doirt dheth, sil dheth.

DECANTATION, *s.* Taomadh dheth, dortadh, no, sil-eadh dheth.

DECANTER, *s.* Scarrag ghloine.

DECAPITATE, *v. a.* Dì-cheann, cuir an ceann dheth.

DECAPITATION, *s.* Dì-cheannadh, cur dheth a chinn.

DECAY, *v. a. et n.* 1. Impair, bring to decay: eugnaich caith, crìon, searg, seac, meath. 2. lose excellence, decline from the state of perfection: crìon, searg, seac, meath, rach a dhòladh.

DECAY, *s.* 1. Decline from the state of perfection: crìonadh mugha, seargadh, seacadh, meathadh, caitheamh as, eugnachadh. 2. the effects of diminution, the marks of decay: crìonadh seargadh, meathadh, comharradh dol an mugha. 3. declension from prosperity: déighl-làimh, bochduinn, crìonadh. 4. the cause of decline: cùis-chrìonaidh, aobhar seargaidh.

DECAYEDNESS, *s.* Seachdachd, seargadh, dìombuaineachd.

DECAYER, *s.* Fear-crìonaidh, fear-seacaidh, fear-seargaidh.

DECAYING, *s.* Seachdadh, crìonadh, seargadh, meathadh, mugha.

DECEASE, *s.* Bàs, caochladh, eug.

DECEASE, *v. n.* Bàsaich, caochail, rach eug, faigh bàs.

DECEIT, *s.* 1. Fraud, a cheat: ògan, cealg, mealladh, cuilbheart, mealltaireachd. 2. stratagem, artifice: cealg, cuilbheart, cluain, mì-chleas. 3. (in law) a subtle wily shift or device, all manner of craft: cealg, cuilbheart, mealladh, cluain, fòid, mì-chleas.

DECEITFUL, *adj.* Cealgach òganach, mealltach, cuilbheartach, foilleil, carach, mì-chleasach.

DECEITFULLY, *adv.* See Deceitful.

DECEITFULNESS, *s.* Cealgairachd, mealltaireachd, cuilbheartachd, carachd.

DECEIVABLE, *adj.* 1. Subject to fraud: so-mheallaidh, furasda a mhealladh. 2. subject to produce error, deceitful: carach, meallta, mealltach.

DECEIVABLENESS, *s.* Mealltaireachd, cealgairachd, cuilbheartachd.

DECEIVE, *v. a.* 1. Cause to mistake, impose upon: meall, thoir an car á, dean mì-chleas air. 2. delude by stratagem: thoir an car á, meall, dean mì-chleas air. 3. cut off from expectation: meall. 4. mock, fail: mag, dean fochaid air, dibir. 5. deprive by fraud or stealth: thoir uath, cluip.

DECEIVER, *s.* Mealltair, cealgair, cluipair.

DECEIVING, *s.* Mealladh, mealltaireachd, cluipir-eachd.

DECEMBER, *s.* Mìos meadhonnach a' gheamraidh, deich-mhios.

DECENCY, *s.* 1. Propriety of form, becoming ceremony: eireachdas, cubhaidheachd loinn. 2. suitability to character, propriety: eireachdas, cubhaidheachd, iomchuidheachd. 3. modesty, not baldry, not obscenity: beusachd, beusaichead, modh.

DECENNIAL, *adj.* Deich bliadhna.

DECENT, *adj.* 1. Becoming, fit, suitable: eireachdail, ciatach, loinneil, freagarrach, iomchuidh, cubhaidh. 2. grave, not gaudy: eireachdail, còir. 3. not wanton, not immodest: beusach, ceanalta, modhail, stuama.

DECENTLY, *adv.* See Decent.

DECEPTIBLE, *adj.* So-mheallaidh.

DECEPTION, *s.* 1. The act, or means of deceiving, cheat, fraud: cluipreachd, mealladh, foill, cealg, cuilbheart. 2. the state of being deceived: mealladh, diobradh.

DECEPTIOUS, } *adj.* Meallta, mealltach, cealgach,
DECEPTIVE, } foilleil, carach, mi-chleasach.

DECEPT, *adj.* Lomairte, beàrrta, sgathta.

DECEPTIBLE, *adj.* So-bhearraidh, so-sgathaidh.

DECEPTION, *s.* Bearradh, lomradh, sgathadh.

DECEPTION, *s.* Connasachadh, tagradh.

DECESSION, *s.* Sgaradh, dol air falbh.

DECIDE, *v. a. et n.* Thoir breith, comh-dhùin, cuir gu crìch, nò, ceann.

DECIDEDLY, *adv.* Gu cinnteach, gun teagamh, gu deimhin.

DECIDENCE, *s.* 1. The quality of being shed, or of falling off: maledadh, tuiteam dheth. 2. the act of falling away: maledadh, seargadh, seacadh.

DECIDER, *s.* 1. One who determines causes: breitheamh, fear comh-dhùnaidh cùise. 2. one who determines quarrels: breitheamh, fear rèite.

DECIDUOUS, *adj.* Seargach, meo-mhaircannach, meathach.

DECIDUOUSNESS, *s.* Seargachd, seachdachd.

DECIMAL, *adj.* Deich-foimeach, deicheadh.

DECIMATE, *v. a.* 1. Tithe, take the tenth: deachmaich, tog an deachamh. 2. select by lot, every tenth soldier in a general meeting, for punishment: deichmich.

DECIMATION, *s.* 1. A tithing: deachamh. 2. a selection of every tenth man for punishment: deichmheachadh.

DECIPHER, *v. a.* 1. Explain that which is written in cyphers: leugh dorch sgrìobhadh. 2. mark down in characters: sgrìobh a sios. 3. stamp, mark: combarrach, cuir combarradh air. 4. unfold, unravel: minich, dean soilleir, dean so-thuig-sinn.

DECIPHERER, *s.* Fear mìneachaidh dorch-sgrìobhadh.

DECISION, *s.* 1. Determination of a difference, or of a doubt: breith, breitheanas comh-dhùnaidh. 2. determination of an event: crìoch, ceann mu dhèicheadh. 3. the act of separation: sgaradh, iomsgaradh.

DECISIVE, *adj.* Comh-dhùnach, dearbhach, crìochnach.

DECISIVELY, *adv.* See Decisive.

DECISIVENESS, *s.* Dearbhachd, cinnteachd.

DECK, *v. a.* 1. Cover, spread: còmhaich, sgeud-aich, sgaol thairis air. 2. dress, array: éidich, sgeudaich, breaghaich, sgiamhaich, maisich. 3. adorn, embellish: breaghaich, sgiamhaich, maisich, sgeadaich.

DECK, *s.* Bòrd-luinge.

DECKER, *s.* 1. A dresser, one that apparels, or adorns: fear-sgeadaichidh. 2. two-decker: long dà bhuird.

DECKING, *s.* Sgeadas, usgar.

DECLAIM, *v. a. et n.* 1. Advocate, speak in favour of: tagair. 2. harangue, speak to the passions: dean òraid, labhair gu snas-bhriathrach, dean àrd-ghlòir.

DECLAIMER, *s.* Fear snas-bhriathrach, fear àrd-ghlòireach, òraideach, tagaireach.

DECLAIMING, *s.* Àrd-ghlòir, briathrachas, òraid dheas-chainnteach.

DECLAMATORY, *adj.* 1. Relating to the practice of declaiming: snas-bhriathrach, àrd-ghlòireach, òraideach. 2. appealing to the passions: snas-bhriathrach, deas-thocalach àrd-ghlòireach, òraideach.

DECLARABLE, *adj.* So-dhearbhtha.

DECLARATION, *s.* 1. A proclamation, or affirmation: gairm, aithris, cur an cèill, taisbeanadh, foillseachadh. 2. (in law) the shewing forth, or laying out of an action in any suit: foillseachadh, nochdadh, seasamh cùise.

DECLARATIVE, } *adj.* Foillseachail, taisbeanach, a'
DECLARATORY, } cur an cèill.

DECLARATORILY, *adv.* See Declaratory.

DECLARE, *v. a. et n.* 1. Make known, tell openly: nochd taisbein, innis, aithris, cuir an cèill. 2. publish, proclaim: cuir an cèill, aithris. 3. shew an opinion in plain terms: cuir an cèill. 5. make a declaration: abair, dean aideachadh.

DECLAREDLY, *adv.* Gu follaiseach, gun cleith.

DECLARER, *s.* Fear-aithris, fear-nochdaidh, fear cuir an cèill.

DECLARING, *s.* Cur an cèill, innseadh, nochdadh, taisbeanadh.

DECLENSION, *s.* 1. Tendency from a greater to a less degree of excellence: ìsleachadh, cromadh, tèarnadh, seargadh, dol sìos. 2. declination, descent: tèarnadh, cromadh, ìsleachadh, lùbadh, clonadh, aomadh. 3. inflexion, manner of changing nouns: lùbadh, cromadh, dol troimh chùisean focail.

DECLINABLE, *adj.* Aig am bheil cùisean.

DECLINATION, *s.* 1. Descent, change from a better to a worse state, decay: ìsleachadh, lagachadh, seargadh, beul sìos, dol le bruthach. 2. the art of bending down: cromadh, lùbadh. 3. variation from rectitude, oblique motion: camadh, fiaradh, lùbadh, cromadh. 4. deviation from moral rectitude: seacharan, clonadh. 5. variation from a fixed point: mùthadh, fiaradh. 6. the act of shunning: seachnadh.

DECLINATOR, }
DECLINATORY, } *s.* Inneal faotainn a' chùmhnaidh.

DECLINE, v. a. et n. 1. Bend downward, bring down: crom lùb, cam. 2. shun, avoid: seachainn, dùilt, leig seachad. 3. decay, sink: crom, seac. 4. infect a word: cuir troimh chùisean. 5. lean downward: crom, aom, lùb. 6. deviate, run into obliquities: clao, rach a thaobh. 7. shun, avoid to do any thing: seachainn, ob. 8. sink, be impaired, decay: crion, caith as, crom a sios.

DECLINE, s. Tèarnadh, cromadh, dol sìos, crìonadh, caithemh, seachdadh.

DECLIVITY, s. Tèarnadh, bruthach, leathad, leth-bhruthach, cromadh, sìradh.

DECLIVOUS, adj. Clao, crom, car corrach, mar shlaod-bhruthach.

DECOCT, v. a. 1. Prepare by boiling for any use: bruich, goil. 2. digest by the heat of the stomach: cnàmh 's a' ghoile. 3. boil in water, so as to draw the strength or virtue of any thing: bruich, goil.

DECOCTION, s. 1. The act of boiling any thing to extract its virtues: goil, bruicheadh. 2. a preparation made by boiling water: sìgh bruichte.

DECOLLATE, v. a. Dith-cheann, cuir an ceann deth.

DECOLLATION, s. Dith-cheannadh.

DECOMPOSE, v. a. Eadar-dhealach, eadar-sgar, ath-mheasgaich.

DECOMPOSITE, adj. Ath-mheasgta.

DECOMPOSITION, s. 1. The act of compounding things already compounded: ath-mheasgadh. 2. resolution or separation of parts: eadar-dhealachadh, eadar-sgaradh.

DECOMPOUND, v. a. 1. Compose of things already compounded: ath-mheasgaich. 3. resolve a compound into simple parts: eadar-dhealach, eadar-sgar, thoir as a chèile.

DECORATE, v. a. Sgeadaich, sgèimlich, breaghaich, maisich.

DECORATION, s. Sgeadachadh, sgèimheachd, grinneas, usgar, breaghaich, rìomhadh.

DECORATOR, s. Fear-sgeadachaidh, fear-maiseachaidh.

DECOROUS, adj. Cìstach, cubhaidh, iomchuidh, ion-nìolta.

DECOROUSLY, adv. See Decorous.

DECORTICATE, v. a. Rùisg, sgrath, thoir a chairt dheth.

DECORTICATION, s. Rùsgadh, sgrathadh.

DECORUM, s. Deadh bheus, giùlan iomchuidh, stuaim, eirachdas, cubhaidheachd.

DECOY, v. a. Meall, tàlaidh, breug, tarraing 's an rib.

DECOY, s. Cùlaidh-thàlaidh, inneal-meallaidh, buaireadh, riochd ionmhuinn.

DECOYDUCK, s. Tunnag thàlaidh.

DECREASE, v. a. et n. 1. Make less, diminish: lughdaich, beagaich. 2. grow less, be diminished: lughdaich fàs ni 's lugh, searg as.

DECREASE, s. 1. The state of growing less, decay: lughdachadh, beagachadh, ìsleachadh, traòghadh. 2. the wain, the time when the visible face of the moon grows less: càrn-dhubh.

DECREE, v. n. 1. Appoint by edict, establish by

law: reachd-cheangail, òrduich, suidhich, àithn. 2. doom, or assign by a decree: roimh-òrduich, rànaich, reachd-cheangail.

DECREE, s. 1. An edict, a law: reachd-cheangail, reachd-àithne, lagh, òrdugh. 2. an established rule: lagh, riaghailt, reachd. 3. a determination of a suit or litigated cause: breth cùise.

DECREPIT, adj. Bredite, fann, gun treòir.

DECREPITATE, v. a. Crac, thoir braghadaich air.

DECREPITATION, s. Braghadaich.

DECREPITUDE, s. Breòiteachd, laigsinn, crupadh na h-aoise.

DECRESCENT, adj. A' crupadh, a' crìonadh.

DECRETAL, adj. Reachdach.

DECRETAL, s. Leabhar nan reachd-cheangal, leabhar lagha.

DECRETION, s. Crupadh, crìonadh, lughdachadh.

DECRETORILY, adv. See Decretory.

DECRETORY, adj. 1. Judicial, definitive: reachdach, laghail, comh-dhùnach. 2. critical: cumartach.

DECRIAL, s. Cronachadh, ruith sìos, binn, coireachadh.

DECRIER, s. Cronadair, fear-beumaidh, fear-ruith, sìos.

DECURY, v. a. Cronaich, coirich, càin, ruith sìos.

DECUBATION, }

DECUMBENCE, } s. Luidhe sìos, sìneadh.

DECUMBENCY, }

DECUMBENT, adj. 1. Lying, or leaning: a' luidhe, a' sìneadh. 2. lying in the bed of sickness: air an leabaidh.

DECUMBITURE, s. Gabhail ris an leabaidh.

DECUPLE, adj. Deich-fille, deicheach.

DECURION, s. Cèannard dheicnear.

DECURSION, s. Ruith le bruthach.

DECURT, v. a. Coimh-gheàrr.

DECURTATION, s. Coimh-ghearradh.

DEDECOROUS, adj. Maslach, tàmailteach, sgainncalach.

DEDENTITION, s. Tilgeadh nam faical.

DEDICATE, v. a. 1. Devote to some divine power: coisrig, naomhaich. 2. appropriate solemnly to any person or purpose: tiomain, coisrig, thoir seachd fo mhòid. 3. inscribe to a patron: cuir fuidh thèarmunn.

DEDICATION, s. 1. Consecration, solemn appropriation: coisrigeadh, naomhachadh. 2. an address to a patron: cur fo thèarmunn, tiomnadh.

DEDICATOR, s. Fear-cuir fo thèarmunn.

DEDICATORY, adj. A' cur fo thèarmunn.

DEDITION, s. Toirt thairis, tiomnadh suas, strìochdadh, géilleadh.

DEDOLENT, adj. Neo-thuirseach.

DEDUCE, v. a. 1. Draw in a regular connected series from one time, or one event to another: tarraing uaidh, [tarraing, thoir o. 2. lay down in regular order, so as that the following shall naturally rise from the foregoing: cuir sìos an òrdugh, tarraing o, thoir as. 3. subtract, deduct: beagaich, lughdaich, thoir uaidh. 4. lead forth: treòrach.

DEDUCEMENT, s. Comh-dhùnadh, comh-leanmhuinn.

DEDUCIBLE, adj. A' sìleadh o, a' comh-dhùnadh o, a' teachd an lorg, a ghabhas tarraing o.

DEDUCT, *v. a.* 1. Subtract, cut away, defalcate: thoir o, comh-gheàrr. 2. reduce, bring down: lughdaich, beagaich, thoir a sìos.

DEDUCTION, *s.* 1. Consequential, collection, proposition drawn from principles premised: comh-dhùnadh, comh-jeanmhuinn. 2. that which is deducted, defalcation: comh-ghearradh, lughdachadh, beagachadh, dol sìos.

DEDUCTIVE, *adj.* See Deducible.

DEDUCTIVELY, *adv.* See Deducible.

DEED, *s.* 1. Action, thing done: gnìomh, dèanadas. 2. exploit, performance: euchd, treunadas. 3. power of action, agency: cumhachd, comas. 4. act declaratory of an opinion: dèanadas, reachd-dhaingneach, àithne. 5. written evidence of any legal act: teist, sgrìobhadh. 6. fact, reality: fìrinn, cùis dhearbhta.

DEEDLESS, *adj.* Mì-ghnìomhach, marbhanta, leasg, lunnadh.

DEEM, *v. a. et n.* 1. Judge, determine: meas, comh-dhùin. 2. imagine, suppose: meas, smuainich. 3. judge, conclude upon consideration: meas, comh-dhùin, saoil, smuainich, baraiaich.

DEEMSTER, *s.* Breitheamh, fear meas.

DEEP, *adj.* 1. Having length downwards, profound: domhain. 2. low in situation: ìosal. 3. measured from the surface downwards: domhain. 5. far from the outer part: domhain. 6. not superficial, not obvious: domhain, dorch. 7. sagacious, penetrating: domhain, tul-chuiseach. 8. full of contrivance, politic: eagnaigh, tùrail sìcìr, fada thall. 9. grave, solemn: trom, domhain, ciallach. 10. dark coloured: dorch, dubh. 11. having a great degree of stillness, or gloom: trom. 12. depressed, sunk: domhain, ìosal, uircasbhuidheach. 13. bass, grave in sound: trom-fhuaimneach, garbh reasgach, tormanach, crònach.

DEEP, *s.* 1. The sea, the abyss of waters: doimhne, dubh-aigein, doimhneachd, aigcal. 2. the most solemn or still part: marbh.

DEEP, *adv.* Fada, gu h-ìosal.

DEEP-DRAWING, *adj.* Domhain 's an uisge.

DEEP-MOUTHED, *adj.* Beul-fharsuing.

DEEP-MUSING, *adj.* Smuaineach, tul-chuiseach, trom-smuaineach.

DEEP-READ, *adj.* Foghlumta.

DEEPEN, *v. a. et n.* 1. Make deep, sink far below the surface: doimhinich, dean domhain. 2. darken, cloud, make dark: dorchach, neulaich. 3. make sad or gloomy: dean gruamach. 4. descend gradually: tèaruin, tèarn. 5. grow deep: fàs domhain.

DEEPLY, *adv.* See Deep, *adj.*

DEEPNESS, *s.* 1. Profundity: doimhneachd, doimhne. 2. sagacity: tul-chuis, eagnachd. 3. insidiousness, craft: eagnachd, tul-chuis, sicireachd, cuilbheartachd.

DEER, *s.* Fìadh, cilid.

DEESS, *s.* Ban-dia.

DEFACE, *v. a.* Dubh a mach, dubh, sgrìob as, mill.

DEFACEMENT, *s.* Dubhadh a mach, sgrìobadh as, millcadh.

DEFACER, *s.* Milltear, fear-dubhaidh a mach.

DEFALCATION, *s.* Lughdachadh, beagachadh, cumail dheth.

DEFALK, *v. a.* Comh-gheàrr, gearr dheth, sgud, lughdaich, beagaich.

DEFAMATION, *s.* Cùl-chàineadh, tuailleas, mì-chliu, sgainneal, cùl-bheum.

DEFAMATORY, *adj.* Cùl-chàinteach, tuailleasach, sgainnealach, beumach, tarcuiseach.

DEFAME, *v. a.* Cùl-chàin, tarcuiseich, sgainnealach beum.

DEFAME, *s.* Masladh, tamailt, eas-onoir.

DEFAMER, *s.* Cùl-chàinteir, fear-tuailleis.

DEFAMING, *s.* Tuailleas, tuairisgeul, cùl-chàineadh, sgainneal, cùl-bheum.

DEFATIGABLE, *adj.* Sgìtheach, neo-smiorail, claoidhte.

DEFATIGATE, *v. a.* Sgithich, cìosnaich, claoidh, sàruich.

DEFATIGATION, *s.* Sgìtheachadh, sgìos, cìosnachadh, sàruchadh.

DEFAULT, *s.* 1. Omission of that which we ought to do: dearmad, dì-chuimhn. 2. crime, failure, fault: coire, lochd, cionta, dearmad. 3. defect, want: easbhuidh, fàillinn.

DEFAULT, *v. a. et n.* 1. Fail in performing any contract or stipulation: dearmaid. 2. offend: ciontaich, coirich, dean diombach.

DEFAULTED, *adj.* Ciorramach, fàillineach.

DEFAULTER, *s.* Fear-dearmaid còrach.

DEFEASANCE, *s.* Briseadh cùmhainte.

DEFEASIBLE, *adj.* Nach seas lagh.

DEFEAT, *s.* 1. The overthrow of an army: ruaig, teicheadh, call-catha, comh-bhriseadh. 2. act of destruction, deprivation: casgairt, sgrìos, diombuaidh, iom-ghabhail.

DEFEAT, *v. a.* 1. Overthrow, undo: ruaig, casgair, cuir air teicheadh, buadhaich, iom-ghabh. 2. frustrate: fàirtlich air. 3. abolish, undo, change, alter: dubh a mach, atharraich, mùth.

DEFEATURE, *s.* 1. Change of feature: caochladh cruth. 2. overthrow, defeat: casgairt, àr, ruaig, teicheadh.

DEFECATE, *v. a.* 1. Purge liquors from lees or foulness: glan, sìolaidh. 2. purify from any extraneous or noxious mixture, clear, brighten: sgùr, nigh, glan.

DEFECATE, *adj.* Saor o dhèasgàinn.

DEFECATION, *s.* Sìoladh, glanadh o dhèasgàinn.

DEFECT, *s.* 1. Want, absence of something necessary: easbhuidh, fàillinn, uircasbhuidh, dìth. 2. a fault, mistake, error: coire, ciorram gaoid, mearachd. 3. failing, imperfection: fàillinn, deireas, ciorram. 4. any natural imperfection: ciorram, gaoid, fàillinn, deireas.

DEFECTIBILITY, *s.* Easbhuidh, ciorramachd, fàillinn-cachd.

DEFECTIBLE, *adj.* See Defective.

DEFECTION, *s.* Want, failure: easbhuidh, fàilneachadh. 2. a falling away, apostasy: tréigsinn, clao-nadh air fàilbh, cùl-seamhnachadh. 3. an abandoning of a king, a revolt: ceannairc, àr-a-mach.

DEFECTIVE, *adj.* 1. Wanting the just quantity: easbhuidheach, neo-iomlan, neo-choimhlionta. 2. full of defects, imperfect: ciorramach, cronail, mearachdach. 3. faulty, vicious, blameable: mearachdach, ciorramach, deireasach.

DEFECTIVELY, *adv.* See Defective.

DEFECTIVENESS, *s.* Easbhuidheachd, ciorramachd, fàillinneachd, deireas.

DEFENCE, *s.* 1. Guard, protection, security: dìon, dìdean, tèarmunn, daingneachd. 2. vindication, apology: lethseul, tagradh, fireanachadh. 3. resistance: dìon, tagradh. 4. (in law), the defendant, reply after declaration produced: dìon, tagradh. 5. (in fortification), the part that flanks another work: daingneach.

DEFENCE, *v. a.* Daingnich.

DEFENCELESS, *adj.* 1. Naked, unarmed, unguarded: gun dìon, gun dìdean, neo-armachte, gun tèarmunn, nochda, lom, rùisgte. 2. impotent, unable to make resistance: lag, annbunn, fann.

DEFENCELESSLY, *adv.* See Defenceless.

DEFEND, *v. a.* 1. Stand in defence of, protect, support: dìon, teasaig, tèaruinn. 2. vindicate, uphold, assert, maintain: dìon, tèarmunnaich, taic. 3. fortify, secure: dìon, daingnich. 4. prohibit, forbid: bac, toirmisg. 5. maintain a place against those that attack it: dìon, tèaruinn, teasaig. 6. repel, keep off: dìon, cum air ais.

DEFENDABLE, *adj.* So-dhìon, tèarmunnach.

DEFENDANT, *s.* He that defends against assailants: fear-dìona, tèarmunnair, didionnair. 2. the person accused or sued: fear-dìona, tagaireach.

DEFENDER, *s.* 1. One that defends, a champion: fear-dìona, tèarmunnair, curaidh, gaisgeach. 2. an asserter, a vindicator: fear-dìona, didionnair, dìonadair. 3. an advocate, one that defends another in a court of justice: fear-tagraidh, fear-dìona, dìonadair.

DEFENSIBLE, *adj.* 1. That may be defended: so-dhìon, tèarmunnach. 2. justifiable, right, capable of vindication: leisgeulach, ceart.

DEFENSIVE, *adj.* 1. That serves to defend, proper for defence: tèarmunnach, a ìi dìon. 2. in a state or posture of defence: a' dìonadh.

DEFENSIVE, *s.* 1. Safeguard: dìon, dìdean, daingneach. 2. state of defence: dìon, tèarmunn.

DEFENSIVELY, *adv.* See Defensive, *adj.*

DEFENST, *part.* Dìonta, didinnte, daingnichte, tèarmunnaichte.

DEFER, *v. a. et n.* 1. Withhold, delay: cuir air dàil, dàilich. 2. refer to: leig ri comhairle neach eile. 3. offer, give: taig. 4. put off, delay: mairnealach, fuirich, bi seamasanach. 5. pay deference or regard to another's opinion: leig fianuis air, cuir meas air.

DEFERENCE, *s.* 1. Regard, respect: meas, urram. 2. complaisance, condescension: ùmhlachd, géilleachdain, deas-ghnath. 3. submission: strìochdadh géilleadh, cur urram air.

DEFERMENT, *s.* Moille, mairneal, seamasan.

DEFERER, *s.* Fear-moille.

DEFIANCE, *s.* 1. A challenge, an invitation to fight: dùbhlhan, maoidheadh, bagradh, cuireadh. 2. a challenge to make any impeachment good: dùbhlhan, dùbhlhanachadh. 3. expression of abhorrence or contempt: dùbhlhanachd.

DEFICIENCY, *s.* 1. Want, something less than is necessary: uireasbhuidh, bagradh, cuireadh. 2. a defect, failing imperfection: fàillinn, ciorram, deireas, coire, neo-choimhliontachd.

DEFICIENT, *adj.* Neo-iomlan, neo-choimhlionta, easbhuidheach, fàillinneach.

DEFICIENTLY, *adv.* See Deficient.

DEFICIT, *s.* Neo-iomlaineachd, easbhuidh.

DEFIER, *s.* Fear dùbhlhanachaidh.

DEFILE, *v. a. et n.* 1. Make foul or impure: salaich, truail. 2. pollute, make legally or ritually impure: salaich, truail. 3. corrupt chastity: truail, dean mi-ghèamnuidh. 4. taint, corrupt, vitiate: truail, salaich, dean gràineil, no, daochail. 5. march, go off by file and file: imich an sreathaibh.

DEFILE, *s.* Cunglach, caol-ghleann.

DEFILEMENT, *s.* Truailleadh, salachadh, sal, neghloine, trudaireachd.

DEFILER, *s.* Fear-truailidh, trùileach, fear éigin bhan.

DEFINABLE, *adj.* 1. That which may be defined: so-mhineachaidh, tuairisgeulach. 2. that which may be ascertained: tuairisgeulach.

DEFINE, *v. a. et n.* 1. Explain a thing by its qualities and circumstances: minich, soilleirich, thoir tuairisgeul air. 2. decide, determine: comh-dhùin, cuir gu ceann. 3. circumscribe, mark the limit, bound: comharraich a mach, dean crìoch shoilleir. 4. determine, decide: comh-dhùin, reachdaich.

DEFINER, *s.* Fear-mineachaidh, fear tuairisgeil.

DEFINITE, *adj.* 1. Certain, limited, bounded: àraidh, comharraichte, sònruichte, fuidh chrìochailbh. 2. exact, precise: poncail, eagnaich, òrdail.

DEFINITENESS, *s.* Cinnteachd, soilleireachd.

DEFINITION, *s.* 1. A short description of a thing by its properties: mìneachadh, tuairisgeul. 2. decision, determination: comh-dhùnadh. 3. (in logic): mìneachadh, tuairisgeul.

DEFINITIVE, *adj.* Dearbhta, soilleir, comh-dhùnach.

DEFINITIVE, *s.* Dearbhadas.

DEFINITIVELY, *adv.* See Definitive, *adj.*

DEFIX, *v. a.* Spàr, teann, daingnich le tàirgnibh.

DEFLAGRABILITY, *s.* Tiormachd, deas gu teine ghabhail.

DEFLAGRABLE, *adj.* Loisgeach, so-losgaidh, teinntidh.

DEFLAGRATE, *v.* Cuir 'n a theine.

DEFLAGRATION, *s.* Losgadh, cur lasair ri.

DEFLECT, *v. n.* Crom, lùb, aom, clao, rach fiar.

DEFLECTION, *s.* Lùbadh, clao, clao, fiaradh.

DEFLEXURE, *s.* Cromadh sìos, lùbadh.

DEFLOURATION, *s.* 1. The act of deflouring: òigh-thruailleadh. 2. a selection of that which is most valuable: taghadh, gràine mullaich.

DEFLOUR, *v. a.* 1. Ravish, take away a woman's virginity: éignich, truail òigh. 2. take away the beauty and grace of any thing: mì-mhaisich.

DEFLORER, *s.* Fear truaillidh òighean.
 DEFLOW, *v. n.* Sil, sil a sios.
 DEFLUOUS, *adj.* Silteach, sruthach, tuiteamach.
 DEFLUXION, *s.* Tèarnadh-leannntain.
 DEFORCE, *v. a.* Cum á seilbh le ainneart.
 DEFORCEMENT, *s.* Seilbh ainneirt, breith air éigin.
 DEFORM, *v. a.* 1. Disfigure, make ugly : duaichnich, cuir mi-dhreach air, dean aindealbhach. 2. dishonour, make ungraceful : dean tàireil, dean duairceach.
 DEFORM, *adj.* Mi-dhealbhach, grànda, mi-dhreachmhor, duairceach, duaichnidh.
 DEFORMATION, *s.* Mi-dhreach, mi-dhealbh, mi-aoidh, duaichnidheachd.
 DEFORMED, *adj.* 1. Ugly, wanting natural beauty : grànda, mi-dhealbhach, duaichnidh. 2. base, disgraceful : neo-ìoinneil, tàireil.
 DEFORMEDLY, *adv.* See Deformed.
 DEFORMEDNESS, *s.* Mi-dhealbhachd, mi-aoidh, duaichnidheachd.
 DEFORMER, *s.* Fear cruth-mhillidh.
 DEFORMITY, *s.* 1. Ugliness, ill-favouredness : mi-dhreach, mi-dhealbh, mi-aoidh, duaichnidheachd. 2. ridiculousness, the quality of something worthy to be laughed at : ain-dealbh, mi-chiatachd, troicheachd. 3. irregularity, inordinateness : mi-riaghaileachd, mi-shasmhorachd.
 DEFRAUD, *v. a.* Meall, car, dean mi-chleas air.
 DEFRAUDATION, *s.* Mealladh, cealg, cuilbheart.
 DEFRAUDER, *s.* Mealltair, cealgair.
 DEFRAV, *v. a.* 1. Bear the charges of : dìol, òc, pàigh, cosgais. 2. satisfy : ath-dhìol, òc.
 DEFRAV, *s.* Fear dìolaich cosgais, fear pàidhidh.
 DEFRAVMENT, *s.* Dìolaich, ath-dhìolaich, iocadh, pàidheadh.
 DEFUNCT, *adj.* Marbh, eugta.
 DEFUNCT, *s.* Marbh.
 DEFUNCTION, *s.* Bàs, bàsachadh, eug, aog.
 DEFY, *v. a.* 1. Call to combat, challenge : dùbhlanaich, dùlanaich. 2. treat with contempt, slight : tarcuisich. 3. disdain, deny, renounce : dean tàir air, diùlt.
 DEFY, *s.* Dùbhlán, cuireadh còmhraig.
 DEGENERACY, *s.* 1. A departure from the virtue of our ancestors : cìschinealachadh an-dualachas, mi-dhùthchas. 2. a desertion of that which is good : claoonadh, cùl-sleamhnachadh, còir-thréigsinn. 3. meanness : diblidheachd, suarachas.
ECCENTRIC, } *adj.* 1. Deviating from the centre:
ECCENTRICAL, } a' dol o' n mheadhon. 2. not terminating in the same point, not directed by the same principle: easantachag eas-còrdadh. 3. irregular, anomalous: neo-chumanta, neo-chleachdach, neònach.

ECCENTRICITY, *s.* 1. Deviation from a centre: aomadh o' n mheadhon. 2. deviation from established methods: neònachas.

ECCLESIASTES, *s.* Ecclesiastes.

ECCLESIASTICUS, *s.* Ecclesiasticus.

ECHINATE, } *adj.* Deilgneach.

ECHINATED, }

ESCHINUS, *s.* See Hedgehog.

ECCLESIASTIC, }

ECCLESIASTICAL, } *adj.* Eaglaiseil.

ECCLESIASTIC, *s.* Eaglaiseach, peers'-eaglais.

ECHO, *s.* Mac-talla, mac-tallaidh.

ECHO, *v. a. et n.* 1. Send back a voice, return what has been uttered: ath-ghair, ath-ghlaothaich. 2. resound: ath-glhair, ath-ghlaothaich.

ECLAIRCISSEMENT, *s.* See Explanation.

ECLAT, *s.* Glòir, urram, moladh.

ELECTIC, *adj.* Roghainneach, a' taghadh.

ECLIPSE, *s.* 1. An obscuration of the luminaries of heaven: tinneas na galeaich, no, na gréine. 2. darkness, obscuration: dubhar.

ECLIPSE, *v. a. et n.* 1. Darken a luminary: cuir fuidh thinneas, dorchaidh. 2. extinguish, put out: dubh, cuir as. 3. cloud, obscure: dorchaidh, neulaich, doilleirich, tarrauing dubhar air. 4. disgrace: nàraich, maslaich, cuir air cùl. 5. suffer an eclipse: bi fuidh dubhar.

ECLIPSE, *s.* Grian-chrios.

ECLIPTIC, *adj.* Described by the ecliptic line: air slighe na gréin'-chrios. 2. suffering an eclipse, obscured: dubharach.

ECLOGUE, *s.* Òran buachailleachd.

ECONOMICAL, *adj.* Glèidhteach, caontach, cùramach.

ECONOMIST, *s.* Fear-caontach, fear-glèidhteach.

ECONOMIZE, *v. a.* Glèidh, cuir gu deadh bhuil.

ECONOMY, *s.* 1. The management of a family: ban-as-tighe, dòighealachd, deadh-riaghladh teaghlaich, steòrnadh. 2. distribution of expense: deadh-bhuil. 3. frugality, discretion of expense: caontachd, glèidhteachd, dòighealachd. 4. disposition of things, regulation: dòigh, rian, seòl, eagarachadh.

ECSTASY, *s.* 1. Any passion by which the thoughts are absorbed: priobairneach. 2. excessive joy, rapture: mòr ghàirdeachas, àrd-shubhachas.

ECSTASY, *v. a.* Lìon le mòr-iognadh, lìon le mòr-ghàirdeachas.

ECSTATIC, } *adj.* 1. Ravished, rapturous: làn
ECSTATICAL, } iognaidh. 2. raised to the highest degree of joy: rò-aòibhneach, sòlasach.

ECURIE, *s.* Stàbùil.

EDACIOUS, *adj.* Gionach, geòcach, glutach, lonach, glamlach.

EDACITY, *s.* Glamaireachd, lonachd, geòcaireachd.

EDDER, *v. a.* Cuir barran air.

EDDER, *s.* Barran.

EDDY, *s.* Cuartag, cuinneag, tuaitheal, saobh-shruth, faochag-chuairtein.

EDDY, *adj.* Cuartagach.

EDDY-WATER, *s.* Uisge sàmbach.

EDEN, *s.* Eden.

EDENTATED, *adj.* Cabach, gun fhiaclan.

EDGE, *s.* 1. The thin or cutting part of a blade: faobhar, géire. 2. a narrow part rising from a broader: faobhar, roinn. 3. brink, margin: bruch, faobhar, roinn, oir, bile. 4. sharpness of mind: géire. 5. keenness, acrimony of temper: frionas.

EDGE, *v. a. et n.* 1. Sharpen, enable to cut: geuraidh, faobharaidh. 2. border with any thing, fringe: cuir oir ri, cuir fàitheam air. 3. exasperate, embitter: eargnaich, feargaich. 4. put forward beyond a line: cuir thar crìoch. 5. move forward against any power, go close upon a wind: gluais 'n aghaidh, iarr geur.

EDGED, *adj.* Geur, sgaitach, faobharach.

EDGING, *s.* 1. What is added to any thing by way of ornament: oir, fàitheam, 2. a narrow lace: stion.

EDGELESS, *adj.* Maol, gun faobhar, neo-geur.

EDGETOOL, *s.* Inneal gearraidh.

EDGEWISE, *adv.* Air a roinn, air oir.

EDICT, *s.* Aithne, reachd, lagh, òrdugh folluiseach.

EDIFICATION, *s.* 1. The act of building up man in the faith: togail suas, oileanachadh. 2. improvement, instruction: teagasg, ionnsachadh, oileanachadh, foghlum.

EDIFICATORY, *adj.* See Instructive.

EDIFICE, *s.* Aitreachd, togail, tigh, àros.

EDIFIER, *s.* Aoid ionnsachaidh, teagasgair.

EDIFY, *v. a.* 1. Build: tog a suas, dean togail. 2. instruct, improve: teagasg, ionnsaich, oileanaich.

EDIFYING, *s.* Foghlum, teagasg, oilean, ionnsachadh.

EDIFYINGLY, *adv.* Air mhodh teagaisg, no, foghluin.

EDIT, *v. a.* Deasaich air clòdh-bhualadh.

EDITION, *s.* 1. Publication of any thing, particularly of a book: clòdh-bhualadh, cuir a mach leabhair. 2. republication: ath chlàdh-bhualadh.

EDITOR, *s.* Fear-dcasachaidh leabhair air son clòdh-bhualadh.

- EDITORSHIP**, *s.* Dreuchd fir deasachaidh leabhair air son clòdh-bhuailaidh.
- EDUCATE**, *v. a.* Oil, foghlum, muir, ionnsaich, teagaisg, tog suas.
- EDUCATION**, *s.* Oilcan, foghlum, muineadh, ionnsachadh, teagasg, togail suas.
- EDUCE**, *v. a.* Tarring a mach, foillsich, thoir gu solus.
- EDUCTION**, *s.* Foillseachadh.
- EDULCORATION**, *s.* Milseachadh.
- EERING**, *s.* Ieachd, cur ri.
- EEL**, *s.* Easgann.
- EFFABLE**, *adj.* So-chur an cèill, so-ñoachaidh, so-innseadh.
- EFFACE**, *v. a.* 1. Destroy any thing painted or carved : dubh a mach, mill, cuir mi-dhreach air, duachnich. 2. make no more legible or visible, blot out : dubh a mach, mill. 3. destroy, wear away : mill.
- EFFECT**, *s.* 1. That which is produced by an operating cause : buil, toradh, éifeachd, crìoch, gnìomh. 2. consequence, event : buil, toradh, éifeachd, crìoch. 3. purpose, meaning : crìoch, reusan, rùn. 4. completion, perfection : crìoch, comh-dhùnadh, deicheadh. 5. (in the plural), goods, moveables : àitneis.
- EFFECT**, *v. a.* 1. Bring to pass : coimhlin, thoir gu crìch, crìochnaich. 2. produce as a cause : dean, cuir an gnìomh.
- EFFECTIVE**, *adj.* Eifeachdach, foghainteach, murrach, comasach.
- EFFECTOR**, *s.* Fear-dèanamh.
- EFFECTUAL**, *adj.* See Effective.
- EFFECTUALLY**, *adv.* See Effectual.
- EFFECTUATE**, *v. a.* Coimhlin, thoir gu crìch.
- EFFEMINACY**, *s.* 1. Admission of the qualities of a woman : meatachd, meath-chridheachd, buige, neo-smioralachd. 2. lasciviousness, loose pleasure : sòghalachd, macnus.
- EFFEMINATE**, *adj.* Meat, bog, lag-chridheach, meath-chridheach, macnusch, sòghmhor.
- EFFEMINATE**, *v. a. et n.* 1. Make womanish, weaken : meataich, dean neo-smiorail. 2. grow womanish, soften : meataich, fàs 'i a d' bhogach.
- EFFEMINATELY**, *adv.* See Effeminate.
- EFFERVESCE**, *v. n.* Oibrich le teas, goil.
- EFFERVESCENCE**, *s.* Goil, oibreachadh le teas.
- EFFETE**, *adj.* 1. Barren, disabled from generation : aimrid, seag, neo-thorrach. 2. worn out with age : bròite, gun chli.
- EFFICACIOUS**, *adj.* Eifeachdach, murrach, comasach, foghainteach.
- EFFICACIOUSLY**, *adv.* See Efficacious.
- EFFICACIOUSNESS**, *s.* Comas, murrachas, feart, neart.
- EFFICACY**, *s.* Eifeachd.
- EFFICIENCY**, *s.* Gnìomhachd, feartalachd, murrefficiency, *s.* achas.
- EFFICIENT**, *s.* Màthair-aobhair.
- EFFICIENT**, *adj.* Comasach, murrach, aobharach.
- EFFICIENTLY**, *adv.* See Efficient.
- EFFIGIATE**, *v. a.* Dealbh, dreach.
- EFFIGY**, *s.* Iomhaigh, dealbh, cruth.
- EFFLATE**, *v. a.* Séid le d' anail.
- EFFLORESCENCE**, *s.* Blàth, teachd fo bhlàth, brist.
- EFFLORESCENCY**, *s.* eadh a mach.
- EFFLORESCENT**, *adj.* A' cur thuige, a' teachd fuidh bhlàth.
- EFFLUENCE**, *s.* Sruthadh.
- EFFLUENT**, *adj.* A' sruthadh, a' teachd o.
- EFFLUVIA**, *s.* Àileadh, fàile, boladh, tòchd.
- EFFLUVIUM**, *s.* 1. The act of flowing out : sruth.
- EFFLUXION**, *s.* adh, sìleadh, dòrtadh. 2. effusion, flow : sruth, ruith a mach.
- EFFORCE**, *v. a.* See Force, *v. a.*
- EFFORMATION**, *s.* See Formation.
- EFFORT**, *s.* Oidhirp, deuchainn, spraic.
- EFFOSION**, *s.* Cladhiach, tochladh, bùrach.
- EFFRAY**, *v. a.* See Affright.
- EFFRONTERY**, *s.* Bathaiseachd, ladarnas, mi-nàire.
- EFFULGE**, *v. n.* Deàrrs, deàrrsaich, boills.
- EFFULGENCE**, *s.* Deàrrsadh, boillsgeadh, lannaircachd, soillseachd.
- EFFULGENT**, *adj.* Deàrrsach, boillsgeach, dealrach, lannair, soillseach.
- EFFUSE**, *v. a.* Dòirt, taom, taosg.
- EFFUSE**, *adj.* Sgaoilteach, taomach, taosgach.
- EFFUSION**, *s.* 1. The act of pouring out : dòrtadh, taomadh, taosgadh, cur thairis. 2. waste, the act of spilling or shedding : ana-caitheamh, sgapadh, sgaoileadh. 2. bounteous donation : toirbheartachd, buileachadh.
- EFFUSIVE**, *adj.* A' dòrtadh, dòrtach, taosgach, sgaoilteach.
- EFT**, *s.* Dearc-luachrach.
- EFT**, *adv.* Gu grad, gu luath, gu h-ullamh, gu h-ealamh.
- EGG**, *s.* 1. That which is laid by feathered and some other animals from which their young is produced : ubh. 2. the spawn or sperm of other creatures : siol.
- EGG**, *v. a.* Stuig, leig, brosaich.
- EGGING**, *s.* Stuigeadh, leigeadh, brosnachadh.
- EGGLANTINE**, *s.* Preas nan ròs cùbhraidh.
- EGOTISM**, *s.* Féin, féin-iomradh, féin-mholadh.
- EGOTIST**, *s.* Fear-labhairt air féin.
- EGOTISTICAL**, *adj.* Moltach air féin.
- EGOTISE**, *v. n.* Bi labhairt umad féin.
- EGREGIOUS**, *adj.* Comharrachichte, sònraichte, ana-cuimsach, aimeil, anabarrach, còrr.
- EGREGIOUSLY**, *adv.* See Egregious.
- EGREGIOUSNESS**, *s.* Ana-cuims, ainmealachd.
- EGRESS**, *s.* Dol a mach, triall, imeachd.
- EGRESSION**, *s.* Dol a mach, triall, imeachd.
- EGRET**, *s.* See Heron.
- EGYPTIANS**, *s.* Eiphtich.
- EJACULATE**, *v. a.* Cuir a mach, tilg.
- EJACULATION**, *s.* 1. The act of darting or throwing out : tilgeadh. 2. a short prayer darted out occasionally without solemn retirement : guidhe, atheluinge, griosadh.
- EJACULATORY**, *adj.* 1. Throwing out, having power to cast out : a' tilgeadh a mach. 2. suddenly darted out : cabhagach, ealamh, aithghearr.

EJECT, v. a. 1. Throw out, cast forth, void : tilg a mach, cuir a mach. 2. throw out or expel from an office or possession : tilg a mach, fògair, diob-air, cuir air falbh. 3. expel, dismiss with hatred : cuir air falbh, fògair. 4. cast away, reject : tilg air falbh.

EJECTION, s. 1. The act of casting out, expulsion : cur a mach, fògradh, fuadach. 2. (in physic) the discharge of any thing by vomit, stool, or any other emunctory : cur as, cur uaidh.

EJECTMENT, s. 1. A legal writ by which any inhabitant of a house, or tenant of an estate, is commanded to depart : bàirleigeadh, bàirlinn chartaidh. 2. expulsion in general : fògradh, cur air falbh.

EIGH ! interj. Oi !

EIGHT, s. Innsag.

EIGHT, adj. Ochd.

EIGHTH, adj. Ochdamh.

EIGHTEEN, adj. Ochd-deug.

EIGHTEENTH, adj. An t-ochdamh deug.

EIGHTFOLD, adj. Ochd-fille.

EIGHTHLY, adv. 'S an ochdamh àit.

EIGHTIETH, adj. An ceithir ficheadamh.

EIGHTSCORE, adj. Ochd fichead.

EIGHTY, adj. Ceithir fichead.

EITHER, pron. 1. Which soever of the two, whether one or the other : an dara h-aon, an dàrna fear, aon diubh. 2. each, both : gach fear, le chéile. 3. any of an indeterminate number : aon.

EITHER, adv. An dara cuid, no, air neo.

EXULTATION, s. Langanach, ulartaich, caoineadh, caoidh.

EKE, v. a. 1. Increase : meudaich, leasaich, cuir ri. 2. supply ; fill up deficiencies : lìon, dean suas. 3. protract, lengthen : tarraing a mach, sin. 4. spin out by useless additions : slaod, labhair gu draoluineach.

EKE, s. Mir air a chur ri.

ELABORATE, v. a. Saothraich, gabh saothair air.

ELABORATE, adj. Saothrach, saothrachail, air a dheanamh le mòran saothrach.

ELABORATELY, adv. See Elaborate, *adj.*

ELABORATENESS, s. Mòr-shaothair.

ELANCE, v. a. See Lance, *v. a.*

ELAPSE, v. n. Rach seachad, ruith air falbh.

ELASTIC, } adj. Sùbailte, lùbach, a' leum air ais.

ELASTICAL, } adj. Sùbailteachd, lùbachd, leum air ais.

ELASTICITY, s. Sùbailteachd, lùbachd, leum air ais.

ELATE, adj. Uaibhreach, àrdanach, air a thogail suas, stràiceil.

ELATE, v. a. Tog suas, dean uaibhreach, dèan àrdanach.

ELATEDLY, adv. See Elate, *adj.*

ELATION, s. Uaibhreachd, àilgheas, uaill, àrdan, stràic.

ELBOW, s. 1. The next joint or curvature of the arm below the shoulder : uileann. 2. any flexure or angle : uileann, lùb, oisinn. 3. to be at the elbow : a bhith teann air làimh.

ELBOW, v. a. et n. 1. Clash, jostle, push with the elbow : troid, thoir uinnleag do, pùc. 2. push,

drive to distance : pùc, thoir upag do. 3. jut out in angles : dean 'n a uileannan.

ELBOW-CHAIR, s. Cathair dhà làimhe.

ELBOWROOM, s. Farsuingeachd, cotrom tionndaidh.

ELD, s. 1. Old age, decrepitude : aois, sean-aois, breòiteachd. 2. old people : sean daoine.

ELDER, adj. 'Ni 's aosmhoire, ni 's sine.

ELDERS, s. 1. Persons whose age gives them a claim to credit and reverence : sean daoine, seanairean.

2. ancestors : athraichean, seanairean. 3. those who are older than others : sean daoine. 4. (among the Jews) rulers of the people : seanairean.

5. (in the New Testament) ecclesiastics : seanairean.

6. (among Presbyterians) laymen introduced into the kirk-polity : foirrich.

ELDER, s. Droman, craobh an dromain.

ELDERLY, adj. Sean, aosmhor.

ELDERSHIP, s. 1. Seniority, primogeniture : sean-àireachd urram na h-aoise. 2. the office of an elder in the church : dreuchd foirrich.

ELDEST, adj. A 's sine, a 's aosda.

ELECAMPANE, s. Ailleann.

ELECT, v. a. 1. Choose for any office, or use : roghnaich, tagh. 2. (in theology) elect as an object of eternal mercy : roimh-thagh, roimh-òrduich.

ELECT, adj. 1. Chosen, taken by preference from among others : taghta, roghnaichte. 2. (in theology) chosen as an object of eternal mercy : roimh-òrduichte, air a roimh-thaghadh.

ELECTANT, s. Taghadair.

ELECTION, s. 1. The act of choosing : taghadh, roghnachadh, sònrachadh. 2. voluntary preference : roghainn, taghadh. 3. discernment, distinction, discrimination : dealachadh. 4. (in theology) the predetermination of God, by which any were selected for eternal life : roimh-thaghadh roimh-òrduichadh, roimh-shònrachadh. 5. the ceremony of a public choice : taghadh fir àird-chomhairle.

ELECTIVE, adj. Roghainneach, roghnach, taghach.

ELECTIVELY, adv. See Elective.

ELECTOR, s. 1. A prince who has a voice in the choice of the German emperor : prionns' aig am bheil guth ann an taghadh an iompaire Ghearmailteich. 2. he that has a vote in the choice of any officer : taghadair.

ELECTORAL, adj. Aig am bheil urram fir taghaidh, no, taghadair.

ELECTORATE, s. Mòrachd prionnsa Gearmailteich.

ELECTORESS, } s. Ban-phrionnsa Ghearmailteach.

ELECTRESS, } s. See Amber.

ELECTRE, s. See Amber.

ELECTRIC, } adj. A' tarraing le gnè an dealan.

ELECTRICAL, } aich.

ELECTRICITY, s. Gnè an dealanaich.

ELECTRIFY, v. a. Lìon le gnè an dealanaich.

ELECTROMETER, s. Inneal thombais gnè an dealanaich.

ELEEMOSYNARY, adj. Dèirceach, air a thoirt an dèirce.

ELEEMOSYNARY, s. Dèirceach.

ELEGANCE, } s. 1. Beauty, rather soothing than

ELEGANCY, } striking : grinneas, cìreachdas, snas-

- mhorachd, maise, ciatachd. 2. any thing that pleases by its nicety: taitneas, nì ciatach.
- ELEGANT, *adj.*** 1. Nice, accurate in discerning: grinn, geur, grad, beothail. 2. pleasing by minute parts: grinn, cuimir, eireachdail snasmhor, ciatach. 3. nice, not coarse, not gross: grinn, finealta.
- ELEGANTLY, *adv.*** See Elegant.
- ELEGIAC, *adj.*** Marbhrannach, tiamhaidh, cianail, tron.
- ELEGIAST, } *s.*** Fear-sgrìobhaidh mharbhrann.
- ELEGIST, }**
- ELEGY, *s.*** 1. A mournful song: òran tiamhaidh. 2. a funeral song: marbhrann, cumha, tuireadh. 3. a short poem without points, or affected elegancies: rèidh dhàn, dàn socrach.
- ELEMENT, *s.*** 1. The first, or constituent principle of any thing: bunabhas. 2. one of the four elements usually so called: dùil. 3. the proper habitation, or sphere of any thing: dùil. 4. the letters of any language: dùil-thionnsgnadh.
- ELEMENT, *v. a.*** 1. Compound of elements: coimheasc dùilean. 2. constitute, make as a first principle: tionnsgain.
- ELEMENTAL, } *adj.*** 1. Produced by some of the
- ELEMENTARY, }** four elements: dùilcach. 2. arising from first principles: bunabhasach, ag éiridh o dhùil-thionnsgnadh, prìomh. 3. rude, elementary: neo-ealanta, neo-grhinn, neo-shnasmhor.
- ELENCH, *s.*** Deasbud, connasachadh.
- ELEPHANT, *s.*** Elephant.
- ELEPHANTINE, *adj.*** A buineas do dh'elephant.
- ELEVATE, *v. a.*** 1. Raise up aloft: tog suas, àrdaich. 2. exalt, dignify: àrdaich, tog an inbhe, urramachadh. 3. elate with vicious pride: séid suas, dean uaibhreach.
- ELEVATE, *adj.*** Àrdaichte, air a thogail suas.
- ELEVATION, *s.*** 1. The act of raising aloft: togail suas, togail an àirde. 2. exaltation, dignity: àrdaich, urramachadh, cur an onoir. 3. attention to objects above us: àrd-bheachd. 4. the height of any heavenly body with respect of the earth: àirde.
- ELEVATOR, *s.*** Inneal togail.
- ELEVEN, *adj.*** A h-aon-deug, aon-deug.
- ELEVENTH, *s.*** Aon-deugamh.
- ELF, *s.*** 1. A wandering spirit, a fairy: sìthich, duine sìth, arrachdan. 2. a devil: droch spiorad, dàibhul. 3. a dwarf, or little person: gàrlaoch, arrachd, luspardan.
- ELF-LOCK, *s.*** Ciabhag-thoimnte.
- ELFIN, } *adj.*** A bhuineas do shìthichean, arrachd-
- ELFISH, }** ach.
- ELICIT, *v. a.*** Buail á, tarruing a mach á.
- ELICIT, *adj.*** Air a thoirt gu solus, foillsichte.
- ELIDE, *v. a.*** 1. Break in pieces, crush: bris, bruan, pronn, bloighdich, spealg. 2. cut off a syllable: coimh-ghearr focal.
- ELIGIBILITY, *s.*** Ion-roghnuidheachd.
- ELIGIBLE, *adj.*** Ion-roghnuidh, taitneach, airidh a bhì air a thaghadh.
- ELIMINATION, *s.*** Fògradh, fuagradh, cuir air falbh.
- ELISION, *s.*** 1. The act of cutting off: gearradh, sgathadh dheth. 2. division, separation of parts: eadar-sgaradh, dealachadh.
- ELIXATE, *v. n.*** Bruich, goil.
- ELIXATION, *s.*** Bruicheadh.
- ELIXIR, *s.*** Cungaidd-leighis, ioc-shlaint.
- ELK, *s.*** Lon.
- ELKE, *s.*** Eala fhiadhaich.
- ELL, *s.*** Slat-thomhais, slat chuig cartail.
- ELLINGE, *adj.*** Brònach, cianail, airnealach.
- ELLIPSIS, *s.*** 1. A figure of rhetoric by which something is left out, necessary to be supplied by the hearer: beàrn 'an cainnt. 2. (in geometry) an oval figure: tarruing cumadh uibhe.
- ELLIPTIC, } *adj.*** 1. Having the form of an ellip-
- ELLIPTICAL, }** sis, oval: air am bheil cumadh uibhe. 2. denoting the use of the rhetorical figure: beàrnach an cainnt.
- ELLIPTICALLY, *adv.*** See Elliptical.
- ELM, *s.*** Leamhan.
- ELMY, *adj.*** Leamhach.
- ELOCUTION, *s.*** 1. The power of fluent speech: ùr-labhairt, deas-chainnt. 2. power of speaking, speech: uirghìoll, cainnt, labhairt. 3. the power of expression or diction, eloquence: ùr-labhairt deas-chainnt, briathrachas.
- ELOGE, *s.*** Moladh maìrigh.
- ELOGY, *s.*** Moladh.
- ELONG, *v. a.*** Maillich, cuir dàil ann.
- ELONGATE, *v. a. et n.*** 1. Lengthen, draw out, protract: tarruing a mach, fadaich, sin a mach. 2. put further off: cuir nì 's faide air falbh. 3. go off to a distance from any thing: rach uaith, rach an cèin.
- ELONGATION, *s.*** 1. The act of stretching or lengthening itself: sìneadh a mach, fadachadh. 2. the state of being stretched: sìneadh a mach, fadachadh. 3. distance: astar, uidh. 4. departure, removal: triall, imeachd.
- ELOPE, *v. a.*** Ruith air falbh, teich, rach am fuadach.
- ELOPEMENT, *s.*** Teicheadh, ruith air falbh, fuadach, dol am fuadach.
- ELOQUENCE, *s.*** 1. The power of speaking with fluency and elegance: ùr-labhairt, deas-chainnt. 2. elegant language uttered with fluency: ùr-labhairt, fileantachd, deas-chainnt.
- ELOQUENT, *adj.*** Ùr-labhairteach, deas-chainteach, snas-bhriathrach, fileanta.
- ELOQUENTLY, *adv.*** See Eloquent.
- ELSE, *pron.*** Eile, aon eile.
- ELSE, *conj.*** 1. Otherwise: air neo. 2. beside, except that mentioned: a bhàr, a thuilleadh.
- ELSEWHERE, *adv.*** An àit 'eile, an àit 'éigin eile, an ionad eile.
- ELUCIDATE, *v. a.*** Mìnich, soilleirich, dean so-thuig-sinn.
- ELUCIDATION, *s.*** Mineachadh, soilleirachadh.
- ELUCIDATOR, *s.*** Fear mineachaidh, fear soilleirachaidh.
- ELUCATION, *s.*** 1. The act of bursting forth: brùchdadh, bòrcadh. 2. escape: teicheadh.
- ELUDE, *v. a.*** 1. Escape by stratagem: seachain,

faigh as le car. 2. mock by an unexpected escape, deceive : meall, teich fuidh lùib.

ELVISH, *adj.* 1. Relating to elves, or wandering spirits : arrachdach. 2. reserved, coy : moiteil, pròiseil.

BLUMBATED, *adj.* Lag 's na leasraibh.

ELUSION, *s.* Seachnadh, cleas, car fuidh lùib, cuilbheart.

ELUSIVE, } *adj.* Mealltach, carach, cuilbheartach.
ELUSORY, }

ELUTE, *v. a.* Ionnlaid, nigh air falbh.

ELUTRIATE, *v. a.* Siolaidh, dòirt trid.

ELUTRIATION, *s.* Sioladh, taomadh.

ELYSIAN, *adj.* Taitneach, mar phàrras, rò-shòlasach, ion-mhiannaichte.

ELYSIUM, *s.* Pàrras, no, flaitheanas nan cinneach.

EMACERATE, *v. n.* See Macerate.

EMACIATE, *v. a. et n.* 1. Waste, deprive of flesh : reang, caolaich, cuir a' ghort ann. 2. lose flesh, pine : reang, searg, meath.

EMACIATION, *s.* Reangadh, caitheamh as, seargadh, meathadh le gort.

EMACULATE, *v. a.* Glan o bhuill shalach.

EMANANT, *adj.* A' sruthadh, a' sìleadh o.

EMANATE, *v. a.* Sruth, ruith, brùich, sil.

EMANATION, *s.* 1. The act of proceeding from any other substance : sruthadh, sìleadh, ruith. 2. an efflux : sruth.

EMANCIPATE, *v. a.* Fuasgail, saor, thoir saorsa o chuing.

EMANCIPATION, *s.* Fuasgladh, saoradh, toirt o chuing.

EMANCIPATOR, *s.* Fear-saoraidh, fear-fuasglaidh o chuing.

EMARGINATE, *v. a.* Beàrr oir.

EMASCULATE, *v. a.* 1. Castrate : spoth. 2. effeminate, weaken : lagaich, meataich.

EMASCULATE, *adj.* Meat, lag-chridheach, mi-fhearail.

EMASCULATION, *s.* 1. Castration : spothadh, spothadairachd. 2. effeminacy, womanish qualities : meatachadh, meatachd, meath-chridheachd, tais-eachadh, mi-fhearalachd.

EMBALE, *v. a.* 1. Make up into a bundle : trus. 2. bind up, enclose : ceangail suas, dean suas.

EMBALM, *v. a.* 1. Impregnate a body with aromatics that it may resist putrefaction : spiosraich, cuir spiosraidh air. 2. fill with sweet scent : lion le spiosradh.

EMBALMER, *s.* Fear-cuir spiosraidh air neach.

EMBAR, *v. a.* 1. Shut, enclose : dùin, glais, druid. 2. stop, hinder by prohibition, block up : bac, grab, cum air ais.

EMBARGO, *s.* Bacadh, grabadh.

EMBARK, *v. a. et n.* 1. Put on shipboard : cuir air bòrd cuir an long. 2. engage another in any affair : cuir an greim. 3. go on shipboard : rach air bòrd. 4. engage in any affair : gabh gnothach fo 's làimh.

EMBARRASS, *v. a.* Aimbreithich, cuir brionglaid air, grab, amail, cuir thar a chèile, cuir an imcheist.

EMBARRASSMENT, *s.* Amladh, grabadh, imcheist, teinn.

EMBASE, *v. a.* 1. Vitiate, depauperate, deprave : truail, mill, dean suarach. 2. degrade, vilify : cuir an dimeas, dean suarach.

EMBASEMENT, *s.* Milleadh, truailleadh, dol a mugh.

EMBASSAGE, } *s.* 1. A public message, a message
EMBASSY, } concerning business between princes
and states : teachdaireachd rìgh. 2. any message : teachdaireachd.

EMBATTLE, *v. a. et n.* 1. Range in order or array of battle : cuir an òrdugh blàir. 2. be ranged in battle array : bi an òrdugh blàir.

EMBEAY, *v. a.* Dùin an geartha, druid an camus.

EMBELLISH, *v. a.* Sgeadaich, maisich, sgiamhaich, breaghaich, dean rìomhach.

EMBELLISHMENT, *s.* Sgèimh, sgeadachadh, breaghachd, rìomhadh.

EMBERS, *s.* Griosaich, beò-ghriosaich, guailleanan.

EMBEZZLE, *v. a.* 1. Appropriate by breach of trust : goid, ceil cuid neach eile. 2. waste, swallow up in riot : cait, mill, mi-ghnàthaich.

EMBEZZLEMENT, *s.* Goid, cumail cuid neach eile, cleith ni nach buin da, mi-ghnàthachadh airgid.

EMBEZZLER, *s.* Fear-dèanaimh buil do chuid neach eile.

EMBLAZE, } *v. a.* 1. Adorn with glittering embel-
EMBLAZON, } lishments : òr, dean lannireach. 2.
blazon, paint with ensigns armorial : tarraing gearradh arm, sgiamhaich le suaicheantas.

EMBLAZONER, *s.* Fear nochdaidh gu loiseamach.

EMBLAZONARY, *s.* Dealbhan air sgiathan cogaidh.

EMBLEM, *s.* 1. Inlay, enamel : lìng. 2. an occult representation, an allusive picture : samhlahd, riochd, coltas, mac-samhailt.

EMBLEM, *v. a.* Samhlaich, riochdaich.

EMBLEMATIC, } *adj.* Samhlach, cosmhuil.
EMBLEMATICAL, }

EMBLEMATICALLY, *adv.* See Emblematical.

EMBLEMENTS, *s.* Buannachd treabhaidh.

EMBOLISM, *s.* See Intercalation.

EMBOSS, *v. a.* 1. Form with protuberances : grabhal, breac cnapaich. 2. engrave with relief, or rising work : grabhal, breac, carbh. 3. enclose : dùin, druid a stigh. 4. hunt hard : ruith, ruaig, lean an t-sealg.

EMBOSSEMENT, *s.* 1. Any thing standing out from the rest : òrìdh, cnap, grabhaladh. 2. relief, rising work : grabhaladh, obair ghreis.

EMBOW, *v. a.* Cuir bogh' air.

EMBOWEL, *v. a.* 1. Eviscerate, deprive of the entrails : thoir am mionach à. 2. bury within any other substance : cuir am mionach, cuir am broinn.

EMBOWELLER, *s.* Fear-toirt a mach mionach.

EMBRACE, *v. a. et n.* 1. Hold fondly in the arms . glac, cniadach, caidrich, pòg. 2. seize ardently, or eagerly, welcome : fàiltich, cuir furan air. 3. comprehend, take in : gabh a stigh, fill ann. 4. comprise, enclose : dùin a stigh. 5. admit, receive : gabh fi. 6. join in an embrace : bi glacadh gu caidreach.

EMBRACE, } *s.* Glacadh caidreach, pòg, fàilt-
EMBRACEMENT, } eachadh, cniadachadh, caidreachmh.

EMBRACER, *s.* Fear-caidreamh, eniadaiche.
 EMBRACING, *s.* Glacadh caidreamh, pògadh, fàilteachadh, eniadaichadh.
 EMBRASURE, *s.* Bàrr'-bhalla.
 EMBROGATE, *v. a.* Suath le acfuinn leighis.
 EMBROCATION, *s.* Suathadh le acfuinn leighis.
 EMBROIDER, *v. a.* Cuir obair ghréis air, blàth-oibrich, gréis.
 EMBROIDERER, *s.* Fear-dèanaimh obair ghréis.
 EMBROIDERY, *s.* Obair-ghréis.
 EMBROIL, *v. a.* 1. Confuse, distract : aimbreitich, cuir thar a chèile, tog caonnag, buair. 2. perplex, entangle : aimhreitich, dean ni-riaghailt, cuir an imcheist, cuir an amladh.
 EMBROILMENT, *s.* Aimhreit, buaireas, troimh chéile.
 EMBRYO, } *s.* 1. The offspring yet unfinished in
 EMBRYON, } the womb : ceud-fhàs, torrachas anabuibh. 2. the state of any thing yet unfinished : anabuicheadh.
 EMBRYON, *adj.* Anabuich.
 EMENDATION, *s.* Leasachadh, càramh, ceartachadh atharrachadh, deanamh ni 's feàrr.
 EMENDATOR, *s.* Fear-leasachaidh, fear-càramh.
 EMENDATORY, *adj.* A' leasachadh, a' deanamh ni 's feàrr.
 EMERALD, *s.* Smarag.
 EMERGE, *v. n.* 1. Rise out of any thing in which it is covered : éirich an àirde, thig an uachdar, thig as. 2. issue, proceed : thig a mach, thig an fradharc, plaosg. 3. rise, mount from a state of depression and obscurity : thig an fradharc, nochd thu féin.
 EMERGENCE, } *s.* 1. The act of rising out of any
 EMERGENCY, } fluid by which any thing is covered : éiridh an uachdar. 2. the act of rising into view : teachd an fradharc, plaosgadh. 3. unexpected casualty : tubaist, càs, tachartas.
 EMERGENT, *adj.* 1. Rising into view : ag éiridh, a' teachd an follus. 2. proceeding, or issuing from any thing : sruthadh, a' teachd o. 3. sudden, unexpected, casual : tuiteamach, tubaisteach, cruadalach.
 EMERODS, } *s.* Neasgaidean fola.
 EMEROIDS, }
 EMERSION, *s.* Éiridh, teachd an fradharc.
 EMERY, *s.* Seòrsa meinn iaruin.
 EMETIC, *s.* Purgaid thilgidh.
 EMETIC, } *adj.* Sgeitheach, a hi dìobhuirt.
 EMETICAL, }
 EMETICALLY, *adv.* See Emetical.
 EMICATION, *s.* Boillsgealachd, drisean.
 EMICTION, *s.* Mùn, fuail.
 ENIGRANT, *s.* Fear-fuadain, fear-iomraill, fear-imrich.
 ENIGMATE, *v. n.* Rach imrich gu tìr eile, fàg an dùthaich.
 EMINENCE, } *s.* 1. Loftiness, height : àirde. 2.
 ENINENY, } summit, highest part : mullach. 3. a part rising above the rest : éiridh. 4. exaltation, conspicuousness : àirde mòr-inbhe, meas, urram. 5. supreme degree : mòrachd, àrd onoir. 6. a title given to cardinals : mòrachd.

EMINENT, *adj.* 1. High, lofty : àrd, mòr, urramach. 2. dignified, exalted : urramach, measail, ainmeil. 3. conspicuous, remarkable : sònruichte, conharraichte.
 EMINENTLY, *adv.* See Eminent.
 EMISSARY, *s.* 1. One sent out on private messages, a spy : fear-brathaidh, teachdaire diomhair. 2. one that emits, or sends out : fear-cuir a mach.
 EMISSION, *s.* Leigeadh a mach, leigeadh fo sgaoil.
 EMIT, *v. a.* 1. Send forth, let go : leig a mach, cuir uait. 2. let fly, dart : tilg, saighead.
 EMMET, *s.* Seangan.
 EMMEW, *v. a.* Iom-dhruid, fangaich.
 EMOLLIENT, *adj.* Tlàth, thusail, sèimh, caomh, maoth.
 EMOLLIENT, *s.* Iocshlaint thusail.
 EMOLUMENT, *s.* Buannachd, tairbhe.
 EMOLUMENTAL, *adj.* Buannachdail, tarbhach.
 EMOTION, *s.* Gluasad-intinn, iomluasgadh.
 EMPALE, *v. a.* 1. Fence with a pale : daingnich, cuir callaid mu. 2. fortify : daingnich, cuir callaid mu. 3. enclose, shut in : iomdhruid, dùin a stigh. 4. put to death by spitting on a stake fixed upright : torchuir, troimh-lot.
 EMPALEMENT, *s.* Torchradh.
 EMPANNEL, *v. a.* Gairm luchd deuchainn gu cùirt.
 EMPARK, *v. a.* Iomdhruid, dùin le callaid.
 EMPASSION, *v. a.* Cuir fuaidh bluairesas.
 EMPEOPLE, *v. a.* Cuir an comunn.
 EMPERESS, *s.* Ban mhòr-rìgh, ban mhòr-fhlath.
 EMPEROUR, *s.* Mòr-rìgh, mòr-fhlath.
 EMPHASIS, *s.* Neart a' ghutha, cudthrom.
 EMPHATIC, } *adj.* 1. Foreible, strong, striking :
 EMPHATICAL, } làidir, neartmhor. 2. striking the sight : làidir.
 EMPIERCE, *v. a.* Troimh-lot, torchuir, sàth, bior.
 EMPIRE, *s.* 1. Imperial power, supreme dominion : uachdranachd, mòr-chunbhachd. 2. the region over which dominion is extended : mòr rìoghachd.
 EMPIRIC, *s.* Léigh gun còlas.
 EMPIRIC, } *adj.* Deuchainneach, teagamhach, a'
 EMPIRICAL, } toirt dheuchainnean.
 EMPIRICALLY, *adv.* See Empirical.
 EMPIRICISM, *s.* See Quackery.
 ENPLASTER, *v. a.* Cuir plàs' air.
 ENPLASTIC, *adj.* Glodhach, plàsach, righinn.
 EMPLOY, *v. a.* 1. Busy, keep at work, exercise : thoir obair do, oibrich, gnàthaich. 2. use as an instrument : gnàthaich, cleachd. 3. commission : thoir comas do. 4. fill up with business : lìon le gnòthaichean.
 EMPLOY, *s.* See Employment.
 EMPLOYER, *s.* Fear toirt oibre.
 EMPLOYMENT, *s.* 1. Business, object of industry : gnòthach, obair. 2. business, the state of being employed : dèanamh. 3. office, post of business : dreuchd, cèaird. 4. business intrusted : gnòthach.
 EMPISON, *v. a.* See Poison, *v. a.*
 ENPOISONER, *s.* Fear-puinsionachaidh.
 ENPOISONMENT, *s.* Puinsionachadh.
 EMPORIUM, *s.* Baile-margaidh, margadh.

EMPOVERISH, *v. a.* Dean bochd, dean ainnis, thoir gu aimbeart.

ENPOVERISHER, *s.* Fear-deanaimh bochd.

ENPOVERISMENT, *s.* Aimbeart, bochduinn.

EMPOWER, *v. a.* 1. Authorize, commission: thoir comas, thoir ùghdarras, thoir barantas. 2. give natural force, enable: dean comasach, thoir comas.

EMPRESS, *s.* Ban mhòr-rìgh, ban-rìgh.

EMPTIER, *s.* Fear-deanaimh falamh.

EMPTINESS, *s.* 1. Absence of plenitude: falamhead. 2. a void space: àite falamh. 3. want of substance, or solidity: falamhead. 4. unsatisfactoriness: falamhead. 5. vacuity of head, want of knowledge: falamhead, aineolas.

EMPTY, *adj.* 1. Void, having nothing in it: falamh. 2. evacuated, no longer full: falamh, fàs, faoin. 3. devoid, unfurnished: falamh, easbhuidheach. 4. unsatisfactory, unable to fill the mind or desires: falamh, neo-chomhlionta. 5. hungry: oc-rach. 6. vacant of head, ignorant: aineolach. 7. unfruitful, barren: neo-thorrach, seasg. 8. wanting substance, vain: faoin, gun bhligh.

EMPTY, *v. a. et n.* 1. Evacuate, exhaust: falmh-àigh tràigh. 2. become empty: fàs falamh, tràigh.

EMPURPLE, *v. a.* Dath dearg.

EMPUZZLE, *v. a.* Cuir an imcheist, cuir an breathal.

EMPYREAL, *adj.* Nèamhaidh, adharail.

EMPYREAN, *s.* Flaithceanas, na nèamhan a 's àirde.

EMPYREUM, *s.* Bràth-losgadhl.

EMPYREUMA, *s.*

EMPYROSIS, *s.* Comh-losgadh.

EMULATE, *v. a.* 1. Rival: dean comh-fharpais, dean comh-strì, dean strì. 2. be equal to, rise in equality with: dean comh-fharpais, dean comh-ortas. 3. imitate, copy, resemble: lean cleachdadh nach.

EMULATION, *s.* 1. Rivalry, desire of superiority: comh-fharpais, comh-ortas, strì, spàirn comh-dheuchainn. 2. envy, desire of depressing another: comh-fharpais, farmad, cud, comh-strì.

EMULATIVE, *adj.* Comh-fharpuiseach, eudmhor.

EMULATOR, *s.* Comhlannach fear comh-strì.

EMULGE, *v. a.* Bleagh, leig.

EMULGENT, *adj.* A' bleoghan.

EMULOUS, *adj.* 1. Rivalling, engaged in competition: comh-fharpuiseach, eudmhor. 2. factious, contentious: comh-stritheach, comh-fharpuiseach.

EMULOUSLY, *adv.* See Emulous.

EMUSCATION, *s.* Glanadh o mhòinteach.

ENABLE, *v. a.* Dean comasach, thoir comas, neartaich.

ENACT, *v. a.* Daingnich, òrduich, comh-shuidhich, àithn, reachdaich.

ENACT, *s.* Rùn, reachd, òrdugh.

ENACTOR, *s.* Reachdair.

ENAMEL, *v. a. et n.* 1. Inlay, variegate with colours: dealtraich, tarruing dealbh an. 2. practise the use of enamel: bi dealtraich.

ENAMOUR, *v. a.* Gràdhaidh, cuir an gaol.

ENARRATION, *s.* See Explanation.

ENATATION, *s.* Snàmh.

ENCAGE, *v. a.* Cuir an cuing, cròidh.

ENCAMP, *v. a. et n.* 1. Form an army into a regular camp: campaich. 2. pitch tents: campaich.

ENCAMPING, *s.* Campachadh, leagail campa.

ENCAMPMENT, *s.* 1. The act of encamping, or pitching camps: campachadh. 2. a camp: camp, campa.

ENCASE, *v. a.* Dùin am bocsa.

ENCAVE, *v. a.* Fòluich an uamhaibh.

ENCHAFE, *v. a.* Feargaich, eargnaich, brosnuich.

ENCHAIN, *v. a.* 1. Fasten with a chain: ceangail air slabhraidh. 2. link together, concatenate: comh-chuibhrich.

ENCHANT, *v. a.* 1. Give efficacy to any thing by songs, or sorcery: cuir fuidh gheasaibh, cuir buits-eachd air. 2. delight in a high degree: dean ro-shòlasach.

ENCHANTER, *s.* Geasadair, druidh, buitseach.

ENCHANTINGLY, *adv.* Le cumhadh druidheachd.

ENCHANTMENT, *s.* 1. Magical charms: geasadair-eachd, druidheachd, buitseachd. 2. irresistible influence, overpowering delight: àrd-shòlas, mòraibhneas.

ENCHANTRESS, *s.* 1. A sorceress: buitseach, ban-fhiosaich. 2. a woman whose beauty, or excellencies give irresistible influence: té mheallaidh gràidh, maise mnà.

ENCHASE, *v. a.* 1. Infit: dùin mu 'n cuairt, ceangail a stigh. 2. engrave: grabhail.

ENCIRCLE, *v. a.* Cuairtich, iomdhruid.

ENCIRCLET, *s.* Cuairt, fàinne.

ENCLOISTER, *v. a.* Dùin an tigh chailleacha dubha.

ENCLOSE, *v. a.* 1. Part from things, or grounds common, by a fence: dùin. 2. environ, encircle, surround: dùin, cuairtich, iomdhruid.

ENCLOSER, *s.* Fear-iomdhruiddh.

ENCLOSURE, *s.* 1. The act of enclosing, or enviroing any thing: dùnadh, iathadh mu, cuartachadh, iomdhruideadh. 3. space enclosed: dùnadh, lann.

ENCOMIAST, *s.* Fear molaidh.

ENCOMIASTIC, *adj.* Moltach.

ENCOMIASTICAL, *adj.*

ENCOMIUM, *s.* Moladh, cliù.

ENCOMPASS, *v. a.* 1. Enclose, encircle: dùin, iomdhruid. 2. shut in, surround, environ: dùin, iomdhruid, cuir an lann. 3. go round any place: cuairtich, iadh mu.

ENCOMPASSMENT, *s.* Cuartachadh, dol mu 'n cuairt, iadhaidh.

ENCORE, *adv.* A rìs, uair eile.

ENCOUNTER, *s.* 1. Duel, single fight, conflict: còmhlan comhrag-deise, còmhrag. 2. battle, fight in which enemies rush against each other: cath, còmhrag. 3. eager and warm conversation either of love, or anger: dian chòmhradh. 4. accidental congress: coinneamh, còdhail. 5. accosting, transient, or unexpected address: tachairt, coinneamh.

ENCOUNTER, *v. a. et n.* 1. Meet face to face, front: coinnich, cuir aghaidh ri aghaidh. 2. meet in a hostile manner, rush against in conflict: buail air còmhrag, tachair air, cuir aghaidh ri aghaidh. 3. meet with reciprocal kindness: tachair, thoir coinneamh do, coinnich. 4. oppose, oppugn: cuir an

agaidh. 5. meet by accident : tachair. 6. rush together in a hostile manner, conflict : cog, bi cath, tachair an cath. 7. meet face to face : coinneach.

ENCOUNTERER, *s.* Comhlannach, nàmhaid.

ENCOURAGE, *v. a.* 1. Animate, incite to any thing : misnich, broснаich, beothaich. 2. give courage to, support, embolden : thoir misneach do, cuir misneach ann.

ENCOURAGEMENT, *s.* 1. Incitement to any action, or practice, incentive : misneach, broснаachadh. 2. favour, countenance, support : misneach, fàbhar, còmhnaidh, taobh.

ENCOURAGER, *s.* Fear-misneachaidh.

ENCRIPSED, *adj.* Camagach, dualach, fainneach.

ENCROACH, *v. a. et n.* 1. Make invasions upon the right of another : thig air a chrich, iomglabh. 2. advance gradually and by stealth upon that to which one has no right : thig thar a crìch gun fhios. 3. pass bounds : rach thar a crìch.

ENCROACHER, *s.* Fear gabhail gun-laghail, fear leamh.

ENCROACHMENT, *s.* Gabhallas, ionghabhail.

ENCUMBER, *v. a.* 1. Clog, load, impede : luchdaich, grab, cuir trom air. 2. entangle, embarrass, obstruct : grab, bac, amail, cuir éir' air.

ENCUMBRANCE, *s.* 1. Clog, load, impediment : cud-throm, trom, uallach, callach, éire, amlach, grabadh. 2. encrescence, useless addition : uallach, callach.

ENCYCLOPEDIA, { *s.* Uile-fhoghlum, eòlas gach ni.

ENCYCLOPEDY, }

ENCYCLOPEDIST, *s.* Fear-cruinneachaidh leabhraichean uile foghlum.

ENCRYPTED, *adj.* Ann am balg.

END, *s.* 1. Extremity, or last part in general : deireadh, crìoch, finid. 2. the last particle of any assignable duration : crìoch, deireadh. 3. the conclusion, or last part of any thing : deireadh, crìoch, ceann. 4. final determination, conclusion of debate, or deliberation : deireadh, comh-dhùnadh. 5. death, decease : crìoch, bàs. 6. cessation, period : deireadh, crìoch. 7. abolition, total loss : crìoch, tilgeadh bun os ceann. 8. consequence, conclusive event : crìoch, deireadh, comh-dhùnadh.

END, *v. a. et n.* 1. Terminate, conclude, finish : crìochnaich, cuir crìoch air, thoir gu crìch. 2. destroy, put to death : crìochnaich, marb. 3. come to an end, be finished : thig gu crìch. 4. die : crìochnaich, bàsaich. 5. terminate, conclude : crìochnaich, comh-dhùin. 6. cease, fail : sguir.

ENDAMAGE, *v. a.* Dochaillinn, mill, ciùrr.

ENDAMAGING, *s.* Call, milleadh, dolaidh, docthann ciùrradh.

ENDANGER, *v. a.* Cunnartaich, cuir an cunnart, cuir am baoghal.

ENDANGERMENT, *s.* Cunnart, baoghal.

ENDEAR, *v. a.* 1. Make dear, make beloved : tathaich, tulaidh, tarraing spèis, dean gràdhach. 2. make dear, raise the price' of any thing : àrdaich an luach, daoraich.

ENDEARMENT, *s.* 1. The cause of love, means by which any thing is endeared : ionnshuinneachd, gràdhmhorachd, fàth gaob, beadradh. 2. the state of being endeared : ionnshuinneachd, gràdhmhorachd.

ENDEAVOUR, s. Oidhirp, deuchainn, dìchioll, ionnsuidh, saothair.
ENDEAVOUR, v. a. et n. 1. Attempt, essay : thoir-iripich thoir deuchainn, dean dìchioll. 2. labour to a certain purpose, work for a certain end : thoir oidhirp, feuch ri.
ENDEAVOURER, s. Fear-deuchainn.
ENDENIZE, v. a. See Enfranchise.
ENDER, s. Fear-crìochnachaidh.
ENDING, s. 1. Conclusion, 'consequence' : crìoch, comh-dhùnadh. 2. termination of life : crìoch, bàs. 3. cessation of any action : crìoch, ceanndeiridh.
ENDITE, v. n. Coimh-dhean.
ENDITER, s. 1. An accuser : casaidiche. 2. a composer, a writer, an author : sgrìobhadair, ùghdair.
ENDLESS, adj. 1. Having no end : neo-chrìochnach, gun cheann. 2. infinite in extent or duration : neo-chrìochnach, maireannach, sìorruidh bith-bhuan. 3. incessant, continual : a ghnàth, sìorruidh.
ENDLESSLY, adv. See Endless.
ENDLESSNESS, s. Maireannachd, maireachduinn, buanas, neo-chrìochnuidheachd, sìorruidheachd.
ENDING, adv. Air fhad.
ENDMOST, adv. Air a cheann a 's fàid' as.
ENDORSE, v. a. Cùl-sgrìobh.
ENDORSEMENT, s. 1. Superscription : cùl-sgrìobhadh. 2. the name of a proprietor or endorser of a bill of exchange : ainm fir-boinne. 3. ratification : daingneachadh.
ENDORSER, s. Fear d' am buin a' bhann.
ENDOW, v. a. 1. Enrich with a portion : thoir tochradh, thoir cuibhrionn. 2. supply with any external good : thoir cuibhrionn, beartaich. 3. enrich with any excellence : beartaich, dean saobhair.
ENDOWER, s. Fear-buileachaidh cuibhrinn.
ENDOWMENT, s. 1. Wealth bestowed to any person or use : saobhras, beartas, tiodhlac airgid. 2. the bestowing or assuring a dower : tochradh. 3. gifts of nature : fear, càil, tuigse, eòlas.
ENDUE, v. a. Tiodhlac, bàrig, builich.
ENDRUDGE, v. a. Dean tàrlaid dheth.
ENDURANCE, s. 1. Continuance : maireannachd, buanas. 2. patience, sufferance : foighidinn, giùlan le. 3. state of suffering : fulang.
ENDURE, v. a. et n. 1. Bear, sustain : fùlaing, giùlain. 2. last, remain, continue : mair, fan, fuirich. 3. brook, bear, admit : giùlain le, fùlaing.
ENDURER, s. 1. Sustainer : fear-fùlaing. 2. continuer, laster : fear a bhàireas.
ENDWISE, adv. Air a cheann, 'n a sheasamh dìreach.
ENEMY, s. 1. A public foe : nàmh, nàmhaid, cas-caraid. 2. a private opponent : nàmhaid, eas-caraid. 3. one who regards another with malevolence : nàmhaid, fear-fuath, fear-diomb. 4. (in theology) the fiend, the devil : nàmhaid, diabol, eas-caraid.
ENERGETIC, } adj. 1. Forceible, strong : làidir,
ENERGETICAL, } neartmhor. 2. operative, active :
 giùlmhach, dèanadach.
ENERGETICALLY, adv. See Energetical.
ENERGY, s. 1. Power, force, vigour : comas, neart, spionnadh, tàbhachd. 2. faculty, operation : fear,

lùth. 3. strength of expression : sgairt, spionnadh.
 ENERVATE, *v. a.* Lagaich, meataich.
 ENERVATE, *adj.* Lagaichte, meataichte.
 ENERVATION, *s.* Meatachadh, lagachadh, amhunnachadh.
 EXFERRE, *v. a.* Lagaich, thoir a lùths as, amhunnach.
 EXFOFF, *v. a.* Cuir an seilbh, gabh seilbh, tog clach is ùir.
 EXFOFFMENT, *s.* Gabhail seilbh, togail cloich is ùir, bann-seilhe.
 EXFLADE, *s.* Cunglach, bealach cumhang.
 ENFORCE, *v. a. et n.* 1. Give strength to : neartaich, thoir spionnadh do, spàrr. 2. make or gain by force : faigh, éignich. 3. instigate, provoke, urge on : spàrr, spread, stuig. 4. urge with energy : sgàrr, earalaich. 5. compel, constrain : coimh-éignich. 6. attempt by force : oidhirpich. 7. prove, evince : dearbhl.
 ENFORCEMENT, *s.* 1. Compulsion : éigneachadh, coimh-éigneachadh. 2. sanction : toil, cead, aont' an uachdarain. 3. urgent evidence : dearbhadh.
 ENFORM, *v. a.* See Fashion.
 ENFRANCHISE, *v. a.* 1. Admit to the privilege of a freeman : dean 'n a shaoranach, thoir seachad da saorsa baile-margaidh. 2. set free from slavery : saor, thoir saorsa do. 3. release from custody : leig saor, fuasgail o chuibhreach.
 ENFRANCHISEMENT, *s.* 1. Investiture of the privileges of a denizen : saorsa baile-margaidh, saorsa. 2. release from prison or from slavery : fuasgladh, saoradh.
 ENGAGE *v. a. et n.* 1. Make liable for a debt to a creditor : gabh os làimh, geall, ceangail, freagair air son. 2. impawn, stake : cuir an geall, cuir air son. 3. enlist : fasdaidh, ceangail ri. 4. embark in an affair : gabh gnothach ri. 5. induce, win : coisinn, meall, tàlaidh, tataidh. 6. bind by an appointment : ceangail. 7. employ, hold in business : cuir an gnìomh. 8. encounter, fight : cath. 9. conflict, fight : cog. 10. embark in any business : gabh gnothach os làimh.
 ENGAGEMENT, *s.* 1. Obligation : gabhail os làimh, gealladh, cùmhant. 2. adherence to a party or cause : ceangal, aonadh. 3. employment of the attention : beachdachadh. 4. fight, conflict, battle : cath, còmharg, blàr.
 ENGAGINGLY, *adv.* Air mhòd tàlaidh.
 ENGAOL, *v. a.* Priosanaich, dùin a stigh.
 ENGARRISON, *v. a.* Dian le daingneach.
 ENGENDER, *v. a. et n.* 1. Beget between different sexes : gin. 2. produce, form : gin, dealbh, cum. 3. excite, cause, produce : thoir a mach, gin. 4. bring forth : beir. 5. be caused, be produced : bi gintinn.
 ENGINEERER, *s.* Fear-gintinn, fear-gineamhuinn.
 ENGINE, *s.* Inneal, uidheam, beart.
 ENGINEER, *s.* 1. One who manages engines : fear-seòlaidh inneal, inneachdair. 2. a maker of engines : fear-deanaimh innealan.
 ENGINEERY, *s.* 1. The art of managing artillery : gunnaireachd. 2. artillery : gunnagan mòra. 3. any device or contrivance : inneachd.

ENGIRD, } *v. a.* Iomdhruid, iadh, teannaich, crios-
 ENGIRT, } laich.
 ENGLAND, *s.* Sasunn.
 ENGLISH, *adj.* Sasunnach.
 ENGLISH, *s.* 1. The people of England : Sasunnach. 2. the language of England : Beurla.
 ENGLISH, *v. a.* Eadar-theangach gu Beurla.
 ENGLUT, *v. a.* See Glut.
 ENGORGE, *v. a. et n.* 1. Swallow, devour, gorge : sluig, glam, glut. 2. devour, feed with eagerness and voracity : glut, glam.
 ENGRAFTED, *adj.* Suidhichte, air a leagadh ann.
 ENGRAIN, *v. a.* Dath trom.
 ENCRAPPLE, *v. n.* Teann-ghlac, greimich, theirig an casgair dhòrn.
 ENGRASP, *v. a.* Teann-ghlac, gramaich, greimich.
 ENGRAVE, *v. a.* 1. Picture of incisions in any matter : grabhal. 2. mark wood or stone : gearr, grabhail, snaidh. 3. impress deeply, imprint : cuir ail' ann, spàrr air. 4. bury : adhlai.
 ENGRAVER, *s.* Grabhlaiche.
 ENGRAVING, *s.* 1. The work of an engraver : grabhaladh, gearradh. 2. the art of engraving : grabhaladh.
 ENGROSS, *v. a.* 1. Thicken, make thick : tiughach, dean dòmhail. 2. increase in bulk : dean dòmhail, dean tomadach, meudaich. 3. fatten, plump up : dean reamhar. 4. seize in the gross, seize the whole of any thing : glac chugad an t-iomlan. 5. purchase any commodity for the sake of selling at a high price : ceannaich an t-iomlan. 6. copy in a large hand : dean ath-sgrìobhadh garbh.
 ENGROSSER, *s.* Fear ceannaich an iomlan.
 ENGROSSING, } *s.* Ceannach an iomlan.
 ENGROSSMENT, }
 ENGULF, *v. a.* Tilg an geotha.
 ENHANCE, *v. a.* 1. Raise, advance, heighten in price : àrdaich, tog an luach. 3. raise in esteem : cuir barrachd meas air, àrdaich. 3. aggravate, increase : meudaich, an-tromaich.
 ENHANCEMENT, *s.* 1. Increase, augmentation of value : àrdachadh, togail. 2. aggravation, increase of ill : an-tromachadh.
 ENHANCER, *s.* Fear-meudachaidh luach.
 ENIGMA, *s.* Tòimhseachan, tòimhseagan, dubh-fhocal.
 ENIGMATICAL, *adj.* Tòimhseachanach, dorch, teaghlach, doilleir.
 ENIGMATICALY, *adv.* See Enigmatical.
 ENIGMATIST, *s.* Fear-tòimhseagan.
 ENJOIN, *v. a.* Òrduich, àithn, iarr, earalaich.
 ENJOINER, *s.* Fear-òrduich.
 ENJOINMENT, *s.* Òrduich, seòladh, àithne.
 ENJOY, *v. a. et n.* 1. Feel or perceive with pleasure : meal, gabh tlachd ann. 2. obtain possession or fruition of : meal, sealbhaich. 3. please, gladden : taitinn, toilich. 4. live in happiness : bi sona.
 ENJOYER, *s.* Fear-seilbh.
 ENJOYMENT, *s.* Toil-intinn, mealtuinn, sonas.
 ENKINDLE, *v. a.* 1. Set on fire, inflame : fàdaidh, las, beothaich, cuir 'n a theine. 2. incite to any act or hope : dùsg, brosnai.
 ENLARD, *v. a.* Buai.

ENLARGE, v. a. et n. 1. Make greater in quantity or appearance: meudaich, leudaich. 2. exaggerate, aibheisich. 3. dilate, expand: leudaich, cuir am farsuingeachd. 6. amplify: meudaich, àrd-aidh. 5. release from confinement: saor, cuir fuaidh sgaoil. 6. diffuse in eloquence: leudaich. 7. expatiate, speak in many words: leudaich, bi bith-bhriathrach.

ENLARGEMENT, s. 1. Increase, augmentation: meudachd, meudachadh, farsuingeachd, piseach. 2. release from confinement or servitude: fuasgladh, saoradh. 3. magnifying representation: aibheiseachadh. 4. expatiating speech: leudachadh.

ENLARGER, s. Fear-meudachaidh.

ENLARGING, s. Farsuingeachd, meudachd.

ENLIGHTEN, v. a. 1. Illuminate, supply with light: soillsich, soilleirich, thoir fradharc. 2. instruct, furnish with increase of knowledge: oil, teagasg, ionnsaich, soilleirich, soillsich. 3. cheer, exhilarate, gladden: beothaich, cuir dheth smalan.

ENLIGHTENER, s. Fear-soilleachaidh.

ENLINK, v. a. Ceangail, cuir an geamhail.

ENLIVEN, v. a. 1. Make quick, make alive, animate: beothaich, misnich. 2. make sprightly or vivacious: cuir dheth smalan, beothaich, cuir sunnd fuidhe.

ENLIVENER, s. Fear-beothachaidh.

ENLIVENING, s. Beothachadh.

ENMITY, s. 1. Unfriendly disposition, malevolence: naimhdeas, mì-rùn, gamhlas, fuath. 2. state of opposition: naimhdeas. 3. malice, mischievous attempts: mì-rùn, fuath.

ENNOBLE, v. a. 1. Raise from commonalty to nobility: uaislich, àrdaich, cuir an àireamh nam maith-ean, no, nam flath. 2. dignify, aggrandise: àrdaich, dean urramach. 3. make famous or illustrious: dèan ainmeil, dèan cliùiteach.

ENNOBLEMENT, s. 1. The act of raising to the rank of nobility: uaisleachadh, àrdachadh. 2. exaltation, elevation: àrdachadh, togail an urram.

ENNUY, s. Ciamalas, airtneal, fadal.

ENODATION, s. Fuasgladh sname.

ENORMITY, s. 1. Irregularity: mì-riaghailteachd, anabarrachd, uamhasachd. 2. deviation from right, depravity: gràinealachd, dèistinn. 3. atrocious crime: gràinealachd, uamharachd, aingidheachd.

ENORMOUS, adj. 1. Irregular: mì-riaghailteach. 2. wicked beyond the common measure: dèistinneach, aingidh. 3. exceeding in bulk the common measure: anabarrach, uamhasach, fuathasach.

ENORMOUSLY, adv. See Enormous.

ENOUGH, adj. Leòr.

ENOUGH, s. Leòr, pailteas.

ENOUGH, adv. Gu leòr.

EN PASSANT, adv. 'S an dol seachad.

ENQUIRE, v. a. See Inquire.

ENRAGE, v. a. Feargaich, ceargnaich, broснаich, cuir corruich air.

ENRANGE, v. a. See Range, v. a.

ENRANK, v. a. Sreathaich, cuir an òrdugh.

ENRAPTURE, v. a. Dean ro-aibhneach, dean ro-ait.

ENRAVISH, v. a. Cuir a leum le aibhneas.

ENRAVISHMENT, s. Aibhneas mòr.

ENRICH, v. a. 1. Make wealthy, make opulent: beartaich, dean beartach, saoi-bhrich. 2. fertilize, make fruitful: mathaich, leasaich. 3. store: trus, cruinnich.

ENRICHMENT, s. 1. Augmentation of wealth: saoi-bhreas, beartas. 2. amplification, improvement by addition: trusadh, cruinneachadh.

ENRING, v. a. Dean cuairt cheangal.

ENRIPEN, v. a. See Ripen.

ENROBE, v. a. Sgeadaich, éid, còmhdaich.

ENROL, v. a. 1. Insert in a roll, list or register: sgriobh sìos, ainmich, cuir an leabhar ainmean. 2. record, leave in writing: cuir sìos, sgriobh sìos. 3. involve, inwrap, fill: paisg, cuairsg, rol.

ENROLLER, s. Fear sgriobhaidh an ainm-chlàr.

ENROLMENT, s. Ainm-chlàr.

ENROOT, v. a. Bunaich, freumhaich.

ENROUND, v. a. Cuairtich.

ENSANGUINE, v. a. Dath le fuil.

ENSCONCE, v. a. Daingnich, didinn.

ENSEAM, v. a. Fuaigh.

ENSEAR, v. a. Loisg le iarunn, loisg.

ENSHIELD, v. a. Dion le sgéith.

ENSHRINE, v. a. Taisg gu cùramach, cuir an naomh-thasgadh.

ENSIFORM, adj. Claidheamhail.

ENSIGN, s. 1. The flag or standard of a regiment: bratach, meirghe, suaicheantas. 2. any signal to assemble: bratach, suaicheantas. 3. mark of distinction: suaicheantas. 4. the officer of foot who carries the flag: fear brataich.

ENSIGNCY, s. Inbhe fir brataich.

ENSLAVE, v. a. 1. Reduce to servitude: dean 'n a thràill, thoir gu tràillealachd, thoir am bruid. 2. make over to another as his slave, or bondman: thoir mar thràill, reic fu dhaoirs.

ENSLAVEMENT, s. Tràillealachd, daoirs.

ENSLAVER, s. Fear-toirt am bruid, fear-deanaimh thràillean.

GENTLE, *adj.* 1. Well born, well descended : uasal, inbheach, measail, mòr. 2. genteel, graceful : modhail, beusach, spèiseald, suairc. 3. soft, bland, mild : ciùin, sèimh, caomh, málta, bàigh-eil, sìobhail. 4. soothing, pacific : sìtheil, ceanalta, soitheamh.

GENTLE, *s.* See Gentleman.

GENTLEFOLK, *s.* Uaislean, muinntir uasal, daoine mòra.

GENTLEMAN, *s.* 1. A man of birth : duin' uasal, duine mòr. 2. a man raised above the vulgar by his character or post : duin' uasal, duin' inbheach. 3. a term of complaisance, sometimes ironical : duin uasal. 4. the servant that waits about the person of a man of rank : àrd-ghille duin' uasal.

GENTLEMANLIKE, *adj.* Modhail, beusach, mar

GENTLEMANLY, *adj.* duin' uasal.

GENTLENESS, *s.* 1. Dignity of birth : uaisle, àrd-theachd. 2. gentlemanly conduct : modhalachd, sìobhaltachd, suairceas. 3. softness of manners, sweetness of disposition : ciùine, sèimheachd, nacantas, caomhalachd, ceanaltas.

GENTLEWOMAN, *s.* 1. A woman of birth above the vulgar : bean-usal, ban-tighearn. 2. a woman who waits about the person of one of high rank : àrd-mhaighdean bean-usal.

GENTLY, *adv.* See Gentle.

GENTRY, s. 1. Birth, condition, rank: uaisle, breith inbheach, àrd-theachd. 2. class of people above the vulgar: daoine uaisle, uaislean, daoine mòra muinntir uasal.

GENUFLECTION, s. Glùn-làbadh.

GENUINE, adj. Fìor, glan, fallain, neo-thruaillte, fìrinnach.

GENUINELY, adv. See Genuine.

GENUINENESS, s. Fallaineachd, glainead, gnè neo-thruaillte.

GENUS, s. Dream, seòrsa, gnè.

GEOGRAPHER, s. Fear cé-ghrabbaidh, cruinn-còlaiche.

GEOGRAPHICAL, adj. Cruinn-eòlach.

GEOGRAPHICALLY, adj. See Geographical.

GEOGRAPHY, s. Cé-ghrabbadh, cruinn-eòlas, eòlas na cruinne.

GEOLOGY, s. Eòlas air gnè na cruinne.

GEOMANCER, s. Fiosaiche, druith.

GEOMANCY, s. Fiosachd, druithcheachd.

GEOMETER, s. See Geometrician.

GEOMETRIC, } adj. A bhuineas do chè-thomhas,
GEOMETRICAL, } a bhuinneas do chruinn-thomhas, cé-mheasach.

GEOMETRICALLY, adv. See Geometrical.

GEOMETRICIAN, s. Fear cruinn-thomhais, fear cé-thomhais, cé-mheasach.

GEOMETRY, s. Cé-thomhas, cé-mheas cruinn-thomhas.

GEORGE, s. Seòrsa, Deòrsa.

GEORGIC, s. Dàn thrahanachas.

GERENT, adj. A' giùlan, torrach.

GERFALCON, s. Gearr-chlamhan.

GERM, s. Fùran, failean.

GERMAN, s. 1. Brother, one approaching to a brother in proximity of blood: bràthair, caraid, dàimheach. 2. a native of Germany: Gearmailteach. 3. the language of the Germans: teanga Ghearmailteach.

GERMAN, adj. Gearmailteach.

GERMIMATE, v. a. et n. 1. Cause to sprout: thoir fàs air, thoir air cinneachadh. 2. shoot, sprout: cinnich, fàs, thig fo bhlàth.

GERMINATION, s. Ùr-fhàs, fàs, fochann, blàth.

GEST, s. See Deed.

GESTATION, s. Leth-tromachd, torraicheas.

GESTICULATE, v. a. et n. Dean lùth-chleasan, dean àmhuiltan.

GESTICULATION, s. Cleasachd, lùth-chleasachd, deas-charachd, àmhuiltan.

GESTICULATOR, s. Àmhuiltreach, lùth-chleasaich.

GESTICULATORY, adj. Lùth-chleasach.

GESTURE, s. 1. Action or posture expressive of sentiment: car, gluasad. 2. movement of the body: giùlan, gluasad, carachadh.

GESTURE, v. a. Caraich, gluais.

GET, v. a. et n. 1. Procure, obtain: faigh. 2. force, seize: glac, dean grìnn. 3. win by contest: coisinn, buidhinn. 4. have possession of, have: seilbhich. 5. begot: gin, dean clann fi. 6. gain as profit, gain by labour: coisinn, comh-aich. 7. learn: foghluin, ionnsaich. 8. put into

any state: cuir. 9. prevail upon, induce: cuir impidh air. 10. procure: solair, faigh. 11. draw, hook: tarruing, slaod. 12. betake, remove: falbh, imich. 13. remove by force or art: thoir air falbh, thoir á. 14. get off: cuir air falbh. 15. get over: faigh a chuid a's fearr. 16. get up: eirich, cuir air chois. 17. arrive at any state or posture by degrees with some kind of labour: ruig, faigh a dh'ionnsuidh. 18. fall, come by accident: tuit. 19. find the way: faigh. 20. go, repair: rach. 21. put one's self into any state: cuir. 22. become by any act what one was not before: bi. 23. get off: tàir as.

GETTER, s. 1. One who procures or obtains: fear-faotainn. 2. a begetter: gineadair.

GETTING, s. 1. Act of getting, acquisition: faighinn, faotainn. 2. gain, profit: cosnadh, buidhinn, buannachd, solar, tairbhe.

GEWGAW, s. Rud faoin, culaidh chleasachd, àilleagan suarach.

GHASTEUL, adj. 1. Dreary, dismal, melancholy: uamhannach, doilleir, gruamach, tiamhaidh, cianail. 2. dreadful, frightful: eagalach, oilleil.

GHASTFULLY, adv. See Ghaistful.

GHASTLINESS, s. Glas-neulachd, gnèis-aognachaidh.

GHAISTLY, adj. 1. Like a ghost, pale, dreadful: taibhseach, aogaidh, glas-neulach, tana, truagh, miuranta, bochd, smeilach. 2. horrible, shocking, dreadful: uamhasach déistinneach, fiadhaich, oilleil.

GHOST, s. 1. The soul of man: spiorad, anam. 2. a spirit appearing after death: spiorad, taibhs, taibhe, bòcan, tannasg, bodach. 3. give up the ghost: thoir a suas an deò. 4. the third person in the adorable Trinity: Spiorad.

GHOSTLIKE, adj. Aogaidh, aogail.

GHOSTLINESS, s. Spioradalachd.

GHOSTLY, adj. 1. Spiritual, belonging to the soul: spioradail, neo-fheòlbor. 2. having a character from religion, spiritual: spioradail, diadhaidh, cràbhach. 3. relating to apparitions of departed men: taibhseil.

GIANT, s. Fàmhair, athach, curaidh, gaisgeach.

GIANTESS, s. Ban-fàmhair, ban-athach, ban-ghaisgeach.

GIANTLIKE, adj. Athach, mòr mar fàmhair.

GIANTSHP, s. Gnàths fàmhair.

GIBBER, v. n. Dean blabhadraichd, labhair gun seadh.

GIBBERISH, s. Blabhadraichd, goileam, all-ghloir, giolam, cainnt chéard.

GIBBERISH, adj. Àrd-ghlòireach, goileamach.

GIBBET, s. 1. A gallows: croich. 2. any-traverse beams: croinn, no, maidean tarsuinn.

GIBBET, v. a. Croch.

GIBBOSITY, s. Croit, dronnag, pluc, meall.

GIBBOUS, adj. 1. Convex, protuberant: crotach, plucach, meallach. 2. crook-backed: dronnagach, crotach.

GIBBOUSNESS, s. Crotach, crotachd.

GIBCAT, s. Sean chat.

GIBE, v. a. et n. 1. Reproach by contemptuous

hints : fochaidich, mag, sgeig, dean fanaid, beum. 2. sneer : sgeig, dean tarhuis, mag, bi ri.

GIBE, *s.* Taibid, fochaid, magadh, sgeig, beum.

GIBER, *s.* Fanaidiche, sgeigear, fear-fochaid, fear-taibid.

GIBLING, *adv.* Gu fanaideach, gu taibideach, gu magail.

GIBLETS, *s.* Bàrr sgiathan geòidh.

GIBSTAFF, *s.* Bata putaidh.

GIDDILY, *adv.* See Giddy.

GIDDINESS, *s.* 1. The state of being giddy, or vertiginous : tuainealach, tuaicheal, cuartalan. 2. inconstancy, unsteadiness : luasganachd, sgaogachd, sgaogachas, guanachd, gogaideachd. 3. quick rotation, inability to keep its place : iomluaths, udal, tuainealach. 4. frolic, wantonness of life : sgaogachd, gòraiche.

GIDDY, *adj.* 1. Vertiginous : tuaichealach, tuainealach. 2. rotatory : a' dol mu chuairt, a' cuartalan. 3. inconstant, mutable, thoughtless : sgaogach, iomluath, caochlaideach, guanach, gaoitheanach. 4. that which causes giddiness : corrach, cas, tuainealach. 5. tottering, unfixed : neo-sheasmhach, udalach. 6. intoxicated, elated to thoughtlessness : gòrach, faoin.

GIDDY-BRAINED, *adj.* Eutrom, corr-cheannach, gaoitheanach.

GIDDY-HEAD, *s.* Corr-cheann.

GIDDY-HEADED, *adj.* See Giddy-brained.

GIDDY-PACED, *adj.* Luaineach, neo-shuidhichte.

GIER-EAGLE, *s.* Iolair-fhionn, iolair thimchiollach.

GIFT, *s.* 1. A thing given or bestowed : tiodhlac, tabhartas, àraichd, gibht. 2. the act of giving : tiodhlaicadh, buileachadh. 3. the right or power of bestowing : comas tabhairt, cumhachd. 4. oblation, offering : tabhartas. 5. a bribe : briob, duais. 6. power, faculty : comas, cumhachd, càil, feart.

GIFT, *v. a.* Tiodhlaic, thoir tabhartas, builich comas.

GIFTED, *adj.* 1. Given, bestowed : air a thoir, tiodhlaicte. 2. endowed with extraordinary powers : air faotainn comasan mòra, comasach.

GIG, *s.* 1. Any thing that is whirled round in play : roithlean, gille-mirein, srannan. 2. a dart or harpoon. See Fizzig. 3. a wanton girl : godag, sgaog. 4. a ship's wherry : fleasgairt, geòla mhòr. 5. a light vehicle with two wheels drawn by one horse : carbad aoin eich.

GIGANTIC, *adj.* Athach, mòr, tomadach, garbh, uamhasach.

GIGGLE, *v. n.* Bi gholcaireachd, dean frith-ghàire.

GIGGLER, *s.* Gholcair, fear gaireachdaich.

GIGOT, *s.* Alt sléine.

GILD, *v. a.* 1. Overlay with thin gold : dealtraich, òr. 2. cover with any yellow matter : dealtraich.

3. adorn with lustre : dean lasach, breaghach. 4. brighten, illuminate : soillsich, dealraich.

GILDER, *s.* 1. One who lays gold on the surface of any other body : fear-dealtraidh, fear-òraidh. 2. a coin about the value of twenty-pence : bonn-fhead sgillinn.

GILDING, *s.* Dealtradh, òradh.

GILL, *s.* 1. The apertures at each side of a fish's head : giùran. 2. the flaps that hang below the beak of a fowl : sprogaill. 3. the flesh under the chin : sprogaill, géilligan smige. 4. a kind of measure : siola, siolag. 5. ground-ivy : athar-lusa. 6. a fissure in a hill : còs, slochd.

GILL-HOUSE, *s.* Tigh-leanna.

GILLAY-FLOWER, *s.* Lus-leth-an t-samhraidh.

GIM, *adj.* Grinn, snasail.

GIMLET, *s.* Gimleid, tora beag, tora tàirnege.

GIMP, *adj.* Grinn, cuimr, guamach.

GIN, *s.* 1. A trap, a snare : paintear, ribe, lìon. 2. the spirit drawn by distillation from juniper berries : sùgh an aithil.

GIN, *v. a.* Paintitrich.

GINGER, *s.* Dinnsear.

GINGERBREAD, *s.* Aran dinnseir, aran milis.

GINGERLY, *adj.* Gu cùramach, gu faicilleach.

GINGERNESS, *s.* Grinneas, caomhalachd.

GINGIVAL, *adj.* A bhùineas do'n chàirein.

GINGLE, *v. a.* et *n.* 1. Shake so that a clattering noise shall be made : dean gliongarsaich. 2. utter a sharp clattering noise : gliong.

GINGLING, *s.* Gliong, gliongadh, gliongarsaich.

GINGLYMUS, *s.* Alt-cheangal.

GIP, *v. a.* Cut.

GIPSY, *s.* 1. A vagabond who pretends to foretell futurity commonly by palmistry or physiognomy : càrd fiosachd, ban-fhiosaiche baobh slùibhlach. 2. a name of slight reproach to a woman : caile.

GIRANDOLE, *s.* See Chandelier.

GIRD, *v. n.* et *n.* 1. Bind round : crioslaich, ceangail, crios. 2. put on so as to surround or bind : ceangail, crios, cuir mu. 3. fasten by binding : teannaich, crioslaich. 4. invest : cuairtich. 5. dress, habit, clothe : sgeadaich. 6. cover round as a garment : còmhdaich. 7. furnish, equip : uidh-eamaich, deasaich. 8. enclose, encircle : cuairtich, iadh mu. 9. reproach, gibe : mag, sgeig, fochaidich.

GIRD, *s.* Greim, treaghaidh, guin.

GIRDER, *s.* 1. The largest piece of timber in a floor : sail urlair. 2. a satirist : beuradair.

GIRDING, *s.* Còmhach.

GIRDLE, *s.* 1. Any thing drawn round the waist, and tied or buckled : crios, crios-leasraidh, baun. 2. enclosure, circumference : cuairt. 3. the zodiac : grian-chrios.

GIRDLE, *v. a.* See Gird.

GIRDLBELT, *s.* Crios cuim, crios leasraidh.

GIRDLER, *s.* Criosadair.

GIRL, *s.* Cailleag, nìonag, cailin, nighean.

GIRLISH, *adj.* Cailleamhuil, mar chailin.

GIRN, *v. n.* See Grin.

GIRT, *s.* 1. A band by which the saddle is fixed upon a horse : tarrach, beairt bhronn, goirt, bronnach diolta. 2. a circular bandage : crios ceangail.

GIRTH, *s.* 1. A saddle girt : See Girt, 1. 2. the compass measured by the girdle : dòmhlad, gairbhead, cuairt.

GIRTH, *v. a.* Crioslaich ceangail le tarrach, giortach.

GIVE, v. a. 1. Bestow, confer without any price or reward: tabhair, thabhair, thoir, bàirig, builich, tiodhlaic. 2. deliver: thoir, thoir seachad. 3. communicate: tabhair, compàirtich. 4. yield, not withhold: deònach, ceadaiù. 5. quit, yield as due: thoir thairis. 6. confer, impart: thoir, builich. 7. empower, commission: ceadach, thoir comas. 8. pay: pàidh, dìol, ioc. 9. utter, vent, pronounce: labhair, abair. 10. exhibit, shew: seall, nochd, taisbean. 11. addict, apply: thoir seachad, cleachd, gnàthaich. 12. resign, yield up: leig dhìot, leig seachad, thoir thairis. 13. conclude, suppose: comb-dhùin, smaoinich. 14. give away, transfer: thoir thairis, leig dhìot. 15. give back: thoir air ais. 16. give forth: cuir an cèill. 17. give the hand: thoir urram do. 18. give over, desist: sguir, stad. 19. give over, attach to: aon ri, ceangal ri. 20. give over, conclude lost: caill dhùil. 21. give over, abandon: leig dhìot. 22. give out: cuir an cèill. 23. give up, resign: sguir, thoir thairis. 24. give up, abandon: thoir a suas. 25. give up, deliver: thoir seachad. 26. give away: theirig gu taobh, géill. 27. relent, grow moist: taisich, fàs tais. 28. give back: rach air t-ais. 29. give in: strìochd, géill. 30. give into: gabh mar do bharail. 31. give off: sguir, leig tharad. 32. give out: leig o 's àird.

GIVER, s. Tabhartair, fear-buileachaidh.

GIVES, s. Geimhlean.

GIVING, s. 1. The act of bestowing any thing: buileachadh, tabhairt, tiodhlaic, compàirtichadh. 2. the act of alleging any thing: cuir an cèill, cur o 's àird.

GIZZARD, s. Sgròban, giaban, goil' còin.

GLACIAL, adj. Eighreadail, reòidhte, eighreach.

GLACIATE, v. n. Reòdh, tionndaidh gu eighre, no, deigh.

GLACIATION, s. Reòdhadh, còmhach le deigh.

GLACIOUS, adj. Deigheach, reòidhte, eighreadail.

GLACIS, s. Bruach dàimnich.

GLAD, adj. 1. Cheerful, gay: ait, aoibhinn, aoibhneach, subhach, aighearach, sunndach, cridheil. 2. wearing a gay appearance, fertile, bright: aoibhneach, ait. 3. pleased, elevated with joy: toilichte, ait, aoibhneach, buidheach. 4. pleasing, exhilarating: taitneach. 5. expressing gladness: aoibhneach, ait.

GLAD, } v. a. Dean aoibhneach, dean aoibhinn, **GLADDEN, }** dean ait, dean sunndach, sòlasach, tog.

GLADDER, s. Fear deanamh aoibhneach, fear sòlasachaidh.

GLADE, s. Réidhlean, còmlinard, blàr, ridhe.

GLADEN, } s. Riast.

GLADER, }

GLADIATOR, s. Basbair, gaisgeach, curaidh, fear-claidheimh, fear-cath air son gill.

GLADIATORIAL, adj. A bhuineas do luchd cath air son gill.

GLADLY, adv. See Glad.

GLADNESS, s. Aoibhneas, subhachas, gairdeachas, aiteas, toil-inntinn.

GLADSOME, adj. Aoibhneach, ait, sòlasach, buidheach, toilichte.

GLADSOMELY, adv. See Gladsome.

GLADSMENESS, s. Aoibhneas, subhachas, ceòl gaire.

GLAIR, s. 1. The white of an egg: gealagan uibhe.

2. any viscous transparent matter like the white of an egg: rud righinn, no, slamach.

GLAIR, v. a. Buaiù le gealagan uibhe.

GLANCE, s. 1. A sudden shoot of light or splendour: pladh, pladhach, boills. 2. a stroke or dart of the beam of sight: buille sùl, grad shealladh. 3. a snatch of sight, a quick view: aiteal, pladhach.

GLANCE, v. a. et n. 1. Move nimbly, shoot obliquely: siar, boills, saighead. 2. shoot a sudden ray of splendour: dearsaich, boills, thoir pladhach. 3. fly off in an oblique direction: saighead, ruith fiar, thoir siaradh. 4. view with a quick cast of the eye: dearc, grad amhaire, gabh pladhach dheth.

GLANCING, s. Pladhach sùl, sealladh grad.

GLANCINGLY, adv. Mar aiteal, mar phladhach.

GLAND, s. Fàireag.

GLANDERED, adj. Air am bheil an gràineasadh.

GLANDERS, s. Gràineasadh.

GLANDIFEROUS, adj. Cnodhach, fàireagach.

GLANDULAR, adj. Fàireagach.

GLANDULE, s. Fàireag bheag.

GLANDULOUS, adj. Fàireagach.

GLARE, v. a. et n. 1. Shoot such splendour as the eye cannot bear: boills, dearaich, soillsich. 2. shine so as to dazzle the eye: dearsaich, deàraich, boills. 3. look with fierce eyes: seall, no, amhaire gu fiadhaich. 4. shine ostentatiously: dears, bi loinnreach.

GLARE, s. 1. Overpowering splendour, lustre: boillsgeadh, deàradh, soills, lannair. 2. a fierce piercing look: dearcadh, sealladh fiadhaich.

GLAREOUS, adj. Righinn, gladhach.

GLARING, adj. Anabarrach, soilleir, follaiseach.

GLARINGLY, adv. See Glaring.

GLASS, s. 1. An artificial substance made by infusing fixed salts and flint or sand together, with a vehement fire: glainne, gloin, gloine. 2. a glass vessel of any kind: glainne, gloine. 3. a looking glass: gloine, sgàthan. 4. an hour glass: uair-eadair gainmich. 5. the destined time of man's life: gloine. 6. a cup of glass used to drink in: gloine, copan òil. 7. the quantity of wine usually contained in a glass: gloine, làn gloine. 8. a perspective glass: gloine-shealladh.

GLASS, adj. Do ghloine.

GLASS, v. a. See Glaze.

GLASS-FURNACE, s. Anhuinn ghloine.

GLASSGRINDER, s. Fear-bleith ghloineachan.

GLASSHOUSE, s. Tigh-ghloineachan.

GLASSMAN, s. Ceannaiche ghloineachan.

GLASSWORK, s. Obair-ghloineachan.

GLASSY, adj. Do ghloine, mar ghloine, réidh, mìn, soilleir.

GLAUCOUS, adj. Glas, liath.

GLAVE, s. Claidheamh leathann, claidheamh mòr.

GLAVER, *v. n.* Mol, dean miodal, brosguil.
 GLAVERER, *s.* Sodalach, fear-miodail, fear-brosguil.
 GLAYMORE, *s.* Claidheamh mòr.
 GLAZE, *v. a.* 1. Furnish with windows of glass : cuir uinneagan gloin' ann. 2. cover with glass : còmhdaich le gloine. 3. overlay with something shining and pellucid : dealtraich, dean loimreach.
 GLAZIER, *s.* Fear-deanaimh uinneagan gloine.
 GLEAM, *s.* Boillsgeadh, pladhaidh, aiteal, lannair dril.
 GLEAM, *v. n.* Boills, dèars, soillsich, las grad.
 GLEAMY, *adj.* Boillsgeach, dèarsach, drileach, dealrach, lasach.
 GLEAN, *v. a.* 1. Gather what the reapers leave behind : dioghluim, dioghlum. 2. gather any thing thinly scattered : trus, cruinnich, tionail.
 GLEAN, *s.* Dioghlum.
 GLEANER, *s.* 1. One who gathers after the reapers : fear-dioghlum. 2. one who gathers any thing slowly and laboriously : fear-trusaich, fear-tionail.
 GLEANING, *s.* Dioghlum, tionail.
 GLEBE, *s.* 1. Tùr, soil, ground : clod, caob, fòd. 2. the land possessed as part of the revenue of an ecclesiastical benefice : fonn ministèir, talamh, no, fearann eaglais.
 GLEBOUS, } *adj.* Clodach, caobach, fòideach.
 GLEBY, }
 GLEDE, *s.* Clamhan, clamham gobhlach.
 GLEE, *s.* 1. Joy, merriment, gaiety : mire, sunnd, aiteas, cridhealas, sìgradh. 2. a song sung in parts : luinneag eutrom, òran sìgraidh, ceapag.
 GLEED, *s.* Eibheal.
 GLEEK, *s.* 1. Music : ceòl. 2. a scoff, a joke : àbhachd, fearas chuideachd.
 GLEEN, *v. n.* Dèars, dealraich.
 GLEESOME, *adj.* Cridheil, sunndach.
 GLEET, *s.* Silteach, neagsaidh shilteach, iongar.
 GLEET, *v. n.* Ruith, sil, sruth iongar.
 GLEETY, *adj.* Silteach, iongarach.
 GLEN, *s.* Gleann.
 GLEWY, *adj.* Gladhadh, righinn.
 GLIB, *adj.* Sleamhuinn, min, réidh, so-rùithleadh.
 GLIB, *v. a.* 1. Castrate : spoth. 2. make smooth or glib : minich, dean réidh.
 GLIBBY, *adv.* See Glib, *adj.*
 GLIBNESS, *s.* Sleamhnad, mìnèad, réidheachd.
 GLIDE, *v. n.* 1. Flow gently and silently : slaod, gluais eutrom, siubhail ciùin. 2. pass on without change of step : sleamhaich, ruith gu slìom.
 GLIDE, *s.* Sleamhnachadh, siubhal min, dol sìos.
 GLIDER, *s.* Fear-sleamhnachadh.
 GLIMMER, *v. n.* Soillsich gu fann, dean lag sholus.
 GLIMMER, *s.* Breac-sholus, fann-sholus, frith-sholus.
 GLIMMERING, *s.* Fann-shealladh.
 GLIMPSE, *s.* 1. A weak, faint light : fann-sholus, solus lag. 2. a quick flashing light : pladhaidh, aiteal, dril, boillsgeadh. 3. transitory lustre : boillsgeadh, pladhaidh. 1. short feeling of enjoyment : sgleò, faileas, pladhaidh. 5. a short transitory view : pladhaidh, aiteal, sealladh grad.
 GLISTEN, *v. n.* Soillsich, boills, dealraich, dèarsaich.
 GLISTER, *v. n.* Soillsich, dealraich, dèars, boills.
 GLISTER, *s.* Boillsgeadh, dealradh, lannair.

GLISTERINGLY, *adv.* Gu soillseach, gu dèarsach.
 GLITTER, *v. n.* 1. Shine, gleam : dèars, boills, bi lannearach. 2. be specious, be striking : boills, dèars, bi breagha.
 GLITTER, }
 GLITTERING, } *s.* Dèarsadh, boillsgeadh, lannair.
 GLITTERING, *adj.* Boillsgeach, dèarsach, lannair.
 GLITTERINGLY, *adv.* See Glittering, *adj.*
 GLOAR, *v. a.* See Squint, *v. a.*
 GLOBARD, *s.* See Glow-worm.
 GLOBATED, *adj.* Cruinn.
 GLOBE, *s.* 1. A sphere, a ball : ball cruinn. 2. the terraqueous globe : cruinne, cruinne-cé. 3. a sphere in which the various regions of the earth are geographically depicted : dealbh na cruinne, dealbh a' chruinne-cé.
 GLOBOSE, *adj.* Cruinn, ceirsleach, cuarsgach.
 GLOBOSITY, *s.* Cruinn-chumadh.
 GLOBULAR, *adj.* Cruinn, air cumadh cruinn, ceirsleach.
 GLOBULE, *s.* Smùirnean, dùradan.
 GLOBULOUS, *adj.* See Globular.
 GLOMERATE, *v. a.* Ceirslich, cuairs, cruinnich.
 GLOMERATION, *s.* 1. The act of forming into a ball or sphere : ceirsleachadh, cuairsgeadh, cruinneachadh. 2. a body formed into a ball : ceirsle, cuairsgeadh, ball.
 GLOMEROUS, *adj.* Ceirsleach, cruinn, cuarsgach, cuairsgeach.
 GLOOM, *s.* 1. Imperfect darkness : gruaim, duibhre, dubhar. 2. cloudiness of aspect, sullenness : gruaim, mì-ghean, trom-inntinn, smalan, gruauman, goill, gulum.
 GLOOM, *v. n.* 1. Be cloudy, be dark : dorchaidh, bi gruaamach, bi neulach. 2. be melancholy, be sullen : bi gruaamach, bi fuidh mhi-ghean. 3. look darkly or dismally : seall gruaamach, cuir gruaim ort.
 GLOOMILY, *adv.* See Gloomy.
 GLOOMINESS, *s.* 1. Want of light : duibhre, neulachd, doilleireachd. 2. want of cheerfulness, melancholy : gruaamachd, mì-ghean.
 GLOOMY, *adj.* 1. Obscure, almost dark : dorch, doilleir, neulach, dubharach. 2. dark of complexion : lachduinn, odhar. 3. sullen, melancholy : gulumach, gruaamach, trom-inntinneach, cianail.
 GLORIFICATION, *s.* Glòireachadh, cliùthachadh, moladh.
 GLORIFY, *v. a.* 1. Procure honour or praise to one : glòirich, glòraich, cliùthaich, adhmhol, àrdaich. 2. pay honour or praise in worship : glòirich, thoir aoradh, thoir urram, thoir glòir. 3. praise, honour, extol : mol, cliùthaich, adhmhol. 4. exalt to glory in heaven : glòraich, thoir gu glòir, naomhaich.
 GLORIOUS, *adj.* 1. Noble, illustrious, excellent : òirdheir, glòrmhor, allail, naomh. 2. boastful, proud : mòr-chuiseach, stràicid, bòsdail.
 GLORIOUSLY, *adv.* See Glorious.
 GLORY, *s.* 1. Praise paid in adoration : glòir, cliù. 2. the felicity of heaven prepared for those that

please God : glòir, sonas nèimh. 3. honour, praise, fame, renown : cliù, urram, àrd-mholadh. 4. splendour, magnificence : mòrachd, greadhnachas. 5. lustre, brightness : dealradh, dèarsadh, soillse. 6. pride, boastfulness, arrogance : uail, stràic, mòr-chuiss. 7. generous pride : meas, urram.

GLORY, *v. n.* Dean uail, dean ràiteachas, dean bòsd.

GLOSER, *s.* See Commentator.

GLOSS, *s.* 1. A comment : mineachadh, brigh-mhineachadh. 2. superficial lustre : lìomh, dealradh.

GLOSS, *v. a. et n.* 1. Explain by comment : minich, nochd brìgh. 2. palliate by specious exposition : cuir cleò air, cuir sgèò air, thoir leisgeul bòidheach. 3. embellish with superficial lustre : lìomh, sgèadaich. 4. comment : minich. 5. make sly remarks : cuir dreach meall' air.

GLOSSARY, *s.* Foclair, leabhar mineachaidh shean fhocal, clàr-mineachaidh.

GLOSSER, *s.* 1. A commentator : fear-mineachaidh. 2. a polisher : fear-lìomhaidh.

GLOSSINESS, *s.* Lìomharrachd, minead.

GLOSSY, *adj.* 1. Shining, smoothly polished : lìomh-arra, min, lannair. 2. specious : bòidheach, min.

GLOTTIS, *s.* Cìoch-bhràghad.

GLOVE, *s.* Làmhainn, meataig.

GLOVE, *v. a.* Cuir làmhainn air, còmhdaich le làmh-ainn.

GLOVER, *s.* Làmhainnear.

GLOUT, *v. a. et n.* 1. Pout, look sullen : cuir gruaim, amhaire gruamach. 2. gaze : beachdaich, spleuchd.

GLOW, *v. n.* 1. Be heated so as to shine without flame : dèarrs, soillsich le teas. 2. burn with vehement heat : dian-loisg, loisg. 3. feel heat of body : bi teth, bi blàth, teasach. 4. exhibit a strong bright colour : dèarrs, boillsg. 5. feel activity of fancy : bi teth, bi blàth. 6. rage : bi feargach, las.

GLOW, *s.* 1. Sluining heat : caoir, caoir dhearg, teas, soillse. 2. vehemence of passion : ainteas, dian-chorrnuich, lasan. 3. brightness or vividness of colour : lìomh, lannair.

GLOWING, *adj.* Teth, soillseach, lasach.

GLOWINGLY, *adv.* See Glowing.

GLOW-WORM, *s.* Cuileag-shnìomhain.

GLOZE, *v. n.* Brosgul, dean mìodal, dean miolasg.

GLOZE, *s.* Brosgul, mìodal, sodal, miolasg, gabhunn.

GLOZER, *s.* Sodalach, fear-brosgul, breugadair.

GLOZING, *s.* Dath breagha, sgèimh.

GLUE, *s.* Glaoth.

GLUE, *v. a.* 1. Join with a viscous cement : glaoth, tàth. 2. hold together : cum 'n a chéile, tàth. 3. join, unite : còmh-thàth, còmh-dhlùthach.

GLUE-BOILER, *s.* Fear-glaothi-dìcanaimh.

GLUER, *s.* Fear-glaothaidh, fear-tàthaidh.

GLUISH, *adj.* Glaothach.

GLUM, *v. n.* Cuir mùg ort, seall gruamach.

GLUM, *s.* Mùg, gruaim.

GLUM, *adj.* Dorch, gruamach, mùgach.

GLUT, *v. a.* 1. Swallow, devour : glam, slùig, glut.

2. cloy, fill beyond sufficiency : sàsuich, lion. 3. feast or delight even to satiety : lion, sàsuich.

GLUT, *s.* 1. That which is gorged : glamadh, slugadh. 2. plenty even to loathing and satiety : làn, sàth, geòcaireachd. 3. more than enough, overmuch : tuilleadh 's a' chòir, geòcaireachd. 4. any thing that fills up a passage : lionadh, làn.

GLUTINOUS, *adj.* Glaothach, righinn, tugh.

GLUTTON, *s.* 1. One who indulges himself too much in eating : glaimseir, glamaire, geòcair, craos-air, tollaran. 2. one eager of any thing to excess : gionair, fear ciocrach, glaimhear.

GLUTTONOUS, *adj.* Craosach, geòcach, gionach.

GLUTTONOUSLY, *adv.* See Gluttonous.

GLUTTONY, *s.* Geòcaireachd, glamaireachd, glaimhearachd, plutaireachd, craos.

GLUY, *adj.* Glaothach, righinn.

GNAR OF GNARL, *v. n.* See Snarl, *v. n.*

GNARLED, *adj.* Meallach, plucach, snaidhmeach.

GNASH, *v. a. et n.* 1. Strike together, clash : thoir diosgan air, buail f' a cheile. 2. grind the teeth : dean diosganaich, no, giosgan, meil. 3. fume, growl : cas, dréin.

GNASHING, *s.* Diosgan, giosgan.

GNAT, *s.* Meanbh-chuilcag.

GNAW, *v. a.* 1. Eat by degrees, devour by slow corrosion : caith, ith, cnàmh. 2. bite in agony or rage : ith, creim, cagainn. 3. wear away by biting : creim, caith. 4. pick with the teeth : teum, creim.

GNAWER, *s.* Fear-cagnaidh, fear-creimhidh.

GNOMON, *s.* Clag-mheur, fàileasaiche, clag-shnàthad.

GO, *v. n.* 1. Walk, move step by step : falbh, imich, theirig, no, rach, siubhail, coisich, gluais. 2. move, stand not still : gluais, falbh. 3. walk leisurely, run not : coisich. 4. travel, journey : triall, gabh turas, falbh. 5. proceed : siubhail, imich, falbh. 6. proceed in mental operation : theirig. 7. take any road : gabh. 8. march in a hostile or warlike manner : imich, rach a mach. 9. escape : rach as, teich, tàir as. 10. be known : bi aithnichte. 11. pass, be received : gabh. 12. flow, pass : sruth, sil. 13. be regulated by any method : bi fuidh riaghailt. 14. reach, or be extended to any degree : ruig. 15. have influence : buadhaich. 16. contribute, concur : còmh-obrich. 17. be pregnant : bi trom, bi leth-tromach. 18. go about, attempt : oidhirpich, thoir deuchainn. 19. go aside : rach a thaobh. 20. go between : rach eatorra. 21. go by, pass away unnoticed : theirig seachad. 22. go by, observe as a rule : cleachd. 23. go down, be swallowed : slùig. 24. go in and out : theirig a mach 's a stigh. 25. go off, die : eug, bàsaich. 26. go off, depart from a post : rach air falbh. 27. go off, fire : loisg. 28. go on, make attack : thoir ionnsuidh. 29. go on, proceed : falbh air d' aghart. 30. go over, revolt : dean ceannaire. 31. go out, go upon any expedition : rach a mach. 32. go out, be extinguished : rach as. 33. go through, execute : theirig troimhe. 34. go through, suffer : giùlain.

GO TO, *interj.* Gabh òmhadh.

GOAD, *s.* Bior-greasaidh, lorg-iomair.

GOAD, *v. a.* 1. Prick or drive with the goad: bior, greas le bior greasaidh, spor. 2. incite, stimulate, instigate: brosnuich, bruidhich, stuig, cuir thuige, spor.

GOAL, *s.* 1. The land-mark set up to bound a race: ceann-criche, ceann uidhe, crìoch. 2. the starting-post: ceann-toiseachaidh. 3. the final purpose: crìoch, deireadh, ceann-thall.

GOAR, *s.* Oir, foir, fraoidhneas.

GOARISH, *adj.* Breòclach.

GOAT, *s.* Gabhar.

GOATHERD, *s.* Buachaille ghabhar.

GOATISH, *adj.* Macnusach, druiseil, miannach, samntach.

GOAT'S MILK, *s.* Bainne ghabhar.

GOBBET, *s.* Balmug, làn beòil, glaim.

GOBBET, *v. a.* Sluig, glut.

GOBBLE, *v. a.* Sluig, glut, ith gu ionach.

GOBBLER, *s.* Glamair, glaimseir, craosair, geòcair, tollaran.

GO-BETWEEN, *s.* Fear eadar dha mhuinntir, sgilmeir, fear leam-leat.

GOBLET, *s.* Aghann, copan, cuach.

GOBLIN, *s.* 1. An evil spirit, a frightful phantom: bòcan, bodach, taibhs, taibhse, uruisg. 2. a fairy, an elf: sìthich, duinne-sìth, glas-stig.

GOD, *s.* 1. The supreme being: Dia, nì maith. 2. a false god: dia, iodhol. 3. any person or thing deified, or too much honoured: dia.

GODCHILD, *s.* Dalta.

GODDESS, *s.* Ban-dia.

GODFATHER, *s.* Oide, dia-athair, goistidh.

GODHEAD, *s.* Diadhachd.

GODLESS, *adj.* Aindiadhaidh, aingidh.

GODLESSNESS, *s.* Aindiadhachd, aingidheachd.

GODLIKE, *adj.* Diadhaidh, mar dhia, ro-naomh.

GODLILY, *adv.* See Godly, *adj.*

GODLINESS, *s.* Diadhachd, cràbhadh, diadhachd.

GODLY, *adj.* 1. Pious towards God: diadhaidh. 2. good, righteous, religious: maith, treibhdhreach, ceart, cràbhach.

GODLY, *adv.* See Godly, *adj.*

GODMOTHER, *s.* Dia-mhàithair, muime, ban-ghoistidh.

GODSHIP, *s.* Diadhachd.

GODSON, *s.* Dalta.

GODWARD, *adv.* Chum Dhé.

GOER, *s.* 1. One that goes, a runner: gille-ruithe. 2. a walker: coisiche. 3. a term often applied to a horse: falbhaiche, falbhadair.

GOG, *s.* Cabhag, deifir.

GOGGLE, *v. n.* Spleuchd, seall fiar.

GOGGLE, *s.* Spleuchd.

GOGGLE-EYED, *adj.* Fiar-shùileach, spleuchdach.

GOGGLED, *adj.* Spleuchdach.

GOING, *s.* 1. The act of walking: falbh, imeachd, coiseachd, siubhal. 2. pregnancy: trom, leth-trom. 3. departure: falbh, triall.

GOLD, *s.* Òr.

GOLD-BEATEN, *adj.* Dealtraichte, air òradh.

GOLD-BEATER, *s.* Òr-cheard, fear-dhèanaimh-òr-dhuilleag.

GOLDBOUND, *adj.* Ceangailte 'n òr.

GOLDEN, *adj.* 1. Made of gold: òrail, òrach, do dh'òr. 2. shining, bright: òr-lastail, lasarra, lainnir, dealrach, soilleach. 3. yellow, of the colour of gold: òr-bhuidhe, buidhe. 4. excellent, valuable: òridheir, luachmhor, prìseil. 5. happy: sona.

GOLDENLY, *adv.* See Golden.

GOLDFINCH, *s.* Lasair-choille, deargan-fraoich.

GOLDHAMMER, *s.* Buidhein, buidhein na coille.

GOLDHILTED, *adj.* Òr-chasach.

GOLDLEAF, *s.* Òr-dhuilleag.

GOLDSMITH, *s.* Òr-cheard.

GOLF, *s.* Camanachd.

GOLL, *s.* Spòg, cràg.

GOME, Geir cartach.

GONDOLA, *s.* Bàta, geòla, eithear.

GONDOLER, *s.* Fear-bàta.

GONE, *part.* 1. Advanced, forward in progress: air falbh, air imeachd. 2. ruined, undone: mìlte, caillte, creachta, dheth. 3. past: air dol seachad. 4. lost, departed: caillte, air falbh. 5. dead: marbh, air eug.

GONFALON, }
GONFAXON, } *s.* Bratach, suaicheantas, onnchon.

GONFALONIER, *s.* Fear-brataich.

GONNORHŒA, *s.* Clap sìlteach.

GOOD, *adj.* 1. Not bad, not ill: maith, math, deadh. 2. proper, fit, convenient, right: ceart, cothromach, iomchuidh, cubhaidh, freagarrach. 3. conducive to happiness: maith, sona. 4. uncorrupted, undamaged: fallain, neo-thruaillte, maith. 5. wholesome, salubrious: slàinteil, fallain, maith. 6. complete, full: iomlan, coimhionta, làn. 7. useful, valuable: feumail, luachmhor. 8. rightly claimed or held: ceart, so-agarrach. 9. confirmed, attested, valid: maith, dearbhach. 10. well qualified: cubhaidh, iomchuidh. 11. skilful, ready, dexterous: teòma, eòlach, ealamb. 12. happy, prosperous: sona, sealbhach. 13. honourable: urramach, measail, cliùiteach, maith. 14. elegant, decent: grim, ciatach, eireachdail. 15. rich, of credit: beartach, saoihr. 16. having moral qualities: ionraic, onorach, dìreach, treibhdhreach, ceart. 17. kind, soft, benevolent: caomhneil, bàigheil, caomh. 18. companionable, social, merry: companta, cridheil, sunndach deadh. 19. in a ludicrous sense: maith. 20. hearty, earnest: da fìreadh. 21. in good sooth: da fìreadh. 22. in good time: amail, tràthail, an deadh àm. 23. make good, keep: cum, gléidh. 24. make good, confirm: dearbh, dean cinnteach. 25. make good, perform: déan, coimhion. 26. make good, supply: dean a suas.

GOOD, *s.* 1. Benefit, advantage, the contrary to evil or misery: math. 2. prosperity, advancement: maith, soirbheachadh, leas, tairbhe, feum. 3. earnest, not jest: fìreadh. 4. moral qualities: maith, subhail, deadh-bheus.

GOOD, *adv.* See Good, *adj.*

GOOD, *interj.* Ro cheart! ro mhaith!

GOOD, *v. a.* Mathaich, leasaich.
 GOOD-BREEDING, *s.* Deadh-oilean.
 GOOD-BY, *adv.* Beannachd leat, soiridh leat.
 GOOD-FELLOW, *s.* Companach coiridheil.
 GOOD-NATURE, *s.* Deadh-nàdur.
 GOOD-WILL, *s.* Deadh-thoil.
 GOODLESS, *adj.* Gun chuid.
 GOODLINESS, *s.* Maise, circachdas, snas, finealtachd.
 GOODY, *adj.* 1. Beautiful, graceful: maiseach, sgiamhach, bòidheach, ciatach, circachdail. 2. bulky, swelling: sultmhor, dòmhail, tomadach, mòr. 3. happy, desirable, gay: sona, ionmhiannach, aighearach.
 GOODMAN, *s.* 1. A rustic term of compliment: a dhuine choir. 2. a familiar term for husband: duine. 3. the master of a family: fear tìghe.
 GOODNESS, *s.* Maithcas, deadh-bheus, sonas, fàbhor.
 GOODS, *s.* 1. Moveables in a house: aimeis. 2. personal or movable estate: cuid, maoin. 3. wares, freight, merchandise: bathar, cuid.
 GOODY, *s.* Beanag, duinean.
 GOODWIFE, } *s.* Bean tìghe, bean an tìghe.
 GOODWOMAN, }
 GOOSE, *s.* 1. A large water fowl: gèadh. 2. a tailor's smoothing iron: gèadh, iarunn tàileir.
 GOOSEBERRY, *s.* Gròsaid.
 GOOSECAP, *s.* Baohair, guraiceach.
 GOOSEQUILL, *s.* Ite geòidh.
 GORBELLIED, *adj.* Reamhar, làn, bronnach, taigieseach.
 GORDIAN, *adj.* Deacair, cruaidh, duilich.
 GORE, *s.* 1. Blood effused from the body: fuil. 2. blood clotted or congealed: fiann-fhuil. 3. dirt, mud: salchar, gaorr, poll, eabar.
 GORE, *v. a.* Gaorr, troimh-lot, sàth, fuilich.
 GORGE, *s.* 1. The throat: sgòran, sgòrnach, slugan. 2. a meal or gorgel given unto birds: biadh.
 GORGE, *v. a. et n.* 1. Glut: gloe, lion, sànuich. 2. swallow: sluig. 3. feed: ith, ionaltair.
 GORGED, *adj.* Sluganach, sgòrnach.
 GORGEUS, *adj.* Rìomhach, basdalach, loiseamach, greadhnach.
 GORGEUSLY, *adv.* See Gorgeous.
 GORGEUSNESS, *s.* Rìomhadh, basdal, loisem, greadhnachas.
 GORGET, *s.* Dion amhaiche.
 GORGON, *s.* Uile-bheist.
 GORMAND, } *s.* Craosaire, tollaran, glaimscir.
 GORMANDER, }
 GORMANDISE, *v. n.* Glut, gloe, ith gu lonach, craos-sluig.
 GORMANDISER, *s.* Craosaire, craos-shluigaire, glaimscir, tollaran.
 GORSE, *s.* Conusg.
 GORY, *adj.* Fuilteach, air eabradh am fuil.
 GOSHAWK, *s.* Seabhag mòr.
 GOSLING, *s.* Gèadh gòg, isean geòidh.
 GOSPEL, *s.* Soisgeul.
 GOSPEL, *v. a.* Dean 'nà chircdmheach.
 GOSPELLARY, *adj.* Soisgeulach.
 GOSPELLER, *s.* Soisgeulach, soisgeulaiche.
 GOSSAMER, *s.* Cleit lusan.

GOSSAMERY, *adj.* Eutrom, gun bhladh, gun bhrìgh.
 GOSSIP, *s.* 1. One who answers for the child in baptism: goistidh, oide. 2. a tipping companion: fear-comuin, companach òil. 3. one who runs about tattling: sgimileir, fear lonais. 4. (in a good sense), a friend or neighbour: caraid, coimhearsnach. 5. tattle, trifling talk: bruidhinn, briot.
 GOSSIP, *v. n.* 1. Chat, prate: dean lonais, bi bruidhneach, bi gobairrach. 2. be a pot companion: bi 'nà d' chompanach òil.
 GOVERN, *v. a. et n.* 1. Rule as a chief magistrate: riaghail, riaghaich. 2. regulate, direct: riaghailtich, stiùir, seòl, steòrn. 3. manage, restrain: ceannsaich, smachdaich, cum an òrdugh. 4. pilot, regulate the motions of a ship: stiùir. 5. keep superiority: riaghail, cum fuilidh smachd.
 GOVERNABLE, *adj.* Unhal, so-cheannsaichadh.
 GOVERNANCE, *s.* 1. Government, rule: riaghladh, stiùradh. 2. control as that of a guardian: riaghladh, ceannsaich, uachdaranachd.
 GOVERNNESS, *s.* 1. A female invested with authority: ban-uachdaran, ban-riaghlair. 2. tutoress, a woman that has the care of young ladies: ban-mhaighstir sgòile, bean oilein mhà uaisle.
 GOVERNMENT, *s.* 1. Form of community with respect to the disposition of the supreme authority: uachdaranachd, riaghladh, flaitheachd, comhdhealbhadh. 2. an established state of legal authority: uachdaranachd, comhdhealbhadh. 3. administration of public affairs: riaghladh, uachdaranachd. 4. manageableness, compliance: ceannsaich, ceannsalachd.
 GOVERNOR, *s.* 1. One who has the supreme direction: uachdaran, riaghlair, riaghladair. 2. a tutor, one who has the care of a young man: maighstir sgòile, oid' ionnsaichidh. 4. pilot, manager: fear-stiùraidh, fear-steòrnaidh.
 GOUGE, *s.* Geilb chruinn.
 GOURD, *s.* Luibh-sgàile.
 GOURDINESS, *s.* Bòdach, at coiseachd.
 GOUT, *s.* Tinneas nan alt.
 GOUTY, *adj.* 1. Afflicted or diseased with the gout: oic le tinneas nan alt. 2. relating to the gout: a bhuineas do thinneas nan alt. 3. boggy: tais, bog. 4. swelled: air at.
 GOWN, *s.* 1. A long upper garment: gùn, còmh-dach uachdair. 2. a woman's upper garment: gùn, earasaid. 3. the long habit of a man dedicated to acts of peace, as divinity, medicine, law: cleòc, gùn.
 GOWNED, *adj.* Cleòchdta, air a chòmhdach le gùn.
 GOWNSMAN, *s.* Fear-gùn, fear-cleòc.
 GRABBLE, *v. n.* 1. Grope, feel eagerly with the hands: smeuraich, meuraich. 2. lie prostrate on the ground: luidh, sìn.
 GRACE, *s.* 1. Favour, kindness: deadh-ghean, fàbhor. 2. favourable influence of God on the human mind: gràs. 3. virtue, effect of God's influence: gràs, subhaile, diadhachd. 4. pardon, mercy: trocair, maithcas. 5. favour conferred: tiodhlaic, gihit. 6. privilege: còir. 7. behaviour, considered as decent or unbecoming: giùlan,

beus. 8. pleasing appearance: sgèimh, maise, eireachdas, grinneas. 9. natural excellence: deadh cheud-tàth, deadh-bhuaidh. 10. embellishment, recommendation, beauty: loinn, maise, àill-eachd. 11. ornament, flower, highest perfection: roghuinn, tagla. 12. the title of a duke or archbishop: òirdheircas, urramachd. 13. a short prayer said before and after meat: altachadh.

GRACE-CUP, *s.* A' cheud deochi slàinte.

GRACE, *v. a.* 1. Adorn, dignify, embellish: sgèadach, sgiamhaich, maisich, breaghaich. 2. dignify or raise by an act of favour: àrdaich, tog gu hurram. 3. favour: thoir fàbhor. 4. supply with heavenly graces: thoir gràs.

GRACEFULL, *adj.* Aluinn, maiseach, snasmhor, ciatach, grinn.

GRACEFULLY, *adv.* See Graceful.

GRACEFULNESS, *s.* Eireachdas, maise, dàichealachd, grinneas.

GRACELESS, *adj.* Aingidh, coirpte, malluichte, mi-naomh, gun glràs.

GRACELESSLY, *adv.* See Graceless.

GRACES, *s.* Maoighean, deadh-ghean.

GRACILE, *adj.* Caol, meanbh, tana.

GRACILITY, *s.* Caollead.

GRACIOUS, *adj.* 1. Merciful, benevolent: tròcaireach, gràsmhor, maitheasach. 2. favourable, kind: fàbhorach, caomh, caoinheil, bàgheil. 3. acceptable, favoured: taitneach, ciatach, ion-mhiannaichte.

GRACIOUSLY, *adv.* See Gracious.

GRACIOUSNESS, *s.* 1. Mercifulness: gràsmhorachd, caomhalachd, tròcair, bàgh, acarachd. 2. kind condescension: irisleadh, suairceas. 3. possession of graces or good qualities: ciatachd, maise, grinneas.

GRADATION, *s.* 1. Regular progress from one degree to another: ceum, éiridh. 2. regular advance step by step: ceum air cheum, dìreadh riaghailteach. 3. order, sequence, series: òrdugh, ceum.

GRADATORY, *adj.* Ceumnach, a' dol o cheum gu ceum.

GRADE, *s.* Inbhe, ceum.

GRADIENT, *adj.* Ceumnach, a' siubhal le ceum-aibh.

GRADUAL, *adj.* Ceumnach, a' chuid 's a' chuid.

GRADUAL, *s.* Staidhir.

GRADUALLY, *adv.* See Gradual, *adj.*

GRADUATE, *v. a. et n.* 1. Dignify with a degree in the university: thoir tìodal ionnsachaidh do. 2. mark with degrees: comharraich le ceumaibh. 3. heighten, improve: àrdaich, dean nì 's fèarr. 4. take an academical degree: gabh ceum ionnsachaidh. 5. proceed regularly, or by degrees: gluais o cheum gu ceum.

GRADUATE, *s.* Sgoilear tìodal, àrd-sgoilear.

GRADUATION, *s.* 1. Regular progression by succession of degrees: dol air aghart, ceumnachadh. 2. improvement: dol nì 's fèarr. 3. the act of conferring academical degrees: buileachadh tìodal ionnsachaidh.

GRAFF, } *s.* Faillean, fùran.

GRAFT, }

GRAFF, } *v. a. et n.* 1. Insert a cyon or branch of GRAFT, } one tree into the stock of another: suidhich fàillean, tàth, alp. 2. insert into a place or body to which it did not originally belong: suidhich. 3. join one thing so as to receive support from another: comh-thàth. 4. practise insinuation: bi suidheachadh fhaillean.

GRAFFER, } *s.* Fear suidheachaidh mheangan, no, GRAFTER, } fhìdhan.

GRAIN, *s.* 1. A single seed of corn: sìlean, gràine. 2. corn: sìol, coirce, gràn. 3. the seed of any fruit: sìol, fras. 4. any minute particle, any single body: gràine, gràinne. 5. the smallest weight of which in physic twenty make a scruple: gràinne. 6. any thing proverbially small: gràinne, gràinn-can. 7. the direction of the fibres of wood: calg. 8. temper, disposition: nàdur, guè. 9. the heart, the bottom: cridhe, dùrachd. 10. the form of the surface with regard to roughness and smoothness: faireachduinn. 11. against the grain: an aghaidh a' chuilg.

GRAINED, *adj.* Garbh, molach, calgach.

GRAINS, *s.* See Druff.

GRAINY, *adj.* 1. Full of corn: gràineach. 2. full of grains or kernels: gràinneanach.

GRAMINEOUS, *adj.* Fearach.

GRAMMAR, *s.* 1. The science of speaking correctly: taibh-ionnsachadh, eòlas ceart-labhairt. 2. the book that treats of the various relations of words to one another: leabhar-taibse.

GRAMMAR-SCHOOL, *s.* Sgoil-fhoghlum chainntean.

GRAMMARIAN, *s.* Fear-ionnsaicht' an leabhar-taibse.

GRAMMATICAL, *adj.* Ceart-chainnteach.

GRAMMATICALLY, *adv.* See Grammatical.

GRAMPUS, *s.* Cana, puthag.

GRANARY, *s.* Iothlan, sìol-lann, sgiobal.

GRAND, *adj.* 1. Great, illustrious: mòr, àrd, urramach, ainmeil, òirdheirc. 2. great, splendid, magnificent: mòr, greadhnach, breagha. 3. principal, chief: prìomh. 4. eminent, superior: mòr, àraidh. 5. noble, sublime: òirdheirc, àrd, uasal.

GRANDAM, *s.* 1. Grandmother: sean-mhathair. 2. an old withered woman: sean-chailleach.

GRANDCHILD, }

GRANDDAUGHTER, } *s.* Ogha.

GRANDEE, *s.* Flath, mòr-th, duine cumhachdach.

GRANDEVITY, *s.* Sean aois.

GRANDEUR, *s.* 1. State, magnificence: mòrachd, greadhnachas, loiseam. 2. greatness as opposed to minuteness: mòrachd. 3. elevation of sentiment, language or mien: meanmaachd, àrd-inntinn, mòr-chuist.

GRANDFATHER, *s.* Sean-athair.

GRANDILOQUENCE, *s.* Àrd-glòir.

GRANDILOQUOUS, *adj.* Àrd-glòireach.

GRANDITY, *s.* Mòrachd, meudachd.

GRANDLY, *adv.* See Grand.

GRANDMOTHER, *s.* Sean-mhàthair.

GRANDNESS, *s.* Mòrachd, meudachd.

GRANDSIRE, *s.* Sean-athair.

GRANDSON, *s.* Ogha, mac mic.
 GRANGE, *s.* 1. A farm : baile tuathanaich, grainns-each. 2. a granary : iothlan.
 GRANIVOROUS, *adj.* A dh'itheas gràin.
 GRANNAM, *s.* Sean-mhàthair.
 GRANT, *v. a.* 1. Admit that which is not yet proved : ceadach, aithich, deònach. 2. bestow something which cannot be claimed of right : builich, tiodhlaic, bàirig.
 GRANT, *s.* 1. The act of granting or bestowing : buileachadh, tabhairt, tiodhlacadh. 2. the thing granted, a gift, a boon : tiodhlac, tabhartas. 3. (in law) a gift in writing of such a thing as cannot aptly be passed or conveyed by word only : tiodhlac còrach. 4. concession, admission of something in dispute : ceadachadh, aideachadh.
 GRANTEE, *s.* Fear-faotainn tiodhlaic.
 GRANTOR, *s.* Fear-tiodhlacaidh.
 GRANULARY, *adj.* Gràinneach, mar ghràinne.
 GRANULATE, *v. a. et n.* 1. Break into small masses or granules : bloighdich, min-phronn. 2. raise into small asperities : dean molach, dean plucanach. 3. be formed into small grains : fàs 'n a' d'ghràinneanan.
 GRANULATION, *s.* Pronnadh min, deanamh 'n a' ghràinneanan.
 GRANULE, *s.* Gràinnean, dùradan.
 GRANULOUS, *adj.* Gràinneach.
 GRAPE, *s.* Fion-dhearc, fion-chaor.
 GRAPESTONE, *s.* Clach na fion-dheirc.
 GRAPHICAL, *adj.* Dealbhadh, ionamhuil.
 GRAPHICALLY, *adv.* See Graphical.
 GRAPNEL, *s.* Greimich, greim-acair, cromag, greimir.
 GRAPPLE, *v. a. et n.* 1. Seize, lay fast hold of : greimich, glac, beir air. 2. contend by seizing each other, as wrestlers : gleachd, teannaich ri. 3. contest in close fight : còmhraig, cath.
 GRAPPLE, *s.* 1. Contest hand to hand : gleachd, còmhraig, greimeachadh, streup. 2. iron instrument by which one ship fastens upon another : greimich, clìchd, greimir.
 GRASSHOPPER, *s.* Fionnan-feòir, leumnach uaine, dreòlan-teasbluidh.
 GRASP, *v. a. et n.* 1. Hold in the hand, gripe : greimich, glac, teannaich. 2. seize, catch at : greimich, beir air. 3. catch, endeavour to seize : dean greim, theig an sàs.
 GRASP, *s.* 1. The gripe or seizure of the hand : greimeachadh, glacadh, greim. 2. possession, hold : seilbh, cumail. 3. power of seizing : greimeachadh.
 GRASPER, *s.* Greimich, glacadair.
 GRASS, *s.* Fear.
 GRASS-PLAT, *s.* Lianag, àilean, faiche, réidhlean beag.
 GRASSY, *adj.* Fearach.
 GRATE, *s.* Creitheal-theine.
 GRATE, *v. a. et n.* 1. Rub or wear any thing by the attrition of a rough body : suath, sgriob, meil. 2. offend by any thing harsh or vexatious : cuir farran air, thoir oibheum do. 3. form a sound by collision of asperities or hard bodies : thoir sgruch

air. 4. rub hard so as to injure or offend : suath, sgriob. 5. make a harsh noise : sgrèuch.
 GRATEFUL, *adj.* Having a due sense of benefits : taingeil, buidheach, gneitheil. 2. pleasing, acceptable : taitneach, tlachdmhor, ciatach.
 GRATEFULLY, *adv.* See Grateful.
 GRATEFULNESS, *s.* 1. Gratitude : taingealachd. 2. pleasantness : taitneas, tlachdmhorachd, ciatachd.
 GRATER, *s.* Sgrìobadair.
 GRATIFICATION, *s.* 1. The act of pleasing : toil-eachadh, sòlasachadh, sàsachadh. 2. pleasure, delight : toil-inntinn, sòlas.
 GRATIFY, *v. a.* 1. Indulge, please by compliance : toilich, taitinn. 2. delight, please : taitinn, sàsach. 3. requite with a recompence : duaisich, diol.
 GRATING, *s.* Cliahi-iaruinn.
 GRATING, *adj.* Sgreuchach, sgreadach.
 GRATINGLY, *adv.* See Grating, *adj.*
 GRATIS, *adv.* A nàsaidh, gun luach, gu saor, gun dad sam bith.
 GRATITUDE, *s.* Taingealachd, buidheachas.
 GRATUITOUS, *adj.* 1. Voluntary, granted without claim or merit : saor, saor-thiodhlaichte. 2. asserted without proof : air a ghabhail gun aobhar.
 GRATUITOUSLY, *adv.* See Gratuitous.
 GRATUITY, *s.* Saor-thiodhlac, àrachd, gibht.
 GRATULATE, *v. a.* See Congratulate.
 GRATULATION, *s.* Fàilte, fàilteachadh, fùran, comh-ghàirdeachas, comh-thaingeachadh.
 GRATULATORY, *adj.* Sòlasach, fì comh-ghàirdeachas, a' comh-thaingeachadh.
 GRAVE, *s.* Uaigh, tuam, cill.
 GRAVE, *v. a. et n.* 1. Dig : treachail, tochail, cladh-aich. 2. insculpt, carve : gearr, grabhal. 2. carve, or form : gearr, dealbh. 3. clean and caulk a ship : calc. 4. write or delineate on hard substances : gearr, tarraing, sgrìobh.
 GRAVE, *adj.* 1. Solemn, serious, sober : stòlda, suidhichte sàmhach, ciallach, glic. 2. of weight, not futile : cudthromach. 3. not showy, not tawdry : stòlda, neo-uallach. 4. not sharp of sound, not acute : tiamhaidh, trom, tormach.
 GRAVE-CLOTHES, *s.* Aodach mairbh, léine-bhàis.
 GRAVE-DIGGER, *s.* Fear-treachail uaighéan.
 GRAVE-STONE, *s.* Leac-lithidh, leac-uaighe.
 GRAVEL, *s.* 1. Hard sand : gaineamh, gainmheach, grinnéal. 2. sandy matter concreted in the kidneys : galar-fuail, clach-fhuail.
 GRAVEL, *v. a.* 1. Pave or cover with gravel : còmhdaich le grinnéal, cuir gainmheach air. 2. stick in the sand : cuir an sàs 's a' ghainmich. 3. puzzle, embarrass : amail, grab, bac.
 GRAVELESS, *adj.* Neo-adhlaithe, gun uaigh.
 GRAVELLY, *adj.* Grinnealach, gainmheineach.
 GRAVELY, *adv.* See Grave, *adj.*
 GRAVENESS, *s.* Ciall, stòldachd, suidheachadh inntinn.
 GRAVER, *s.* 1. One whose business it is to inscribe or carve upon hard substances : grabhaltaich, fear-grabhalaidh. 2. the stile or tool used in graving : geilbh ghrabhalaidh, inneal grabhalaidh.
 GRAVID, *adj.* Leth-tromach, torrach.

GRAVIGATION, } s. Leth-trom.
 GRAVIDITY, }
 GRAVING, s. 1. Carved work: grabhaladh, gearradh, obair grabhalaiche. 2. impression: ailt.
 GRAVITATE, v. n. Tuit, theig le bruthach, tèarn.
 GRAVITATION, s. Tuiteam, tèarnadh.
 GRAVITY, s. 1. Weight, heaviness: cudthrom, truimead. 2. atrociousness, weight of guilt: ann-tromachadh. 3. seriousness, solemnity: stòldachd, suidheachadh-inntinn.
 GRAY, s. Sùgh brighmhor, lìonradh.
 GRAY, *adj.* 1. White with a mixture of black: glas, liath. 2. white or hoary with old age: liath, glas. 3. dark like the opening or close of the day: ciar.
 GRAY, s. Dath glas, liath, no, ciar.
 GRAY-BEARD, s. Bodach.
 GRAYISH, *adj.* Glas-liath.
 GRAYNESS, s. Glaise, glaisead, lèithead.
 GRAZE, v. a. et n. 1. Set cattle to feed on the grass: feuraich, cuir air feur, ionaltair. 2. feed upon: ionaltair. 3. supply with grass: thoir feur do, feuraich. 4. strike lightly: suath, bean. 5. eat grass, feed on grass: ionaltair, ith feur.
 GRAZER, s. Beathach ionaltair.
 GRAZIER, s. A'raich, fear-sprèidhe.
 GREASE, s. Créis, geir, saill, reamhrachd.
 GREASE, v. a. 1. Smear or anoint with grease: buaic, smeur, suath le créis. 2. bribe, corrupt with presents: brosguil, truaill le tiodhlacaibh.
 GREASILY, *adv.* See Greazy.
 GREASINESS, s. Reamhrachd.
 GREASY, *adj.* Créiseach, sleamhuinn, reamhar, geir-each.
 GREAT, *adj.* 1. Large in bulk or number: mòr, dòmhail, lìonmhor. 2. considerable in extent or duration: mòr, fada. 3. important, weighty: cudthromach. 4. chief, principal: prìomh, àrd. 5. venerable, awful: eagalach, mòr. 6. wonderful: iongantach, miorbhuileach. 7. of high rank: mòr, àrd, cumhachdach. 8. illustrious, eminent, noble: mòr, cliùiteach, ainmeil, òirdheirc. 6. magnanimous, generous, high minded: meannmach, beachdail, aigeanach. 10. opulent, magnificent: beartach, mòr, greadhnach. 11. swelling, proud: at-mhor, uaibhreach, àrdanach, borb. 12. familiar, great: mòr. 13. pregnant, teeming: làn, torrach, luchdaichte. 14. hard, difficult: cruaidh, deacair, duilich.
 GREAT, s. An t-iomlan.
 GREATBELLIED, *adj.* Dòmhail, bronnach, taigeach.
 GREATEN, v. a. Àrdach, mòraich.
 GREATHEARTED, *adj.* Mòr-chridheach, mòr-aig-neach.
 GREATLY, *adv.* See Great, *adj.*
 GREATNESS, s. 1. Largeness of quantity or number: mòrachd, lìonmhorachd, meudachd. 2. high degree of any quality: meudachd, mòrachd. 3. high place, dignity, power, influence: mòrachd, mòralachd, àrd-inbhe, urram, òirdheircas, cumhachd. 4. swelling pride: uail, uaibhreachas, àrdan. 5. merit, magnanimity: fìachalachd, meann-

nachd. 6. grandeur, state, magnificence: mòralachd, greadhnachas.
 GRAVES, s. Cas-bheairt.
 GRECIAN, s. Greugach.
 GRECIAN, *adj.* Greugach.
 GREECE, s. A' Ghréig.
 GREED, s. Sannt, lon, ciocras, gionach.
- LEAF-YEAR, s.** Bliadhna léim.
- LEAPER, s.** Leumadair, fear-léime.
- LEARN, v. a. et n.** 1. Gain the knowledge or skill of: foghlum, ionnsuich. 2. take pattern of: foghlum o, ionnsuich o.
- LEARNED, adj.** 1. Versed in science and literature: foghlumite, ionnsuichte, oileanta. 2. skilled in, skilful, knowing: còlach, fiosrach. 3. skilled in scholastic, as distinct from other knowledge: sgoileireach, leabhreach. 4. wise: glic, ciallach, domhain, tuigseach.
- LEARNEDLY, adv.** See *Learned*.
- LEARNER, s.** Foghlumaiche, foghlainteach, sgoilear.
- LEARNING, s.** Foghlum, ionnsachadh, còlas, oilean, sgoil.
- LEASE, s.** Gabhail, cùmhnant, suidheachadh.
- LEASE, v. a.** Leig a mach air ghabhail, thoir gabhail do.
- LEASE, v. n.** Dioghlum, tionail suas.
- LEASER, s.** 1. A gleaner, gatherer after the reaper: dioghluaiche. 2. a liar: breugair.
- LEASH, s.** 1. A leather thong: iall. 2. a tierce, three: trìuir. 3. a band wherewith to tie any thing in general: bann, ceanglachan.
- LEASH, v. a.** Cum air éill, ceangail le iall.
- LEASING, s.** Breugan, mealltaireachd, foill.
- LEASOW, s.** Ionaltraidh, fearann ionaltraidh, lios-bhò.
- LEAST, adj.** A 's lugha, a 's bige, a 's crìne.
- LEAST, adv.** Mar a 's lugha, air a' chuid a 's lugha, air a laghad.
- AT LEAST,**
AT THE LEAST,
AT LEASTWISE, } *adv.* An car a 's lugha, air a' chuid a 's lugha, co dhù.
- LEATHER, s.** Leathar, craicinn cairtidh, seich, biancairtidh.
- LEATHER, v. a.** Gréidh, buail, slachd.
- LEATHER-DRESSER, s.** Fear-deasachaidh leathrach.
- LEATHERN, adj.** Leathrach, dèanta do leathar, mar leathar.
- LEATHERSELLER, s.** Fear-ric leathrach.
- LEATHERY, adj.** Leathrachail, mar leathar.
- LEAVE, s.** 1. Grant of liberty, permission, allowance: cead, luathrachd. 2. farewell, adieu: cead.
- LEAVE, v. a. et n.** 1. Quit, forsake: fàg, tréig. 2. desert, abandon: tréig, cùlaich, cuir cù ri. 3. depart from: fàg. 4. have remaining at death: fàg. 5. deprive not of: fàg aig, leig le. 6. suffer to remain: leig le, fàg. 7. reject, choose not: diùlt, fàg. 8. fix as a token or remembrance: fàg, fàg mar chuimhneachan. 9. bequeath, give as an inheritance: fàg, fàg an dileab, tiomain. 10. give up, resign, part with: leig seachad, thoir seachad, leig uait. 11. permit without interposition: leig le. 12. cease to do, desist from: sguir, leig dhìot. 13. leave off, desist from, forbear: leig dhìot, sguir. 14. leave off, forsake: tréig. 15. leave out, omit, neglect: fàg, di-chuimhnich.

16. cease, desist : *squir*. 17. leave *off*, desist, stop : *squir*, *stad*.
- LEAVED, *adj.* Duilleagach, bileagach, duilleach.
- LEAVELESS, *adj.* See Leafless.
- LEAVEN, *s.* Taois.
- LEAVEN, *v. a.* Taoisinn.
- LEAVENING, *s.* Taosnadh, taoisneadh.
- LEAVER, *s.* Fear-tréiginn, fear-diobraidh, fear-fágail.
- LEAVER, *pl.* of Leaf, which see.
- LEAVINGS, *s.* Fuighealach, fuigheall, spruilleach.
- LEAVY, *adj.* See Leafy.
- LECHER, *s.* Fear-siùrsachd, fear-drùiseil, fear neo-ghloine.
- LECHER, *v. n.* Dean siùrsachd.
- LECHEROUS, *adj.* 1. Provoking lust : drùiseil, macdusach, draosda. 2. lewd, lustful : ana-miannach, collaidh, neo-ghheannuidh.
- LECHEROUSLY, *adv.* See Lecherous.
- LECHEROUSNESS, *s.* Cruisealachd, macnusachd, draosdachd, neo-ghheannuideachd.
- LECHERY, *s.* See Lewdness.
- LECTION, *s.* Leughadh.
- LECTURE, *s.* 1. A discourse pronounced upon any subject : leughadh, mìneachadh, seanchas-mìneachaidh. 2. the act, or practice of reading : leughadh. 3. a magisterial reprimand : aclmhasan, cronachadh, trod.
- LECTURE, *v. n.* Mìnich, teagaisg am follais.
- LECTURER, *s.* Fear-mìneachaidh, fear-teagaisg am follais.
- LECTURESHIP, *s.* Dreuchd fir-mìneachaidh.
- LED, *pret. part. v.* Lead. Trèoraichte, stiùirte.
- LEDGE, *s.* 1. A row, layer, stratum : sreath, breath, cuairt, leabaidh. 2. a ridge rising above or projecting beyond the rest : sreath mhullaich, oir, fòir, sreath oireach.
- LEDGER, *s.* Leabhar-cunntais.
- LEDHORSE, *s.* Each-saic, each-eallaich.
- LEE, *s.* 1. Dregs, sediment, refuse : dèasgain, dèasgadh, làib. 2. a sea term : fàsadh. Lee side : taobh an fhàsaidh, an taobh leis. Weather side : taobh an fhuairidh, an taobh ris.
- LEECH, *s.* 1. A physician : léigh. 2. a small kind of water serpent, used to draw blood : deal, deal-tholl, dollag.
- LEECH, *v. a.* Cuir leigheas ri, cuir deal ri.
- LEECHCRAFT, *s.* Ealainn-leighis, eòlas léighean.
- LEEF, *adj.* 1. Agreeable, pleasing, grateful, dear : taitneach, caomh, caoinneil, gràdhach. 2. willing : toileach.
- LEEK, *s.* Creamh, an creamh, creamh-gàraidh.
- LEER, *s.* 1. Complexion, hue, face : gnùis, aogas, suadh, aghaidh. 2. an oblique view : siar shealladh, fiar-shealladh, fiar-shuil. 3. a laboured cast of countenance : gnùis-cheilg. 4. the cheek : leth-cheann, leac.
- LEER, *v. a. et n.* 1. Draw on with smiles, beguile with leering : tataidh, tàlaidh. 2. look obliquely, look archly : amhaic siar, dean caog-shuil.
- LEERINGLY, *adv.* Gu caog-shuil each, gu fiar-sheallach.
- LEES, *s.* See Lec, *s.*

- LEESE, *v. a.* 1. See Lose. 2. hurt, destroy : mill, sgrios, ciùrr.
- LEET, *s.* Latha-ceartais, latha-mòid. In Scotland, a list out of which one is to be chosen : cunntas ainmean, chum taghaidh, cunntas-taghaidh.
- LEEWARD, *s.* Air fàsadh, gu fàsadh.
- LEFT, *pret. part.* of Leave. Fàgta, tréigte. See Leave.
- LEFT, *adj.* Clìth, tuathal, toisgeal, tual, càrr.
- LEFT-HANDED, *adj.* Clìth-lamhach, càrr-lamhach, ciotach.
- LEFT-HANDEDNESS, *s.* Clìth-lamhachd, càrr-lamhachd, ciotaiche.
- LEG, *s.* Lurg, cos, cas, calpa, lurgann.
- LEGACY, *s.* Dileab.
- LEGAL, *adj.* Laghail, ceart, ceadichte, dlìgheach.
- LEGALITY, *s.* Laghaileachd, ceartas, dlìgheachas, dlìgheachd.
- LEGALIZE, *v. a.* Dean laghail, dean ceadichte.
- LEGALLY, *adv.* See Legal.
- LEGATARY, *s.* See Legatee.
- LEGATE, *s.* 1. A deputy, an ambassador : teachd-air, fear ionaid, teachdair rìgh. 2. a Pope's ambassador : teachdair o' n Phàpa.
- LEGATEE, *s.* Fear-dilib, dileabach.
- LEGATION, *s.* Teachdaireachd.
- LEGATOR, *s.* Fear-tiomnaidh, fear-fágail dhìleab, tiomnaidheach.
- LEGEND, *s.* 1. A chronicle or register of the lives of saints : eachdraidh nan naomh. 2. any memorial, or relation : seanachas, seùl. 3. any incredible unauthentic narrative : faoin-seùl, seùlachd. 4. any inscription, particularly on medals, or coins. sean sgrìobhadh.
- LEGEND, *v. a.* Aithris sgeulachd.
- LEGENDARY, *adj.* Seann-sgeulach, spleadhach.
- LEGENDARY, *s.* 1. A book of old histories : leabhar fhaoin-seùl, leabhar shean-eachdraidh. 2. a relater of legends : fear-aithris sgeulachdan.
- LEGER, *s.* See Ledger.
- LEGERDEMAIN, *s.* Cleasachd, lùb-chleasachd, làmh-chleas, cleas meallta, lùth-chleas, clann-char, cuilbheart.
- LEGGED, *adj.* Cosach, casach.
- LEGIBILITY, *s.* So-leughachd, soilleireachd.
- LEGIBLE, *adj.* So-leughaidh, soilleir.
- LEGIBLENESS, *s.* See Legibility.
- LEGIBLY, *adv.* See Legible.
- LEGION, *s.* 1. A body of Roman soldiers : teachd-bhuidheann Romhananach, mu chùig mìle. 2. a military force : feachd, arm. 3. any great number : iomadaidh, mòran.
- LEGIONARY, *adj.* Sluaghmhor, feachdail, iomadaidheach.
- LEGISLATE, *v. n.* Dean laghan, thoir laghanna do.
- LEGISLATION, *s.* Lagh-dheanamh, lagh-thabhartas.
- LEGISLATIVE, *adj.* Lagh-thabhairteach.
- LEGISLATOR, *s.* Lagh-thabhairtear, fear-dèanaimh laghanna.
- LEGISLATORSHIP, *s.* Lagh-thabhairtearachd.
- LEGISLATURE, *s.* Lagh-thabhartas, lagh-ùghdarras.
- LEGIST, *s.* Fear-lagha, fear-eòlach 's an lagh.
- LEGITIMACY, *s.* 1. Lawfulness of birth : dlìgheachd-

breithe, breith-dhligheachd. 2. genuineness, not spuriousness: firinn, firinneachd, glaine.

LEGITIMATE, *adj.* 1. Born in marriage, lawfully begotten: neo-dhiolain, dligheach. 2. genuine, not spurious: fìor, firinneach, dligheach. 3. lawful: laghail, ceart, dligheach.

LEGITIMATE, *v. a.* Dean dligheach, dean laghail.

LEGITIMATELY, *adv.* See Legitimate, *adj.*

LEGITIMATENESS, *s.* See Legitimacy.

LEGITIMATION, *s.* 1. See Legitimacy, 1. 2. act of investing with the privileges of lawful birth: dlìghe-thabhairt.

LEGUME, *s.* Fras, ros, sìol cochullach, peasar, **LEGUMEN**, *f* pònar.

LEGUMINOUS, *adj.* Cochullach, mar pheasair, mar phònar.

LEISURABLE, *adj.* Adhaiseach, air adhais, socrach.

LEISURABLY, *adv.* See Leisureable.

LEISURE, *s.* 1. Freedom from business, or hurry: adhais, socair, fois. 2. convenience of time: cothrom, fàth, fàth-chothrom.

LEISURE, *adj.* Cothromach, socrach, adhaiseach.

LEISURELY, *adj.* Adhaiseach, mall, socrach.

LEISURELY, *adv.* See Leisurely, *adj.*

LEMAN, *s.* Leannan, gràidhean, gràidheag.

LEND, *v. a.* 1. Afford, or supply, on condition of repayment: thoir an iasad, thoir an iasachd, thoir an coingheall. 2. afford, grant in general: thoir, tabhair, thoir uat.

LENDER, *s.* 1. One who lends any thing: iasdaiche. 2. an usurer: fear-riadh, ocaraidhe, ocairear.

LENGTH, *s.* Fad, sineadh, astar. At length: mu dheiridh thall, fa-dheòidh.

LENGTHEN, *v. a. et n.* 1. Make longer: cuir am fad, dean ni's faide, sin, sin a mach. 2. grow longer: sin, fàs ni's faide.

LENGTHENING, *s.* Sineadh, cur am faidead, dol am faidead.

LENGTHFUL, *adj.* Fada.

LENGTHWISE, *adv.* Air 'fhad.

LENIENT, *adj.* 1. Assuasive, softening, mitigating: ciùin, cainn, maoth, tlàth. 2. laxative, emollient: fuasgailteach, taiseachail.

LENIENT, *s.* Iocshlaint-thaiseachaidh.

LENIFY, *v. n.* Ciùinich, sìthich, taisich, dean maoth.

LENITIVE, *adj.* Ciùineachail, taiseachail, maoth-dheanadach.

LENITIVE, *s.* Iocshlaint-thaiseachaidh, leigheas-maothachaidh.

LENITY, *s.* Bàigh, ìochd, caomhalachd, ciùine, sèimhealachd, glus, caoimheas.

LENS, *s.* Gloine-mheudachaidh, no, lughdachaidh, gloine-ìosgaidh.

LENT, *pret. part. v.* Lend. Air a thabhairt an iasad.

LENT, *s.* Cairgheas, àm-trasgaidh.

LENTIGINOUS, *adj.* Sgrathach, cochullach, carrach.

LENTIGO, *s.* Càrr, tachas, briseadh-craicinn.

LENTIL, *s.* Gall-pheasair.

LENTITUDE, *s.* Adhairceachd, moille.

LENTOR, *s.* 1. Tenacity, viscosity: leantuinneachd, teanntachd, rìghneachd. 2. slowness, delay, sluggish coldness: màirnealachd, lèisg, raigead, raigc.

LENTOUS, *adj.* Rìghinn, rag, slamach.

LEOD, *s.* Sluagh.

LEONINE, *adj.* Leòmhannach.

LEOPARD, *s.* Liopard.

LEPER, *s.* Lobhar.

LEPROUS, *adj.* See Leprous.

LEPID, *adj.* Sunndach, suigeartach, mear.

LEPORINE, *adj.* Maigheachail.

LEPROSITY, *s.* Lobharach, luibhreach.

LEPROSY, *s.* Luibhre, mùir, ball-ghalar.

LEPROUS, *s.* Lobharach, luibhreach, mùireach.

LEPROUSLY, *adv.* See Leprous.

LEPROUSNESS, *s.* Luibhreachd, lobharachd.

LERRY, *s.* Achmhasan, trod.

LESS, *conj.* See Unless.

LESS, *adj.* Ni 's lugha, ni 's crìne.

LESS, *s.* Ni 's lugha.

LESSEE, *s.* Fear-gabhail, fear-gabhalach, tuathanach.

LESSEN, *v. a. et n.* 1. Make less, diminish in bulk: lughdaich, cuir an lughad. 2. degrade, deprive of power or dignity: ìslich, thoir sìos, leag sìos. 3. grow less, be diminished: fàs ni 's lugha, rach an lughad.

LESSER, *adj.* See Less, *adj.*

LESSES, *s.* Buachar, innear.

LESSON, *s.* 1. Any thing read or repeated to a teacher, in order to improvement: earrann-leughaidh, *leasan*, leas-aithne. 2. precept, notion inculcated: àithne, ionnsachadh, teagasg. 3. a rating lecture: trod, achmhasan.

LESSON, *v. a.* Teagaisg, thoir teagasg do.

LESSON, *s.* Fear suidheachaidh fearainn, no, thigh-ean.

LEST, *conj.* Mu, mun, mu 'n, air eagal gu, an t-eagal gu.

LET, *v. a.* 1. Allow, suffer, permit: leig le, luathsaich, ceadaidh. 2. leave: leig le. 3. put to hire, grant to a tenant: suidhich, thoir air chumhaibh, thoir air ghabhail. 3. let *be*: leig le, leig leis. 4. let *be*, let go, let alone: leig ruith le, leig as. 5. let *blood*: leig fuil, tarruing fuil. 6. let *in*: leig a stigh. 7. let *off*, discharge: leig as. Let us go: tiuagainn, fàlbhamaid. Let them go, *i. e.* they may go: fàlbhadh iad. Let us rise: èireamaid. Let us sit: suidheamaid. Let us speak: labhramaid.

LET, *v. a. et n.* 1. Hinder, obstruct, oppose: bac, grab, toirnisg, cuir stad air. 2. forbear, withhold thyself: cum ort, cum ort fèin.

LET, *s.* Bacadh, stad, grabadh, maille, dàil, amladh, cnap-starradh.

LETHAL, *adj.* Bàsmhor, fùilteach, mìllteach.

LETHALITY, *s.* Bàsmhorachd.

LETHARGIC, *adj.* Marbhanta, airsnealach, turra-

LETHARGICAL, *adj.* chudalach, trom-intinneach.

LETHARGICALLY, *adv.* See Lethargical.

LETHARGICALNESS, *s.* Marbhantachd, airsnealachd, trom-intinneachd.

LETHARGY, *s.* Trom-chodal, truite, marbh-sgith-eachd, suain-ghalar, turra-chodal.

LETHE, *s.* Deoch dhi-chuimhne.

LETHIFEROUS, *adj.* See Lethal.

LETTER, *s.* 1. One who lets, or permits: fear-luathsachaidh. 2. one who hinders: fear-bacaidh. 3. one who gives vent to any thing: fear-leigil a mach. 4. a letter go: struidhear.

LETTER, *s.* Litir.

LETTER, *v. a.* Litrich, comharraich le litricheibh.

LETTERED, *adj.* 1. Learned: foghlumte, ionnsuichte, oileanta. 2. belonging to learning, suiting letters: sgoilearach, leabhrach.

LETTERPRESS, *s.* Clòdh-bhualadh, clòdh.

LEUCOPHEGNACY, *s.* Glas-ùealachas, fuar-fhallus.

LEVEE, *s.* 1. Time of rising: àm éiridh. 2. the concourse of people that crowd round a man of power in the morning: cuideachd-maidne.

LEVEL, *adj.* Còmharrd, réidh.

LEVEL, *v. a. et n.* 1. Make even, free from inequalities: dean còmharrd, dean réidh. 2. reduce to the same height with something else: co-ìslich. 3. lay flat: leag sìos, buail sìos, leag gu làr. 4. bring to equality of condition: dean aon-inbheach, dean co-inbheach. 5. point in taking aim, aim: cuimsich, gabh cuimse. 6. aim at, bring to the same line with the mark: gabh fradharc, rach 's an anhar, gabh cuimse. 7. conjecture, attempt to guess: tomhais. 8. make attempts, aim: oidhirpich, toir ionnsuidh. 9. square with, accord: còrd, ri, bi réidh ri.

LEVEL, *s.* 1. A plane, a surface without protuberances or inequalities: còmharrd, réidh-ionad. 2. rate, standard, customary height: àirde, cuimse. 3. suitable or proportionate height: co-àirde, co-cuimse, ionchuidheachd. 4. a state of equality: coimeas, co-inbheachd, co-àirde. 5. the line of direction in which any missile weapon is aimed: cuimse.

LEVELLER, *s.* 1. One who makes any thing even, one who measures, or lays a level: fear-dèanaimh còmharrd, fear-tomhais. 2. one who destroys superiority: fear-leagaidh innbean, nàmhaid uachranachd.

LEVELNESS, *s.* Còmharrdachd, réidheachd.

LEVER, *s.* Geimhleag, inneal-toigal.

LEVERET, *s.* Cuilean maighich, maigheach òg.

LEVET, *s.* Sgal-trompaid.

LEVEROCK, *s.* See Laverock.

LEVIALE, *adj.* So-thogail, so-thionail mar chìs.

LEVIATHAN, *s.* Muc-mhara, an ceirean-cròin.

LEVIGATE, *v. a.* 1. Polish, smooth: lìomh. 2. rub or grind to an impalpable powder: meil, min-mheil, min-phronn. 3. mix till the liquor becomes smooth and uniform: suath.

LEVIGATION, *s.* Lìomhadh, meileadh, suathadh. See Levigate.

LEVITATION, *s.* Eutromachadh, deanamh eutrom.

LEVITE, *s.* Lebhitheach, neach de thruabh Lebhi, sagart.

LEVITICAL, *adj.* Lebhitheach, sagartach.

LEVITICALLY, *adv.* See Levitical.

LEVITY, *s.* 1. Lightness, not heaviness: eutruime, eutromachd. 2. inconstancy, changeableness: luaineachas, caochlaidheachd, gòraich, gogaidheachd. 3. idle pleasure, vanity: dìomhanas,

amaideachd. 4. trifling gaiety, want of seriousness: neo-stòldachd, neo-shuidhichteachd.

LEVY, *v. a.* 1. Raise, bring together, of men: tog, tionail, dean suas feachd. 2. raise, applied to money: tog.

LEVY, *s.* 1. Act of raising money, or men: togail. 2. the men raised: feachd, armaill, cuirneachadh, buidheann. 3. war raised: cogadh.

LEW, *adj.* See Lukewarm.

LEWD, *adj.* 1. Wicked, bad, dissolute: olc, aingidh, mi-bheusach, coirbte. 2. lustful, libidinous: ana-miannach, druisel, striopachail, draosda, collaidh.

LEWDLY, *adv.* See Lewd.

LEWDNESS, *s.* 1. Grossness, want of shame: mì-nàire, mì-stuamachd. 2. wickedness, propensity to wickedness: coirbteachd, droch-mhuinnteachd, aingidheachd. 3. lustful licentiousness: ana-miann, druiséalachd, draosdachd, collaidheachd.

LEWDSTER, *s.* Druisear, fear draosda.

LEXICOGRAPHER, *s.* Fear-dèanaimh foclair, focladair.

LEXICOGRAPHY, *s.* Foclairachd, focladaireachd.

LEXICON, *s.* Foclair, leabhar-fhocla.

LEY, *s.* See Lea.

LIABILITY, *s.* Bualiteachd do, do-sheachantachd.

LIABLE, *adj.* Bualiteach, bualiteach do, do-sheachantach.

LIABLENESS, *s.* See Liability.

LIAR, *s.* Breugair, fear aithris bhreug, truthair, cealgair.

LIARD, *adj.* Liath, liath-ghlas.

LIE, *v. a.* See Castrate.

LIBATION, *s.* Iobairt-dìbhe, ìobairt-òil.

LIBBARD, *s.* See Leopard.

LIBEL, *s.* 1. A satire, a defamatory writing, a lampoon: aoir, aoireadh. 2. a declaration, or charge in writing against a person exhibited in court: casaid sgrìobhta, cùis-chasaid, cùis-dhithidh.

LIBEL, *v. a.* Aoir, càin, maslaich.

LIBELLER, *s.* Aoireadair, fear-aoiridh, fear-càinidh.

LIBELLING, *s.* Aoireadh, càineadh, dìteadh.

LIBELLOUS, *adj.* Diteachail, maslachail, tàir-chainnteach.

LIBERAL, *adj.* 1. Not mean, not low in birth, or mind: uasal, fathail, fùghantach, fial, fialaidh. 2. becoming a gentleman: uasal. 3. munificent, generous, bountiful, not parsimonious: fialaidh, tabhairteach, toirbheartach, pailt-làmhach, aoidheil, geanaill, faoilidh. 3. gross, licentious, free to excess: mi-bheusach, mì-mhodhail, mì-shubhailteach, ana-measarra.

LIBERALITY, *s.* Tabhairteachd, toirbheartas, fialaidheachd, féile, uaisle, aoidheachd, aoidhealachd. LIBERALIZE, *v. a.* Dean aoidheil, dean uasal, dean fialaidh, fàg fialaidh, cuir am bodach as.

LIBERALLY, *adv.* See Liberal.

LIBERATE, *v. a.* Cuir mu sgaoil, cuir fuidh sgaoil, saor, toir saorsa do.

LIBERATION, *s.* Cuir fuidh sgaoil, fuasgladh, saoradh.

LIBERATOR, *s.* Saoradh, fear-fuasglaidh.

LIBERTINAGE, *s.* See Libertinism.

LIBERTINE, *s.* 1. One unconfined, one at liberty : saoranach, duine gun chuing. 2. one who lives without restraint or law : duine gun smachd, fear-aimhreil, ceann-buairidh. 3. one who pays no regard to religion : aindiahdhach, ana-creidmheach. 4. (in law) a freedman, the son of a freedman : duine saor.

LIBERTINE, *adj.* Ain-diadhaidh, ana-creidmheach.

LIBERTINISM, *s.* 1. Irreligion, licentiousness of opinions and practice : aindiahdhachd, ana-creidimh, neo-mheasarrachd. 2. privilege of a freedman : dlighe saoir dhuine.

LIBERTY, *s.* 1. Freedom, as opposed to slavery : saorsa. 2. exemption from tyranny or inordinate government : saorsa, socair, fois. 3. freedom, as opposed to necessity : saorsa, cead. 4. privilege, immunity, exemption : socair, dlighe. 5. relaxation of restraint : fuasgladh. 6. leave, permission : cead, luathsachadh.

LIBIDINIST, *s.* See Lewdster.

LIBIDINOUS, *adj.* Ana-miannach, druiseil, neo-gheamnuidh, collaidh.

LIBIDINOUSLY, *adv.* See Libidinous.

LIBIDINOUSNESS, *s.* Ana-miannachd, druisealachd, neo-gheamnuidheachd, collaidheachd.

LIBRARIAN, *s.* Fear-gleidhidh leabhraichean, fear-leabhar-lann.

LIBRARY, *s.* 1. A large collection of books : leabhar-lann, leabhradan. 2. a book room : leabhar-lann, seòmar-leabhraichean.

LIBERATION, *s.* Co-chothromachadh, meigheachadh.

LIBERATORY, *adj.* Co-mheigheachail, luasganach.

LICE, *pl.* of Louse, which see.

LICENSE, *s.* 1. Exorbitant liberty, contempt of legal and necessary restraint : ro-shaorsa, fuasgailteachd, srian fhuasgailte. 2. a grant of permission : cead, comas. 3. liberty, permission : cead, luathsachadh.

LICENSE, *v. a.* Ceadaidh, thoir cead laghail do.

LICENSER, *s.* Fear-ceadachaidh.

LICENTIATE, *s.* Fear ceadaidhte 'n a dhreuchd, fear-barrantais.

LICENTIATE, *v. a.* Thoir barrantas do, ceadaidh le barrantas.

LICENTIOUS, *adj.* 1. Unrestrained by law, or morality : fuasgailte, neo-mheasarra, mi-bheusach. 2. presumptuous, unconfined : dàna, ann-dàna, ladarna.

LICENTIOUSLY, *adv.* See Licentious.

LICENTIOUSNESS, *s.* Fuasgailteachd, neo-mheasarrachd, mi-bheus, ann-dànas, ladarnas.

LICH, *s.* Corp, fear-lic.

LICHEN, *s.* Crotal, griaman.

LICHOWI, *s.* Coilleach-oidhech, cumhachag.

LICIT, *adj.* Laghail, ceart, dligheach.

LICITLY, *adv.* See Licit.

LICITNESS, *s.* Laghaileachd, dligheachas, ceartas, coir.

LICK, *v. a.* Imlich. Lick up : sluig.

LICK, *v. a.* Buail, gabh air, dòrn, grèidh.

LICK, *s.* Buille, dòrn, cnap, grèidheadh.

LICKER, *s.* Fear-imlich.

LICKERISH, *adj.* 1. Nice in the choice of food : LICKEROUS, } sòghmhor, geòcach, rùithteil. 2. eager, greedy to swallow : ciocrach, ionach, geòcach.

LICKERISHNESS, } *s.* Sòghmhorachd, geòcaiche,
LICKEROUSNESS, } geòcaireachd.

LICOROUSNESS, }

LICKERISHLY, }

LICOROUSLY, } *adv.* See Lickerish.

LICORICE, *s.* Maide milis, cara-mealla.

LICTOR, *s.* Maor Romhanach.

LID, *s.* 1. A cover : còmhach, ceann, brod. 2. the membrane that when we sleep or wink is drawn over the eye : fabhradh, rosg.

LIE, *s.* Coimeasgadh, treamsgal.

LIE, *s.* Breug.

LIE, *v. n.* Iunis breug, dean breug.

LIE, *v. n.* 1. Rest horizontally : luidh. 2. rest, press upon : luidh, luidh air. 3. be reposit in the grave : luidh sìnte. 4. pass the time of sleep : luidh, coidil. 5. remain fixed : fan, fuirich. 6. reside : tàmh, fan, tuinig, còmhnuich. 7. be placed or situated with respect to something else : luidh, bi suidhichte, bi. 8. press upon affectively : luidh air. 9. be troublesome or tedious : bi draghail do, luidh air. 10. be judicially imputed : bi air. 11. be in any particular state : bi. 12. be in a state of concealment : bi am folach, bi fol-aichte. 13. be in prison : bi an sàs, bi am prìosan. 14. be in a bad state : bi an droch luidhe, bi air dhroch càireadh. 15. consist : comh-sheas. 16. be in the power, belong to : bi an comas do. 17. be by, rest, remain, still : foisich, bi aig fois. 18. lie down, rest, go into a state of repose : luidh sìos. 19. lie in : bi an leabaidh-shùbhlha. 20. lie under, be subject to, be oppressed by : luidh fuidh, bi fuidh.

LIEF, *adj.* See Leef.

LIEGE, *s.* Tighearn, uachdaran.

LIEGE, *adj.* Uachdranach.

LIEGER, *s.* Teachdaire-rìgh.

LIENTERY, *s.* Sior-phlucas, buinneach mhòr, grad-bhuinneach.

LIER, *s.* Fear-luidhe, neach 'n a shineadh.

LIEU, *s.* Àite, ionad, riochd. In lieu of : an àite, an ionad, an riochd.

LIEVE, *adv.* Gu toileach, gu deònach, gu h-èasgaidh.

LIEUTENANCY, *s.* Fo-uachdranachd, fo-fhlaitheachd.

LIEUTENANT, *s.* Fo-uachdaran, fo-cheannard.

LIEUTANANTSHIP, *s.* See Lieutenantcy.

LIFE, *s.* 1. Vitality, animation : beatha, deò. 2. present state : beatha, a' bheatha ta làthair. 3. enjoyment, or possession of existence : beò, beatha. 4. blood, supposed vehicle of life : fuil. 5. conduct, manner of living : beatha, caitheamh-beatha. 6. condition, manner of living : cor, inbhe, seòl. 7. continuance of our present state : beatha, aimsir, làithean. 8. exact resemblance : fo : mac-samhuil. 9. general state of man : beatha. 10. common occurrences, the course of things : saoghal. 11. living person : creutair beò, neach beò. 12. narrative of a past life : beatha, eachdraidh-beatha.

13. spirit, briskness, vivacity, resolution : smior, smioralachd, beothalachd, meamnachd. 14. animal, animated existence : deo, cré.
- LIFE-BLOOD**, *s.* Fuil na beatha.
- LIFEGIVING**, *adj.* Beatha-thabhairteach.
- LIFEGUARD**, *s.* Freiceadan rìgh.
- LIFELESS**, *adj.* 1. Dead, deprived of life : marbh, gun deò. 2. unanimated : marbhanta, neo-beohtail. 3. wanting power, force, or spirit : neo-mheamnach, neo-slunnach, gun chli.
- LIFELESSLY**, *adv.* See Lifeless.
- LIFESTRING**, *s.* Sreang-bheatha, cuisle.
- LIFETIME**, *s.* Aimsir, ùine, làithean.
- LIFEWARY**, *adj.* Truagh, truaghanach.
- LIFT**, *v. a. et n.* 1. Raise from the ground, heave, elevate : tog. 2. rob, plunder : tog creach. 3. exalt, elevate mentally : àrdaich. 4. raise in fortune : tog, cuir suas, àrdaich. 5. exalt in dignity, or estimation : àrdaich. 6. elevate, swell as with pride : tog, at. 7. strive to raise by strength : tog. 8. practise theft : tog creach, creach, goid, bi rì gaduidheadh.
- LIFT**, *s.* 1. The manner of lifting : seòl-togail. 2. act of lifting : togail. 3. effort, struggle : oidheip, ionnsuidh. 4. (in Scotland), load, or surcharge : eallach, togail. 5. (in Scottish) : speur, athar.
- LIFTER**, *s.* 1. One that lifts : fear-togalach. 2. a thief : gaduiche, mèirleach, creachadair.
- LIFTING**, *s.* Togail, cuideachadh.
- LIG**, *v. n.* Dean breug.
- LIGAMENT**, *s.* Ceanglachan, sreang-cheangail, ceangal.
- LIGAMENTAL**, } *adj.* Ceanglachanach, sreangach.
- LIGAMENTOUS**, }
- LIGATION**, *s.* Ceangal.
- LIGATURE**, *s.* Ceanglachan, bann, ceangal.
- LIGHT**, *adj.* 1. The material medium of sight : solus. 2. power of perceiving external objects by the eye : fradharc, léirsinn. 3. state of the elements in which things become visible : solus, soillse. 4. day : là, latha, solus-latha. 5. life : beatha. 6. artificial light : solas. 7. illumination of mind, instruction, knowledge : eòlas, soilleireachd, foghlum. 8. point of view, situation, direction : sealladh, amharc. 9. public view, public notice : folluiseachd, follus, solus. 10. explanation : mineachadh, soilleireachadh. 11. any thing that gives light : lòchran, solus.
- LIGHT**, *adj.* 1. Not heavy : eutrom. 2. not burdensome, easy to be worn, or carried : eutrom, so-ghùlain, so-ìomchar. 3. not afflictive, easy to be endured : so-fhulang, so-ghùlain, eutrom. 4. easy to be performed, not difficult : furasda, eutrom. 5. not heavily armed : eutrom. 6. active, nimble : ealamh, lùthair, luath. 7. unencumbered, unembarrassed : socrach, foisneach, saor. 8. slight, not great : suarach, beag. 9. not dense, not gross : tana, caol. 10. unsteady, unsettled : luaineach, neo-shuidhichte, gòrach. 11. gay, airy, wanting dignity, or solidity : baath, guanach, baogalta, gogaideach. 12. not chaste, not regular in conduct : neo-gheamnuidh, neo-mheasarra. 13. bright,

- clear : soilleir, soillseach. 14. not dark, tending to whiteness : soilleir.
- LIGHT**, *v. a. et n.* 1. Kindle, inflame, set on fire : las, soillsich, beothaich. 2. give light to, guide by light : soillsich, thoir solus do. 3. illuminate, fill with light : dealraich, dean soilleir. 4. lighten, ease of a burden : eutromaich. 5. happen to find, fall upon by chance : tuit air, amais, amais air. 4. fall in any particular direction : tuit, tuit air. 7. fall, strike on : buail. 8. descend from a horse or carriage : téirinn, thig a mhàn, thig a nuas.
- LIGHT-BEARER**, *s.* Gille-lòchrain.
- LIGHTBRAIN**, *s.* Ceann-eutrom, neach gòrach.
- LIGHTEN**, *v. n.* 1. Flash, with thunder : dealraich, boillsg. 2. shine like lightning : dèars, boillsg. 3. fall, light : tuit, thig air.
- LIGHTEN**, *v. a.* 1. Illuminate, enlighten : soillsich, soilleirich. 2. exonerate, unload : eutromaich, saor o. 2. make less heavy : eutromaich. 4. exhilarate, cheer : tog gean, dean cridheil.
- LIGHTER**, *s.* 1. A large open vessel : seòrsa luinge. 2. one who communicates light : fear-soillseachaidh, fear-lasaichd.
- LIGHTFINGERED**, *adj.* Bradach, luath-mheurach.
- LIGHTFOOT**, *adj.* Luath-chosach, eutrom, lùthmhor.
- LIGHTFOOT**, *s.* Sithionn.
- LIGHTFOOTED**, *adj.* Eutrom, luath, luath-chosach.
- LIGHTHEADED**, *adj.* 1. Unsteady, loose, thoughtless, weak : cor-cheannach, sgaogach, eutrom, gog-cheannach. 2. delirious : air boile, air mhearan-cèille, gòrach.
- LIGHTHEADEDNESS**, *s.* Gòraiche, mearan-cèille.
- LIGHT-HEARTED**, *adj.* Sunndach, suigearach, aigh-earach, aigearach, cridheil.
- LIGHT-HOUSE**, *s.* Tigh-soluis.
- LIGHT-LEGGED**, *adj.* Eutrom, luath, luath-chosach, siubhlach, grad-cheumach.
- LIGHTLESS**, *adj.* Doilleir, dorch, gun solus.
- LIGHTLY**, *adv.* See Light.
- LIGHTNESS**, *s.* 1. Want of weight : eutromachd, eutruime. 2. inconstancy, unsteadiness : luaineachas, neo-sheamhachd, guineas. 3. unchastity : neo-gheamnuidheadh. 4. agility, nimbleness : lùthmhorachd, cliseachd.
- LIGHTNING**, *s.* Dealanach, teine-dealanaich, tein'athar, teine speur.
- LIGHTS**, *s.* See Lungs.
- LIGHTSOME**, *adj.* 1. Luminous, not dark, not opaque : soilleir, soillseach, dealrach. 2. gay, airy, having the power to exhilarate : sunndach, aigh-earach, cridheil.
- LIGHTSOMENESS**, *s.* 1. Luminousness, not opacity, not obscurity : soilleireachd, soillseachd. 2. cheerfulness, merriment, levity : sunnd, sunndachd, sìrd, aigh-earach, cridhealas.
- LIGNEOUS**, } *adj.* Fiodha, fiodhach.
- LIGNOUS**, }
- LIGURE**, *s.* Lìgur.
- LIKE**, *adj.* 1. Resembling, having resemblance : coltach, coslach. 2. equal, of the same quantity : ionann. 3. likely, in a state giving probable expectation : coltach, coslach, so-chreidsinn.

LIKE, *s.* 1. Some person or thing resembling another: mac-samhuil, samhail, samhladh. 2. like, used with *had*, i. e. had like: theab, theabadh.

LIKE, *adv.* 1. In the same manner: ionann agus, amhuil, amhuil mar, mar. 2. in such manner as befits: mar. 3. likely, probable: coltach.

LIKE, *v. a. et n.* 1. Choose, with some degree of preference: togair, roghnaich, gabh mar roghainn. 2. approve, view with approbation: gabh ciatfadh dhe. 3. please, be agreeable to: taitinn fi. 4. liken: samhluich. 5. be pleased, chuse, list: togair, bi toileach, be deònach.

LIKELIHOOD, *s.* Coltas, coslach, cosmhalachd. In

LIKELINESS, *s.* all likelihood: a fèir coslais, a fèir gach coslais.

LIKELY, *adj.* 1. Such as may be liked, such as may please: taitneach, riochdail, dreachmhòr. 2. probable: coltach, cosmhuil.

LIKELY, *adv.* See **Likely**, *adj.*

LIKEN, *v. a.* Samhluich, coimeas.

LIKENESS, *s.* 1. Representation, parable, comparison: samhladh. 2. resemblance, similitude: coslas, coltas, cosmhalachd. 3. form, appearance: dreach, coslas, dealbh. 4. a copy: mac-samhuil.

LIKEWISE, *adv.* Mar an ceudna, air a' mhòd cheudna, fòs, cuideachd.

LIKING, *adj.* Sultmhor, reamhar.

LIKING, *s.* 1. Good state of body, plumpness: sultmhorachd, reamhrachd. 2. state of trial: deuchainn. 3. inclination, desire: togradh, toil. 4. delight in, pleasure in: tlachd, toil-inntinn, toileachas.

LILY, *s.* Lìlidh, neòinean.

LILY-DAFFODIL, *s.* Lus-a'-chrom-chinn.

LILY-HANDED, *adj.* Geal-lamhach.

LILY-LIVERED, *adj.* Cladbaireach, gealtach.

LILT, *v. n.* Dean gu clis, dean gu grad.

LIMATURE, *s.* Gainneamh mhiotaitte, duslach an eadha.

LIMB, *s.* Ball, ball-cuirp. (of a tree): meur, geug.

LIMB, *v. a.* 1. Supply with limbs: cuir buill fi. 2. tear asunder, dismember: reub, srac, cuir as a bhuill.

LIMBECK, *s.* See **Alembic**.

LIMBED, *adj.* Cumta, iomlan 'n a bhallaibh.

LIMBER, *adj.* So-lùbaidh, so-thoinneamh, maoth.

LIMBERNESS, *s.* So-lùbaidheachd, maothachd.

LIMBLESS, *adj.* Gun bhuill, lom.

LIMBO, *s.* 1. A fabulous region bordering on hell, without pleasure or pain: ionad mharbh. 2. hell: ifrinn. 3. any place of misery and restraint: gainntir.

LIME, *s.* 1. A viscous substance drawn over twigs to catch birds: glaoch eun. 2. matter of which mortar is made: aol.

LIME, *v. a.* 1. Entangle, ensnare: rib, glac. 2. smear with lime, manure with lime: aol.

LIMEHOUND, *s.* Mial-chu.

LIME-KILN, *s.* Àth-aol.

LIMESTONE, *s.* Clach-aoil.

LIME-WATER, *s.* Uisge-aoil.

LIMIT, *s.* Crìoch, iomall, oir, ceann-criche.

LIMIT, *v. a.* Cuairtich, cuir crìoch fi, cuir crìoch mu, suidhich crìochan.

LIMITANEUS, *adj.* Crìochail, iomallach.

LIMITARY, *adj.* Crìoch-chaitheiseach.

LIMITATION, *s.* 1. Restriction: crìoch-chur, bacadh. 2. circumspection: furachras, faicill. 3. limited time: ùine shuidhichte.

LIMITLESS, *adj.* Neo-chrìochnach.

LIMMER, *s.* 1. See **Limebound**. 2. a thill, or shaft: làimh, samhach.

LIMN, *v. a.* Tarruing, tarruing dealbh.

LIMNER, *s.* Fear-tarruing dhealbh.

LIMOUS, *adj.* Làibeach, clàbarach, làthachail.

LIMP, *v. n.* Bi bacach, bi crùbach, falbh air leth-chos.

LIMP, *s.* Crùbaiche, bacaiche.

LIMPER, *s.* Fear bacach, fear crùbach.

LIMPET, *s.* Bàirneach.

LIMPID, *adj.* Glan, soilleir, trid-shoilleir.

LIMPIDNESS, *s.* Gloine, soilleireachd, trid-shoilleireachd.

LIMPINGLY, *adv.* Gu crùbach, gu bacach.

LIMPITUDE, *s.* See **Limpidness**.

LIMY, *adj.* 1. Viscous, glutinous: glaochach. 2. containing lime: aolach.

LIN, *v. n.* Stàd, thoir thairis sguir, leig dhìot.

LINCHPIN, *s.* Tarruing-aisil.

LINCTUS, *s.* Iocshlaint imlich.

LINDEN, *s.* Teile, crann-teile.

LINE, *s.* 1. Longitudinal extension: sgrìob, fad, sineadh. 2. a slender string: sreang, sreangach. 3. a thread extended to direct any operations: sreang, còrd. 4. the string that sustains the angler's hook: drianlach, teilg. 5. lineaments or marks in the hands or face: stiall, stiallag. 6. delineation, sketch: dreach, cumadh, riaghailt. 7. as much as is written from one margin to the other, a verse: sreath-sgrìobhaidh, ceum dàin. 8. rank of soldiers: sreath, sreath-bhuidhne. 9. work thrown up, a trench: dig-daingnich. 10. method, disposition: dòigh, alt, seòl, riaghailt. 11. extension, limit: fad, astar, fad-criche. 12. equator, equinoctial circle: crìos-meadhoin an t-saoghail. 13. progeny, family, ascending, or descending: linn, iarmad, slòchd, siol, gineal. 14. the tenth part of an inch: deicheamh earrann na h-òirleach. 15. a letter: litir. 16. lint, or flax: lìon.

LINE, *v. a.* 1. Cover on the inside: lìng, cluthaich. 2. guard within: daingnich, dìon. 3. strengthen by inner works: daingnich. 4. cover with something soft: còmhdaich. 5. strengthen with help: neartaich. 6. impregnate, applied to animals generating: dean torrach, dàir, reithich.

LINEAGE, *s.* Linn, slòchd, iarmad, clann, cinneadh, sine, siol, teaghlach, gineal.

LINEAL, *adj.* 1. Composed of lines, delineated: sìnte, sreathach, dealbhta, tarruingte. 2. descending in a direct genealogy: dìreach, dlìgheach. 3. hereditary, derived from ancestors: dlìghcach,

dualach, dùthchasach. 4. allied by direct descent : dàimheil, an cleamhnas.

LINEALLY, *adv.* See Lineal.

LINEMENT, *s.* Cruth, dreach, dualachas, conlarradh, gnùise.

LINEAR, *adj.* See Lineal, 1.

LINATION, *s.* Stiall, sgriob, sgriach, sreath.

LINEN, *s.* Anart, lion-eudach.

LINEN, *adj.* Anartach, mar anart.

LINENDRAPER, *s.* Reiceadair anairt.

LINNENER, } *s.* Sec Linendraper.

LINNEMAN, }

LING, *s.* 1. Heath : fraoch, sliabh. 2. a certain fish : langa.

LINGER, *v. n.* 1. Remain long in languour and pain : bi fada am péin, bi fuidh chràdh-thinneas. 2. hesitate, bi in suspense : ag, bi an teagamh, bi an iom-chomhairle. 3. remain long : in an ill sense : dean màirneal, dean fadal. 4. remain long, without any action or determination : dean fadal, cuir dàil ann, dean dàil. 5. wait long in expectation, or uncertainty : fuirich, fan ri. 6. be long in producing effect : bi fada ri, gabh ùine.

LINGERER, *s.* Fear-màirneil, fear-fadail, fear dàlach, fear leasg, lunnair.

LINGERING, *s.* Màirneal, fadal, dàil.

LINGERINGLY, *adv.* Gu màirnealach, gu fadalach, gu h-adhaiseach.

LINGET, *s.* Ord beag miotailte, geinn.

LINGLE, *s.* Snaithinn greusaiche.

LINGO, *s.* Cànan, cainnt, teanga, seòl-labhairt.

LINGUACIOUS, *adj.* Cainteach, bruidhneach, briathrach, gobach.

LINGUIST, *s.* Fear-chànain, teangair, fear ionnsuichte an cainntibh.

LINIMENT, *s.* Cungaigh-leighis, sàbh, acfhuinngaidh.

LINING, *s.* Linig, linigeadh.

LINK, *s.* 1. A single ring of a chain : tinne, dula. 2. any thing doubled, and closed together : cuairteag, deala. 3. a chain, any thing connected : ceangal, ceanglachan. 4. a torch : leus, torr-leus.

LINK, *v. a. et n.* 1. Complicate, as the links of a chain : co-cheangail, tàth, figh 's a chéile. 2. unite, join in concord : co-dhlùthaich, aon, co-cheangail. 3. join, connect : ceangail, aonaich, co-cheangail. 4. join by confederacy, or contract : dean co-cheangail ri, cuir an bannaibh, cuir an co-chomunn. 5. connect, as concomitant : dlùthaich ceangail. 6. link *in*, be connected : bi am bannaibh, bi 'n dlùthachd.

LINKBOY, } *s.* Fear-torr-leus, gille-leus, gille-soluis.

LINKMAN, }

LINET, *s.* Bricean-beithe, gealan-lin.

LINSEED, *s.* Ros-lin, fras-lin.

LINSEY,

LINSEY-WOOLSEY, } *s.* Drogaid.

LINSEY-WOOLSEY, *adj.* 1. Made of linen and wool mixed : drogaideach. 2. vile, mean, of different and unsuitable parts : neo-mhaiseach, miothar, suarach.

LINSTOCK, *s.* Maide-teine, fadadh-cluaise.

LINT, *s.* 1. The soft substance commonly called flax : lion. 2. linen scraped into soft woolly substance to lay upon sores : caiteas.

LINTEL, *s.* Ard-dorus, for-dorus.

LION, *s.* Leòmhann.

LIONESS, *s.* Leòmhán boirionn, ban-leòmhán.

LIONLIKE, }

LIONLY, } *adj.* Leòmhannach, leòmhanta.

LIP, *s.* 1. The outer part of the mouth : bile, lip.

2. the edge of any thing : oir, bile, foir. 3. make a lip : cuir bus ort.

LIP-DEVOTION, *s.* Aoradh-beòil.

LIP-GOOD, *adj.* Beul-mhaith, beul-bhreagha.

LIP-LABOUR, *s.* Briathrachas, briathran gun seadh.

LIPOTHYMOUS, *adj.* Paiseanach, breisleachail, dol an eul.

LIPOTHYMY, *s.* Paisean, breisleach, neul.

LIPPED, *adj.* Bileach, busach, oireach.

LIPPITUDE, *s.* Prabaiche, brach-shuileachd.

LIP-WISDOM, *s.* Beul-ghliocas, gliocas-beoil.

LIQUABLE, *adj.* So-leaghaidh.

LIQUATION, *s.* 1. Act of melting : leaghadh. 2. capacity to be melted : so-leaghadh.

LIQUATE, *v. n.* Leagh, fas tana.

LIQUEFACTION, *s.* Leaghadh.

LIQUEFIABLE, *adj.* So-leaghaidh.

LIQUEFY, *v. a. et n.* Leagh, fas tana.

LIQUESCENCY, *s.* Leaghtachd, leaghtantachd.

LIQUESCENT, *s.* Leaghtach, leaghanta.

LIQUEUR, *s.* Dràm cubhraidh.

LIQUID, *adj.* 1. Not solid, fluid : tana. 2. soft, clear : bog, tais, soilleir. 3. pronounced without any jar or harshness : min, so-labhraidh.

LIQUID, *s.* Dibh, uisge, deoch, ni tana sam bith, mar uisge.

LIQUIDATE, *v. a.* Glan air falbh, lughdaich fiachan.

LIQUIDATION, *s.* Glanadh air falbh, lughdachadh fhiachan.

LIQUIDITY, } *s.* Tainead, tanad, leaghtachd, uisge.

LIQUIDNESS, } ealachd.

LIQUOR, *s.* Deoch, dibh, deoch làidir. See Liquid, *s.*

LIQUOR, *v. a.* Fluch, bogaich, taisich.

LICORICE, *s.* See Licorice.

LISNE, *s.* Fàslach, còs, lag.

LISP, *v. a. et n.* 1. Utter with a lisp, express imperfectly, or with hesitation : dean liotaiche, labhair gu h-agail. 2. speak with too frequent apulses of the tongue to teeth or palate : bi liotach, bi manndach.

LISPER, *s.* Fear liotach, fear manndach.

LISPINGLY, *adv.* Gu liotach, gu manndach.

LISSON, *adj.* See Limber.

LIST, *s.* 1. A roll, a catalogue : clàir-ainm, ainmchlàr. 2. enclosed ground in which tilts are run : ionad-còmhraig. 3. bound, limit : crìoch, iomall. 4. desire, willingness, choice : togradh, miann, toil. 5. a strip of cloth : stiall, stioma. 6. a border : oir.

LIST, *v. a. et n.* 1. Enrol, register : tog, cuir an àireamh, cuir a stigh t' ainm. 2. retain and enrol soldiers, enlist : gubh, cuir airgid rìgh air, gabh mar shaighdear. 3. enclose for combats : cuairtich, dùin a stigh ionad còmhraig. 4. sew together :

- fuaigh. 5. hearken to, listen, attend : éisd, thoir an aire do, dean fàr-chluais.
- LISTED**, *adj.* Stiallach.
- LISTEN**, *v. n.* Eisd, thoir aire do, dean fàr-chluais.
- LISTENER**, *s.* Fear-éisdachd, fear-fàr-chluais.
- LISTFUL**, *adj.* Aircaichail, faicilleach.
- LISTLESS**, *adj.* 1. Without inclination, without any determination to one thing more than another : coma, coimheis, neo-unhailleach. 2. careless, heedless : neo-chùramach, gun aire, neo-mhothachail.
- LISTLESSLY**, *adv.* See Listless.
- LISTLESSNESS**, *s.* Cion-unhail, coimhiseachd, neo-mhothalachd, nao-aire, neo-chùram.
- LIT**, *pret.* of Light, *v.* Eas, dh'fhadaidh, bheothaich, shoillsich. See Light, *v.*
- LITANY**, *s.* An Lìodan, fuirm-ùrnuigh, ùrnuigh, fluirmail.
- LITERAL**, *adj.* Litireil, litreach.
- LITERAL**, *s.* An litir, seadh na litreach.
- LITERALITY**, *s.* Prìomh sheadh, seadh litireil.
- LITERALLY**, *adv.* See Literally.
- LITERARY**, *adj.* Ionnsuichte, foghlumte, oilleanaichte, grunn-fhoghlumte, a blhuineas do grunn-fhoghlum.
- LITERATE**, *adj.* Ionnsuichte, foghlumte.
- LITERATI**, *s.* Luchd-foghlum, aois-fhoghlum.
- LITERATOR**, *s.* Oide-foghlum, maighstir-sgoile.
- LITERATURE**, *s.* Oilcan, foghlum, grunn-fhoghlum, feallsanachd.
- LITHE**, *adj.* See Limber.
- LITHENESS**, *s.* See Limberness.
- LITHER**, *adj.* 1. Soft, pliant : maoth, tais, so-lùbaidh. 2. bad, sorry, corrupt : olc, suarach, truailidh.
- LITHOGRAPHY**, *s.* Cloch-sgrìobhadh, cloch-ghrabhadh.
- LITHOMANCY**, *s.* Cloch-fhàisneachd.
- LITHONTRIPTICK**, *adj.* Cloch leaghtach, leaghtach air cloch-fhuail.
- LITHOTOMIST**, *s.* Léigh fuail-chloich.
- LITHOTOMY**, *s.* Gearradh air son na cloich-fhuail.
- LITUIX**, *adj.* Maoth, so-lùbaidh.
- LITIGANT**, *s.* Lagh-thagaird, tagairtear-lagha.
- LITIGANT**, *adj.* Lagh-thagairteach, agartach, tagluineach.
- LITIGATE**, *v. a.* Dean lagh ri, dean cùis lagha, agair lagh air.
- LITIGATION**, *s.* Tagairt, tagradh, cùis-lagha, tagairt-lagha.
- LITIGIOUS**, *adj.* 1. Inclined to law-suits, quarrelsome, wrangling : lagh-agartach, conasach. 2. disputable, controvertible : connspoideach, doirbh, decair.
- LITIGIOUSLY**, *adv.* See Litigious.
- LITIGIOUSNESS**, *s.* Tagluinneachd, connspoideachd, buaireasachd, conasachd.
- LITTER**, *s.* 1. A kind of vehicular bed : crò-leabaidh, carbad-codail. 2. the straw laid under animals, or on plants : connlach, leabaidh. 3. a brood of young : cuain. 4. any number of things thrown sluttishly about : treamsгал, ùtrais.

- LITTER**, *v. a.* 1. Bring forth : beir, beir àl. 2. cover with things negligently, or sluttishly : ùtraisich, cuir 'n a ùtrais. 3. cover with straw : cuir connlach fuidh, cuir connlach air.
- LITTLE**, *adj.* 1. Small in extent : beag, cumhang. 2. not great, of small bulk, diminutive : crìon, meanbh, beag. 3. of small dignity, power, or importance : neo-inbheach, beag, suarach, ìosal, bochd. 4. not much, not many : tearc, aineamh, gann. 5. some, not none : beagan, cuid.
- LITTLE**, *s.* 1. A small space : beagan. 2. a small part, a small proportion : beagan, earran bheag. 3. a slight affair : rud beag, neo-nì.
- LITTLE**, *adv.* See Little.
- LITTENESS**, *s.* 1. Smallness of bulk : meanbhachd, bige, beagachd, crìonachd, crìonad, lughad. 2. want of dignity : mìotharachd, suarachas, neo-uaisleachd.
- LITTORAL**, *adj.* Cladachail, tràigheach, oirthreach.
- LITURGY**, *s.* Ùrnuigh choitcheann, deas-ghnath aoraidh.
- LIVE**, *v. n.* 1. Be in a state of animation : bi beò. 2. pass life in any certain manner with regard to habits : thig beò, caith do bheatha. 3. continue in life : maire, maire beò. 4. remain undestroyed : maire, seas, buanaich. 5. continue, be not lost : maire, bi làthair. 6. converse, cohabit with : còmhnuich le, bi an comunn ri. 7. feed upon : thig beò air. 8. maintain thyself, be supported : beathaich thu féin, bi air do bheathachadh. 9. be in a state of motion, or vegetation : bi beò. 10. be unextinguished : bi beò, maire beò.
- LIVE**, *adj.* 1. Quick, not dead : beò. 2. active, not extinguished : beothail, beathail. 3. vivid, spoken of colour : beothail, grunn.
- LIVELESS**, *adv.* See Lifeless.
- LIVELIHOOD**, *s.* 1. Support of life, maintenance : beathachadh, teachd-an-tìr, lòn. 2. living form, appearance of life : beatha, beathalachd.
- LIVELY**, *adv.* See Lively.
- LIVELINESS**, *s.* 1. appearance of life : beatha, deò. 2. vivacity, sprightliness : beothalachd, sunndachd, cridhealachd.
- LIVELoad**, *s.* See Livelihood.
- LIVELONG**, *adj.* Fadalach, buan, sgìth.
- LIVELY**, *adj.* 1. Brisk, vigorous, vivacious : sunndach, beothail, cridheil. 2. gay, airy : meannnach, aighearach, aith, mear. 3. representing life : beothail. 4. strong, energetic : làidir, tapaidh, fearail.
- LIVELY**, *adv.* See Lively, *adj.*
- LIVELY**, *adv.* See Lively, *adj.*
- LIVER**, *s.* Fear beò, neach beò, cré.
- LIVER**, *s.* Atha, adha, gràna.
- LIVER-COLOUR**, *adj.* Dubh-ruadh, dubh-dhearg, dorch-dhearg.
- LIVERED**, *adj.* Athach, adhach, grànach.
- LIVERY**, *s.* 1. Act of giving possession : seilbhtabhairt, no, seilbh-ghabhail. 2. release from wardship : saorsa, comas, cead, fuasgladh. 3. the writ by which possession is obtained : sgrìobhadh-seilbh, seilbh-sgrìobhadh, bann. 4. cloths given to servants : eudach sheirbhiseach, éideadh-suaich-

eantais. 5. a particular dress, a garb worn as a token or consequence of any thing: eudach-suaicheantais, culaidh-shuaicheantais.

LIVERYMAN, *s.* 1. One wearing a livery, a servant of an inferior kind: gille suaicheantais. 2. (in London) a free man of a company: saoranach am baile Lunnainn.

LIVES, *s. pl.* of Life. Beathan, beathachan.

LIVID, *adj.* Dubh-ghorm.

LIVIDITY, } *s.* Duhh-ghuirme.

LIVIDNESS, }

LIVING, *part. adj.* Beò, beothail.

LIVING, *s.* 1. Support, maintenance: beathachadh, teachd-an tìr, beòlaidh, lòn. 2. power of continuing life: comas-beatha, tighinn beò, beatha. 3. See Livelihood. 4. benefice of a clergyman: beathachadh.

LIVINGLY, *adv.* An staid bheò, an staid nam beò.

LIXIVIAL, *adj.* Sàilte, salannach, làn salainn.

LIXIVATE, } *adj.* Sàilteach, salannach.

LIXIVIATED, }

LIXIVUM, *s.* Uisge làn salainn.

LIZARD, *s.* Dearc-luachaire, dearc-luachrach.

Lo, *interj.* Faic, feuch, seall, amhairc.

LOAD, *s.* 1. A burden, a freight, lading: luchd, lód, eallach. 2. weight, pressure, incumbrance: éire, eallach, cudthrom. 3. weight, or violence of blows: cudthrom. 4. anything that depresses: trom, truime, cudthrom, uallach. 5. as much drink as one can bear: sàr-dheoch, pòit.

LOAD, *v. a.* 1. Burden, freight: luchdaich, callaich, lòn. 2. encumber, embarrass: cuimrigich, cuir fuith éire. 3. charge a gun: cuir urchar air stigh, lòn. 4. make heavy by something appended to: cudthromaich, tromaich, amail.

LOADER, *s.* Fear-luchdachaidh.

LOADSMAN, *s.* Fear-iùil, ceann-iùil.

LOADSTAR, *s.* See Polestar.

LOADSTONE, *s.* Clach-iùil.

LOAF, *s.* Builinn.

LOAM, *s.* Fearann reamhar, trom-thalamh, talamh-laomaidh.

LOAMY, *adj.* Laomaidh.

LOAN, *s.* Iasad, iasachd, coingheall.

LOATH, *adj.* Aindeonach, leasg, neo-ullamh.

LOATHE, *v. a. et n.* 1. Hate, look on with abhorrence: fuathaich, sgreataich roimh, gabh daoich roimh. 2. consider with disgust or satiety: gabh gràin ri, dubh-fhuathaich. 3. feel abhorrence or disgust: tog aobhar gràin.

LOATHER, *s.* Fear-gràin, fear sgreataidheachd.

LOATHFUL, *adj.* 1. Abhorring, hating: fuathachail, gràineachail. 2. abhorred, hated: gràineil, fuathmhor, daoachail, sgreataidh.

LOATHING, *s.* Gràin, fuath, sgreat, daoich.

LOATHINGLY, *adv.* Gu sgreataidh, gu sgreamhail, gu gràineil, gu daoachail, gu déisdeineach.

LOATHLY, *adv.* Gràineil, sgreataidh, sgreamhail, daoachail, déisdeineach.

LOATHY, *adv.* See Loath.

LOATHNESS, *s.* Aindeonachd, raige, aindcoin, easbhuidh toile.

LOATHSOME, *adj.* See Loathly, *adj.*

LOATHSOMELY, *adv.* See Loathly, *adv.*

LOATHSOMENESS, *s.* Gràinealachd, sgreamhalachd, sgreataidheachd, déisdeineachd.

LOAVES, *s. pl.* of Loaf, which See.

LOB, *s.* 1. Any one heavy, clumsy, or sluggish: ludair, slaodair, liobasair, bumclear. 2. lob's pound, a prison: toll-bùth, gainntir. 3. big worm: biathainn.

LOB, *v. a.* Leag le luidseadh, leig le spleòic.

LOBBY, *s.* Roinn-ionad, eadar-sheòmar, foir-sheòmar.

LOBE, *s.* Roinn, earrann, duilleag an sgamhain, taobh-chridhe.

LOBSTER, *s.* Giomach.

LOCAL, *adj.* 1. Having the properties of place: ionadach. 2. relating to place: àiteil, ionadail. 3. being in a particular place: dùthchasach, dùthcha.

LOCALITY, *s.* Ionadachd, àite, ionad, còmhnuidh.

LOCALLY, *adv.* See Local.

LOCATE, *v. a.* Suidhich, thoir còmhnuidh do, càirich ann.

LOCATION, *s.* Suidheachadh, toirt còmhnuidh do, càireadh ann.

LOCH, *s.* Loch, linne.

LOCK, *s.* 1. Of a door, &c.: glas. 2. the part of a gun by which the fire is struck: gleus. 3. a hug, a grapple: dlùth-ghreimeachadh, iom-dhruid-eadh. 4. a quantity of hair hanging together: bachlag, ciabh-fuilt, ròinne, dual, ciabhag. 5. a quantity of wool: ròinne, ròinneag, toinntean, badan: a tuft: badan.

LOCK, *v. a. et n.* 1. Shut or fasten with locks: glais. 2. shut up, or confine as with locks: druid, dùin. 3. close fast: druid, cruaidh-dhruid, glais. 4. become fast by a lock: bi dùinte, bi glaiste, bi druidte. 5. unite by mutual insertion: bi dlùth-aichte, bi air alpadh.

LOCKER, *s.* Àite-gleidhidh, àite glaiste, taisg-ionad, cisteach.

LOCKET, *s.* Seud-glasaidh, glas bheag, glasag-muineil.

LOCKRAM, *s.* Garbh-anart, anart-asgairt.

LOCKSMITH, *s.* Gobha-ghlasachan.

LOCOMOTION, *s.* Gluasad, carachadh, siubhal.

LOCOMOTIVE, *adj.* Gluasachd, carachail, siubhalachail.

LOCOMOTIVITY, *s.* Comas-glusaidh, comas-siubhal.

LOCUST, *s.* Locust.

LOCUTION, *s.* Caint, bruidhean, labhairt.

LODGE, *v. a. et n.* 1. Place in a temporary habitation: cuir an ionad còmhnuidh, cuir an àite-tàmh, suidhich an àite. 2. afford a temporary dwelling, harbour one for a night: thoir aoidheach do, thoir cuid-oidheach do. 3. place, plant: suidhich, socruich, càirich. 4. fix, settle: daingnich. 5. place in the memory: gleidh an cuimhne. 6. harbour, or cover: thoir fasgadh do, dìon. 7. afford place to: thoir àite do. 8. lay flat: leag, leag ri làr. 9. reside, keep residence: tuinich, còmhnuich, gabh còmhnuidh ann, fan, tàmh ann. 10. take a temporary habitation: fòisich, gabh tàmh, fuirich,

stad. 11. take up residence at night : fuirich, fan, tàmh. 12. lie flat : luidh, luidh air làr.

LODGE, *s.* Tighcan, tigh beag, tigh-fasgaidh, tigh-geata.

LODGE, *s.* 1. Disposition, or collocation in a certain place : cruinneachadh, càireadh. 2. accumulation, collection : cruinneachadh, dòmhlaich-adh. 3. possession of the enemy's work : seilbh, seilbh-ghlacadh, toirt a mach dègnich.

LOGGER, *s.* Fear-fàrdòich, fear-tàmh, aoidh, fear-àrois.

LODGING, *s.* 1. Temporary habitation, rooms hired in another's house : ionad-còmhnuidh, fàrdoch. 2. place of residence : ionad-còmhnuidh, àite-tàimhe, còmhnuidh. 3. harbour, covert : dìon, fasgadh. 4. convenience to sleep on : uigheam-codail.

LOFT, *s.* 1. A floor : urlair, urlair-dèile, lobhta. 2. the highest floor : àrd-lobhta, lobhta-mullaich. 3. rooms on high : scòmarachan uachdarach.

LOFTLY, *adv.* See **Lofty**.

LOFTINESS, *s.* 1. Height, local elevation : àirde. 2. sublimity, elevation of sentiment : uailse, àrd-smuainteachd, allaileachd. 3. pride, haughtiness : mòr-chuis, mòr-chuiseachd, àrdan, fèin-bheachd, uabhar.

LOFTY, *adj.* 1. High, hovering, elevated in place : àrd. 2. elevated in condition, or character : mòr, uaibhreach, spèisil, uasal. 3. sublime, elevated in sentiment : allail, òirdheire. 4. proud, haughty : mòr-chuiseach, àrdanach, fèin-bheachdail, uaibhreach.

LOG, *s.* 1. A shapeless bulky piece of wood : sgonn, òrd mòr fiodha, maide mòr. 2. a Hebrew measure : tomhas Eabhruidheach.

LOGGERHEAD, *s.* Buimealear, ùmaidh, gurraiceach, amhlair, baohair. Fear to loggerheads : bi an caonnag, bi an cluasaibh a chèile.

LOGGERHEADED, *adj.* Buimeilearach, amhlairach, baoharach.

LOGIC, *s.* Ealain-reusonachaidh, ealan-deasboireachd.

LOGICAL, *adj.* Reusonach, ealan-chiallach, fìor-thoinisgeil.

LOGICALLY, *adv.* See **Logical**.

LOGICIAN, *s.* Fìlìdh, fear-dian-reusonachaidh.

LOGMAN, *s.* Fear-giùlain fiodha.

LOGMACHY, *s.* Srìdh-bhriathran, connspoid mu fhìol-aibh.

LOGWOOD, *s.* Fiodh-datha, dearg-fhìodh.

LOIN, *s.* 1. The back of an animal carved out by the butcher : dromnag, dromnag-fheòla, mèi-dromnag. 2. loins, the reins : làsraidh, blian.

LOITER, *v. a. et n.* 1. Consume in trifles, waste carelessly : mì-bhuilich, struidh. 2. linger, spend time carelessly, idle : lean màirneal, bi màirnealach, bi dìomhanach, bi fì stèidheachd.

LOITERER, *s.* Fear màirneil, leiscgan, lunnair, stèò-airc, rong, slaodair.

LOLL, *v. a. et n.* 1. Put out, used of the tongue : cuir a mach. 2. lean idly, rest lazily against any thing : leag do chudthron air, dean leth-luidhe fì, leag do thaic air. 3. hang out, used of the tongue : croch a mach.

LONDONER, *s.* Lunnainneach.

LONE, *adj.* 1. Solitary, unfrequented, having no company : aonarach, aonaranach. 2. single, not conjoined or neighbouring to others : lcis fèin.

LONELINESS, *s.* 1. Solitary : aonarachd, aonaranachd. 2. disposition to solitude : dìomhaireachd, uaigneachd.

LONELY, *adj.* 1. Solitary : aonarach, aonaranach. 2. addicted to solitude : dìomhair, uaigneach.

LONELINESS, *s.* Aonarachd, aonaranachd, uaigneas.

LONENESS, *s.* Aonaranachd, uaigneas.

LONESOME, *adj.* 1. Solitary : aonarach, aonaranach. 2. dismal : tiamhaidh.

LONESOMELY, *adv.* See **Lonesome**.

LONESOMENESS, *s.* Aonaranachd, tiamhaidheachd.

LONG, *adj.* 1. Not short, used of time : fada, buan. 2. not short, used of space : fada, neo-gheàrr. 3. of any certain measure in length : fada. 4. not soon ceasing, or at an end : buan, maireannach. 5. dilatory : fadalach, màirnealach. 6. tedious in narration : sgith, sgithail, trom. 7. continued by succession to a great series : buan, fada. 9. longing, desirous : dèighil, togarrach.

LONG, *adv.* Fada, gu fada. See **Long**, *adj.*

LONG, *v. n.* Miannaich, bi miannach, biodh a' mhiann ort, gabh fadal.

LONGANIMITY, *s.* Foighidinn, fad-fhoighidinn, fad-fhulangas.

LONGBOAT, *s.* Bàta mor, bàta fada.

LONGEVAL, *adj.* Fad-shaoghalach, buan, maireannach.

LONGEVITY, *s.* Fad-shaoghal, fad-shaoghalachd.

LONGIMANOUS, *adj.* Fad-lamach, lànùb-fhadach.

LONGIMETRY, *s.* Tomhas astair, tomhas fhad, uidh cam-thomhas.

LONGING, *s.* Miann, togradh, dian-thogradh, fadachd, geall, dèidh.

LONGINGLY, *adv.* Gu miannach, gu dian-thogarrach, gu dèidheil.

LONGINQUITY, *s.* Fad, astar fada, céineachd.

LONGISH, *adj.* Car fada, breac-fhada, leth-char fada.

LONGITUDE, *s.* 1. Length, the greatest dimension : fad. 2. the circumference of the earth measured from any meridian : cuairt-cruinne. 3. the distance from any part of the earth, east or west of any place : iar-astar, no, ear-astar.

LONGITUDINAL, *adj.* Air fhad.

LONGLIVED, *adj.* Aosmhor, buan-shaoghalach, fad-shaoghalach.

LONGLY, *adv.* 1. Tediously, of much continuance : gu fudalach, gu trom, gu sgithail. 2. longingly, with great liking : gu dèidheil, gu togarrach, gu miannach.

LONGNESS, *s.* Fad, faide, faideachd.

LONGSOME, *adj.* Fadalach, sgithail, trom.

LONGSHANKED, *adj.* Fad-chosach, fad-luirneach.

LONGSPUN, *adj.* Sinteach, fada, sgithail.

LONGSUFFERANCE, *s.* Fad-fhulangas, fad-fhoighidinn.

LONGSUFFERING, *adj.* Fad-fhulangach, fad-fhoighidinnach.

LONGSUFFERING, s. Fad-fhulangas, fad-fhulangachd, fad-fhoighidinn.

LONGTONGUED, adj. Fad-theangach, gobach, goileamach.

LONGWAYS, adv. Air 't'had.

LONGWINDED, adj. 1. Long-breathed: fad-anail-each. 2. tedious: trom, fadalach, sgithail.

LONGWISE, adv. See Longways.

LOINISH, adj. Car aonarach, breac-aonarach.

LOOBILY, adj. Cearbach, sgòdach, neo-sgairteil, luidseach.

LOOBY, s. Bumailear, blagastair, buamasdar, liobasdaire, burraidh.

LOOF, v. a. Teannrì soirbheas, thoir a' dh' ionnsuidh na gaoithe, fan ri gaoth.

LOOK, v. a. et n. 1. Seek, search for: sir, iarr, rannsuich. 2. turn the eye upon: dearc, dearc air, seall air. 3. look out, discover by searching: rannsuich, faigh a mach. 4. direct the eye to or from any object: seall, amhairc, faic. 5. have power of seeing: faic. 6. direct the intellectual eye: dearc, seall, beachdaich. 7. expect: seall air son, bi an dùil ri. 8. take care, watch: feith, dean caithris, thoir aire, thoir an aire. 9. be directed with regard to any object: amhairc. 10. have any particular appearance, seem: amhairc, seall, taisbean. 11. have any air, mien, or manner: seall, bi coltach ri, amhairc. 12. look about one, be alarmed, be vigilant: bi air t' fhaicill, bi 'n ad rabhadh. 13. look after: seall ri. 14. look back, shew sign of dislike, or disgust: biodh mùig ort, biodh gruaim ort. 15. look for, expect: feith ri, bi an dùil, bi am beachd. 16. look into, sift, inspect closely: rannsuich, sir. 17. look on, or upon, respect, esteem, regard as good or bad: seall air, amhairc air, beachdaich air. 18. look on, be a mere idle spectator: dearc, amhairc. 19. look over, examine, try one by one: rannsuich, feuch, min-rannsuich. 20. look out, search, seek: sir, faigh rabhas air. 21. look out, be on the watch: bi air t' fhaicill, seall romhad. 22. look to, behold: dearc, dearc air.

LOOK, interj. Seall, faic, feuch.

LOOK, s. 1. Air of the face, mien, cast of the countenance: snuadh, drach, aogas, sealladh, tuar, fianh, neul. 2. act of looking or seeing: faicinn, amhairc. 3. view, look out: sealladh, fradharc.

LOOKER, s. Fear-amhairc, fear-sealltuinn.

LOOKING, s. i. e. Looking for: dùil.

LOOKING-GLASS, s. Sgàthan.

LOOM, s. 1. The frame in which weavers work their cloth: beart, beart-fhigheadaireachd. 2. household stuff, furniture: àirneis, àirneis-tighe. 3. heirloom: ball-sinnsireachd.

LOON, s. Balach, crochair, slaightear.

LOOP, s. 1. A double through which a string or lease is drawn: lùb. 2. a small aperture in ancient castles, to spy the enemy, fire through, or admit light: sùil, eag-sùla, eag-amhairc.

LOOPED, adj. Tolltach, lùbach, sùileach.

LOOPHOLE, s. 1. Aperture, hole to give passage:

toll, fosgladh. 2. a shift, an invasion: doras, doras-teichidh, ear, cuilbheart, innleachd.

LOOPHOLE, adj. Sùileach, tolltach, lùbach.

LOORD, s. Lunnraid, leisgean.

LOOSE, v. a. et n. 1. Unbind, untie any thing fastened: fuasgail, sgaoil, lasaich. 2. relax: lasaich, fuasgail. 3. unbind any one bound: fuasgail, cuir mu sgaoil, leig fa sgaoil. 4. free from imprisonment: cuir fa sgaoil, thoir cead do, fuasgail. 5. free from any obligation: fuasgail o, cuir saor o. 6. free from any thing that shackles the mind: lasaich, thoir saorsa do, saor. 7. free from any thing painful: fuasgail. 8. disengage: fuasgail, lasaich, leig as. 9. set sail: seòl, fuasgail o chala, tog acair.

Loose, adj. 1. Unbound, untied: fuasgailte. 2. not fast, not fixed: las, lasach, fuasgailte. 3. not tight as a loose robe: farsuing. 4. not crowded, not close: neo-dhlùth, neo-dhòmhlaichte, tana, briste. 5. wanton, not chaste: macnusach, neogheamnaidh. 6. not close, not concise, lax: neodhiongmholta, fuasgailte. 7. vague, indeterminate, not accurate: neo-eagnaigh, neo-sheadhail, neo-phongail. 8. not strait, not rigid: fuasgailte, neo-aireach, neo-fhaicilleach. 9. unconnected, rambling: luaineach, siubhall, neo-shuidhichte. 10. lax of body, not costive: fuasgailte, neo-theann. 11. disengaged, not enslaved: saor. 12. disengaged from obligation: saor, fuasgailte. 13. free from confinement: saor, fa sgaoil. 14. remiss, not attentive: neo-aireachail, neo-shuimeil. 15. break loose: bris a mach, bris air falbh, bris fuasgailte. 16. let loose, set at liberty: fuasgail, cuir fa sgaoil, thoir saorsa do.

LOOSE, s. 1. Liberty, freedom from restraint: saorsa, comas. 2. dismission from any restraining force: fuasgladh, cead, comas, saorsa.

LOOSELY, adv. See Loose, adj.

LOOSEN, v. a. et n. 1. Relax any thing tied: fuasgail, lasaich. 2. make less coherent: lasaich. 3. separate a compages: thoir as a chéile. 4. free from restraint: fuasgail, cuir saor o. 5. make not costive: fuasgail. 6. part, tend to separation: bi sgaoilteach, bi fuasgailte.

LOOSENESS, s. 1. State contrary to that of being fast or fixed: fuasgailteachd, neo-dhainneachd. 2. latitude, criminal levity: mi-stuaim, mi-gheamnuidheachd, macnus. 3. irregularity, neglect of laws: mi-riaghailteachd, buaircasachd. 4. diarrhoea, flux of the belly: fuasgladh-cuirp, gearrach, buinneach.

LOOSESTRIFE, s. Lus-na-sìothaimh.

LOP, v. a. 1. Cut the branches of trees: gearr, beàrr, sgud. 2. cut any thing: gearr, beàrr, sgath.

LOP, s. 1. That which is cut from trees: barrach. 2. a flea: deargann.

LOPPER, s. Bearradair, gearradair, fear-sgathaidh chrann.

LOPPERED, adj. Slamblanach, lapach.

LOPPINGS, s. Barrach.

LOQUACIOUS, adj. Bruidhneach, labhairteach, cainnteach, teangach, beul-fhuasgailte, gobach.

LOQUACIOUSNESS, } *s.* Bruidhneachd, bruidhneachas,
LOQUACITY, } labhairteachd, cainteachd,
gobaireachd.

LORD, *s.* 1. Monarch, ruler, governor: tighearn, uachdaran, triath, rìgh, riaghlaire. 2. master, supreme person: tighearn, maighstir. 3. a tyrant, an oppressive ruler: aintighearn, fear-ainneirt. 4. a husband: fear, fear-pòsa, cèile. 5. one at the head of any business, an overseer: uachdaran, fear-riaghlaidh, fear-dreuchd. 6. a nobleman: mòr-fhear, morair, fiath, triath. 7. a general name for a peer: morair.

LORD, *v. a. et n.* 1. Invest with the dignity and privileges of a lord: uaislich, dcan morair dheth. 2. domineer, rule despotically: bi aintighearnail, bi stràiceil, dcan cruaidh riaghlaidh, sàruich.

LORDLIKE, *adj.* 1. Befitting a lord: fathail, morairail, uasal. 2. haughty, proud, insolent: àrdanach, stràiceil, mòr-chuiseach, uaihbheach.

LORDLING, *s.* Tighearna beag, srog-thighearn.

LORDLINESS, *s.* 1. Dignity, high station: fathail-eachd, mòrachd, urram, àrd-inbhe. 2. pride, haughtiness: uabhlair, stràic, stràicealachd, mòrchuis.

LORDLY, *adj.* See Lordlike.

LORDLY, *adv.* See Lordlike.

LORDSHIP, *s.* 1. Dominion, power: tighearnas, uachdranachd, moraireachd. 2. title of honour used to a nobleman: moraireachd.

LORE, *s.* 1. Lesson, doctrine, instruction: foghlum, oilean, teagasg. 2. workmanship: obair.

LORICATE, *v. a.* Còmhdaich le miontailt, cuir lùir-each air, armaich, no, heartaich le lùir-each.

LORIMER, } *s.* Dialladair, fear-dèanaimh dhiallaid,
LORINER, } no shrian, fear-dèanaimh each-bheart.

LORN, *adj.* Tréigte, caillte, dìobrach, aonaranach.

LOSE, *v. a. et n.* 1. Forfeit by unsuccessful contest: caill. 2. forfeit as a penalty: caill. 3. be deprived of: caill. 4. suffer diminution of: caill. 5. miss so as not to find: caill, rach mearachd air. 6. ruin, send to perdition: dìthich, di-mhill. 7. deprive of: thoir o, thoir air falbh o. 8. bewilder, so as that the way is no longer known: cuir mearachd, cuir air scacharan. 9. employ not, enjoy not: caill. 10. squander, throw away: struidh, mi-bhuilich, mill. 11. suffer to vanish from view: caill, lig a fradhare. 12. destroy by shipwreck: bris, dean long-bhriseadh air. 13. miss, part with, so as not to recover: caill. 14. win not: caill. 15. decline, fail: fàiling, bi air do chlaoidh.

LOSEABLE, *adj.* So-chaille, so-dhealachaidh.

LOSER, *s.* Fear-cailldach, am fear a chail.

LOSING, *s.* Call, cailldach.

LOSS, *s.* 1. Detriment, privation, diminution of good: call, cailldachd. 2. miss, privation: dìth, uireasbhuidh. 3. deprivation, forfeiture: call. 4. destruction: milleadh, sgrios, dìtheachadh. 5. fault, puzzle, at a loss: ion-chomhairle, teagamh. I am at a loss: tha mi an ion-chomhairle. 6. useless application: call saothrach.

LOSSFUL, *adj.* Cailteach, dìtheachail, millteach.

LOSSLESS, *adj.* Gun chall, gun mhilleadh.

LOT, *s.* 1. Fortune, state assigned: ear, suidheachadh, erannchur. 2. a die, or any thing used in determining chances: erann. 3. a portion, a parcel of goods: cuibhrionn, roinn, carrann. It was his lot, or his fate: bha e an dàn da.

LOT, *v. a.* 1. Assign, set apart: roinn, suidhich 'n a earrannaibh. 2. distribute into lots, catalogue: cuir an òrdugh, rèitich, cuir 'n a foinnibh.

LOTION, *s.* Cungaidd-ionnail, cungaidd-nighe.

LOTTERY, *s.* Craannchur, cur-chrannchur, tuiteamas.

LOVAGE, *s.* Lus-an-liagaire.

LOUD, *adj.* 1. Noisy, striking the ear with great force: labhar, tartarach, àrd-fhuaimneach. 2. clamorous, turbulent: buaireasach, bruidhneach, àrd-bhruidhneach, farumach.

LOUD, } *adv.* See Loud, *adj.*

LOUDLY, }

LOUDNESS, *s.* 1. Noise, force of sound: labhrachd, fhuaimneachd. 2. turbulence, vehemence of clamour: buaireasachd, buaireas, tartar, toirm, farum.

LOVE, *v. a. et n.* 1. Regard with passionate affection: gràdhach, thoir gaol do, thoir gràdh do. 2. regard with the affection of a friend: gràdh-aich. 3. regard with parental tenderness: gràdh-aich. 4. be pleased with, delight in: gabh tlachd ann. 5. delight, take pleasure: biodh e ait le. My people love to have it so: is ait le m' shluagh-sa e bhi mar sin.

LOVE, *s.* 1. Passion between the sexes: gaol, gràdh, dèidh. 2. kindness, good-will, friendship: dàimh, càirdeas, deagh-rùn. 3. courtship: gaol, suiridh. 4. tenderness, parental care: gràdh, gaol. 5. object beloved: gaol, gràdh, rùn, aongail. 6. liking, inclination to: dèidh, iartas, miann, miann air. 7. lewdness: neo-ghcamnuidheachd, neo-ghloine. 8. unreasonable liking: ro-dhèidh, ro-thogradh, ana-miann. 9. fondness, concord: rèite, aontachd, eacoinnheas. 10. a word of endearment: gràidhean, gràidheag, mo ghràdh, mo ghaol. 11. due reverence to God: gràdh, àrd-urram.

LOVEABLE, *adj.* Ion-ghràidh, ion-gràdhaichte.

LOVEFAVOUR, *s.* Cuimhneachan-gràidh, cuimhneachan-gaol.

LOVEKNOT, *s.* Snaidhm-gaol, bad-leannanachd.

LOVELASS, *s.* Leannan.

LOVELESS, *adj.* 1. Without love, void of the passion between the sexes: gun ghràdh, neo-ghràdhach. 2. without endearment, without tenderness: neo-ghràdhach, neo-dhileas, neo-chaoimhneil. 3. void of kindness: neo-sheirecil, neo-thlusail.

LOVELETTER, *s.* Litir-ghaol, litir-leannanachd.

LOVELY, *adv.* See Lovely.

LOVELINESS, *s.* Gràdhalachd, àillteachd, ionmhuinn-eachd.

LOVELORN, *adj.* Tréigte, cùlaichte.

LOVELY, *adj.* Gràdhail, àillidh, ionmhuinn, maisil, maiseach.

LOVELY, *adv.* See Lovely, *adj.*

LOVENONGER, *s.* Fear-leannanachd, gille-suiridh.

LOVER, *s.* 1. One who is in love: fear-gaol, fear-an gaol, neach an gaol, leannan. 2. a friend, one

who regards with kindness : caraid, caomhach. 3. one who likes any thing : fear-tograidh, fear-déigh-cil air.

LOVESECRET, *s.* Rùn, rùn-leannanachd, dìomhair-eachd-gaoil.

LOVESICK, *adj.* Tinn le gaol, an gaol, an tinneas-gaoil.

LOVESONG, *s.* Òran-gaoil.

LOVESUIT, *s.* Suidh.

LOVETALE, *s.* Sgeula-gaoil, sgeula-leannanachd.

LOVETHOUGHT, *s.* Smuain-gaoil.

LOVETOX, *s.* Comharradh-gaoil, tiodhlaic-leannanachd.

LOVETRICK, *s.* Ealainn-ghaoil, innleachd-ghaoil.

LOUGH, *s.* See Loch.

LOVING, *adj.* 1. Kind, affectionate : gràdhach, caomhneil, caomh, dàimheil, seirceil. 2. expressing kindness : gràdhach, gràdh-ghriathrach.

LOVING-KINDNESS, *s.* Caomhneas gràidh, iochd.

LOVINGLY, *adv.* See Loving.

LOVINGNESS, *s.* Caomhalachd, gràdhalachd, caomhneas, dàimh.

LOUNGE, *v. n.* Bi dìomhanach, bi dìomhain, bi lunn-dach.

LOUNGER, *s.* Lunn-dair, fear-dìomhain, dìomhainiche.

LOUR, *v. n.* See Lower, *v. n.*

LOUSE, *s.* Mìol, mial.

LOUSE, *v. a.* Faisg, mialaich, sealg miallan.

LOUSEWORT, *s.* An lus riabhach.

LOUSILY, *adv.* See Lousy.

LOUSINESS, *s.* Mialachas, mosaiche, mìotharachd.

LOUSY, *adj.* 1. Swarming with lice, overrun with lice : miallach, làn mial. 2. mean, low-born, bred on the dunghill : òsail, tàireil, suarach. 3. mean, contemptible, applied to things : mosach, mìothar.

LOUT, *s.* Luidair, burraidh, tuaisdear, sgonn balach.

LOUT, *v. n.* Crom sìos, crom gu làr.

LOUTISH, *adj.* Ludaireach, tuaisdeach, ludarra, balachail.

LOUTISHLY, *adv.* See Loutish.

LOURER, *s.* Luidheir, fàrlus.

LOW, *adj.* 1. Not high : òsail. 2. not rising far upwards : òsail. 3. not elevated in place, or local situation : òsail. 4. descending far downwards, deep : domhain. 5. not deep, not swelling high, shallow, used of water : eu-domhain. 6. not of high price : suor. 7. not loud, not noisy : neo-fhuaimneach, neo-labhar. 8. not rising to so great a sum : beag. 9. late, or later in time : deireannach. 10. dejected, depressed : muladach, trom-intinneach, trom, tuirseach. 11. impotent, subdued : ceannsaichte, claidhte. 12. not elevated in rank, or station, alject : neo-inbheach, suarach, òsail. 13. dishonourable, betokening meanness of mind : mosach, mìothar. 14. not sublime, not exalted in thought or diction : òsail, neo-allail, bochd. 15. submissive, humble, reverent : strìochdail, ùmhail, fuidh smachd. 16. not tall : beag, crìon, goirid.

Low, *adv.* See Low, *adj.*

Low, *v. a.* See Lower, *v. a.*

Low, *v. n.* Geum, dean gèim, dean géimnich, dean langanaich.

Low, *s.* Lasar.

LOWER, *v. a. et n.* 1. Bring low, bring down by way of submission : islich, thoir sìos, ceannsaich. 2. suffer to sink down : leig le, leig sìolaidh sìos le. 3. lessen, make less in price or value : lughdaich luach, leag luach, dean saor. 4. grow less, fall, sink : tuit, tuit sìos, sìolaidh sìos.

LOWER, *v. n.* 1. Appear dark, stormy, and gloomy, be clouded : bi duaichnidh, bi neulach, dorchach. 2. frown, pout, look sullen : bi gruamach, cuir mùig ort, bi duaichnidh.

LOWER, *s.* 1. Cloudiness, gloominess : duaichnidh-eachd, doilleireachd, dubh-dhuibhre. 2. cloudiness of look : gruaim, mùig.

LOWERINGLY, *adv.* Gu duaichnidh, gu doilleir, gu dubh-neulach.

LOWERMOST, *adj.* Iochdarach, a 's iochdaraiche, a 's ìsle, a 's doimhne, a 's faide fuidhe.

LOWING, *s.* Géimnich, geum, langan, langanaich.

LOWLAND, *s.* Fonn còmharn, machair.

LOWLAND, *adj.* (as understood in Scotland in opposition to Highland) : gallda, machaireach.

LOWLY, *adv.* See Lowly, *adj.*

LOWLINESS, *s.* 1. Humility, freedom from pride : ìrioslachd, macantas, suairceas, stuamachd. 2. meanness, want of dignity : mìotharachd, fàirealachd, mosaiche.

LOWLY, *adj.* 1. Humble, meek, mild : ìriosal, macanta, stuama, suairc, ciùin, soitheaml. 2. mean, wanting dignity, not great : an-uasal, neo-uasal, mìothar, suarach. 3. not lofty, not sublime : neo-allail, òsail. 4. not elevated in local situation : òsail, neo-àrd.

LOWLY, *adv.* See Lowly, *adj.*

LOWN, *s.* Balach, burraidh, gurraiceach.

LOWNESS, *s.* 1. Contrariety to height : ìsleachd. 2. meanness of character or condition : suarachas, mìotharachd, neo-uaisle. 3. want of rank, want of dignity : neo-inbheachd. 4. want of sublimity : neo-allailachd. 5. submissiveness : ùmhachd, strìochdalachd. 6. depression, dejection : trom-intinn, mulad, tuirse.

LOWSPIRITED, *adj.* Mìothar, mosach, an-uasal, tàireil.

LOWTHOUGHTED, *adj.* Tàir-aigheach, neo-uasal, tàireil.

LOYAL, *adj.* 1. Obedient, true to the prince : ùmhail, rioghail, dileas. 2. faithful in love, true to a lady, or lover : dileas, tairis, treibhdhìreach, firinneach.

LOYALIST, *s.* Fear dileas, fear dileas do 'n rìgh.

LOYALLY, *adv.* See Loyal.

LOYALTY, *s.* Dilseachd, treibhdhìreas, firinneachd, tairiseachd. See Loyal.

LUBBARD, }
LUBBER, } aiceach, boganaich.

LUBBERLY, *adj.* Slaodach, bog, gealtach, rag, diomhanach.

LUBBERLY, *adv.* See *Lubberly*, *adj.*

LUBRICATE, } *v. a.* Dean sliom, lìomh, dean

LUBRICATE, } sleamhuinn, fag sleamhuinn.

LUBRICITY, *s.* 1. Slipperiness, smoothness of surface: sleamhnachd, sliomachd. 2. wantonness, lewdness: macnus, macnusaichd.

LUBRICK, *adj.* 1. Slippery, smooth on the surface: sleamhainn, lìomhaidh. 2. wanton, lewd: macnusaich, neo-gheamnuidh.

LUBRICOUS, *adj.* 1. Slippery, smooth: sleamhainn. 2. uncertain: teagamhach, neo-chinnteach.

LUBRIFICATION, } *s.* Sleamhnachadh, deanamh

LUBRIFICATION, } sleamhainn, no, réidh, no, mìn.

LUCE, *s.* Geadas, gead-iag.

LUCENT, *s.* Lìomhaidh, dèarsach, dealrach, loinnireach.

LUCERNE, *s.* Seòrsa feòir, lusairneach.

LUCID, *adj.* 1. Shining, bright, glittering: loinnireach, dèarsach, dealrach. 2. pellucid, transparent: soilleir, glain, trid-shoilleir. 3. bright with the radiance of intellect, not darkened by madness: glan-thuigseach, cèillidh, stòda.

LUCIDITY, *s.* Loinnirachd, dèarsachd, dealrachd, trid-shoilleirachd, glan-thuigseachd. See *Lucid*.

LUCIDNESS, *s.* Trid-shoilleirachd, gloine.

LUCIFERIAN, *s.* Deamhnaidh, diabhlaidh.

LUCIFEROUS, *adj.* Soillseach, solusach, soilleir.

LUCIFEROUSLY, *adv.* See *Luciferous*.

LUCIFIC, *adj.* Solus-thabhairteach.

LUCIFORM, *adj.* Soillseach, solusach.

LUCK, *s.* 1. Chance, accident, fortune, hap, casual event: tuiteamas, tachartas, dàn, tapadh, càs. 2. fortune, good or bad: dàn, cranachur. 3. good luck: seallbh, rath, sonas. 4. bad luck: donas, anrath, mi-sheallbh, mi-shonas.

LUCKILY, *adv.* See *Lucky*.

LUCKINESS, *s.* Seallbhachd, seallbhachas, deadh-sheallbh, rath, soirbheas.

LUCKLESS, *adv.* Mi-sheallbhach, mi-shona, ànrathach, ànrach.

LUCKY, *adj.* Seallbhach, rathail, soirbheasach.

LUCRATIVE, *adj.* Buannachdail, buinnigeach, tarbhaich.

LUCRE, *s.* Buannachd. In an ill sense: buannachd shalach.

LUCRIFEROUS, } *adj.* Buannachdail, buinnigeach.

LUCRIFIC, } *adj.* Buannachdail, buinnigeach.

LUCRATION, *s.* Strì, spàirn, iomairt, deuchainn, gleachd.

LUCUBRATE, *v. n.* Dean faire, cum faire, oibrich 's an oidhe, no, rì solus.

LUCUBRATION, *s.* Saothar oidhe, saothar-soluis.

LUCUBRATORY, *adj.* Saothraichte 's an oidhe, oidhech-dhèanta.

LUCULENT, *adj.* Glan, soilleir, soillseach, trid-shoilleir, cinnteach.

LUDICROUS, *adj.* Àbhachdas, àmhailteach, abhcaid-each, neònach, sùgach.

LUDICROUSLY, *adv.* See *Ludicrous*.

LUDICROUSNESS, *s.* Àbhachdas, àmhailteachd, abhcaid-eachd, neònachas.

LUDIFICATION, *s.* Magadh, fanoid, spòrs.

LUDIFACTORY, *adj.* Magail, fanoideach, spòrsail, baoth.

LUFF, *s.* Dèarn, dèarnaidh, bois, bas.

LUFF, *v. n.* Cum ris a' ghaoith, teann rì soirbheas.

LUG, *v. a. et n.* 1. Hale, or drag, pull with rugged violence: slaod, spion leat. 2. pull, or shake by the ears: tarroing air chluasaibh.

LUG, *s.* 1. A small kind of fish: biathainn-tràghad. 2. the ear: cluas. 3. a land measure. See *Pole*, and *Perch*, *s.*

LUGGAGE, *s.* Àirneis, goireas-turais, treallaich.

LUGUBRIOUS, *adj.* See *Mournful*.

LUKEWARM, *adj.* 1. Moderately, or mildly warm: meadh-bhlàth. 2. indifferent, not ardent, or zealous: neo-thoirteil, coimhis, caoin-shuarach, neo-dhealasach, neo-eudmhor.

LUKEWARMLY, *adv.* See *Lukewarm*.

LUKEWARMNESS, *s.* 1. Moderate, or pleasing heat: meadh-bhlàthas. 2. indifference, want of ardour: coimhiseachd, neo-thoirtealachd, neo-dhealasachd.

LULL, *v. a.* 1. Compose to sleep by a pleasing sound, draw to sleep: cuir 'n a chodal, cuir gu tàmh, cuir sàmhach. 2. compose, quiet, put to rest: cuir gu tàmh, cuir gu fois.

LULLABY, *s.* Oran-codail, foun-codail, crònan, luidheabaidh, luaidheabaidh.

LUMBAGO, *s.* Leum-droma. He is ill of a lumbago: feum a dhruim air.

LUMBAL, } *adj.* Leasraidheach.

LUMBAR, } *adj.* Leasraidheach.

LUMBER, *s.* Treallaich, treallaich-àirneis, sean àirneis.

LUMBER, *v. a. et n.* 1. Heap like useless goods: dòmhlaich, cuir 'n a ùtrais. 2. move heavily, as burdened with his own bulk: luidrich, gluais trom.

LUMINARY, *s.* 1. Any body that gives light: solus. 2. any thing which gives intelligence: sanas, fear-sanais, fear-naidheachd. 3. any one that instructs mankind: fear-còlais, fear-soillseachaidh.

LUMINATE, *v. a.* See *Illuminate*.

LUMINATION, *s.* See *Illumination*.

LUMINOUS, *adj.* 1. Shining, emitting light: soillseach, dealrach. 2. enlightened: soilleir, glan. 3. shining, bright: dèarsach, boillseach.

LUMINOUSLY, *adv.* See *Luminous*.

LUMINOUSNESS, *s.* Soillseachd, dealrachd, soilleireachd, boillseachd.

LUMP, *s.* 1. A small mass of any matter: meall. 2. a shapeless mass: sgonn, meall gun chumadh. 3. the whole together, the gross: an meall, an t-iomlan.

LUMP, *v. a.* Gabh còmh-luath, gabh 's an iomlan, dean meall dheth.

LUMPISH, *adj.* Trom, leasg, marbhanta, tomadach.

LUMPISHLY, *adv.* See *Lumpish*.

LUMPISHNESS, *s.* Truime, leisg, marbhantachd, tomadachd.

LUMPY, *adv.* Meallach, meallanaich, cnapach, cnapanach.

LUNACY, *s.* Cuthach, boile, mearan-cèille, bàinidh.

LUNAR, *adj.* Gealachail.

LUNATED, *adj.* Leth-chruinn, air chumadh leth-gealach.

LUNATIC, *adj.* Air a' chuthach, mearanach, air boile, as a chiall, baoth.

LUNATIC, *s.* Fear-cuthaich, fear-mearain, neach thar a chiall.

LUNATION, *s.* Cuairt na gealaich.

LUNCHEON, *s.* 1. As much food as one's hand can hold : làn-dùin de 'n bhiaidh, greim-bidh. 2. a kind of meal between breakfast and dinner : biadh meadhoin-là, greim-nèoin.

LUNE, *s.* 1. Any thing in shape of a half-moon : ni leth-chruinn, air chumadh na leth-gealaich. 2. a fit of lunacy, or frenzy : leum-cuthaich, leum-boile. 3. a leash : iall.

LUNETTE, *s.* Leth-gealach, solus ùr, gealach bheag.

LUNGED, *adj.* Sgamhanach.

LUNGS, *s.* Sgamhan.

LUNGWORT, *s.* Crotal-coille.

LUNT, *s.* Inneal-lasaidd gunna mòr, fadadh-cluaise.

LURCH, *s.* Teinn, teinne, teantachd, drip, iom-cheist.

LURCH, *v. a. et n.* 1. Devour, swallow greedily : slug suas, dean roichd air. 2. defeat, disappoint : ruaig, cuir gu teicheadh, thoir an car á. 3. steal privily, filsh, pilfer : goid, dean frith-ghoid, siolach. 4. shift, play tricks : dean ceilg, bi cuilbh-eartach. 5. lie in wait. See LURK, *v.*

LURCHER, *s.* 1. One that watches to steal, or betray, or entrap : fear foill-fholach, fear-foille. 2. a dog that watches for his game : cù-seilg.

LURDAN, *s.* Crochair, slaightear, fear mosach, lunn-dair.

LURE, *s.* Culaidh-bhuairidh, mealladh, buaireadh.

LURE, *v. a.* Buair, tàlaidh, meall, taruing gu lion.

LURID, *adj.* Tiamhaidh, dauchnidh, gruamach.

LURK, *v. n.* Dean feall-fholach, luidh am plaid, crùb, dean èalaidh.

LURKER, *s.* Fear-foille, fear-luidhe am plaid.

LURKING-PLACE, *s.* Àite-foluich, ionad-foille.

LUSCIOUS, *adj.* Sòghmhor, ro-bhlada, ro-mhilis, ro-thaitnach.

LUSCIOUSLY, *adv.* See LUSCIOUS.

LUSCIOUSNESS, *s.* Sòghmhorachd, ro-bhlasadachd, ro-mhilseachd.

LUSH, *adj.* 1. Of a dark, deep, full colour : trom-dhathach. 2. conjectured by Mr. Todd to have been originally applied to plants, and to signify their juicy, full, succulent, and rank state : lusach, làn.

LUSK, *adj.* Leasg, diomhain, trom, neo-shunndach.

LUSK, *s.* Leisgean, fear diomhain.

LUSKISH, *adj.* Leasgach, diomhaineach, neo-shunndach.

LUSKISNESS, *s.* Leasgachd, leisgeachd, neo-shunnd.

LUSORIOUS, *adj.* Cluicheil, beadarrach, spòrsail.

LUSORY, *adj.* See LUSORIOUS.

LUST, *s.* 1. Desire, inclination, will : miann, tog-radh, déidh. 2. carnal desire : miann feòlmhor, miann collaidh, ana-miann. 3. any violent, or irregular desire : ann-togradh, ana-miann.

LUST, *v. n.* 1. Desire carnally : miannaich, ana-miannaich. 2. desire vehemently : dian-thogair,

bi an ro-thogradh, bi ana-miannach. 3. have irregular dispositions : bi ana-miannach.

LUSTFUL, *adj.* Ana-miannach, collaidh, ann-tograch.

LUSTFULLY, *adv.* See Lustful.

LUSTFULNESS, *s.* Ana-miannachd.

LUSTIHEAD, } *s.* Meannnachd, neart, spionnadh,
LUSTIHOOD, } sgairt.

LUSTILY, *adv.* See Lusty.

LUSTINESS, *s.* Meannnachd, sultmhorachd, dòmh-aileachd, spionnadh.

LUSTLESS, *adj.* Lag, neo-mheannnach, neo-bheothail, marbhanta.

LUSTRAL, *adj.* Ionnladach, a ghlanas.

LUSTRATE, *v. a.* Glan, ionnlaid.

LUSTRATION, *s.* Ionnlad, glanadh, glanadh le uisge.

LUSTRE, *s.* 1. Brightness, splendour, glitter : dealradh, dèarsadh, lannair, soillse, loinnreachd. 2. eminence, renown : cliù, mòr-chliù, ainmealachd, cliùiteachd. 3. the space of five years : ùine chùig bliadhna.

LUSTRING, *s.* Sioda boillsgeil.

LUSTRUN, *s.* Ùine chùig bliadhna.

LUSTY, *adj.* Làidir, calma, neartmhor, sultmhor, foghainteach, garbh.

LUTE, *s.* 1. A stringed instrument of music : inneal-ciùil àraidh, cruit. 2. a certain composition of clay, with which chemists close their vessels : crèadh-thaois, crèadh-ghlaodh.

LUTE, *v. a.* Cuir crèadh-ghlaodh air.

LUTER, } *s.* Fear-cruite.

LUTIST, }

LUTESTRING, *s.* See Lustring.

LUTULENT, *adj.* Làibeach, clabarach, treamsalach.

LUX, } *v. a.* Cuir á alt, sguch.

LUXATE, }

LUXATION, *s.* Cur á alt, sguchadh.

LUXE, *s.* See Luxury.

LUXURIANCE, } *s.* Mòr-chinneachadh, ro-phailteas,
LUXURIANCY, } reamhrachd.

LUXURIANT, *adj.* Ro-phailt, fàismhor, tarbhach. A luxuriant crop : bàrr trom.

LUXURIANTLY, *adv.* See Luxuriant.

LUXURIATE, *v. n.* Fàs pailt, cinnich gu trom, no, gu h-anabarrach.

LUXURIOUS, *adj.* 1. Delighting in the pleasures of the table : sòghail, geòcach. 2. administering to luxury : sòghach, geòcaireach. 3. lustful, libidinous : ana-miannach, ann-tograch. 4. voluptuous, enslaved to pleasure : sòghail. 5. See Luxuriant.

LUXURIOUSLY, *adv.* See Luxurious.

LUXURIOSNESS, *s.* Sòghalachd, geòcaireachd, geòcaiche. See Luxurious.

LUXURY, *s.* 1. Voluptuousness, addictedness to pleasure : sòghalachd. 2. lust, lewdness : ana-miann, neo-ghloine. 3. See Luxuriance. 4. delicious fare : sògh, anabarr.

LYAM, *s.* Làimh-iall, iall coin-seilge.

LYCANTHROPY, *s.* Cuthach ainmhidheach.

LYE, *v. n.* See Lie, *v. n.*

LYING, *s.* Deanamh bhreug, breugaireachd.

LYING, *s.* Luidhe, sineadh.

LYINGLY, *adv.* Gu breugach.

LYM, *s.* See Limehound.

LYMPI, *s.* Uisge, sùgh glan.

LYMPHATED, *adj.* Air a' chuthach, air boile, mear-anach.

LYMPHATIC, *adj.* 1. Uisgeach, uisgeil. 2. See Lumatic.

LYRE, *s.* Inneal-ciùil, clàrsach, cruit.

LYRIC, } *adj.* A shinnear fi clàrsach, fonnmhor,

LYRICAL, } binn, ceòlmhor.

LYRIC, *s.* Bàrd-cruite, cruit-fhlidh.

LYRIST, *s.* Clàrsair, fear-cruite.

MAC

M CONHARRADH air son inile, 1000.

MACARONI, *s.* 1. A kind of paste meat: biadh canaraich. 2. a sort of droll, or fool: baoghalan, amadan. 3. a fop: lasgair, fear spaid-eil.

MACARONICK, *s.* Ùtrais, treamsgal.

MACARON, *s.* Balach, burraidh.

MACE, *s.* 1. An ensign of authority: suaicheantas-inbhe, suaicheantas-dreuchd. 2. a heavy blunt weapon, a club of metal: cuaille, bata maol, iar-unn. 3. a kind of spice: seòrsa spiosraidh.

MACE ALE, *s.* Leann-spiosraichte.

MACEBEARER, *s.* Fear-suaicheantais, grùle-suaicheantais.

MACERATE, *v. a.* 1. Make lean, wear away: cnàmh, claoidh, caith air falbh. 2. mortify, harass with corporal hardships: sàruich, claoidh, pian, bruth. 3. steep almost to solution: bogaich, taisich an uisge.

MACERATION, *s.* 1. Act of wasting, or making lean: cnàmh, claoidheadh, caitheadh air falbh. 2. mortification, corporal hardship: sàruchadh, claoidheadh, bruthadh. 3. infusion, either with or without heat: bogachadh, bogadh, taiseachadh.

MACHINAL, *adj.* Innealach, inneachdach.

MACHINEATE, *v. n.* Dealbh, tionusgail, dean-innleachd.

MACHINATION, *s.* Dealbhadh, innleachd, tionnsg-aladh, car, droch-innleachd.

MACHINATOR, *s.* Fear-dcalbhaidh, fear-innleachd, fear droch innleachd.

MACHINE, *s.* 1. Any complicated work in which any part contributes to the motion of another: obair innealta, beairt-innleachd, inneal, àirneis ghleusda. 2. an engine: inneal. 3. a name for a stage coach: carbad-rathaid.

MACHINERY, *s.* Obair ealanta, obair innleachdach, obair ghluasadaich.

MACHINIST, *s.* Fear-cèird, fear-innleachdan.

MAD

MACILENCY, *s.* Caoile.

MACILENT, *adj.* Caol, tana, bochd.

MACKAREL, *s.* Ronnach, reannach. Mackarel gale: sgairt-shoirbheas. Mackarel sky: breac a' mhuiltein.

MACROLOGY, *s.* Fad-sheanachas, bith-bhriathrachd.

MACROCOSM, *s.* An cruinne-cé, a' chruiteachd, an domhain.

MACTATION, *s.* Ìobradh, casgairt, casgradh.

MACULA, *s.* Ball, smàirnean, briseadh-croicinn.

MACULATE, *v. a.* Ballaich, cuir ball air, salaich.

MACULATE, *adj.* Ballach, salaichte.

MACULATION, *s.* Ballachadh, salachadh.

MACULE, *s.* See Macula.

MAD, *adj.* 1. Disordered in the mind, distracted: mearanach, thair cèille, air a' chuthach, air boil. 2. expressing disorder of mind: gòrach, neo-shuidhichte. 3. overrun with any unreasonable or violent desire: air boile, lasanta. 4. enraged, furious: feargach, garg.

MAD, *v. a. et n.* 1. Make mad: cuir air boile, cuir air a' chuthach. 2. be mad, be furious: bi air boile, bi garg. 3. be wild: bi fiadhaich, bi dochannsaichte.

MADAM, *s.* Baintighearn.

MADBRAIN, } *adj.* Mearanach, bras, cas, fiadh-

MADBRAINED, } aich, buaireasach.

MADCAP, *s.* Fear-mearain, fear-gòrach, fear fiadh-aich.

MADDEN, *v. a. et n.* See Mad, *v.*

MADDER, *s.* Mìdar.

MADE, *pret. et part. v.* Make. 1. Rinn. 2. Dèanta.

MADEFACTION, *s.* Fliuchadh, bogadh, bogachadh.

MADEFY, *v. a.* Fliuch, bogh, bogaich.

MADGEHOWLET, *s.* Comhachag, cailleach-oidheche.

MAD-HEADED, *adj.* See Madbrain.

MADHOUSE, *s.* Tigh-cuthaich.

MADID, *adj.* Flinch.

MADLY, *adv.* See Mad, *adj.*

MADNESS, *s.* 1. Distraction, loss of understanding:

meanan, cuthach, boile. 2. fury, rage: corruich, fraoch, fraoch-feirge.

MADRIGAL, *s.* Luinneag, fonn, duanag.

MAERE, *adv.* Mòr.

MAFFLE, *v. n.* See Stammer, *v.*

MAFFLER, *v.* See Stammerer.

MAGAZINE, *s.* Tigh-tasgaidh, tigh-stòrais, ionad-tasgaidh.

MAGE, *s.* See Magician.

MAGGOT, *s.* 1. A small grub which turns into a fly: cnuimh, cnuimheag. 2. whimsy, caprice, odd fancy: baoth-smuain, tuaineul-cinn.

MAGGOTS, *adj.* 1. Full of maggots: cnuimheach, cnuimheagach. 2. capricious, whimsical: baoth-smuainteach, gòrach.

MAGGOT-HEADED, *adj.* Baoth-cheannach, gòrach.

MAGI, *s.* Oir-dhraoidhean, speuradaircan na h-àirde 'n-ear.

MAGIC, *s.* 1. Art of putting in action the power of spirits: druidheachd, eòlas druidheachd, geasan, dubh-chleasachd. 2. the secret operations of natural powers: diomhaireachd.

MAGIC, } *adj.* Druidheachail, druidheil, geasagach.

MAGICAL, }

MAGICALLY, *adv.* See Magic, *adj.*

MAGICIAN, *s.* Druidh, fear-druidheachd, fiosaiche.

MAGISTERIAL, *adj.* 1. Such as suits a master: tighcearnail, maighstireil. 2. lofty, arrogant, proud, insolent, despotic: ceannasach, làdasach, stràiceil, uaibhreach.

MAGISTERIALLY, *adv.* See Magisterial.

MAGISTERIALNESS, *s.* Ceannasachd, làdasachd, stràicealachd, uaibhreachas.

MAGISTRACY, *s.* Uachdranachd, bàillidhneachd.

MAGISTRAL, *adj.* 1. Authoritative, suiting a magistrate, or master: smachdail, tighcearnail, maighstireil. 2. artificial, skilful, cunning: seòlta, ealanta.

MAGISTRALLY, *adv.* See Magistral.

MAGISTRATE, *s.* Bàillidh, uachdaran, breitheamh, fear-riaghlaidh.

MAGISTRATIC, *adj.* Uachdaranail, mar breitheamh.

MAGNANIMITY, *s.* Mòr-inntinneachd, mòr-aigeanachd, mòrachd, curantachd, fhathaileachd.

MAGNANIMOUS, *adj.* Mòr-inntinneach, mòr-aigeanach, curanta, fhathail.

MAGNANIMOUSLY, *adv.* See Magnanimous.

MAGNET, *s.* Clach-iùil.

MAGNETIC, } *adj.* Tarruingeach, mar a' chloch-

MAGNETICAL, }

MAGNETICALLY, *adv.* See Magnetic.

MAGNETISM, *s.* Cumhachd-tarruing d' a ionnsuidh féin, tàlaidheachd.

MAGNIFIABLE, *adj.* So-mheudachaidh, so-àrdachaidh.

MAGNIFIC, } *adj.* See Illustrious.

MAGNIFICENT, }

MAGNIFICENCE, *s.* Òirdheirceas, mòrdhalachd, mòrchuiseachd, greadhnachas.

MAGNIFICENT, *adj.* Oirdheirce, mòrdhalach, mòrchuiseach, greadhnach.

MAGNIFICENTLY, *adv.* See Magnificent.

MAGNIFIER, *s.* 1. One that increases, or enlarges: fear-mheudachaidh, fear-àrdachaidh. 2. one that praises, an encomiast: fear-molaidh, fear-clùithachaidh. 3. a glass that increases the bulk of any object: gloine-mheudachaidh.

MAGNIFY, *v. a.* 1. Praise greatly, extol highly: àrd-mhol, àrd-chlùithach. 2. make great, exaggerate, amplify: cuir am meud, meudaich. 3. exalt, elevate, raise in estimation: àrdaich, tog, urramaich. 4. raise in pride, or pretension: séid suas, at. 5. increase the bulk of any object to the eye: meudaich, cuir am meud.

MAGNILOQUENCE, *s.* Mòr-bhruidhneachas, àrd-ghuthachd.

MAGNITUDE, *s.* Meud, meudachd, mòrachd, tomult, tomaid.

MAGPIE, *s.* Pìoghaid, cadhag, agaid.

MAID, } *s.* 1. An unmarried woman, a virgin:

MAIDEN, }

MAIDEN, } maighdean, òigh, finne, cailleag, grugach, nighean, cailin, ainneir, cruinneag, òg-bhean. 2. a woman-servant: ban-oglach, ban-sheirbhisach, bean-mhuinntir. 3. a female: boirionnach.

MAIDEN, *adj.* 1. Consisting of virgins: òigheach, maighdeanach, 2. fresh, new, unused, unpolluted: glan, ùr, fìor-ghlan.

MAIDENHAIR, *s.* Dubh-charrach.

MAIDENHEAD, } *s.* Maighdeanas.

MAIDENHOOD, }

MAIDENLINESS, *s.* Maighdeanachd, beusachd, banalas.

MAIDENLIKE, } *adj.* Maighdeanail, banail, òigheil,

MAIDENLY, }

MAIDENLY, *adv.* See Maidenlike.

MAIDHOOD, *s.* Maighdeanas.

MAIDPALE, *adj.* Glais-neulach.

MAIDSERVANT, *s.* Banoglach, ban-shcìrbhiseach, bean-mhuinntir.

MAJESTIC, } *adj.* Mòrdha, greadhnach, mòrdhal-

MAJESTICAL, }

MAJESTICNESS, } *s.* Mòrdhalachd, greadhnachas,

MAJESTICALNESS, }

MAJESTICALLY, *adv.* See Majestic.

MAJESTY, *s.* 1. Dignity, grandeur, greatness of appearance: mòrachd, mòrdhalachd, greadhnachas, òirdheirceas. 2. power, sovereignty: àrd-chumhachd, tighcearnas, uachdranachd. 3. dignity, elevation of manner. See Sense, 1. 4. the title of kings and queens: rìoghalachd, mòrachd.

MAIL, *s.* 1. A coat of steel network worn for defence: lùireach, lùireach mhàilleach, lùireach-chogaidh. 2. any armour: armachd, arm. 3. a postman's bundle, a bag: màileid, màla. 4. a rent: màl. 5. a spot: snal.

MAIL, *v. a.* 1. Arm defensively, cover as with armour: armaich, éid le airm-dhìona. 2. bundle in a wrapper: cuir suas, paisg suas.

MAIM, *v. a.* Leòim, ciùrr, dochainn, tacaich, crioplaich, dochainn.

MAIM, *s.* 1. Privation of some essential part: dochainn, ciùrradh. 2. lameness produced by a wound, or amputation: bacadh, crùbaiche. 3. injury,

mischief: cron, coire, dochann, aimbheas. 4. essential defect: gaoid, uircasbhuidh.

MAINEDNESS, *s.* Bacaiche, crùbaiche.

MAIN, *adj.* 1. Principal, chief, leading: prìomh, ceud, àraidh. 2. mighty, huge, overpowering, vast: mòr, àrd, fuathasach, atmhòr. 3. gross, containing the chief part: cudthromach, sònruichte, àraidh. 4. important, forcible: cudthromach, sònruichte, brioghmhor.

MAIN, *s.* 1. The gross, the bulk, the greater part: a' chuid mhòr, a' mhòr chuid, tomaid, tomlut. 2. the sum, the whole, the general: an t-iomlan. 3. the ocean, the great sea: cuan, tabh, fàirge, an fhaighe mhòr. 4. violence, force: ncart, ainneart. 5. the continent, the mainland: tìr mòr, a' mhòr-thìr. 6. a course, a dent: clàis, amar.

MAINLAND, *s.* Tìr mòr, a' mhòr thìr.

MAINLY, *adv.* See Main, *adj.*

MAINMAST, *s.* Crann mòr.

MAINPERNOR, *s.* Urras, fear-urrais.

MAINPRISE, *s.* Tabhairt air urras.

MAINPRISE, *v. a.* See Bail, *v.*

MAINSAIL, *s.* Scòl mòr.

MAINSHEET, *s.* Sgòil an t-siùil mhòir.

MAINWEAR, *v. n.* Thoir mionnan eithich.

MAINTAIN, *v. a. et n.* 1. Preserve, keep, suffer not to change: gleidh, cum, daingnich, dean seas-mhach. 2. defend, hold out, make good, resign not: dìon, seas, buanaich, gléidh, coisinn. 3. vindicate, justify, support: seas, dìon, tagair, dean dìon do. 4. keep up, support the expense of: cum suas, beathaich, àraich. 5. support with the conveniences of life: thoir beathachadh do, thoir teachd-an-tìr do. 6. preserve from failure: cum suas. 7. support by argument, assert as a tenet: tagair, còmhdaich.

MAINTAINABLE, *adj.* So-dhìon, so-ghléidhidh, so-chumail, so-thagraidh, so-sheasaimh, so-chòmh-dachaidh.

MAINTAINER, *s.* Fear-cumail suas, fear-àraich, fear-chridhidh.

MAINTENANCE, *s.* 1. Support, protection, defence: dìon, taic, fasgadh, tèarmunn. 2. supply of the necessities of life, sustenance: teachd-an-tìr, beathachadh. 3. continuance, security from failure: seasmhachd, maireannachd, daingneachd.

MAINTOP, *s.* Bàrr a' chroinn mhòir.

MAINYARD, *s.* Slat-shiùil á chroinn mhòir.

MAJOR, *adj.* A 's mò, a 's urramaiche.

MAJOR, *s.* 1. An officer: màidsear. 2. of a syllogism: ceann-reusonachaidh, fìrin-choitcheann.

MAJORATION, *s.* Meudachadh, dol am meud.

MAJORITY, *s.* 1. The state of being greater: mòid, meud. 2. the greater number: a' chuid a 's mò, a' mhòr chuid. 3. ancestry: sìnnsearachd. 4. full age: blian-aois, aois-lagha.

MAIZE, *s.* Cruithnachd Innsanach.

MAKE, *v. a. et n.* 1. Create: cruthaich, dealbh. 2. form of materials: dealbh, cum, dèan. 3. compose, as parts, materials, or ingredients: dean suas. 4. form by art what is not natural: dealbh. 5. produce, or effect, as the agent: dèan. 6. pro-

duce as a cause: aobharaich. 7. do, perform, practise: dèan, gnàthaich. 8. cause to have any quality: dean, thoir air. 9. bring into any state or condition: dèan. 10. form, settle, establish: suidhich, socraich, dèan. 11. hold, keep: dèan, gabh, cum. 12. secure from distress, establish in riches or happiness: suidhich, gléidh, cum. 13. suffer, incur: dèan, thoir ort fèin. 14. commit: dèan. 15. compel, force, constrain: thoir air, comh-èignich gu. 16. intend, purpose to do: dèan, rùnaich. 17. raise as a profit from any thing: dèan air, coisinn air, buannaich. 18. reach, tend to, arrive at, *sea term*: ruig, dean dheth. 19. gain: buannaich, coisinn. 20. force, gain by force: thoir a mach, buadhaich, dèan. 21. exhibit: dèan, feuch. 22. pay, give: dèan, dìol. 23. put, place: dèan, cuir. 24. turn to some use: builich, dèan dheth. 25. incline, dispose to: thoir air, aom. 26. effect as an argument: buadhaich. 27. represent, show: dean a mach, dèan dheth. 28. constitute: dean suas. 29. amount to: dèan. 30. mould, form: dealbh, càirich, suidhich, dèan. 31. make away, kill, destroy: marbh, spad. 32. make away, transfer: thoir seachad. 33. make account, reckon, believe: creid, smuainich. 34. make account of, esteem, regard: meas. 35. make free with, treat without ceremony: bi dàn air, dean saorsa ri. 36. make good, maintain, defend, justify: coisinn, gléidh, dean a mach. 37. make good, fulfil, accomplish: còimhlon. 38. make light of: dean tàir air, dean dìmeas air. 39. make love: dean suiridh, dean lannanachd. 40. make a man: dean duine dheth. 41. make merry: bi subhach, dean aighear, dean cridhealas. 42. make much of: dean deth, caidrich, tataidh. 43. make of, understand: dèan deth, tuig le. 44. make of, produce from: dean deth, dean o. 45. make of, consider, account, esteem: meas, cuir meas air. 46. make over, settle in the hands of trustees: thoir seachad, thoir seachad do. 47. make out, clear, explain: dean a mach, dearbh. 48. make out, prove, evince: dearbh, còmhdaich, feuch. 49. make sure of, consider as certain: dean cinnteach a. 50. make sure of, secure to one's possession: dean cinnteach, dean tèaruint. 51. make up, get together: cruinnich, cuir f' a chéile. 52. make up, reconcile, compose: réitich, dean réidh. 53. make up, repair: dean suas, leasaich. 54. make up, compose as ingredients: dean suas. 55. make up, shape: cum. 56. make up, supply: dean suas, lion. 57. compensate, balance: dean suas air son, dìol, socraich. 58. make up, settle, adjust: suidhich, socraich. 59. make up, accomplish, conclude: còimhlon, dean suas. 60. tend, travel, go any way: aom, iadh, imich, siubhal. 61. contribute, have effect: dean, bi air son. 62. operate, act as a proof, or argument, or cause: aobharaich, taisbean. 63. show, appear, carry appearance: dean, seall, taisbean. 64. make away with: cuir as do. 65. make for, advantage, favour: bi 'n àite. 67. make with, concur: aont- aich le.

MAKE, *s.* Dèanamh, cumadh, dealbh, cruth, cumachd.
 MAKE, *s.* See Mate.
 MAKEABLE, *adj.* So-dhèanamh, so-dhèanta.
 MAKEBATE, *s.* Ball-aimleis, ball-aimhleis, ceann-buairis.
 MAKELESS, *adj.* See Matchless, and Mateless.
 MAKEPEACE, *s.* Fear-réite, fear-siothaimh.
 MAKER, *s.* 1. The Creator: An Cruithfhear. 2. one who makes any thing: fear-dèanamh, dealbhadair, cumadair.
 MAKWEIGHT, *s.* Leasachadh, leasachadh-cudthrom.
 MALADMINISTRATION, *s.* Mi-bhuileachadh, mi-riaghladh, mi-steòrnadh.
 MALADY, *s.* Galar, easlaint, tinneas, eucail.
 MALAPERT, *adj.* Beadaidh, dàna, leamh, bathais-each, lonach.
 MALAPERTLY, *adv.* See Malapert.
 MALAPERTNESS, *s.* Beadaidheachd, dànachd, leamhachas, bathaiseachd, lonachd.
 MALAPROPOS, *adv.* Gu neo-àmail, gu neo-iom-chuidh.
 MALAXATE, *v. a.* Bogaich, taoisinn.
 MALAXATION, *s.* Bogachadh, taosnadh.
 MALE, *adj.* Fìrionn.
 MALE, *s.* Fìrionnach.
 MALE, In composition: mi, neo, droch.
 MALEADMINISTRATION, *s.* See Maladministration.
 MALECONTENT, { *adj.* Mi-thoilichte, neo-riar-
 MALECONTENTED, } aichte.
 MALECONTENT, *s.* Fear mi-thoilichte, gearanaiche, neach gearanach.
 MALECONTENTEDLY, *adv.* See Malecontented.
 MALECONTENTEDNESS, *s.* Mi-thoilichas.
 MALEDICENCY, *s.* Droch-cainnteachd, scarbh-chainnteachd.
 MALEDICENT, *adj.* Droch-cainnteach, scarbh-chainnteach.
 MALEDICTED, *adj.* Malaichte.
 MALEDICTION, *s.* Mallachadh, mallachd.
 MALEFACTION, *s.* Coire, droch-bheart, lochd, oilbheum, ciont.
 MALEFACTOR, *s.* Fear-droch-bheart, ciontach.
 MALEFICE, *s.* See Malefaction.
 MALEFICENT, *adj.* Droch-bheartach, olc-dhèanadach, coirpte.
 MALEFICIATE, *v. a.* Cuir druidheachd air, cuir fuidh gheasaibh.
 MALEFICIATION, *s.* Druidheachd, geasan.
 MALEFIC, { *adj.* Dochannach, donasach, droch-
 MALEFIQUE, } bheartach.
 MALENGINE, *s.* Ceilg, mealltaireachd, cliùcaireachd.
 MALEPRACTICE, *s.* Droch-ghnàths, mi-ghnàths.
 MALESPRITED, *adj.* Duineil, fearail, gaisgeil.
 MALET, *s.* Màla, mailleid.
 MALEVOLENCE, *s.* Mi-run, gamhlas, fuath, nimhealachd, droch-rùn, mìosguinn.
 MALEVOLENT, *adj.* Mi-runach, gamhlasach, nimheil, droch-funach, mìosguinneach.
 MALEVOLENTLY, *adv.* See Malevolent.
 MALEVOLOUS, *adj.* See Malevolent.
 MALICE, *s.* Tùth, gamhlas, mì-run, droch-mhèinn, nàimhdeas.

MALICIOUS, *adj.* Tùthach, gamhlasach, mì-funach, droch-mhèinneach, naimhdeil.
 MALICIOUSLY, *adv.* See Malicious.
 MALICIOUSNESS, *s.* Tùthachd, gamhlasachd, mì-runachd, droch-mhèinneachd, nimhealachd.
 MALIGN, *adj.* 1. See Malicious. 2. infectious, fatal to the body, pestilential: gabhaltach, guineach, nimheil, millteach, sgriosail.
 MALIGN, *v. a. et n.* 1. Regard with envy, or malice: fuathaich. 2. mischief, hurt, harm: dochainn, ciùrr, dean cron do. 3. entertain malice: biodh gamhlas agad do.
 MALIGNANCY, *s.* 1. See Malevolence. 2. destructive tendency: millteachd, sgriosalachd.
 MALIGNANT, *adj.* See Malign, *adj.* 2. hostile to life: millteach, sgriosail.
 MALIGNANT, *s.* Fear-mì-ruin, fear-tùth, fear-gamhlais.
 MALIGNANTLY, *adv.* See Malignant, *adj.*
 MALIGNER, *s.* 1. One who regards another with ill will: fear-mì-ruin, fear-gamhlais. 2. a sarcastical censurer: fear-càinidh.
 MALIGNITY, *s.* 1. See Malice. 2. contrariety to life, destructive tendency: millteachd, sgriosalachd, 3. evilness of nature: droch-mhèinn.
 MALIGNLY, *adv.* See Malign, *adj.*
 MALISON, *s.* Mallachd, mallachadh.
 MALKIN, *s.* 1. A kind of mop: mèaban-sguabaidh. 2. a dirty wench: caile bhreun, dubh-chaile. 3. a frightful figure of clouts dressed up: bòchdan.
 MALL, *s.* 1. A kind of beater, or hammer: bata-slachdaidh, simid, òrd. 2. a walk: sràid.
 MALL, *v. a.* Slachd, buail, slachduinn.
 MALLARD, *s.* Ràc.
 MALLEABILITY, *s.* So-bhristeachd, fulang-bùird.
 MALLEABLE, *adj.* So-oibreachaidh, so-leudachaidh le bualadh.
 MALLEABLENESS, *s.* See Malleability.
 MALLEATE, *v. a.* Buail le òrd, oibrich air innean.
 MALLEATION, *s.* Bualadh le òrd, oibreachadh air innean.
 MALLET, *s.* Fairche, slachdan, simid.
 MALLOWS, *s.* Lus nam meall mòra, gropaïs.
 MALT, *s.* Braich.
 MALTDUST, *s.* Sad braiche.
 MALTFLOOR, *s.* Làr-braiche, urlar-braiche.
 MALT, *v. n.* Brach, gabh brachadh.
 MALTMAN, { *s.* Brachadair.
 MALTSTER, }
 MALTREAT, *v. a.* Droch-càirich, droch-bhuilich.
 MALTWORM, *s.* Fear-drùbhaig, fear-òil.
 MALVERSATION, *s.* Droch-inleachd, cuilbheart, mealltaireachd.
 MAM, { *s.* Mamaidh, muime.
 MAMA, }
 MAMMY, *v. n.* See Maunder.
 MAMMET, *s.* Dealbh, dealbh-ceasachd.
 MAMMIFORM, *adj.* Air chumadh ciche.
 MAMMILLARY, *adj.* Ciochach, ùbhach.
 MAMMOCK, *s.* Mir, sgeall, sgonn.
 MAMMON, *s.* Beartas, saobhbheas, maoin saoghalta.

MAMMONIST, *s.* Duine saoghalta, spiocair, cnuimh.
MAN, *s.* 1. A human being : duine, creutair reus-
 onta, cré. 2. not a woman : fear. 3. not a boy :
 duine. 4. a servant, an attendant, a dependent :
 seirbhiseach, gille, fear eisimeileach, fear-oibre. 5.
 one, any one : neach, duine. 6. one of uncon-
 mon qualifications : duine, gaisgeach. 7. a man-
 of-war : long-chogaidh.

MAN-MIDWIFE, *s.* Fear-aisidh bhan.

MAN, *v. a.* 1. Furnish with men : thoir daoine do,
 cuir sgioba air. 2. guard with men : cuir daoine
 air, daingnich. 3. fortify, strengthen : dìon, neart-
 aich, daingnich. 4. attend, wait, serve : frithèil
 do, frithèil air.

MANACLE, *s.* Glas-làmh, ceangal-dhòrn, cuibhreach.

MANACLE, *v. a.* Cuir glas-làmh air, cuibhrich.

MANAGE, *v. a. et n.* 1. Conduct, carry on : stiùir,
 riaghail, òrduich. 2. train a horse to graceful ac-
 tion : ceannsaich, bris. 3. govern, make tracta-
 ble : ceannsaich, riaghail. 4. wield, or move easi-
 ly : iomain. 5. husband, make the object of
 caution : stèorn, stiùir, thoir an aire air. 6. super-
 intend affairs, transact : riaghail, stiùir, gnìomhaich,
 dèan.

MANAGE, *s.* 1. Conduct, administration : stiùradh,
 riaghladh. 2. use, instrumentality : feum meadh-
 onachd. 3. government of a horse : srian-chur,
 ceannsaich. 4. discipline, governance : riagh-
 ladh, smachd.

MANAGEABLE, *adj.* So-iomairt, so-chleachdaidh, so-
 MONSTROUSLY, *adv.* See Monstrous.
 MONSTROUSNESS, *s.* Mi nàdurachd, oilltealachd,

eu-cneasdachd, uamhasachd, oilltealachd, sgreadh, fuathmhòrachd. See Monstrous.
 MONSTERS, *s.* Currach marcaiche.
 MONTH, *s.* Mios.
 MONTH'S-MIND, *s.* Miann, dùrachd, déigh.
 MONTHLY, *adj.* Miosach, miosail, miosachail.
 MONTHLY, *adv.* See Monthly, *adj.*
 MONUMENT, *s.* Cuimhneachan, cuimhneachan maibh, carragh, càrn, leac, barpa, càrn-cuimhne.
 MONUMENTAL, *adj.* Cuimhneachail, uaigheach, càrnach, carraghach.
 MONUMENTALLY, *adv.* See Monumental.
 MOOD, *s.* 1. The form of an argument: seòl, gleus, dòigh, suidheachadh. 2. temper of mind, state of mind as afflicted by any passion: fonn, freumh, gleus, suidheachadh. 3. anger, rage, heat of mind: corruich, fraoch, friodh, greann.
 MOODILY, *adv.* See Moody.
 MOODINESS, *s.* Fearg, feargachd, corruich.
 MOODY, *adj.* 1. Angry, out of humour: feargach, muiteil, gruamach, greannach. 2. sad, pensive, melancholy: tuirseach, tiamhaidh, trom, muldach, brònach, dublach. 3. violent, furious, raging: cas, bras, feargach, ainteasach.
 MOON, *s.* 1. The luminary of the night: gealach, ré, luan. 2. a month: mios.
 MOON-BEAM, *s.* Gath-gealaich.
 MOON-CALF, *s.* 1. A monster: uile-bheist. 2. a dolt, a stupid fellow: burraidh, clod-cheann, amhlair.
 MOON-EYED, *adj.* Leth-dhall, resp-shuileach.
 MOONISH, *adj.* Luaineach, neo-sheasmhach.
 MOONLIGHT, *s.* Solus-gealaich.
 MOONLING, *s.* Ùmaidh, amadan tamhasg.
 MOONSHINE, *s.* Solus gealaich, failleas gealaich, faoineas.
 MOONSTRUCK, *adj.* Mearanach, luaineach, gòrach.
 MOOR, *s.* 1. A march, a fen, a bog, a track of low and watery grounds: monadh, réidh mhonadh, mòinteach, sliabh, lòn, boglach. 2. a negro, a blackamoor: duine dubh.
 Moor, *v. a. et n.* Cuir air bhuill, tilg acair, daingnich, bi air bhuill, bi acarichte.
 MOORCOCK, *s.* Coileach fraoich, ruadh choileach.
 MOOR-GAME, *s.* Eòin fhraoich.
 MOORIEN, *s.* Cearc-fhraoich.
 MOORISH, *adj.* 1. Fenny, marshy, watery: mòinteachail, mòintidh, bog, lòinteach. 2. belong to the moors, denoting moors: dubh, mar dhaoine dubha.
 MOORLAND, *s.* Mòinteach, sliabh, lòn, boglach.
 MOORY, *adj.* See Moorish, 1.
 MOOT, *v. a. et n.* Tagair, conspoidich, dean tagradh dhìomhain, dean-conspoid dhìomhain.
 MOOT, *s.* Cùis-thagraidh, ceann-conspoid.
 MOOTCASE, or POINT, Cùis-thagraidh, cùis gun soc-ruchadh.
 MOOT-HALL, } *s.* Tigh mòid, mòd-thigh.
 MOOT-HOUSE, }
 MOOTING, *s.* Tagradh, deaspoireachd, conspoid dhìomhain.
 MOOTED, *adj.* Spionta á bun.

MOOTER, s. Fear-tagraidh, fear-deasboireachd dhìomhain.

MOP, s. 1. Pieces of cloth, or locks of wool fixed to a long handle, for cleaning floors: moibéal, moibean, sguabach, sguab làir. 2. a wry mouth, or grim made in contempt: beul cam, fiaradh beoil.

MOP, v. a. Moibeanach, sguab.

MOPE, v. n. Dean beul cam, cuir beul cam ort.

MOPE, v. a. et n. 1. Make spiritless, deprive of natural powers: dean trom, dean neo-shunndach, dean neo-thapaidh. 2. be stupid, be in a constant day-dream, bedrowsy, or spiritless: bi trom, bi neo-shuimeil, bi neo-shunndach, bi turra-chodalach, bi tuirseach.

MOPE, s. Clod-cheann, burraidh, amhlair.

MOPE-EYED, s. 1. Blind of one eye: cam, aon-shuileach. 2. short-sighted, pur-blind: gearr-fhradhach.

MOPISH, adj. Neo-shunndach, neo-chridheil, trom, dubhach.

MOPISHNESS, s. Neo-shunndachd, neo-chridhealach, truime, dubhaiche.

MOPPET, } s. 1. A puppet made of rags, as a mop

MOPSEY, } is made: böchdan, fear bréige, sgàth.

MOPUS, s. A fondling name for a girl: cuilean, cruinneag.

MORUS, s. Clod-cheann, lunnard, rong, slaodaire.

MORAL, adj. Beusach, dleasanach, giùlanta, subhailceach, modhail.

MORAL, s. 1. Morality, practice, or doctrine of the duties of life: beus, modh, modhalachd. 2. the doctrine inculcated by a fiction: beus-theagasg, modh-bhrìgh.

MORALIST, s. 1. One who teaches the duties of life: fear-teagaisg bheus, beus-oide, fear mhothannan. 2. a mere moral man: fear deas-ghnathach, suaircean.

MORALITY, s. Beusachd, beusalachd, modhalachd, subhailcean.

MORALIZATION, s. Beus-mhìneachadh, modh-mhìneachadh.

MORALIZE, v. a. et n. 1. Make moral: dean beusach, dean modhail. 2. apply to moral purposes, explain in a moral sense: tog beus-theagasg, teagaisg beusan. 3. speak, or write on moral subjects: labhair mu bheusaibh, sgrìobh mu bheusaibh.

MORALIZER, s. Fear-teagaisg bheusan, beus-oide, modh-oide.

MORALLY, adv. See *Moral, adj.*

MORALS, s. Beusan, modhannan, subhailcean.

MORASS, s. Boglach, mòinteach, fèith, lòn.

MORASSY, adj. Boglach, mòinteachail, fèitheach, lòinteach.

MORBID, adj. Tinn, euslan, euslainteach, eucailceach, galarach.

MORBIDNESS, s. Euslanachd, euslainteachd, eucailceachd, galarachd.

MORBIFIC, } adj. Euslainteach, galarach, neo-

MORBIFICAL, } fhallain.

MORBORE, adj. Euslan, tinn, brèite galarach.

MORDACIOUS, adj. Bideach, bideagach, creimeach.

MORDACITY, s. Bideachas, creimeachas.

MORDICATION, s. Gearradh, creimeadh, gonadh, bideadh.

MORE, adj. 1. In greater quantity, in greater degree: mò, a 's mò, nì 's mò, nì bu mhò. 2. in greater number: nì 's lionnhoire, a 's lionnhoire. 3. added to a former number: tuilleadh, fathast, a 's mò, nì 's mò.

MORE, adv. 1. To a greater degree: nì 's mò, nì bu mhò. 2. the particle that forms the comparative degree; in Gaelic, either the substantive noun *nì*, and the substantive verb *is, 's, or, bu*; or the relative pronoun *a*, with the same verb: nì 's, a 's. 3. again, a second time: tuilleadh, tuilleadh fòs, fòs, a rìs, fathast. 4. longer, yet continuing, with the negative particle: nì 's mò.

MORE, s. Tuilleadh, barrachd.

MORELAND, s. Àirde, àrd, bràighe, àrd-fhearann.

MOREOVER, adv. Os bàrr, a thuilleadh air, tuille fòs, cuideachd, a thuilleadh eile, a thuilleadh air sin, a thuilleadh air so.

MORGLAY, s. Mòr-chlaidheamh, claidheamh mòr.

MORIGERATE, v. a. Bi ùmhla, thoir ùmhlachd do.

MORIGATION, s. Ùmhlachd, géill.

MORIGEROUS, adj. Ùmhla, strìochdach, èasgaidh.

MORION, s. Cloigaid, ceann-bheath.

MORKIN, s. Clasach fiadh bheathaich, cairbh.

MORLING, } s. Marbh-chlòimh, clòimh-clasaich.

MORTLING, } s. Böchdan, taibhse, sgàth.

MORMO, s. Böchdan, taibhse, sgàth.

MORN, } s. Maduinn, moch-thra.

MORNING, } s. Maduinn, moch-thra.

MORNING, adj. Maduinnneach, moch, moch-thrathach.

MORNING-GOWN, s. Gùn maidne.

MORNING-STAR, s. Reul-mhaidne, reul na maidne, maidneag, maduinnneag.

MOROSE, adj. Gruamach, doirbh, dùr, neo-aoidheil, deacair, crosda.

MOROSELY, adv. See *Morose*.

MOROSINESS, } s. Gruamaiche, doirbheachd, dùre,

MOROSITY, } neo-aoidheilachd, deacaireachd, crosdachd.

MORPIEW, s. Mùir, luibhre.

MORROW, s. 1. The morning: maduinn. 2. the day after the present day: màireach, am màireach, an là màireach. To-morrow: am màireach, an lath 'r na mhàireach.

MORSE, s. Each mara.

MORSEL, s. Greim, crioman, criomag, nìr, làn-beòil, bideag, rud beag.

MORSURE, s. Teumadh, creimeadh, cagnadh.

MORT, s. 1. A tune sounded at the death of the game: caitheam-sèilge, iolach-sèilge. 2. a great quantity: mòran. 3. a salmon in the third year of its growth: bradan tri-bhlidhnach.

MORTAL, adj. 1. Subject to death: bàsmhor. 2. deadly, destructive, procuring death: marbhtach, sgriosail. 3. inferring divine condemnation: bàsmhor. 4. human, belonging to man: daonna, tal-mhaidh.

MORTAL, s. Duine, cré, creutair.

MORTALITY, s. 1. Subjection to death: bàsmhorachd. 2. death: bàs. 3. power of destruction: marbhtachd, sgriosalachd. 4. frequency of death: bàsmhorachd, marbhtachd. 5. human nature: nàdur daonna, talmhaidheachd, daonnachd.

MORTALIZE, v. a. Dean bàsmhor, fàg bàsmhor.

MORTALLY, adv. See Mortal, *adj.*

MORTAR, s. 1. A strong vessel in which materials are broken by being pounded with a pestle: mort-air, bràth-spioraidh, soitheach-pronnaidh. 2 a short wide cannon out of which bombs are thrown: gunna mòr thoirm-shligean. 3. cement made with lime, sand, and water: làthach, aol-tàthaidh, criadh-aol.

MORTGAGE, s. Geall-dìolaidh, geall-fhiachan, geall-ainmheich.

MORTGAGE, v. a. Thoir an geall, thoir seachad an geall-ainmheich.

MORTGAGEE, s. Fear-gabhail gheall-dìolaidh.

MORTGAGER, s. Fear-tabhairt gheall-dìolaidh.

MORTIFEROUS, adj. Marbhtach, sgriosail.

MORTIFICATION, s. 1. The state of corrupting, or losing the vital qualities, gangrene: grodadh, brothadh. 2. destruction of active qualities: bàs-thabhairt, claidh. 3. the act of subduing the body by hardships and macerations: smachdachadh cuirp, corp-chlaoidheadh. 4. humiliation, subjection of the passions: claidh, claidheadh, ceannsachadh. 5. vexation, trouble: doilgheas, cacadan.

MORTIFIEDNESS, s. Claidhlteachd, ceannsachd.

MORTIFIER, s. Fear-claidhidh, fear-ceannsachaidh.

MORTIFY, v. a. et n. 1. Destroy vital qualities: marbh, thoir bàs do. 2. destroy active powers, or essential qualities: cuir as do, marbh. 3. subdue inordinate passions: claidh, ceannsaich, smachdaich. 4. macerate, harass, in order to reduce the body to compliance with the mind: smachdaich. 5. humble, depress, vex: islich, cuir doilghios air. 6. gangrene, corrupt: grod, fàs grod, broeth. 7. be subdued, die away: seargas, caith as.

MORTISE, s. Clais, locair, toll-alpaidh, clais-alpaidh.

MORTISE, v. a. Tàth, snaidhm, alp.

MORTMAIN, s. Seilbh-beatha, oighreachd.

MORTUARY, s. 1. A burial place: cladh, àit-adhlaic, bàghan. 2. a gift left by a man at his death to his parish church: naomh-dhèire, dileabh do 'n eaglais.

MOsaic, } adj. Iom-dhealbhadh, iom-dhathach, MOSAICAL, } riochd-dhealbhadh.

MOsaic, } adj. A bhùineas do lagh, agus do MOSAICAL, } fhrithealadh Mhaois.

MOSQUE, s. Eaglais Thurach.

MOSS, s. 1. A plant: còinneach. 2. a morass, or boggy place: mòinteach, mòine, slochd mhòintich.

MOSS, v. a. Còmhdaich le còinneach.

MOSSY, adj. Còinneachail, mòinteachail.

MOST, adj. 1. A 's mò, bu mhò. The most part: a' chuid a 's mò.

MOST, adv. See Most, *adj.*

MOST, s. A' chuid a 's mò, a' mhòr chuid.

MOSTLY, adv. Mar a 's trice, a' chuid a 's trice, cha mhòr nach, 's beag nach.

MOTATION, s. Gluasad.

MOTE, s. Dàradan, smùirnean, càimean.

MOTE, s. Mòd, còinneamh, còmhail.

MOTH, s. Leomann, raodan, reudan, enuimh.

MOTH-EATEN, } adj. Leomannach, reudanach.

MOTHEN, }

MOTHER, s. Màthair. Mother-in-law: màthair-chéile, màthair-céile. Step-mother, or nursing mother: muime. God-mother: muime, ban-ghoistidh. *Mother*, a thick substance in liquors: dèasgann.

MOTHER, adj. Màthaireil.

MOTHER, v. n. Fàs dèasgannach.

MOTHERHOOD, s. Màthaireachd.

MOTHERLESS, adj. Gun mhàthair.

MOTHERLY, adj. Màthaireil, caomh, bàigheil, caoimhneil.

MOTHERLY, adv. See Motherly, *adj.*

MOTHERY, adj. Dèasgannach.

MOTIV, adj. Leomannach, reudanach.

MOTION, s. 1. The act of changing place: gluasad, carachadh, car. 2. animal life and action: comas-gluasaid, deò, beatha. 3. manner of moving the body, port, gait: gluasad, siubhal, ceum. 4. military march, or remove: siubhal, triall, gluasad. 5. agitation, intestine action: gluasad. 6. direction, tendency: siubhal, triall. 7. impulse communicated: gluasad. 8. tendency of the mind, thought impressed: gluasad. 9. proposal made: tairgse, oidheip, iartas, comhairle.

MOTION, v. a. et n. Comhairlich, tairg, dean iartas air son.

MOTIONLESS, adj. Neo-ghluasadach, gun gluasad, gun carachadh.

MOTIVE, adj. Gluasadach, a ghluaiseas, a bheir carachadh.

MOTIVE, s. Togradh, rùn, aobhar, aobhar-brosnuchaidh.

MOTELY, adj. Iom-dhathach, iom-ghnèithcach, measg-aichte.

MOTOR, s. Fear-gluasaid, fear-carachaidh, gluaiscad-air.

MOTORY, adj. Gluasadach, carachail.

MOTTO, s. Focal suaicheantais, sgrìobhadh suaicheantais.

MOVABLE, adj. See Moveable.

MOVABLES, s. See Moveables.

MOVE, v. a. et n. 1. Put out of one place to another, put in motion: gluais, atharraich, carach. 2. give an impulse to: gluais, cuir air ghluasad. 3. propose, recommend: comhairlich, guidh air son. 4. persuade, prevail on: cuir impidh air, aom gu. 5. affect, touch pathetically, stir passion: gluais, tog, buin ri, brosnuch. 6. make angry: fearg-aich, brosnuch. 7. put into commotion: buair, luaisg. 8. incite, produce by incitement: tog, brosnuch. 9. conduct regularly in motion: stiùir. 10. be in a state of changing place: gluais, carach, bi air ghluasad. 11. have a particular direction of passage: imich, siubhal. 12. go from one

place to another : imich, rach, siubhail, gluais. 13. have vital action : bi beò, bi gluasadach. 14. walk, bear the body : imich, cummaich, gluais. 15. march as an army : imich, siubhail, triall. 16. go forward : rach air aghaidh, gluais. 17. change the posture of the body in ceremony : caraich, gluais.

MOVE, *s.* Glusad, carachadh, car.

MOVELESS, *adj.* Do-ghluasad, neo-ghluasadach.

MOVEMENT, *s.* Glusad, carachadh, car.

MOVENT, *adj.* Glusadach.

MOVER, *s.* 1. The person or thing that gives motion : fear-gluasaid, fear-carachaidh, gluasadan. 2. a proposer : fear-comhairleachaidh, tairgsear.

MOVING, *s.* Glusad, carachadh.

MOVING, *adj.* Drùighteach, brònach, muladach, tuirseach.

MOVINGLY, *adv.* See Moving *adj.*

MOVINGNESS, *s.* Drùighteachd, muladachd, tuirseachd.

MOULD, *s.* 1. A kind of concretion on the top or outside of things kept motionless or damp : liathas. 2. earth, soil : fonn, ùir, talamh. 3. matter of which any thing is made : stuth, dealbh. 4. the matrix in which any thing is cast : molltair, cumadair. 5. cast, form : dealbh, cruth, cumadh. 6. a spot : ball.

MOULD, *v. a. et n.* 1. Form, shape, model : dealbh, riochdadh, cum. 2. knead : fuin, taoisinn. 3. contract concreted matter, gather mould, rot : lobh, fàs liath, liathaich. 4. cover with mould, corrupt by mould : thoir liathlas air.

MOULDABLE, *adj.* So-dhealbhaidh, so-chumaidh.

MOULDER, *s.* Fear-dealbhaidh, dealbhadair, cumadair.

MOULDER, *v. a. et n.* 1. Turn to dust, crumble : crion, tionndaidh gu luathre, fàs 'n ad luathre, crion.

MOULDINESS, *s.* Liathlas.

MOULDWARP, *s.* Fannh, fannh-thalmhainn, fannh mhùgach.

MOULDY, *adj.* Air liathadh, liathasach.

MOULT, *v. n.* Tilg na h-itean.

MOUNCH, } *v. a.* Cagainn, cnàmh.

MAUNCH, }

MOUND, *s.* Tòrr, càrr, dùn, meall, being, bruaich, being-dhìona.

MOUND, *v. a.* Dion le bruaich, tog being fì.

MOUNT, *s.* 1. A mountain, a hill : beinn, slaibh, cnoc. 2. an artificial hill raised in a garden or other place : bruaich, tom, tòrr.

MOUNT, *v. a. et n.* 1. Raise aloft, lift on high : tog. 2. ascend, climb : dir, dirich, streap. 3. place on horseback : cuir air muin eich. 4. embellish with ornaments : sgeadaich, grinnich, deasaich. 5. rise on high : dirich, éirich an àirde. 6. tower, be built up to great elevation : éirich, éirich suas. 7. get on horseback : leum, leum air muin eich. 8. mount guard : rach air freiccadan.

MOUNTABLE, *adj.* So-dhìridh, so-shreapaidh.

MOUNTAIN, *s.* Slàibh, beinn, monadh, cruach, meall, màin, tòrr, aonach, fireach, tom.

MOUNTAIN, *adj.* Slàibhach, sléibhteach, aonachail, monaidh.

MOUNTAINEER, } *s.* Fear-monaidh, fear-sléibhe,

MOUNTAINER, }

MOUNTAINOUS, *s.* Sléibhteach, àrd-bheannach, beanntach, monadail, cruachlach, garbh.

MOUNTAINOUSNESS, *s.* Sléibhteachd, beanntachd, monadalachd.

MOUNTBANK, *s.* Cleasaiche, mealltair.

MOUNTER, *s.* Fear-dhridh, fear-streapaidh, fear-leuma.

MOUNTING, *s.* 1. Ascent : dìreadh. 2. ornament, embellishment : grinneas, sgeadachadh, gleus.

MOURN, *v. a. et n.* Caoidh, caoin, guil, dean bròn, bi fuidh bhron, dean caoidh, bi brònach, bi tuirseach.

MOURNER, *s.* Fear-bròin, fear-caoidh. Mourners : luchd-bròin.

MOURNFUL, *adj.* Brònach, tuirseach, muladach, dubhach, doilghiosach.

MOURNFULLY, *adv.* See Mourful.

MOURNING, *s.* Bròn, mulad, caoidh, tuircadh, tuirse, caoineadh, doilghios, cumhaidh, éididh bròn.

MOURNINGLY, *adv.* See Mourful.

MOUSE, *s.* Luch, luchag.

MOUSE, *v. n.* Sealg luchan, glac luchan.

MOUSE-EAR, *s.* Lus-nam-mial.

MOUSE-HOLE, *s.* Toll luchag.

MOUSE-TRAP, *s.* Cat-luch.

MOUSER, *s.* Scalgar-luch, luch-shealgair.

MOUTH, *s.* Beul, craos. In derision : clab, braoisg, bus. Of a beast of prey : craos. Make mouths : cuir bus ort, cuir braoisg ort. Down in the mouth : fuidh sprochen, fuidh ghruaim.

MOUTH, *v. a. et n.* 1. Utter with a voice affectedly big : labhair àrd, gabh làn beòil dhetli, glaoth. 2. chew, eat, grind in the mouth : cagainn, ith. 3. seize in the mouth : teum, glac 'n ad chraos. 4. insult, attack with reproachful language : càin, màb. 5. speak with a strong and loud voice, vociferate : glaoth.

MOUTHD, *adj.* Beulach, craosach.

MOUTH-FRIEND, *s.* Caraid beòil, fear leam leat.

MOUTHFUL, *s.* Làn beòil, glamadh, criomag. Of liquids : balgum.

MOUTH-NONOUR, *s.* Urram beòil.

MOUTHLESS, *adj.* Gun bheul.

Mow, *s.* Gòrag, rùcan, gòileag.

Mow, *v. a. et n.* 1. Cut with a scythe : gearr, buain le faladair. 2. cut down with speed and violence : speal, sgud, gearr sìos. 3. put in a mow : dean 'n a ghòileag. 5. gather the harvest : cruinnich, cròdh.

Mow, *s.* Beul cam, bus.

Mow, *v. n.* Dean beul cam, cuir bus ort, cuir braoisg ort.

MOWBURN, *v. n.* Gabh teas, gabh teas 's a' chruach.

MOWER, *s.* Spealadair, fear-faladair, buanaiche.

MOWING, *s.* 1. Act of cutting with a scythe : speuladh, buain le faladair. 2. grimace, mockery : atharrais. 3. ability : comas.

MOYLE, *s.* See Mule.

MUCH, *adj.* Mòr, mòran, iomadh, iomad, iomadaidh.

MUCH, *adv.* Mòr, gu mòr, mòran. Too much : cus, iomadaidh, tuilleadh 's ni 's leòir, barrachd. As much, as much as : uiread ri, uiread agus.

MUCH, *s.* Mòran. Too much : tuille 's a' chòir, cus. As much : uiread. As much as : uiread ri, uiread agus. *Much*, in composition : ro, glé.

Much-loved : ro-ghràidhaichte, glé-ghràidhaichte.

MUCHNESS, *s.* Meud, mòrachd, tomad.

MUCID, *adj.* Sleamhainn, slobach, air liathadh.

MUCIDNESS, *s.* Sleamhnachd, slobachd, liathas.

MUCILAGE, *s.* Slamban, barrag, sleamhnachd.

MUCILAGINOUS, *adj.* Slambanach, barragach, sleamhainn, slamanach.

MUCILAGINOUSNESS, *s.* Slambanachd, barragachd, sleamhnachd, slamanachd.

MUCK, *s.* 1. Dung for manure of grounds : innear, mathachadh. 2. any thing low, mean, and filthy : salachar, buachar, sal. 3. a heap : muc, tom.

MUCK, *v. a.* Mathaich, innearach, leasaich. *Muck*, clean from dung, or filth : cairt.

MUCKENDER, *s.* Neapaicin sròine, neapaicin pòca.

MUCKER, *v. a.* Cruinnich, taisg, tòrr.

MUCKERER, *s.* Fear-cruinneachaidh, fear-torraidh, fear-tasgaidh.

MUCKHEAP, MUCKHILL, MUCKMIDNEN, } *s.* Òtrach, dùnan.

MUCKINESS, *s.* Salachar, breuntas, trustaireachd, mosaiche.

MUCKLE, *adj.* See Muck.

MUCKSWEAT, *s.* Fallas, teann-thallas.

MUCKWORM, *s.* 1. A worm that lives in dung : cnuimh aolaiach, cnuimh òtraich. 2. a miser, a curmudgeon : spioicair mosach.

MUCKY, *adj.* Innearach, salach, trustaireach, gràin-cil, breun.

MUCOUS, *adj.* Ronnach, sglongach, smugach, slamach.

MUCOUSNESS, *s.* Ronnaiche, sglongachd, smugachd.

MUCRO, *s.* Ruinn, rinn, gob.

MUCRONATED, *adj.* Rinneach, biorach, geur, gobach.

MUCULENT, *adj.* See Slimy.

MUCUS, *s.* Ronn, sglong, sglongaid, smug, sal na sròine.

MUD, *s.* Eabar, salachar, làthach, poll, clàbar, guitar.

MUD, *v. a.* Salaich, cuir 's a' pholl, eabraich, truail.

MUDDILY, *adv.* See Muddy.

MUDDINESS, *s.* Sal, salachar, duai-balachadh.

MUDDLE, *v. a. et n.* 1. Make turbid, foul, make muddy : cuir troimh chéile, salaich, truail. 2. make half drunk, cloud, or stupify : cuir air leth-dhaoraich, dean froganach, cuir air mhìsg. 3. contract filth, be in a dirty or confused state : bi salach, bi troimh chéile, bi truailidh.

MUDDY, *adj.* 1. Turbid, foul with mud : salach, druaipeach, làthachail. 2. impure, dark, gross : duaicmidh, doilleir, drabastach. 3. soiled with mud : cabarach. 4. dark, not bright : doilleir, dorch. 5. cloudy in mind, dull : dorch, mì-cag-naidh.

MUDDY, *v. a.* Doilleirich, cuir troimh chéile, truail.

MUDDY-HEADED, *adj.* Mì-thuigseach, mì-thoinisgach.

MUDWALL, *s.* Balla talmhainn, balla crèadh.

MUE, *v. n.* See Mew.

MUFF, *s.* Mutan.

MUFFLE, *v. a. et n.* 1. Conceal part, or the whole of the face : còmhdaich, ceil, cuir sgàil air. 2. wrap, cover : paisg, trus. 3. conceal, involve, wrap up : ceil, còmhdaich, paisg suas. 4. speak inwardly : labhair os iosal, dean pronnadh bruidhne.

MUFFLER, *s.* Gnùis-chòmhachd, brat aodain, sgàil.

MUFFT, *s.* Àrd shagart Turcach.

MUG, *s.* Soitheach òil, cuach, noigean, nugan.

MUGGARD, *adj.* Mùgach, mùgeach.

MUGGISH, } *adj.* 1. Moist, damp, mouldy : tais, MUGGY, } fluich, àitidh. 2. thick, close, misty : doilleir, mùgach.

MUGHOUSE, *s.* Tigh leanna, tigh-òil.

MUGIENT, *adj.* Geunnach, bùircannach.

MUGWORT, *s.* Liath-lus, gròban.

MULATTO, *s.* Neach lachduinn, gin o dhubb 's geal.

MULBERRY, *s.* Smeur, maol-dhearc. Mulberry-tree : craobh nam maol dhearc, craobh-smeur.

MULCT, *s.* Ubhla, ùmhla, peanas.

MULCT, *v. a.* Cuir ùbhla air, leag ùbhla, peanasach.

MULE, *s.* Muileid, muilead.

MULETEER, *s.* Gille mhuilead, fear-iomain mhuileid.

MULIEBRITY, *s.* Boirionnachd, boirionnas, banalachd, bandachd.

MULISH, *adj.* Muileideach, dannara.

MULL, *s.* Dushlag, sad.

MULL, *v. a.* 1. Soften, and dispirit : bogaich, dean tais, thoir a chli o. 2. heat any liquor, sweeten and spice it : dean blàth millis.

MULLEN, *s.* Ias mòr.

MULLER, *s.* Clach-phronnaidh.

MULLET, *s.* Seòrs eìsg mara, an cearbhanach.

MULLIGRUBS, *s.* Sniomh chaolan, brù ghoirt.

MULLOCK, *s.* See Mull, *s.*

MULSE, *s.* Fion brùichte le mil.

MULTANGULAR, *adj.* Iom-oisinneach, iom-cheàrnach.

MULTANGULARLY, *adv.* See Multangular.

MULTANGULARNESS, *s.* Iom-oisinneachd, iom-cheàrnachd.

MULTICAFSULAR, *adj.* Ioma-chòsach.

MULTICAVOUS, *adj.* Tolltach, ioma-tholltach.

MULTIFARIOUS, *adj.* Ioma-ghnèitheach, ioma-chuisach, iomadaidh.

MULTIFARIOUSLY, *adv.* See Multifarious.

MULTIFARIOUSNESS, *s.* Ioma-ghnèitheachd, ioma-chuisceachd, iomadaidheachd.

MULTIFORM, *adj.* Ioma-chruthach.

MULTIFORMITY, *s.* Ioma-chruthachd.

MULTILATERAL, *adj.* Ioma-thaobhlach, ioma-shliosach.

MULTILINEAL, *adj.* Ioma-shreathach.

MULTILOQUOUS, *adj.* Ioma-bhruidhlineach, ioma-bhriathrach.

MULTINOMIAL, } *adj.* Iom-ainneach, iom-shloinnt-
MULTINOMINAL, } each.

MULTIPAROUS, *adj.* Iom-àlach, ioma-bhreitheach, siolmhor.

MULTIPEDE, *s.* Beathach iom-chosach.

MULTIPLE, *adj.* Iom-fhillteach.

MULTIPLIABLE, *adj.* So-mheudachaidh, so-chur am meud.

MULTIPLIABLENESS, *s.* So-mheudachd.

MULTIPLICABLE, *adj.* So-mheudachaidh.

MULTIPLICAND, *s.* Uibhreacchan meudachaidh, àireamh a mheudaichear le àireamh eile.

MULTIPLICATE, *adj.* Iom-fhillte, iom-fhillteach.

MULTIPLICATION, *s.* Meudachadh, iomadachadh, seòl meudachaidh, cainn-iomadachaidh.

MULTIPLICATOR, *s.* Meudachair, àireamh leis am meudaichear àireamh eile an cunntas.

MULTIPLICITY, *s.* Iomadachd, lionmhorachd, iomadachd.

MULTIPLIER, *s.* 1. One who multiplies or increases the number of any thing : fear-meudachaidh, fear-lionmhorachaidh. 2. in arithmetic. See Multiplier.

MULTIPLY, *v. a. et n.* 1. Increase in number, make more by generation, accumulation, or addition : dean lionmhor, cuir an lionmhorachd, lionmhorach. 2. perform the process of arithmetical multiplication : meudaich, iomadaich. 3. grow in number, increase : fàs lionmhor, lionmhorach.

MULTIPOTENT, *adj.* Iom-chumhachdach.

MULTIPRESENCE, *s.* Ioma-làthaireachd.

MULTISCIOUS, *adj.* Iom-fhiotach, iom-eòlach.

MULTISONOUS, *adj.* Iom-fhuaimneach.

MULTITUDE, *s.* 1. The state of being many : iomadh. 2. number collective, a sum of many, more than one : àireamh, mòran, iomadachd. 3. a great number : mòran, iomadh, iomadaidh. 4. a crowd, or throng : cruinneachadh, mòr-shluagh, dòmh-lachadh, cuideachd, lòd. 5. the vulgar : gràisg.

MULTITUDINOUS, *adj.* 1. Having the appearance of a multitude : iomadach, lionmhor, sluaghach. 2. manifold : iom-fhillteach, iomadach. 3. belonging to the multitude : sluaghach, gràisgeil.

MULTIVAGANT, } *adj.* Luaineach, sìùhlach, fabh-

MULTIVAGOUS, } anach, iomrallach.

MULTOCULAR, *adj.* Iom-shiuleach.

MULTURE, *s.* Meildeir, eis muilinn.

MUM, *interj.* Tosd, eisd.

MUM, *s.* Leann cruithneachd.

MUM, *adj.* Tosdach, gun chaint.

MUMBLE, *v. a. et n.* 1. Speak inwardly, grumble, mutter : dean pronnadh bruidhne, dean briot, dean gearan. 2. chew, bite softly, eat with the lips close : cnàmh, cagainn, creim. 3. mouth gently : dean iomairt beòil ri. 4. slubber over, suppress, utter imperfectly : labhair gu glugach, leth-labhair.

MUMBLER, *s.* Fear glugach, fear mamdach.

MUMM, *v. a.* Dean cluich chidhis, rach an cidhis.

MUMMER, *s.* Fear cidhis, balbh-chleasach.

MUMMERY, *s.* Balbh-chleasachd, cidhiseachd.

MUMMY, *s.* Corp spioraichte.

MUMP, *v. a.* 1. Nibble, bite quick, chew with a

continued motion : cagainn, creim, glam, bith-chagainn. 2. talk low and quick : abair luath, abair luath mamdach. 3. deceive, chouse : meall, thoir an car á. 4. beg : iar dèirc.

MUMPER, *s.* Fear-iarruidh dhéire, diol-déirc.

MUMPS, *s.* 1. Sullenness, silent anger : gruum, tosfhearg, stùrd. 2. the squinancy : pluc, tinneas plucach.

MUNCH, *v. a.* See Mounch.

MUNCHER, *s.* Fear-cagnaadh.

MUNDANE, *adj.* Saoghalach, talmhaidh, aimsireil, saoghalta.

MUNDANITY, *s.* Saoghalachd, saogaltachd.

MUNDATION, *s.* Glanadh.

MUNDATORY, *adj.* Glanadach, glanadail.

MUNDIFICATION, *s.* Glanadh, sgùradh.

MUNDIFICATIVE, *s.* Cungaidd-ghlanaidh.

MUNDIFY, *v. a.* Glan, dean glan.

MUNERARY, *adj.* Tiodhlacail, mar thiodhlacail.

MUNGREL, *adj. et s.* See Mongrel.

MUNICIPAL, *adj.* Comunnach, cuideachdail, a bhuineas do bhaile mòr.

MUNIFICATE, *v. a.* Dean beartach, dean saobhir.

MUNIFICENCE, *s.* Toirbheartas, féile, tabhartachd, falaidheachd.

MUNIFICENT, *adj.* Toirbheartach, falaidh, tabhairteach.

MUNIFICENTLY, *adv.* See Munificent.

MUNIMENT, *s.* 1. Fortification, strong hold : daingneach, didean. 2. support, defence : taic, dìon, tèarmunn. 3. record writing upon which claims and rights are founded, evidence, charters : daingneachd scriobhaidh, còirichean, bainn-sgrìobhta.

MUNITION, *s.* 1. Fortification, strong hold : daingneach, dìon, didean. 2. See Ammunitions.

MURAL, *adj.* Ballach, a bhuineas do bhalla.

MURDER, *s.* Mort, mortadh.

MURDER, *v. a.* Mort, dean mortadh.

MURDER, *interj.* Mort ! mort !

MURDERER, *s.* Mortair, fear-mortaidh.

MURDERESS, *s.* Ban-mhortair.

MURDEROUS, *adj.* Mortach, fuileachdach, sgriosail.

MURDEROUSLY, *adv.* See Murderous.

MURE, *s.* Màr, balla.

MURE, *v. a.* Cuir mùr mu, druid le balla.

MURIATED, *adj.* Sailtle.

MURIATIC, *adj.* Sailtle.

MURK, *s.* Dorchadas, duirche, doilleireachd, duibhre.

MURK, *s.* Cochull, mogul mheasan.

MURKY, *adj.* Dorch, doilleir, dubh.

MURMUR, *s.* 1. A low, shrill noise : borbhan, torm-an, dùrdan, crònan. 2. complaint half suppressed : borbhan, monmhor, gearan, talach, cànan.

MURMUR, *v. n.* 1. Give a slow shrill sound : dean borbhan, dean crònan, dean torm-an. 2. grumble : dean monmhor, gearain, talach.

MURMURER, *s.* Gearanaiche, fear-gearain, fear-talach, fear cànan.

MURMURING, *s.* See Murmur.

MURMUROUS, *adj.* Borbhanach, gearanach, cànanach.

MURRAIN, *s.* Èarnach, conach, plàigh-spréidhe.

MURREY, *adj.* Dubh-dhearg, dubh-fuadh.
 MURRIAN, *s.* See Morion.
 MUSCLE, *s.* 1. Of the body: feith, feith-lùthaidh.
 2. a bi-valve shellfish: feusgan.
 MUSCULAR, *adj.* Fèitheach, neartmhor.
 MUSCULARITY, *s.* Fèitheachd, neartmhorachd.
 MUSCULOUS, *adj.* Fèitheach.
 MUSE, *s.* 1. Deep thought, close attention, absence of mind, brown study: beachd-smuain, trom-smuain. 2. the power of poetry: còlraidh. The Muses: a' cheòlraidh.
 MUSE, *v. a. et n.* 1. Ponder, think close, study in silence: beachd-smuainich, cnuasaich, trom-smuainich. 2. be absent of mind: bi an trom smuain, bi neo-aireil. 3. wonder, be amazed: gabh iongnadh, bi fuaidh iongnadh. 4. meditate, think on: cnuasaich, beachd-smuainich air.
 USEFUL, *adj.* Beachd-smuainteachail, trom-smuainteachail.
 MUSER, *s.* Fear throm smuaintean, fear-beachd smuainteachaidh.
 MUSEUM, *s.* Tigh neònachais, tigh-iongantais, seud-lann.
 MUSHROOM, *s.* Ballag bhuachair, ballag losguinn.
 MUSIC, *s.* Ceòl, binneas, fonn, oirfeid.
 MUSICAL, *adj.* Ceòlmhor, binn, fonnmhor, oirfeid-each.
 MUSICALLY, *adv.* See Musical.
 MUSICALNESS, *s.* Ceòlmhorachd, fonnmhorachd, oirfeidachd.
 MUSICIAN, *s.* Fear-ciùil, filidh.
 MUSING, *s.* Beachd-smuainteachadh, cnuasachadh.
 MUSK, *s.* Seòrsa boltraich.
 MUSKET, *s.* Musg, gunna saighdeir.
 MUSKETEER, *s.* Fear-musg, saighdear dearg.
 MUSKETTOON, *s.* Geàrr-ghunna, saighdear geàrr-ghunna.
 MUSKITTO, } *s.* Creithleag Innseanach.
 MUSQUITTO, }
 MUSKY, *adj.* Cùbhraidh, boltrachail.
 MUSLIN, *s.* Anart grinn, pèarluiunn.
 MUSROT, *s.* Iall sròine sréin.
 MUSSEL, *s.* Feusgan.
 MUSSITATION, *s.* See Murmur, *s.* 1.
 MUSSULMAN, *s.* Turcach.
 MUSSULMANISH, *adj.* Turcach.
 MUST, *v. imperf.* Feumaidh, feumar, 's éigin, b'éigin, 's fheudar, b'fheudar.
 MUST, *s.* Fion nuadh, fion ùr.
 MUST, *v. a. et n.* Breoth, lobb, liath, fàs liath, fàs breun.
 MUSTACHE, } *s.* Feusag a' bhile uachdair, roibeann,
 MUSTACHIO, } roibeag.
 MUSTARD, *s.* Sgeallan, mustard.
 MUSTER, *v. a. et n.* Cruinnich, co-chruinnich.
 MUSTER, *s.* 1. A review of a body of forces: sealladh airm, feachd-shealladh. 2. a register of forces mustered: feachd airm-chlàr. 3. a collection: cruinneachadh, huidheann.
 MUSTER-BOOK, *s.* Leabhar airm shaighdearan.
 MUSTER-MASTER, *s.* Fear-cruinneachaidh shaighdear.
 MUSTER-ROLL, *s.* Ainm-chlàr shaighdear.

MUSTILY, *adv.* See Musty.
 MUSTINESS, *s.* Liathas.
 MUSTY, *adj.* 1. Mouldy, spoiled with damp: àitidh, dongaidh, grod. 2. stale, spoiled with age: goirt, musgach. 3. dull, heavy, wanting activity: trom, leasg, lunnach.
 MUTABILITY, *s.* Caochlaidheachd, neo-sheasmhachd, luaineachas.
 MUTABLE, *adj.* Caochlaidheach, neo-sheasmhach, luaineach.
 MUTABLENESS, *s.* See Mutability.
 MUTATION, *s.* Caochladh, atharrachadh, mùthadh.
 MUTE, *adj.* Balbh, tosdach, neo-chainnteach, gun chainnt.
 MUTE, *s.* Balbhan.
 MUTE, *s.* Aolach eòin, eun-aolach.
 MUTELY, *adv.* See Mute, *adj.*
 MUTENESS, *s.* Tosdachd, balbhachd.
 MUTILATE, *v. a.* Ciurrmaich, geàrr dheth, dean conablach dheth, mill.
 MUTILATION, *s.* Ciurrmachadh, gearradh dheth, milladh.
 MUTILATOR, *s.* Fear-ciurrmachaidh, fear-millidh.
 MUTINE, *v. n.* See Mutiny, *v.*
 MUTINEER, *s.* Fear-caunnairc.
 MUTING, *s.* Aolach eòin.
 MUTINOUS, *adj.* Ceannairceach, tuasaideach, buaireasach.
 MUTINOUSLY, *adv.* See Mutinous.
 MUTINOUSNESS, *s.* Ceannairceachd, tuasaideachd, buaireasachd.
 MUTINY, *v. n.* Tog ceannairc, dean ceannairc, dean buaireas.
 MUTINY, *s.* Ceannairc, buaireas, éiridh, àr-a-mach.
 MUTTER, *v. a. et n.* Dean dramdan, dean dùrdan, dean gearan, no, talach.
 MUTTER, *s.* Borbhan, dùrdan, cànrán, gearan, talach.
 MUTTON, *s.* 1. Flesh of sheep: muilt-fheoil. 2. a sheep: caora, molt.
 MUTTONFIST, *s.* Garbh dhòrn dearg, cròg mhòr.
 MUTUAL, *adj.* A fèir a cheile, mu seach, aontachail, dìtheasach, a bhuineas do dhùithis araon.
 MUTUALLY, *adj.* See Mutual.
 MUTUATION, *s.* Iasad, comh-iasad.
 MUTUATITIOUS, *adj.* Iasadach, an iasad.
 MUZZLE, *s.* 1. The mouth of any thing: beul, bile, oir. 2. the mouth of a man in contempt: cab, craos, bus. 3. a fastening for the mouth which hinders to bite: bus-iall, glomhar, muiseal.
 MUZZLE, *v. a. et n.* 1. Bind the mouth: cuir bus-iall air, cuir glomhar ann. 2. bring the mouth near: cuir do bhus air. 3. restrain from hurt: ceannsaich, ceangail.
 MY, *pron. poss.* Mo, m'.
 MYNCHEN, *s.* Caillach dhubh.
 MYOGRAPHY, *s.* Fèith-eòlas, fèith-ealain.
 MYOLOGY, *s.* See Miography.
 MYOPE, *s.* Neach geàrr-fhradharcach.
 MYRIAD, *s.* Deich mìle.
 MYRMIDON, *s.* Ceatharnach, buamastar.
 MYROLOGIST, *s.* Reiceadair chungaidd-leighis.
 MYRRH, *s.* Mir.

MYRTLE, *s.* Mìortail.

MYSELF, *s.* Mi féin, mise féin.

MYSTAGOGUE, *s.* Fear-mìeachaidh fùntan dìomhair.

MYSTERIOUS, *adj.* Dòrcha, domhain, dìomhair.

MYSTERIOUSLY, *adv.* See Mysterious.

MYSTERIOUSNESS, *s.* Duirche, doilleireachd, dìomhaireachd.

MYSTERY, *s.* Dìomhaireachd, rùn dìomhair, ceàird.

MYSTIC, } *adj.* Dìomhair, domhain, dòrch, do-

MYSTICAL, } thuigsinn.

MYSTICALLY, *adv.* See Mystic.

MYSTICALNESS, *s.* Dìomhaireachd, doimhneachd, duirche.

MYSTICISM, *s.* Do-thuigsinneachd, dìomhaireachd mheallta.

MYTHIC, } *adj.* Spleadhach, faoin-sgeulach.

MYTHICAL, } *adj.* Spleadhach, faoin-sgeulach.

MYTHOLOGIC, } *adj.* Spleadhach, faoin-sgeulach.

MYTHOLOGICAL, } *adj.* Spleadhach, faoin-sgeulach.

MYTHOLOGICALLY, *adv.* See Mythological.

MYTHOLOGIST, *s.* Faoin-sgeulaiche, faoin-shean-achaidh.

MYTHOLOGIZE, *v. n.* Dean faoin-sgeulachd.

MYTHOLOGY, *s.* Faoin-sgeulachd, eachdraidh nan dia bréige.

NAM

NAB, *v. a.* Grad-ghlac, teum.

NAB, *s.* Cnap, scòrr-mhullaich.

NABOB, *s.* Prionnsa Innseanach, duine mòr as na b-Innsibh.

NACKER, *s.* Slige neamhnaid.

NADIR, *s.* Am ball a 's isle dhe 'n chruinne-ché.

NAEVE, *s.* Ball, ball-dòbhrain.

NAG, *s.* 1. A small horse: each, gearran. 2. a paramour, in contempt: leannan.

NAIAD, *s.* Oigh uisge.

NAIL, *s.* 1. Of the fingers or toes: ionga. 2. of birds, or beasts: ionga, spòg. 3. of metal for fastening: tarrung, tarunn. 4. a stud, a boss: cop, copan, ball. 5. a measure of length: dà òirleach is cairteal.

NAIL, *v. a.* 1. Fasten: tarunnaich, tàirnich, spàrr. 2. stud: cuir copan air.

NAILER, *s.* Fear-dèanaibh, thàirngnean, gobha thàirngnean.

NAILERY, *s.* Ceàrdach thàirngnean.

NAIVETE, *s.* Simplidheachd, fòsgarrachd.

NAKE, } *v. a.* Rùisg, nochd, dean lomnochd.

NAKER, } *v. a.* Rùisg, nochd, dean lomnochd.

NAKED, *adj.* Rùisgte, nochd, nochdaidh, lomnochd, lom, gun arm.

NAKEDLY, *adv.* See Naked.

NAKEDNESS, *s.* Nochdachd, nochdaidheachd, lomnochduidh, luime.

NALL, *s.* Minidh.

NAME, *s.* 1. Of an individual: ainm. 2. of a species: ainm, sloinneadh. 3. person: neach. 4. reputation, character: ainm, deadh-ainm, cliù. 5. renown, fame: cliù, alladh, iomradh, ainmealachd, cliùiteachd. 6. power delegated: ainm. 7. appearance, not reality: ainm.

NAR

NAME, *v. a.* 1. By a particular appellation: ainmich, sloinn. 2. mention: ainmich, goir air ainm. 3. specify, nominate: ainmich. 4. utter: luaidh, ainmich, aithris.

NAMELESS, *adj.* Neo-ainmichte, gun chliù, neo-ainm-eil.

NAMELY, *adv.* Mar so, 's e sin, sin 'r a ràdh, cadhon.

NAMER, *s.* Fear-sloinnidh, fear-ainmeachaidh.

NAMESAKE, *s.* Fear-cinnidh, bean-chinnidh, co-ainm.

NAP, *s.* 1. A short sleep: cadalan, trùpag, pràmh, norrag. 2. villous substance: caitean, calg. 3. a knop, a protuberance, the top of a hill: cnap, meall, cruach.

NAP, *v. n.* Dean cadalan, gabh norrag, gabh trùpag.

NAPTAKING, *s.* Sgiorradh, grad ionnsuidh, fuathas, ruathar, grad-ghlacadh.

NAPE, *s.* Cùl na h-amhaich, cùl a' mhùineil.

NAPERY, *s.* Anart bùird is tubhailtean, anart tighe.

NAPPINESS, *s.* Càiteanachd, calg, ròmaiche.

NAPKIN, *s.* Neapaicinn, nèapaig. For the neck: brat amhaich. For the pocket: sròn-bhrat. For the hands at table: anart-làimh, làmh-anart.

NAPLESS, *adj.* Lom, gun chaitean, gun chalg.

NAPPY, *adj.* 1. Of ale: cobliarach, copach, caiteanach. 2. hairy: caiteanach, ròmach, calgach.

NARCISSUS, *s.* Lus-a'-chrom chinn.

NARCOSIS, *s.* Tuaincal, breisleach, codal, suain.

NARCOTIC, } *adj.* Tuaincalach, breisleachail, cod-

NARCOTICAL, } alach, a chuireas 'n a shuain.

NARRABLE, *adj.* So-innsidh, so-aithris.

NARRATE, *v. a.* Innis, aithris, sgeulaich.

NARRATION, *s.* Aithris, sgeul, iomradh, naidheachd, seanachas.

NARRATIVE, *adj.* 1. Giving an account: aithris-

each, innseach, sgeulach. 2. story-telling : seanachail, sgeulach, eachdrachail.

NARRATIVE, s. Aithris, ionradh, sgeul, eachdrachail.

NARRATIVELY, adv. See Narrative, *adj.*

NARRATOR, s. Fear-aithris, fear-innsidh, fear-eachdrachaidh, seanachaidh.

NARRATORY, adj. See Narrative, *adj.*

NARROW, adj. 1. Not broad : cumhang, aihmleathan, caol. 2. small, of time as well as place : beag. 3. covetous, avaricious : gann, goirteach, sanntach, spiocach, teann, mìodhair, mosach. 4. of sentiments, ungenerous : neo-fhialaidh, mìodhair. 5. at a small distance : dlùth, faisg. 6. vigilant, attentive : aireachail, furachail, dian.

NARROW, v. a. 1. With respect to breadth or wideness : cumhangaich, cuir an cuingeach, cuir a stigh. 2. contract, impair : islich, beagaich, leag. 3. confine, limit : cuingich, cumhangaich.

NARROWLY, adv. See Narrow, *adj.*

NARROWNESS, s. 1. Of breadth, or wideness : cumhangaich, cuingeach, aihmleachachd, neo-fharsuingeachd. 2. of extent, or comprehension : cuingeach, neo-fharsuingeachd. 3. contractedness : neo-fharsuingeachd. 4. meanness, poverty : isleachd, bochduinn. 5. want of capacity : neo-fhialaidheachd, neo-thuigseachd.

NASAL, adj. Srònach, srònail. A nasal voice : guth mùgach.

NASCENT, adj. Meudachail, a' fàs, a' cinneachadh.

NASTILY, adv. See Nasty.

NASTINESS, s. 1. Dirt, filth : salachar, sal, trustaireachd. 2. obscurity : trustaireachd, drabastachd, draosdachd.

NASTY, adj. 1. Dirty : salach, trustaireach, mosach, sgreataidh, truailidh. 2. obscene : drabastach, draosdach, neo-ghlan.

NATAL, adj. Dùthchasach, a bhuineas do dh' àite, no àm breith neach.

NATCH, s. Dronn, dronnag daimh.

NATHLESS, adv. See Nevertheless.

NATION, s. Fine, cinneadh, sluagh, pobull, cinneach, muinntir, dùthaich, rìoghachd, talamh.

NATIONAL, adj. Dùthchasach, rìoghachdail, cinneadail, dùthchail.

NATIONALITY, s. Dùthchasachd, cinneadalachd, dùthchalachd.

NATIONALLY, adv. See National.

NATIVE, adj. 1. Not artificial : nàdurach, gnèitheil, gnèitheach. 2. conferred by birth : dùthchasach, dualach. 3. time or place of birth : dùthchasach. 4. original : gineadail, prìomh. 5. born with, co-operating with : dualach.

NATIVE, s. Original inhabitant : fear-àiteachaidh, neach a' mhuinntir, neach tìre, neach dùthcha. 2. offspring : sliochd, gineal.

NATIVELY, adv. See Native, *adj.*

NATIVENESS, s. Dùthchasachd, dualachas, gnèitheachd.

NATIVITY, s. 1. Issue into life : breith. 2. time, place, or manner of birth : breith, àm-breith, àite-breith.

NATURAL, adj. 1. Produced or effected by nature :

nàdurach, nàdurra. 2. illegitimate : dìolain. 3. bestowed by nature : nàdurra, gnèitheil, gnèitheach. 4. affectionate by nature : daimheil, caomhneil, nàdurra. 5. unaffected : sìmplidh, fìor, fìr-inneach.

NATURAL, s. Amadan, nco-dhuine, amhlair, (a female), òinscach.

NATURALIST, s. Teallsanach, fear èòlach mu oibribh na cruthachd.

NATURALIZE, v. a. Thoir còir luchd-dùthcha, no còir comunn.

NATURALLY, adv. See Natural, *adj.*

NATURALNESS, s. Nàdurachd, gnèitheachd, sìmplidheachd.

NATURE, s. 1. An imaginary being : nàdur. 2. the native state or properties of any thing : nàdur, gnè, càil. 3. constitution : nàdur, aoraidh, càil, càileachd. 4. temper : nàdur, càil, mèinn. 5. regular course of things : nàdur. 6. natural affection, or reverence : daimh, nàdurachd. 7. species : gnè, seòrsa.

NATURED, adj. Nàdurra, mèinneach. Good natured : deadh-mhèinneach, soitheamh, suairc. Bad-natured : droch-mhèinneach, coirpte, crosda, doirbh.

NAVAL, adj. Longach, cabhlachail, a bhuineas do luingeas.

NAVE, s. 1. Of a wheel : cìoch, ceap. 2. of a church : meadhan caglais.

NAVAL, s. 1. The point in the middle of the belly : imleag, iomlag. 2. the middle, the interior part : buillsgean, teis-meadhon.

NAUFRAGE, s. Long-bhriseadh.

NAUGHT, adj. Òc, droch, aingidh, truailidh, dona.

NAUGHT, s. Neo-ii.

NAUGHTILY, adv. See Naughty, *adj.*

NAUGHTINESS, s. Olcas, aingidheachd. Slight wickedness : crosdachd, droch-mhèinn, coirpteachd.

NAUGHTLY, adv. See Naught, *adj.*

NAUGHTY, adj. Òc, aingidh, droch, dona, coirpte, crosda.

NAVIGABLE, adj. So-sheòladh, domhainn.

NAVIGABLENESS, s. So-sheòladheachd, doimhneachd uisge.

NAVIGATE, v. a. et n. Seòl, rach thairis an long, thoir long thairis, bi air muir.

NAVIGATION, s. Long-shèòladh, seòladh, seòladaircachd, sgoil mhara.

NAVIGATOR, s. Seòladair, sgoilear mara, fear-fairge, maraiche.

NAULAGE, s. Airgiod aisig, faradh, airgiod puirt.

NAUSEA, s. 1. Sickness : tinnneas. 2. sea-sickness : cuir-mara.

NAUSEATE, v. a. et n. Loathe : sgreatach, sgreatach foimh. 2. strike with disgust : cuir sgreat air, cuir daoch air, tog sgreat. 3. grow squeamish : gabh sgreat foimh, sgreatach, bi tinn.

NAUSEOUS, adj. Sgreateadh, sgreamhail, daochnail, déisinnach, grànail.

NAUSEOUSLY, adv. See Nauseous.

NAUSEOUSNESS, s. Sgreateachd, sgreamhalachd, daochalachd, déisinnneachd.

NAUTIC, } *adj.* Longach, fairgeach, seòladaireach.
NAUTICAL, }
NAVY, *s.* Cabhlach, feachd mara, luingeas-chogaidh.
NAY, *adv.* Ni h-eadh, cha 'n è, ni h-è. Used as a word of amplification: seadh, seadh fòs.
NAY, *s.* Aicheadh, diùltadh.
NAYWORD, *s.* Sean-fhocal, leth-fhocal, frith-fhocal.
NEAF, *s.* Dòrn.
NEAL, *v. a. et n.* Taisich, dean tais, na cruaidh le blàthas teine, fàs tais 's an teine.
NEAP, *s.* Conn-traigh.
NEAP, *adj.* Iosal.
NEAFED, *adj.* Air làr, air tràigh.
NEAR, *prep.* Fagus air, fagus do, faisg air, dlùth air, dlùth do, am fochar, an cois, an gar, làimh ri.
NEAR, *adv.* 1. Almost. See Almost. 2. not far off: fagus, faisg, am fochar, aig làimh, dlùth. 3. by relation, or alliance: dlùth, an dàimh, an cleamhnas.
NEAR, *adj.* 1. In place, or time: faisg, dlùth, fagus, teann. 2. direct, straight: dìreach, rèidh, goirid. 3. closely related: dàimheil, dlùth do. 4. intimate, familiar: dlùth, dileas, dìomhair. 5. touching, affecting: drùgheach, buintinneach. 6. dear: caomh. 7. parsimonious: gann, spìocach, miodhoir.
NEAR HAND, *adv.* Aig làimh, dlùth air làimh, am fagus.
NEAR, *v. a. et n.* Dlùthaich, teann a bhios, teann am fagus, thigh dlùth.
NEARLY, *adv.* See Near, *adj.* and Almost.
NEARNESS, *s.* Closeness, approach: fagusachd, dlùthachd, faisgeachd. 2. affiance: dàimh, dìleachd. 3. tendency to avarice: gainne, mìodhoireachd, spìocaiche, spìocaireachd, gortachd.
NEAT, *s.* 1. Black cattle: spréidh, crodh, buar, tàin, nith, eudail. 2. a single cow, or ox: bò, mart, no, damh.
NEAT, *adj.* Grinn, cuimrì, glan, snasmhor, sgiobalta.
NEATLY, *adv.* See Neat, *adj.*
NEATNESS, *s.* Grinneas, cuimireachd, sgiobaltachd, gloine, snasmhorachd.
NEATRESS, *s.* Banarach, banachnig.
NEB, *s.* Beul, gob, bus.
NEBULA, *s.* Ceò, neul, nial.
NECESSARIES, *s.* Nithe feumail, feumalachd, cuibhrionn fheumail, goireas.
NECESSARILY, *adv.* See Necessary.
NECESSARINESS, *s.* Feumalachd, neo-sheachantachd.
NECESSARY, *adj.* 1. Indispensably requisite: feumail, a 's fheudar a bhì. 2. impelled by fate: dualach, an dàn, neo-sheachanta.
NECESSARY, *s.* Tigh cac, tigh-aolaich.
NECESSITATE, *v. a.* Eignich, cuir éigin air.
NECESSITATION, *s.* Éigneachadh.
NECESSITOUS, *adj.* Uireasbhuidheach, gann, bochd, aim-beartach.
NECESSITOUSNESS, *s.* Uireasbhuidheachd, gainne, bochduinn, aimbeart.
NECESSITUDE, *s.* 1. See Necessitousness. 2. friendship: dàimh, cairdeas.
NECESSITY, *s.* 1. Cogency, fatality: dàn, do-sheach-

naidheachd. 2. indispensableness: feumalachd. 3. poverty: bochduinn, uireasbhuidh, aimbeart, airc. 4. things necessary: nithe feumail. 5. violence: éigin, ainneart.
NECK, *s.* 1. Of the body: amhach, muineal. 2. a long narrow part: amhach. 3. Of a bottle: sgòrnan, sgeòcan.
NECKATRE, }
NECKERCHIEF, } *s.* Éididh muineil, brat muineil, brat amhaich.
NECKCLOTH, }
NECKED, *adj.* Amhachail, sgòrnanach, muinealach.
NECKLACE, *s.* Usgar amhaich, seud muineil.
NECKWEED, *s.* Còrcach.
NECROLOGY, *s.* Cunntas mharbh, cunntas nam marbh.
NECROMANCER, *s.* Fiosaiche, druidh, aog-dhruidh, còlasair, dubh-chleasaiche.
NECROMANCY, *s.* Fiosachd, druidheachd, aog-dhruidheachd, dubh-chleasachd.
NECROMANTIC, } *adj.* Fòsachdail, druidheach,
NECROMANTICAL, } dubh-chleasachail.
NECTAR, *s.* Deoch mhillis, deoch nan dia bréige.
NECTAREAL, }
NECTAREAN, } *adj.* Milis, ro-bhlasad.
NECTARED, }
NEDDER, *s.* Nathair.
NEED, *s.* Uireasbhuidh, feum, éis, easbhuidh, dìth.
NEED, *v. a. et n.* 1. Be in want of: feum. 2. be wanted: a bi dhìth, bi feumail. You need not: cha fuig thu leas. You need not go: cha fuig thu leas dol. I must needs go: feumaidh mi dol.
NEEDER, *s.* Fear uireasbhuidheach, feumach.
NEEDFUL, *adj.* 1. Distressed: aimbeartach, bochd, truagh, ainnis. 2. indispensably requisite: feumail, a 's éigin.
NEEDFULLY, *adv.* See Needful.
NEEDFULNESS, *s.* Uireasbhuidheachd, bochdas, aimbeart, dìth, éigin.
NEEDILY, *adv.* See Needy.
NEEDINESS, *s.* See Needfulness.
NEEDLE, *s.* 1. For sewing: snàthad. 2. of the mariner's compass: tarrung art, bior na cairt iùil.
NEEDLEFUL, *s.* Làn snàthaid.
NEEDLER, }
NEEDLEMAKER, } *s.* Fear-dèanamh snàthad.
NEEDLEWORK, *s.* Obair snàthaid, fuaigheall, obair-ghrèis.
NEEDLESS, *adj.* Neo-fheumail, gun fheum, dìomhain.
NEEDLESSLY, *adv.* See Needless.
NEEDLESSNESS, *s.* Neo-fheumalachd, dìomhanas.
NEEDMINT, *s.* Feumalachd.
NEEDS, *adv.* I must needs: feumaidh mi, is éigin dhomh. It must needs be: feumaidh e bhì, 's éigin da bhi.
NEEDY, *adj.* Bochd, uireasbhuidheach, ainnis, aimbeartach, am feum.
NEER, *adv.* See Never.
NEF, *s.* See Nave, *s.* 2.
NEFARIOUS, *adj.* Ro-aingidh, mallachite, namhar, fuathasach.
NEFARIOUSLY, *adv.* See Nefarious.
NEGATION, *s.* Diùltadh, àicheadh, obadh.

NEGATIVE, *adj.* Diùltach, àicheannach, obach, dearmadach.

NEGATIVE, *s.* Diùltach, àicheadh, focal-àichidh, mar, "Cha."

NEGATIVE, *v. a.* Diùlt, cuir air cùl, àicheadh.

NEGATIVELY, *adv.* See *Negative*, *adj.*

NEGLECT, *v. a.* 1. By carelessness: dearmadaich, dearmaid, dì-chuimhich. 2. with scornful heedlessness: cuir suarach dean dìneas, dean tàir, cuir an neo-shuim.

NEGLECT, *s.* 1. Inattention: dearmad, dì-chuimhne. 2. scornful inattention: dimeas, tàir, mì-shuim, neo-shuim. 3. frequency of neglect: dearmadachd, dì-chuimhneachd. 4. state of being unregarded: dimeas.

NEGLECTER, *s.* Fear-dearmaid, fear-dì-chuimhne, fear-dimeas.

NEGLECTFUL, *adj.* 1. Careless, inattentive: dearmadach, dì-chuimhneach. 2. treating with indifference: neo-chùramach, dimeasach.

NEGLECTION, *s.* Dearmad, neo-shuim, neo-aire.

NEGLECTIVE, *adj.* See *Neglectful*.

NEGLIGENCE, *s.* 1. By heedlessness: dearmadachd, dì-chuimhneachd, neo-aire. 2. instance of neglect: dearmad, dì-chuimhne.

NEGLIGENT, *adj.* See *Neglectful*.

NEGLIGENTLY, *adv.* See *Neglectful*.

NEGOTIATE, *v. a. et n.* Dean gnothuch, gnìomhaich, thoir gu buil.

NEGOTIATION, *s.* Gnothach, cùmhnant, socrachadh, comh-gnothach.

NEGOTIATOR, *s.* Fear-gnothaich, fear-cùmhnantachaidh, fear-comh-gnothaich.

NEGRO, *s.* Duine dubh.

NEIF, *s.* Dòrn.

NEIGH, *v. n.* Sitir, dean sitir, dean sitrich.

NEIGH, *s.* Sitir.

NEIGHING, *s.* Sitrich.

NEIGHBOUR, *s.* Nàbuidh, coimhearsnach.

NEIGHBOUR, *adj.* Nàbuidheach, coimhearsnachail, dlùth.

NEIGHBOUR, *v. a. et n.* 1. Adjoin to, confine on: bi an crìochaidh ri, bi dlùth air. 2. acquaint with, make near to: dlùthaich ri.

NEIGHBOURHOOD, *s.* 1. Place adjoining: coimhearsnachd, nàbuidheachd. 2. state of being near each other: coimhearsnachd, dlùthachd. 3. those that live within, or near: luchd-coimhearsnachd.

NEIGHBOURLY, *adj.* Coimhearsnachail, coingheallach, suairc, càirdeil.

NEIGHBOURLY, *adv.* See *Neighbourly*, *adj.*

NEIGHBOURSHIP, *s.* Coimhearsnachd, nàbuidheachd.

NEITHER, *conj.* 1. In the first branch of a negative sentence: cha. *Neither* he nor she was there: cha fòbhl esan, no ise an sin. 2. In the second branch of a negative sentence: cha mhò, ni mò. I was not there, *neither* was he: cha fòbhl mise an sin, 's cha mhò bha ean. 3. sometimes at the end of a sentence, it follows a negative: ni 's mò.

NEITHER, *pron.* Ni-l-aon, cha 'n aon dhuibh.

NEMOROUS, *adj.* Coillteach, doirceach.

NENUPHAR, *s.* Bile bhàite.

NEOLOGICAL, *adj.* Ùr-bhriathrach, ùr-fhocalach.

NEOLOGY, *s.* Ùr-bhriathrachas, ùr-chainnteachd.

NEOPHYTE, *s.* Iompachan, neach iompachichte.

NEOPHYTE, *adj.* Iompachichte.

NEOTERIC, *s.* Ùr-neach, neach ùr.

NEOTERIC, *adj.* Ùr, nodha, nuadhl, ùr-aimsir.

NEOTERICAL, *s.* each.

NEPHEW, *s.* Mac-peathar, mac-bràthar.

NEPHRITIC, *adj.* 1. Belonging to the organs

NEPHRITICAL, *s.* of urine: àirnach, fualach. 2. troubled with the stone: fuaidh 'n ghalair-fhuail. 3. good against the stone: leigheasach air a' ghalair-fhuail.

NEREID, *s.* Òigh mhara.

NERVE, *s.* 1. The organs of sensation: fèith, fèith-mhothachaidh. 2. force, strength: lùth, neart, spionnachd.

NERVE, *v. a.* Neartaich, lùthaich, cuir spionnachd ann.

NERVELESS, *adj.* Neo-lùthach, lag-chuiseach, gun lùth.

NERVOUS, *adj.* 1. Full of nerves: fèitheach. 2. well strung, vigorous: neartmhor, lùthmhor. 3. having weak or diseased nerves: lag-fhèitheach, meanbh-fhaireachdail, mion-mhothachail.

NERVOUSLY, *adv.* See *Nervous*.

NERVOUSNESS, *s.* Lùthmhorachd, neartmhorachd, fèitheachas, fèith-laigseachd.

NESCIENCE, *s.* Aincolas, ain-fhios.

NESS, *s.* Sròn, ceann, rudha, maoile, innis.

NEST, *s.* 1. For incubation: nead. 2. any place where animals are produced: nead, còs. 3. an abode: tunaigh, comhuidh, fois, àite-gleidhidh.

NEST, *v. n.* Dean nead, tog nead.

NESTEGG, *s.* Ubh nid.

NESTLE, *v. a. et n.* 1. Settle, harbour, lie close and snug: neadaich, luidh an tigh, crùb sìos, gabh fasgadh, luidh cluth. 2. house, as in a nest: cuir sìos, cuir an nead, cuir an còs. 3. cherish: eiridinn.

NESTLING, *s.* Isean, cun òg, isean nid.

NET, *s.* Lion, cangach.

NET, *v. n.* Fìgh lion, dean clùnaireachd.

NET, *adj.* Glan, fìor, fìor-gìlan.

NET, *v. a.* Glan-bhuamaich, glan-choisinn.

NETHER, *adj.* Iochdarach, ìosal, ìsle, ifrinneach.

NETHERMOST, *adj.* A 's ìsle, a 's iochdarraiche.

NETTING, *s.* Obair lin, lion-obair.

NETTLE, *s.* Eanntag, deanntag, eanntagach.

NETTLE, *v. a.* Brosnuich, feargach, lot, leòin, gon.

NETTLER, *s.* Fear-brosnachaidh, fear-feargachaidh.

NETWORK, *s.* Obair lin, lion-obair.

NEVER, *adv.* 1. In a future or prospective sense: am feasd, gu bràth, a chaidh. 2. when used retrospectively, or of the past: riamh, am feasd. In both cases it must always, to make it negative, be preceded by a negation in the sentence. I will never see him: cha 'n fhaic mi gu bràth e. I never saw him: cha 'n fhaic mi riamh e.

NEVERTHELESS, *adv.* Gidheadh, air son sin.

NEUROTOMY, *s.* Fèith-ghearradh, gearradh fhèithcan.

NEUTER, *adj.* Nach buin do thaobh seach taobh.
NEUTER, *s.* Neach nach buin do thaobh seach taobh, neach coimheis.
NEUTRAL, *adj.* 1. Indifferent : neo-phàirteach, neo-ghnìomhach. 2. neither good nor bad : gun bhi maith no ole.
NEUTRALIST, *s.* Neach neo-phàirteach, neach-neo-bhuinteach.
NEUTRALITY, *s.* Neo-phàirteachd, coimh-dhiseachd.
NEUTRALLY, *adv.* See Neutral.
NEW, *adj.* 1. Not old : ùr, nuadh, nodha. 2. not being before : ùr, nuadh. 3. modern : ùr, ùr-aimsireach. 4. different from the former : ùr, nuadh. 5. not antiquated : ùr, annasach. 6. renovated, repaired : nuadhaichte, ùraichte.
NEWANGLE, *adj.* Dèighèil air annasaibh.
NEWANGLE, *v. a.* Atharraich le annasaibh, tog le annasaibh.
NEWANGLED, *adj.* Togta le annasaibh, beadrach nu annasaibh.
NEWANGLEDNESS, } *s.* Dèigh air annasaibh, beadrach.
NEWANGLENES, } *s.* radh ri annas.
NEWING, *s.* Beirm.
NEWISH, *adj.* Breac-ùr, leth-char ùr.
NEWLY, *adv.* See New.
NEWNESS, *s.* 1. Recentness : ùrachd, ùrad, nuadhachd. 2. novelty : annasachd, nuadhachd. 3. something lately produced : annas. 4. innovation : caochladh, nuadh-chaohlachd. 5. want of practice : aineolas, neo-chleachdamh.
NEWS, *s.* Naidheachd, ùr-sgeul, sgeul.
NEWSMONGER, *s.* Fear naidheachd, fear-sgeòil.
NEWSPAPER, *s.* Litir naidheachd.
NEWT, *s.* Dearc-luachrach.
NEXT, *adj.* A 's faisge, a 's dlùithe, a 's fagusaiche, an ath. The next day : an ath là. The next man : an ath fhear.
NEXT, *adv.* A ris, 's an ath àit.
NIB, *s.* Gob.
NIBBED, *adj.* Gobach.
NIBBLE, *v. a. et n.* Spiol, creim, teum, tiolp.
NIBBLE, *s.* Spioladh, creimeachd, tiolpadh.
NIBBLER, *s.* Spioladair, tiolpadair.
NICE, *adj.* 1. In judgment : poncail, faicilleach, cagnaith. 2. delicate, scrupulous : poncail, eagallach. amhrasach. 3. easily injured, delicate : so-chiùraidh, finealta, lag. 4. formed with minute exactness : grunn, innealta. 5. requiring scrupulous exactness : doilich, deacair. 6. foolish, effeminate : baòth, lag-chuisseach. 7. delicious : blasda. 8. handsome : grunn, àluinn, taitneach.
NICELY, *adv.* See Nice.
NICENESS, *s.* Eagraidheachd, ro-eagraidheachd, ro-phonalachd.
NICETY, *s.* 1. Of thought : poncalachd, eagraidheachd. 2. accurate performance : grinneas, inn-eachd. 3. fastidious delicacy : ro-phonalachd. 4. minute observation : mion-bheachd. 5. cautious treatment : curamachd, faicilleachd. 6. effeminate softness : nùim, mùirnealachd. 7. *pl.* niceties, dainties : mìlsean, nithe blasda.
NICHE, *s.* Niùc, oisinn, cùil.

NICK, *s.* 1. Exact point of time : ceart àm, uair feumais. 2. a notch : eag. 3. a score, a reckoning : eag-chuimhneachain.
NICK, *s. An* Diabhal, an t-eascair, an donas.
NICK, *v. a.* 1. Hit luckily : amais, buail dìreach. 2. cut in nicks : eagaich. 3. suit, as tallies cut : freagair a chéile. 4. defeat, cozen : thoir an car á, meall.
NICKNAME, *s.* Leth-ainm, frith-ainm, fath-ainm.
NICKNAME, *v. a.* Thoir frith ainm, leth-ainm, no fath-ainm air.
NICTATE, *v. a.* Caog, smèid, priob.
NICTATION, *s.* Caogadh, smèidcadh, priobadh.
NIDE, *s.* Nead, linn, àlach, àl.
NIDGET, *s.* Cladhair, gealtair.
NIDING, *s.* See Nidget.
NIDOROUS, *adj.* Mèath, miath, ròiceach.
NIDULATE, *v. a.* Tog nead, neadaich.
NIDULATION, *s.* See Nidification.
NIECE, *s.* Nighean bràthar, no, nighean peathar.
NIGGARD, *s.* Spiocair, fear cruaidh, gionach, loman.
NIGGARD, *adj.* Spiocach, gan, gorntach, sanntach, lom, mosach.
NIGGARD, *v. a.* Bi spìocach, dean spìocaireachd ri.
NIGGARDISH, *adj.* Leth-char spìocach.
NIGGARDLINESS, *s.* Spiocaireachd, luime, crìne, cruas, gaimne.
NIGGARDLY, *adj.* See Niggard, *adj.*
NIGGARDLY, *adv.* See Niggard, *adj.*
NIGGARDNESS, *s.* See Niggardliness.
NIGGLE, *v. n.* Dean cluich ri, dean cleasachd ri, dean baòthaireachd.
NIGH, *prep.* Fagus air, fagus do, goirid o, làimh ri.
NIGH, *adv.* See Near, *adv.*
NIGH, *adj.* See Near, *adj.*
NIGH, *v. a. et n.* See Near, *v.*
NIGHTLY, *adv.* See Near, *adj.*
NIGHT, *s.* Oidhche, dorchadas oidhche. To-night : am nochd. To-morrow night : an ath oidhch. Last night : an raoir. The night before last : a' mhù 'n raoir.
NIGHTBIRD, *s.* Eun oidhche.
NIGHTBRAWLER, *s.* Buairèidair oidhche.
NIGHTCAP, *s.* Currach oidhche.
NIGHTDEW, *s.* Braon oidhche, dealt oidhche.
NIGHTDRESS, *s.* Culaidh oidhche, éididh oidhche.
NIGHTED, *adj.* Dorch, dorchach, dorchach, dubh-dorch.
NIGHTFALL, *s.* Tuiteam oidhche, dubharachd oidhche.
NIGHTFIRE, *s.* Teine fionn.
NIGHTHAG, *s.* Dubh-bhuisteach.
NIGHTINGALE, *s.* Spideag, beul-binn.
NIGHTISH, } *adj.* Oidhcheach, oidhcheil, dorch.
**NIGHTLY, } *adj.*
NIGHTLY, *adv.* 1. By night : rè na h-oidhche. 2. every night : gach oidhche.
NIGHTMAN, *s.* Glanadair thigh-aoilach.
NIGHTMARE, *s.* Trom-luidhe.
NIGHTREST, *s.* Fois oidhche, fois na h-oidhche.
NIGHTSHADE, *s.* Lus-na-h-oidhche.
NIGHTVISION, *s.* Sealladh oidhche.
NIGHTWALK, *s.* Sràid-oidhche, coiseachd-oidhche.**

NIGHTWARD, *adj.* Dubharach, feasgarach, oidhcheach.

NIGHTWATCH, *s.* Faire na h-oidhche, faire.

NIGHTWATCHER, *s.* Fear-faire, fear-faire na h-oidhche.

NIGRESCENT, *adj.* Dubharach, a' fàs dorch, lethdubh.

NILL, *v. a. et n.* Diùlt, ob, bi aindeonach.

NIM, *v. a.* Goid, dean gaduidheachd, dean braide.

NIMBLE, *adj.* Luath, lùthmhor, ealamh, clis, èasgaidh, dcas, sgairteil.

NIMBLENESS, *s.* Luaths, lùthmhorachd, ealamhachd, clise, èasgaidheachd, sgairtealachd.

NIMBLE-WITTED, *adj.* Beadaidh, clis-labhrach, beul-èasgaidh.

NIMBLY, *adv.* See Nimble, *adj.*

NIMMER, *s.* Fear-braide, bradaidh, mèirleach.

NINCOMPOOP, *s.* Amadan, ùmaidh, amhlair, baothaire, baoghlan.

NINE, *adj.* Naoidh, naoidh, naoi.

NINEFOLD, *s.* Naoidh-filte.

NINESCORE, *s.* Naoidh fichead.

NINETEEN, *adj.* Naoi-deug.

NINETEENTH, *adj.* An naothamh-deug.

NINETIETH, *adj.* An ceithir fichead 's a deicheamh.

NINETY, *adj.* Ceithir fichead 's a deich.

NINTH, *adj.* An naothamh, an naothamh.

NINTHLY, *adv.* 'S an naothamh àit.

NINNY, *s.* Amhlair, baoghlan, neo-dhuine.

NINNY-HAMMER, *s.* Baoghlan, baothaire, neo-dhuine.

NIP, *v. a.* 1. With the nails, or teeth : crìom, spìol, bìd, pioc, teum, thoir greim á. 2. by any slight means : sgud, beàrr. 3. blast, destroy : crìon, searg, seachd. 4. frost : gon, crìon, loisg. 5. vex, bite : claidh, sàruich. 6. satirize, ridicule : sgeic, aoir, beum.

NIP, *v. s.* 1. With the nails, or teeth : bìd, bìdcag, gomag. 2. a small cut : gearradh. 3. a blast : osag, séid, onfhadh. 4. a sarcasm, a taunt : beum.

NIPPERS, *s.* Turcais, greimiche.

NIPPINGLY, *adv.* Gu beumnach, gu beur.

NIPPLE, *s.* The teat, the dug : sine, ceann na cìche. 2. an orifice : beul, toll.

NIT, *s.* Sneadh, sneamh, snìonga.

NITENCY, *s.* 1. Lustre, clear, brightness : dèarsadh, lóinireachd. 2. endeavour, spring, to expand itself : leum, ais-leum.

NITING, *s.* Cladhair, bleidcar, gealtair.

NITRE, *s.* Natar.

NITZY, *adj.* Sneadhach, sneamhach.

NIZZ, *s.* Tamhasg, amhlair, òinseach, gurraiccach.

No, *adv.* Nì, cha, cha 'n e, cha 'n ann, cha 'n 'eil, ni h-adh. This adverb of refusal, denial, and negation, is supplied in Gaelic by the above forms, but in conjunction with the verb, affirmatively used, answering in tense and mood to that in which the command or question is put. Have you seen him? No. An faca tu e? Cha 'n fhaca. Is he there? No. An bheil e an sin? Cha 'n 'eil. Wilt thou depart? No. An falbh thu? Cha 'n fhalbh. Wilt thou yield to him? No. An géill

thu dha? Cha ghéill. Didst thou do it? No. An d'finn thu e? Cha d' rinn.

No, *adj.* Air bith, 's am bith, aon; with the negative preceding : There is no person there : cha 'n 'eil aon neach an sin. There was no man with him : cha robh aon duine maille ris. Let there be no strife between me and thee : na biodh comh-strith 's am bith eadar mise agus thusa.

NOBILITATE, *v. a.* Uaislich, àrd-uaislich.

NOBILITY, *s.* 1. Of family joined with splendour : àrd-uaisleachd, sean-uaisleachd. 2. rank of several degrees : àrd-uaisle, fhathailleachd. 3. persons : maithean, maitheannan, mòr-uaislean. 4. dignity, grandeur : fhathailleachd, naisle, mòr-uaisleachd, àrd-urram, mòrachd, moraireachd.

NOBLE, *adj.* 1. Of an ancient and splendid family : urramach, uasal, fhathail. 2. a rank above commonality : uasal. 3. great, illustrious : mòr, àrd, cliùiteach, allail, mòrda. 4. sublime : àrd, òir-dheirc, greadhnach. 5. magnificent : allail òir-dheirc. 6. generous, liberal : fial, fùghantach, fialaidh, saor. 7. principal : àrd, prionh.

NOBLE, *s.* Uasal, fhath, mòr-fhear, morair.

NOBLEMAN, *s.* Uasal, fhath, morair.

NOBLENES, *s.* Uaisle, uaisleachd, fhathailleachd, àrd-uaisleachd.

NOBLESS, *s.* Maithean, maitheannachd, mòr-uaislean.

NOBLY, *adv.* See Noble, *adj.*

NOBODY, *s.* Aon, a h-aon, aon air bith, neach, neach air bith, neach 's am bith; preceded by a negative in the sentence.

NOCENT, *adj.* 1. Guilty, criminal : ciontach, coir-each. 2. hurtful, mischievous : lochdach, cronail, aibheasach, dochannach, ciùrrail.

NOCK, *s.* 1. A slit, a nick, a notch : cag, sgoltadh. 2. the fundament : noig.

NOCK, *v. a.* Cuir 's an eag.

NOCKED, *adj.* Eagach, eagaichte.

NOCTUARY, *s.* Cunntas oidhche, cachdraidh oidhche.

NOCTURN, *s.* Aoradh oidhche.

NOCTURNAL, *adj.* Oidhcheach, oidhcheil, 's an oidhche.

NOD, *v. a. et n.* 1. Bend, incline : aom, clao. 2. shake : crith, crithich. 3. decline the head with a quick motion : lùb, crom, dean cromadh cinn. 4. downwards with quick motion : crom, sleuchd. 5. be drowsy : bi turra-chodalach.

NOD, *s.* 1. Of the head : cromadh, smèideadh. 2. a quick declination : leagadh, claoadh, aomadh. 3. of the head in drowsiness : turra-banaich, norr-adh.

NOINATION, *s.* Snaidhm-cadh, snaidhmeachadh.

NODDEN, *adj.* Aomta, claotha, crom, crom-cheannach.

NODDER, *s.* 1. Fear-aomaidh, fear-cromaidh. 2. a drowsy person : neach turra-chodalach.

NODDLE, *s.* Claignach, ploc, cnuae, spuaich.

NODDY, *s.* Gurraiccach, burraidh, ùmaidh.

NODE, *s.* Snaidhlun, meall, snaidhmeadh.

NODULES, *s.* Cnapan, snaidhmean, meallan.

NOG, *s.* 1. A little pot : nogan, noigean. 2. ale : leann. 3. of a mill : claban.

NOGGEN, *adj.* Cruaidh, garbh, teann.
NOGGIN, *s.* Noigean, gogan, miadaran, sùileag.
NOISE, *s.* 1. Any kind of sound: fuaim, farum, tartar, toirm, tormann. 2. of voices, or of a voice: glaoth, gleadharr, sgreadh, iolach, guth, gaoir, gàir, crònan. 3. outcry, clamour: gaoir, gàir, iolach, glaoth. 4. occasion of talk: gaoir, gàir, fuaim, buaireas.
NOISE, *v. a. et u.* 1. By rumour or report: sgaoil, aithris. 2. sound loud: fuaimnich, seirm.
NOISEFUL, *adj.* Fuaimneach, farumach, gleadharrach, tartarach, bruidhneach.
NOISELESS, *adj.* Gun fhuaim, neo-fharumach, tosdach.
NOISINESS, *s.* Fuaimneachd, farumachd, gleadhachd, bruidhneachd.
NOISEMAKER, *s.* Fear fuaimneach, neach fuaimneach, bruidhneach, no, gleadharrach, glagair, glagan, clabsgain.
NOISOME, *adj.* 1. Noxious, mischievous: cronail, lochdach, ciùrrail, airmheasach. 2. unwholesome: neo-fhallain, cronail. 3. offensive, disgusting: sgreataidh, sgreamhail, dao-chail, déisdinneach.
NOISOMELY, *adv.* See *Noisome*.
NOISOMENESS, *s.* Sgreateachd sgreamhalachd, dao-chailachd. See *Noisome*.
NOISY, *adj.* 1. Sounding loud: fuaimneach, farumach, tartarach. 2. clamorous, turbulent: tuasaid-each, buaireasach, gleadharrach.
NOLL, *s.* See *Noddle*.
NOLLITION, *s.* Aindeonachd, aindeoin.
NOMAD, } *adj.* Fialbhanach, siùbhlach, arrabanach,
NOMADIC, } fialhaich, borb.
NOMANCY, *s.* Ainm-fhiosachd.
NOMBLE, *s.* Greallach féidh.
NOME, *s.* Mòr-foinn, carrann dùthcha.
NOMENCLATOR, *s.* Gairmeadair ainmean, ainm gharmaidair.
NOMENCLATURE, *s.* 1. Act of naming: ainmeachadh, sloinneadh. 2. a vocabulary, a dictionary: focalair, focal-chlàr.
NOMINAL, *adj.* Ainmeach, fuidh ainm, a thaobh ainme.
NOMINALLY, *adv.* Air ainm, gu h-ainmeach.
NOMINATE, *v. a.* Ainmich, gairm air ainm, cuir sìos air ainm.
NOMINATION, *s.* Ainmeachadh, sloinneadh, còir-ainmeachaidh.
NOMINATIVE, *s.* (In grammar,) gairmeannach.
NOMINATOR, *s.* Fear-ainmeachaidh.
NOMINEE, *s.* Neach ainmichte.
NON, *adv.* In composition: neo, mi.
NONAGE, *s.* Og aois, aois leanabais.
NONAGED, *adj.* Òg-aoiseach, fuidh làn aois.
NONCOMPLIANCE, *s.* Diùltadh, obadh, àicheadh.
NONCONFORMITY, *s.* Neo-aontachadh, neo-aonta.
NONSCRIPT, *adj.* Neo-mhìnichichte, neo-shloinneadh, do-shloinneadh.
NOSE, *adj.* Aon, neach, ni, neach air bith, ni air bith, neach 's am bith, ni 's am bith; of things, a' bheag: all requiring the negative to precede them in the sentence.

NONEXISTENCY, *s.* Neo-nìtheachd, neo-bhith.
NONEXISTENCE, *s.* Neo-bhith, neo-bhithachd.
NONJURING, *adj.* A dhùilais mionnachaidh do 'n rìgh.
NONJUROR, *s.* Fear-diùltaidh mhionnan do 'n rìgh.
NONPAREIL, *s.* Barrachd, òirdheirceas.
NONPAREIL, *adj.* Barrachdail, òirdheire.
NONPLUS, *s.* Iom-cheist.
NONPLUS, *v. a.* Cuir an iom-cheist, cuir 'n a thosd.
NONRESIDENCE, *s.* Neo-chòmhnuidh.
NONRESIDENT, *s.* Neo-thàmhachiche, fear o 'n bhaile, no, á 'dhùthaich féin.
NONRESIDENT, *adj.* Neo-chòmhnuidheach, neo-thàmhach.
NONRESISTANCE, *s.* Làn-ghéill, làn-ùmhachd, ùmhachd gun chunnail.
NONRESISTANT, *adj.* Làn-ghéilleach, làn-ùmhach.
NONSENSE, *s.* Faoinneachd, baothaireachd, bòilleach, neo-sheadh.
NONSENSICAL, *adj.* Faoin, baoth, neo-sheadhach.
NONSENSICALLY, *adv.* See *Nonsensical*.
NONSENSICALNESS, *s.* Neo-sheadhachd, faoinneachd, baothachd.
NONSENSITIVE, *adj.* Neach neo-mhothachail.
NONSPARING, *adj.* Neo-thlusal, neo-thrùcaireach, cruaidh-chridheach.
NOON, *v. a.* Cuir stad air cuir lagha.
NOODLE, *s.* Burrachd, baghlan, amadan.
NOOK, *s.* Nùc cùil, oisinn, cèarn.
NOON, *s.* Meadhan là, nòim.
NOON, *adj.* Meadhan-lathach, nòineach.
NOONDAY, *s.* See *Noon*, *s.*
NOONDAY, *adj.* See *Noon*, *adj.*
NOONING, *s.* 1. Noon-rest: fois nòim, codal nòim. 2. repast at noon: biadh nòim.
NOONTIDE, *s.* See *Noon*, *s.*
NOONTIDE, *adj.* See *Noon*, *adj.*
NOOSE, *s.* Lùb ruith, snaidhm ruith.
NOOSE, *v. a.* Rib, cuir an sàs.
NOR, *conj.* No, ni mò, ni 's mò, cha mhò.
NORMAL, *adj.* Riaghailteach, a fèir riaghailt.
NORTH, *s.* An àrde tuath, tuath.
NORTH, *adj.* Tuath, tuathach, á tuath.
NORTHEAST, *s.* An àrde 'n ear thuath, an ear thuath.
NORTHERLY, *adj.* See *North*, *adj.*
NORTHERN, *adj.* Tuathach.
NORTHTAR, *s.* Reul thuathach, reul na h-àrde tuath, reul fùil.
NORTHWARD, }
NORTHWARDS, } *adj.* et *adv.* Mu thuath.
NORTHWEST, *s.* An àrde an iar thuath, an iar thuath.
NORTHWIND, *s.* A' ghaoth á tuath, gaoth tuath.
NORWEGIAN, *s.* et *adj.* Lochlunnach.
NOSE, *s.* 1. On the face: sròn. 2. of any thing: sròn, gob, rinn. 3. scent, sagacity: fàile, sicir-eachd.
NOSE, *v. a. et u.* 1. Scent, smell: srònaisich, gabh fàile. 2. oppose: cuir aghaidh air, thoir aghaidh air. 3. look big, bluster: dean ràiteachas, bi uaibhreach.
NOSÉD, *adj.* Srònach, srònagach.
NOSEGAY, *s.* Badan ùir-bhlàth, blàth-fhleasg.

NONSELESS, *adj.* Gun sròn, neo-shrònach, maol-eud-anach.

NOSOLOGY, *s.* Eòlas, no, cunntas ghalaran, eòlas nan eucail.

NOSOPHOETIC, *adj.* Galarach, tinneasach, marbhtach.

NOSSMART, *s.* Biolar.

NOSTRIL, *s.* Cuinnean, pollair.

NOSTRUM, *s.* Leigheas dìomhair, leigheas cleasachd.

NOT, *adv.* Cha, nì, cha 'n è, nì h-cadh. I will not move: *cha gluais mi*. That is not true: *cha 'n eil sin fìor*. As a word of prohibition, or deprecation: *na*. Stand in awe, and sin not: *biodh eagal oirbh*, agus *na* peacaibhibh.

NOTABLE, *adj.* Urramac, beachdaidh, beachdail, comharraichte, ainmteil.

NOTABLENESS, *s.* Urramachd, beachdalachd, beachd-aidheachd, ainmealachd.

NOTABLY, *adv.* See Notable.

NOTARY, *s.* Fear lagha, nòtair, sgrìobhair.

NOTATION, *s.* 1. Act or practice of recording any thing by marks: sgrìobhadh, comharrachadh, cur sìos. 2. meaning, signification: seadh, ciall.

NOTCH, *s.* Eag, feag, peasg.

NOTCH, *v. a.* Eagaich, feagaich, peasg, gèarr clais.

NOTE, *s.* 1. Mark, token: comharraidh. 2. notice, heed: fios, aire. 3. reputation: inbhe, ainm, cliù, iomradh. 4. reproach, stigma: mì-chliù, tàir, tàmailt. 5. information, intelligence: fios, iomradh, faircachadh. 6. state of being observed: follus, fios, aire. 7. harmonic sound: téis, fonn. 8. single sound in music: ponc. 9. short hint, memorial register: cuimhneachan. 10. a small letter: litir sanais, litir bheag. 11. a written paper: sgrìobhadh. 12. a paper given in confession of a debt: bann, bann-sgrìobhta. 13. explanatory annotation: mìneachadh.

NOTE, *v. a.* 1. Mark: comharraich. 2. observe, heed: thoir faicair, thoir aire, beachdaich, gabh beachd. 3. deliver, set down: cuir sìos, comharraich.

NOTEBOOK, *s.* Leabhar-cuimhneachaidh.

NOTED, *adj.* Comharraichte, ainmteil, sònruichte.

NOTEDLY, *adv.* See Noted.

NOTEDNESS, *s.* Ainmealachd.

NOTELESS, *adj.* Neo-ainmteil, neo-chomharraichte.

NOTER, *s.* 1. He who takes notice: fear-aire, fear-beachdaichd. 2. an annotator: fear-mìneachaidh.

NOTHING, *s.* Neo-nì, dad, sìon. The two latter require before them the negative *cha*. There is nothing here: *cha 'n eil dad* an so. When it signifies; not any thing, no particular thing: a bheag, nì air bith, nì 's am bith. There shall nothing die: *cha 'n fhaigh a bheag bàs*.

NOTHINGNESS, *s.* Neo-nìtheachd.

NOTICE, *s.* 1. Observation, regard: aire, beachd. 2. information, intelligence: fios, rabhadh, sanas.

NOTICE, *v. a.* Beachdaich, thoir aire, thoir faicair.

NOTIFICATION, *s.* Fios, guth, fios-thabhairt, cur an cèill, foillsachadh, innseadh.

NOTIFY, *v. a.* Thoir fios, cuir an cèill, innis, foillsich.

NOTION, *s.* Barail, beachd, smuain, breithneachadh.

NOTIONAL, *adj.* Barailach, smuainteach, beachdach, inntinneach.

NOTIONALLY, *adv.* See Notional.

NOTORIETY, *s.* Ainmealachd, folluiscachd, fiosrachadh.

NOTORIOUS, *adj.* Folluiseach, fiosraichte, soilleir, ainmteil, comharraichte.

NOTORIOUSLY, *adv.* See Notorious.

NOTORIOUSNESS, *s.* See Notoriety.

NOTT, *adj.* Lom, bàirta.

NOTWITHSTANDING, *conj.* 1. Without hindrance or obstruction from: a dh'aindeon. Notwithstanding his prohibition: a dh'aindeon a thoirmeach. 2. nevertheless, however: gidheadh.

NOTUS, *s.* A' ghaoth deas, a' ghaoth á deas.

NOVATION, *s.* Atharrachadh, nùthadh, nuadhachadh.

NOVEL, *adj.* Annasach, ùr, nuadh, nodha.

NOVEL, *s.* 1. Novelty: annas. 2. a tale, generally of love: ùr-sgeul, faoin-sgeul, sgeulachd.

NOVELIST, *s.* 1. Innovator, assertor of novelty: See Novator. 2. a writer of novels: fear ùr-sgeul, ùr-sgeulaiche, faoin-sgeulaiche.

NOVELTY, *s.* Annas, annasachd, nuadhachd, ùrachd.

NOVEMBER, *s.* Ceud mìos a' gheamhraidh.

NOVENARY, *s.* Naodhnar.

NOUGHT, *s.* Neo-nì. Set at nought: cuir an neo-bhrìgh.

NOVICE, *s.* 1. A fresh man: foghlumaiche, neach neo-theòma. 2. in theology: ùr-chreidmheach.

NOVIATE, *s.* Ùr-thoiseach, ùine-foghlum.

NOVITIOUS, *adj.* Ùr-fhoghlumite, annasach.

NOVITY, *s.* See Newness.

NOUN, *s.* Ainm, ainm-fhocal.

NOURISH, *v. a.* Àraich, beathaich, eiridinn, tog, oilcnaich, altruim.

NOURISHABLE, *adj.* So-bheathachaidh, so-eiridnìdh, so-thogail.

NOURISHER, *s.* Fear-àraich, fear-beathachaidh, fear-eiridnìdh.

NOURISHMENT, *s.* Beathachadh, àrach, eiridinn, togail, lòn.

NOURSING, *s.* See Nursling.

NOUSLE, *v. a.* 1. Nurse up: àraich, tog, altruim. 2. entrap: rib, glac, cuir an sàs.

NOW, *adv.* A nìs, nìs, an dràsda, an ceart uair, 's an àm, 's an àm so, 's a' cheart àm, air an uair.

NOWADAYS, *adv.* A nìs, 's na làithibh so.

NOWAY, *adv.* Idir, air dhòigh 's am bith. Re-NOWAYS, } quiring a negative to precede.

NOWHERE, *adv.* An àit 's am bith. With a preceding negative. It is nowhere to be found: *cha 'n fhaighcar e an àit 's am bith*.

NOWISE, *adv.* See Noway.

NOXIOUS, *adj.* 1. Hurtful, baneful: ainmhcasach, cronail, lochdach, dochannach. 2. unwholesome: neo-fhallain. 3. guilty, criminal: ciontach, coir-cach. 4. unfavourable, unkindly: neo-chaoimheil, neo-fhallain.

NOXIOUSLY, *adv.* See Noxious.

NOZLE, *s.* Sròn, bus, soic, smeachan, gnos.

NUBBLE, *v. a.* Bruth, pronn le dòrnaibh, gréidh.

NUBIFEROUS, *adj.* Neulach, a' toirt neul.
NUBILATE, *v. a.* Neulaich, dorchaidh.
NUBILE, *adj.* Ion-phòsda, ion-phòsaidh, aig aois pòs-aidh.
NUBILOUS, *adj.* Neulach, neulmhor, dubharach.
NUCIFEROUS, *adj.* Cnòthach, cnòthar.
NUCLEUS, *s.* Eitean, buillsgean, cridhe.
NUDATION, *s.* Lomadh, rùsgadh.
NUDE, *adj.* Lom, rùisgte, lomnochd.
NUDITY, *s.* See Nakedness.
NUGATORY, *adj.* Faoim, diombain, baoth, suarach, gun fhiù.
NUISANCE, *s.* Cùis-sgreat, déisdinn gairistinn, trast-àireachd, salchar.
NULL, *v. a.* Cuir as, cuir as do, cuir gu neo-ii, dean diomhain.
NULL, *adj.* Neo-nitheach gun fheum, neo-stàthach, falamh, diomhain.
NULLIFY, *v. a.* See Null, *v.*
NULLITY, *s.* 1. Want of force, or efficacy : neo-thairbhe, neo-éifeachd. 2. want of existence : neo-bhlitheachd.
NUMB, *adj.* Fuar-rag, rag le fuachd, meilichte.
NUMB, *v. a.* Meilich, marbh le fuachd.
NUMBEDNESS, *s.* Fuar-raige, marbh-fhuachd, meil-eachadh.
NUMBER, *v. a.* Àir, àireamh, àireamhaich, cunnt, dean suas.
NUMBER, *s.* 1. The species of quantity by which it is computed how many : àireamh, cunntas, uimhir. 2. many, more than one : àireamh, mòran. 3. harmony : fonn, seirm. 4. poetry : rannachd, fonn.
NUMBERER, *s.* Fear-àireamh, uibhreathan, fear-cunntais.
NUMBERLESS, *adj.* Do-àireamh, gun àireamh.
NUMBLES, *s.* Greallach feidh.
NUMBNESS, *s.* See Numbedness.
NUMERABLE, *adj.* So-àireamh.
NUMERAL, *adj.* Àireamhach, àireamhail.
NUMERALLY, *adv.* See Numerical.
NUMERATE, *v. a.* See Enumerate.
NUMERATION, *s.* Àireamhachadh, cunntadh, àireamh.
NUMERATOR, *s.* Uibhreathan, uibhriche, fear-àireamh.
NUMERICAL, *adj.* Àireamhach, àireamhail.
NUMERICALLY, *adv.* See Numerical.
NUMERIST, *s.* Fear-àireamh, uibhriche, fear-cunntaidh.
NUMEROSITY, *s.* Lionmhorachd, iomadachd.
NUMEROUS, *adj.* Lionmhor, iomadaidh, iomadach.
NUMEROUSLY, *adv.* See Numerous.
NUMEROUSNESS, *s.* Lionmhorachd, iomadachd.
NUMMARY, { *adj.* Airgidach, a bhuineas do dh'
NUMMULAR, { airgid.
NUMPS, *s.* Baoghair, baoghan, gurraiceach.

NUMSKULL, *s.* 1. A dullard, a blockhead : tamhasg, burraidh, amadan, bumailear. 2. the head, in burlesque : enuac, ploc, spuaic.
NUN, *s.* Cailleach dhùbh, ban-naomh phàpanach, té aonarach.
NUNCIO, *s.* Teachdaire, fear-àicheadh.
NUNCUPATE, *v. a.* Glaoth gu folluiseach, cuir os àrd.
NUNCUPATIVE, { *adj.* A chuireas an cèill gu folluis-
NUNCUPATORY, { each.
NUNDINAL, { *adj.* Féiltach, margail.
NUNDINARY, {
NUNNERY, *s.* Tigh chailleacha dubha, cill.
NUPTIAL, *adj.* A bhuineas do phòsadh.
NUPTIALS, *s.* Pòsadh, banais.
NURSE, *s.* 1. Of another's child : ban-altrum, bean-altrum. 2. of a sick person : ban-altrum, bean-cirdmìdh. 3. who breeds, educates, or protects : muime, ban-oidhe. 4. in contempt : cailleach. 5. the state of being nursed : altrum.
NURSE, *v. a.* 1. A child, or any other young : altrum, àrach, tog. 2. a child not one's own : altrum, macail. 3. feed, maintain : àrach, beath-
NURSER, *s.* Altrumaiche, fear-altrum.
NURSERY, *s.* 1. The act or office of nursing : altrum, eiridneadh, macaladh, altrumas. 2. of young trees : lios òg chrann, craobh lios. 3. where young children are nursed : seòmar altumais, seòmar cloinne.
NURSING, *s.* Dalta, ban-dalta.
NURTURE, *s.* 1. Food, diet : biadh, lòn, teachd-an-tìr. 2. education, institution : àrach, oilcan, foghlum.
NURTURE, *v. a.* Tog, àrach, tog suas, foghlum, teagais, ionnsuich.
NUSTLE, *v. a.* Eiridinn, tataidh.
NUT, *s.* Cnò, cnùth.
NUT, *v. a.* Tionail cnothan.
NUTHOOK, *s.* Cromag chnò.
NUTSHELL, *s.* Slige chnòtha, plaosg.
NUTRIMENT, *s.* Beathachadh, lòn, àrach, teachd-an-tìr, biadh.
NUTRIMENTAL, *adj.* Beathachail, biadhach, biadh-
NUTRITION, *s.* See Nutriment.
NUTRITIOUS, { *adj.* See Nutritional.
NUTRITIVE, {
NUZZLE, *v. a.* Altrum, eiridinn, macail, tog.
NYMPH, *s.* 1. Of the woods, meadows, or waters : ban-dia choilltean, no, uisgeachan. 2. in poetry : òigh, ainnir, ribhinn, maighdean, callin, maisemna, gruagach.
NYMPHIS, *adj.* Ainnreach, òigheil, ribhinneach, maighdeanail.
NYMPHILIKE, { *adj.* See Nymphish.
NYMPHLY, {

OBE

O, *interj.* O, a. The former used when adhibiting separately, as well as when the sign of the vocative; the latter used only as the sign of the vocative.

OAD, *s.* See Woad.

OAF, *s.* 1. A child left by the fairies : luspardan, sìothchair. 2. a dolt, an idiot : amadan, ùmaidh, ònaid, òinseach.

OAFISH, *adj.* Baogh, amaideach, amadanach, ònaid-each, òinseachail.

OAFISHNESS, *s.* Baoghaltachd, amaideachd, amadanachd, ònaideachd, òinseachalachd.

OAK, *s.* Ràmch.

OAKAPPLE, *s.* Cnò dharaich.

OAKEN, *adj.* Darach, daraich.

OAKLING, *s.* Og-dharach.

OAKUM, *s.* Calcadh.

OAR, *s.* Ràmh.

OAR, *v. a. et n.* Iomair, iomraim, dean iomradh.

OARY, *adj.* Ràmhach.

OAT, *s.* Coirc, corc.

OATCAKE, *s.* Breacag choirce, aran coirce.

OATEN, *adj.* Coirceach, coirce, corcach.

OATH, *s.* Mionn, mionnan. A false oath : mionnan eithich.

OATBREAKING, *s.* Eitheach, mionnan eithich, bris-eadh mhionnan.

OATMALT, *s.* Braich choirce.

OATMEAL, *s.* Min choirce.

OATS, *s.* Coirc, coirce, sìol coirce, gràn coirce.

OBDUCE, *v. a.* Còmhdaich, tarraing thairis.

OBEDUCTION, *s.* Còmhdaich, tarraing thairis.

OBURACY, *s.* Dùire, rag-mhuinealas, cruas-cridhe, neo-aithreachas.

OBURATE, *adj.* 1. Of heart : rag-mhuinealach, cruaidh-chridheach, ro-aingidh. 2. firm, stubborn : cruaidh, danarra, cruadhaichte. 3. harsh, rugged : neo-thlusail, borb.

OBURATELY, *adv.* See Obdurate.

OBURATENESS, *s.* See Obduracy.

OBURATION, *s.* Cruas-cridhe, rag-mhuinealas.

OBURE, *v. a.* Cruadhaich, dean cruaidh-chridheach.

OBUREDNESS, *s.* See Obduracy.

OBEDIENCE, *s.* Ùmhlachd, géill, strìochdadh.

OBEDIENT, *adj.* Ùmhal, strìochdail, òsguidh, so-riaghlaidh.

OBEDIENTIAL, *adj.* Ùmhlachdail, strìochdail.

OBEDIENTLY, *adv.* See Obdient.

OBESANCE, *s.* Fàilte, ùmhlachd, bcie.

OBELISK, *s.* Carragh cloiche, uaigh-charragh.

OBEY, *v. a.* Strìochd, géill, thoir ùmhlachd do, freagair.

OBL

OBEYER, *s.* Fear-strìochdadh, fear-géillidh.

OBJECT, *s.* Nì, cuspair, neach, rud, cùis, rùn, crìoch.

OBJECT, *v. a.* Cuir an aghaidh, diùlt, tilg suas.

OBJECTION, *s.* 1. Act of presenting any thing in opposition : cur an aghaidh, tagradh. 2. criminal charge : coire, dìteadh, tagradh, cùis-dhìtidh. 3. adverse argument : cunnuil. 4. fault found : coire, fàth-ghearrain, talach.

OBJECTIVE, *adj.* Cuspaireach, cùiseach.

OBJECTOR, *s.* Fear tagrach, fear-cunnuil, fear-cuir an aghaidh, fear-diùltaidh.

OBIT, *s.* Tòrradh, adhlacadh, falair.

OBITUARY, *s.* Bè-s-chlar, clàr-innsidh nam marbh.

OBJURGATE, *v. a.* Cronaich, achmhasanaich, troid.

OBJURGATION, *s.* Cronachadh, achmhasan, troid.

OBJURGATORY, *adj.* Achmhasanach, cronachail, troidach.

OBULATION, *s.* Tabhartas, ofrair, iobairt.

OBLECTATE, *v. a.* See Delight, *v.*

OBLIGATE, *v. a.* Ceangail, ceangail le bann, no comain, cuir mar fhiachaibh air.

OBLIGATION, *s.* 1. Of any oath, vow, or duty : ceangal, bann, coir, deasdanas. 2. contract : cùmhnant, cumha. 3. an act which binds any one to some performance : ceangal, bann. 4. favour : comain.

OBLIGATORY, *adj.* Ceangaltach, cùmhnantach, comaineach, mar fhiachaibh air.

OBLIGE, *v. a.* 1. Bind, impose obligation, compel to something : cuir mar fhiachaibh air, thoir air, éignich. 2. indebted : cuir fuidh chomain, cuir mar chomain, cuir comain air. 3. gratify : toilich.

OBLIGEE, *s.* Neach fuidh chomainibh.

OBLIGER, *s.* 1. That which imposes obligation : comain, fear-comain. 2. one who binds : fear cùmhnantachaidh.

OBLIGING, *adj.* Comaineach, coingheallach, càird-each, suaic, còir.

OBLIGINGLY, *adv.* See Obliging.

OBLIGINGNESS, *s.* 1. Obligation, force : éigin, ceangaltachd. 2. civility, complaisance : suaiceas, còireachd, coingheallachd.

OBLIQUE, *adj.* Cam, fiar, crom, siar, claon, cam-charach.

OBLIQUELY, *adv.* See Oblique.

OBLIQUENESS, *s.* 1. From physical rectitude : **OBLIQUITY**, } fiaradh, siaradh, camadh, cromadh. 2. from moral rectitude : claonadh, cluaintearachd, carachd.

OBLITERATE, *v. a.* Dubh as, dubh a mach, cuir as, mill.

OBLITERATION, *s.* Dubhadh as, dubhadh a mach, cur as, milleadh.

OBLIVION, *s.* 1. Forgetfulness, cessation of remembrance: di-chuimhne, dearmad, làn di-chuimhn. 2. amnesty: maithneas, maithneas coitchiunn.

OBLIVIOUS, *adj.* Di-chuimhneach, dearmadach.

OBLONG, *adj.* Cruinn-fhada, leth-fhada.

OBLONGLY, *adv.* See Oblong.

OBLONGNESS, *s.* Cruinn-fhad, leth-fhaide.

OBLQUIOUS, *adj.* Droch-cainnteach, cùl-chainnteach, tàmailteach.

OBLQUY, *s.* Droch-cainnt, cùl-chainnt, masladh, tàir, tuaileas.

OBNOXIOUS, *adj.* 1. Subject: dualach. 2. to punishment: buailteach do. 3. not of sound reputation: coireach, neo-chluiteach. 4. liable, exposed: buailteach do, rùisgte do.

OBNOXIOUSLY, *adv.* See Obnoxious.

OBNOXIOUSNESS, *s.* Buailteachd do, rùisgteachd do.

OBREPTION, *s.* Crùbadh, snaigeadh, sèapadh, èaladh.

OBROGATE, *v. a.* See Abrogate.

OBSCENE, *adj.* 1. Not agreeable to chastity of mind: draosda, drabasda, macnusach, neo-glhan. 2. offensive, disgusting: déisidneach, fuathmhor, sgreataidh. 3. inauspicious: tual, ceàrr.

OBSCENELY, *adv.* See Obscene.

OBSCENESS, *s.* Draosdachd, drabasdachd, mac-nusachd, neo-glhoine.

OBSCURATION, *s.* Dorchadh, duirche, doilleireachadh, doilleireachd.

OBSCURE, *adj.* 1. Unenlightened, gloomy: dorch, doilleir, dubharach. 2. in the dark: uaigneach, uamhach, folaiche. 3. not easily intelligible: dorch, doilleir, deacair, diomhair. 4. not observable: uaigneach, neo-aimneil, neo-fholaiseach.

OBSCURE, *v. a.* 1. Make dark: dorchaidh, doilleirich, neulaich. 2. make less visible: ceil, folaidh. 3. make less intelligible: dorchaidh, dean doirbh, dean deacair. 4. make less glorious, or illustrious: sgàilich, cuir sgàil air. 5. make unknown: ceil, folaidh.

OBSCURELY, *adv.* See Obscure, *adj.*

OBSCURENESS, *s.* 1. Want of light: duirche, doilleirich, neulaich. 2. unnoticed state: uaigneachd, uaigneas. 3. of meaning: deacairachd, doirbheachd.

OBSECRATE, *v. a.* Guidh, grios, asluich, atlichuingich.

OBSECRATION, *s.* Guidheadh, griosadh, asluchadh.

OBSEQUEST, *adj.* Ùmhal, strìochdail, deasdanach.

OBSEQUIES, *s.* Tuireadh, aithladh, bròn-adhlacaidh, tòrradh, marbhrann.

OBSEQUIOUS, *adj.* Ùmhal, èasgaidh, strìochdail, frith-eilteach.

OBSEQUIOUSLY, *adv.* See Obsequious.

OBSEQUIOUSNESS, *s.* Ùmhlachd, strìochdalachd, frith-eilteachd.

OBSEQUY, *s.* See Obsequies.

OBSERVABLE, *adj.* So-fhaicsinneach, comharaichte, soilleir, so-chomharraichte.

OBSERVABLY, *adv.* See Observable.

OBSERVANCE, *s.* 1. Ceremonial reverence: modh, urram, ùmhlachadh. 2. rite: aoradh, gnàth-aoraidh. 3. attentive practice: deas-ghnath, aire. 4. rule of practice: riaghailt. 5. careful obedience: deas-ùmhlachd, làn-ùmhlachd. 6. attention: aire, faicill. 7. reverential attention: spéis, urram, meas.

OBSERVANCY, *s.* Aire, faicill, cùram, spéis.

OBSERVANT, *adj.* 1. Diligent, watchful: aireil, faicilleach, cùramach. 2. respectful of: spéis-thabhairteach, frith-eilteach do. 3. respectfully attentive of: spéis-thabhairteach, cùramach.

OBSERVATION, *s.* 1. Act of observing, or remarking: beachd, beachdachadh, dearcadh, aire, toirt faineir. 2. shew, exhibition: sealladh, amharc. 3. notion gained by observing: fios, fiosrachadh, sealladh. 4. ritual practice: deas-ghnath, deas-ghnàthachadh, frith-eilteach.

OBSERVATORY, *s.* Tigh-seallaidh, tigh-amhaire nan reul.

OBSERVE, *v. a. et n.* 1. Watch, regard attentively: beachdaich, dearc, seall air, amhaire. 2. find by attention, note: thoir faineir, fiosraich. 3. keep religiously: gléidh, coimlid. 4. practise ritually: frith-eil air, coimlid, coimhlion. 5. obey, follow: thoir ùmhlachd, lean. 6. be attentive: bi air t' fhaicill. 7. make a remark: thoir faineir.

OBSERVER, *s.* 1. One who looks vigilantly: fear-amhaire, fear-aire, fear-beachdachaidh. 2. one who keeps any law, or practice: fear-glèidhidh, fear-coimlid.

OBSERVINGLY, *adv.* Gu faicilleach, gu cùramach.

OBSSESSION, *s.* Séisd, séisdeadh.

OBSIGNATE, *v. a.* Seulaich, socruich, suidhich.

OBsolete, *adj.* Sean, scan-aimsireil, neo-chleachdach.

OBsoleteTENESS, *s.* Seanachadh, sean-aimsireachd, neo-chleachdaidheachd.

OBSTACLE, *s.* Grabadh, amaladh, bac, bacadh, cnap-starradh, ball-toirmisg.

OBSTINACY, *s.* Dùire, danarrachd, reasgachd, raige, rag-mhuinealas.

OBSTINATE, *adj.* Dùr, danarra, reasgach, rag, ceann-làidir, rag-mhuinealach, crosda.

OBSTINATELY, *adv.* See Obustinate.

OBSTINATENESS, *s.* See Obustinacy.

OBSTREPEROUS, *adj.* Gleadhach, fuaimneach, buaireasach, labhrach, glagaireach.

OBSTREPEROUSLY, *adv.* See Obstreperous.

OBSTREPEROUSNESS, *s.* Gleadhachd, fuaimneachd, buaireasachd, labhrachd, glagaireachd.

OBSTRUCTION, *s.* Ceangal, ceangaltas, bann, daingneachadh.

OBSTRUCT, *v. a.* 1. Block up, bar: druid, dùin suas, iom-dhruid. 2. oppose, retard, hinder: bac, amail, cuir an aghaidh.

OBSTRUCTER, *s.* Fear-druididh, fear-dùnaidh, fear-bacaidh.

OBSTRUCTION, *s.* 1. Hindrance, difficulty: bac, bacadh, amladh. 2. See Obstacle.

OBSTRUCTIVE, *adj.* Amalach, grabach.

OBSTRUCTIVE, *s.* See Impediment, and Obstacle.

OBSTRUENT, *adj.* See Obstructive.
OBSTUPEFACTION, *s.* Marbhantachd, no thoirtealachd, tuaineul, sgloè.
OBTAIN, *v. a. et n.* 1. Acquire, procure : buannaich, coisinn, faigh. 2. keep, hold : cum, gléidh. 3. continue in use : mair, buanaich. 4. be established : bi seasmhach, bi daingean.
OBTAINABLE, *adj.* So-fhaotainn, so-chosnadh.
OBTAINER, *s.* Fear-cosnadh, fear-buannachadh.
OBTAINMENT, *s.* Cosnadh, faotainn, buannachadh.
OBTEMPERATE, *v. a.* Strìochd, géill, thoir géill-dò.
OBTEND, *v. a.* Cuir an aghaidh, cum a mach, cuir 's an rathad.
OBTENEBRATION, *s.* Duirche doilleireachd, neulachd.
OBTESSION, *s.* Cur an aghaidh.
OBTEST, *v. et n.* Asluich, guidh, grios.
OBTESTATION, *s.* Asluichadh, guidheadh, griosad.
OBTRECTION, *s.* Cùl-chainnt, cùl-chàineadh, tuail-eas, maslachadh.
OBTRUDE, *v. a.* Fòirn, puc, sàth, rach gun chuireadh.
OBTRUDER, *s.* Sgimilear, fear-fòirnidh, fear ladarna.
OBTRUNCATE, *v. a.* Sgud, sgath, gearr dheth.
OBTRUNCATION, *s.* Sgudadh, sgathadh, gearradh dheth.
OBTRUSION, *s.* Fòirneadh, sgimilearachd, bleidir-eachd, ladarnas.
OBTRUSIVE, *adj.* Sgimilearach, bleidireach, ladarna.
OBTUND, *v. a.* Tromach, lagaich, maolaich, dean maol.
OBTUSE, *adj.* 1. Not pointed, not acute : maol, neo-gheur. 2. not quick, dull : clod-cheannach, marbhanta, trom-cheannach.
OBTUSELY, *adv.* See Obtuse.
OBTUSENESS, *s.* Maoile, neo-gheurachd, clod-cheannachd, trom-cheannachd.
OBUSION, *s.* Maoladh.
OBVENTION, *s.* Tuiteamas, seallbh, tachartas.
OBVERSANT, *adj.* See Conversant.
OBVIATE, *v. a.* Coinnich, thig 's an rathad, bac, tachair ri, grab.
OBVIOUS, *adj.* 1. Meeting any thing : 's an rathad, 's an t-slighe. 2. open, exposed : so-fhaicsinneach, soilleir, fosgailte, rùisgte. 3. easily discovered, evident : so-fhaigheil, so-fhaotainn a mach, soilleir, furasda.
OBVIOUSLY, *adv.* See Obvious.
OBVIOUSNESS, *s.* So-fhaicsinneachd, so-léirsinneachd, soilleireachd.
OBUMBRATE, *v. a.* Neulaich, sgàilich, dorchach.
OBUMBRATION, *s.* Neulachadh, sgàileachadh, dorchadh.
OCCASION, *s.* 1. Occurrence, incident : tuiteamas, tachartas. 2. opportunity : cothrom, fàth, àm, cion-fàth. 3. accidental cause : aobhar. 4. reason not cogent : cothrom, fàth, àm. 5. incidental need : feum, uireasbhuidh.
OCCASION, *v. a.* 1. Cause casually : aobharaich. 2. produce : aobharaich, tàrnaich. 3. influence : thoir air, thoir mu 'n cuairt.
OCCASIONAL, *adj.* Tuiteamach, tachartach, air uair-bhà.

OCCASIONALLY, *adv.* Air uairibh, an dràsda 's a rìs, air amàibh.
OCCASIONER, *s.* Fear-aobharaich, fear-tàrmachaidh, màthair-aobhar.
OCCIDENT, *s.* An iar, an àrde an iar.
OCCIDENTAL, *adj.* Iar, siar.
OCCIPUT, *s.* Cùl a' chinn.
OCCISION, *s.* Marbhadh, casgradh.
OCCLUDE, *v. a.* Druid suas, dùin suas.
OCCCLUSION, *s.* Dùnadh suas, druideadh suas.
OCCULT, *adj.* Diomhair, foluichte.
OCCULTATION, *s.* Folach réil, reul-fholach.
OCCULTNESS, *s.* Dionnaireachd, dorchadas.
OCCUPANCY, *s.* Seallbh-ghlacadh, seilbh-ghabhail.
OCCUPANT, *s.* Fear-seallbhachaidh, seallbhadar, fear-seilbhe.
OCCUPATE, *v. a.* Gabh seilbh, tog seilbh.
OCCUPATION, *s.* 1. Act of taking possession : seallbh-ghlacadh. 2. employment : obair, dreuchd, calain, càird, gnothuch.
OCCUPIER, *s.* 1. A possessor : fear-seilbhe, seallbh-adair. 2. one who follows any employment : fear-céirde, fear-calain.
OCCUPY, *v. a. et n.* 1. Possess, take up : gabh seallbh, seallhaich, seilbhich, gleidh. 2. employ : saothraich, gnàthaich, caith. 3. follow as business : gnàthaich, lean. 4. use, expend : caith. 5. follow business : cuir gu buil, oibrich.
OCCUR, *v. n.* 1. To the memory, or attention : tachair, thig 's a' chumhne. 2. here and there : tachair, taisbean an so 's an sud. 3. clash : buail, coinnich. 4. obviate, intercept : bac, thig 's an rathad.
OCCURRENCE, *s.* Tachartas, tuiteamas, cùis-thachartais.
OCCURRENT, *s.* See Occurrence.
OCCURSION, *s.* Co-bhuille, co-blualadh.
OCEAN, *s.* Cuan, tàmh, aigean, aibheis, fairge, muir.
OCEAN, *adj.* Cuantach, fairgeach.
OCEANIC, *adj.* Sàilleach, coltach ri sùil.
OCHRE, *s.* Ruadh chaille, caille-dhathaidh.
OCHREOUS, *adj.* Ruadh-chailteach.
OCHREY, *adj.* Ruadh-chailteach.
OCTAGON, *s.* Ochd-chearnach, ochd-shlismeag.
OCTAGONAL, *adj.* Ochd-chearnach, ochd-shlismeach.
OCTOGONAL, *adj.* Ochd-chearnach, ochd-shlismeach.
OCTANGULAR, *adj.* See Octagonal.
OCTAVO, *adj.* Ochd-dhuilleagach, ochdamh, ochd-mheudach.
OCTENNIAL, *adj.* Ochd-bhlàdnach.
OCTOBER, *s.* Mias deireannach an fhoghair.
OCTOGENARY, *adj.* Ochd-bhlàdnach.
OCTONACULAR, *adj.* Ochd-shuilleach.
OCTOPETALOUS, *adj.* Ochd-bhileach, ochd-dhuilleach.
OCTOSYLLABLE, *adj.* Ochd-shiollach.
OCTUPLE, *adj.* Ochd-fhilleach, ochd-fillte.
OCULAR, *adj.* Fuidh shealladh sùla. Ocular proof : dearbhadh sùla, fios sùla.
OCULIST, *s.* Léigh shùil, sùil-léigh.
ODD, *adj.* 1. Not divisible into equal numbers : còrr, barrachdail. 2. uncouth, not like others :

gàbhaidh, neo-ghaithach. 3. fantastical : neònach, àmhailteach. 4. uncommon, particular : ioghantach, sònruichte. 5. unlucky : neo-àghmhor, neo-shealbhach. 6. unlikely : neo-choltach, mì-chubhaidh.

ODDITY, *s.* Neònachas, neònachd, àmhailteachd, annas.

ODDLY, *adv.* See Odd.

ODDNESS, *s.* 1. State of not being even : còrr, barrachd. 2. strangeness, particularity : gàbhaidheachd, neo-ghnàthachd.

ODDS, *s.* 1. Inequality : còrr, barrachd. 2. more than an even wager : neo-choimeasachd, barrachd. 3. advantage, superiority : barrachd, làmh an uachdar. 4. quarrel : tuasaid, sabaid, carraid.

ODE, *s.* Duanag, luinneag, rann.

ODIBLE, *adj.* Fuathmhor, oillteil, gràineil.

ODIOUS, *adj.* Fuathmhor, gràineil, fuathach, grànda, déisdinneach.

ODIOUSLY, *adv.* See Odious.

ODIOUSNESS, *s.* Fuathmhorrachd, gràinealachd, fuathachd, gràndachd, déisdinneachd.

ODIUM, *s.* Fuath, coire, tùth, gamhlas.

ODORIFEROUS, *adj.* Boltrachail, cùbhraidh, deadhbholtrachail.

ODORIFEROUSNESS, *s.* Cùbhraidheachd, deadhbholtrachas.

ODOROUS, *adj.* See Odoriferous.

ODOUR, *s.* 1. Smell, scent : fàile, boladh. 2. fragrance : cùbhraidheachd, boltrachas.

OECONOMICS, *s.* Fearas-tighe, beanas-tighe, riaghladh-tighe.

OECONOMICAL, *adj.* See Economical.

OECEMENICAL, *adj.* Coitichionn.

OEDEMA, *s.* At, iongrachadh, marbhat.

O'ER, *prep.* et *adv.* See Over.

OESOPHAGUS, *s.* Steic-bhràghad, deteigheach, slugan.

OF, *prep.* 1. Before the substantive following another in construction : de, dhe, a. 2. among superlative adjectives : de, dhe, dheth. 3. from : o. 4. concerning : mu, mu dhéighinn. 5. out of : á, ás, o. 6. among : de, dhe, dheth. 7. among : de, dhe. 8. by : le, leis. 9. according to : a réir, réir. 10. noting ability, power, choice, or spontaneity : o, dhe, de. 11. noting properties, qualities, or condition : dhe, de, do, air. 12. noting extraction : o, de, dhe. 13. noting adherence, or belonging : de, dhe, o. 14. noting the matter of any thing : de, dhe, do. 15. noting the motive : o. 16. noting faculties of power granted : de, dhe, o, á, as. 17. noting preference, or postponence : de, dhe, as. 18. noting change of one state to another : o, á, as. 19. noting proportion : de, am measg. 18. noting kind, or species : de, dhe.

OFF, *adv.* 1. Opposed to *on* : deth, dheth. Off and on : air is dheth. 2. noting distance : air falbh, as. 3. noting any kind of disappointment : air falbh, air cùl. 4. from not toward : air falbh. Well off : gu maith *dheth*. Ill off : gu h-olc *dheth*. Get off : fagh as, tair as.

OFF, *interj.* Air falbh ! as mo shealladh ! á m' fhia-nuis.

OFF, *prep.* 1. Not on : de, dhe. 2. distant from : ó. **OFFAL**, *s.* 1. Waste meat : spruilleach, fuighleach. 2. carrion, coarse flesh : blonach, anablach. 3. refuse : fuighleall, draibh.

OFFENCE, *s.* 1. Crime : ciont, coire, droch-bheart. 2. a transgression : briseadh, dochair. 3. injury : olc, dochann, cron. 5. anger, displeasure conceived : oibheum, tàmailt. 6. act of the assailant : ionnsuidh, ruathar, leum.

OFFENCEFUL, *adj.* Cronail, lochdach, dochannach, oibheumach, tàmailteach.

OFFENCELESS, *adj.* Neo-chronail, neo-lochdach, neo-oibheumach.

OFFEND, *v. a. et n.* 1. Make angry : cuir fearg air, tog fearg, fargaich. 2. assail : leum air, thoir ionnsuidh air, buail. 3. violate : bris, ciontaich. 4. injure : ciùrr, dean cron do. 5. transgress the law : bi ciontach, bi coireach, bris. 6. anger : brosnuich.

OFFENDER, *s.* Fear-brisidh, ciontach, coireach.

OFFENDRESS, *s.* Ban-chiontach, ban-choireach.

OFFENSIVE, *adj.* 1. Causing anger : oibheumach, tàmailteach. 2. causing pain, injurious : ciùrrtach, cronail. 3. assailant : ciùrrtach, ionnsuidheach, tòiseachail. 4. disgusting : mì-thlachdmhor, fuathmhor.

OFFENSIVELY, *adv.* See Offensive.

OFFENSIVENESS, *s.* 1. Injuriousness : cron, lochd, ciùrrtachd, ainmheas, dochair. 2. cause of disgust : fuathachd, gràinealachd, fuathmhorrachd.

OFFER, *v. a. et n.* 1. Present, to be taken, or received : tairg. 2. sacrifice, immolate : iobair. 3. bid : tairg, tairg air son, tairg air. 4. attempt : oidhlirpich, tòisich. 5. propose : tairg do. 6. be at hand : bi làthair, bi 'an làthair, bi am fagus. 7. make an attempt at : thoir oidhlirp air.

OFFER, *s.* Tairgse, oidheirp.

OFFERABLE, *adj.* So-thairgsinn, so thairgseach.

OFFERER, *s.* 1. One who makes an offer : fear-tairgse, fear-tairgsinn. 2. one who sacrifices : fear-iobraidh.

OFFERING, *s.* Tabhartas, iobairt, ofrail.

OFFICE, *s.* 1. A public charge, or employment : dreuchd. 2. peculiar use : seirbhis, feum. 3. business : gnothuch, obair, seirbhis. 4. act of good or ill will, voluntarily tendered : tairgse. 5. act of worship : aoradh, seirbhis. 6. formulary : deas-ghnath aoraidh, riaghailt aoraidh. 7. rooms in a house appropriated to particular business : seòmraichean, seòmhar-gnothuich.

OFFICE, *v. a.* Gníomhaich, gnìomharaich, dèan, coimhlon.

OFFICER, *s.* 1. Employed by the public : fear dreuchd. 2. in the army : ceannard, oifigeach. 3. one who has the power of apprehending criminals : maor.

OFFICIAL, *adj.* Dreuchdach, dreuchdail, dligheach.

OFFICIALLY, *adv.* See Official.

OFFICIATE, *v. a. et n.* Gnìomhaich, gnàthaich, coimhlion, fritheil air dreuchd.
OFFICIAL, *adj.* Bùthach, a bhuineas do bhùth-ceannaiche.
OFFICIOUS, *adj.* 1. Kind: còir, càirdeach, coingheallach. 2. importunately forward: meachranach, bleideil.
OFFICIOUSLY, *adv.* See Officious.
OFFICIOUSNESS, *s.* 1. Forwardness: meachranachd, bleidealachd. 2. service: seirbhis.
OFFING, *s.* 1. To a distance from the land: seòladh, stiùradh o thìr. 2. a distance from the shore: doimhne, fairge, muir farsuing.
OFFSCOURING, *s.* Farusg, sal, salchar, fuighleach.
OFFSET, *s.* Meangan, faillean, fiùran, ùr-fhàs.
OFFSPRING, *s.* 1. Propagation, generation: gin-eamhuinn, siolachadh. 2. the thing propagated, children: siol, sliochd, gineal, àl, clann, iarmad. 3. production: toradh, fàs, cinneachadh.
OFFUSCATE, *v. a.* Neulaich, dorchach, doilleirich.
OFFUSCATION, *s.* Neulachadh, dorchadh, doilleir-eachadh.
OFT, *adv.* Tric, minic, gu tric, gu minic.
OFTEN, *adv.* Tric, minic.
OFTEN, *adj.* Tric, minic.
OFTENNESS, *s.* Tricead.
OFTENTIMES, *adv.* Tric, gu tric, iomadh uair.
OFTIMES, *adv.* Tric, gu tric, iomadh uair.
OGGANTION, *s.* Drannan, drannadanachd.
OGHAM, *s.* Oghum.
OGLE, *v. a.* Smèid, caog, dean miog-shuil ri.
OGLER, *s.* Fear-smèididh, fear-caogaidh, fear miog-shuileach.
OGLING, *s.* Smèideadh, caogadh, miog-shuileachd.
OH, *interj.* O, och, mo thruaighe.
OIL, *s.* Ola, oladh, ùilleadh.
OIL, *v. a.* Ùill, ùillich, cuir oladh air.
OILINESS, *s.* Ùillidheachd, ùilleachd, reamhrachd, mèthachd.
OILY, *adj.* Ùillidh, ùilleach, olach, reamhar, mèath.
OINT, *v. a.* Ung ùillich, smeur, tum, cuir ola air, ùill.
OINTMENT, *s.* Ol'-ungaidh, ola-leighis, acfhuinn-shuathaidh, ùilleadh.
OLD, *adj.* 1. Past the middle part of life: sean. 2. decayed by time: aosmhor, aosda. 3. of long continuance: sean. 4. not new: sean, aosda. 5. not modern: arsaidh, sean-aimsireil. 6. of any specified duration: a dh' aois. Forty years old: dà fhichead bliadhna *a dh' aois*. 7. subsisting before something else: scan. 8. long practised: sean. 9. of old: o shean, allad.
OLDEN, *adj.* Scan, sean-aimsireil, arsaidh.
OLD FASHIONED, *adj.* Scan-ghnàthach, seanaireach.
OLDISH, *adj.* Lath-char sean, breac-shean, leth-char aosda.
OLDNESS, *s.* Scanachd, aosdachd, aosmhorachd, arsaidheachd.
OLEAGENOUS, *adj.* See Oily.
OLEOSE, *adj.* See Oily.
OLEOUS, *adj.* See Oily.
OLDWIFE, *s.* Cailleach.

OLFACTORY, *adj.* Fàileach, a mhothaicheas fàile.
OLID, *adj.* Breun, lobhta, grod.
OLIDOUS, *adj.* Breun, lobhta, grod.
OLIGARCHICAL, *adj.* Iar-fhlaitheach.
OLIGARCHY, *s.* Iar-fhlaitheachd, uachdranachd mhaithcan, flath-riaghladh.
OLIVE, *s.* Crann-ola, meas a' chrainn-ola, dearc-ola.
OMEGA, *s.* Deireadh, crìoch, an litir dheireannach dhe 'n àibidil Ghreugach.
OMELET, *s.* Sgreabhag, bannach uibhean, ubh-bhrecag.
OMEN, *s.* Manadh, taragràdh, comharradh maith, droch comharradh, foinmh-chomharradh.
OMENTUM, *s.* Sgairt, lion a' mhìonaich.
OMINATE, *v. a. et n.* Fàisnich, targraich, foinmh-innis.
OMINOUS, *adj.* Deadh-tharagach, ò, droch-tharagach, mi-àdhmhor, no, àghmhor.
OMINOUSLY, *adv.* See Ominous.
OMISSION, *s.* Dearmad, dì-chuimhn, neo-chùram, neo-àire.
OMIT, *v. a.* Dearmaid, dì-chuimhnich, leig air dearmaid, fàg as.
OMNIFEROUS, *adj.* Uile-thabhairteach, uile-thorach.
OMNIFIC, *adj.* Uile-dhèanach.
OMNIFORM, *adj.* Uile-chruthach, uile-dhealbhach.
OMNIGENOUS, *adj.* Uile-ghnèitheach.
OMNISCIENT, *adj.* Uil-fhiosrach, uil-eòlach.
OMNIPOTENCE, *s.* Uile-chumhachd.
OMNIPOTENCY, *s.* Uile-chumhachd.
OMNIPOTENT, *adj.* Uile-chumhachdach.
OMNIPOTENT, *s.* An t-uile-chumhachdach.
OMNIPOTENTLY, *adv.* See Omnipotent, *adj.*
OMNIPRESENCE, *s.* Uile-làthaireachd.
OMNIPRESENCE, *s.* Uile-làthaireachd.
OMNIPRESENT, *adj.* Uile-làthaireach.
OMNIPRESENTIAL, *adj.* Uile-làthaireach.
OMNISCIENCE, *s.* Uil-fhiosrachd, uile-léirsinn.
OMNISCIENCY, *s.* eadail.
OMNISCIENT, *adj.* Uil-fhiosrach, uile-léirsinneach.
OMOPATE, *s.* Cnàmh an t-slinnein.
OMY, *adj.* Imeach, reamhar.
ON, *prep.* Air; in all its acceptations.
ON, *adv.* Air aghairt, air aghaidh. When opposed to off: air.
ON, *interj.* Air aghairt, air d' aghairt.
ONCE, *adv.* 1. One time: aon uair. 2. a single time: uair, uair-cigin. 3. the same time: an aon uair. 4. all at once: air ball. 5. formerly, at a former time: aon uair, uair-cigin.
ONE, *adj.* Aon, a h-aon.
ONE, *s.* Neach, urra, aon neach, aon ni, fear, tè. One another: gach a chèile, a chèile.
ONEEYED, *adj.* Aon-suilach, cam, leth-shuileach.
ONENESS, *s.* Aonachd, aontachd, ionannachd.
ONERARY, *adj.* Luchdail, lòdail, trom, callachail.
ONERATE, *v. a.* Luchdaich, callaich, sachaich, cudthromaich, uallaich.
ONERATION, *s.* Luchdachadh, sacachadh, cudthromachadh, uallachadh.
ONEROUS, *adj.* Trom, cudthromach, luchdmhor, sàrachail, sgith.
ONION, *s.* Unnean.

ONLY, *adj.* Aon, an t-aon, ach aon.
 ONLY, *adv.* A mhàin, mhàin.
 ONSET, *s.* Ionnsuidh, ruathar, ceud-bhuille.
 ONTOLOGY, *s.* Bith-eòlas, eòlas bhithian.
 ONWARD, *adv.* Air aghairt, air aghaidh.
 ONWARDS, *adv.* Air aghairt, air aghaidh.
 ONWARD, *adj.* 1. Advanced, increased, improved : leasaichte. 2. conducting, leading forward to perfection : treòrachail, fùmhòr.
 ONYX, *s.* Clach onics.
 Ooze, *s.* 1. Soft mud : draibh, druaidh, poll, làthach. 2. soft flow, spring : sioladh, snith, snitheadh. 3. of a tanner's vat : cairt-uisge, sùgh-cartaich.
 Ooze, *v. n.* Snith, sil, drùidh.
 Oozy, *adj.* Dràibeach, làthachail, snitheach, silteach.
 OPACITY, *s.* Duirche, doilleireachd, duibhre.
 OPACOUS, *adj.* Dorch, doilleir, duibhreach.
 OPACOUSNESS, *s.* See Opacity.
 OPAL, *s.* Seud àraidh, clach phrìseil.
 OPAQUE, *adj.* See Opacous.
 OPAQUENESS, *s.* See Opacity.
 OFF, *v. a. et n.* 1. The contrary to shut : fosgail. 2. show, discover : foillsich, seall, taisbein. 3. divide : bris, fosgail. 4. explain : feuch, minich, soilleirich. 5. begin : tòisich. 6. uncloze itself : fosgail.
 OFF, *adj.* 1. Unclosed : fosgailte. 2. plain, evident : soilleir, folluiseach, so-fhaicsinn. 3. artless, sincere : fosgarra, treibhdhireach, dìleas, simplidh, còir. 4. not clouded : soilleir. 5. not hidden : folluiseach. 6. not restrained : fosgailte, réidh, saor. 7. not cloudy : sèimh, soilleir, réidh. 8. uncovered : neo-chòmhdhaichte, lom, rùisgte. 9. without defence : lom, rùisgte, fosgailte. 10. attentive : furachail, faicilleach.
 OPENER, *s.* Fear-fosgaidh, fear-mìneachaidh.
 OPENEYED, *adj.* Geur-shuileach, léirsinneach, furachail.
 OPENHANDED, *adj.* Tabhairteach, toirbheartach, fial, fialaidh.
 OPENHEARTED, *adj.* Fial-chridheach, fùghantach, fialaidh, treibhdhireach, còir.
 OPENHEARTEDNESS, *s.* Fial-chridheachd, fùghantachd, fialaidheachd, treibhdhireachd, còireachd.
 OPENING, *s.* Fosgladh, foillsachadh, sealladh, beallach, beàrn.
 OPENLY, *adv.* See Open, *adj.*
 OPENMOUTHED, *adj.* Craosach, beul-fhosgailte, beul-fharsuing, gionach, geòeach, gleadhach.
 OPENNESS, *s.* Fosgailteachd, soilleireachd, soillsachd, folluiseachd, so-fhaicsinneachd, treibhdhireachd. See Open, *adj.*
 OPERA, *s.* Ceòl-chluich, cluich-ciùil.
 OPERATE, *v. n.* Gnìomhaich, oibrich, dèan, cuir an gnìomh.
PART, *v. a. et n.* 1. Divide : roinn. 2. separate : dealaich, sgair. 3. break : bris. 4. keep asunder : dealaich, sgair. 5. separate combatants : dean eadraiginn, dealaich. 6. discern : eadar-dhealach. 7. be separated : dealaich, dealaich o. 8. quit each other : fàg, tréig, cùlaich, falbh o. 9. take farewell : gabh cead de. 10. set out : triall, imich, tog ort. 11. part *with*, quit, resign : thoir thairis, thoir seachad, caill.

PARTABLE, *adj.* So-foinnte, so-sgaraidh, so-dhealachaidh.

PARTAGE, *s.* Roinn, cuibhrionn, cuid, dioladh codach.

PARTAKE, *v. a. et n.* 1. Share: compàirtich, roinn-phàirtich. 2. admit to part: compàirtich ri, roinn ri.

PARTAKER, *s.* Fear compàirt, compàirtiche, còmhlan, companach.

PARTAKING, *s.* Compàirt, roinn, cuid.

PARTER, *s.* Fear-roinn, fear-dealachaidh, fear-sgaraidh.

PARTIAL, *adj.* 1. Inclined antecedently to favour one: leth-bhreitheach, claon-bhreitheach. 2. without reason, with *to*: bàigheil ri. 3. affecting only one part: neo-iomlan, neo-choitcheann, an cuid.

PARTIALITY, *s.* Claon-bhreitheachd, leth-bhreitheachd.

PARTIALIZE, *v. a.* Dean claon-bhreitheach, dean leth-bhreitheach.

PARTIALLY, *adv.* See Partial.

PARTICIPABLE, *adj.* So-phàirteachaidh.

PARTICIPANT, *adj.* Còmh-foinnteach, a' gabhail roinne.

PARTICIPANT, *s.* See Partaker.

PARTICIPATE, *v. a. et n.* See Partake.

PARTICIPATION, *s.* Còmh-foinn, compàirt, roinn, cuid.

PARTICLE, *s.* Dad, cùil-eigin, earrann bheag, smùircan, mion-fhocal.

PARTICULAR, *adj.* 1. Relating to single persons, not general: àraidh, air leth, sònruichte. 2. attentive to things single and distinct: meachranach, mion-fhaicilleach, poncail. 3. odd: còrr.

PARTICULAR, *s.* Ni, ni àraidh, ni air leth, neach àraid, neach sònruichte. In particular: gu h-àraidh, gu sònruichte.

PARTICULARITY, *s.* 1. Singleness: aonachd, àraidheachd. 2. minute account, private incident: mion-chumtas, mion-aithris. 3. something peculiar: neònachas.

PARTICULARIZE, *v. a.* Ainmich air leth, sònruich.

PARTICULARLY, *adv.* See Particular, *adj.*

PARTING, *s.* Dealachadh, sgaradh, roinn, falbh, siubhal.

PARTISAN, *s.* 1. A kind of pike: sleagh, pic mheallach. 2. an adherent to a faction: fear-taobh, taobhaiche. 3. a commander: ceannard buidhne, fear-buidhne.

PARTITION, *s.* 1. The act of dividing, state of being divided: roinn, dealachadh, sgaradh. 2. part divided: roinn, cuid. 3. by which different parts are separated: roinn, eadar-dhealachadh, sgaradh. 4. in a house: callaid, tallaid, caibhe.

PARTITION, *v.* Roinn, dealaich, eadar-dhealach.

PARTLET, *s.* Cearc, cearcag, eireag.

PARTLY, *adv.* An cuid, ann an cuid, an tomhas, ann an tomhas.

PARTNER, *s.* Companach, còmhlan, fear-pàirt, co-shealbhadair, fear-còmh-roinne.

PARTNER, *v. a.* Companaich, càraidich, dean comunn ri.

PARTNERSHIP, *s.* Companas, co-cluideachd, co-sheilbh, còmh-roinn.

PARTOOK, *pret.* *v.* Partake, which see.

PARTURIDGE, *s.* Cearc-thumain.

PARTURITION, *s.* Breith, aisead.

PARTY, *s.* 1. A number of persons confederated: dream, cuideachd, buidheann. 2. one of two litigants: agarrach, agairteach. 3. one concerned in any affair: compàirtiche, fear-còmh-roinn. 4. side, persons engaged against each other, cause, or side: taobh. 5. a select assembly: cuideachd, buidheann, coisir, bannail. 6. particular person: neach air leth, an neach, am fear, an tè. 7. a detachment of soldiers: buidheann, freiceadan.

PARTY-COLOURED, *adj.* Iom-dhathach.

PARTYMAN, *s.* Fear-dreama, fear aìmhreiteach.

PARTYWALL, *s.* Callaid, tallaid, balla meadhonach, balla tarsuing.

PAS, *s.* Cois toisich, ceum toisich.

PASCH-EGG, *s.* Ubh-càise.

PASCHAL, *adj.* Càiseach, càiseil.

PASH, *v. a.* Buail, pùc, slachd.

PASH, *s.* 1. A blow: buille, cnap. 2. a face: bathais. 3. a kiss: pòg. A mad *pash* i. e. a mad-brained boy: pàise.

PASS, *v. a. et n.* 1. Go beyond: rach thairis air, gabh seachad air, rach thar. 2. go through: rach troimh. 3. spend: rach seachad air, fàg. 4. impart the power of motion: gluais, cuir air ghluasad. 5. carry hastily: bair, buail thairis. 6. transfer: thoir seachad, thoir thairis. 7. strain, percolate: siolaidh, tarruing. 8. vent, pronounce: aithris, abair, labhair. 9. utter ceremoniously: luaidh, dean luaidh air. 10. utter solemnly: thoir a mach. 11. end: crìochnaich. 13. surpass: faigh, buadhaich air. 14. omit: dearmaid, dì-chuimhnich. 15. transgress: bris, bris air. 16. admit, allow: leig le, luasaich do. 17. enact a law: daingnich dean, reachdadh, òrduich. 18. practise artfully: cuir cuilbheart air. 19. send from: cuir thairis, aisig, iomain. 20. pass away, spend, waste: caith, caith air falbh. 21. pass *by*, excuse, forgive: leig seachad, maith. 22. pass *by*, neglect: dearmaid, dì-chuimhnich. 23. pass *over*, omit: leig seachad, leig le. 24. go, be progressive: imich, triall, falbh, gluais. 25. go forcibly, make way: dean rathad troimh, bris troimh. 26. make a change: gluais o. 27. vanish, be lost: rach as, falbh. 28. be spent: rach as, caith as. 29. be at an end, be over: crìochnaich. 30. die: caochail, rach eug. 31. be changed by regular gradation: caochail. 32. be in any state: rach, imich. 33. be enacted: bi air do dhaigneacadh. 34. gain reception: gabh, faigh àite. 35. be regarded as good, or ill: bi air do mheas. 36. occur: tachair. 37. be done: bi dèanta. 38. determine finally: thoir binn a mach, thoir binn an aghaidh. 39. pass *away*, be lost, glide off: caith as, siolaidh as.

PASS, *s.* 1. A narrow entrance: glaic, bealach, slighe. 2. passage, road: slighe, rathad. 3. a permission to go, or come: comas, cead, cead-siubhail. 4. push, thrust in fencing: siorrach, sàthadh. 5. state, condition: cor, inbhe.

PASSABLE, *adj.* 1. Possible to be passed through, or over: so-imachd. 2. supportable, tolerable:

so-ghlùlain, so-iomchar, so-fhulangta. 3. allowable : cadaichte. 4. capable of admission, or reception : so-ghabhail, so-cheadachaidh.

PASSABLY, adv. See Passable.

PASSAGE, s. 1. Act of passing, course : trial, imeachd, turas, aisig. 2. road, way : slighe, rathad. 3. entrance, or exit : teachd a stigh, dol a mach, cead. 4. occurrence : tachartas, tuiteamas. 5. incident : cùis, gnòthuc. 6. management : iomchair, giùlan, coimhead, stiùradh. 7. part of a book : earrann, ceann.

PASSED, pret. and part. of Pass, v. which see.

PASSENGER, s. Fear turais, fear-cnairt.

PASSER, s. Fear-tornis, fear-rathaid, fear slighe.

PASSIBLE, adj. Ion-fhulang, comh-fhulangachd.

PASSIBLENESS, s. Comh-fhulangachd.

PASSING, part. adj. Òirdheirc, anabarrach. Used adverbially : ro.

PASSING-BELL, s. Clag bàis, clag-adhlacaidh.

PASSION, s. 1. Caused by external agency : gluasad, buaidh, toradh, fulangas. 2. violent commotion of the mind : boile, boil-inntinn. 3. anger : fearg, corruich, buaireas. 4. zeal, ardour : déigh, miann, dian-iartas, dàrhadh. 5. love : gaol, gràdh. 6. eagerness : déigh, déine. 7. of our Saviour : fulangas.

PASSION-WEEK, s. Seachdan na ceusda.

PASSIONATE, adj. Cas, crosda, feargach, air boile, lasanta, aithghearr, gearr, reasgach.

PASSIONATELY, adv. See Passionate.

PASSIONATENESS, s. Caise, crosdachd, fearg, feargachd, lasantachd, reasgachd.

PASSIVE, adj. Fulangach, umhail, soirbh, foighidneach ciùin.

PASSIVELY, adv. See Passive.

PASSIVENESS, s. Fulangachd, ùmhachd, soirbheachd, foighidneachd, cùineachd.

PASSLESS, adj. Do-imeachd.

PASSOVER, s. 1. A feast of the Jews : dol-thairis, càisg. 2. the sacrifice killed : càisg, an t-uan càisg.

PASSPORT, s. Cead-siubhail, cead sgrìobhta.

PAST, part. adj. Seachad, a dh' fhalbh, thairis, air dol thairis, a thréig.

PAST, prep. 1. In time : seach, thar. 2. no longer capable of : seach comais, os ceann. 3. out of reach of : seach, os ceann, thar, thairis air. 4. above, more than : thar.

PAST, s. An ùine a chaidh seachad, an t-àm a dh' fhalbh.

PASTE, s. Glaoth, taois-ghlaoth.

PASTE, v. a. Glaoth, glaothaich, tàth le glaoth.

PASTEBOARD, s. Pàipear glaothta.

PASTER, s. Rùdan, rùdan eich.

PASTIME, s. Cluiche, fearas-chuideachd, àbhachd, cleasachd, sùgradh, mire, feala-dhà, beadradh.

PASTIME, v. n. Cluich, bi ri feala-dhà.

PASTOR, s. 1. A shepherd : aodhair, buachail. 2. a clergyman : ministèir, pears-eaglais, sagart.

PASTORAL, adj. 1. Rural, rustic : aodhair, buachailleach, dùthchail. 2. relating to the cure of souls : ministèireach, aodhair.

PASTORAL, s. Òran buachailleachd, duan spréidhe, duan-dùthcha.

PASTORLIKE, } adj. Aodhair, aodharach.

PASTORLY, } adj. Aodhair, aodharach.

PASTORSHIP, s. Aodharachd, buachailleachd.

PASTRY, s. Biadh fuinte, pìtheannan.

PASTURABLE, adj. So-ionaltraidh.

PASTURAGE, s. 1. Business of feeding cattle : àrach, feurach, spréidh-thogail. 2. lands grazed : ionaltradh, innilt, feur.

PASTURE, s. Ionaltradh, innilt, feurachas.

PASTURE, v. a. et n. Ionaltair, feuraich, cuir air feur, biadh.

PASTY, s. Pìthean.

PAT, adj. Iomchuidh, freagarrach, àmail, deiseil, ro-fhreagarrach.

PAT, adv. See Pat, *adj.*

PAT, s. 1. A light quick blow : cailleag, boiseag, spadag. 2. a small lump of matter : meallan, cruinnean.

PAT, v. a. Criataich, slìoh, buail cutrom.

PATCH, s. 1. A piece sewed on : breaban, bréid, tuathag, goirtean. 3. a paltry fellow : sgonn, trusdair.

PATCH, v. a. 1. With a piece sewed on : clùd, càirich, tuathagaich. 2. mend clumsily : cnòdaich.

PATCHER, s. Clùdair, cnòdair, fear-clùdaidh.

PATCHERY, s. Cnòdachd, clùdaireachd, breabanachd, tuathagachd.

PATCHWORK, s. See Patchery.

PATE, s. Claignann, ceann.

PATED, adj. Claignannach. Long-pated : carach, clìceach, mealltach.

PATENT, adj. Fosgailte, folluiseach, soilleir, nochda, réidh.

PATENT, s. Sgrìobhadh còrach o 'n rìgh.

PATENTEE, s. Fear-còrach.

PATER-NOSTER, s. A' phaidir, ùrnuigh an Tighearn.

PATERNAL, adj. 1. Fatherly : athair, athair. 2. hereditary : dlìgeach, dualach.

PATH, s. Ceum, slighe, rathad, lorg, cois-cheum, aisridh.

PATH, v. a. Coisich, cèinnich.

PATHETIC, } adj. Druigheach, gluasadach, tiamh-

PATHETICAL, } adj. aidh, cianail.

PATHETICALLY, adv. See Pathetic.

PATHETICALNESS, s. Druigheachd, gluasadachd, tiamhaidheachd, cianalachd.

PATHLESS, adj. Do-imeachd, gun rathad, gun slighe.

PATHOLOGY, s. Èòlas ghalar, foghlum air eucailibh.

PATHOS, s. Déine, déine bhriathar, dian-labhairt, druigheachd.

PATHWAY, s. Casan, frith-rathad, rathad coise.

PATIBULARY, adj. Croicheil, croicheach.

PATIENCE, s. Foighidin, fulangas, fad-fhulangas, foighid, furas.

PATIENT, adj. Foighidneach, fulangach, fad-fhulangach, foighidneach, foisneach.

PATIENT, s. Euslan, an t-euslan, neach tinn.

PATIENTLY, adv. See Patient, *adj.*

PATLY, adv. See Pat, *adj.*

PATNESS, *s.* Iomchuidheachd, àmalachd, freagarrachd, ro-fheagarrachd.

PATRIARCH, *s.* Prìomh-athair, uachdaran, uachdaran spioradail.

PATRIARCHAL, *adj.* Prìomh-athaireil.

PATRICIAN, *adj.* Uasal, àrd, àrd-inbheach, fhathail.

PATRICIAN, *s.* Uasal, fhath, àrd-fhlath.

PATRIMONIAL, *adj.* 1. By inheritance: dligheach, sinnsireach. 2. claimed by right of birth, hereditary: dùthchasach, dualach.

PATRIMONIALLY, *adv.* See Patrimonial.

PATRIMONY, *s.* Oighreachd, dùthchas, cuid-sinnsireachd.

PATRIOT, *s.* Duine dùthchasach, tìr-ghràdhaiche.

PATRIOTISM, *s.* Gràdh dàthcha, tìr-ghràdh.

PATROCINATE, *v. a.* Dion, seas, dean taic ri, cum suas.

PATROCINATION, *s.* Dion, cumail suas, dìdeann.

PATROL, *s.* Freiceadan, faire, luchd-faire, cuairt-fhaire.

PATROL, *v. n.* Thoir cuairt-fhaire.

PATRON, *s.* Fear-dìona, fear-taic, fear-cul-taic, fear-comaraidh, fear-cuideachaidh, fear-buileachaidh.

PATRONAGE, *s.* Dion, taic, cùl-taic, comaradh, cuid-eachadh, buileachadh.

PATRONAL, *adj.* Taiceil, cuideachail.

PATRONESS, *s.* Ban-dìonaid, bean-chuideachaidh, ban-tèarmunnaiche, bean-bhuileachaidh.

PATRONLESS, *adj.* Gun dìon, gun cùl-taic.

PATRONISE, *v. a.* Dion, cum suas, seas, dean cùl-taic ri.

PATRONMICK, *s.* Ainm sinnsireachd, sloinneadh, ainm cinnidh.

PATTER, *s.* Bròg fhiodha, bròg dhìona.

PATTER, *v. a.* et *n.* 1. Recite, or repeat hastily: aithris luath. 2. make a noise like the quick steps of many feet: dean tartar, dean fàrum chos, dean stairirich.

PATTERN, *s.* Samhladh, cumadh, dealbh, samplair, ball sampuill.

PAUCITY, *s.* Ainneamhachd, tearcachd, gainne, lughad.

PAVE, *v. a.* Urlaraidh, leag urlar, cabhsairich, leag le cloich fèidh, dean còmhraidh, dean rèidh.

PAVEMENT, *s.* Urlar cloiche, cloch-ràthad, cabhsair.

PAVER, } *s.* Fear-leagaidh urlar, cabhsaraiche.

PAVIER, }

PAVILION, *s.* Paillium, bùth.

PAVILION, *v. a.* Dion fuidh phàillium, cuir fasgadh air, dìon.

PAUNCH, *s.* Brù, mionach, maodal.

PAUNCH, *v. a.* Leig am mionach as, sgoilt.

PAUPER, *s.* Bochd, neach bochd, diol-dèirce, truagh-an.

PAUPERISM, *s.* Bochduinn, bochdas, truaghanachd.

PAUSE, *s.* Stad, grabadh, anail, tosd, teagamh.

PAUSE, *v. n.* 1. Wait, stop, proceed not, forbear for a time: stad, clos. 2. deliberate: fuirich, sinuainich, thoir fàinear. 3. lie intermitted: tàmh, bi aig fois.

PAUSER, *s.* Fear stad, fear-dàla, fear-fuirich, fear fadail.

PAW, *s.* Spòg, spàg, màg. The foot in contempt: spàg, cràg.

PAW, *v. n.* Bùraich, cladaich.

PAW, *v. a.* 1. Strike with a drawn stroke of the fore foot: buail, buail sìos. 2. handle roughly: garbh-lùimhsich, sgròb. 3. fawn, flatter: dean miodal, dean sodal.

PAWED, *adj.* Spàgach, spogach, màgach.

PAWN, *s.* Geall.

PAWN, *v. a.* Thoir an geall.

PAWNBROKER, *s.* Fear iasaid air son gill, geall-cheannaiche.

PAY, *v. a.* 1. A debt: dìol, pàidh, ìoc. 2. atone: dìol, dean rèite. 3. beat: grèidh, gabh air. 4. reward: duaisich, ath-dhiol. 5. give the equivalent: dìol a luach. 6. (in naval language): smcur, còmhadaich le.

PAY, *s.* Tuarasdal, duais, luach-saothrach.

PAYABLE, *adj.* Rì pàidheadh, rì dhìoladh, dligheach.

PAY-DAY, *s.* Là dìolaidh, là-pàidhidh.

PAYER, *s.* Pàidhear, fear-dìolaidh, fear-ìocaidh.

PAYMASTER, *s.* Fear dìolaidh tuarasdail.

PAYMENT, *s.* 1. Act of paying: òcadh, dìoladh, pàidheadh. 2. the thing given: luach, dìoladh. 3. a reward: duais, tuarasdal. 4. chastisement: grèidheadh, gabhail air, peanas.

PEA, *s.* Peasair, gràine peasarach, sìlean peasarach.

PEACE, *s.* 1. From war: sìth. 2. quiet: fois. 3. rest: tàmh, sìothaimh, sìothchaint. 4. reconciliation: rèite, rèiteachd. 5. content: sìothaimh, fois, toil-inntinn. 6. silence: tosd, clos.

PEACE, *interj.* Tosd, clos.

PEACE-OFFERING, *s.* Tabhartas sìthe.

PEACEABLE, *adj.* 1. Free from war, or tumult: sìothchail, foisil, sìothchainteach. 2. quiet, undisturbed: ciùin, foistinnach. 3. not violent, not bloody: ciùin, sàmhach, caoin. 4. not turbulent: sìothchail, ciùin, neo-thuasaidheach, soirbh, sìotheamh.

PEACEABLY, *adv.* See Peaceable.

PEACEFUL, *adj.* See Peaceable.

PEACEFULLY, *adv.* See Peaceable.

PEACEFULNESS, *s.* Sìothchaint, sàmhchair, foistinn-eachd, sìothalachd.

PEACELESS, *adj.* Gun sìth, gun fhois, neo-foistinn-each, neo-sàmhach.

PEACEMAKER, *s.* Fear-sitheachaidh, fear-dèanamh na sìthe.

PEACH, *v. a.* et *n.* See Impeach.

PEACHICK, *s.* Iscan na h-eucaig.

PEACOCK, *s.* Peulb-chioileach, coileach feucaig.

PEAHEN, *s.* Peulb-cheare, cearc-feucaig, eucag.

PEAK, *s.* Stùc, scòr, binnean, mullach, bàrr, biorraid, dosan.

PEAK, *v. n.* Bi glaisneulach, slìog, snàig as.

PEAL, *s.* Stàirn, fàrum, gair, toirm, gleadh, torunn, fuaim.

PEAL, *v. a.* et *n.* Dcan fàrum, dean stàirn, beum, fuaimnich.

PEAR, *s.* Peur.

PEARL, *s.* Neamhnuid, neamhnàd. (On the eye): leus, guirean.

PEARLED, *adj.* Neamhnuideach, neamhnadach.
 PEARL-EYED, *adj.* Sgleò-shuileach, leus-shuileach.
 PEARLY, *adj.* See Pearled.
 PEASANT, *s.* Cosnach, ceatharnach, tuathanach, bodach.
 PEASANT, *adj.* Cosnachail, ceatharnail, bodachail.
 PEASANTRY, *s.* Luchd-cosnaidh, ceatharn, tuath-cheatharn.
 PEASE, *s.* Peasair.
 PEAT, *s.* Mòine. A peat : fàd mòine.
 PEBBLE, } *s.* Clachag, dòrnag, grigeag.
 PEBBLESTONE, }
 PEBBLED, *adj.* Clachagach.
 PEBBLY, *adj.* See Pebbled.
 PECCABILITY, *s.* Buaiteachd do 'n pheacadh.
 PECCAEE, *adj.* Buaiteach do 'n pheacadh.
 PECCADILLO, *s.* Coire, meabh-choire, tubaist.
 PECCANCY, *s.* 1. Bad quality : droch mhèinn. 2. offence : oibheum.
 PECCANT, *adj.* 1. Guilty, criminal : ciontach, peacach. 2. ill disposed : droch-mhèinneach, aimhleasach, aingidh, coirpote. 3. offensive to the body : neo-fhallain, mi-fhallain. 4. wrong, bad : mearachdach, neo-dhiongmholta.
 PECCAVI, *pret. v.* Focal Laidinn, Pheacaich mi.
 PECK, *s.* Peic, peichd.
 PECK, *v. a.* 1. Strike with the beak : pioc, gobaich. 2. pick up food with the beak : spiol. 3. strike with a pointed instrument : sàth. 4. strike, make blows : buail.
 PECKER, *s.* Fear-piocaigh, piocadair, spioladair.
 PECKLED, *s.* See Spotted.
 PECTORAL, *adj.* A bhuineas do 'n uchd, no, do 'n chialbh, uchdail.
 PECTORAL, *s.* 1. A medicine : cungaidh-cléibhe, leigheas-cléibhe. 2. a breastplate : uchd-éididh.
 PECULATE, } *s.* Mèirle, no, goid air airgid coit-
 PECULATION, } chionn, gaduidheachd.
 PECULATE, *v. n.* Goid, dean gaduidheachd air cuid chàich.
 PECULATOR, *s.* Gaduiche, mèirleach coiminn.
 PECULIAR, *s.* Àraidh, sònruichte, comharraichte, -dualach do.
 PECULIAR, *s.* Còir, còir àraidh, cuid air leth.
 PECULIARITY, *s.* Àraidheachd, dualachas, buaidh air leth.
 PECULIARLY, *adv.* See Peculiar, *adj.*
 PECUNIARNESS, *s.* See Peculiarity.
 PECUNIARY, *adj.* Airgidach.
 PED, *s.* 1. A small pack saddle : sumag, pillen eich. 2. a basket : cliabh, cliabhann, mùrag.
 PEDAGOGUE, *s.* Oide-foghlaim, maighstir sgoile, oid-ionnsachaidh, beadagan sgoileir.
 PEDAGOGY, *s.* Oideas, teagasg, bealaganachd.
 PEDAL, *adj.* Cosach, luirgneach.
 PEDANT, *s.* 1. A schoolmaster : maighstir sgoile. 2. a man vain of low knowledge : beadagan sgoileir, peasan foghlaim.
 PEDANTIC, } *adj.* Sgòdasach, beadaganach, uailleil
 PEDANTICAL, } á mion-eòlas.
 PEDANTICALLY, } *adv.* See Pedantic.
 PEDANTICLY, }

PEDANTRY, *s.* Moit ionnsachaidh, beadaganachd.
 PEDDLE, *v. n.* Bi rudanach, dean ionairt mu neo-*ni*.
 PEDDLING, *adj.* Rudanach, neo-nitheach, dian mu neo-*ni*.
 PEDESTAL, *s.* Bunchar carraigh, bun carraigh.
 PEDESTRIAL, } *adj.* Air chois, coiseachdail, a' cois-
 PEDESTRIAN, } eachd.
 PEDESTRIAN, *s.* Coisiche, fear coise, fear-coiseachd.
 PEDICLE, *s.* Lurg duille, freumh measa.
 PEDICULAR, *adj.* Mialach, tiugh le miallaibh.
 PEDIGREE, *s.* Sloinneadh sinnsireachd, ginealachd, lorg-slighe.
 PEDLER, *s.* Ceannaiche falbhain, fear-màileid, fear paca.
 PEDLERY, *s.* 1. Articles sold by pedlers : bathar, frith-bhathar. 2. the employment of selling petty articles : frith-cheannachd.
 PEDOBAPTISM, *s.* Baisteadh naoidhean, naoidh-bhaisteachd.
 PEDOBAPTIST, *s.* Naoidh-bhaistiche.
 PEEL, *v. a.* Rùisg, sgrath, plaoisg, creach, spùinn.
 PEEL, *s.* Rùisg, sgrath, plaoisg.
 PEEL, *s.* Inneal fuinneadair, greidilean.
 PEELER, *s.* 1. One who strips, or flays : fear-rùsgaidh, fear-cairtidh, fear-plaosgaidh, fear-fionnaidh, fionnadar. 2. a plunderer : spùinneadair, creachadair.
 PEEP, *v. n.* 1. Make the first appearance : taisbean, thig am fradharc. 2. look slyly, or through a crevice : amhairc gu gear, thoir caog-shealladh, amhairc troimh tholl, gabh sealladh bradach, dean dideagaich. 3. chirp : dean bidcil.
 PEEP, *s.* 1. First appearance : cùd shealladh, plaosgadh. 2. a sly look : caogadh, sealladh bradach, dideag.
 PEEPER, *s.* 1. One that peeps : fear-caogaidh, fear dideagaich. 2. a young chicken : eun circe air briseadh an uibhe, bidean. 3. (in cant language), a looking glass : sgàthan.
 PEEPHOLE, } *s.* Toll amhairc, toll dideagaich.
 PEEPINGHOLE, }
 PEER, *s.* 1. One of the same rank : fear-co-inbhe, leth-bhreac, companach. 2. companion : còmhlan, companach. 3. a nobleman : fath, morair.
 PEERAGE, *s.* 1. The dignity of a peer : fathachd, moraireachd. 2. the body of peers : mathean, àrd-uaislean, àrd uaisle.
 PEERDOM, *s.* See Peerage, 1.
 PEERESS, *s.* Ban-mhorair.
 PEERLESS, *adj.* Neo-choimeasach, gun choimeas.
 PEERLESSLY, *adv.* Gun choimeas, gu neo-choimeasach.
 PEERLESSNESS, *s.* Neo-choimeasachd.
 PEEVISH, *adj.* Drannadanach, cas, corrach, feargach, gearanach, crosda, frionasach, neo-thoilichte.
 PEEVISHLY, *adv.* See Peevish.
 PEEVISHNESS, *s.* Drannadanachd, caise, corrachas, frionasachd, crosdachd, gearanachd.
 PEG, *s.* Cnag, tarrung fhiodha, pinne, dul, ealachag.
 PEG, *v. a.* Tarrungaich, pinn, sath, dinn.
 PELF, *s.* Maoin, saobhbheas, beartas, àirneis, ionmhas.

PELICAN, *s.* Pelican, an mòr fàsaich.
 PELLET, *s.* Peilear, peilear beag, cruinn bhall beag, cnapan.
 PELLETED, *adj.* Peilearach, cruinn-bhallach, cnapanach.
 PELLICLE, *s.* Sgrath, fann chraicinn, sgannan.
 PELLETORY, *s.* Ainnm luis. Pelitory of Spain : lus-na-Spàinne. Pelitory of the wall : lus-a'-bhalla.
 PELLMELL, *adv.* Thar a chéile, tromh chéile, tromach air shearrach, trom tric.
 PELLUCID, *adj.* Trid-shoilleir, soilleir, glan, soillsach.
 PELLUCIDITY, } *s.* Trid-shoilleireachd, soilleireachd,
 PELLUCIDNESS, } glaine, soillsachd.
 PELT, *s.* 1. Skin, hide : craicinn, bian, seic, seich, peileid. 2. a blow : sgaile, buille, urchair, cnap.
 PELT, *v. a.* Tilg air, buail, caith air.
 PELTING, *adj.* Suarach leibideach.
 PELTING, *s.* Ruathar, urchair, tilgeadh, bualadh, slachdadh.
 PELTINGER, *s.* Fear reic, no, ceannach chraicinn, no bhian.
 PELVIS, *s.* Iochdar na bronn.
 PEN, *s.* 1. For writing : peann, ite. 2. a feather : ite. 3. a wing : sgiath, cleit. 4. a small inclosure : lann, buaile, fang.
 PEN, *v. a.* 1. Coop, ineach : druid a stigh, fangaich. 2. write : sgrìobh, deachd.
 PENAL, *adj.* Peanasach, peanasail, piantail, dioghaltach.
 PENALITY, *s.* Bualteachd do pheanas, binn.
 PENALTY, *s.* Peanas, pian, dioghaltas.
 PENANCE, *s.* Peanas, cronachadh, féin-dhioladh, aithreachas.
 PENCE, *pl.* Of penny, which see.
 PENCIL, *s.* Bruis-dreachaidh, uidheam dhreachaidh, peann luaidhe.
 PENCIL, *v. a.* Dreach, dealbh, tarruing dealbh.
 PENDANT, *s.* 1. A jewel hanging : fàil cluaise, paidirein cluaise, cluais fhàine. 2. any thing hanging by way of ornament : grinneas crocht, paidirein. 3. in ships : bratach bheag luinge, sròl luinge.
 PENDENCE, *s.* Clanadh, amadh.
 PENDENCY, *s.* Dàil, stad, iom-chomhairle, teagamh.
 PENDENT, *adj.* Crochta, an crochadh, thairis air.
 PENDING, *adj.* An crochadh, neo-chrìochnaichte, a' dol air aghaidh.
 PENDULOUS, *adj.* 1. Hanging : an crochadh, crochta. 2. doubtful : teagamhach, neo-chinnteach.
 PENDULUM, *s.* Crochadan, crochadan uaireadair.
 PENETRABLE, *adj.* So-thollaidh, so-dheargaidh, so-dhrùghaidh.
 PENETRANCY, *s.* Druigtheadh, comas-deargaidh air.
 PENETRANT, *adj.* Druigtheadh, deargtach, geur.
 PENETRATE, *v. a.* et *n.* 1. Pierce : toll, dearg air. 2. affect the mind : druigh air, buin ri. 3. reach the meaning : ruig, ruig air, tuig, breithnich. 4. make way : faigh tromh, faigh a steach, gabh fombhad.
 PENETRATION, *s.* 1. Act of cutting into : tolladh, deargadh air, druigtheadh. 2. mental entrance : breithnichadh, dol a stigh, tuigse. 3. acuteness,

sagacity : tùr, geur-chuis, sàr-bheachd, geur-thuigse.
 PENETRATIVE, *adj.* 1. Piercing, sharp : geur, guineach, druigtheadh. 2. acute, sagacious, discerning : geur, tòma, seòlta, aithneachail, geur-chuiseach, geur-thuigseach.
 PENETRATIVENESS, *s.* See Penetration.
 PENINSULA, *s.* Dòirlinn, taircart, ceann-tìre, ròs.
 PENITENCE, } *s.* Aithreachas, aithre, doilghios, bròn.
 PENITENCY, }
 PENITENT, *adj.* Aithreachail, aithreach, duilich, brùite, tuisreach.
 PENITENT, *s.* Aithreach, aithreachan, iompachan.
 PENITENTIAL, *adj.* Aithreachail.
 PENITENTIARY, *s.* 1. A penitent : aithreachan. 2. the place where penance is enjoined : ionad-aithreachais.
 PENITENTIARY, *adj.* Aithreachail.
 PENITENTLY, *adv.* See Penitent, *adj.*
 PENKNIFE, *s.* Sgian pheann.
 PENMAN, *s.* Sgrìobhair, sgrìobhadair, fear sgrìohaidh, ùghdair.
 PENMANSHIP, *s.* Sgrìobhadaireachd, sgrìobhaireachd, sgrìobhadh.
 PENNANT, *s.* 1. A small flag : bratachag, bratach bheag. 2. a tackle for hoisting any thing on board : aghuinn tàirge.
 PENNATED, *adj.* Sgiathach.
 PENNED, *adj.* Sgiathach, iteach, iteachag.
 PENNER, *s.* 1. A writer : sgrìobhadair, sgrìobhair. 2. a pen-case : céis pheann, peannagan.
 PENNILESS, *s.* Aimeartach, ainns, lom.
 PENNON, *s.* Bratachag, bratach bheag, suaicheantas.
 PENNY, *s.* Sgillinn, pèghinn.
 PENNYWISE, *adj.* Caomhantach, spìocach, rudanach.
 PENNYWORTH, *s.* Luach pèghinn.
 PENNILE, *adj.* Crochta, an crochadh, crochadach.
 PENSION, *s.* 1. A payment : dioladh, iocadh, pàidheadh. 2. an allowance made : duais, saor-dhuais.
 PENSION, *v. a.* Thoir saor-dhuais do, beathaich air saor-dhuais.
 PENSIONARY, *s.* Fear-saor dhuais.
 PENSIONARY, *adj.* Beathaichte le saor-dhuais, saor-beathaichte.
 PENSIONER, *s.* Fear-saor dhuais, neach air a bheathaichadh o' neach eile.
 PENSIVE, *adj.* Smaointinneach, smuaintinnach, tuisreach, muladach.
 PENSIVELY, *adv.* See Pensive.
 PENSIVENESS, *s.* Smaointinneachd, tuisre, tuisreachd, muladach.
 PENT, *part. v.* Pen. Druidte, dùinte.
 PENTAGON, *s.* Cùig-cheàrnag.
 PENTAGONAL, *adj.* Cùig-cheàrnach.
 PENTANGULAR, *adj.* Cùig-cheàrnach.
 PENTATEUCH, *s.* Cùig leabhraichean Mhaois.
 PENTECOST, *s.* Cuingeis, feill-chuingeis, là-cuingeis, bealltainn.
 PENTECOSTAL, *adj.* Cuingiseach, bealltainneach.
 PENTHOUSE, *s.* Sgàil-thigh, tigh-sgàile.
 PENTILE, *s.* Crìadh, chlach mhuillach.
 PENUMBER, *s.* Leth-dhubhar, leth-sgàile.

PENURIOUS, *adj.* Spiocach, miodhoir, crion, gann, gortach, mosach, cruaidh.

PENURIOSLY, *adv.* See Penurious.

PENURIOUSNESS, *s.* Spiocach, miodhoireachd, crine, gainne, gortachd, mosaiche, cruas.

PENURY, *s.* Bochduinn, ainneiseachd, gainne, aim-beart.

PEOPLE, *s.* Sluagh, muinntir, pobull, fine, dream, aitim, daoine, cuideachd, feadhainn.

PEOPLE, *v. a.* Lìon, lìon, le sluagh, suidhich luchd-àiteachaidh.

PEPPER, *s.* Spiosradh, peabair.

PEPPER, *v. a.* 1. Sprinkle with pepper: peabraich, spiosraich. 2. mangle, beat, mangle with shot or blows: slachd, benaich, grèidh.

PEPPERBOX, *s.* Bocsa peabrach.

PEPPERCORN, *s.* Smùirnean, dadum, ni beag.

PEPPERING, *adj.* Loisgeach, teth, lasanta, feargach.

PEPPERINT, *s.* Mionnt, miunntuinn.

PERADVENTURE, *adj.* Dh' fheudtadh, feudaidd bli, 's maith a dh' fheudtadh, a theagamh.

PERAMBULATE, *v. a.* Spaidisrich, cuairtich, rach air feadh, imich air feadh.

PERAMBULATION, *s.* Troimh-shiubhal, troimh-im-eachd, timchioll, cuairt, cuairteachadh, cuairt-im-eachd, spaidisireachd.

PERCEIVABLE, *adj.* So-fhaicsinneach, so-leirsinneach, so-aithneachaidh.

PERCEIVE, *v. a.* 1. Discover by some sensible effects: faic, gabh beachd air, beachdaich, dearc air, aithnich, tuig. 2. know, observe: aithnich, faic, tuig. 3. be affected by: mothach.

PERCEPTIBILITY, *s.* So-leirsinneachd, so-fhacsinneachd.

PERCEPTIBLE, *adj.* So-leirsinneach, so-fhaicsinneach, so-mhothachaidh.

PERCEPTIBLY, *adv.* See Perceptible.

PERCEPTION, *s.* 1. The power of perceiving: amharc, fradharc, sealladh, beachdachadh, beachd. 2. consciousness: aithne, eòlas, fios, fiosrachd, fiosrachadh. 3. noting, idea: beachd, barail, fios. 4. state of being affected: mothachadh, mothalachd.

PERCEPTIVE, *adj.* Beachdach, amharcach, fradharcach, léirsinneach.

PERCH, *s.* Creagach, muc-lochaidh.

PERCH, *s.* 1. A measure: tomhas chuig slat gu leth. 2. on which birds roost: iris, spàrr, spirid, spàrdan.

PERCH, *v. a. et n.* 1. Place on a perch: cuir air iris, cuir air spàrdan. 2. sit or roost as a bird: suidh air, luidh, rach air iris, rach gu spàrdan.

PERCHANCE, *adv.* Theagamh, a theagamh, feudaidd bhi.

PERCIPIENT, *adj.* See Perceptive.

PERCOLATE, *v. a.* Siolaidh, fàisg, leig troimh.

PERCOLATION, *s.* Sioladh, fàsgadh, leigeil troimh.

PERCOLATOR, *s.* Siolachan.

PERCUSS, *v. a.* Buail, thoir buille do.

PERCUSSION, *s.* Bualadh, buille, farum.

PERCUTIENT, *adj.* Buailteach, farumach, builleach.

PERDITION, *s.* 1. Destruction, ruin, death: sgrios,

mùleadh, léir-sgrios, dìth. 2. loss: call, callidachd. 3. eternal death: bàs sìorruidh.

PERDU, *s.* Fear-folaich, fear-plaid-luidhe.

PERDULOUS, *adj.* Caillte, tilgte air falbh.

PERDURABLE, *adj.* Maireannach, buan-mhaireannach.

PEREGRINATE, *v. n.* Dean siubhal fad as, siubhail am fad, dean turas.

PEREGRINATION, *s.* Cuartachadh, turas, astar am fad, taisdealachd.

PEREGRINATOR, *s.* Fear-cuairt, taisdealach.

PEREGRINE, *adj.* See Foreign.

PREMPTORILY, *adv.* See Premptory.

PREMPTORINESS, *s.* Smachdalachd, teinne, dian-bharalachd.

PREMPTORY, *adj.* Dian-bharalach, smachdail, teann, do-dhiùltaidh.

PERENNIAL, *adj.* 1. Through the year: bliadhna, a mhaireas rè bliadhna. 2. unceasing: sìor, maircannach, buan, seasmhach.

PERFECT, *adj.* 1. Consummate, finished: iomlan, dìomhholta, fàirfe, coimhlionta. 2. fully informed: teòma, làn-còlach. 3. pure: glan, neo-thruaillidh, neo-chiontach, neo-choireach, fìor-ghlan, fìor. 4. confident, certain: cinnteach, dearbhta.

PERFECT, *v. a.* Coimhlion, dean fàirfe, dean coimhlionta, dean iomlan, crìochnaich, làn-chrìochnaich.

PERFECTER, *s.* Fear-crìochnachaidh, fear-coimhlionaidh.

PERFECTION, *s.* Foirfeachd, coimhliontachd, iomlanachd, dìomhholtachd.

PERFECTLY, *adv.* See Perfect, *adj.*

PERFECTNESS, *s.* Foirfeachd, iomlanachd, coimhliontachd, dìomhholtachd, làn-mhaith.

PERFIDIOUS, *adj.* Cuilbheartach, meallta, carach, innleachdach, fòilleil, fealltach, cealgach, sligheach, breugach.

PERFIDIOUSLY, *adv.* See Perfidious.

PERFIDIOUSNESS, *s.* Cuilbheartachd, mealltachd, fealltachd, cealgachd, sligheachas.

PERFIDY, *s.* Foill, ceilg, cuilbheart, feall, neo-fhìrinn.

PERFORABLE, *adj.* So-thollaidh.

PERFORATE, *v. a.* Toll, thoir toll air, toll troimh.

PERFORATION, *s.* 1. Act of piercing, or boring: tolladh, trid-tholladh. 2. a hole, place bored: toll.

PERFORATIVE, *adj.* Tolltach, a thollas.

PERFORATOR, *s.* Inneal-tollaidh, tolladair, toradh.

PERFORCE, *adv.* A dh' aindeoin, a dheòin no dh' aindeoin, air èigin.

PERFORM, *v. a.* Coimhlion, co-gheall, dèan, gnàth-aich, cuir an gnìomh.

PERFORMABLE, *adj.* So-dhèanaimh, so-chomhlionaidh.

PERFORMANCE, *s.* 1. Completion: coimhlionadh, crìochnachadh. 2. composition, work: obair, dèanadas. 3. something done: gnìomh, obair, dèanadas.

PERFORMER, *s.* Fear-dèanaimh, fear-coimhlionaidh, deanadaiche, gnìomhaiche, fear-cluiche.

PERFUME, *s.* Boltrach, fäile cùbhraidh, deadh bhol-adh.

PERFUME, *v. a.* Dean deadh-bholtrach, dean-cùbhraidh.

PERFUMER, *s.* Boltrachan, fear reic bholtrachaichean.

PERFUNCTIONALLY, *adv.* See Perfunctory.

PERFUNCTORY, *adj.* Cearbach, dearnadach, neo-chùrmach, faoin, neo-choimhlionta.

PERFUSE, *v. a.* Sgaol air, co-mheasgaich.

PERHAPS, *adv.* Theagamh, 's maith a dh' fheudta, feudaidh bhi.

PERICARDIUM, *s.* Cochull a' chridhe.

PERICLITATION, *s.* Cunnart, cruaidh-dheuchainn, baoghal.

PERICRANIUM, *s.* Cochull an canchainn, cochull a' chlaiginn.

PERIL, *s.* Cunnart, gàbhadh, baoghal, peiricill. At your peril: ma 's dàna leat, air do bheatha.

PERILOUS, *adj.* Cunnartach, gàbhaidh, baoghalach.

PERILOUSLY, *adv.* See Perilous.

PERILOUSNESS, *s.* Cunnartachd, gàbhaidheachd, baoghalachd.

PERIMETER, *s.* Cuairt-thomhas.

PERIOD, *s.* 1. A circuit: cuairt. 2. in which any thing is performed: ùine, aimsir, àm, uair, ré, seal. 3. a stated number of years: fad, cuairt aimsir, cuairt-ùine. 4. conclusion: crìoch, ceann, deir-eadh. 5. at which any thing terminates: deir-eadh, crìoch. 6. length of duration: fad, àm, aimsir. 7. a complete sentence: pong, earrann.

PERIODIC, } *adj.* Ùin-chuairteach, riaghailteach,
PERIODICAL, } aig àmaibh suidhichte, tràthail, amail.

PERIODICALLY, *adv.* See Periodical.

PERIOSTIUM, *s.* Sgrath chnàmh, sgannan cnàimhe.

PERIPHERY, *s.* Cuairt, cuairt-thomhas.

PERIPHRASE, *s.* Cuairt-labhair.

PERIPHRASES, *s.* Cuairt-labhairt, cuairt-chainnt.

PERIPHRASTIC, } *adj.* Cuairt-labhrach, cuairt-
PERIPHRASTICAL, } labhairteach.

PERISH, *v. a. et n.* 1. Destroy, decay: mill, sgrios.

2. die, be destroyed: rach a dhìth, faigh bàs, bàs-aich. 3. be in a perpetual state of decay: caith as, bi air chaitheamh. 4. be lost eternally: rach a dhìth, rach am mugha, rach as do.

PERISHABLE, *adj.* Bàsmhor, so-mhillidh, so-dhìth-eachaidh.

PERISHABLENESS, *s.* Bàsmhorachd, so-mhillteachd.

PERITONEUM, *s.* Sgannan a' mhionaich.

PERJURE, *v. a.* Mionnaich gu breugach, thoir mionn-an cithich.

PERJURER, *s.* Fear cithich, fear mhiannan cithich.

PERJURY, *s.* Mionn-an cithich.

PERIWIG, *s.* Gruag, pìorbhuic, gruag iasaid.

PERIWINKLE, *s.* Faochag, gille fionn, ainm luidhe àraidh.

PEAK, *v. n.* Bi gog-cheannach, bi guanach, coe do cheann.

PEAK, *v. a.* Cuir breaghachd ort, sgeadhaich, riomhaich.

PERK, *adj.* Gog-cheannach, guanach, eutrom.

PERLUSTRATION, *s.* Làn-dhearcadh, làn-shealladh, làn-amharc.

PERMANENCE, } *s.* Buanas, maireannachd, seas-
PERMANENCY, } mhachd, eonbhalas, neo-chaoch-
laidheachd, sìor-fhois.

PERMANENT, *adj.* Buan, maireannach, seasmhach, sìor-bhunaiteach.

PERMANENTLY, *adv.* See Permanent.

PERMEABLE, *adj.* So-imeachd, so-shiubhal, so-thollaidh, so-dhruighidh.

PERMEATE, *v. a.* Rach troimh, siubhail troimh.

PERMEATION, *s.* Dol troimh, siubhal troimh, trid-siubhal.

PERMISCIBLE, *adj.* So-choimeasgaidh, so-mheasgaidh.

PERMISSIBLE, *adj.* So-cheadaichd, ccaidaichte.

PERMISSION, *s.* Cead, saors, comas, luathsachadh.

PERMISSIVE, *adj.* Ceadachail, a' toirt comais, cead-aichte.

PERMISSIVELY, *adv.* See Permissive.

PERMISSION, *s.* Measgadh, measgachadh, coimeasgadh.

PERMIT, *v. a.* 1. Allow: luathsach, ceadach, thoir cead do. 2. allow, suffer: ceadach, fuiling. 3. give up, resign: thoir seachad, thoir suas.

PERMIT, *s.* Cead sgriobhta, barantas cuspuinn.

PERMITTANCE, *s.* See Permission.

PERMIXION, *s.* See Permition.

PERMUTATION, *s.* Malairt, mùthadh, eadar-mhùthadh.

PERMUTE, *s.* Malairtich, eadar-mhùth.

PERMUTER, *s.* Fear-malairt, malairtiche.

PERNICIOUS, *adj.* Millteach, sgriosach, caillteach, aimhleasach, diobhaileach.

PERNICIOUSLY, *adv.* See Pernicious.

PERNICIOUSNESS, *s.* Millteachd, sgriosachd, aimhleasachd, diobhalachd.

PERNICITY, *s.* Luathas, ealamhachd, eliseachd.

PERORATION, *s.* Ceann sgur, ceann òraid.

PERPENDICULAR, *adj.* Dirrach, dìreach 'n a sheasamh.

PERPENDICULAR, *s.* Dìreachan.

PERPENDICULARLY, *adv.* See Perpendicular.

PERPETRATE, *v. a.* Ciontaich, cuir an gnìomh, dean olc.

PERPETRATION, *s.* Ciontachadh, cur an gnìomh, droch-bheart.

PERPETUAL, *adj.* Daonnanach, gnàthach, sìor, gun stad, maireannach, sìor-mhaireannach.

PERPETUALLY, *adv.* See Perpetual.

PERPETUATE, *v. a.* Cum suas, dean seasmhach.

PERPETUATION, *s.* Cumail suas, deanamh seasmhach.

PERPETUITY, *s.* 1. Duration to all futurity: sìor mhaireannachd, neo-chrìochnachd. 2. exemption from intermission: conbhalas, sìor-ghnàthachd.

PERPLEX, *v. a.* Buair, iom-luaisg, sàruich, trioblaidich, aimbhreitich, cuir troimh chéile.

PERPLEXED, *adj.* Duilich, deacair, cruaidh, do-fhuasglaidh, aimbhreitich, iom-chèisteach, iom-chomhairleach.

PERPLEXEDLY, *adv.* See Perplexed.

PERPLEXEDNESS, *s.* 1. Embarrassment, anxiety: iom-chomhairle, iom-chèist, dorrann, iomagain. 2. intricacy, involution: deacaireachd, doirbheachd, aimbhreit.

PERPLEXITY, *s.* See Perplexedness.
PERPOTATION, *s.* Pòitearachd, misgearachd, misg.
PERQUISITE, *s.* Còrr, buannachd corra, frith-bhuannachd.
PERRY, *s.* Leann pheuran.
PERSECUTE, *v. a.* Geur-lean, iom-fuag, sàruich, dean fòirneart air.
PERSECUTION, *s.* Geur-leanmhuinn, iom-fuagadh, fòirneart.
PERSECUTOR, *s.* Feir-géir-leanmhuinn, fear-iom-fuagaidh, fear-fòirneirt.
PERSEVERANCE, *s.* Buanachadh, buanachas, lean-altas, sìor-bhuannachadh.
PERSEVERANT, *adj.* Buanachail, seasmhach.
PERSEVERE, *v. n.* Buanach, lean, sìor-bhuanaich.
PERSIST, *v. n.* Lean fi, bi seasmhach, seas fi.
PERSISTANCE, *s.* Seasmhachd, maireannachd, buan-
PERSISTENCY, *s.* achadh.
PERSISTIVE, *adj.* Seasmhach, leanailteach, buanachail.
PERSON, *s.* 1. Individual : neach, urra, fear, té. 2. as opposed to things : dùil, cré. 3. exterior appearance : pearsa, dealbh, tuar. 4. character : cliù, alladh, ìomradh.
PERSONABLE, *adj.* Pearsanta, dealbhach, foghainteach, circachdail, tlachdmhor, riochdail, gasda.
PERSONAGE, *s.* Urra, urra mhòr, duine uasal, bean uasal.
PERSONAL, *adj.* Pearsail, pearsanta, corporra, fìor, air leth, àraidh.
PERSONAL, *s.* Àirneis, uidheam, cuid.
PERSONALITY, *s.* 1. Existence : féineachd, pearsantachd. 2. reflection upon individuals : aithis, athais.
PERSONALLY, *adv.* See Personal.
PERSONATE, *v. a.* Riochdaich, gabh coslach, glac coslas.
PERSONATION, *s.* Riochdachadh, dol an riochd neach eile, mealladh.
PERSONIFICATION, *s.* Samhlachadh, pearsachadh.
PERSONIFY, *v. a.* Riochdaich, cuir ni an àit neach.
PERSPECTIVE, *s.* 1. A glass : gloine-fhradhaire. 2. view, vista : sealladh, sealladh sùla.
PERSPECTIVE, *adj.* Fhradharach.
PERSPICACIOUS, *adj.* Geur-shuileach, geur-fhradharach, tùrail.
PERSPICACIOUSNESS, *s.* Geur-shuileachd, geur-
PERSPICACITY, *s.* fhadharachd, tùralachd.
PERSPICUITY, *s.* 1. Transparency : trid-shoillearachd, gloine. 2. to the mind : soilleireachd, sothuigseachd.
PERSPICUOUS, *adj.* 1. See Transparent. 2. clear to the understanding : so-thuigsinn, soilleir.
PERSPICUOUSLY, *adv.* See Perspicuously.
PERSPICUOUSNESS, *s.* See Perspicuity.
PERSPIRABLE, *adj.* Fallusach, fallusail.
PERSPIRATION, *s.* Fallus, cur falluis.
PERSPIRATIVE, *adj.* Fallusach, a' cur falluis.
PERSPIRE, *v. a.* et *n.* Cuir fallus, cuir dhiot fallus, thoir a mach fallus.
PERSUADABLE, *adj.* So-chomhairleachaidh, so-caralachaidh.

PERSUADE, *v. a.* Earalach, comhairlich, cuir impidh air.
PERSUADER, *s.* Fear-comhairleachaidh, fear-ealachaidh, fear-impidh.
PERSUASIBLE, *adj.* See Persuadable.
PERSUASIBLENESS, *s.* So-chomhairleachd, so-ealachaidh, soithemhachd.
PERSUASION, *s.* Earail, comhairle, impidh, earalachadh, barail, creidimh.
PERSUASIVE, *adj.* Earailteach, comhairleach, impidheach.
PERSUASIVE, *s.* See Persuasion.
PERSUASIVELY, *adv.* See Persuasive.
PERT, *adj.* 1. Lively, brisk, smart : beothail, sunndach, ealamh, clis. 2. saucy, petulant : beadaidh, dàna, ladarna, leamh, goileamach.
PERT, *s.* Beadagan.
PERTAIN, *v. n.* Buin do.
PETEREBRATION, *s.* Troimh-tholladh.
PETINACIOUS, *adj.* 1. Obstinate, stubborn : danarra, ceann-laidir, rag, rag-mhuinealach. 2. resolute, steady : seasmhach, dian.
PETINACIOUSLY, *adv.* See Pertinacious.
PETINACIOUSNESS, *s.* 1. Obstinate, stubborn-
PETINACITY, *s.* ness : danarrachd, raige, rag-mhuinealas, reasgachd, ceannasachd. 2. resolution, constancy : seasmhachd, déine.
PETINACY, *s.* See Pertinaciousness.
PETINENCE, *s.* Iomchuidheachd, co-fhreagarrachd,
PETINENCY, *s.* cubhaidheachd.
PETINENT, *adj.* Iomchuidh, co-fhreagarrach, cubhaidh.
PETINENTLY, *adv.* See Pertinent.
PETINENTNESS, *s.* See Pertinence.
PETINGENT, *adj.* Ruigheachdail, a' ruigheachd gu.
PERTLY, *adv.* See Pert, *adj.*
PERTNESS, *s.* 1. Brisk folly, sauciness, petulance : beadaidheachd, leamhachas, ladarnas. 2. petty liveliness : cliseachd, beothalachd, ealamhachd.
PERTURB, *v. a.* 1. Disquiet, disturb : buair.
PERTURBATE, *v. a.* 2. disorder, confuse : aimhreitich, cuir árdugh, cuir troimh chéile.
PERTURBATION, *s.* 1. Disquiet of mind : buaireas, ìomagain. 2. disturbance, disorder : aimhreit, troimh chéile, amhluidh.
PERTURBATOR, *s.* Fear-buaireis, fear-aimhreit.
PERTURBER, *s.* Fear-buaireis, fear-aimhreit.
PERTUSION, *s.* 1. Act of piercing or punching : tolladh. 2. hole made by punching or piercing : toll.
PERVADE, *v. a.* 1. Pass through : rach troimh, rach a steach ann. 2. through the whole extension : rach troimh, rach thairis air.
PERVASION, *s.* Dol troimhe, trid-shiubhal, trid-im-eachd.
PERVERSE, *adj.* 1. Distorted from the right : fìar, clao. 2. obstinate, stubborn : coirpe, crosda, dian 's an eucoir, rag, rag-mhuinealach, aingidh. 3. petulant, vexatious, peevish : reasgach, crosda, aingealta, malluichte, dalmu.
PERVERSELY, *adv.* See Perverse.
PERVERSENESS, *s.* Crosdachd, aingealtas, dalmachd, rag-mhuinealachd.

PERVERSION, *s.* Fiaradh, clàonadh, truailleadh.
 PERVERSITY, *s.* See Perversion.
 PERVERT, *v. a.* 1. Distort from the true end: *fiar*, clàon. 2. corrupt, turn from the right: *truail*.
 PERVERTER, *s.* Fear-fiaraidh, fear-clàonaidh, fear-truailidh. See Pervert.
 PERVERTIBLE, *adj.* So-fhiaraidh, so-chlàonaidh, so-thruailidh.
 PERVESTIGATE, *v. a.* Faigh a mach, sir a mach, sgrùd.
 PERVESTIGATION, *s.* Faghail a mach, sireadh a mach, sgrùdadh.
 PERVICACIOUS, *adj.* Dalma, rag, reasgach, dùr, ceann-laidir, danarra.
 PERVICACIOUSLY, *adv.* See Pervicacious.
 PERVICACIOUSNESS, } *s.* Dalmachd, raige, reasg-
 PERVICACITY, } achd, dùire, danarrachd.
 PERVIOUS, *adj.* So-dhrùighidh, so-imeachd, neo-dhionach.
 PERVIOUSNESS, *s.* So-dhrùighiteachd, neo-dhionachd.
 PERUKE, *s.* See Periwig.
 PERUKEMAKER, *s.* See Wigmaker.
 PERUSAL, *s.* 1. Act of reading: leughadh. 2. examination: rannsachadh, sgrùdadh, beachdachadh.
 PERUSE, *v. a.* 1. Read: leugh. 2. observe, examine: sgrùd, rannsach, beachdaich air.
 PERUSER, *s.* Leughair, leughadair, fear rannsachaidh, fear-sgrùdadh.
 PEST, *s.* 1. Plague, pestilence: plàigh. 2. any thing mischievous: aimhleas, dragh, buaireas.
 PESTER, *v. a.* 1. Perplex, harass: buair, cuir dragh air. 2. encumber: amail, cuimrigich.
 PESTERER, *s.* Fear dragha, dragh, fear-amlaidh, buaireas, fear cuimrigeach.
 PESTEROUS, *adj.* Draghail, buaireasach, cuimrigeach.
 PESTHOUSE, *s.* Tigh leighis na plàighe.
 PESTIFEROUS, *adj.* 1. Destructive, mischievous: sgriosail, aimhleasach, donasach. 2. pestilential, malignant: plàigheach, mairbhtach, gabhaltach.
 PESTILENCE, *s.* Plàigh, galar millteach.
 PESTILENT, *adj.* 1. Producing plagues, malignant: plàigheach, plàigheil, gabhaltach. 2. mischievous, destructive: millteach, sgriosail, aimhleasach.
 PESTILENTIAL, *adj.* See Pestilent.
 PESTILENTLY, *adv.* See Pestilent.
 PESTLE, *s.* Bruthadair, pronnadair.
 PET, *s.* 1. A slight passion: dod, dorrán, farrán, frionas. 2. a lamb: peata, ciorra.
 PET, *v. a.* Tataidh, criataich, dean dheth.
 PETAL, *s.* Duilleag lùibhe, bile, bileag.
 PETALOUS, *s.* Duilleagach, bileagach.
 PETITION, *s.* Athcheuinge, iarrtas, guidhe, aslachadh.
 PETITION, *v. a.* Athcheuingich guidh, asluich.
 PETITIONARY, *adj.* Athcheuingeach, asluichail.
 PETITIONER, *s.* Fear-athcheuinge, iarradair, fear-iarraidh.
 PETITORY, *adj.* Iarrtach, iarratach, tagarrach, agartach.
 PETRE, *s.* See Nitre.
 PETRIFICATION, *s.* Cloch-dheanamh, tionndadh gu cloich, cruas, neo-mhothalachd.

PETRIFY, *v. a.* 1. Change to stone: tionndaidh gu cloich, dean 'n a chloich. 2. make callous: cruadhaich.
 PETTICOAT, *s.* Còta bàn, cota boirionnach.
 PETTIFOGGER, *s.* Fear lagha gun fhìù, fear-aimhreit, ball-donnas.
 PETTIFOGGING, *adj.* Suarach, truthaireach, slaightearach.
 PETTINESS, *s.* Bige, beagachd, crìne, meanbhachd.
 PETTISU, *adj.* Dodach, dorránach, farránach, frionasach.
 PETTISHLY, *adv.* See Pettish.
 PETTISHNESS, *s.* Dodachd, dorránachd, farránachd, frionasachd.
 PETTY, *s.* Beag, suarach, meanbh, neo-inbheach, crìon.
 PETULANCE, } *s.* Beadaidheachd, leamhlachas, peas-
 PETULANCY, } anachd, bleid, goileamachd.
 PETULANT, *adj.* 1. Saucy, abusive: beadaidh, leamh, peasanach, bleideil, goileamach, sgeilmeil. 2. wanton: macnusaich.
 PETULANTLY, *adv.* See Petulant.
 PEW, *s.* Suidheagan eaglais.
 PEWET, *s.* 1. A water-fowl: ùirid, no, crannlach. 2. a lapwing: adharbag, adharcan luachrach.
 PEWTER, *s.* Feòdar, stàoin.
 PEWTERER, *s.* Gobha feòdair, stàoin-gobha, ceàrd-feòdair.
 PHAENOMENON, *s.* Sealladh, sealladh iongantach, neònachas.
 PHALANX, *s.* Dlùth-bhuidheann airm, dlùth-fheachd.
 PHANTASM, *s.* Taibhse, tannas, baath-shealladh faoin bharail.
 PHANTASTIC, } *s.* See Fantastic.
 PHANTASTICAL, }
 PHANTOM, *s.* Taibhse, tannas, tannasg, sgìleò-shealladh, faileas.
 PHARISAIC, } *adj.* Phàiriseach, fuar rò-chràbhlach,
 PHARISAICAL, } deas-ghnathach, cealgach.
 PHARISEAN, *adj.* See Pharisaic.
 PHARISEE, *s.* Phàiriseach.
 PHARMACY, *s.* Léigh-eòlas, eòlas-leigheasan.
 PHARO, } *s.* Tigh-soluis, tigh-faire.
 PHAROS, }
 PHARE, }
 PHASIS, *s.* Aghaidh, sealladh, cruth, dealbh.
 PHEASANT, *s.* Easag.
 PHENIX, *s.* Tearc-eun, ainneamhag.
 PHENOMENON, *s.* See Phaenomenon.
 PHIAL, *s.* Searrag bheag, gloine bheag, soith-
 } each.
 PHILANTHROPIC, } *adj.* Daonnach, daonnachail,
 PHILANTHROPICAL, } seirceil.
 PHILANTHROPIST, *s.* Fear-daonnach, fear daonnachail.
 PHILANTHROPY, *s.* Daonnachd, gràdh daonna, seircean.
 PHILIBEG, *s.* See Fillibeg.
 PHILIPPIC, *s.* Òraid, dian òraid, aoir-sheanachas.
 PHILOGER, *s.* Càiniche, deas-chainntear.
 PHILOGIC, } *adj.* Càinicheach, deas-chainnteach.
 PHILOGICAL, }

PHILOLOGIST, *s.* See Philologist.
 PHILOLOGY, *s.* Eòlas bhriatharan, eòlas-chainntean, snas-chainnt, oilean chainntean.
 PHILOMEL, } *s.* See Nightingale.
 PHILOMELA, }
 PHILOMOT, *adj.* Seargta mar dhuilleag.
 PHILOSOPHER, *s.* Teallsanach, feallsanach, duine foghlumte, càileadair.
 PHILOSOPHIC, } *adj.* Oileanach, foghlumte, fios-
 PHILOSOPHICAL, } rach, glic, teallsanta, ionns-
 uichte, eagnaigh.
 PHILOSOPHICALLY, *adv.* See Philosophical.
 PHILOSOPHY, *s.* Feallsanachd, teallsanachd, àrd-fhoghlum, eagnaigh, reusanachadh.
 PHILTER, *v. a.* Tàlaidh, tarruing gu gaol.
 PHIZ, *s.* Aogas, aghaidh, gnùis, eudan.
 PHLEBOTOMIST, *s.* Cuisleair, fear-tarruing fola.
 PHLEBOTOMY, *s.* Fuil tharruing, leigeil fola.
 PHLEGM, *s.* 1. Of the body: sùgh uisgidh, leannt-
 cuirp. 2. coolness, indifference: amhaidh-
 eachd, no-aidhealachd.
 PHLEGMATIC, *adj.* 1. Abounding in phlegm: uisgidh, ronnach. 2. dull, frigid: trom, amhaidh,
 fuaraidh, marbhanta, leasg.
 PHLEME, *s.* Tuadh fola, lannsa slacain.
 PHOSPHOR, } *s.* 1. The morning star: maidneag.
 PHOSPHORUS, } 2. a chemical inflammable substance: stuth àraidh a lasas an t-àileadh.
 PHRASE, *s.* 1. An idiom: dòigh labhairt, dòigh bhriathar. 2. style, expression: labhradh, bruidhean, cainnt.
 PHRASEOLOGY, *s.* Gnàth-chainnt, modh-labhairt, gnàth-bhriathar.
 PHTHISIS, } *s.* Tinneas caitheimh, cnuimh, eitig,
 PHTHISIS, } sgamh-chnuimh, caitheamh.
 PHTHISICAL, *adj.* Caitheach, cnuimhteach, sgamh-
 chnuimheach, caitheamh.
 PHYLACTER, } *s.* Foir, oir, iomall eudaich, no, stiòm
 PHYLACTERY, } leatham air an robh sgrìobhaidhean
 sònruichte aig na h-Iùdhaichibh.
 PHYSIC, *s.* 1. Science of: eòlas leighis, oilean leighis, leigh-oilean. 2. remedies: cungaidhean leighis. 3. a purge: purgaid. 4. *pl.* teallsanachd nàduir, càileadairachd.
 PHYSIC, *v. a.* Purgaidich, thoir purgaid do.
 PHYSICAL, *adj.* 1. Relating to nature: nàdurra, càileach, càileadarach. 2. pertaining to the science of healing: leigheasach.
 PHYSICALLY, *adv.* See Physical.
 PHYSICIAN, *s.* Olla leighis, leigh, lighiche.
 PHYSIOGNOMER, } *s.* Gnùis-bhreitheamh, gnùis-
 PHYSIOGNOMIST, } fhiosaiche.
 PHYSIOGNOMY, *s.* 1. The science falsely so called: gnùis-fhiosaichd. 2. the face: gnùis, aogas, tuar, coslas, eudan.
 PHYSIOLOGIST, *s.* Teallsanach ghnèithean is chàilean.
 PHYSIOLOGY, *s.* Teallsanachd ghnèithean, is chàilean.
 PIACULAR, } *adj.* 1. Expiatory: réiteachail, éiric-
 PIACULOUS, } each. 2. such as requires expiation:
 ciontach, éiric-fhucumnach.

PIA MATER, *s.* Sgannan na h-eanchainn, cochlull na h-eanchainn.
 PIBRACH, *s.* Pìobrachd, piobaireachd.
 PICK, *v. a. et n.* 1. Cull, select: tagh, dìoghlum-
 aich, tog, gabh roghadh is taghadh. 2. take up,
 gather: tog, tionail. 3. separate from anything
 useless, or noxious: cuir air leth, tog, glan. 4.
 pierce: sàth, toll. 5. pull: pìoc. 6. rob: goid,
 dean reubainn. 7. open a lock: bris, fòsgail, tog.
 8. find fault with: tiolp. 9. eat slowly, and by
 morsels: spìol, criom.
 PICK, *s.* Pìocaid.
 PICKAXE, *s.* Pìocaid.
 PICKED, *adj.* Geur, biorach.
 PICKER, *v. n.* 1. Pirate, pillage, rob: spùill, creach,
 spùinn. 2. make a flying skirmish: thoir ruathar
 air.
 PICKER, *s.* 1. One who picks, or culls: fear-tagh-
 aigh. 2. one who hastily takes up a matter: fear-
 buaireis. 3. a pick-axe: pìocaid.
 PICKET, *s.* 1. A sharp stake: bior. 2. a guard
 posted before an army: freiceadan toisich, freic-
 eadan rabhaidh.
 PICKLE, *s.* 1. Any kind of salt liquor: sàil, piceal.
 2. condition, state: cor, luidhe, càireadh.
 PICKLE, *v. a.* Sàil, deann sàillte, no goirt.
 PICKLOCK, *s.* 1. An instrument to force locks:
 glas phìocaid. 2. the person who picks locks:
 fear togail ghlas, mèirleach.
 PICKPOCKET, } *s.* Gadaiche, mèirleach, gearr-spor-
 PICKPUSE, } an.
 PICKTHANK, *s.* Meachranach, sgimilear.
 PICKTOOTH, *s.* Bìor fhiacall.
 PICTS, *s.* Pìocaich, cruinnich, daoine dattha.
 PICTURE, *s.* 1. Of a person, or thing: dealbhair-
 eachd. 3. resemblance: dreach, coslas, dealbh.
 PICTURE, *v. a.* Dealbhaich, dreach, tarruing dealbh,
 no coslas.
 PICTURESQUE, *adj.* Bòidheach, àillidh, breagha.
 PIDDLE, *v. n.* Pìoc, bi faoinasach, bi rudanach.
 PIDDLER, *s.* Pìocadair, fear rudanach.
 PIE, *s.* 1. A dish: pìthead. 2. See Magpie.
 PIECE, *s.* 1. A patch: nìr, bréid, breaban, tuath-
 ag, clàid. 2. a fragment: bloigh, bloighd. 3. a
 part: roinn, earrann. 4. a picture: dealbh. 5.
 a composition: saothar, gnìomh, obair. 6. a sin-
 gle great gun: gunna mòr. 7. a hand gun:
 gunna glaic. 8. a coin: bonn. 9. applied to
 time: uair, àine. 10. a-piece: am fear, an neach,
 an tè. Two eyes a-piece: da shùil an neach.
 Of a piece with: a fèir, araon ri.
 PIECE, *v. a. et n.* 1. Patch: clàid, bréid, tuathag-
 aich. 2. enlarge: cuir mìr ri. 3. join, unite:
 ceangail, tàth. 4. join, coalesce: ceangail, dlùth-
 aich.
 PIECER, *s.* Clùdair, fear-càiridh.
 PIECELESS, *adj.* Slàn, iomlan.
 PIECEMEAL, *adv.* Gu nìreanach, le bloigh is bloigh,
 mìr air mìr.
 PIECEMEAL, *adj.* Aon-fhillte, air leth, roinnt.
 PIECEMEAL, *s.* Bloigh, crioman.
 PIECEMEAL, *adj.* Bloighleach, criomanach.

PIED, *adj.* Breac, ballach, bail-bhreac.
PIEDNESS, *s.* Brice, ballachd, bail-bhrice.
PIELED, *adj.* Lom, maol, sgaileach, sgallach.
PIER, *s.* 1. A column: carragh, stùc. 2. a projecting mole: laimhrig.
PIERCE, *v. a. et n.* 1. Penetrate, enter: toll, sàth, rach troimh. 2. touch the passions: druigh, buin ri, gluais. 3. affect severely: loit, gon.
POSITION, *s.* 1. Situation: suidheachadh, ionad. 2. principle: ponc, ceann.

POSITIONAL, *adj.* Ionadach.

POSITIVE, *adj.* 1. Not negative: fìor, fìrinneach. 2. absolute, not implied: dìreach, sònruichte, soilleir. 3. dogmatical: rag-bharalach, fèin-bharalach. 4. settled by arbitrary appointment: suidh-

ichte, stéidhichte, socraichte, ùghdarrach. 5. certain, assured : dearbh-chinnteach, dearbhta.

POSITIVELY, adv. See Positive.

POSITIVENESS, s. 1. Actualness : firinneachd, dearbhtachd, cinnteachd. 2. confidence : fcinbharalachd, rag-bharalachd.

POSITURE, s. Suidheachadh, luidhe, ionad.

POSSE, v. a. 1. As an owner : sealbhaich. 2. seize, obtain : glac, gabh seilbh air. 3. make master of : thoir seilbh air. 4. fill with something fixed : lion. 5. have power over : sealbhaich, faigh uachdranachd air.

POSSESSION, s. 1. State of owning : sealbhachadh, seilbh. 2. thing possessed : seilbh. 3. the internal operation of an unclean spirit : boile dheamhnaidh.

POSSESSOR, s. Sealbhadair, fear seilbh.

POSSESSIVE, s. Seilbhach, seilbheachail.

POSSESSOR, s. Sealbhadair, fear-seilbhe.

POSSET, s. Bainne binnidichte.

POSSET, v. a. Binnidich.

POSSIBILITY, s. Urrainneachd, comas, comasachd, murrachd, so-dhèantachd.

POSSIBLE, adj. Comasach, so-dhèanaimeh, so-dhèanta.

POSSIBLY, adj. See Possible. See Perhaps.

POST, s. 1. A messenger : gille ruith, gille-litrichean. 2. manner of travelling : cabhag, turas cabhagach. 3. situation, seat : dreuchd. 4. military station : ionad freicadain. 5. place, employment, office, dreuchd, àite, gnothuch. 6. a piece of timber set erect : post.

POST, v. n. Dean turas cabhagach.

POST, v. a. 1. Fix opprobriously on posts : mas-luich le sanas sgrìobhta, nàraich gu follaiseach. 2. place, fix : suidhich, socruich, daingnich. 3. register methodically : cuir sìos an òrdugh, ath-sgrìobh.

POSTABLE, adj. See Portable.

POSTAGE, s. Pàidheadh litreach, duais giùlain litreach.

POSTBOY, s. Gille-ruith, fear-carbaid rathaid.

POSTCHAISE, s. Carbad rathaid, carbad duaise.

POSTER, s. Gille ruith, teachdaire cabhagach.

POSTERIOR, adj. Deireannach, air deireadh, air cùl.

POSTERIORS, s. Leth-deiridh, mäsän, tòn.

POSTERITY, s. Sliochd, clann, iarmad, gineal, linntean gu teachd.

POSTERN, s. Dorusan, doras beag, frith-gheata.

POSTHASTE, s. Cabhag, deifir, gleus-ruith, grad-shiubhal.

POSTHORSE, s. Each turuis, each tuarasdail.

POST-HOUSE, s. Tigh litrichean.

POSTHUMOUS, adj. An dèigh bàis.

POSTIC, adj. O 'n taobh chùil, air a' chùlaobh, deircannach.

POSTILION, s. Gille carbaid, greasadair cach.

POSTMAN, s. Gille ruith, gille litrichean.

POSTMASTER, s. Maigstir-phost, fear-tigh-litrichean.

POST-OFFICE, s. Tigh-litrichean.

POSTPONE, v. a. 1. Put off, delay : cuir dàil ann, cuir seachad, leig le. 2. with to : cuir am beag-phris.

POSTPONEMENT, s. Dàil, màirneal, fadal.

POSTSCRIPT, s. Fath-sgrìobhadh, foir-sgrìobhadh.

POSTULATE, v. a. 1. Beg, or assume without proof : gabh, no tog gun dearbhadh. 2. invite : gairm, guidh.

POTULATE, s. Fìrinn gun dearbhadh, beachd gun dearbhadh.

POTULATION, s. 1. Act of supposing without proof : togail gun dearbhadh, beachd gun dearbhadh. 2. supplication : aslachadh, tagradh, guidheadh. 3. suit, cause : cùis, cùis-thagraidh.

POTURE, s. 1. Place, situation : àite, suidheachadh, luidhe. 2. of the parts of the body : luidhe, suidheachadh, suidhe, dòigh suidhe, no, seasaimh, no luidhe. 3. state, disposition : càil, mèim.

POTURE, v. a. Suidhich, socraich.

POTY, s. 1. A motto : seud-sgrìobhadh, sgrìobhadh air fàinne, no, seud. 2. a bunch of flowers : blàth-dhos, blàth-bhadh.

POT, s. 1. In which meat is boiled : poit, prais, coire, aghann. 2. to hold liquids : soitheach dibhe, soirc. 3. made of earth : soitheach creadh. 4. a cup : càirt dibhe, soitheach càirt. 5. Go to pot : rach as do, rach a dholaidh.

POT, v. a. Cuir am poit, gléidh am poit.

POTABLE, adj. So-dhà, so-glaidh.

POTASH, s. Luath rainich.

POTATION, s. 1. A drinking bout : pòit, pòitearachd. 2. a draught : balgum, tarring, deoch. 3. species of drink : deoch, dibh.

POTATO, s. Buntàta, bun-taghta.

POTBELLIED, adj. Bronnach, taigiseach, maodalach.

POTBELLY, s. Brù mhòr, maodal air at.

POTCH, v. a. et n. 1. Boil slightly : slaop. 2. thrust, push : pùc, sàth, dinn.

POTCOMPANION, s. Comh-phòitear, companach òil.

POTENCY, s. 1. Power, influence, authority : ùghdarras, uachdranachd. 2. efficacy, strength : neart, éifeachd, cumhachd.

POTENT, adj. 1. Powerful, efficacious : neartmhor, cumhachdach, làidir, éifeachdach. 2. having great authority, or dominion : uachdranail, ùghdarrail, tìghearnail, smachdail.

POTENTATE, s. Rìgh, àrd-uachdaran.

POTENTIAL, adj. 1. Existing in possibility : comasach, murrach, so-dhèanta. 2. having the effect without the actual property : buadhach, éifeachdach, neartmhor.

POTENTIALITY, s. Comasachd, murrachd, so-dhèantachd.

POTENTIALLY, adv. See Potential.

POTENTLY, adv. See Potent.

POTENTNESS, s. Neartmhorachd, cumhachd, éifeachd, uachdranachd, tìghearnas.

POTGUN, s. Gunna beag, gunna sgail.

POTHANGER, s. Slabhruidh, cròcag, bùlais.

POTHER, s. Buairesas, gleadhach, amhludh, strì, duaimhidheachd.

POTHER, v. a. et n. Dean gleadhach, buair, tog buairesas, no amhludh, thoir oidhirp dhìomhain.

POTHERS, s. Poit-luibh, luidh-itheannach.

POTHOOK, s. 1. See Pothanger. 2. ill formed or scrawled letters or characters : cam sgrìobhadh, sgròbadh.

POTHOUSE, *s.* Tigh leanna.

POTION, *s.* Deoch, tarruing, dibh.

POTLID, *s.* Brod poite.

POTSHARD, } *s.* Slige-chreàdha, bloigh poite, crùisg-
POTSHARD, } *s.* can.

POTTAGE, *s.* Brochan, lite, biadh bruich.

POTTER, *s.* Criadhaidair.

POTTERY, *s.* Criadhadaireachd, soithichean crèadh.

POTTY, *s.* Tomhas dibhe, ceithir pinntean.

POTULENT, *adj.* Olmhor, leth-mhisgeach.

POUCH, *s.* 1. A pocket : pòc, pòca, pòcaid. 2. a big belly, or paunch : maodal, brù mhòr, taig-eas.

POUCH, *v. a.* 1. Pocket : cuir 'h ad phòc, cuir am pòca, pòcaich. 2. swallow : sluig, glam. 3. pout, hang down the lip : dean goill, cuir goill ort.

POUCHMOUTHED, *adj.* Goilleach, splugach, spreill-each.

POVERTY, *s.* 1. Want of riches : bochduinn, bochdas, ainns, aimbeart. 2. meanness, defect : snal, uireasbhuidh, mìthaireachd.

POULDAVIS, *s.* Cainb, aodach siùil.

POULT, *s.* Isean, isean còin.

POULTER, } *s.* Fear reic eun.

POULTERER, }

POULTICE, *s.* Fuar-lite, plàsd.

POULTICE, *v. a.* Cuir plàsd ri, cuir fuar-lite ri.

POULTRY, *s.* Cearcan, còin thighe.

POUNCE, *s.* 1. Of a bird of prey : spòg, cràg, ionga. 2. thrown on paper : gaineamh mbin, gaineamh sgrìobhadaire. 3. cloth worked in eyelet holes : eudach tolltach, eudach fosgailte.

POUNCE, *v. a.* 1. Work in eyelet holes : toll, oibrich 'h a thuill. 2. pour or sprinkle through small perforations : crath troimh thuill. 3. seize : teum, dean greim ingne air.

POUNCED, *adj.* Iongnach, ionganach, spògach, cràgach.

POUND, *s.* 1. A weight : punnd. 2. of money : punnd. 3. a pinfold, an enclosure : punnd, mainnir, sprèidh-ghainntir, fang.

POUND, *v. a.* 1. Beat, grind, as with a pestle : pronn, bruth, meil. 2. shut up, or imprison in a fold : fangaich, cuir am punnd.

POUNDS, *s.* 1. A sum deducted : cis punnd, leagadh 's a' punnd. 2. payment rated by the weight of the commodity : cis cothrom, cis-cud-throim. 3. of cattle in a pound : fangachadh, cur a stigh.

POUNDER, *s.* 1. A sort of pear : seòrsa péir. 2. any person or thing denominated from a certain number of pounds : punndair. 3. a pestle : pronn-adair, bruthadair. 4. of cattle : punndair.

POUR, *v. a.* 1. Let out of, or into a vessel : dòirt, taom. 2. give vent to, send forth : taom, cuir a mach. 3. stream, flow : dòirt, taoni. 4. rush tumultuously : taom, sruth, dòirt gu cas, brùchd.

POURER, *s.* Fear-taomaidh, taomadair.

POURTRAY, *v. a.* See Portray.

POUT, *s.* 1. A kind of fish, a cod fish : bodach. 2. See Pout, *s.*

POUT, *v. n.* 1. Look sullen : cuir splug ort, cuir

gnoig ort, cuir spreill ort. 2. shoot out : croch a mach, croch sìos.

POWDER, *s.* Fùdar, dus, duslach, smùr, sad.

POWDER, *v. a.* 1. Reduce to dust : pronn, mìn-phronn, mìn-bhruth, dean 'h a smùr. 2. sprinkle : crath, cuir smùr air. 3. sprinkle with salt : crath salann air.

POWDER FLASK, } *s.* Adharc, adharc-fhùdair.

POWDER HORN, }

POWDERY, *adj.* Mìn, pronn, smùranach, brisg.

POWER, *s.* 1. Command, authority : cumhachd, uachdranachd, smachd. 4. influence : cumhachd, comas, neart. 3. ability : comas, neart. 4. motive, force : neart. 5. of an engine : neart, comas. 6. animal strength : neart, comas. 7. of the mind : buaidh, comas, ceud-fath. 8. right of governing : uachdranachd, comas, ùghdarras, cumhachd, smachd. 9. sovereign, potentate : riaghlair, uachdaran, tighearn. 10. one invested with dominion : uachdaran, tighearn. 11. divinity : diadhachd. 12. host, army : feachd. 13. a large quantity, a great number : mòran, neart.

POWERFUL, *adj.* 1. Invested with command or authority : cumhachdach, ùghdarrail, smachdail. 2. forcible, mighty : neartmhor, cumhachdach, comasach, làidir. 3. efficacious : éifeachdach, làidir.

POWERFULLY, *adv.* See Powerful.

POWERFULNESS, *s.* Cumhachd, neartmhorachd, comasachd.

POWERLESS, *adj.* Lag, fann, lag-cheiseach.

POX, *s.* 1. Pustules : breac, bòcais. 2. the venereal disease : an droch thinncas, clap, breac Fhranchach.

POZE, *v. a.* See Pose.

PRACTICABILITY, *s.* Comasachd, so-dhèantachd.

PRACTICABLE, *adj.* Comasach, so-dhèanta, so-ghlacaidh.

PRACTICABLY, *adv.* See Practicable.

PRACTICAL, *adj.* Cleachdail, cleachdta, dèanadach, gnàthaichte.

PRACTICALLY, *adv.* See Practical.

PRACTICALNESS, *s.* Cleachdalachd, dèanadachd.

PRACTICE, *s.* 1. The habit of doing any thing : cleachdadh, àbhaiss. 2. customary use : àbhaiss, gnàths, gnàth, nòs. 3. dexterity : teòmachd, ealantachd. 4. actual performance : dèanamh, gnìomh, obair. 5. method, or art : seòl, innleachd, dòigh. 6. medical treatment : dòigh leighis. 7. of any profession : cleachdadh, gnàthachadh. 8. stratagem : cuilbheart, droch, innleachd.

PRACTIC, *adj.* 1. Relating to action : cleachdach, dèanadach. 2. acquainted with : còlach, teòma.

PRACTISE, *v. a.* et *n.* 1. Do habitually : cleachd, gnàthaich. 2. do, not merely to profess : dèan, cuir an gnìomh. 3. in order to dexterity : cleachd, gnàthaich. 4. draw by artifices : cleachd cuilbheart, meall. 5. form a habit of acting in any manner : dean cleachdadh dheth, foghlum cleachdamh. 6. transact secretly : oibrich gu dìomhair. 7. use bad arts or stratagems : cleachd cuilbheartan. 8. use methodical methods : gabh

- seòl ri, gabh dòigh ri. 9. exercise any profession : cleachd, gnàthaich, cuir an gnìomh.
- PRACTISANT, s.** Dèanadair, fear-dèanaimh, fear-cleachdaidh.
- PRACTISER, s.** 1. One that practises any thing : fear-dèanaimh, fear-cleachdaidh. 2. one who prescribes medical treatments : fear leighis. 3. one who uses bad arts : fear cuilbheirt, fear carach, mealltar.
- PRACTITIONER, s.** 1. One engaged in the actual service of any art : fear céirde, fear gnothuich. 2. one who uses any sly or dangerous arts : fear cuilbheirt, mealltar. 3. one who does any thing habitually : fear-cleachdaidh.
- PRAGMATIC, } adj.** Meachranach, beadaidh, rud-
PRAGMATICAL, } anach, leamh.
- PRAGMATICALLY, adv.** See Pragmatic.
- PRAGMATICALNESS, s.** Meachranachd, beadhaidheachd, rudanachd, leamhachd.
- PRaisABLE, adj.** So-mholaidh, ion-mholta.
- PRaise, s.** 1. Renown, fame, celebrity : cliù, urram, deadh ainm, deadh alladh, ainm, ainmealachd. 2. glorification, tribute of gratitude, laud : moladh, cliùthachadh, buidheachas. 3. ground or reason of praise : aobhar molaidh.
- PRaise, v. a.** 1. Commend, applaud, celebrate : mol, cliùthaich. 2. glorify in worship : àrd-mhol, mol.
- PRaiseFUL, adj.** See Laudable.
- PRaiseLESS, adj.** Neo-mholta, neo-chliùthaichte.
- PRaiser, s.** Fear-molaidh, fear-clìùthachaidh.
- PRaiseWORTHINESS, s.** Ion-mholtachd.
- PRaiseWORTHY, adj.** Ion-mholta, ion-mholaidh.
- PRAME, s.** Bata leathann, sgoth leathann.
- PRANCE, v. n.** Leum, gearr sùrdag, cèmnich gu h-uallach.
- PRANCING, s.** Leumnaich, gearradh shùrdag, sùrdagaich.
- PRANK, v. a.** Sgèamhaich, breaghaich, grinnich, dean grinn.
- PRANK, s.** Cleas, cleasachd, meamnadh, mac-mcamna, mire, beadradh, cuilbheart, droch cleas.
- PRANK, adj.** Cleasach, meamnach, mireagach, cuilbheartach.
- PRATE, v. n.** Dean goileam, dean lonais, dean faoin-chainnt, dean gobaireachd.
- PRATER, s.** Neach goileamach, fear goileim, fear bruidhneach, beul gun fhàitheam, gobair, glagair.
- PRATING, s.** Goileam, lonais, bruidhneachas, gobaireachd, glagaireachd.
- PRATINGLY, adv.** Gu goileamach, gu glagaireach, gu lonaisach.
- PRATTLE, s.** See Prate, s.
- PRATTLE, v. n.** See Prate, v.
- PRATTER, s.** See Prater.
- PRAVITY, s.** Truallidheachd, coirptheachd, aingidheachd.
- PRAxis, s.** See Practice, s.
- PRAY, v. a. et n.** Guidh, dean ùrnuigh, iarr, sir. I pray thee : guidhean ort.
- PRayer, s.** Ùrnuigh, guidheachd, guidhe, iarrtas, ath-chuinge.
- PRAYERBOOK, s.** Leabhar ùrnuigh.
- PRE, prefix.** Focal Laidinn, Roimh, roimhe.
- PREACH, v. a. et n.** Searmonaich, dean searmon.
- PReACHER, s.** Searmonaiche.
- PReACHING, s.** Searmon, searmonachadh.
- PReACQUAINTANCE, s.** Roimh-eòlas, roimh-aithne.
- PReADMONISH, v. a.** Roimh-chomhairlich, roimh-caralaich.
- PReAMBLE, s.** Roimh-ràdh, roimh-sgrìobhadh.
- PReAPPreHENSION, s.** Roimh-bheachd, roimh-bharail.
- PReAUDIENCE, s.** Roimh-éiseachd.
- PReCARIOUS, adj.** Neo-chinnteach, teagamhach, baoghalach.
- PReCARIOUSLY, adv.** See Precarious.
- PReCARIOUSNESS, s.** Neo-chinnteachd, teagamhachd, baoghalachd.
- PReCAUTION, s.** Faicill, furachras, roimh-aire, roimh-chùram.
- PReCAUTION, v. a.** Roimh-fheuch, roimh-chomhairlich, thoir rabhadh.
- PReCEDE, v. a.** Roimh-imich, rach roimhe, gabh toiseach air.
- PReCEDENCE, } s.** 1. Act or state of going before :
PReCEDENCY, } roimh-imeachd, toiseach. 2. ad-
justment of place : inbhe. 3. the foremost place
in ceremony : toiseach, tùs. 4. superiority : roimh-
inbhe, roimh-àit.
- PReCEDENT, adj.** Roimhe, air thoiseach, tùsach.
- PReCEDENT, s.** Roimh-riaghailt, riaghailt, eisimpleir.
- PReCEDENTED, adj.** Eisimpleireach.
- PReCENTOR, s.** Gille shalm, fear seinn, fear togail fuinn.
- PReCEPT, s.** Àithne, reachd, riaghailt.
- PReCEPTIVE, adj.** Reachdach, riaghailteach, àithneil.
- PReCEPTOR, s.** Fear foghlaim, oide-munaidh, oide-ionnsachaidh.
- PReCINCT, s.** See Boundary.
- PReCIOUS, adj.** Luachmhor, priseil, daor. In irony,
worthless : gun fhìù.
- PReCIOUSLY, adv.** See Precious.
- PReCIOUSNESS, s.** Luachmhorachd, prìsealachd.
- PReCIPICE, s.** Cas leathad, cas-bhruthach, creag, cas-chreag.
- PReCIPITANCE, } s.** Caise, braise, cabhag, deifir,
PReTIPITANCY, } bràisead, déine.
- PReCIPITANT, adj.** Cas, bras, dian, cabhagach, luath, neo-fhàicilleach.
- PReCIPITANTLY, adv.** See Precipitant.
- PReCIPITATE, v. a.** Tilg sìos, tilg an coinneamh a chinn, cabhagaich, deifrich.
- PReCIPITATE, v. n.** Tuit sìos, luidh sìos, siolaidh gu grunn.
- PReCIPITATE, adj.** See Precipitant.
- PReCIPITATELY, adv.** See Precipitate, adj.
- PReCIPITATION, s.** Tilgeadh sìos, tuitem cas, sioladh sìos, caise, braise.
- PReCIPITIOUS, adj.** Cas, corrach, creagach.
- PReCIPITOUS, adj.** 1. Headlong, steep : cas, corrach. 2. hasty, sudden, rash : cas, bras.

PRECIPITOUSLY, *adv.* See Precipitous.
PRECIPITOUSNESS, *s.* See Precipitance.
PRECISE, *adj.* Poncail, puncail, eagnaigh, eagarach, fuirneil, rudanach.
PRECISELY, *adv.* See Precise.
PRECISENESS, *s.* Poncalachd, puncalachd, eagnaigh-eachd, eagarachd, fuirnealachd.
PRECISIAN, *s.* Neach ro phuncail.
PRECISION, *s.* See Preciseness.
PRECLUDE, *v. a.* Dùin a mach, druid a mach, bac, cuir bacadh air.
PRECLUSION, *s.* Dùnadh a mach, druidealh a mach, bacadh, foimh-bhacadh.
PRECLUSIVE, *adj.* Bacail, foimh-bhacail, toirmeasgach.
PRECLUSIVELY, *adv.* See Preclusive.
PRECOCIOUS, *adj.* Ròimh-abuich, abuich foimh 'n àm, luathaireach.
PRECOCIOUSNESS, *s.* Ròimh-abuichead, luathaireachd.
PRECOCITY, *s.* See Precociousness.
PRECOGNITION, *s.* Ròimh-fhiosrachadh, foimh-fhìdreachadh.
PRECOMPOSE, *v. a.* Dean foimh làimh.
PRECONCEIT, *s.* Ròimh-bheachd, foimh-bharail.
PRECONCEIVE, *v. a.* Ròimh-bheachdaich, foimh-smuainich.
PRECONCEPTION, *s.* Ròimh-hheachd, foimh-bharail.
PRECONCERTED, *adj.* Ròimh-shuidhichte.
PRECONTRACT, *s.* Ròimh-chùmhnant, foimh-shuidheachadh.
PRECONTRACT, *v. a.* Ròimh-chumhantaich.
PRECURSE, *s.* Ròimh-ruith, foimh-ruitheadh.
PRECURSOR, *s.* Ròimh-ruith-fhear.
PRECURSORY, *adj.* Ròimh-ruitheach.
PRECURSORY, *s.* Ròimh-ràdh.
PREDACEOUS, *adj.* Faobhach, creachach, spùinnteach.
PREDAL, } *adj.* Spùinnteach, reubannach, creach-
PREDATORY, } ach, faobhach.
PREDECEASE, *v. a.* Ròimh-bhàsaich, foimh-chaochaill, faigh bàs foimh 'n fhear eile.
PREDECESSOR, *s.* Sinnsear, fear foimh-sheilbh, foimh-shealbhadair.
PREDESTINARIAN, *s.* Creidmheach an foimh-òrd-uchadh Dhé.
PREDESTINATE, *v. a.* Ròimh-òrduich.
PREDESTINATION, *s.* Ròimh-òrduchadh Dhé, foimh-thaghadh Dhé.
PREDESTINATOR, *s.* See Predestinarian.
PREDESTINE, *v. a.* Ròimh-òrduich, foimh-shònruidh.
PREDETERMINATE, *adj.* Ròimh-òrduichte, foimh-shònruidhte.
PREDETERMINATION, *s.* Ròimh-òrduchadh, foimh-shònrachadh.
PREDIAL, *adj.* Fearannach, a bhuineas do dh' fhearann.
PREDICABLE, *adj.* So-aithris, so-chur an cèill mu nì, no, neach.
PREDICAMENT, *s.* Cor, inbhe, ìre, gnè, òrdugh.
PREDICANT, *s.* Fear-aithris, fear-innseadh.
PREDICATE, *v. a. et n.* Abair, abair mu, innis, aithris, cuir an cèill mu.

PREDICATE, *s.* Tuairisgeul, aithris, ràdh.
PREDICATION, *s.* Innseadh, aithris, cur an cèill, iomradh.
PREDICT, *v. a.* Ròimh-innis, innis foimh-làimh, foimh-aithris.
PREDICTIVE, *adj.* Ròimh-innseach, foimh-aithris-each.
PREDICTOR, *s.* Ròimh-innsear, fear-foimh-innsidh, fàidh, fiosaiche.
PREDIGESTION, *s.* Ròimh-mheirbheadh, foimh-chnàmh.
PREDILECTION, *s.* Ròimh-thlachd, foimh-ghràdh.
PREDISPOSE, *v. a.* Ròimh-aom, foimh-uidheamaich, foimh-chàraich.
PREDISPOSITION, *s.* Ròimh-aomadh, foimh-uidheamachadh, foimh-chàradh.
PREDOMINANCE, } *s.* Barrachd, uachdranachd, làmh
PREDOMINANCY, } an uachdar, àrd-chomas, smachd,
 buaidh, ceannardas, ceannas.
PREDOMINANT, *adj.* Uachdranach, uachdranail, ceannasach, buadhach.
PREDOMINANTLY, *adv.* See Predominant.
PREDOMINATE, *v. a. et n.* Buadhaich, bi buadhach, glac ceannas, faigh ceannas.
PREELECT, *v. a.* Ròimh-thagh.
PREELECTION, *s.* Ròimh-thaghadh.
PREEMINENCE, *s.* Àrd-urram, òirdheirceas, àrd-inbhe, àrd-bhuaidh.
PREEMINENT, *adj.* Àrd-urramach, òirdheirc, àrd-inbheach, àrd-bhuadhach.
PREEMINENTLY, *adv.* See Preeminent.
PREENGAGE, *v. a.* Ròimh-chùmhnantaich, foimh-chòrd, foimh-cheangail.
PREENGAGEMENT, *s.* Ròimh-chùmhnant, foimh-cheangail, foimh-ghealladh.
PREESTABLISH, *v. a.* Ròimh-shuidhich, foimh-shocruidh.
PREESTABLISHMENT, *s.* Ròimh-shuidheachadh, foimh-shocruchadh.
PREEXAMINATION, *s.* Ròimh-cheasnachadh, foimh-fànnsachadh.
PREEXIST, *v. n.* Bi ann foimh nì, no, neach eile.
PREEXISTENCE, *s.* Ròimh-bhith, foimh-bheatha, foimh-bhèd.
PREEXISTENT, *adj.* Ròimh-bhitheach.
PREFACE, *s.* Ròimh-ràdh.
PREFACE, *v. a. et n.* Ròimh-abair, foimh-aithris.
PREFACER, *s.* Sgrìobhadair foimh-ràdh.
PREFATORY, *adj.* Ròimh-ràdhach.
PREFECT, *s.* Ceannaid, fear-dìona, fear-riaghlaidh.
PREFER, *v. a.* 1. More than another : thoir urram do, roghnaich, thoir an t-urram do. 2. exalt, raise : tog, àrdaich, thoir gu h-inbhe. 3. offer solemnly : taig, thoir seachad am follais. I prefer : is fearr leam.
PREFERABLE, *adj.* Ion-roghnaidh, ion-rognachaidh, roghanach, taghta.
PREFERABLENESS, *s.* Ion-roghnaidheachd, roghanachd.
PREFERABLY, *adv.* See Preferable.
PREFERENCE, *s.* Roghann, rognachadh, taghadh, roghanachd, urram.

PREFERMENT, *s.* Ardachadh, àrdachd, àrd-inbhe.
PREFIGURATE, *v. a.* Samhlaieli, foimh-shamhlach, cum a mach.
PREFIGURATION, *s.* Samhlachadh, foimh-shamhlachadh.
PREFIGURATIVE, *adj.* Ròimh-shamhlachail.
PREFIGURE, *v. a.* See Prefigure.
PREFIX, *v. a.* 1. Appoint beforehand: foimh-shònruich, foimh-shuidhich. 2. settle, establish: socruich, suidhich. 3. put before another: foimh-chuir, cuir foimhe.
PREFIX, *s.* Ròimh-fhoel.
PREFORM, *v. a.* Ròimh-dhealb, foimh-chum.
PREGNABLE, *adj.* So-ghlacaidh.
PREGNANCE, *s.* 1. State of being impregnated: torrachas. 2. inventive power: inneachd, enuasachd, tùr.
PREGNANCY, *s.* 1. With young: torrachas, leth-tromas, leth-tromachd. 2. fertility: torrachas, pailteachd. 3. inventive power: tùr, enuasachd, teomachd, inneachd.
PREGNANT, *adj.* 1. Breeding: torrach, torach, làn, troin. 2. fertile, impregnating: torach, tarbhach, solmhor. 3. full of consequence: tarbhach, cud-thromach, àraidh.
PREGNANTLY, *adv.* See Pregnant.
PREINSTRUCT, *v. a.* Ròimh-ionnsuich, foimh-theagaisg.
PREJUDGE, *v. a.* Ròimh-bhreithnich, thoir breth ròimh làimh.
PREJUDGMENT, *s.* Ròimh-bhreith, breth-foimh làimh, claoon-bhreith.
PREJUDICATE, *v. a. et n.* Ròimh-bhreithnich, thoir claoon-bhreith, claoon-bhreithnich.
PREJUDICATE, *adj.* Claoon-bhreitheach.
PREJUDICATION, *s.* Claoon-bhreitheachadh.
PREJUDICATIVE, *adj.* Claoon-bhreitheach.
PREJUDICE, *s.* 1. Prepossession, judgment beforehand: foimh-bhreith, claoon-bhreith, claoon-bhàigh. 2. mischief, detriment: cron, lochd, coire, dochann.
PREJUDICE, *v. a.* 1. Prepossess with unexamined opinions: cuir an droch bheachd, cuir an droch bharail, cuir an claoon-bhreith. 2. obstruct or injure by prejudice previously raised: dochainn le ròimh-bhreith, no, le claoon-bhreith. 3. injure or hurt: ciùrr, dochainn, lochdach.
PREJUDICIAL, *adj.* 1. Obstructed by means of opposite prepossessions: claoon-bhreitheach, leth-bhreitheach. 2. contrary, opposite: an aghaidh, an ceart aghaidh. 3. hurtful: cronail, ciùrtach, lochdach, aimhleasach.
PREJUDICIALNESS, *s.* Cronalachd, lochdalachd, ciùrtachd, aimhleasachd.
PRELACY, *s.* Easbuigeachd.
PRELATE, *s.* Easbuig.
PRELATESHIP, *s.* Easbuigeachd.
PRELATIC, } *adj.* Easbuigeach.
PRELITICAL, }
PRELITICALLY, *adv.* See Prelatic.
PRELECTION, *s.* Searmon, searmonachadh, leughadh òraid.

PRELECTOR, *s.* Searmonaiche, leughadair òraid.
PRELIMINARY, *adj.* Tòiseachail, ceud-thùsach.
PRELIMINARY, *s.* Ceud-thus, tòiseach, tùs-ghnothach.
PRELUDE, *s.* 1. Of music before a full concert: tùs-cheol, buille chiùil. 2. something introductory: tòiseach, tùs, foimh-gnothach, ròimh-chùis.
PRELUDE, *v. a. et n.* 1. Play before: ròimh-chluich, tog fonn. 2. be previous to: gabh tòiseach, ròimh-thaisbean.
PRELUSIVE, *adj.* Ròimh-làimh, ròimh-làimheach.
PRELUSORY, *adj.* Tòiseachail, tionnsgaicheach, tùsach.
PREMATURE, *adj.* Ròimh-abuich, ròimh-thràthail, an-tràthail.
PREMATURELY, *adv.* See Premature.
PREMATURITY, } *s.* Ròimh-abuichead, ròimh-thràthalachd, an-tràthalachd.
PREMEDITATE, *v. a.* Ròimh-thionnsgain, ròimh-bheachdaich, ròimh-chnuasach.
PREMEDITATE, *adj.* Ròimh-thionnsgaicheach, ròimh-chnuasachte.
PREMEDITATELY, *adv.* See Premeditate.
PREMEDIATION, *s.* Ròimh-thionnsgadh, ròimh-bheachdachadh, ròimh-chnuasachadh.
PREMERIT, *v. a.* Ròimh-thoill, ròimh-choisinn.
PREMICES, *s.* Ceud thoradh.
PREMIER, *adj.* Prìomh, ceannardach, tòiseach, àrd.
PREMIER, *s.* Ceannard chomhairleach, àrd-chomhairleach.
PREMISE, *v. a. et n.* 1. Explain previously: foimh-mhìnich, leag stèidh-mhineachaidh. 2. make antecedent propositions: tòisich, leag stèidh-labhairt, ròimh-stèidhich.
PREMISES, *s.* 1. Antecedently supposed or proved: ròimh-nìthe, ròimh fhìrinn. 2. houses, or lands: tighean, aitreabh, fearann.
PREMIUM, *s.* Duais, duais barrachd, leasachadh duais, saor-dhuais.
PREMONISH, *v. a.* Ròimh-chomhairlich, ròimh-earlach, thoir rabhadh.
PREMONSTRATE, *v. a.* Ròimh-thaisbean, ròimh-fheuch, ròimh-shoilleirich.
PREMONSTRATION, *s.* Ròimh-thaisbeanadh, ròimh-fheuchainn, ròimh-shoilleirachadh.
PREMUNITION, *s.* Ròimh-chunnail.
PRENOMINATE, *v. a.* Ròimh-ainmich.
PRENOMINATE, *adj. et part.* Ròimh-ainmichte.
PRENOMINATION, *s.* Ròimh-ainmeachadh.
PRENOTION, *s.* Ròimh-ainne, ròimh-fhios.
PRENTICE, *s.* See Apprentice.
PRENTICESHIP, *s.* See Apprenticeship.
PREOCCUPATION, *s.* 1. Anticipation: ròimh-ghabhail. 2. See Prejudice, s. 1, 2.
PREOCCUPY, *v. a.* Ròimh-ghabh, ròimh-ghlac.
PREOMINATE, *v. a.* Ròimh-innis, ròimh-fheuch, dean fiosachd.
PREOPINION, *s.* Ròimh-bheachd, ròimh-bharail.
PREOPTION, *s.* Ròimh-roghann, ceud roghann.
PREORDAIN, *v. a.* Ròimh-òrduich, ròimh-shònruich.
PREORDINATE, *part. adj.* Ròimh-òrduichte, ròimh-shònruichte.

PREORDINATION, *s.* Ròimh-òrduchadh, ròimh-shòn-ruchadh.

PREPARATION, *s.* 1. Act of preparing: uidheamachadh, deasachadh, ullachadh. 2. previous measures: ullachadh, tionnsgnadh, tionnsgnaidhean. 3. ceremonious introduction: ròimh-rabhadh, fàilte fhuirmeil. 4. by a regular process: ullachadh, gleusadh. 5. by process of operation: uidheam, acfhuinn.

PREPARATIVE, *adj.* Ullachail, deasachail.

PREPARATIVE, *s.* Ullachadh, uidheamachadh, gleusadh.

PREPARATORY, *adj.* Ullachail, ròimh-fheumail.

PREPARE, *v. a. et n.* Ullach, uidheamaich, gleus, deasaich, dean réidh, réitich.

PREPAREDNESS, *s.* Ullamhachd, deisealachd.

PREPARER, *s.* Fear-ullachaidh, fear-réiteachaidh, fear-uidheamachaidh, fear-gleusaidh.

PREPENSE, *v. a.* Ròimh-smuainich, ròimh-bheachdaich, rùnaich.

PREPENSE, *adj.* Ròimh-smuainichte, ròimh-bheachdaichte, suidhichte, rùnaichte.

PREPONDERANCE, *s.* Barrachd, barrachd cudthrom.

PREPONDERANCY, *s.* cothrom, barrachd cothrom.

PREPONDERATE, *v. a. et n.* 1. Outweigh: cothromaich, thoir barrachd le cudthrom, ana-cudthromaich. 2. by stronger influence: faigh buaidh, buadh-aich air, ceannaich, faigh làmh an uachdar.

PREPOSE, *v. a.* Ròimh-chuir, cuir ròimh.

PREPOSITION, *s.* Ròimh-bhriathar, ròimh-fhocal, corrfhocal.

PREPOSSESS, *v. a.* Ròimh-ghabh, ròimh-ghlac, ròimh-shealbhaich.

PREPOSSESSION, *s.* 1. Preoccupation: ròimh-sheilbh, ròimh-shealbhachadh. 2. See Prejudice, 1, 2.

PREPOSSESSOR, *s.* Ròimh-shealbhadair.

PREPOSTEROUS, *adj.* Docharach, baoghailta, iomrallach, amaideach, eu-céillidh.

PREPOSTEROUSLY, *adv.* See Preposterous.

PREPOSTEROUSNESS, *s.* Docharachd, baoghaltachd, iomrallachd, eu-céillidheachd.

PREREQUIRE, *v. a.* Ròimh-iarr, ròimh-thogair.

PREREQUISITE, *adj.* Ròimh-fheumail.

PREREQUISITE, *s.* Ròimh-ghoireas.

PRERESOLVE, *v. a.* Ròimh-rùnaich, ròimh-shuidhich.

PREROGATIVE, *s.* Sochair, dlìghe, còir-dhlìghe.

PREROGATIVED, *adj.* Aig am bheil còir dhlìgheach, dlìgheachail.

PRESAGE, *s.* Comharradh, sanas, manadh, fàisneachd.

PRESAGE, *v. a.* Ròimh-innis, ròimh-thaisbean, targair, dean fiosachd, thoir sanas.

PRESAGEFUL, *adj.* Targrach, manadhail, fiosachail, sanasach.

PRESAGER, *s.* Fear-targraidh, fiosaiche, fear-ròimh-innsidh.

PRESBYTER, *s.* Cléireach, fear cléire, ministear, pears-eaglais.

PRESBYTERIAL, *adj.* Cléireach, cléireachail.

PRESBYTERIAN, *s.* See Presbyter.

PRESBYTERY, *s.* Cléir.

PRESCIENCE, *s.* Ròimh-eòlas, ròimh-fhiosrachd, ròimh-aithe.

PRESCIENT, *adj.* Ròimh-fhiosrach, ròimh-eòlach, PRESCIOUS, *f* fàisneachail.

PRESCRIBE, *v. a. et n.* Orduich, àithn, seòl, thoir seòladh do, cuir ròimh.

PRESCRIBER, *s.* Fear-òrduchaidh, fear-àithnidh, fear-seòladh.

PRESCRIPT, *adj.* Òrduichte, àithnichte, seòlta.

PRESCRIPT, *s.* Seòladh, òrdugh, riaghailt, riagh-

PRESCRIPTION, *f* ailt léigh.

PRESENCE, *s.* 1. State of being present: làthaireachd, làthair. 2. approach face to face to a great personage: dàil, còir, làthair. 3. a number assembled before a great person: làthair, sealladh. 4. mien, demeanour: dreach, tuar, aogas, dealbh, cruth. 5. room in which a prince shews himself: seòmar làthaireachd. 6. quickness at expedients: ealamhachd, teòmachd, tapachd.

PRESENTATION, *s.* Ròimh-fhaireachadh, ròimh-PRESENTION, *f* fhiosrachd, ròimh-bheachd.

PRESENT, *adj.* 1. Not absent, at hand: a làthair, dlùth, làthaireach, aig làmh. 2. not future: 's an àm, 's a' cheart àm. 3. quick in emergencies: ealamh, aig làmh. 4. favourably attentive, propitious: dlùth do, fàbharach, caoimhneil, taiceil. 5. unforgotten, not neglectful: cuimhneach, an cuimhne. 6. not absent of mind, attentive: faicilleach, cùramach, fùrachail. 7. now under consideration: a làthair, 's a' bheachd, fuidh bheachd.

PRESENT, *s.* Tìodhlac, tìodhlacadh, gift, àraig.

PRESENT, *v. a.* 1. In the presence of a superior: thoir an làthair, cuir 's an làthair. 2. to view, or notice: nochd, taisbean, seall. 3. offer, exhibit: feuch, taig, seall. 4. give formally and ceremoniously: taig, tabhair. 5. favour with gifts: tìodhlac, thoir seachad, thoir do. 6. prefer to ecclesiastical benefits: builich air, thoir còir do. 7. offer openly: taig. 8. lay before a court: nochd, taisbean, thoir 's an fhianuis.

PRESENTABLE, *adj.* So-bhuileachaidh, so-thaisbeanaidh, so-nochdaidh.

PRESENTATION, *s.* Tairginn, buileachadh, tabhairt, taisbeanadh, nochdadh, cur 's an làthair.

PRESENTEE, *s.* Neach a fhuair còir air beathachadh eaglais.

PRESENTLY, *adv.* 'S a' cheart àm, an ceart uair, air an uair, gu grad, gu luath.

PRESENTMENT, *s.* Ròimh-bheachd, ròimh-bharail, ròimh-fhaireachadh.

PRESENTMENT, *s.* Tabhairt, taisbeanadh, nochdadh, sealladh.

PRESENTNESS, *s.* Ealamhachd, cliseachd, graide, teòmachd, tapachd.

PRESERVABLE, *adj.* So-ghleidhidh, so-choimheid, so-thasgaidh.

PRESERVATION, *s.* Gleidheadh, coimhead, dìon, tasgaidh, saoradh, tèarnadh.

PRESERVATIVE, *s.* Cungaidd ghleidhidh, leigheas, cungaidd-leighis.

PRESERVE, *v. a.* 1. Save, defend from destruction, or any evil: saor, teasairg, dìon, tèarn, glèidh. 2.

season fruits, or other vegetables, with sugar, or pickles: gróidh, dean suas le cungaiddhibh.

PRESERVE, *s.* Meas gréidhte, meas gléidhte.

PRESERVER, *s.* Fear-teasairginn, fear-dionaidh.

PRESIDE, *v. n.* Riaghail, riaghailtich, bí air cheann.

PRESIDENCY, *s.* Riaghlaircachd, riaghladh, ceannardachd.

PRESIDENT, *s.* Fear-riaghlaidh, riaghlair, ceann-suidhe, fear ùghdarrais.

PRESIGNIFICATION, *s.* Róimh-sheadh, róimh-sheadhachadh, róimh-chiallachadh.

PRESIGNIFY, *v. a.* Róimh-sheadhaich, róimh-chiallaich.

PRESS, *v. a. et n.* 1. Squeeze, crush: fàisg, bruth. 2. distress, crush with calamities: claoidh, sàruich. 3. constrain, compel: éignich, comh-éignich. 4. impose by constraint: cuir air, éignich air. 5. drive by violence: iomair, fogair. 6. with argument, or importunity: sparr, cuir impidh air. 8. compress, hug, as in embracing: fàisg. 9. act upon with weight: bruth. 10. with violence to any object: pùc, iarr air aghairt. 11. make invasion, encroach: thoir ionnsuidh. 12. urge with vehemence and importunity: cuir impidh air. 13. act upon, or influence: thoir air.

PRESS, *s.* 1. By which any thing is pressed or squeezed: bruthadair, inneal-bruthaidh, inneal fàsgaidh. A wine press: amar fiona. 2. with which books are printed: clòdh-chlàir. 3. crowd, tumult, throng: dòmhlaich, mùchadh. 4. violent tendency: déine, braise. 5. for clothes and other uses: sceilp-lann. 6. a cheese press: fiodhan.

PRESSER, *s.* Fear-teannachaidh, fàisgeadair, bruthadair.

PRESSGANG, *s.* Buidhean ghlaicadh.

PRESSION, *s.* Bruthadh, fàsgadh.

PRESSMAN, *s.* 1. One who forces another into service: fear-glacaidh. 2. one who makes the impression of print by the press: fear-clòdh-bhuailaidh.

PRESSMONEY, *s.* Airgiod-glacaidh.

PRESSURE, *s.* Bruthadh, fàsgadh, teannachadh, éigin, ainneart, comharradh.

PRESTIGES, *s.* Cleasachd, dubh-chleasachd, meallt-airéachd.

PRESTIGATION, *s.* Cleasachd, dubh-chleasachd, mealladh.

PRESTIGIOUS, *adj.* Cleasachail, dubh-chleasachail, cuilbheartach.

PRESTO, *adv.* Grad, gu grad, gu luath.

PRESUMABLE, *adj.* So-shaoilsinn, so-smuaineachaidh.

PRESUME, *v. a.* 1. Believe previously: róimh-chreid, róimh-bheachdaich. 2. without immediate proof: abair gun dearbhadh, gabh gun dearbhadh, gabh mar fhlirinn. 3. without positive leave: gabh ort, gabh dānadas ort, gabh mar dhānadas ort. 4. form arrogant opinions: balaich, faoin-smuainich. 5. make arrogant attempts: thoir ionnsuidh, ladarna, thoir dān-ionnsuidh.

PRESUMER, *s.* 1. One that presupposes: fear róimh-chreidsinn, fear róimh-smuaineachaidh. 2. an ar-

rogant, or presumptuous person: fear dāna, fear ladarna.

PRESUMPTION, *s.* 1. Previously formed: róimh-bheachd, róimh-bharail, róimh-smuain. 2. upon any thing presupposed: faoin-bheachd, faoin-dhānadas. 3. an argument strong, but not demonstrative: aobhar cudthromach, coltas cudthromach. 4. arrogance, confidence: dānadas, an-dānadas, ladarnas, brath. 5. unreasonable confidence of divine favour: dall carbsa.

PRESUMPTIVE, *adj.* 1. By previous supposition: róimh-smuainichte, róimh-bharalaichte. 2. supposed: a féir barail, a féir coslais, coslach, coltach. 3. arrogant: dāna, ladarna, an-dāna.

PRESUMPTIVELY, *adv.* See Presumptive.

PRESUMPTUOUS, *adj.* 1. Arrogant, insolent: an-dāna, ladarna, dalma. 2. irreverent with respect to holy things: ain-diadhaidh, neo-urramach.

PRESUMPTUOUSLY, *adv.* See Presumptuous.

PRESUMPTUOUSNESS, *s.* An-dānachd, ladarnas, dalmachd.

PRESUPPOSAL, *s.* Róimh-bheachd, róimh-bharail.

PRESUPPOSE, *v. a.* Róimh-bharalaich, róimh-bheachdaich.

PRESUPPOSITION, *s.* Róimh-bharail róimh-bheachd.

PRETENCE, *s.* 1. A false argument: leisgeul, sgáth, faoin-sgeul. 2. act of shewing what is not real: feall-airthis, feall-iomradh. 3. assumption: cur an ire, gabhail air féin. 4. claim, true or false: agartas.

PRETEND, *v. a. et n.* 1. Hold out, stretch forward: sin, sin a mach. 2. make false appearances or representations: leig ort, gabh ort. 3. show hypocritically: meall, deann mealladh, gabh feall-choltas. 4. claim: agair, tagair. 5. put in a claim, truly or falsely: dean tagradh. 6. profess presumptuously: gabh ort gu dāna.

PRETENDER, *s.* 1. Who lays claim to any thing: tagrair, fear agairt cōrach. 2. (in English history): rìgh Seumas an seachdamh, no, Prionns' Tèarlach.

PRETENDINGLY, *adv.* Gu dāna, gu dalma, gu ladarna.

PRETENSIONS, *s.* 1. Claim, true or false: agartas, cōir, samhlaidh cōrach. 2. fictitious appearance: coslach, faoin-choltas.

PRETERIT, *adj.* Scach, a chaidh seachad, air dol seachad.

PRETERMIT, *v. a.* Rach thairis air, leig seachad, leig thairis.

PRETERNATURAL, *adj.* Mi-hàdurra, neo-àbhaiseach, os ceann nàduir.

PRETERNATURALLY, *adv.* See Preternatural.

PRETEX, *v. a.* Còmhdaich, folaic, ceil.

PRETEXT, *s.* Còmhdaich, folaic, ceil, leisgeul.

PRETOR, *s.* Breitheamh Ròmanach, ceannard baile mòir.

PRETTILY, *adv.* See Pretty.

PRETTINESS, *s.* Grinneas, breaghachd, bòidhchead, bòidhche.

PRETTY, *adj.* Grinn, breagha, bòidheach, luireach, laoghach.

PRETTY, adv. An eatorras. Pretty small : car beag. Pretty great : car mòr.

PREVAIL, v. a. Buadhach, coisinn, faigh buaidh, faigh làmh an uachdar. Prevail *upon* : cuir impidh air.

PREVAILING, adj. Comasach, éifeachdach, neartmhor, buadhach.

PREVALENCE, } s. Buaidh, buadhachd, cumhachd, **PREVALENCY, }** comas, éifeachd, neartmhorachd, treise.

PREVALENT, adj. Buadhach, cumhachdach, comasach, éifeachdach, neartmhor.

PREVALENTLY, adv. See Prevalent.

PREVARICATE, v. a. et n. Truail, mill, breugnaich.

PREVARICATION, s. Truailleadh, milleadh, breugnachadh.

PREVARICATOR, s. Fear-truailidh, fear-breugnachaidh, breugair.

PREVENE, v. a. Bac, grab, cum air ais, cuir stad air.

PREVENT, adj. 1. Going before : roimh-shiubhlach, roimh-imeachdail. 2. preventive : bacail, amalach, grabail.

PREVENT, v. a. et n. 1. Go before as a guide, go before : roimh-imich, seòl an rathad, thoir iùl do. 2. be before : roimh-imich, roimh-ghluais. 3. anticipate : roimh-ghabh, roimh-ghlac, gabh toiseach air. 4. preoccupy : roimh-ghlac, roimh-shealbhaich, roimh-oidhirpich. 5. hinder, obstruct : bac, grab, amail, toirmisg. 6. come before the time : roimh-thig, thig roimh an àm.

PREVENTER, s. 1. One that goes before : roimh-ruithfhear. 2. one that hinders, an hinderer, an obstructer : fear-bacaidh, fear-grabaidh, fear-amalaidh.

PREVENTION, s. 1. Act of going before : roimh-imeachd, roimh-ruith. 2. preoccupation, anticipation : roimh-ghabhail, roimh-shealbhaich, roimh-ghlacadh. 3. hindrance, obstruction, bacadh, grabadh, amladh.

PREVENTIONAL, } adj. 1. Tending to hinder : bac-
PREVENTIVE, } ail, grabail, amalach. 2. preservative, hindering ill : dìonadh, dìdeanach, teas-airgeach.

PREVENTIVE, s. Leighas-grabaidh, cungaidh phillidh, dìon.

PREVENTIVELY, adv. See Preventive.

PREVIOUS, adj. Air thoiseach, roimh, air thùs, a' dol roimhe.

PREVIOUSLY, adv. See Previous.

PREVIOUSNESS, s. Tùs, tùsachd.

PREWARN, v. a. See Premonish.

PREY, s. 1. Something to be devoured, something to be seized : creach, cobhartach. 2. ravage, depredation : spùinneadh, creachadh, reubainn, milladh. 3. an animal of prey : ainmhidh fuileachdach.

PREY, v. n. 1. Feed by violence *on* : thig beò air, beathaich air. 2. plunder, rob, with *on* : spùinn, creach. 3. corrode, waste, with *on* : ith suas, cnàmh.

PREYER, s. Fear-spùinnidh, spùinneadair, creachadair.

PRICE, s. 1. Equivalent paid for any thing : luach. 2. value, estimation, supposed excellence : luach, spéis, urram. 3. rate at which a thing is sold : luach, pris. 4. reward, thing purchased by merit : duais, luach saothrach.

PRICE, v. a. 1. Pay for : diol, òc, pàidh. 2. value, estimate : meas, cuir luach air.

PRICELESS, adj. Gun luach, os ceann luach.

PRICK, v. a. et n. 1. With a small puncture : bior, stob, loit. 2. erect with an acuminate-point : dean biorach, bior, bioraich. 3. fix by the point : sàth, sàth air a foinn. 4. hang on a point : croch air roinn. 5. nominate by a puncture : comharrach, cuir comharradh air. 6. spur, incite : spor, stuig, brosnuich. 7. with remorse : gon, bior. 8. make acid : dean goirt, dean searbh. 9. dress one's self for show : grinnich, no sgeadaich thu féin. 10. gallop : thig gu grad, thig cas air, thig 'n ad dheann. 11. aim at a point, mark, or place : cuimsich air, caog ri.

PRICK, s. 1. By which a puncture is made : stob, bior. 2. in the mind : dealg, gonadh, agartas coguis. 3. at which archers aim : cuspair, ball amais, comharradh. 4. a point, a mark : comharradh, ball. 5. a puncture : bioradh, brodadh. 6. the print of a hare in the ground : lorg maigh-eich.

PRICKET, s. Damh féidh dà-bhladhach.

PRICKING, s. Bioradh, gonadh.

PRICKLE, s. Bior, dealg, calg, colg.

PRICKLINESS, s. Dealgachd, colgachd.

PRICKLY, adj. Biorach, guineach, galgach, dealgach.

PRIDE, s. 1. Inordinate self esteem : àrdan, uabhar, uail, straic, pròis, moit, uaibhreachas. 2. insolence : uabhar, smachd, smachdalachd, mòr-chuis. 3. dignity of manner : mòr-chuis, àrdan, uail. 4. generous elation of heart : spiorad, àrd-aigeadh, àrd-inntinn. 5. elevation, dignity : àirde, mòrachd. 6. ornament, decoration : grinneas, sgeadachadh, uidheam. 7. splendour, ostentation : greadhnachas, spagluinn, ràiteachas, mòr-chuis.

PRIDE, v. a. Dean moiteil, dean uail á, àrdaich thu féin.

PRIER, s. Fear dian sgrùdaidh, fear beadaidh.

PRIEST, s. Sagart.

PRIESTCRAFT, s. Cuilbheart shagartais, cléir-chuilbheart.

PRIESTRESS, s. Ban-shagart.

PRIESTHOOD, s. Sagartachd.

PRIESTLIKE, adj. See Priestly.

PRIESTLINESS, s. Coltas sagairt, sagartalachd.

PRIESTLY, s. Sagartach, sagartail.

PRIESTRIDEN, adj. Fuidh chung shagart, fuidh àilghios nan sagart.

PRIG, v. n. Tiolp, teum, dean mion ghoid.

PRIG, s. 1. A thief : mèirleach, gaduich. 2. a pert, pragmatical little fellow : beadagan, fear beag beadaidh.

PRIM, adj. Fuirmeil, leòmach, eagarach, frionasach, rudanach, sgeilmel.

PRIM, v. a. Dean leòmach, dean rudanach, dean sgeilmel.

PRIMACY, *s.* 1. Excellency, supremacy: prìomhachd, àrd-urramachd. 2. the chief ecclesiastical station: àrd-shagartachd.

PRIMARILY, *adv.* See Primary.

PRIMARINESS, *s.* Prìomhachd, toiseach, tùsachd.

PRIMARY, *adj.* Ceud, prìomh.

PRIMATE, *s.* Àrd shagart, àrd-casbuig, ceannard eaglais.

PRIMATESHIP, *s.* Àrd-shagartachd, àrd-easbuigeachd, ceannardachd-eaglais.

PRIMATICAL, *adj.* Àrd-shagartach, àrd-easbuigeach.

PRIME, *s.* 1. Of the day, dawn: òg-mhaduinn, camhanach, briseadh na faire, moch-thrath. 2. the beginning: ceud aimsir, òg-aimsir. 3. the best part: taghadh, roghadh. 4. the spring of life: blàth-aimsir, blàth òige, tréine neirt. 5. spring: ùr-flas, earrach. 6. of perfection: foirfeachd, àrd-choimhliontachd, lànachd. 7. beginning: tùs, toiseach.

PRIME, *adj.* 1. Early, blooming: moch, tràthach, blàthmhor, ùr-flasach. 2. principal, first-rate: prìomh, deadh, sònruichte, gasda. 3. first, original: ceud, tùsach. 4. excellent: òirdheire, urramach.

PRIME, *v. a. et n.* 1. Charge the pan of a gun: cuir a stigh fùdar clais. 2. lay the ground to be painted: ceud-dhreac, leag a' cheud dath.

PRIMELY, *ade.* See Prime, *adj.*

PRIMENESS, *s.* 1. State of being first: tùs, tùsachd, toiseach. 2. excellence: òirdheirceas, urram.

PRIMER, *s.* 1. An office of the Virgin Mary: leabhar ùrnuigh do Mhuire. 2. for children: leabhar cloinne.

PRIMEVAL, } *adj.* Sean-aimsireil, arsaidh, sean-PRIMEVOUS, } ghnàthach, ceud-aimsireil.

PRIMITIVE, *adj.* 1. Ancient, original: prìomh, toiseachail, tùsach, air thoiseach, o thoiseach. 2. formal: foirmeil, eagarach, stàil. 3. original, not derivative: prìomh, bunail, fìor.

PRIMITIVE, *s.* Bun-flocal, fìor-flocal.

PRIMITIVELY, *adv.* See Primitive, *adj.*

PRIMITIVENESS, *s.* Prìomhachd.

PRIMITY, *s.* Prìomhachd, tùsachd.

PRIMENESS, *s.* Puncalachd, cagarachd, fuirmealachd, frìonasachd.

PRIMOGENIAL, *adj.* Ceud-ghinte, ceud-bhreitheach.

PRIMOGENITOR, *s.* Sinnsear, ceud sinnscar.

PRIMOGENITURE, *s.* Sinnsirachd, ceud-sinnsirachd, ceud-aois, tùs aois.

PRIMOGENITURESHIP, *s.* Còir sinnsearachd, còir aoise, còir seanachd, aois-dhlìghe.

PRIMROSE, *s.* Sobhlrach, sobhrag.

PRIMY, *adj.* Ùr-flasach, fuidh bhlàth.

PRINCE, *s.* Prionnsa, mac rìgh, flath, uachdaran, riaghlaire, ceannard.

PRINCEDOM, *s.* Prionnsachd.

PRINCELIKE, *adj.* Prionnsail.

PRINCELINESS, *s.* Prionnsalachd.

PRINCELY, *adj.* Prionnsail, flathail, àrd-fhlathail, mòr.

PRINCESS, *s.* Ban-phrionnsa, no, bean prionnsa.

PRINCIPAL, *adj.* Ceud, prìomh, àraidh, sònruichte.

PRINCIPAL, *s.* Ceannard, fear riaghlaidh, uachdaran, ceann.

PRINCIPALITY, *s.* Uachdranachd, cumhachd, ceannardachd.

PRINCIPALLY, *adv.* See Principal.

PRINCIPALNESS, *s.* Prìomhachd, àraidheachd.

PRINCIPLE, *s.* 1. Element, constituent part: dàil. 2. original cause: màthair-aobhair, aobhar. 3. being productive of other being: bun, frumh, gineadair. 4. fundamental truth: fìrinn shuidhichte, stéidh. 5. ground of action: aobhar, fàth, ceud-fàth. 6. on which morality is founded: bun, buaidh, ceart, ceartas, còir.

PRINCIPLE, *v. a.* Suidhich, stéidhich, socruich 's an inninn.

PINCOCK, } *s.* Gogan, baoth-fhear, sgaogan.
PRINCOCK, }

PRINT, *v. a.* 1. By pressing any thing upon another: comharrach. 2. so as to leave its form: dreac, cuir dealbh air, cùinn. 3. by impression: cùinn. 4. make books: clòdh-bhuail.

PRINT, *s.* 1. Made by impression: comharradh, ailt, lorg. 2. that which leaves its form: inneal comharrachaidh, laghadair. 3. picture cut in wood, or copper: dealbh clòdh-bhuailte. 4. state of being published by the printer: clòdh, clòdh-bhualadh.

PRINTER, *s.* Clòdh-bhualadair, fear-clòdh-bhualaidh.

PRINTING, *s.* Clòdh-bhualadh.

PRINTLESS, *adj.* Gun comharradh, gun lorg.

PRIOR, *adj.* See Former.

PRIOR, *s.* Àrd mhanach, ceannard mhanach, aba.

PRIORESS, *s.* Ban-aba, ban-cheannard chailleacha dubha.

PRIORITY, *s.* See Precedence.

PRIORLY, *adj.* See Formerly.

PRIORSHIP, *s.* Abachd.

PRIORY, *s.* Comunn mhanach, abaid.

PRISM, *s.* Gloine thri-òisinnach, gloine-sgaraidh gathan solais.

PRISON, *s.* Gainntir, carcar, prìosan, tigh-braighdeanais.

PRISON, *v. a.* See Imprison.

PRISONER, *s.* Prìosanach, ciomach, braighde, fear glacta.

PRISON-HOUSE, *s.* See Prison.

PRISONMENT, *s.* Prìosanachd, prìosanachadh.

PRISTINE, *adj.* Sean, sean-aimsireil, arsaidh.

PRITHEE, Guidheam ort, guidheam.

PRIVACY, *s.* Uaigneachd, aonarachd, dìomhaireachd, ceilt, folach, cleith.

PRIVATE, *adj.* Uaigneach, dìomhair, foluichte, neo-fholluiscach, neo-choitcheinn.

PRIVATE, *s.* Saighdear, fear-catha.

PRIVATEER, *s.* Long-spùinnidh, long-chreachaidh.

PRIVATEER, *v. a.* Cuir a mach long-chreachaidh.

PRIVATELY, *adv.* See Private.

PRIVATENESS, *s.* See Privacy.

PRIVATE, *s.* 1. Removal or destruction of any thing, or quality: toirt air falbh, dìobhail, call, òis, casbhuidh, uircsbhuidh. 2. act of de-

grading from rank or office : leagadh, cur á dreach, masladh.

PRIVATIVE, *adj.* Diobhaileach, a' toirt air falbh, dosgainneach.

PRIVATIVELY, *adv.* See Privative.

PRIVATIVENESS, *s.* Diobhaileachd, dosgainneachd.

PRIVILEGE, *s.* Sochair, dlìghe, còir.

PRIVILEGE, *v. a.* Builich sochair air, thoir sochair do, saor o chis.

PRIVILY, *adv.* See Privy, *adj.*

PRIVITY, *s.* 1. Private communication : dìomhair-eachd, fios dìomhair, rabhadh dìomhair. 2. privacy ; which see. 3. *pl.* buill dìomhair.

PRIVY, *adj.* 1. Not public : dìomhair, uaigneach. 2. clandestine : so ìosal, uaigneach. 3. conscious to : fiosrach, fiosrach air.

PRIVY, *s.* Tigh dìomhaireachd, tigh cae.

PRIZE, *s.* 1. Reward gained : duais, geall. 2. taken by adventure, plunder : creach, cobhartachd.

PRIZE, *v. a.* Meas, cuir mòr mheas air, cuir luach air.

PRIZER, *s.* 1. One that values : fear meas. 2. one who contends for a prize : fear comh-gheall, fear-comhstri air son duais.

PRO, *prep.* (Focal Laidinn) air son, as leth.

PROBABILITY, *s.* Coslach, coslachd, coltasachd, leth-dhearbhadh.

PROBABLE, *adj.* 1. Likely : coslach, coltachail. 2. that may be proved : so-dhearbhadh, so-dhearbhta.

PROBABLY, *adv.* See Probable.

PROBATE, *s.* Dearbhadh, còmhach, dèanamh a mach, daingneachadh.

PROBATION, *s.* Dearbhadh, feuchainn, deuchainn.

PROBATIONARY, *adj.* Deuchainneach, a' dearbhadh.

PROBATIONER, *s.* Fear air dheuchainn, deuchainniche.

PROBE, *s.* Bior tomhais lotan.

PROBE, *v. a.* Sir, iarr, rannsach, sir gu grunn.

PROBITY, *s.* Còir, còirachd, fìrinn, treibhdhreas.

PROBLEM, *s.* Ceist.

PROBLEMATIC, *adj.* Ceisteach, teagamhach, neo-chinnteach.

PROBOSCIS, *s.* Gnòs, cliobain, clibean, soc fada.

PROCACIOUS, *adj.* See Petulant.

PROCACITY, *s.* See Petulancy.

PROCEDURE, *s.* Dòigh, stiùradh, riaghailt.

PROCEED, *v. a.* 1. From one thing or place to another : imich, gluais. 2. go forward : rach air aghaidh. 3. come forth : thig a mach, rach a mach. 4. issue, arise : rach a mach, sruth, tàrmaich, éirich o. 5. prosecute any design : cuir air aghaidh. 6. make progress : thig air aghaidh. 7. carry on juridical process : cuir air aghaidh. 8. act, carry on an affair : dèan, cuir air aghaidh. 9. be propagated : thig o, siolach, tàrmaich.

PROCEED, *s.* Toradh, teachd a mach.

PROCEEDER, *s.* Fear teachd air aghaidh.

PROCEEDING, *s.* Dol, imeachd, siubhal, teachd air aghaidh.

PROCESS, *s.* 1. Tendency : aomadh, dol air aghaidh. dol, siubhal, gluasad. 2. regular or gradual pro-

cess : dol air aghaidh, gluasad. 3. course : sruth, sruthadh. 4. methodical management of any thing : seòl, dòigh, innleachd. 5. course of law : cùis lagha.

PROCESSION, *s.* Mòr-chuideachd, mòr-buidheann siubhal, sealladh.

PROCLAIM, *v. a.* Glaoth, foillsich, éigh.

PROCLAIMER, *s.* Fear glaothaich, fear-foillseachaidh, éigheadair.

PROCLAMATION, *s.* Glaothaich, foillseachadh, éigheadh.

PROCLIVITY, *s.* Aomadh, claonadh, togradh, déigh, toigh, nìann, ealamhachd.

PROCRASTINATE, *v. a. et n.* Dean dàil, cuir dàil ann, bi màirnealach.

PROCRASTINATION, *s.* Deanamh dàil, cur dàil, màirneal, màirnealachd.

PROCREANT, *adj.* Gineadail, torrach, torach, siolmhor, sìochdmhor.

PROCREATE, *v. a.* Gin, siolach, dèan.

PROCREATION, *s.* Gineamhuinn, siolachadh.

PROCREATIVENESS, *s.* Gineadalachd, siolmhorachd, sìochdmhorachd.

PROCREATOR, *s.* Gineadair, athair, no, màthair.

PROCTOR, *s.* Fear gnothach, fear ionaid.

PROCTORSHIP, *s.* Dreuchd air ionaid.

PROCURABLE, *adj.* So-fhaotainn.

PROCURACY, *s.* Riaghladh glinothachan, dreuchd air ionaid.

PROCURATION, *s.* 1. Faotainn, faghail. 2. See Procuracy.

PROCURATOR, *s.* Fear gnothaich, fear-tagraidh.

PROCURE, *v. a.* Faigh, coisinn, thoir a mach, buannaich.

PROCUREMENT, *s.* Faghail, faotainn.

PROCURER, *s.* Fear faotainn, fear faghail, fear solair.

PROCURESS, *s.* Bean-sholar striopach.

PRODIGAL, *adj.* Struidheil, caithteach, ana-measarra, sòghmhor.

PRODIGAL, *s.* Struidhear.

PRODIGALITY, *s.* Struidh, struidhealachd.

PRODIGALLY, *adv.* See Prodigal, *adj.*

PRODIGIOUS, *adj.* Uamhasach, anabarrach, còrr, eagalach.

PRODIGIOUSLY, *adv.* See Prodigious.

PRODIGIOUSNESS, *s.* Uamhasachd, anabarrachd, eagalachd, aibheiseachd.

PRODIGY, *s.* Mìorbhuil, iongantas, neònachas, uamhas.

PRODITON, *s.* Brath, brathadh.

PRODUCE, *v. a.* 1. To the view or notice : thoir 's an làthair, nochd, taisbean. 2. to the public : foillsich, feuch do, seall. 3. as an evidence : thoir mar fhianais. 4. bring forth, extend, lengthen : cuir am fad.

PRODUCE, *s.* Toradh, meas.

PRODUCER, *s.* Gineadair.

PRODUCTIBLE, *adj.* So-nochdaidh, so-thaisbeanaidh.

PRODUCT, *s.* Toradh, suim, tomad, fàs, cinntinn, àireamh, obair.

PRODUCTION, *s.* Dèanamh, obair, toirt a mach, toradh.

PRODUCTIVE, *adj.* See *Fertile*.

PROEM, *s.* Roimh-ràdh.

PROFANATION, *s.* Mi-naomhachadh.

PROFANE, *adj.* Mi-naomh, truaillich.

PROFANE, *v. a.* Mi-naomhaich, truail.

PROFANELY, *adv.* See *Profane*, *adj.*

PROFANENESS, *s.* Mi-naomhachd, truaillicheachd.

PROFANER, *s.* Fear mi-naomhachaidh.

PROFESS, *v. a. et n.* Aidich, cuir an cèill, nochd, taisbean, dean aidealachadh.

PROFESSEDLY, *adv.* Gu follaiseach.

PROFESSION, *s.* 1. Known employment : gairm, càird, obair, dreuchd, ealldhain. 2. declaration : aidealachadh.

PROFESSIONAL, *adj.* Ceàrdeach, a bhuineas do cheàird.

PROFESSIONALLY, *adv.* See *Professional*.

PROFESSOR, *s.* 1. Of any opinion, or party : fear-aidmheil, fear-aidealachaidh. 2. who practises or teaches : fear-teagaisg, a' fhear-foghlum.

PROFESSORSHIP, *s.* Ionad fir-teagaisg, dreuchd àrd fhir-foghlum.

PROFFER, *v. a.* Taig, thoir taigse, feuch, oidhirpich.

PROFFER, *s.* 1. Made : taigse. 2. attempt : deuchainn, oidheirp, ionnsuidh.

PROFFERER, *s.* Fear-taigse, fear-tabhairt.

RENEGADE, *s.* 1. An apostate: fear-tréigsim a' RENEGADO, } chridimh, fear-cùl-sleamhnachaidh. 2. See Deserter.

RENEW, *v. a.* 1. Renovate: ath-nuadhach, ath-ùrach, ùrach. 2. repeat: dean a fìs, ath-ùrach. 3. begin again: ath-thòisich. 4. (in theology), transform to new life: ath-nuadhach, ath-ùrach.

RENEWABLE, *adj.* So-ath-nuadhachaidh, so-ùrachaidh.

RENEWAL, *s.* Ath-nuadhachadh, ath-ùrachadh.

RENEWER, *s.* Fear-ath-nuadhachaidh, fear-ath-ùrachaidh.

RENNET, *s.* Binid, bindeachadh, dèasgainn.

RENOVATE, *v. a.* See Renew.

RENOVATION, *s.* Ath-nuadhachadh, ath-ùrachadh, ùrachadh.

RENOUCE, *v. a. et n.* 1. Disown, abnegate: àichidh, cùlaich, tréig, diùlt. 2. quit upon oath: cuir cùl fì. 3. declare renunciation: cuir an céill àicheadh. 4. (at cards): àicheidh.

RENOUCE, *s.* Àicheadh.

RENOUNCEMENT, *s.* Diùltadh, àicheadh, tréigsinn, obadh.

RENOUNCER, *s.* Fear-àicheidh.

RENOUNCING, *s.* Àicheadh, toirt thairis.

RENOWN, *s.* Cliù, ainm, ainmeachd, biùthas, ionradh, mòr-chliù, luaidh, alladh.

RENOWN, *v. a.* Dean ainmeil, dean cliùiteach.

REOWNED, *adj.* Ainmeil, cliùiteach, iomraiteach.

REOWNEDLY, *adv.* See Renowned.

REOWNLESS, *adj.* Gun cliù, gun luaidh, gun iomradh.

RENT, *s.* 1. A break, a laceration: sgàineadh, sgoltadh, reubadh, sracadh. 2. annual payment: mál, teachd a steach. 3. money paid: mál, cìs.

RENT, *v. a. et n.* 1. Tear, lacerate: srac, stroic, reub. 2. hold by paying rent: gabh air mhàl, gabh air son mál. 3. set to a tenant: suidhich. 4. roar: raic, beuc.

RENTAGE, *s.* Mál.

RENTAL, *s.* Cunnas mál, rol mál.

RENTER, *s.* Fear pàidheidh mál.

RENUCIATION, *s.* Tréigsinn, diobairt, àicheadh, cur cùl fì.

REPAIR, *v. a. et n.* 1. Restore after injury: càirich, ath-chàirich, dean suas, ath-leasach. 2. equivalent: ath-dhiol, ath-chàirich, ceartaich, leasaich, ath-leasaich. 3. go to: falbh, thoir ort, siubhail.

REPAIR, *s.* 1. Reparation: càramh, leasachadh, ath-leasachadh. 2. resort, abode: àite coinnuidh, àite tathaich. 3. act of betaking himself any whither: falbh, dol air falbh.

REPAIRER, *s.* Fear-càraidh, fear-leasachaidh.

REPARABLE, *adj.* So-chàraidh, so-leasachaidh, a ghabhas càradh.

REPARABLY, *adv.* Air mhodh so-chàraidh.

REPARATION, *s.* 1. The act of repairing: càradh, leasachadh. 2. supply of what is wanted: càradh, ceartachadh, dèanamh suas. 3. recompense: dioladh, ath-dhioladh, leasachadh.

REPARTEE, *s.* Freagairt gear, gearnachd.

REPARTEE, *v. n.* Thoir freagairt gear.

REPASS, *v. a. et n.* 1. Pass again: thoirig seachad a fìs, thoirig thairis a fìs. 2. go back in a road: ath-phill.

REPAST, *s.* Biadh, lòn, teachd an tìr, greim bìdh.
REPAST, *v. a.* Gabh biadh, ith.
REPAY, *v. a.* Diol, ath-dhiol, òc, pàidh.
REPAYMENT, *s.* Dioladh, ath-dhioladh, òcadh, pàidh-eadh.
REPEAL, *v. a.* Gairm air ais, cuir air chùl, cuir sìos, cuir as.
REPEAL, *s.* Gairm air ais, cur air cùl, cur sìos.
REPEALER, *s.* Fear-cuir air cùl.
REPEAT, *v. a.* 1. Iterate, use again: dean a fìs, dean an dara h-uair. 2. speak again: aithris a fìs, abair a fìs. 3. try again: thoir ath-fheuchainn, thoir deuchainn eile.
REPEATEDLY, *adv.* A fìs 's a fìs, thairis is thairis, uair is uair, gu tric, gu minic.
REPEATER, *s.* 1. One that repeats: fear-aithris. 2. a watch: uaireadair buailidh.
REPEL, *v. a. et n.* 1. Drive back: tilg air ais, buail air ais, cuir air ais. 2. act with force contrary to force impressed: cuir an agbaidh.
REFENT, *v. a. et n.* 1. Remember with sorrow: dean aithreachas, gabh aithreachas. 2. think on any thing past with sorrow: gabh aithreachas, bi aithreachail.
REPENTANCE, *s.* Aithreachas, agartas coguis.
REPENTANT, *adj.* Aithreachail, duilich, cràiteach.
REPENTANT, *s.* Aithreachan.
REPENTER, *s.* Aithreachan.
REPENTINGLY, *adv.* Gu h-aithreachail.
REPERCUSS, *v. a.* Ath-bhuail, buail air ais.
REPETITION, *s.* 1. Iteration of the same thing: ath-dhèanamh. 2. recital of the same words: aithris a fìs, ath-sgeul, aithris an ni cèdna. 3. recital: aithris air teangaidh, aithris.
REFINE, *v. n.* 1. Fret, vex thyself: bi frionasach, bi feargach, talaich, gearanaich. 2. envy: bi làn farmaid, bi mì-thoilichte.
REFINER, *s.* Fear-gearain, fear-borbhain, fear frionasach.
REFINING, *s.* Gearan, borbhan, cànan.
REFININGLY, *adv.* Gu gearanach, gu cànanach.
REPLACE, *v. a.* Cuir 'n a àit a fìs, suidhich a fìs.
REFPLENISH, *v. a.* 1. Stock, fill: lìon, ath-lìon. 2. finish, complete: crìochnaich, coimhìlon.
REFLETE, *adj.* Làn, lìonta, fòir-lìonta.
REFLECTION, *s.* Làine, fòir-lìonadh, lìontachd.
REFLY, *v. a. et n.* 1. Return for an answer: freagair, thoir freagairt. 2. answer: freagair, bi freagairt.
REPLY, *s.* Freagairt, freagraidh, freagairt air ais.
REPORT, *v. a.* Aithris, innis, cuir an cèill, dean luaidh air.
REPORT, *s.* 1. Rumour, popular fame: iomradh, fathunn, sgeul. 2. repute, public character: ainm, biùthas, iomradh. 3. account returned: fuaim-eachd, sgeul, aithisg. 4. sound, loud noise: naidm, gladhar, toirm, bragh.
REPORTER, *s.* Fear-aithris, fear-toirt sgùil.
REPOSAL, *s.* 1. The act of reposing: luidhe sìos, gabhail tàmh. 2. that on which a person reposes: ionad socair, ionad fois.
REPOSE, *v. a. et n.* 1. Lay to rest: cuir 'n a luidhe,

foisich, gabh fois, gabh socair, gabh tàmh. 2. place as in confidence: earb, cuir earbsa ann. 3. lodge, lay up: càirich ann, cuir seachad. 4. sleep: coidil. 5. rest in confidence: cuir muinghinn ann, bi earbsach á.
REPOSE, *s.* Cadal, codal, tàmh, fois, clos, socair.
REPOSEDNESS, *s.* Tàmhachd, fois.
REPOSIT, *v. a.* Taisg, cuir seachad, cuir an gleidh-eadh.
REPOSITORY, *s.* Glacadan, taisgeadan, àite-gleidhidh, alachain, alachuinn.
REPREHEND, *v. a.* See Blame, v.
REPREHENSIBLE, *adj.* Coireach, airidh air achmhasan, lochdach.
REPREHENSIBLY, *adv.* See Reprehensible.
REPREHENSION, *s.* Achmhasan, cronachadh, coir-cachadh, trod.
REPRESENT, *v. a.* 1. Exhibit, as if present: taisbean, riochdaich, samhlaich. 2. describe: nochd, foillsich, taisbean. 3. fill the place of another: seas air son, riochdaich. 4. exhibit, show: nochd, foillsich, taisbean. 5. show by modest arguments: aithris, cuir an cèill.
REPRESENTATION, *s.* 1. Likeness: dealbh, samh-ladh, taisbeanadh. 2. a vicarious character: riochdachadh, seasamh air son. 3. respectful declaration: cur an cèill, aithris. 4. public exhibition: taisbeanadh, foillseachadh, nochdadh.
REPRESENTATIVE, *adj.* Samhlach, coitchean.
REPRESENTATIVE, *s.* 1. One exhibiting the likeness of another: mac-samhuil. 2. one exercising vicarious power: fear-ionaid. 3. by which any thing is shewn: samhlaich, taisbeanadh.
REPRESENTER, *s.* 1. One who exhibits: fear-nochdaidh, fear-taisbeanaidh. 2. one who bears a vicarious character: fear-ionaid.
REPRESS, *v. a.* Cuir sìos, cìosnaich, bruth, mùch, cum fuidhe, ceannsaich, caisg.
REPRESSER, *s.* Fear cumail sìos, fear-mùchaidh.
REPRESSION, *s.* Casgadh, bacadh, cìosnachadh, mùchadh, cumail sìos.
REPRESSIVE, *adj.* Smachdail, ceannsalach.
REPRIEVE, *v. a.* Maith, saor, cuir dàil 'n a bhàs.
REPRIEVE, *s.* Maithneas, saoradh, dàil o 'n bhàs.
REPRIMAND, *v. a.* Cronaich, achmhasanaich, troid ri.
REPRIMAND, *s.* Achmhasan, spraic, cronachadh, trod, smachdachadh.
REPRISAL, *s.* Dioghaltas, ath-dhioladh, creach air
REPRISE, *s.* son creiche, aicheamhal.
REPRISE, *v. a.* 1. Take again: ath-ghabh. 2. recompense, pay: ath-dhiol.
REPROACH, *v. a.* Maslaich, athaisich, cronach, tilg inisg, tàmailtich.
REPROACH, *s.* Masladh, cronachadh, aithis, inisg, tàmailt, mì-chliu, athais, an-fhocal.
REPROACHABLE, *adj.* 1. Scurrilous, opprobrious: toibheumach, athaiseach, aithiseach, inisgeach, sgaiteach, trodach, trodail, sglamhruinneach. 2. infamous, vile: nàr, tàmailt-each, maslach, mì-chliùiteach, athaiseach, gràin-eil.
REPROACHFULLY, *adv.* See Reproachful.

REPROBATE, *adj.* Olc, daoidh, coiripidh, aingidh, mi-ghràsail.

REPROBATE, *s.* Daoidh, crochair, slaightear.

REPROBATE, *v. a.* 1. Disallow, reject: diùlt, cuir cùl ri, toirmisg. 2. abandon to wickedness and eternal destruction: leig gu aimhleas, leig a dh'ionnsuidh a sgrìos. 3. abandon to his sentence: leig gu 'bhinn.

REPROBATION, *s.* 1. The act of abandoning, or state of being abandoned to eternal destruction: leig-eadh gu sgrìos. 2. a condemnatory sentence: binn dìtidh, dìteadh.

REPROOF, *s.* Achmhasan, trod, sglamhrúinn, coir-eachadh, cronachadh, cronachan.

REPROVABLE, *adj.* Coireach, ciontach, airidh air achmhasan.

REPROVE, *v. a.* 1. Blame, censure: coirich, cronach. 2. chide, reprehend: achmhasanaich, troid, thoir aghaidh air. 3. refute, disprove: dearbh 'n àbhréig, cuir an aghaidh. 4. blame for: iom-choirich.

REPROVER, *s.* Fear-cronachaidh, achmhasanaiche.

REPRUNE, *v. a.* Sgath a rìs.

REPTILE, *adj.* Sgnaigeach.

REPTILE, *s.* Beathach snaigeach.

REPUBLICAN, *adj.* A bhùineas do chomh-fhlaitheachd.

REPUBLICAN, *s.* Comh-fhlaithe.

REPUBLIC, *s.* Comh-fhlaitheachd, comh-fhlaithe.

REPUDIATE, *v. a.* Dean eadar-sgaradh, dealaich, cuir air falbh.

REPUDIATION, *s.* Eadar-sgaradh, cur air falbh, dealachadh.

REPUGN, *v. a.* Cuir an aghaidh, seas an aghaidh.

REPUGNANCE, }
REPUGNANCY, } 1. Inconsistency, contrariety:
neo-sheasmhachd, neo-fhreagarrachd. 2. reluctance, resistance: strì, comh-strì, carraid. 3. aversion: aindeoineachd.

REPUGNANT, *adj.* 1. Disobedient: reasgach, ragmhuincallach, eas-umhail. 2. contrary, opposite: an aghaidh, neo-fhreagarrach.

REPUGNANTLY, *adv.* See Repugnant.

REPULSE, *s.* Bualadh air ais, diùltadh, pilladh.

REPULSE, *v. a.* Buail air ais, cuir air falbh, diùlt, pill.

REPULSIVE, *adj.* Gruamach, doicheallach, oillteil, neo-aoidheil.

REPUTABLE, *adj.* Teistheil, cliùiteach, measail, creid-easach, urramach.

REPUTABLENESS, *s.* Teisteachadh, cliù, creideas.

REPUTABLY, *adv.* See Reputable.

REPUTATION, *s.* 1. Character of good or bad: ainm, cliù, teisteanas, biùthas, iomradh. 2. credit, honour: creideas, deadh ainm, meas, onoir.

REPUTE, *v. a.* Meas, saoil, creid, smaoinich.

REPUTE, *s.* Biùthas, cliù, ainm, teist, iomradh, meas.

REQUEST, *s.* 1. Petition, entreaty: iarrtas, athchuinge guidhe, griosad. 2. demand, state of being desired: iarruidh, sìradh.

REQUEST, *v. a.* Iarr, guidh, grios, aslaich, athchuinge.

REQUESTER, *s.* Iarradair, fear-iarruidh, fear-athchuinge.

REQUIEM, *s.* 1. A hymn: marbhrann, laoidh guidhe sìth. 2. rest, peace: sìth, fois, sìth-shàimh, tàmh.

REQUIRE, *v. a.* Iarr, sir, athchuinge.

REQUIRER, *s.* Fear-iarraidh, fear-sìridh.

REQUISITE, *adj.* Feumail, freagarrach, riatanach, iomchuidh.

REQUISITE, *s.* Nì riatanach, nì iomchuidh.

REQUISITELY, *adv.* See Requisite, *adj.*

REQUISITION, *s.* Iarrtas, àithne.

REQUITAL, *s.* 1. Return: dìoladh, ath-dhioladh, comain. 2. reward, recompense: duais, luigh-eachd, dìol-thuarasdail, pàidheadh, ath-leithid.

REQUITE, *v. a.* Dìol, ath-dhiol, òc, pàidh, thoir luigh-eachd.

REQUITER, *s.* Fear-ath-dhiolaidh.

RESCIND, *v. a.* Dubh a mach, cuir air cùl.

RESCRIPT, *s.* Reachd right.

RESCUE, *v. a.* Cuir fa sgaoil, teasaig, tèarn, saor, fuasgail.

RESCUE, *s.* Cur fa sgaoil, teasairginn, tèarnadh, saoradh, fuasgladh.

RESCUER, *s.* Fear-saoraidh, fear-tèarnaidh.

RESEARCH, *s.* Fìdreachadh, feòrachd, rannsachadh, sgrùdadh.

RESEARCH, *v. a.* Fìdrich, feòraich, rannsaich, sgrùd. RESEMBLANCE, *s.* Samhladh, coltas, samhlachadh, sualp, aogas.

RESEMBLE, *v. a.* 1. Compare: samhlaich, coimeas.

2. be like, have likeness to: bi coltach ri.

RESENT, *v. a.* Gabh gu h-olc, gabh gu dona, gabh mar thàir, tàmailtich.

RESENTER, *s.* Fear-gabhail gu h-olc.

RESENTFUL, *adj.* Droch-nheinneach, mì-rùnach, dìoghaltach, ghamhlach, feargach.

RESENTINGLY, *adv.* Gu diombach, gu feargach.

RESENTMENT, *s.* 1. Strong perception of good or ill: faireachduinn bheothail, mothachadh beothail. 2. deep sense of injury: falachd, gamhlach, fuath, mì-rùn.

RESERVATION, *s.* 1. Concealment of something in the mind: ceilt-intinn, cleith-intinn. 2. something kept back: cùl-carbsa, còrr. 3. custody: cumail, gleidheadh.

RESERVATORY, *s.* Glacadan, taisg-thigh.

RESERVE, *v. a.* 1. To keep in store: gléidh, cum, taisg seachad. 2. retain, keep hold: cum, taisg, caomhain.

RESERVE, *s.* 1. Store kept untouched or undiscovered: tasgaidh, stòr an cleith. 2. something concealed in the mind: ceilt-intinn, cleith-intinn. 3. exception, prohibition: toirmeasg. 4. exception in favour: leigeadh seachad. 5. a supply of men: cùl-choimhead.

RESERVED, *adj.* 1. Modest: nàrach, saidealta, dùr, dùinte. 2. sullen: gruamach, doichiollach, dùr, dùinte.

RESERVEDLY, *adv.* See Reserved.

RESERVEDNESS, *s.* Gruamachd, mùigeanachd, fiat-achd.

RESERVER, *s.* Fear-caomhnaidh.

RESERVOIR, *s.* Amar, tasgaidh, lochan, linne.

RESIDE, v. n. 1. Have abode, live, dwell : còmh-nuich, gabh còmhnuidh, fuirich, tuinich. 2. sink, subside : sìolaidh, traogh.

RESIDENCE, s. 1. Act of dwelling in a place : còmhnuidh, tuineachadh, gabhail còmhnuidh. 2. place of abode, dwelling : tàmh-àit, còmhnuidh, teach, tigh, fàrdoch, ionad-còmhnuidh. 3. that which settles at the bottom of liquors : dèasgann, grunnasg.

RESIDENT, adj. A' còmhnuidh, a' tàmh, a' tuineachadh.

RESIDENT, s. Tàmhaich, tàmhach.

RESIDUE, s. Iarmad, fuigheall, còrr.

RESIGN, v. a. 1. Give up a claim or possession : thoir suas, thoir seachad. 2. yield up : thoir suas, géill. 3. give up in confidence : tiomain, thoir seachad. 4. submit, particularly to providence : strìochd, géill.

RESIGNATION, s. 1. The act of resigning or giving up a claim or possession : toirt suas, toirt thairis, toirt seachad. 2. submission : strìochdadh, géilleadh, ùmhilachadh.

RESIGNER, s. Fear-toirt suas, fear-strìochdaidh.

RESIGNMENT, s. See Resignation.

RESIN, s. Ròisead, bith.

RESINOUS, adj. Ròiseadach, bithceanta.

RESIST, v. a. et n. 1. Oppose, act against : cuir an aghaidh. 2. admit not impression or force : seas an aghaidh. 3. make opposition : bi cur an aghaidh.

RESISTANCE, s. 1. The act of resisting, opposition : cur an aghaidh, strì. 2. the quality of not yielding : seasamh a mach, seasamh an aghaidh.

RESISTIBLE, adj. So-chur an aghaidh, so-bhacaidh, so-sheasaimh an aghaidh.

RESISTLESS, adj. 1. That cannot be opposed : do-chlaoidhte, uile-bhuadbach, uile-chomasach. 2. helpless : lag, anfhann, gun treòir.

RESISTLESSLY, adv. See Resistless.

RESOLVABLE, adj. 1. That may be referred or reduced : so-thoir a dh' ionnsuidh. 2. dissoluble : so-bhrisidh, so-leaghadh. 3. capable of solution : so-mhineachaidh, a ghabhas deanamh soilleir.

RESOLVE, v. a. et n. 1. Free from a doubt : teagaisg, soilleirich, dean soilleir, fuasgail. 2. solve, clear : minich, soilleirich, dean so-thuigsinn. 3. settle in an opinion : suidhich, daingnich. 4. fix in constancy, confirm : suidhich, daingnich, socraich. 5. melt, dissolve : leagh, sgaoil. 6. relax, lay at ease : lasaich, sin a mach. 7. analyse, reduce : sgaoil as a chèile, thoir as a chèile, nochd brìgh. 8. determine, decree within one's self : cuir fòmhaidh, rùnaich. 9. melt, be dissolved : leagh, sgaoil as a chèile. 10. be settled in an opinion : bunaich, bi suidhichte air.

RESOLVE, s. Rùn suidhichte, rùn.

RESOLVEDLY, adv. Le rùn suidhichte.

RESOLVEDNESS, s. Cunbhalachd, cunbhalas, dìong-mhàltachd, seasmhachd.

RESOLVER, s. 1. One that forms a firm resolution : fear-rùn-shuidhichte. 2. whoever or whatever

solves or clears : fear-fuasglaidh, fear-mìneachaidh. 3. what dissolves, what separates parts : fear-mìn-bhrisidh, fear-leaghadh, leaghadair.

RESOLUTE, adj. Suidhichte, seasmhach, daingean, cunbhalach, neo-ghluasadach, dàn, danarra.

RESOLUTELY, adv. See Resolute.

RESOLUTENESS, s. Seasmhachd, cunbhalachd, dìong-mhàltachd, danarrachd, mìseach.

RESOLUTION, s. 1. Act of clearing difficulties : fuasgladh, fòsgadh, mìneachadh, soilleireachadh. 2. analysis : sgaoladh o chèile, toirt as a chèile. 3. dissolution : leaghadh. 4. fixed determination : rùn suidhichte. 5. constancy, firmness : seasmhachd, cunbhalachd, rùn suidhichte. 6. determination of a cause in courts of justice : breith, breitheanas.

RESONANCE, s. Fuaim, toirm, fuaim air ais.

RESONANT, adj. Fuaimneach, a' comh-fhreagairt am fuaim.

RESORT, v. n. 1. Have recourse : gabh, rach a dh' ionnsuidh. 2. go publicly : imich, toirt gu follaiseach. 3. repair to : taghail, tathaich. 4. fall back : tuit air ais.

RESORT, s. 1. Frequency, assembly : cruinneachadh, comh-chruinneachadh, coimh-thional, coinn-eamh, còmhdbail. 2. act of visiting : taghal, tathaich.

RESORTER, s. Tathach, fear-tathaich.

RESOUND, v. a. et n. 1. Echo, sound back : ath-ghair, comh-fhreagair do fhuaim. 2. celebrate by sound : àdh-mhol, àrd-mhol, clùthaich le mòr-fhuaim. 3. sound, tell so as to be heard far : cuir an cèill, innis. 4. be echoed back : ath-ghair.

RESOURCE, s. Seòl, dòigh, innleachd, cobhair, culaidh-chobhair.

RESPECT, v. a. 1. Regard, have regard to : urramach, cuir meas air. 2. have relation to : buin do. 3. look toward : amhaire ri.

RESPECT, s. 1. Regard, attention : aire, cùram, faicill, spéis, suimealachd, déigh. 2. reverence, honour : onoir, urram, meas. 3. partial regard : meas. 4. consideration, motive : smoin, rùn. 5. relation, regard : taobh. 6. respect of persons : leth-bhreth. 7. with respect to : a thaobh.

RESPECTABILITY, s. Urramachd, measalachd.

RESPECTABLE, adj. Measail, onarach, urramach.

RESPECTABLY, adv. See Respectable.

RESPECTER, s. Fear-leth-bhreith, fear-taobh-bhreith.

RESPECTFUL, adj. Spéiseil, spéiseal, siobhalt, modhail, cùrteil.

RESPECTFULLY, adv. See Respectful.

RESPECTFULNESS, s. Modhalachd, spéisealdachd, siobhaltachd.

RESPECTIVE, adj. 1. Particular : sònraichte, àraidh, fa leth. 2. relative, not absolute : meadhanach.

3. careful, cautious : cùramach, faicilleach.

RESPECTIVELY, adv. See Respective.

RESPIRATION, s. 1. The act of breathing : tarruing anail, analachd, anail. 2. relief from toil : anail, fòis, tàmh.

RESPIRE, v. a. et n. 1. Breathe out : séid. 2.

- breathe, or catch breath : analaich, tarruing anail.
 3. rest : gabh anail, foisich.
- RESPIRE, *s.* 1. Reprieve: dol as, fuasgladh, dàil peanaid. 2. pause, interval: anail, fois, tàmh, faothachadh, fosadh.
- RESPIRE, *v. a.* 1. Relieve by a pause : thoir anail, thoir fois, thoir faothachadh. 2. suspend, delay : cuir dàil ann, maillich.
- RESPLENDECE, } Dealradh, dèarsadh, soilleir-
 RESPONDENCY, } eachd, boillsgeadh, lannair-
 eachd.
- RESPLENDENT, *adj.* Dealrach, dèarsach, boillsgeach, loinnreach.
- RESPONDENTLY, *adv.* See Resplendent.
- RESPOND, *v. v.* Comh-fhreagair, freagair.
- RESPONDENT, *s.* Fear-freagair.
- RESPONSE, *s.* Freagairt, freagradh.
- RESPONSIBILITY, *s.* Freagarrachd.
- RESPONSIBLE, *adj.* 1. Answerable, accountable : freagarrach. 2. capable of discharging an obligation : murrach, comasach.
- RESPONSIVE, *adj.* 1. Answering : a' freagairt, a' toirt freagairt. 2. correspondent : comh-fhreagarrach.
- REST, *s.* 1. Sleep, repose : codal, fois, tàmh. 2. the final sleep : codal a' bhàis, tàmh. 3. cessation of motion : tàmh, clos. 4. quiet, peace : sìth, sìth-shàimh, sàmhchair, suaimhneas, fois. 5. from bodily labour : tàmh, fois, socair. 6. support : socair, taic. 7. place of repose : ionad-tàmh. 8. final hope : dòchas, carbsa. 9. remainder : fuigheall, còrr. 10. (in music) : stad.
- REST, *adj.* Càch, a' chuid cile.
- REST, *v. a. et n.* 1. Lay to rest : cuir gu tàmh, thoir fois, foisich. 2. place as on a support : cuir air socair, foisich, cuir air taic. 3. sleep : coidil. 4. be at quiet, be without disturbance : bi sàmhach, gabh fois. 5. be still, be without motion : bi aig fois, bi sàmhach, gabh tàmh. 6. be fixed in any state or opinion : mair, fuirich, fan. 7. cease from labour : gabh fois, leig d' anail, dean tàmh. 8. be satisfied, acquiesce : bi toilichte. 9. lean : leig taic, foisich. 10. be left, remain : bi air t' fhàgail, mair, fan.
- RESTAURATION, *s.* Ath-ùrachadh, ath-shuidheachadh, aiseag.
- RESTFUL, *adj.* Sàmhach, ciùin.
- RESTIFF, *adj.* Reasgach, rag, danarra, dùr, dearrasach, ceann-laidir, rag-mhuinealach.
- RESTIFNESS, *s.* Ceann-laidireachd, rag-mhuinealachd, reasgachd.
- RESTINGPLACE, *s.* Ionad, socair, ionad anail.
- RESTITUTION, *s.* 1. Act of restoring : dioladh, ath-diòladh, aiseag, toirt air ais. 2. act of recovering its former state : ath-philleadh, ath-shuidheachadh.
- RESTLESS, *adj.* 1. Being without sleep : gun chodail, gun tàmh. 2. unquiet : neo-fhoisneach, anshorach, mì-shuaimhneach, bruilleanach. 3. unconstant, unsettled : neo-shuidhichte, iomairteach. 4. in continual motion : luasganach, luaineach, neo-shuidhichte.
- RESTLESSLY, *adv.* See Restless.
- RESTLESSNESS, *s.* 1. Want of sleep : faireachadh, cion codail. 2. want of rest : neo-fhoisneachd, luaineachd, buaireas, iomairt, mì-shuaimhneas. 3. agitation : luaineachd, luasganachd, neo-fhoisneachd, carachadh.
- RESTORATION, *s.* 1. The act of replacing in a former state : ath-shuidheachadh. 2. recovery : aiseag, ath-nuadhachadh, ath-ùrachadh.
- RESTORATIVE, *adj.* Ath-bheothachail, leigheasach.
- RESTORATIVE, *s.* Cungaidd-leighis ath-bheothachaidh.
- RESTORE, *v. a.* 1. Give back : thoir air ais, aisig. 2. retrieve, bring back from degeneration : ath-bheothachail, ath-ùrachail, ath-nuadhachail, ath-leasachail, aisig. 3. cure : slànigh, leighis. 4. recover passages in books from corruption : ath-nuadhachail, ath-ùrachail.
- RESTORER, *s.* Fear-thoir air ais, fear-aisig.
- RESTRAIN, *v. a.* 1. Withhold, keep in : bac, cnisg, cum air ais. 2. repress, keep in awe : ceannsaich, cum fo smachd, cum a stigh, smachdaich. 3. suppress, hinder : bac, toirmisg, cum fuidhe. 4. abridge : giorraich, ath-ghiorraich. 5. hold in : cum a stigh, cuingich. 6. limit, confine : cumhangaich, cuir crìoch ri.
- RESTRAINER, *s.* Fear-cumail air ais, fear-bacaidh.
- RESTRAINT, *s.* 1. Abridgement of liberty : cuing, bacadh, grabadh, casg. 2. prohibition : bacadh, toirmeasg. 3. limitation, restriction : diùltadh, crìoch, cumail. 4. repression, hindrance of will : bacadh, cumail air ais.
- RESTRICT, *v. a.* Cum a stigh, cuingich, ceangail sìos.
- RESTRICTION, *s.* Cumail a stigh, cuingeachadh, cuibhreachadh, bacadh.
- RESTRICTIVE, *adj.* Ceangaltach, teann, a' cumail a stigh.
- RESTRICTIVELY, *adv.* See Restrictive.
- RESULT, *v. n.* 1. Fly back : leum air ais, teich air ais. 2. rise as a consequence : tachair, thig uath, thig gu crìch.
- RESULT, *s.* 1. Resilience, act of flying away : leum air ais. 2. consequence : toradh, crìoch, deiradhd. 3. inference from premises : comh-dhùnadh, crìoch.
- RESUME, *v. a.* 1. Take back : thoir air ais, tarruing air ais. 2. take again : ath-ghabh. 3. begin again : ath-thòisich, tòisich a-ris.
- RESUMPTION, *s.* Ath-ghabhail, ath-thòiseachadh.
- RESURRECTION, *s.* Aiseirigh, èiridh o na mairbh.
- RESUSCITATE, *v. a.* Ath-bheothachail, mosgail, dùisg suas, bruidhich.
- RESUSCITATION, *s.* Ath-bheothachadh, dùsgadh, mosgladh.
- RETAIL, *v. a.* Dean min-ric, ric 'n a mhirean beaga.
- RETAIL, *s.* Min-ric, ric 'n a mhirean beaga.
- RETAILER, *s.* Fear-ric mhirean beaga.
- RETAIN, *v. a. et n.* 1. Keep, lose not : cum, gléidh na caill. 2. keep, lay not aside : cum, gléidh, coimhid. 3. belong to, depend on : buin, bi freasdal ri.
- RETAINER, *s.* 1. A dependant : fear-leanmhuinn, leanmhuinneach. 2. one that loses not : fear-

cumail, fear-gleidhidh. 3. a retaining fee: tuar-asdal, duais.

RETALIATE, *v. a.* Ath-dhiol, dìoghail, thoir comain.

RETALIATION, *s.* Ath-dhioladh, dìoghaltas, comain.

RETARD, *v. a. et n.* 1. Hinder: bac, grab, amail. 2. delay, put off: maillich, cuir dàil ann, cum air ais.

RETARDATION, *s.* Bacadh, grabadh, amladh, maille, dàil.

RETCH, *v. n.* Sgeith, dìobhuir.

RETENTION, *s.* 1. The act of retaining: cumail, cumail air ais, gleidheadh. 2. memory: cuimhne, cumail air cuimhne. 3. custody, confinement: cumail, dùnadh, cuibheachadh.

RETENTIVE, *adj.* 1. Having the power of retention: ceangaltach, a' cumail. 2. having memory: cuimhneachail, dìonach, gléidhteach.

RETENTIVENESS, *s.* Cumail a steach.

RETICLE, *s.* Lion meanbh, sgannan.

RETICULAR, *adj.* Mar lion.

RETICULATED, *adj.* Do lion-obair.

RETINA, *s.* Lion na sùla.

RETINUE, *s.* Coisridh, luchd-leannhuinn, luchd-comhaideachd, coigleachd.

RETIRE, *v. a. et n.* 1. Withdraw, make to retire: cuir air falbh, cuir a thaobh, gabh air falbh. 2. retreat, withdraw: theig air ais, rach gu thaobh. 3. from danger: teich, rach as an rathad. 4. from a public station: falbh, fàg. 5. from company: falbh, tréig, fàg.

RETIRED, *adj.* 1. Secret, private: dìomhair, uaigheach, anarach. 2. withdrawn: air dol a thaobh.

RETIREDLY, *adv.* See Retired.

RETIREDNESS, *s.* Dìomhaireachd, uaigheas.

RETIREMENT, *s.* 1. Private abode: còmhnuidh uaigheach. 2. private way of life: uaigheas, dìomhaireachd, anaranachd. 3. act of withdrawing: dol a thaobh.

RETORT, *v. a.* 1. Throw back, rebound: ath-bhuail, tilg air ais. 2. return any argument or incivility: tionndaidh air, athaisich air ais, thoir comain do. 3. curve back: lùb air ais, crom.

RETORT, *s.* 1. A censure, or incivility returned: cas fhreagairt, ath-dhioladh, comain bhriathran. 2. a chemical glass vessel with a bent neck: gloine chrom.

RETORTING, *s.* Tilgeadh inisg air ais, athais air son athais.

RETRACT, *v. a.* Ath-ghabh, ath-ghlac, tarruing air ais.

RETRACTION, *s.* Tarruing air ais, mùthadh baralach, cùl-tharruing.

RETREAT, *s.* 1. Act of retiring: dol a thaobh, dol as an rathad. 2. state of privacy, retirement: dìomhaireachd, uaigheas. 3. place of privacy: àite dìomhair, ionad uaigheach, asgailt. 4. place of security: didéan, tèarmunn, fàsagadh, dàingeach. 5. before a superior force: teicheadh, ruaig.

RETREAT, *v. n.* 1. To a private abode: rach an ionad dìomhair. 2. to shelter: gabh dìon, gabh fàsagadh gabh tèarmunn. 3. from a superior ene-

my: teich, gabh an ruaig. 4. out of the former place: rach air ais.

RETRENCH, *v. a. et n.* 1. Cut off, pare away: lughdaich, gearr dheth, sgaith. 2. live with less expense: caomhain, thig beò air nì 's lugha.

RETRENCHING, *s.* Gearradh air falbh, lughdachadh.

RETRENCHMENT, *s.* 1. The act of lopping away: lughdachadh, gearradh dheth, bearradh, sghathadh. 2. fortification: dìon, dàingeach.

RETRIBUTE, *v. a.* Ath-dhiol, ioc, pàidh.

RETRIBUTION, *s.* Ath-dhioladh, dioladh, pàidheadh.

RETRIBUTIVE, *adj.* Ag ath-dhioladh, duaiseach.

RETRIEVABLE, *adj.* A ghabhas toirt air ais, so-chuid-eachaidh, so-leasachaidh.

RETRIEVE, *v. a.* 1. Recover, restore: thoir air ais, aisig, buidhinn air ais. 2. repair: ath-chàirich, càirich, leasaich. 3. recal, bring back: gairm air ais.

RETROGRADE, *adj.* A' dol air ais.

RETROSPECT, *s.* Sealladh cùil, sealladh air ais, seallt-uinn an dèigh, ath-shealladh.

RETURN, *v. a. et n.* 1. Repay, give in requital: thoir air ais, ioc, ath-dhiol. 2. send back: cuir air ais, pill. 3. come again: pill, ath-phill, ath-thill. 4. make answer: freagair. 5. come back, revisit: thig a ris, taghail a ris. 6. begin the same again: ath-phill, ath-thòisich. 7. retort, recriminate: tilg air, athaisich air ais.

RETURN, *s.* 1. Act of coming back: pilleadh, ath-philleadh, pilltinn, tilleadh. 2. retrogression: cùl-cheumachadh. 3. revolution, vicissitude: teachd mu 'n cuairt, ath-theachd, ath-philleadh. 4. repayment of money: ath-dhioladh, pàidheadh. 5. profit, advantage: buannachd, tairbhe. 6. act of restoring or giving back: toirt air ais. 7. relapse: ath-thuiteam, cùl-sleamhnachadh.

RETURNER, *s.* Fear-dhiolaidh.

REVEAL, *v. a.* Nochd, taisbean, leig ris, foillsich.

REVEALER, *s.* Fear-foillseachaidh, fear-taisbeinidh, foillsichear.

REVEL, *v. n.* Dean geòcaireachd, dean pòitearachd, dean ruidhtearachd.

REVEL, *s.* Ròic, fèisd, cuirm, ruidhtearachd.

REVELATION, *s.* 1. Discovery, communication: foillseachadh, taisbeanadh, foillseachadh, leabhar an taisbein no, 'n fhoilseachaidh.

REVELLER, *s.* Pòitear, geòcair.

REVELRY, *s.* Pòit, òl, fheadh na bòilich, ruidhtearachd.

REVENGE, *v. a.* Diol, ath-dhiol, dìoghail, thoir aicheamhal, dean dioghaltas.

REVENGE, *s.* 1. Return of an injury: dioghaltas, aicheamhal, ath-dhioladh. 2. the passion of vengeance: rùn dioghaltais.

REVENGEFUL, *adj.* Dioghaltach.

REVENGEFULLY, *adv.* See Revengeful.

REVENGELESS, *adj.* Gun dioghaltas.

REVENGER, *s.* Dioghaltach, dioghaltaiche, dioghalt-air.

REVERBERATE, *v. a. et n.* 1. Beat back: ath-bhuail, buail air ais. 2. be driven back: bi leum air ais. 3. resound: thoir freagradh do thuaim.

REVENUE, *s.* Teachd a steach, màl, cìs.
 REVERBERATION, *s.* Bualadh air ais, ais-bhualadh.
 REVERE, *v. a.* Urramaich, onoraich, cuir meas air.
 REVERENCE, *s.* 1. Veneration, respect : urram, àrd urram, mòr mbeas, comraich, eagal, onoir. 2. act of obeisance : ùmhlaichd. 3. title of the clergy : urramachd.
 REVERENCE, *v. a.* Urramaich, onoraich, thoir urram do.
 REVERENCER, *s.* Fear-urramachaidh, fear-onorachaidh.
 REVEREND, *adj.* Urramach, onorach, measail, airidh air urram, adhrach.
 REVERENT, } *adj.* Ùmhal, iriosal, strìochdail.
 REVERENTIAL, }
 REVERENTIALLY, *adv.* See Reverential.
 REVERER, *s.* See Reverencer.
 REVERSAL, *s.* Atharrachadh binne.
 REVERSE, *v. a. et n.* 1. Turn upside down : cuir bun os ceann, tionndaidh, atharraich. 3. put each in the place of the other : atharraich, cuir an ionad a chèile. 4. return : ath-phill.
 REVERSE, *s.* 1. Change, vicissitude : mùthadh, atharrachadh, caochladh. 2. of a coin : taobh gun dealbh cinnt, cùl. 3. the very reverse : a' cheart atharrachadh.
 REVERSIBLE, *adj.* Atharrachail, so-atharrachaidh.
 REVERSELY, *adj.* Atharrachail, air an taobh eile.
 REVERSION, *s.* Dilcab ri tighinn, còir-sheibh, ath-shealbhadh.
 REVERY, *s.* Bruadar, mac-meanmna, trom smaoin.
 REVIEW, *v. a.* 1. Look back : ath-sheall, beachdaich air t'ais. 2. consider over again : thoir fàin-ear a rìs, sgrùd a rìs, rannsach a rìs. 3. retrace : ath-lorgaich.
 REVIEW, *s.* 1. Survey, re-examination : rannsachadh thairis, rannsachadh a rìs, ath-fheuchainn. 2. a periodical publication : leabhar ath-fheuchainn. 3. of soldiers : ath-fheuchainn, dearbhadh sghaid-earan.
 REVIEWER, *s.* Fear ath-fheuchainn, fear-sgrùdaidh a rìs, rannsaichair.
 REVILE, *v. a.* Athaisich, càin, tàmailtich, maslaich, thoir sglamhruinn, troid, biast.
 REVILE, } *s.* Athais, càineadh, tàmailt, mas-
 REVILEMENT, } ladh, sglamhruinn.
 REVILER, *s.* Fear-càinidh, fear-maslachaidh, diomolt-air.
 REVILING, *s.* Athais, càineadh, tàmailteachadh.
 REVILINGLY, *adv.* Gu h-athaiseach, gu sglambruinn-cach.
 REVISAL, *s.* Ath-fheuchainn, rannsachadh a rìs, ath-chasnachadh.
 REVISE, *v. a.* Ath-sheall, rannsach a rìs, seall thairis air.
 REVISE, *s.* Ath-fheuchainn, rannsachadh a rìs, ath-shealltuinn.
 REVISION, *s.* See Review, Sense 1.
 REVIVAL, *s.* Ath-bheothachadh, ath-nuadhachadh, ath-ùrachadh.
 REVIVE, *v. a. et n.* 1. Bring to life again : ath-bheothaich ath-nuadhach, thoir beò a rìs. 2. raise

from langour : ath-bheothaich, ath-nuadhach, ath-ùrach, ath-heartaich, mosgail, dùisg. 3. renew, recollect : ath-nuadhach, ath-chuimhnich. 4. return to life : thig beò. 5. return to vigour, rise from langour : dùisg, mosgail, glac misneach.
 REVIVER, *s.* Fear-bheothachaidh, fear-brosnuchaidh.
 REVIVING, *s.* Ath-bheothachadh, ath-ùrachadh.
 REVOCABLE, *adj.* Atharrachail, a ghabhas mùthadh.
 REVOCATION, *s.* 1. Act of recalling : gairm air ais. 2. repeal : atharrachadh.
 REVOKE, *v. a.* Atharraich, gairm air ais.
 REVOLT, *v. a. et n.* 1. Put to flight : cuir air theich-eachd. 2. fall off from one to another : ceann-aircich, dean ceannaire.
 REVOLT, *s.* Ceannaire, cùl-sleamhnachadh, cùl-cheummachadh.
 REVOLTED, *adj.* Ceannaireach.
 REVOLTER, *s.* Fear-ceannaire, slaigh-tear, fear foill-eil.
 REVOLVE, *v. a. et n.* 1. Roll any thing round : cuairsg, tionndaidh mu chuairt. 2. consider, meditate : cnuasach, beachd-smaoinich. 3. roll in a circle : rach mu 'n cuairt.
 REVOLUTION, *s.* 1. Course of any thing which returns to the point at which it began to move : cuairt. 2. space measured by some revolution : ceann cuairte. 3. change in the state of a government or country : atharrachadh, no caochladh riaghlaidh. 4. rotation, circular motion : cuartalan, tionndadh mu chuairt. 5. motion backward : dol air ais.
 REVOLUTIONARY, *adj.* Ceannaireach.
 REWARD, *v. a.* Duaisich, dìol, ath-dìol, pàidh.
 REWARD, *s.* Duais, dìoladh, ath-dìoladh, pàidh-eachd, ceannach.
 REWARDABLE, *adj.* Airidh air duais, toilleteanach air duais.
 REWARDER, *s.* Fear-duaiseachaidh.
 RHAPSODICAL, *adj.* Àrd-ghlòireach, ràbhanach, ròisgeulach, ròlaisteach.
 RHAPSODIST, *s.* Fear-àrd-ghlòireach, ràbhanach.
 RHAPSODY, *s.* Àrd-ghlòir, ròisgeul, ròlaist, ràbhan.
 RHETORIC, *s.* Ùr-labhairt, ùr-labhairteachd, briath-rachas, snas-labhairt, deas-chainnt, filcantachd, teangaireachd.
 RHETORICAL, *adj.* Deas-bhriathrach, deas-chainnteach, filcanta, ùr-labhairteach.
 RHETORICIAN, *s.* Ùr-labhairtear, fear deas-chainnteach, fear fileanta, òraidiche, teangair.
 RHEUM, *s.* Mùsgan, leann tana, ruith leann-tàth.
 RHEUMATIC, *adj.* Lòinidh.
 RHEUMATISM, *s.* Lòinidh, ronn-ghalar, nimhneach-an, grim-lòinidh.
 RHEUMY, *adj.* Mùsganach.
 RHINOCEROS, *s.* Ainmhidh na sròine le adharc.
 RHUBARB, *s.* Rubarb.
 RHYME, *s.* 1. An harmonical succession of sounds : rannaidheachd. 2. poetry, a poem : rannaidheachd, bàrdachd, dànachd, duanachadh. 3. word of sound to answer to another word : focal comh-fhuaimneach. 4. rhyme or reason : bàrdachd no tuigse.

RHYME, v. a. et n. 1. Put into rhyme : rannaich, cuir an rannaidheachd. 2. agree in sound : dean comh-fhuaimneach an rann, bi rannaidheachd. 3. make verses : dean rannaidheachd, dean bàrdachd.

RHYMER, s. Rannaich, rannach, rannair, bàrd, duanaiche, duanaire.

RYTHM, s. 1. Metre, verse, numbers : rannaidheachd, bàrdachd dànachd, duanachadh. 2. proportion applied to any motion whatever : comh-fhuaimnich.

RYTHMICAL, adj. Comh-fhuaimneach, ceòlmhor.

RIB, s. 1. A bone in the body : aisne, aisean, asna.

2. any piece of timber which supports the side of a house : casan, taobhan. 3. cross timbers in a boat : fiodhrach-tarsuing.

RIB, v. a. Cuir aisnean ann.

RIBALD, s. Trusdair mosach, druisear salach, eachdaraiche neo-ghèanmùidh.

RIBALD, adj. Mosach, drabasda, salach.

RIBALDRY, s. Mosaiche, drabasdachd, draosdachd, cainnt shalach.

RIBAND, s. Stiòrn shìoda, ribean.

RIBAND, v. a. Dean ribeanach.

RIBBED, adj. Aisneach.

RIBWORT, s. Slàn-lus.

RICE, s. Gràn Innseanach.

RICH, adj. 1. Wealthy : beartach, saoi bhir. 2. valuable : prìseil, luachmhor, àluinn, riomhach. 3. fertile : tarbhach torrach, pait, biadhchar. 4. abounding : pait.

RICHES, s. 1. Wealth, money or possessions : beartas, saoi bheas, maoin, ionnhas, earas. 2. splendid, sumptuous appearance : greadhnachas.

RICHLY, adv. See Rich.

RICHNESS, s. 1. Opulence, wealth : beartas, saoi bheas. 2. finery, splendour : greadhnachas, grinn-eas. 3. fertility, fruitfulness : torraicheas, pait-eachd. 4. pampering qualities : sòghalachd.

RICK, s. Rùc, rùcan, currag, mullan.

RICTURE, s. Fosgladh, glamhas, sgoltadh.

RID, v. a. 1. Set free, redeem : saor, fuasgail, cuir fa sgaoil. 2. clear, disencumber : fuasgail, leig as. 3. despatch : cuir air falbh. 3. drive away : fuadaich, fògair.

RIDDANCE, s. 1. Deliverance : saoradh, fuasgladh. 2. disencumbrance : réiteachadh, cùiteachadh, cur á amladh.

RIDDLE, s. 1. An enigma : tòimhseachan, dubh-fhocal. 2. any thing puzzling : nì ciogailteach. 3. a coarse or open sieve : rìdeal, criathair gainmich.

RIDDLE, v. a. et n. 1. Solve, unriddle : fuasgail, dean réidh. 2. by a sieve : rìdil, criathair, càth. 3. speak ambiguously : labhair gu tòimhseachanach.

RIDDLER, s. Fear-thòimhseachan.

RIDE, v. a. et n. 1. Sit on so as to be carried : marcaich. 2. manage insolently at will : marcaich, ceannsaich. 3. travel on horseback or in a vehicle : marcaich. 4. manage a horse : marcaich, seòl each-marcachd. 5. be on the water : seòl. 6.

be supported by something subservient : marcaich, bi air muin.

RIDE, s. Treis mharcaichd.

RIDER, s. Marcaich, marcaiche, marcair.

RIDGE, s. 1. The top of the back : druim, drom-an, mullach an droma. 2. the rough top of any thing : cìrean mullaich, croit, creachann. 3. a steep protuberance : sròn, cas dhìreadh. 4. the ground thrown up by the plow : iomair, imir, bailc.

RIDGE, v. a. 1. Form a ridge : dean druim, no drom-an, dean iomair. 2. wrinkle : preas, dean preasach.

RIDGEL, } s. Ruig, rùt.

RIDGELING, }

RIDGY, adj. Dromanach, imireach, bailceach.

RIDICULE, s. Magadh, sgeig, fochaid, bùrd, fanoid, ceòl gàire, culaidh-bhùird, fearas-chuideachd, beòlam.

RIDICULE, v. a. Mag, sgeig, fochaidich.

RIDICULER, s. Fanaidiche, sgeigear, sgeigeach.

RIDICULOUS, adj. Ion-mhagaidh, neònach, airdh-mhagaidh.

RIDICULOUSLY, adv. See Ridiculous.

RIDING, adj. A' marcachd.

RIDING, s. 1. A road cut in a wood : rathad marcachd. 2. a district : earrann dùthcha.

RIFE, adj. Pait, lìonmhor, coitichionn.

RIFELY, adv. See Rife.

RIFENESS, s. Pailteachd, lìonmhorachd.

RIFRAFF, s. Fuigheal, pràbar.

RIFLE, v. a. Spùinn, spùill, creach, goid.

RIFLE, s. Gunna, claiseach.

RIFLER, s. Spùinneadair, mèirleach, gaduiche, fear-reubainn.

RIFT, s. Sgoltadh, sgàineadh, gùg, glamhas.

RIFT, v. a. et n. 1. Cleave, split : sgòilt, sgàin. 2. burst, open : sgàin, srachd. 3. belch, break wind : brùchd, dèan brùchd.

RIG, s. 1. A strumpet : strìopach, siùrsach. 2. run a rig : dean cleas àbhachd.

RIG, v. a. et n. 1. Dress, accoutre : uidheamaich, sgeadaich, beartaich. 2. fit with tackling : cuir fuidh bheairt, beartaich. 3. play the wanton : bi siùrsachd.

RIGATION, s. Uisgeachaidh, fliuchadh, braonadh.

RIGGER, s. Fear-uidheamachaidh.

RIGGING, s. Uidheam seòlaidh, siùil is buill luinge, acfuinn.

RIGGISH, adj. Strìopachail, druseil.

RIGHT, adj. 1. Fit, proper : ceart, freagarrach, cubhaidh dìreach, iomchuidh. 2. rightful, justly claiming : ceart, cothromach, dlìgheach. 3. true : fìor, neo-mhearachdach, fireannach. 4. not mistaken : neo-mhearachdach, cothromach, ceart. 5. just, honest : ceart, treibhdhireach, onorach. 6. happy, convenient : sona. 7. not left : deas, deiseal. 8. straight, not crooked : dìreach. 9. right honourable : ro-urramach.

RIGHT, interj. Ceart, ro-mhàith.

RIGHT, adv. See Rightly.

RIGHT, s. 1. Not wrong : ceart, còir. 2. justice,

- not injury : ceartas, cothrom, ceart. 3. freedom from guilt : maith, ceart. 4. just claim : dlìghe, còir. 5. property, interest : còir, dlìghe, cuid. 6. privilege : saorsa, dlìghe. 7. the side not left : deas. 8. to rights, straight : dìreach. 9. to rights, with deliverance from error : ceart.
- RIGHT, v. a. et n.** 1. Do justice to : dean ceartas ri. 2. restore a ship to her upright position : ceartaich, cuir ceart. 3. rise with masts erected : rach ceart, éirich.
- RIGHTeous, adj.** 1. Just, honest, virtuous : ceart, fireanach, firinneach, fireanta, ionraic, subhaileach, treibhdhreach. 2. equitable : ceart, cothromach, dhreach, onorach.
- RIGHTeously, adv.** See Righteous.
- RIGHTeousness, s.** Fireantachd, treibhdhreas, ionracas.
- RIGHTful, adj.** 1. Having the just claim : dlìgheach, dleasdhanach, laghail. 2. honest, just : ceart, cothromach, ionraic.
- RIGHTfully, adv.** See Rightful.
- RIGHT-hand, s.** Làmh-dheas.
- RIGHTfulness, s.** Fireantachd, fireanachd, cothromachd.
- RIGHTly, adv.** See Right, *adj.*
- RIGHTness, s.** Firinneachd, firinn, cothromachd.
- RIGid, adj.** 1. Stiff, unpliant : teann, do-lùbaidh, dearrasach dùr, rìghinn. 2. severe, inflexible : teann, cruaidh, doirbh, gear-theann. 3. sharp, cruel : geur, cruaidh, an-ìochdmhor.
- RIGidity, s.** 1. Stiffness : raige, raigead, dearras dùire, dùiread. 2. want of easy or airy elegance : feamachas, raige. 3. severity, inflexibility : cruas, -an-ìochd.
- RIGIdly, adv.** See Rigid.
- RIGIdness, s.** See Rigidity.
- RIGmarole, s.** Ròlaiste.
- RIGorous, adj.** 1. Severe : cruaidh, teann, peingilt-each. 2. exact, scrupulously nice : eagnaidd, puncail.
- RIGorously, adv.** See Rigorous.
- RIGour, s.** 1. Cold, stiffness : fuachd, raige. 2. a convulsive shuddering, with a sense of cold : crith-fhuachd. 3. severity, sternness : cruas, raige, dearras. 4. severity of life : féin-àicheadh, peingilt-eachd. 5. strictness, unabated exactness : eagnaidd-eachd. 6. rage, cruelty : an-ìochd, fearg. 7. hardness, not softness : cruas, daingneachd.
- RILL, s.** Allt, alltan, caochan, sruthan, coileachan.
- RILL, v. n.** Ruith mar chaochan.
- RIM, s.** Oir, iomal, bile, fòir.
- RINE, s.** Liath-foedhadh, crith-foedhadh.
- RIME, v. n.** Reodh.
- RIMPLE, s.** Preas, fìlleadh.
- RIMPLE, v. a.** Preas, cas, pleat.
- RIMPLING, s.** Sìudan, udal.
- RIMY, adj.** Ceòthar, neulach, dorch.
- RIND, s.** Càirt, rùsg, cochull, plaoig, bileag.
- RIND, v. a.** Rùsg, plaoig, thoir dheth bileag.
- RING, s.** 1. A circle : fàinne, cuairt, cearcall. 2. of gold, or other matter, worn as ornament : fàinne, fàil. 3. a circle of metal to be held by : fàinne, aillbheag. 4. a number of bells harmonically tuned : comh-sheirm chlag. 5. sound : gliong, fuaim.
- RING, v. a. et n.** 1. Strike a sonorous body : thoir gliong air, seinn, buail. 2. encircle : cuairteich. 3. fit with rings : cuir fàinneachan air. 4. form a circle : dean cearcall mu. 5. sound : seinn, gliong. 6. sound : dean fuaim, bi fuaimnich.
- RINGDOVE, s.** Smùdan.
- RINGER, s.** Fear-seinn.
- RINGing, s.** Seinn, gliongadh.
- RINGLEADER, s.** Ceannard, fear-toisich, ceannard-gràisge, ceann-feadhna.
- RINGLET, s.** 1. A small ring : fàinneag, failbheag. 2. a circle : cuairteag, cuartag. 3. a curl : caime, lùb, amlag, camag, bachlag, dual, cuarsag, fàinneag.
- RINGSTREAKED, adj.** Stiallach, riabhach, gris-fhionn.
- RINSE, v. a.** Glan, sgùr, sgol, nigh, sruthail.
- RINser, s.** Fear-sgolaidh, glanadair, nigheadair, sgùradair.
- RIOT, s.** 1. Wild and loose festivity : ruidhtearachd, ana-measarrachd, geòcaireachd. 2. a sedition, an uproar : buaireas, éiridh, aimhreit, sabaid.
- RIOT, v. n.** 1. Revel : dean ruidhtearachd, bi geòcach. 2. raise a sedition or uproar : tog aimhreit, tog buaireas.
- RIOTer, s.** 1. One who is dissipated in luxury : ruidhtear, geòcair, pòitear. 2. one who raises an uproar or sedition : fear-buaireis, fear-aimhreit.
- RIOTous, adj.** 1. Luxurious, wanton : ruidhtearach, geòcach, ana-measarra. 2. seditious, turbulent : tuasaideach, aimhriteach, buaireasach.
- RIOTously, adv.** See Riotous.
- RIOTousness, s.** Ana-measarrachd, ruidhtearachd.
- RIP, v. a.** 1. Tear, lacerate : srachd, stròic, gearr suas, reub. 2. disclose, search out : fosgail, rannsaich, leig ris, foillsich.
- RIPE, adj.** 1. Brought to perfection in growth, mature : abuiach. 2. complete, proper for use : abuiach, coimhlionta. 3. finished, consummate : crìochnaichte, fòirce, iomlan, coimhlionta. 4. brought to the point of taking effect : abuiach, deas, ullamh.
- RIPE, v. a. et n.** See Ripen.
- RIPELY, adv.** See Ripen, *adv.*
- RIPEN, v. a. et n.** 1. Mature, make ripe : abuiach, dean abuiach. 2. grow ripe : abuiach, fàs abuiach.
- RIPENess, s.** 1. The state of being ripe : abuihead, abuiheadch. 2. full growth : làn fhàs, abuihead. 3. perfection, completion : fòirfeachd, iomlanachd. 4. stress : iomchuidheachd.
- RIPPER, s.** Fear-reubaidh, fear-sracaidh.
- RIPPLE, v. n.** Crith.
- RIPPLING, s.** Luasgadh thonn.
- RISE, v. n.** 1. Change a jacent to an erect posture : éirich. 2. get up from bed : éirich, dùisg. 3. spring, grow up : éirich, dirich. 4. gain elevation or rank or fortune : éirich, fàs mòr. 5. swell : at, bris a mach. 6. ascend : dirich, éirich. 7. take beginning : éirich, tòisich. 8. change a station :

- fig. 9. make insurrections : dean ceannaire, ceann-naìric, éirich, dean àr a mach.
- RISE, s.** 1. The act of rising : éiridh, éirigh. 2. ascent : éiridh díreach. 3. encrease in any respect : éiridh, fàs. 4. beginning, original : toiseach, tionn-sgnadh.
- RISEN, part.** Air éiridh.
- RISER, s.** Fear-éiridh.
- RISIBILITY, s.** Fonn-gàire, gàireachdaich.
- RISIBLE, adj.** 1. Having the faculty or power of laughing : gàireach. 2. ridiculous : ion-mhagaidh.
- RISING, s.** 1. Act of getting up : éiridh, éirigh. 2. a tumour : éiridh, bristeadh a mach. 3. tumult, insurrection : éiridh, ceannaire.
- RISK, s.** Cunnart, gàbhadh, baoghal.
- RISK, v. a.** Cuir an cunnart, cuir an gàbhadh.
- RITE, s.** Deas-ghnàth.
- RITUAL, adj.** Deas-ghnàthach.
- RITUALIST, s.** Fear-dheas-ghnàthach.
- RITUALLY, adv.** See Ritual.
- RIVAL, s.** 1. A competitor : fear-coimh-shréip, gnàthach. 2. a competitor in love : comh-shuiridheach.
- RIVAL, adj.** Comh-stritheach, eudmhor.
- RIVALRY, s.** Comh-shréip, comh-stri, comh-eud.
- RIVALSHIP, s.** Comh-shréip, comh-stri, comh-eud.
- RIVE, v. a. et n.** 1. Split, cleave : sgàin, sgoilt, stròic, srachd, reub. 2. be split : sgàin, sgoilt, bi reubta.
- RIVEL, v. a.** Preas, crup, cas.
- RIVEL, s.** Preas, preasadh, caisreag.
- RIVEN, part.** Reubta, stròicte, srachdta.
- RIVER, s.** Abhainn, anhaigh.
- RIVERET, s.** Allt, alltan, caochan, sruthan.
- RIVET, s.** Tarrun boineadach, sparran, dhrithlean.
- RIVET, v. a.** 1. Fasten with rivets : spàrr, teannaich le dhrithlean. 2. fasten strongly : spàrr, teannaich, daingnich. 3. clench a rivet : cuir boineid air dhrithlean.
- RIVULET, s.** Allt, alltan, caochan, sruthan.
- ROACH, s.** Ròisteach. As sound as a roach : cho slàn ri breac.
- ROAD, s.** 1. Large way, path : slighe, rathad, ròd, aisir. 2. where ships may anchor : caladh, acarsaid. 3. inroad, which see. 4. journey : turas, triall. 4. the high road : an rathad mòr.
- ROAM, v. a. et n.** 1. Range, wander over : seabhaid, siubhal thairis air, rach sios 's a suas, cuairtich. 2. ramble : bi seabhaideach.
- ROAM, s.** Seabhaid, seabhaideachd, iomrall.
- ROAMING, s.** Seabhaid, seabhaideachd, iomrall.
- ROANER, s.** Fear seabhaideach, fear iomrollach, fear-suibhail.
- ROAN, s.** Gris-fhionn, odhar, dubh-ghlas.
- ROAR, v. n.** 1. Cry as a wild beast : raic, bùir, beuc. 2. in distress : ràn, glaoth, sgairtich, beuc. 3. as the wind, or sea : ràn, beuc, gair. 4. make a loud noise : dean àrd-fhuaim, dean gleadh-raich.
- ROAR, s.** 1. The cry of a wild beast : raic, bùir-eam, beuc, langan, ulfhart. 2. of distress : ràn, glaoth, bural, sgread, sgairt. 3. of merriment :

- gleadhraich, collaid. 4. of the wind or sea : gair, beuc. 5. any loud noise : gleadhraich, àrd-fhuaim.
- ROARER, s.** Bladhmar, blabhda, beucaire.
- ROARING, s.** 1. Of a beast : raic, bùirach, ulfhartaich, langanaich, bùirich. 2. of distress : rànail, buralaich, sgairtich. 3. of the wind or sea : gairich, beucaire.
- ROAST, v. a.** Ròist, foil.
- ROAST, s.** 1. That which is roasted : ròsd, ròsdadh. 2. banter : tarruing á, fochaid. 3. rule the roast : smachdaich, riaghail.
- ROB, s.** Sùgh brioghmhor.
- ROB, v. a.** Spùinn, spùill, creach, goid, slad.
- ROBBED, s.** Spùinneadair, fear-reubainn, mèirleach an-dàna.
- ROBBERY, s.** Spùinneadairachd, slad, mèirle, goid, foghail.
- ROBE, s.** Cleòc, falluing, gùn.
- ROBE, v. a.** Cleòchadh, cuir gùn air, còmhdaich le falluing riombach.
- ROBIN, ROBIN-RED-BREAST, s.** Brù-dhearg, pigidh.
- ROBUST, s.** } *adj.* 1. Strong, sinewy : làidir, calma, neartmhor, greimil, comasach, garbh, fèitheach. 2. boisterous, violent : garbh, garg. 3. requiring strength : duilich, cruaidh, deacair.
- ROBUSTNESS, s.** Neartmhorachd, làidireachd, spionnadh, lùthmhoireachd.
- ROCHET, s.** Léine bhàn an t-sagairt.
- ROCK, s.** 1. A vast mass of stone fixed in the earth : creag, carraig. 2. protection, defence : carraig, tèarmunn, dìdean. 3. a distaff : cuigeal.
- ROCK, v. a. et n.** 1. Shake : fulaig, tulg, siùd, luaisg, seòg. 2. the cradle : tulg, siùd. 3. lull, quiet : tulg, siùd, seòg, cuir a chodal. 4. be violently agitated : luaisg, bi air udail.
- ROCKING, s.** Tulgadh, siùdadh, luasgadh, seògadh.
- ROCKET, s.** Seòrs obair-theine.
- ROCKY, adj.** 1. Full of rocks : creagach, clachach, carraigeach. 2. resembling a rock : creagail. 3. hard, stony, obdurate : cruaidh, clachach.
- Rod, s.** 1. A long twig : slat. 2. a kind of sceptre : slat rioghail. 3. an instrument for measuring : slat, slat-thomhais. 4. instrument of correction : slat, slat-sgiùrsaidh.
- ROE, s.** 1. A species of deer yet found in the highlands of Scotland : earb, earba, earbag, ruadh, ruadhag, maoisleach. 2. the eggs of fish : iuchair.
- ROGATION, s.** Asluachadh, athchuinge.
- ROGATION-WEEK, s.** Seachdain 'n a li-athchuinge.
- ROGUE, s.** 1. A vagabond : bleidir, iarradair dàna. 2. a knave : slaightear, crochair, daoidhear, mèirleach, gaduiche, bradaidh, braidein, siacair. 3. a name of slight endearment : duine bochd. 4. a wag : fear àbhachdach, àmhuiltach.
- ROGUERY, s.** 1. The life of a vagabond : bleidireachd, triùcraicheachd. 2. knavish trick : slaight, slaightireachd, cealgairachd, mi-chleasan. 3. waggery : fochaid, àbhachd.
- ROGUISH, adj.** 1. Vagrant, vagabond : bleidil, iarratach. 2. knavish, fraudulent : cealgach, meallta, slaightearach, carach. 3. waggish : àbhachdach.

ROGUISILY, *adv.* See Roguish.

ROLL, *v. a. et n.* 1. Move any thing by volutation : cuairsg, cuir mu chuairt, ról. 2. move any thing round upon its axis : tionndaidh, cuir car mu char. 3. move in a circle : cuairtich, rach mu chuairt. 4. wrap round upon itself : cuairsg paisg, fill. 5. form by rolling : cuairsg, dean cruinn, ról. 6. be moved : rach mu chuairt. 7. run on wheels : cuibhlích, falbh air chuibhlíchean. 8. perform a periodical revolution : cuir cuairt air, cuairtich. 9. move as waves or volumes of water : bi tonn-luaigte.

ROLL, *s.* 1. The act of rolling : dol mu chuairt, cuartalan, cuairsgéadh, róladh. 2. the thing rolling : róladh, rolaír, ról, rola. 3. mass made round : ról, rola, cuairsgéan. 4. writing rolled upon itself : ról, rola. 5. a cylinder : rolaír. 6. a catalogue : clár-ainm.

ROLLER, *s.* 1. Any thing turning on its own axis : rolaír, cuairsgéan, còimhnaidhe. 2. bandage, fillet : stiòm-cheangail.

ROLLINGPIN, *s.* Maide fuinidh, crann-fuine.

ROMAN, *s.* 1. A native of Rome : Ròmanach. 2. one of the Christian church at Rome : Ròimheach. 3. a papist : pàpanach.

ROMAN, *adj.* 1. Relating to the people of Rome : Ròmanach. 2. popish : pàpanach.

SURCEASE, *v. a. et n.* 1. Put to an end : cuir stad air, cuir crìoch air. 2. be at an end : stad, crìoch-naich. 3. leave off : sguir, stad.

SURCEASE, *v. s.* Sgur, stad, fois, clos, anail.

SURCHARGE, *v. a.* An-luchdaich, an-tromaich.

SURCHARGE, *s.* An-tromachadh, foir-lìonadh, an-luchd.

SURCULATE, *v. a.* Meang, gearr, bàrr.

SURD, *adj.* Bodhar.

SURDITY, *s.* Buidhre.

SURE, *adj.* 1. Certain, infallible : cinnteach, dearbh, fìor, neo-mhearachdach. 2. certainly doomed : cinnteach. 3. undoubting : earbsach, muinghinneach, cinnteach. 4. safe, past doubt or danger : sàbhailt, tèaruinte, cinnteach. 5. firm : seasmhach, daingean, cinnteach, neo-thuisleach. 6. to be sure : gu cinnteach.

SURE, } *adv.* See Sure, *adj.*

SURELY, }

SUREFOOTED, *adj.* Neo-thuisleach, treasdach, cinnteach air a chasan.

SURENESS, *s.* Cinnteachd, dearbhachd.

SURETSHIP, *s.* Urras, ràthanas.

SURETY, *s.* 1. Certainty : cinnteachd, cinnt. 2. security, safety : tèaruinteachd, sàbhaladh. 3. support : stéidh, bunchar, taic. 4. confirmation : cinnteachd, dearbhachd. 6. security for payment : urras, daingneachd. 7. one that gives security : urras, ràthan.

SURF, *s.* Tonn.

SURFACE, *s.* Uachdar, leth muigh, aghaidh.

SURFEIT, *v. a. et n.* 1. Cram overmuch : sàsaich, an-luchdaich. 2. be fed to satiety : ith seid, ith sàth.

SURFEIT, *s.* Sàth, seid, gràin le ithe, gais.

SURFEITER, *s.* Geòcair, glàimhear.

SURFEITING, *s.* Sàsachadh, seid, teann-shàth.

SURGER, *s.* Tonn, sumainn, bàirlinn.

SURGE, *v. n.* Éirich, at, bòchd.

SURGEON, *s.* Làmh-léigh léigh, ollamh.

SURGEONRY, } *s.* Dreuchd làimh-léigh, leigheas.

SURGERY, }

SURGICAL, *adj.* A bhuineas do làmh-léigh.

SURGY, *adj.* Tonnach, sumainneach, stuadhach.

SURLILY, *adv.* See Surly.

SURLINESS, *s.* Gruamachd, mùiceanachd, iargaltachd, dreamlainn.

SURLY, *adj.* Gruamach, goilleach, duairceach, doirbh, iargalta, coimheach, dreamlainneach.

SURMISE, *v. a.* Saoil, baralaich, cuir amharus, cuir umhaill.

SURMISE, *s.* Fathuinn, amharus, an-amharus, umhaill, farbhas.

SURMISER, *s.* Fear-fathuinn, fear-an-amharuis.

SURMOUNT, *v. a.* 1. Rise above : éirich os ceann, rach thairis. 2. conquer, overcome : buadhaich, ceannsaich, fairslich, dirich, faigh làmh an uachdar. 3. surpass, exceed : faigh bàrr, theirig thairis, buadhaich.

SURMOUNTABLE, *adj.* So-bhuadhachaidh, so-cheannachaidh.

SURMOUNTING, *s.* Dol os ceann, buadhachadh.

SURNAME, *s.* Sloinneadh, ainm-sloinnidh, ath-ainm, comh-ainm.

SURNAME, *v. a.* Sloinn, thoir comh-ainm.

SURPASS, *v. a.* Faigh bàrr, fairslich, buadhaich, thoir bàrr.

SURPASSABLE, *adj.* So-thoirt bàrr, air am feudar bàrr a thoirt.

SURPASSING, *adj.* Òirdheirc, ro-urramach, barraichte.

SURPASSINGLY, *adv.* See Surpassing.

SURPLICE, *s.* Calaidh-aifrin.

SURPLUS, *s.* Còrr, barrachd, fuigheall, barrachdas.

SURPRISAL, } *s.* 1. The act of taking unawares :

SURPRISE, } teachd gun fhios, glacadh gun fhios, grad-ghlacadh, sgeilmse. 2. sudden confusion : iognhadh, iongantas, uamhas, fuathas, clisgeadh, sgeilmse.

SURPRISE, *v. a.* 1. Take unawares : glac gun fhios, thig gun fhaireachadh. 2. astonish : cuir fuathas air, sgeimhich, cuir iongantas air. 3. confuse : clisg, cuir cagal air, sgeimhich.

SURPRISING, *adj.* Iongantach, neònach, miorbhuilcach.

SURPRISINGLY, *adv.* See Surprising.

SURRENDER, *v. a. et n.* Thoir suas, thoir thairis, géill, strìochd.

SURRENDER, *s.* 1. The act of yielding : géilleadh, strìochdadh. 2. The act of resigning or giving up to another : toirt thairis, toirt suas.

SURREPTITIOUS, *adj.* Bradach, meallta, dèanta gun fhios.

SURREPTITIOUSLY, *adv.* See Surreptitious.

SURROUND, *v. a.* Cuairtich, iom-dhruid, iadh mu thimchioll.

SURVEY, *v. a.* Gabh beachd, seall thairis air, rannsaich, beachdaich air. Survey land : tomhais fearann.

SURVEY, *s.* 1. View, prospect : beachd, sealladh. 2. superintendence : marasgladh, sealltuinn thairis. 3. mensuration : tomhas.

SURVEYOR, *s.* 1. An overseer : marasgal, marasgal, fear-sùla. 2. a measurer of land : fear-tomhais.

SURVEYORSHIP, *s.* Marasgladh.

SURVIVE, *v. a. et n.* 1. Outlive : mair, fan beò an dèigh. 2. remain alive : mair beò, bi beò.

SURVIVOR, } *s.* Neach is faide saoghal na neach eile, **SURVIVOR**, } neach beò an dèigh bàis neach éile.

SUSCEPTIBILITY, *s.* Mothachadh, beothalachd, faireachduinn.

SUSCEPTIBLE, *adj.* Mothachail, beothail, a' faireachduinn.

SUSCITATE, *v. a.* Brosnuich, bruidich, dùsg, mosgail.

SUSCITATION, *s.* Brosnuchadh, mosgladh, dùsgadh.

SUSPECT, *v. a. et n.* 1. Imagine with a degree of fear and jealousy : saoil, cuir amharus, amharusaich, cuir an amharus, cuir umhaill. 2. imagine guilty : cuir an amharus, cuir an teagamh, smaoinich ciontach. 3. hold uncertain : cuir an ag, cuir an teagamh. 4. imagine guilt : saoil ciontach.

SUSPECT, *adj.* Teagamhach, neo-chinnteach, amharusach.

SUSPEND, *v. a.* 1. Hang : croch, cuir an crochadh.

2. make to depend upon : cuir an crochadh, cuir slaodta ri. 3. interrupt : maillich, grab, bac. 4. keep undetermined : cum an imcheist, cum an crochadh. 4. for a time from office or enjoyment of revenue : cuir a seilbh rè seal.

SUSPENDER, *s.* Fear mairnealach, fear seamsanach.

SUSPENSE, *s.* Teagamh, imcheist, ioma-chomhairle.

SUSPENSE, *adj.* 1. Held from proceeding : bacta, grabta. 2. held in doubt : an teagamh, imcheist-each.

SUSPENSION, *s.* 1. Act of making to hang : crochadh. 2. act of delaying : cumail air ais, cur dàil, mailleachadh. 3. interruption : cacadh, grabadh.

SUSPICION, *s.* Amharus, an-amharus, umhail, teag-amh.

SUSPICIOUS, *adj.* An-amharusach, coicheideach, amharusach, an-earbsach, umhailleach, air dhroch coltas.

SUSPICIOUSLY, *adv.* See Suspicious.

SUSPICIOUSNESS, *s.* Amharus, an-amharus.

SUSPIRATION, *s.* Osnadh, osnaich.

SUSPIRE, *v. a.* 1. Sigh : osnaich. 2. breathe : tarraing anail.

SUSTAIN, *v. a.* 1. Bear, prop : taic, cum suas. 2. support, keep from sinking : taic, cum suas, cobhair, cuidich. 3. maintain, keep : cum beò, cum suas. 4. assist : cuidich, cobhair. 5. endure : giùlain, fuilg. 6. bear without yielding : seas, cum ri.

SUSTAINABLE, *adj.* So-ghiùlain, so-chumail suas.

SUSTAINER, *s.* 1. One that props : fear-cumail suas. 2. a sufferer : fulangaiche, fear-giùlain.

SUSTENANCE, *s.* 1. Support, maintenance : cum-

SUSTENTATION, *f.* all suas. 2. necessities of life : biadh, lòn, teachd an tìr.

SUSURRATION, *s.* Cagar, torman.

SUTLER, *s.* Fear-solair lòn.

SUTURE, *s.* 1. A manner of sewing : fuaigheal. 2. a particular articulation : fuaigheal chnàmh, ceangal chnàmh.

SWAB, *s.* Moibean, sguabach ùrlair.

SWABBER, *s.* Fear-glanaidh bùird luinge.

SADDLE, *v. a.* Spaoil, paisg.

SWADDLE, *s.* Spaoileadh, pasgadh.

SADDLING-BAND, *s.* Crios-spaoilidh, aodach-suainidh.

SWAG, *v. n.* Bi tromsanaich.

SWAGE, *v. a.* See Assuage.

SWAGGER, *v. n.* Dean spagluinn, dean bòsd, bi spail-eichdail.

SWAGGERER, *s.* Fear spagluinneach, bladhasair, spleadhadair.

SWAGGY, *adj.* Trom, lòdail.

SWAIN, *s.* 1. A young man : òganach, òigfhear, fleasgach. 2. a country servant employed in husbandry : sgalach, fear-muinntir. 3. a pastoral youth : buachaille, cibeir.

SWALE, *v. a.* Caith, cosd.

SWALLOW, *s.* 1. A small bird of passage : gobhlan-gaoithe, ainleag. 2. the throat : slugadh.

SWALLOW, *v. a.* 1. Take down the throat : sluig, gloc. 2. absorb : sluig, sùgh. 3. occu-

py : glac, lìon suas. 4. seize and waste : mill, sgrios.

SWAMP, *s.* Boglach, feith, càthar, clàbar, sùil-chruthaich.

SWAMPY, *adj.* Càtharach, bog, clàbarach.

SWAN, *s.* Eala, eladh.

SWARD, *s.* 1. The skin of bacon : craicinn muic. 2. the surface of the ground : sgrath, fòid, rùsg.

SWARM, *s.* 1. Of bees or other small animals : sgaoth. 2. a multitude, a crowd : comh-thional, sgann, comh-chruinneachadh.

SWARM, *v. a. et n.* 1. Throng : cruinnich mar sgaoth. 2. rise as bees in a body : tilg sgaoth bheach, falbh an sgaoth. 3. crowd, throng : trus, cruinnich, tionail.

SWART, *adj.* Dubh, odhar, lachduinn, ciar.

SWARTH, *adj.* Dubh, odhar, lachduinn, ciar.

SWART, *v. a.* Dorchaidh, dubh, dean ciar.

SWARTH, *s.* Dreug, spiorad.

SWARTILY, *adv.* See Swarthly.

SWARTHINESS, *s.* Doilleireachd, coltas ciar.

SWARTHY, *adj.* Ciar, odhar, lachduinn, dubh, cairtidh.

SWASH, *s.* 1. A blustering noise as show of valour : gleadhraich, spagluinn. 2. impulse of water : plubraich.

SWATH, *s.* 1. Of grass or corn cut down : spadhadh. 2. a continued quantity : meall air muin a chéile. 3. a band : stiom, bann, crios.

SWATHE, *v. a.* Spaoil, paisg.

SWAY, *v. a. et n.* 1. Wave in the hand : luaigs, crath. 2. bias : aom. 3. govern, rule : riaghail, stiùir, ceannsaich. 4. hang heavy : bi trom. 5. have weight or influence : bi cumhachdach, bi comasach.

SWAY, *s.* 1. The swing or sweep of a weapon : luasgadh, crathadh. 2. weight : cudthrom, truime. 3. dominion : cumhachd, comas, riaghladh, uachdranachd, ceannas. 4. influence : aomadh.

SWEAR, *v. a. et n.* 1. Bind by an oath : cuir air 'mhionnaibh, cuir mionnan air. 2. declare upon oath : breithic, dearbhaich, thoir mionnan, lùgh. 3. obtest some superior power : mionnaich, lùgh. 4. declare or promise upon oath : mionnaich, geall le mionnaibh. 5. give evidence upon oath : thoir mionnan, mionnaich air. 6. obtest the great name profanely : mionnaich.

SWEARER, *s.* Fear-mhionnan, fear-mionnachaidh.

SWEARING, *s.* Mionnachadh, lùghadh.

SWEAT, *s.* 1. Perspiration : fallus. 2. labour, toil : saothair, obair ghòirt. 3. evaporation of moisture : fallus, cur uisge dheth.

SWEAT, *v. a. et n.* 1. Emit as sweat : cuir a mach fallus, cuir fallus dhìot. 2. make to sweat : cuir 'n a fhallus. 3. be moist on the body : bi 'n ad fhallus, bi blàth. 4. toil, labour : saothraich, oibrich.

SWEATY, *adj.* 1. Moist with sweat : fallusach. 2. toilsome : saothrachail, goirt.

SWEDE, *s. et adj.* Suaineach.

SWEET, *v. a. et n.* 1. With a besom : sguab, glan. 2. with pomp : giùlain gu greadhnach. 3. with

celerity and violence : sguab, fuaadaich. 4. with celerity and force : sgud. 5. rub over : suath.

SWEEP, *s.* Sguabadh, garbh-shiubhal, sraonadh.

SWEEPER, *s.* Sguabadair, fear-sguabaidh.

SWEEPINGS, *s.* Sguabadh, fòtus, fuigheall, smodal.

SWEEPNET, *s.* Lion sgrìobaidh, sguab-lion.

SWEEPSTAKE, *s.* Sgrìob lom, cosnadh gach gill.

SWEET, *adj.* 1. To any sense : milis, taitneach. 2. to the taste : milis, blasda. 3. to the smell : cùbhradh, taitneach. 4. to the ear : binn, ceòlmhor. 5. to the eye : tlà, maiseach, àluinn. 6. not salt : milis, ùr. 7. not sour : milis. 7. mild : tlà, caomh. 8. grateful, pleasing : taitneach.

SWEET, *s.* 1. Something pleasing : millse, milseachd. 2. word of endearment : gaolach, cagar, luaidh. 3. a perfume : ola chùbhradh.

SWEETBREAD, *s.* Milsean, aran milis.

SWEETBRIER, *s.* Dris chùbhradh.

SWEETEN, *v. a. et n.* 1. Make sweet : milsich, dean milis. 2. make mild or kind : dean caomh, dean caoin, minich, ciùinich. 3. make less painful : dean so-ìomchar, eutromaich. 4. palliate, reconcile : dean rèidh, rèitich. 5. make grateful or pleasing : dean taitneach. 6. grow sweet : fàs milis.

SWEETHEART, *s.* Leannan, gràidheag, seirceag, seircan.

SWEETISH, *adj.* Car milis, leth-char milis, blasda.

SWEETLY, *adv.* See *Sweet*, *adj.*

SWEETMEAT, *s.* Milsean, biadh milis.

SWEETNESS, *s.* Milse, millseachd, millseachd, binnead. Of smell : cùbhradhachd. Of temper : ciùine, grèdealachd.

SWEETWILLIAM, *s.* See *Gilliflower*.

SWELL, *v. a. et n.* 1. Cause to rise or encrease : tog, thoir at air, cuir suas. 2. heighten : an-tromaich, meudaich. 3. rise to arrogance : àrdaich, séid suas. 4. grow turgid : at, bòchd. 5. tumify by obstruction : at, fàs dòmhail. 6. be exasperated : borbnaich, séid le àrdan. 7. protuberate : at, bòchd.

SWELL, *s.* 1. Extension of bulk : at, dòmhladas. 2. the surf : tonn, sumainn.

SWELLING, *s.* 1. Morbid tumour : iongrachadh, màm, neasgaid, at. 2. protuberance, prominence : éiridh, cnap, meall. 3. effort for vent : at, séid-eadh, ataireachd, bòrcadh.

SWELTER, *v. a.* Tiormaich, sgreag.

SWELTRY, *adj.* Teth, bruich, bruiteannach.

SWERVE, *v. n.* 1. Wander, rove : seabhaid, theirig air seacharan. 2. deviate : claon, fiar, rach a thaobh. 3. ply, bend : lùb.

SWERVING, *s.* Claonadh, fiaradh, dol gu thaobh.

SWIFT, *adj.* Luath, hairgeanta, siùbhlach, grad, eal-amh, clis, càsgaidh.

SWIFT, *s.* Coileach, sruth, sruth cas.

SWIFTFOOT, *adj.* Luath, luath-chasach.

SWIFTLY, *adv.* See *Swift*, *adj.*

SWIFTNESS, *s.* Luathas, luathailt, luathailteachd.

SWIG, *v. a. et n.* Deoghail cabhagach, òl glamadh, thoir balgum mùr.

SWILL, *v. a. et n.* 1. Drink grossly : òl gu bras, sluig, dean pòit. 2. wash, drench : bogaich, tais-

ich, fiuch. 3. inebriate : cuir air mhìsg, lion le deoch. 4. be intoxicated : bi air mhìsg.

SWILLER, *s.* Mìsgear, pòitear.

SWIM, *v. a. et n.* 1. Pass by swimming : snàmh, dean snàmh. 2. float : snàmh. 3. progressively : snàmh, bi snàmh. 4. glide along : siubhail seachad, ghluais seachad gu fòil. 5. be dizzy : bi an tuaineulach. 6. flow in any thing : snàmh.

SWIM, *s.* Bàlgan-snàmh.

SWIMMER, *s.* Snàmhach, snàmhair.

SWIMMING, *s.* 1. The act of floating : snàmh. 2. dizziness : tuaineal.

SWIMMINGLY, *adv.* Gu sèimh, gu mìn, gu socrach.

SWINDLE, *v. a.* Meall, thoir an car à.

SWINDLER, *s.* Slaightear, caraich, crochair.

SWINE, *s.* Muc.

SWINEHERD, *s.* Buachaill mhuc, gille mhuc, mucair.

SWINESTY, *s.* Fail mhuc, crò mhuc.

SWING, *v. a. et n.* 1. Make or play loosely on a string : luaisg, tulg, siud, seòg, udail. 2. whirl round : cuir mu 'n cuairt, luaisg. 3. wave loosely : crath, seòg. 4. wave to and fro hanging loosely : tulg, siud.

SWING, *s.* 1. Motion of any thing hanging loosely : siudan, tulgadh, seògadh, luasgadh. 2. a line on which any thing hangs loosely : dreallag, seògan, riadhan. 3. unrestrained tendency : siudan, cead fèin, toil fèin.

SWINGE, *v. a.* Sgiùrs, sguids, gabh air.

SWINGER, *s.* Fear-luasgaidh, fear-siùdhan.

SWINGING, *adj.* Mòr, garbh.

SWINGINGLY, *adv.* See *Swinging*.

SWINGLE, *v. n.* Seòg, siud, bi air udail.

SWINISH, *adj.* Salach, mosach, mucach, mar mhuic.

SWITCH, *s.* Slat, sgiùrsadh, slatag.

SWITCH, *v. a.* Sgiùrs, sguids, gabh air le slait.

SWIVEL, *s.* Fudlan, udalan.

SWOBBE, *s.* Sguabadair, fear-sguabaidh.

SWOLLEN, *part.* Air at.

SWOON, *v. n.* Tuit am paisean, rach am paisean, rach an neul.

SWOON, *s.* Neul, paisean, plathadh, laigse.

SWOOP, *v. a.* See *Sweep*.

SWOP, *v. a.* Malairtich, dean suaip.

SWOP, *s.* Malairt, suaip.

SWORD, *s.* Claidheamh, lann, cliaranach, claiseach.

SWORDGRASS, *s.* Riasg.

SWORDMAN, *s.* Fear-claidheimh.

SWORDPLAYER, *s.* Basbair.

SWORN, *part.* Mionnaichte.

SWUNG, *part.* Luaisgte.

SYCAMORE, *s.* Sicamor, fìor-chrann.

SYCOPHANCY, *s.* Miolasg, goileam, sodal, masgul, miodal.

SYCOPHANT, *s.* Brasaire-bùird, sgimilear, fear-sodail, masgulaiche.

SYCOPHANTIC, *adj.* Miodalach, sodalach, brosgulach, miolasgach, masgulaich.

SYLLABLE, *s.* Lid, lide, lideadh, abadh, sioladh.

SYLLABUS, *s.* Bainn' is deoch làidir.

SYLLOGISM, *s.* Comharguin.

SYLLOGISTICAL, *adj.* Comharguineach.

SYLVAN, *adj.* Coillteach, dubharach.
 SYLVAN, *s.* Dia coille.
 SYMBOL, *s.* 1. An abstract, a compendium : giorradan. 2. a type : samhlaidh, comharradh. 3. a sign or badge : comharradh, suaicheanas.
 SYMBOLICAL, *adj.* Samhlach, a' taisbeanadh.
 SYMBOLICALLY, *adv.* See Symbolical.
 SYMMETRICAL, *adj.* Comh-fhreagarrach, dealbhach, cumadail.
 SYMMETRIST *s.* Fear eòlach air deadh chumadh.
 SYMMETRY, *s.* Cumadalachd, comh-fhreagarrachd.
 SYMPATHETIC, } *adj.* Comh-fhulangach, comh-
 SYMPATHETICAL, } mhothachail, truacanta, bàigh-
 cil.
 SYMPATHETICALLY, *adv.* See Sympathetical.
 SYMPATHIZE, *v. n.* Comh-mhothaich, comh-fhairich, comh-fhuiling.
 SYMPATHY, *s.* Comh-fhulangas, comh-mhothachadh, truas, bàigh.
 SYMPHONIOUS, *adj.* Comh-cheòlach, comh-fhuaimneach.
 SYMPHONY, *s.* Corruil, comh-cheòl, coimh-shéirm.
 SYMPTOM, *s.* Comharradh, coltas.
 SYNAGOGUE, *s.* Tigh-aoraidh lùdhach, sionagóg.

SYNCOPE, *s.* 1. Fainting fit : paiscan, neul. 2. of a word : giorrachadh.
 SYNOD, *s.* 1. An assembly called for consultation : seanadh. 2. conjunction of the heavenly bodies : coinneachadh reultan.
 SYNODICAL, *adj.* A bhluineas do sheanadh.
 SYNONYME, *s.* Comh-fhocal.
 SYNONYMOUS, *adj.* Comh-fhoclach, comh-chiallach.
 SYNONYMOUSLY, *adv.* See Synonymous.
 SYNONYMY, *s.* Comh-fhocal.
 SYNOPSIS, *s.* Giorradan.
 SYNTACTICAL, *adj.* Comh-fhreagarrach.
 SYNTAX, *s.* Comh-thàthadh.
 SYNTHETIC, } *adj.* Comh-dhlùthta.
 SYNTHETICAL, }
 SYPHON, *s.* Pìob, feadan.
 SYREN, *s.* Suirb, bean-thàlaidh.
 SYRINGE, *s.* Spùtachan, sgìordan, gunna spùtain.
 SYRINGE, *v. a.* Sgìord, glan le spùtachan.
 SYSTEM, *s.* Coimh-eagar, lathailt, dòighealachd.
 SYSTEMATICAL, *adj.* Coimh-eagarach, lathailteach, dòigheil.
 SYSTEMATICALLY, *adv.* See Systematical.
 SYSTEMATIZE, *v. a.* Dean coimh-eagar.

TAB

TABBY, *s.* Sioda stiallach.
 TABBY, *adj.* Stiallach, eug-samhuil, riabhach.
 TABEFACATION, *s.* Caitheamh, seargadh, éiteach.
 TABEFY, *v. n.* Caith, searg, meath, fàs caol.
 TABERNACLE, *s.* 1. A temporary habitation : pàill-iun, bùth. 2. a place of worship : tigh-aoraidh, àit'-aoraidh.
 TABERNACLE, *v. n.* Tuinich am pàilliuin, còmhnuich am bùth.
 TABLATURE, *s.* 1. Of the skull : sgoltadh a' chloiginn. 2. a single piece of painting : dealbh iomlan.
 TABLE, *s.* 1. Level surface : bòrd, clàr. 2. for meals and other purposes : bòrd, clàr. 3. persons at table : luchd-bùird. 4. entertainment : bòrd, biadh-bùird. 5. a tablet : clàr. 6. a picture : dealbh. 7. an index, a catalogue : clàr-innse. 8. a synopsis : giorradan. 9. the palm of the hand : deàrn. 10. turn the tables : tionndaidh an roth.
 TABLE, *v. a. et n.* 1. Make into a catalogue : cuir

TAC

an clàr-innse, dean clàr-innse. 2. supply with a table or food : thoir bòrd, cum bòrd ri. 3. board, live at the table of another : gabh bòrd, bi air bhòrd.
 TABLECLOTH, *s.* Anart-bhùird.
 TABLEMAN, *s.* Fear-fèòirne, fear-chneitein.
 TABLET, *s.* 1. A small level surface : bòrd, clàr. 2. a medicine in a square form : cearnag-léigh.
 TABOUR, *s.* Druma bheag, tàbar.
 TABRET, *s.* See Tabour.
 TABULAR, *adj.* 1. Set down in the form of tables or synopses : air a chur sìos air clàir. 2. formed in laminæ : leacach. 3. set in squares : ceàrnach.
 TABULATED, *adj.* Leacach, réidh, còmharnad, mar bhòrd.
 TACHE, *s.* Cromag, lùb, dul.
 TACIT, *adj.* Tosdach, balbh, sàmhach.
 TACITLY, *adv.* See Tacit.
 TACITURNITY, *s.* Tosdachd, samhchair, fòisdinn.
 TACK, *v. a. et n.* 1. Fasten : ceangail ri. 2. join,

- unite : tàth, comh-thàth, cnòd, fuaigh. 3. turn a ship : bòrd.
- TACK, *s.* 1. A small nail : tacaìd. 2. act of turning ships at sea : bòrdadh. 3. addition, supplement : foir-lionadh, cur ri. 4. a stain : ball, sal, salchar.
- TACKLE, *s.* 1. An arrow : saighhead. 2. instruments of action : arm, uidheam. 3. of a ship : buill, acfuinn.
- TACKLE, *v. a.* Cuir an uidheam, beartaich.
- TACKLING, *s.* 1. Of the mast : droinip, acfuinn, buill. 2. instruments : uidheam.
- TACTIC, *adj.* Eagarach, a' cur an òrdugh catha.
- TACTICS, *s.* Gleus-cogaidh, oilean-cogaidh.
- TADPOLE, *s.* Ceann-phollan, ceanna-phollag, òg-losg-unn, ceann-òimid, dairbeag.
- TAG, *s.* 1. Of metal to a string : cnapan, plucan. 2. any thing paltry and mean : ni suarach. 3. a young sheep : òisg.
- TAG, *v. a.* 1. Fit with an end : cuir ceann air. 2. fit one thing with another : tàth, ceangail ri, fuaigh.
- TAIL, *s.* Earball, feaman, rumpull, càrr, bun-feann, bun-feamain, breaman. Turn tail : teich, gabh an ruaig.
- TAIL, *v. n.* Tarring earball.
- TAILED, *adj.* Breamanach, earballach.
- TAILOR, *s.* Tàillear.
- TAINT, *v. a. et n.* 1. Imbue : lìon. 2. stain, sully : salaich, truail. 3. poison : mill, truail, puinnsonaich. 4. be infected : bi salach, bi truailidh.
- TAINT, *s.* 1. A tincture, a stain : ball, sal, salchar. 2. infection, corruption : salchadh, truailleadh, gaoid, galar. 3. a spot, blemish : ball, gaoid, meang.
- TAINTLESS, *adj.* Glan, neo-thruailidh, gun ghaoid, gun ghalar.
- TAINTURE, *s.* See Taint, *s.*
- TAKE, *v. a. et n.* 1. Receive what is offered : gabh. 2. seize : glac, beir air. 3. receive : gabh. 4. lay hold on : glac, beir air, cuir làmh air. 5. snatch : glac, dean greim air. 6. make prisoner : glac, cuir an làmh. 7. captivate with pleasure : meall, tàladh, glac. 8. entrap : glac, cuir an sàs. 9. understand : tuig. 10. turn to practice : gabh, lean. 11. close in with : dean greim, glac, dùn ri. 12. into the mind : thoir fainear, gabh aithne. 13. go into : falbh, rach. 14. swallow : òl. 15. adopt : gabh. 16. endure, bear : gabh, fuilg. 17. allow, admit : ceadaidh. 18. withdraw : thoir a thaobh. 19. hire, rent : gabh. 20. take away : thoir air falbh. 21. take care : gabh cùram, thoir fainear. 22. take down : thoir sìos. 23. take from : thoir o, thoir uaith. 24. take heed : thoir aire. 25. take in, enclose : dùin, thoir a stigh. 26. take in, lessen : thoir a stigh, lughdaich. 27. take in, cheat : meall, thoir an car á. 28. take in, comprise : gabh a stigh, fill. 29. take in, admit : leig a stigh. 30. take in, win by conquest : glac, ceannsaich. 31. take in, receive mentally : tuig. 32. take in hand : gabh fo 's làimh.
- TAKEN, *part.* Glacta.
- TAKER, *s.* Fear-glacaidh, glacadair.

- TAKING, *s.* Glacadh, gabhair.
- TALE, *s.* 1. A story : sgeul, sgeulachd, ùr-sgeul, naidheachd. 2. oral relation : naidheachd, sgeul, aithris. 3. number reckoned : cunntas, àireamh. 4. information : sgeul, naidheachd.
- TALEBEARER, *s.* Fear-sgeòil, aithriseach, fear-tuailcis, sgéil-theachdair.
- TALEBEARING, *s.* Tuailcas, gobaireachd.
- TALENT, *s.* 1. Of money : tàlann. 2. faculty, power : ceud-fath, comas, cumhachd, càil, feart.
- TALISMAN, *s.* Dealbh dhruidheachd.
- TALK, *v. n.* 1. Speak in conversation : labhair, bruidhinn, dean conaltradh, dean còmhraidh. 2. prattle : dean goileam. 3. give account : aithris, innis. 4. speak, reason : labhair.
- TALK, *s.* 1. Oral conversation : bruidhean, còmhraidh, labhairt, conaltradh. 2. report, rumour : iomradh, bruidhean. 3. subject of discourse : seanchas, còmhraidh.
- TALKATIVE, *adj.* Bruidhneach, còmhraidhteach, conaltrach, bìlceach, braisgeach.
- TALKATIVENESS, *s.* Gobaireachd, goileam, lonais.
- TALKER, *s.* 1. One who talks : fear-bruidhne, fear-labhairt, cracaire. 2. a loquacious person : gobair, fear bìlceach. 3. a boaster : fear spag-luinneach.
- TALKING, *s.* Bruidhean, labhairt, còmhraidh, conaltradh.
- TALL, *adj.* Àrd, mòr, fada, garbh, greimeil.
- TALLAGE, *s.* Cìs, càin, màl.
- TALLOW, *s.* Geir.
- TALLY, *v. a. et n.* 1. Fit, suit : comh-fhreagair, dean comh-fhreagarrach. 2. be fitted : freagair do, bi freagarrach.
- TALMUD, *s.* Leabhar beul-aithris nan Iudhach.
- TALNESS, *s.* Àirde.
- TALON, *s.* Ionga, spòg, spor.
- TAMBOURINE, *s.* Druma làimhe, druma mheur.
- TAME, *adj.* 1. Not wild : soirbh, soitheamh, ciùin. 2. subdued : ceannsaichte, callaichte, briste. 3. spiritless : neo-sporadail, neo-smiorail.
- TAME, *v. a.* 1. Reduce from wildness : callaich, dean soirbh, tataidh. 2. subdue : ceannsaich, ciùinich, smachdaich, cum fuidhe.
- TAMEABLE, *adj.* So-cheannsaich, so-chiùineachaidh.
- TAMELY, *adv.* See Tame, *adj.*
- TAMENESS, *s.* 1. The quality of being tame : ciùine, ciùinead, soitheachd, soirbhe. 2. timidity : gealtachd, lag-chridheachd.
- TAMER, *s.* Buadhach, fear-ceannsaichaidh.
- TAMPER, *v. n.* 1. Be busy with physic : feuch, cleachd. 2. meddle : bean, meachanaich. 3. practise secretly : feuch, cleachd innleachdan.
- TAN, *v. a.* 1. With bark : cairt. 2. by the sun : cairt, dean buidhe.
- TAN, *s.* Cairt-dharaich.
- TANG, *s.* Droch bhlas, blas làidir, blas garg.
- TANGENT, *s.* Beanaileachd.
- TANGIBILITY, *s.* Taic, faireachduinn.
- TANGIBLE, *adj.* So-laimheachaidh, so-bheantuinne.
- TANGLE, *v. a.* See Entangle.

TANGLE, s. 1. A knot of things interwoven: am-ladh, cuimrig, feamnachd. 2. sea-weed: bàrr-rochd, bàrr-staimh.

TANISTRY, s. Tànaisteachd, tànaistearachd.

TANKARD, s. Cuirraighin.

TANNER, s. Fear-deasachaidh leathair.

TANNING, s. Cartadh.

TANPIT, s. Slochd-cartaigh.

TANSY, s. Tringalus, lus-na-Frainge.

TANTALIZE, v. a. Thoir a mach miann, buair.

TANTALIZER, s. Fear-tàlaidh, buaireadair.

TANTAMOUNT, adj. Coimh-chiallach, comb-ionann.

TAP, v. a. et n. 1. Touch lightly: bean. 2. broach a vessel: bris air, taruing á. 3. strike a gentle blow: buail fòil, cnag.

TAP, s. 1. A gentle blow: buille bheag, buille lag, gnogag. 2. a pipe: goc, pìob-tharring.

TAPE, s. Stiom, stiall, crios.

TAPER, s. Coimneal, chèire.

TAPER, adj. Biorach, binneach, a' fàs caol a' chuid 's a' chuid.

TAPER, v. n. Fàs caol, fàs mar bharrachaoil.

TAPESTRY, s. Obair ghréis, aodach làn dhealbh.

TAPHOUSE, s. Tigh-leanna.

TAPSTER, s. Buidleair, gille leanna.

TAR, s. 1. Liquid pitch: tèarr. 2. a sailor: mar-aich, seòladair.

TAR, v. a. 1. Smear over with tar: tèarr. 2. tease, provoke: buair, brosnuich.

TARDILY, adv. See Tardy.

TARDINESS, s. Maidheanachd, màirnealachd, athais-eachd.

TARDY, adj. 1. Slow, not swift: mall, adhaiseach, athaiseach. 2. sluggish: leasg, slaodach, fadalach. 3. dilatory: maidheanach, màirnealach, fadalach, seamsanach, drìonganach.

TARDY, v. a. Maillich, bac, cum air ais.

TARE, s. 1. A weed that grows among corn: cogull, peasair-each. 2. allowance made for waste in merchandise: uiread leis a' chothrom.

TARGET, s. Targaid, sgiath, làimh-sgiath, luim-ean.

TARGETIER, s. Fear-sgiath, fear-sgèithe.

TARGUM, s. Leabhar-mineachaidh a' Bhìobuill 's a' chàinnt Chaldeich.

TARNISH, v. a. et n. 1. Sully: salaich, truaill, dubh, cuir smal air. 2. lose brightness: fàs dubh, fàs salach.

TARRIER, s. Abhag.

TARRY, v. n. 1. Stay: stad, fuirich, fan. 2. delay: 'bi màirnealach, fuirich.

TART, adj. 1. Sour, acid: searbh, goirt, geur, garg. 2. sharp, keen, severe: garg, borb, gruamach, feargach.

TARTAN, s. Breacan, tartan, cadadh.

TARTAN, s. Iirinn.

TARTLY, adv. See Tart.

TARTNESS, s. 1. Sharpness, sourness: gairgead, seirbhe, géire. 2. sourness of temper: gairgead, gruamachd.

TASK, s. 1. Something to be done: obair r' a' dhèanamh, obair dhligheach, gnìomh r' a' dhèanamh. 2.

employment, business: gnìomh, obair, gnothach. 3. take to task: thoir gu cunntas.

TASK, v. a. Cuir obair air, cuir gnìomh mu choinneamh.

TASKER, TASKMASTER, } s. Maignistir-oibre.

TASSEL, s. Dos, aigilean, babag, babaid.

TASSELED, adj. Babanach, babagach, dosach.

TASTE, v. a. et n. 1. By the palate: blais. 2. essay first: feuch, thoir deuchainn, blais. 3. feel: fairich, blais. 4. intellectually: blais. 5. by the mouth: blais, ith. 6. try the relish: feuch. 7. enjoy sparingly: fairich blas, blais.

TASTE, s. 1. The act of tasting: blasachd, blasadh, blasad. 2. the sense: blas. 3. sensibility, perception: faireachduinn, mothachadh. 4. intellectual relish: faireachduinn, aithne. 5. a small portion: blas, sampull.

TASTED, adj. Blasda, air am bheil blas.

TASTEFUL, adj. Blasda, deadh-bhlasda.

TASTELESS, adj. 1. Having no power of perceiving taste: gun bhas. 2. insipid: neo-bhlasda. 3. having no intellectual gust: gun flaireachduinn, gun mhothachadh.

TASTELESSNESS, s. 1. Insipidity: neo-bhlasdachd. 2. want of perception of taste: neo-bhlasdachd, dìth blas. 3. want of intellectual relish: neo-mhothachadh.

TASTER, s. 1. One who takes the first essay of food: fear-blasaid. 2. a dram cup: copan, cuach.

TATTER, v. a. Srac, reub, stròic, thoir as a chèile.

TATTER, s. Luideag, broineag, carb, bàrlag, criom-ag.

TATTERDEMALION, s. Fear broineagach, fear luid-eagach, bàrlag.

TATTLE, v. n. Dean briot, dean gobair-eachd, dean goileam.

TATTLE, s. Briot, goileam, gobair-eachd.

TATTTLER, s. Fear béilleineach, fear luath-bheulach, sgeòpair, gobair.

TATOO, s. Druma dhachaidh.

TAVERN, s. Tigh-òsda.

TAUGHT, part. Ionmhuichte.

TAUNT, v. a. Beum, athaisich, cuir athais air, sgeig.

TAUNT, s. Beum, athais, spideag, sgeig, fochaid, tàir, fanoid, goic, earrag.

TAUNTER, s. Sgeigeir, fanaidiche, fear-beumaidh, bearradair, fear sgàiteach.

TAUNTINGLY, adv. Gu sgeigeil, gu niagail, gu beumnach.

TAUTOLOGICAL, adj. Ràsanach, foclach, briathrach.

TAUTOLOGY, s. Aithris, ath-aithris, ràsanachd.

TAW, v. a. Deasaich leathar le alm.

TAWDRILY, adv. See Tawdry.

TAWDRINESS, s. Breaghachd neo-chuimhir, slimseagachd, sèapachas.

TAWDRY, adj. Siùpach, liobasta, slimseagach.

TAWNY, adj. Lachduinn, odhar, ciar, cairtidh.

TAX, s. Cìs, càin, dùilinnean.

TAX, v. a. 1. Load with imposts: cuir cìs, leag cìs, leag càin. 2. charge, censure: coirich, cronaich, cuir as leth.

TAXABLE, *adj.* Buailteach do chis.
TAXATION, *s.* 1. Impost, tax: cis, càin, dùilinn-an. 2. accusation, scandal: coire, masladh.
TAKER, *s.* Fear-leagaidh cisc.
TEA, *s.* Tea.
TEACH, *v. a. et n.* 1. Instruct: teagaisg, ionnsuich, oileanaich, muin, foghlaim. 2. give intelligence: innis, thoir fios do.
TEACHABLE, *adj.* So-theagasg, soirbh, furas fhoghlum.
TEACHABLENESS, *s.* Soirbheachd.
TEACHER, *s.* Fear-teagaisg, fear-oilein, muinear, oide foghlaim, teagascair.
TEAGUE, *s.* Eircannach.
TEAL, *s.* Crannlach.
TEAM, *s.* Seisreach, seisir.
TEAM, *v. a.* Cuir an seisreach.
TEAR, *s.* 1. From the eyes: deur. 2. any moisture in drops: boirene, sìleadh, braon. 3. a fissure: sracadh, reubadh, stròicheadh.
TEAR, *v. a. et n.* 1. Pull in pieces: srac, srachd, stròic, reub. 3. pull with violence: spion, thoir as a chéile. 4. shatter: bris, bruan. 5. fume, rave: bi feargach, bi air a chuthach.
TEARFUL, *adj.* Deurach, dubhach, brònach.
TEASE, *v. a.* 1. Comb wool or flax: cir, spiol, tlàm. 2. scratch cloth in order to level the nap: sgrìob. 3. torment: piàn, léir, buair, trioblaidich, cuir fàrran air.
TEASEL, *s.* Lus-an-fhucadair.
TEASER, *s.* Fear-pianaidh.
TEAT, *s.* Sine.
TECHNICAL, *adj.* Ealanta, calaíneach.
TECHNICALLY, *adv.* See Technical.
TECHY, *adj.* Frionasach, corrach, droch-inheinneach.
TEDDER, *s.* Teadhair, taod, còrd.
TEDDER, *v. a.* Teadhair, cuir taod ri.
TEDIOUS, *adj.* 1. By continuance: fadalach, caimdealach, ràsanach. 2. by prolixity: draoluinneach. 3. slow: màidheanach, màirnealach, mall, seam-sanach.
TEDIOUSLY, *adv.* See Tedious.
TEDDIOUSNESS, *s.* 1. By continuance: fadal, ràsanachd. 2. by prolixity: draoluinneachd. 3. tiresomeness: màidheanachd, màirnealachd, ath-aiscachd.
TEEM, *v. a. et n.* 1. Bring forth, produce: sìolaich, beir. 2. pour: taom, cuir thairis. 3. bring young: beir, thoir a mach. 4. be pregnant: bi torrach, bi leth-tromach. 5. be full: bi làn.
TEEMER, *s.* Sìolaich.
TEEMFUL, *adj.* 1. Pregnant, prolific: torrach, sìol-nìhor. 2. brimful: làn, lom làn.
TEEMLESS, *adj.* Neo-torrach.
TEENS, *s.* Deugan.
TEETH, *v. n.* Faigh fiacalan.
TEGUMENT, *s.* Còta, còmhach, cochull, rùsg, sgrath.
TEINT, *s.* Dath, neul.
TELEGRAPH, *s.* Fios le comharraibh.
TELESCOPE, *s.* Gloine-fhradhaire, gloine fhad-sheallaidh.

TELL, *v. a. et n.* 1. Utter, express: innis, aithris, labhair, cuir an cèill. 2. rehearse: aithris, innis, abair. 3. inform: innis, nochd, foillsich. 4. discover, betray: nochd, foillsich, brath. 5. number: àireamh, aithris. 6. give an account: thoir fios, innis, cuir an cèill.
TELLER, *s.* 1. One who tells: fear-aithris, fear-innsidh. 2. a numberer: fear-cunntais, fear-àireimh.
TELLTALE, *s.* See Talcbearer.
TEMERITY, *s.* Braise, dànadas, caise.
TEMPER, *v. a.* 1. Mix: measgaich, coimeasg. 2. accommodate: dean comh-fhreagarrach, thoir gu freagairt. 3. soften: taisich, ciùinich, islich. 4. form metals to a proper degree of hardness: roinnich, thoir gu deadh fhaobhar.
TEMPER, *s.* 1. Due mixture: coimeasgadh, deadh mhcasgadh. 2. middle course: dòigh mheadhonach. 3. of body: càil, nàdur, aorabh. 4. of mind: aigne, nàdur, càil. 5. moderation: measarrachd, ciall, suidheachadh. 6. state of metals reduced: fhaobhar, deadh fhaobhar.
TEMPERAMENT, *s.* Constitution: càileachd, nàdur, gnè. 2. due mixture: measarrachd.
TEMPERANCE, *s.* 1. Moderation: measarrachd, stuaim, stuamachd. 2. patience, calmness: foighidinn, ciùinead, ciùine, macantas.
TEMPERATE, *adj.* 1. Moderate in degree of any quality: measarra. 2. moderate in meat and drink: measarra, stuama. 3. free from ardent passions: macanta, foighidneach.
TEMPERATELY, *adv.* See Temperate.
TEMPERATENESS, *s.* See Temperance.
TEMPERATURE, *s.* See Temperature.
TEMPERED, *adj.* Mèinneach, nàdurach. Good natured: deadh-nàdurach, deadh-mhèinneach. Bad natured: droch-nàdurach, droch-mhèinneach.
TEMPEST, *s.* 1. Of winds: stoirm, ànradh, ànrabh, doinnion, do-uair, gaillionn. 2. any tumult: buaircas, troimh-chéile.
TEMPESTUOUS, *adj.* Stoirmic, doinnionnach, gaillionnach, gailbheach.
TEMPESTUOUSLY, *adv.* See Tempestuous.
TEMPESTUOUSNESS, *s.* Stoirmalachd.
TEMPLE, *s.* 1. Appropriated to religion: teampull, eaglais. 2. of the head: leth-cheann, cnuc.
TEMPORAL, *adj.* 1. Measured by time: aimsireil. 2. secular: talmhaidh, neo-eaglaiseil. 3. not spiritual: talmhaidh, saoghailta.
TEMPORALITY, *s.* Seilbh saoghailta, seilbh neo-temporals, *f* eaglaiseil.
TEMPORALLY, *adv.* See Temporal.
TEMPERITY, *s.* 1. The laity: tuath, sluagh. 2. secular possessions: seilbh saoghailta, seilbh neo-eaglaiseil.
TEMPORARY, *adj.* Aimsireil, car ùine, rè seal.
TEMPORIZE, *v. n.* 1. Delay: maillich, cuir dàil, cuir seachad. 2. comply with the time, or occasions: bi féir nan àm, bi réidh air son buannachd.
TEMPORIZER, *s.* Mealltair, cealgair, fear team-leat.
TEMPT, *v. a.* 1. Solicit to ill: buair, mcall. 2.

provoke: buair, brosnuich. 3. solicit, draw: tàlaidh, tarruing. 4. try: feuch, thoir oirdheirp, oidhirpich. 5. prove: dearbh.

TEMPTATION, *s.* Buairleadh, mealladh, brosnachadh.

TEMPTER, *s.* 1. An enticer: mealltair, fear-tàlaidh, buaireadair. 2. the infernal solicitor to evil: buaireadair.

TEN, *adj.* Deich.

TENABLE, *adj.* So-chumail, so-gheidhidh, seas-mhach, daingean.

TENACIOUS, *adj.* 1. Grasping hard: greimeil, gléidhteach. 2. retentive: dìonach, gléidhteach, a chumas. 3. cohesive, viscous: riùinn, leanailteach. 4. niggardly: teann, spìocach, leibideach, gann, crìon.

TENACIOUSLY, *adv.* See Tenacious.

TENACIOUSNESS, *s.* Leanailteachd, dìonachd.

TENACITY, *s.* Gabhaltas, tuathanachas.

TENANT, *s.* 1. One that holds of another: tuathanach, gabhaltach, fear-aonta. 2. one who resides in any place: tuathanach, fear-còmhnuidh.

TENANT, *v. a.* Gabh air son màil, àitich.

TENANTABLE, *adj.* So-àiteach, so chumail.

TENANTRY, *s.* Tuath.

TEND, *v. a. et v.* 1. Watch, guard: buachaillich, dìon, gléidh. 2. attend, accompany: frithheil, comhaidich. 3. move towards: aom, treòrach, siubhail a dh' ionnsuidh. 4. contribute: treòrach, thoir mu 'n cuairt. 5. attend: frithheil.

TENDANCE, *s.* See Attendance.

TENDENCE, *s.* Aomadh, seòladh, cùrsa.

TENDENCY, *s.*

TENDER, *adj.* 1. Soft: maoth, tais, bog. 2. sensible: maoth, mothachail. 3. effeminate: bog, mùirneach, tais. 4. compassionate: truacanta, bàigheil, caoimhneil, caoin, min. 5. amorous: gaolach, gràdhach. 6. gentle, mild: caomh, fòil, farasda, macanta. 7. young, weak: og, maoth, bog.

TENDER, *v. a.* 1. Offer, exhibit: taigr, thoir taigrise, cuir 'n a thaigrise. 2. hold, esteem: meas, cuir meas.

TENDER, *s.* 1. Offer: taigrise. 2. a small ship: long bheag fhrithealaidh.

TENDERHEARTED, *adj.* Teò-chridheach, caoimhneil, blàth-chridheach, caomh, truacanta, maoth-chridheach, tais-chridheach.

TENDERHEARTEDNESS, *s.* Teò-chridheachd, tais-chridheachd.

TENDERLING, *s.* 1. The first horn of a deer: maoth-chabar. 2. a fondling: cagar, luran.

TENDERLY, *adv.* See Tender.

TENDERNES, *s.* 1. The state of being tender: maothalachd, laige. 3. susceptibility of the softer passions: tais, tiomachd. 4. kind attention: caomhalachd, caoimhneas, faicill, aire. 5. cautious care: cùram, aire, faicill.

TENDINOUS, *adj.* Fèitheach, garbh, greimeil.

TENDON, *s.* Fèith, faltag, faltan.

TENDRIL, *s.* Fìbran, faillean.

TENSEMENT, *s.* Gabhaltas, àite-còmhnuidh.

TENET, *s.* Barail, beachd, teagasg, punc-chreidimh.

TENFOLD, *adj.* Deich-fille.

TENNIS, *s.* Cluich air creutaig.

TENON, *s.* Làmh.

TENOUR, *s.* 1. Continuity of state: gnàths, dòigh, aomadh, cùrsa, treòrachadh. 2. general course: seadh, brìgh, ciall, bladh. 3. a sound in music: fuaim meadhanach.

TENSE, *adj.* Teann, rìghinn, daingean, sìnte.

TENSE, *s.* Àm, tìom.

TENSENESS, *s.* Daingneachd, teanntachd, rìghneachd.

TENSIBLE, *adj.* So-shinidh.

TENSION, *s.* Sìncadh, tarruing, teannachadh.

TENSURE, *s.*

TENT, *s.* 1. A soldier's: pàillium, bùth. 2. temporary habitation: bùth, pàillium. 3. put into a sore: gath-cuip.

TENT, *v. a. et n.* 1. Search as with a medical tent: rannsach le gath-cuip. 2. lodge as in a tent: comhnuich am pàillium.

TENTATION, *s.* Buairleadh, deuchainn.

TENTED, *adj.* Pàilliumach, bùthach.

TENTER, *s.* Èarr-fhighe, cromag.

TENTER, *v. a.* Sìn a mach.

TENTH, *adj.* Deicheamh.

TENTH, *s.* Deachamh, deicheamh cuid.

TENTHLY, *adv.* 'S an deicheamh àit.

TENUITY, *s.* Tainead, caoilead.

TENUOUS, *adj.* Tana, caol, meanbh.

TENURE, *s.* Gabhaltas, aonta, còir.

TEPIFACTION, *s.* Blàthachadh, teòthachadh.

TEPID, *adj.* Blàth, meagh-bhlàth.

TERGIVERSATION, *s.* Cùl-cheumnachadh, leisgeul, cur seachad.

TERM, *s.* 1. Limit, boundary: crìoch, ceann-criche, ceann aimsir. 2. by which a thing is expressed: briathar, focal. 3. stipulation: cumha. 4. for which any thing lasts: ùine, tìom. 5. the time of courts: àm suidhe mòid.

TERM, *v. a.* Ainmich, gairm, goir.

TARMAGANCY, *s.* Buairteas, aimhreit.

TARMAGANT, *adj.* Buairteasach, aimhteiteach, brionglaidheach.

TARMAGANT, *s.* Baobh, bean chrosda.

TERMINABLE, *adj.* So-criochnachaidh, crìochnach.

TERMINATE, *v. a. et n.* 1. Bound, limit: crìochnaich, cuir crìoch ri. 2. put an end to: crìochnaich, thoir gu ceann. 3. be limited, end: crìochnaich, thig gu crìch.

TERMINATION, *s.* 1. The act of limiting: crìochnachadh. 2. bound, limit: crìoch, ceann-criche. 3. end, conclusion: crìoch, comh-dhùnadh. 4. of words: crìoch, deireadh.

TERMLESS, *adj.* Neo-chrìochnach, gun deireadh, gun cheann.

TERMLY, *adj.* O àm gu h-àm.

TERNARY, *adj.* Triùir.

TERRACE, *s.* Bàrr-deubhaidh, bàrr-bhalla.

TERRESTRIAL, *adj.* Talmhaidh, saoghalta.

TERRIBLE, *adj.* 1. Dreadful, formidable: eagalach, oillteil, uamharra. 2. great so as to offend: fuathasach, ana-cuimsach.

TERRIBLENESS, *s.* Uamharrachd, uamhasachd, oilltealachd, ana-cuimse.
TERRIBLY, *adv.* See Terrible.
TERRIER, *s.* Abhag.
TERRIFIC, *adj.* Eagalach, oillteil, uamharra, grathail.
TERRIFY, *v. a.* Oilltich, clisg, cuir eagal air, geiltich.
TERRITORY, *s.* Fearann, dùthaich, tìr, talamh.
TERROR, *s.* Eagal, oillt, uamhunn, clisgeadh, culaidheagail, cùis-eagail.
TERSE, *adj.* Grinn, cuimir, glan.
TERSELY, *adv.* See Terse.
TERSENESS, *s.* Grinneas, cuimireachd.
TERTIAN, *s.* Fiabhrrus criothannach.
TEST, *s.* 1. By which refiners try their metals: uidheam feuchainn. 2. trial, examination: feuchainn, deuchainn. 3. judgment: brèth.
TESTACEOUS, *adj.* Sligheach, sligeach.
TESTAMENT, *s.* 1. A will: tiomnadh, teismid. 2. of the Holy Scripture: tiomnadh.
TESTAMENTARY, *adj.* A fèir tiomnaidh.
TESTATOR, *s.* Tiomnach, tiomnadair, dileabaiche.
TESTATRIX, *s.* Ban-tiomnadair.
TESTER, *s.* 1. A sixpence: sè-sgillinn. 2. the cover of a bed: brat.
TESTICLE, *s.* Clach, magairle.
TESTIFY, *v. a. et n.* 1. Witness: fianuis, fianuisich, thoir fianuis. 2. witness, prove: thoir fianuis, tog fianuis.
TESTILY, *adv.* See Testy.
TESTIMONIAL, *s.* Teisteanas.
TESTIMONY, *s.* 1. Evidence given: teistias, fianuis, dearbhadh. 2. public evidences: teistias, aidmheil. 3. profession: aideachadh, aidmheil.
TESTINESS, *s.* Crosdachd, frithearachd, frionas, snoigeas.
TESTY, *adj.* Crosda, frionasach, fritheara, cas.
TETCHY, *f.* feargach, snoigeasach.
TETE-A-TETE, *s.* Ceann ri ceann, conaltradh càird-eil.
TETHER, *s.* Teadhair, taod, ceannrach.
TETHER, *v. a.* Teadhraich, cuir air teadhair.
TETRAGONAL, *adj.* Ceithir-chearnach.
TETRARCH, *s.* Uachdaran ceathrainn rioghachd.
TEETER, *s.* Sgreab, frìde, guirean.
TEXT, *s.* Ceann-teagaisg, stéidh-theagaisg, bonn-teagaisg.
TEXT-HAND, *s.* Sgrìobhadh garbh.
TEXTILE, *adj.* Fìghte, so-fhìghheadh.
TEXTUAL, *adj.* A blùineas do cheann-teagaisg.
TEXTUARY, *f.* anns a' bhonn theagaisg, a fèir teagaisg.
TEXTURE, *s.* 1. The act of weaving: fìghe, fìghheadh. 2. a web: aodach fìghte. 3. manner of weaving: fìghe, fìghheadh. 4. of bodies: cur 's a chéile, fìghcadh, dèanamh suas.
THAN, *conj.* Na.
THANE, *s.* Mor-fhear, iarla.
THANK, *v. a.* Thoir taing, thoir buidheachas. Thanks to you: tapadh leat, tapadh leibh.
THANK, *f.* Taing, buidheachas.
THANKS, *f.* Taing, buidheachas.
THANKFUL, *adj.* Taingeil, buidheach.

THANKFULLY, *adv.* See Thankful.
THANKFULNESS, *s.* Taingeachd, buidheachas.
THANKLESS, *adj.* Mi-thaingeil, gun taing.
THANKLESSNESS, *s.* Mi-thaingeachd, mi-thaing.
THANKOFFERING, *s.* Tabhartas-buidheachais, iobairt-buidheachais, iobairt-thainge.
THANKSGIVING, *s.* Breith-buidheachais.
THANKSWORTHY, *adj.* Clù-thoilltinneach, airidh air taing.
THAT, *pron.* 1. Not this but the other: sin, ud. 2. which, relating to an antecedent thing: a. 3. who, relating to an antecedent person: a. 4. what is that to you: ciod e sin dhuitse. 5. that, which, what: a ni sin, a' cheud, ni.
THAT, *conj.* 1. Because: a chionn, do bhrìgh. 2. noting a consequence: gu 'm gu 'n. That he should dare to do it: gu'n robh chridh' aig a dhèanamh.
THATCH, *s.* Tubhdach.
THATCH, *v. a.* Tùbh, cuir dhò air.
THATCHER, *s.* Tùbhdair, fear-tùbhaidh.
THAW, *v. a. et n.* Leagh, dean aiteamh.
THAW, *s.* Aiteamh, leaghadh.
THE, *art.* 1. The article noting a particular thing: a' an, am. The man: an duine. The woman: a' bhean. The city: am baile. 2. by way of consequential reference: mar. The longer the better: mar is faide 's ann is fèarr.
THEATRE, *s.* Tigh-cluiche, sgàlan.
THEATRICAL, *adj.* Cluicheil.
THEATRICALY, *adv.* See Theatrical.
THEFT, *s.* 1. The act of stealing: goid, mèirle, gaduidheachd, bradaidheachd. 2. the thing stolen: mèirle, braid.
THEIR, *pron. possess.* An, am.
THEISM, *s.* See Deism.
THEME, *s.* 1. A subject on which one speaks or writes: cùis sgeòil, bonn-seanachais. 2. a short dissertation: òraid ghoirid. 3. the original word: frcumh-fhocal.
THEMSELVES, *pron.* Iad féin.
THEN, *adv.* 1. At that time: 's an àm sin, aig an àm sin. 2. afterwards: an sin, an dèigh sin. 3. therefore: uime sin, air an aobhar sin, ma ta.
THENCE, *adv.* 1. From that place: o 'n àite sin, as sin. 2. from that time: o 'n àm sin, o 'n uair sin, o sin. 3. for that reason: air son sin.
THENCEFORTH, *adv.* O 'n àm sin a mach, o sin a mach.
THEOCRACY, *s.* Riaghladh-Dhé, uachdaranachd-Dhé, Dia-riaghladh, Dia-uachdaranachd.
THEOLOGIAN, *s.* Diadhair, foghlumaich 's an diadhachd.
THEOLOGIC, *f.* Diadhach.
THEOLOGICAL, *adj.* Diadhach.
THEOLOGICALLY, *adv.* See Theologically.
THEOLOGIST, *s.* Diadhair.
THEOLOGY, *s.* Diadhachd, eòlas diadhaire, diadhair-eachd.
THEOREM, *s.* 1. A position laid down: ràdh fìor, dearbh-bhonn, fìrinn. 2. proposed to be demonstrated: barail chum dearbhaidh.

THEORETIC, } *adj.* Smuainteach, tionnsgalach.
THEORETICAL, }
THEORETICALLY, *adv.* See Theoretical.
THEORIC, *s.* See Theory.
THEORIST, *s.* Dealbhadair, fear-tionnsgaigh.
THEORY, *s.* Dealbh, dealbhadh, tionnsgadh, beachd, fighe na h-inntinn.
THERE, *adv.* An sin, an sud, 's an àite sin. *There* are good men *there*: *tha* daoine math *an sin*.
THEREABOUT, } *adv.* 1. Near that place: mu 'n
THEREABOUTS, } àite sin, feadh a sin, uime sin.
 2. near that number: uime sin, mu 'n tuairm-
 eachd sin, mu 'n cuairt do sin. 3. concern-
 ing that matter: mu dhéighinn, uime, mu thim-
 chioll.
THEREAFTER, *adv.* An déigh sin, na dhéigh sin.
THEREAT, *adv.* 1. At that: on that account: air a shon, aige sin. 2. at that place: aige sin, 's an àite sin.
THEREBY, *adv.* 1. By means of that: le sin. 2. near or by that place: teann air a sin, dlúth, an tágus.
THEREFORE, *adv.* 1. For this or that reason: uime sin, air an aobhar sin. 2. in return for this: air a shon sin.
THEREFROM, *adv.* O sin, uaithe sin, uaithe.
THEREIN, *adv.* Ann a sin.
THEREINTO, *adv.* A steach ann, ann.
THEREOF, *adv.* Dheth sin, dheth.
THEREON, *adv.* Air a sin, air sin.
THEREOUT, *adv.* A nach as.
THERETO, } *adv.* Gu sin, thuige sin, chum sin.
THEREUNTO, }
THEREUPON, *adv.* 1. In consequence of that: air a shon sin, an long sin. 2. immediately: air sin, air a sin.
THERewith, *adv.* 1. With that: leis a sin. 2. immediately: air ball, gun dàil.
THERewithal, *adv.* A thuilleadh, a bharrachd.
THERMOMETER, }
THERMOSCOPE, } *s.* Meidh-bhàidh, teas-mheidh.
THESE, *pron.* Iad.
THESES, *s.* Iom-chòmhradh.
THEY, *pron.* Iad, iadsan.
THICK, *adj.* 1. Not thin: tigh. 2. dense: tigh. 3. in circumference: garbh, dòmhail, tigh. 4. close: tigh, dòmhail, dlúth. 5. coarse: garbh, tigh. 6. without proper intervals: molach, tigh. 7. stupid: tigh, òinideach.
THICK, *s.* 1. The thickest part: tighthead, tigh-alachd. 2. a thicker: doire dlúth. Thick and thin: tigh is tana.
THICK, *adv.* 1. Frequently, fast: tric, minic. 2. closely: gu dlúth. 3. in a great depth: gu domhain.
THICKEN, *v. a. et m.* 1. Make thick: tighaich, dean tigh. 2. fill up interstices: dlùthaich, tighaich. 3. condense: teannaich, tighaich. 4. strengthen: neartaich. 5. grow thick: fàs tigh, tighaich. 6. grow close: dlùthaich, fàs dlúth. 7. concrete: binnich, righnich.
THICKET, *s.* Doire, coille dhùth, badan dlúth, dos.

THICKLY, *adv.* See Thick.
THICKNESS, *s.* 1. The state of being thick, density: tighthead, garbhachd. 2. consistence, grossness: tighthead, tighbealachd, feamachas. 3. imperviousness: dlùthead, dòmhachd. 4. want of sharpness: maòle, maòilead.
THICKSKULL, *s.* Pléòsg, òinid, umpaidh.
THICKSKULLED, *adj.* Tigh, maol, trom-cheannach.
THICKSET, *adj.* Dlùth, tigh.
THIEF, *s.* Meirleach, gaduiche, fear-reubainn, spùinn-eadair.
THIEVE, *v. n.* Goid, tiolp, bi fi gaduidheachd, bi ri mèirle.
THIEVERY, *s.* The practice of stealing: gadsachd, gaduigheachd, mèirle. 2. that which is stolen: mèirle, braid.
THIEVISH, *adj.* 1. Given to stealing: bradach, sladach, slaightearach. 2. secret, sly: carach, seòla, tiolpach.
THIEVISHLY, *adv.* See Thievish.
THIEVISHNESS, *s.* Nàdur bradach, gnàths mèirlich.
THIGH, *s.* Slisaid, leis.
THILL, *s.* Spòg cartach, no, carbaid.
THILLBORE, *s.* Each deiridh, 's an tarruing.
THIMBLE, *s.* Meuran, meuragan.
THIN, *adj.* 1. Not thick: tana, caol, neo-thiugh. 2. rare, not dense: tana. 3. not close: tana, tearc, neo-dhlùth. 4. exile, small: tana, caol, lom. 5. not coarse: caol, tana, grunn. 6. not far: caol, seang.
THIN, *v. a. et m.* 1. Make thin or rare: tanaich. 2. attenuate: caolaich, dean seang.
THINE, *pron.* See Thy.
THING, *s.* Nì, rud, gnòthach. You nasty thing: a rud mhòsaich.
THINK, *v. a. et m.* 1. Imagine, conceive: smuainich, measraich. 2. esteem: smuainich, meas, cuir an sùim. 3. think much of: cuir am mòr shùim. 4. think scorn: na ma fiach. 5. have ideas: smuainich. 6. judge: breithnich, comh-dhùin. 7. intend: saoil, bi an dùil, rùn-aidh. 8. imagine: saoil, baralaich, smuainich. 9. meditate: meòraich. 10. recollect, observe: cuimhnich, thoir fainear. 11. methinketh: tha mi saoilinn, tha mi smuaineachadh. 12. me-thought: thair leam, air leam, shaoil mi.
THINKER, *s.* Fear-smuaineachaidh.
THINKING, *s.* Smuaineachadh, barail, baralachadh, saoilinn.
THINLY, *adv.* See Thin, *adj.*
THINNESS, *s.* Tainead, caoilead, teirce, teircead, ainneamhachd.
THIRD, *adj.* Treas.
THIRD, *s.* Treas cuid, trian.
THIRDLY, *adv.* 'S an treas àit.
THIRST, *s.* Padhadh, iotadh, tart, ciocras, dian thogradh.
THIRST, *v. n.* Bi air padhadh, bi pàiteach, bi padhach, biodh tart ort.
THIRSTINESS, *s.* Padhadh, tarrmhòrachd, tart, iotadh, ciocrachd.
THIRSTY, *adj.* For want of drink: pàiteach, tart-

ach, padhach, tartmhor, iotmhor. 2. possessed with any vehement desire : ciocrach, déigheil, miannach.

THIRTEEN, *adj.* Trí-deug.

THIRTEENTH, *adj.* An treas-deug. Thirteenth verse : an treas rann deug.

THIRTY, *adj.* Deich thar fhichead.

THIS, *pron.* So.

THISTLE, *s.* Fobhan, fothann, giogan, cluaran, oigh-ionnach.

THISTLY, *adj.* Cluaranach.

THITHER, { *adv.* 1. To that place : chun sin, gu

THITHERTO, { *ruig* a sin. 2. to that end : chun na críche sin.

THITHERWARD, *adv.* Gu ruig a sin, chun sin.

THONG, *s.* Crios leathair, stiall, iall.

THORAX, *s.* Uchd, naolhan.

THORN, *s.* 1. A prickly tree : droigheann, droigh-ionn, sgitheach, dris. 2. a prickle : stob, bior, dealg. 3. any thing troublesome : bior, guin.

THORNBACK, *s.* Sórnan.

THORNY, *adj.* Driseach, droighneach, deilgneach, stobach, duilleach, deacair, draghail.

THOROUGH, *prep.* Trí, tre, troimh.

THOROUGH, *adj.* Iomlan, coimhionta, foirfe, lán.

THOROUGHFARE, *s.* Easair-chasain.

THOROUGHFACED, *adj.* Iomlan, coimhionta, foirfe.

THOSE, *pron.* See *That*, *pron.*

THOU, *pron.* Tu, thu.

THOUGH, *conj.* 1. Notwithstanding that : ged. 2. as though : mar gu 'm, mar gu 'n. 3. however : gidheadh.

THOUGHT, *s.* 1. The operation of the mind : smuaineachadh. 2. idea, image formed : smuain, smaoín. 3. sentiment : smuain, barail, saoilinn, beachd, seadh. 4. reflection : ath-smaoín, enuasachd. 5. opinion : barail, beachd, breith. 6. meditation : meòrachadh, beachdachadh, beachd-smuaineachadh. 7. design : rùn, beachd. 8. solicitude : cùram, iomaguin. 9. expectation : dùil, dòchas. 10. a small degree : beagan.

THOUGHTFUL, *adj.* 1. Contemplative : smuainteach, smaoineach, beachdail. 2. attentive, careful : faicilleach, cùramach, aireach. 3. promoting meditation : dìomhair, uaigneach. 4. anxious, solicitous : iomaguineach, cùramach.

THOUGHTFULLY, *adv.* See *Thoughtful*.

THOUGHTFULNESS, *s.* 1. Deep meditation : trom-smuaineachadh, meòrachadh, beachd-smuaineachadh. 2. anxiety : iomaguin, cùram.

THOUGHTLESS, *adj.* 1. Airy, gay : faoin, baoth, gòrach, amaideach. 2. negligent, careless : mì-chùramach, neo-shuimeil. 3. stupid, dull : tromsanach, unpadail.

THOUGHTLESSLY, *adv.* See *Thoughtless*.

THOUGHTLESSNESS, *s.* Neo-smuaineachadh, mì-chùram.

THOUSAND, *adj.* Mìle, deich ceud.

THOUSANDTH, *adj.* Mìleamh.
